6. F.
3/-
H. M. 92.
Дупо. р. 110



NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND

TÙS AGUS FÀS

# DIADHACHD ANNS AN ANAM;

AIR

## A SHOILLEARACHADH

LE

EARAILEAN ARAIDH FREAGARRACH DO CHOR DHAOINE ANNS GACH STAID,

## LE URNUIGH CHRÀBHACH' AN DÉIGH GACH CAIBIDIL.

LE

P. DODDRIDGE, D.D.

EADAR-THEANGAICHTE GU GAELIG

LE

P. MAC-PHARLAIN.

---

A' deanamh fianuis mu aithreachas a thaobh Dhé, agus mu chreidimh a thaobh ar Tighearna Iosa Criosd.—*Gniomh.* xx. 21.

Neach a ta sinne a' searmonachadh, a' toirt rabhaidh do gach duine, agus a' teagasg gach uile dhuine anns an uile ghliocas; chum gun nochd sin gach uile dhuine 'na lathair-san iomlan ann an Iosa Criosd.—*Col.* i. 28.

---

AN TREAS CLO-BHUALADH AIR A LEASACHADH.

EDINBURGH:

PRINTED AND PUBLISHED BY

THORNTON & COLLIE, 19 ST DAVID STREET;

SOLD ALSO BY D. MACVEAN, GLASGOW.

1842.

LAURISTON CASTLE
LIBRARY ACCESSION

763

# DO'N OLLADH URRAMACH ISAAC WATTS.

*A Charaid Urramaich agus Ionmhuinn,*

Leis an taingealachd agus leis a mheas is càirdeile, ceadaich dhomh leabhar a chuir a' t' ionnsuidh, a chaidh a chuir r'a chéile air t-iarrtas, a tha a' d' chomain air son a mheud, agus a shoillearachd, leis an t-saothair a bhuilich thu air, agus leis an fheum a rinn mi de na chomharraich thu a mach cho fad sa cheadaich do shlaint agus t-ùin dhuit a cheusnachadh. Cha 'n ann a dh' aslachadh do dhion a tha mi ga chuir fo d chomraich, oir as a sin tha mi lan chinnteach cheana; cha mhò is ann o dhéigh chum ruigheachd air do chliù féin, ni, ged a bhithinn comasach air ruigheachd air, a mheasainn ro neo-iomchuidh san àite so: Ach 's e an ni sònraicht' a bhrosnaich mi chum sin a dheanamh, gum measte mi leosan a gheibh an leabhar so, mar aon air an do bhuilich thu, cha 'n e a mhain urram do chàirdeis, ach na h-urrad do d' mheas agus do d' thaitneachd, mar bhios soilleir r'a fhaicinn, 'an earbsa na h-oibreach so riumsa, a dhealbh thu féin, agus a mheas thu mar aon de phriomh oibribh do bheatha.

'S fhad' o bha mi 'am barail gun robh bhi ro-dhéigheil air cliù bho dhaoinibh anbharra neo-mheasail, ni a dh' fhaodadh eagnadh gu mòr bu lùgha na bh' aig àr Slànuighear beannaichte, a theagasg dhuinn a cheannsachadh. Ach mheas mi gun robh bhi miaghail aig daoine, mòr' agus math, air an robh sinn mion-eolach, na chomharradh, cha 'n e a mhàin air cailcigin de mhath an-aithridh, ach maille ri deagh-ghean Dé agus teisteis ar coguis féin, aon d'a luigheachd is mò. Cha 'n 'eil teagamh agam nach faigh spioraid mar th' agadsa, a chùis mar sin san t-saoghal sin, air son am bheil thu, trid gràs Dé, ann an tomhas ro neo-chumannta iomchuidh. Agus ceadaich dhomh, am feadh a ta mi 'sgriobhadh so, sòlas a ghabhail le dochas a bhi agam, an uair a ruigeas an aonachd cridhe a bha cho fad eadarainn, air làn fhoirfeachd agus carthannachd san ionad sin, gum bi e na cho-aobhar tlachd, a chuimhneachadh, gun do leag thus orms', agus gun do chuir mis 'an cail 'an gniomh, obair, a dh' fhaodas tre bheannachadh Dhé, smuaintean càbhach a dhùsgadh suas agus am beothachadh'an inntinn na h-aitim a dh' fhàgas sinn 'n-ar déigh, agus acasan a dh' fhaodas éiridh suas 'n-ar deigh san t-saoghal dhiomhain, ghearr, agus chuilbheartach so.

Rinn thu na h-urrad fheum do d' chumhachd gu seirbheis, 's gu bheil dearbh-bheachd agam, nach mor a chaidh steach do fhlaitheas, 's na linnibh dcireannach so, a rinn na h-urrad chum a mhath a chuir air aghaidh, a bhos an so air thalamh; agus gu bheil iad ro theare a shaothairich san aobhar so is fearr, leis a h-urrad dhicheill agus shiorbheachaidh. Uime sin, cha'n urra' dhomh gun aontachadh leis gach neach leis am math soirbheachadh a chreideimh Chriosduidh 'nar measg, 'an aideachadh mathas an fhreasdail dhuitse agus do eaglais Chriosd, le d' bheatha luachmhoir a chaomhna cho fad 'am fearann nam beò. Tha mi leosan a' deanamh gàirdeachais air son gun do bhuilich Dia ort ann an tomhas cho àrd, cha 'n e a mhain an rùn gus na h-urrad mhath a dheanamh, ach an sòlas gun d' rinn thu e, agus na h-urrad thoraidh a'g éiridh cheana suas uaithe, 's gur ion dòchas a bhi ri mòran tuille 'an deigh so. Tha mi le aireamh mhòr eile, a' toirt buidheachais do Dhia, nach eil thu fhathasd 'am feasgar àmhghairich, shaothrachail so do bheatha, air do dheanamh cuibhte neo-chomasach air math a dheanamh do 'n chinne-daoine le d' sgriobhaidhean, agus bho'n Chrannaig. Agus leis an iomaguin a mhothaicheas do spiorad beothail, o'n dàil a théid 's na h-oibribh taitneach sin, o easlainte agus laigsinn, gum bi e na chulaidh bheothachaidh dhuit bhi smuaineach-adh air a cho lugha leabhar taitneach agus feumail a chuir thu a mach.

Tha mi deanamh gairdeachas leat, am feadh a tha thu ann an iomadaidh theaghlaichean agus* ionadaibh munaidh, na h-aitim is isle staid, a' co-aontachadh gu comhnadh a dhean-amh r' an intinne mhaoth a theagasg ann an obair fheumail ceud thoiseach eolais air diadhachd, agus barailean cràbhach, leis a choilion Leabhar cheisdean agus Laoidhean Spioradail a chuir thu 'mach; gu bheil thu mar an ceudna gach latha a' leughadh† Mineachadh air buaidh ar ceudfaithean, agus earrannan eile do Fheallsanachd fheumail do dh-òigridh: Agus cha 'n e a mhàin gu bheil thu ris a so, an Tighibh-foghluim diomhair, ach anns na h-ionadaibh is ainmeile, ni h-ann a mhàin an Albainn, agus 'sna h-earrannaibh a tha againn 'an America, (far am b' ion fiughair o aobair àraidh a bhi ris a sin); ach trid meud suairceis cuid de dhaoine fogh-luimte agus ro fhiosrach anns an àrd Thighibh foghlum Shasuinn cuideachd. Tha mi leat a deanamh gàirdeachas, a chionn gu bheil thu a teagasg, iomadh ceud ministear, agus iomadh mile Crioisduidh, le d' shearmoinibh, agus le d' sgriobh-annaibh diadhaidh eile; a tha cho freagarrach, chum an solas eolais sin a sgaoileadh air an inntinn, agus chum ro dhùrachd diadhaidh a dhùsgadh suas 'n an cridheachaibh, bu toil le Dia a bheothachadh a' d' chridhe féin. Ach os-ceann gach ni, tha

* Schools. † Lectures on Logic.

aiteas orm leat, gu bheil thu le d' Dhàna Diadhaidh, gu h-araidh, le d' Shalmaibh agus le d' Laoidhibh, air tùs an aoraidh, agus tha dòchas agam a' brosnachadh càbhadh iomadh neach, 'n-ar tighibh aoraidh gach latha Sàbaid, agus 'n an teaghlaichibh no 'n-an seòmraichean uaigneach gach aon latha. Tha so, cho fad sa bhuineas e do sheirbhis an ionaid-naoimh, na shochair gun choimeas agad, leis an do chomharraich Dia a mach thu, gu ro-shonraicht os-ceann aon air bith eile d'a òglaich air thalamh. 'S math a dh' fhaodar a mheas gu bheil sin nis ro luachmhoire leat no aon ardachadh a b' ion, do shamhail 's a bha agad de thàlanndan, de dh-fhòghlum, do shubhailcean agus de chàirdeas, fiughair a bhi ris san Eaglais; agus cha'n 'eil teagamh agam nach eil thu gu eridheil a' gabhail ris mar sin.

Cha mhò tha e so-bharalachaidh, ciod an staid sam b' urr-ainn duit a bhi cho shocair shona, sa tha thu san teaghlach chràbhach agus urramach sin, anns am bu toil leis an fhreasdal a dheonachadh dhuit na h-urrad dheth do bheath' a chaithe. 'S e mo ghuidhe dùrachdach gu 'm bi fuigheall do làithean siochail, feumail, agus sòlasach. Agus tha dearbh-chinnt agam, gun robh t-oibre nan culaidh-shòlais do dh-iomadh deagh Chriosduidh, (agus nam measg sin iomadh neach de m' dhearbh-chàirde fèin) air leabaidh a bhàis; oir chuala mi iad a'g aithris earrannan diubh, a bha gun teagamh 'an ceann beagan uairean ri toiseacha ri òran Mhaois agus an Uain: Ionnas gu bheil dòchas agus earbs' agam, an uair a ghairmeas Dia thu chum na Slainte sin, ris an robh do chreideamh agus t' fhoighidinn cho fad a' feitheamh, gun iadh e m' an cuairt duit gathan ro shòlasach a dheagh-ghean, agus gun dean e do chridhe ait le sòlas, co-ionann ris na bha thus' a t' impidh air a fhrithealadh do chàch.

Cha bheag a chulaidh-bhrosnachaidh leam 'sna nithibh eugsamhuil chum an do ghairm am freasdal nii, bhi cuimh-neachadh gu bheil do leithidse de cho-fhear-saoithreach agam, agus gu sonraichte do shamhailse de charaid; a tha làthair-eachd dhomh co-ionnan ri Neul de fhianaisibh a bhos an so air thalamh, chum mo mhisneach a dhùsgadh sa cho'-ruith a chuireadh romham.—Agus am feadh a tha mi labhairt so, 's dearbh leam gu bheil mi a' cuir 'an céill barail iomadh neach do m' bhraithribh 'an aidmheilean eugsamhuil. Tha dòchas agam gun dean a bhi smuainteachadh air a leithid sin, do chridhe baigheil a dheanamh làn striochdta, do 'n dail air a chuir anns an trom chudthrom glòire a ta ni 's ro anabarrach agus sìor-mhaireannach, a tha nis cho dlù dhuit. Seadh mo charaid urramach, tha dòchas agam gun aontaich thu fuireach neo-ghearanach beagan nis faide sa bheatha so, le h-uile aumhuinneachdaibh, le làn bheachd, am feadh is deonach le Dia do chumail 'an suidheachadh ceart inntinn,

gur gann a dh' fhaodas tu t-ùin' a bhuileachadh 'an diomanas do 'n t-saoghal, no dhuit féin.

Tha gach latha, agus deuchainn, a deanamh do chrùin nis dealraiche, agus ga d' dheanamh nis iomchaidh air an oighreachd am measg uan naomh 's an t-solus. Tha a chumhachd féin a nis aig gach focal a thig o'd bheul 's a Chrannaig; tha mòran a' dearcadh air an fhâidh a' dol suas, a'g oidheirpeachadh le mòr dhùrachd, mas comas doibh, greim a dheanamh air falluinn, no air a chuid is lugha càileigin de chainnt dhiadhaidh o bheul, a bhios feumail chum an stiùradh, agus a dh' oibricheas air an cridhe. Tha do chairdean fo 'n dèigh cheudna, san àm thaitneach a bhuilicheas tu orra do d' choluadar 'an uaigneas: 'S an uair a tharas tu uapa, cha'n 'eil teagamh agam nach eil t-ùrnuighean a co'-chuideachadh gu mòr gu d' dhûthaich a dhìon, an eaglais uisgeachadh, agus an saoghal a bheannachadh. Gu ma fad a mhaireas iad a chofhreagradh nan crìoch mora sin! Agus ceadaich a nis dhomh co'-dhunadh le m' lân-earbsa san am is taitniche, gu bheil thu gu tric a' chuimhneachadh air aon aig a' bheil na h-urrad mheas ert, na h-urrad fheum ort, 's a tha gu caomhail a' codhìoladh na comaine, mar tha,—a Charaid Urramaich agus Ionmhuinn, do Bhrathair ro chaomhail, agus do sheirbhiseach fìor Umhail,

P. DODDRIDGE.

Northampton, 13th Dec. 1745.

# AN ROI-RADH.

Tha na nithe th' air an ainmeachadh anns a cheud litir agus mar an ceudna anns a' cheud Caibidil de 'n leabhar so, a tha toirt mion-chunntais air aobhar na h-oibreach, ga fhàgail neo-fheumail roi-ràdh fad' a sgrìobhadh. Theagamh gur cuimhne le cuid de m' leughadairibh, gun do gheall mi 'n obair so a chlòbhualadh bliadhnaichean roimh so, anns an roi-ràdh do 'm shearmoinibh air cumhachd agus gràs Chriosd, &c. Shuidhich mo charaid urramach, Olladh Watts, an riaghailt, gu h-àraidh a cheud chuid deth. Ach air do 'n an-shochair sin leis am bu toil le Dia fhiosrachadh, a dheanamh neo-chomasach air sin a chuir ri àireamh a choilion obair ghràidh 's a rinn e, chum sonas siorruidh anmannan neo-bhàsmhor, bu toil leis gu càirdeil, dùrachdach, earalachadh gun gabhainnse os laimh a dheanamh. Agus tha mi toirt buidheachas do Dhia le m' uile chridhe, cha 'n ann a mhàin air son gun do shoirbhich e leam san obair thaitnich so (oir gun teagamh bu taitneach dhomhs' i) a thoirt gu crìch, ach mar an ceudna gun do chaomhainn e an duine fiachail cliùteach sin gu fhaisinn criochnaichte; agus gun do bhuilich e neart agus toil air chum na h-urrad de 'n obair a mhion-rannsachadh. Dh-aidich e a thlachd de 'n obair ann am briathraibh cho laidir 's nach ceadaich mhodhalachd dhomh an cuir an céill, ni tha na aobhar misnich dhomh gu a bharalachadh gu bheil e air a dheanamh air doigh, 's gum faod e trid beannachadh Dhé bhi feumail air mhodh coitcheann. Agus tha dòchas agam gum bi

e mar sin, a chionn nach e amhain gu bheil e nis air a chraobh-sgaoileadh feadh an t-saoghail, le m' ùrnuigh féin agus ùrnuigh-san, ach mar an ceudna le guidhe dùrachdach iomadh caraid càbhach eile, air an d' asluich mi guidhe le shoirbheachadh.

Co air bith a gheibh an leabhar so, b'e mo mhiann gun leughadh iad thairis e mun tabhair iad am barail uime; chum gum faic iad an co'-chòrdadh a th'aig gach earann deth r'a chéile. Tha mi ni's deonaiche gun dean iad so, a chionn gur fada bho thug mi faincar gun robh Criosduinean aig an robh eadar-dhealachadh aidmheil, a' deanamh greim sonraicht air earrannaibh àraidh 'an riaghailt-stiùraidh firinne Dhé, agus a' connsachadh umpa; mar gum b'e gach aon fa-leth dhiubh an t-iomlan; no mar gum b'e na buill a chuir o chàch a chéile, a b' aobhar air a chorp a choimhead, 'an àit' a mhilleadh. Bha iad eudmhor a dhìon, agus a chumail suas meas agus feumalachd earrainn; am feadh a b'i mo bharailse, gun robh am meas agus am feumalachd gu mòr a' co'-sheasamh nan co'-chòrdadh. Agus 's minig a dh-éirich an-amhrais eadar luchd-dìon gach aon diubh, a bha co mi-chiatach, 's ga d' a bhiodh gach oidhirp air aon earrainn do Luing a shàbhaladh an àm gabhaidh, na cheannfath ris a chuid eile dh'i a chuir fodha. Tha mi 'guidhe air Dia gun toir e da mhinisteiribh, da shluagh, am barrachd de spiorad a ghliocais, a ghraidh, agus na h-inntinn fhalainn; agus gu 'n cuir e fada uainn co-eud agus falachd, a tha cuir bacadh air ar n-oibreachadh, leis a cho-aonachd sin a tha feumail chum soirbheachadh leinn 'an aghaidh naimhdean a chreideimh Chriosduidh. Faodaidh sinn bhi cinnteach, gun gabh na h-eascairdean sin an cothrom féin, air ar n-eadar-sgaradh lionmhor, agus air ar connspaidean geura r'a chéile. Ach is cosmhuil dhoibh gun càill iad an da chuid an greim agus an cumhachd, a réir an tomhais 's am moth-aichear neart nan tograidhean Criosduidh, chum cridheachan na muinntreach a tha gan aidmheil a cheangal agus a chruth-atharrachadh r'a chéile.

Tha mi gabhail a chothrom so air a ràdh, leis mar dh' fhaodar an leabhar so a mheas air an aon doigh ri m' shearmonaibh air Ath-ghinmhinn, ged a tha e'n càil ag eadar-dhealachadh. Tha 'n dara clo-bhualadh dhiubh sin a nis air an cuir a mach (air iarrtas agus earail iomadh neach de m' chàirdibh) ann an ceart mheudachd an leabair so. Bha mi deonach air an deanamh le chéile cho saor 's a b' urrainn mi chum 's gun deanainn còmhnadh riusan a bheireadh seachad iad a nasgaidh. Tha clò-bhualadh eile de 'n leabhar so, air a chuir a mach is mò na so, air an sonsan leis am math e bhi aca air mhodh is taitniche do 'n t-sùil.

Chuir mi romham a chainnt is ro shoilleir' a ghnàthachadh chum gun tuigeadh a chuid is neo-fòghluimte de m' leugha-dairibh an t-iomlan; agus tha dòchas agam gun toir iadsan is deas-chainntich agus is mò fòghlum maitheanas domh a' chionn sin a dheanamh, a thaobh gun do meas mi feumail e. Tha sin a dheanamh ann an obair mar so, a'g aontachadh urram a thoirt do gach neach, ni tha ar creideamh maiseach agus aontachail a' teagasg dhuinn: Ach bha mi gu mòr 'an comain' an Ollaidh Watts, a chionn gun do ghiorraich e cuibhrionn deth, gun do chuir e brìgh cuid eile dheth 'an cainnt is soilleire agus is so-thuigsinn. Gidheadh is cinnteach mi nach meas aon neach gur misd e idir teachd tre a lamhaibh-san.

'S fheudar dhomh aon ni a thoirt fainear 'an so, agus b' fhearr leam nach deanainn dearmad air sa cheud chlò-bhualadh, eadhon, Ged a tha mi san leabhar so, a meas mo leughadair air ioma caochladh dòigh, a tòiseachadh leis a pheacach neo chùramach, agus ga threòrachadh tre iomadh earrann de gheur-mhothachadh, uabhas, &c. mar chùis a tha tachairt, faodaidh e bhith, mu 'n gabh e gu treibh-dhireach ris an t-soisgeul, agus e féin a choisrigeadh do sheirbhis Dé; gidheadh cha b' àill leam air aon chor a chuir 'an céill, gu bheil gach neach a ta air teachd chum an rùin shona sin a ruigheachd air trid nan ceumaibh sonraichte sin, no gu bheil e faireachdainn

iomaguinn 'na inntinn 'an coimeas ris na dh' ainmich mi. Tha càileigin de mhothachadh air a pheacadh, agus eagal iriosal mun chunnart agus mun truaighe anns bheil sinn leis, feumail chum a thoirt oirn gabhail ri gràs an t-Slànuigheir a th' air a nochdadh ann d' ar creideamh. Ach 's toil le Dia air uairibh tòiseachadh air obair ghràis air a chridhe leis a cheud mhothachadh reusain a thig dhoibh, agus a ghiulan air aghaidh air doigh cho shèimh, fharusda, 's gun robh iomadh neach ro chràbhach dhiadhaidh, neochomasach air nithibh sonraicht air bith nan iompachadh aithris. Agus cho fad 's a b' urrainn domh a thuigsinn, tha so gu bitheant a' tachairt, dhoibh-san a chaidh àrach 'an eagal Dé, an uair nach do mhighnàthaich iad e le mi-bheus agus neo-stumachd 'an aois an òige. Nior leageadh Dia, air a shon sin, gu 'm biodh aon neach dhiubh cho neo-mothachail air an sonas féin, 's gun tuiteadh iad 'an iomaguinn mu thimchioll an còr spioradail, a chionn nach urrainn iad tùs diadhachd, mar a dh' ainmich mi e, fhaotainn a mach air an inntinn. Chuir mi mo bharail air a chùis so cho soilleir an céill san VIII., searmoin air an ath-gheinmhuinn 's gu bheil dòchas agam nach eil aon neach a leughas i, 's a chumas a brìgh na chuimhne, a dh-fhaodas mo ghabhail mu 'n ni so ann an seadh mearachdach. Ach leis gu 'm faod e tachairt gum faigh iomadh neach an leabhar so, nach faca riamh an t-searmoin, mheas mi feumail an rabhadh so a chuir sios 'san roi'-ràdh ; agus tha mi 'an comain an duin' urramaich agus fhoghantaich sin a chuir am' chuimhne cho feumail 's a bha e r'a dheanamh.

# AN CLAR-INNSEADH.


CAIB. I.—Aobhar na h-oibre, - *Taobh-dhuilleag* 13
Urnuigh air son soirbheachadh na h-oibre so, - 21

II.—Am Peacach neo-chùramach air a dhùsgadh, - 23
Beachd-smuainteachadh a pheacaich, a bha roimh so dearmadach, 31

III.—Earail dhùrachdach do 'n Pheacach a th' air a dhùsgadh, &c. 34
Urnuigh as leth neach, a tha air a bhuaireadh gu dàil a chuir ann am fàs diadhaidh, - - - - 40

IV.—Am Peacach air feuchainn agus air fhaotainn ciontach, 42
Aidmheil a Pheacaich, air dha bhi mothachail air a chionta, 50

V.—Am Peacach air a dhi-armachadh o fhaoin leith-sgeulaibh, 52
Beachd-smuainteachadh a pheacaich a fhuair mothachadh, 60

VI.—Binn a Pheacaich air a toirt a mach, - - 61
Smuaintean a Pheacaich, air a bhualadh le uabhas na Brethe so, 68

VII.—Staid bhochd a Pheacaich fo bhinn, - - 70
Tuireadh a Pheacaich, san staid thruaigh so, - 74

VIII.—Ait theachdaireachd na Slainte trid Chriosd air a thoirt a dh'ionnsuidh a pheacaich mhothachail fo bhinn, - 76
Smuaintean a Pheacaich mu'n ait-theachdaireachd so, - 82

IX.—Mion-chunntas m' an dòigh chum na Slainte so fhaotainn, 83
Am Peacach a' smuainteachadh air feumalachd gabhail ris an innleachd Shlainte so, - - - - - 91

X.—Am Peacaich air fhuran, agus air earalachadh chum gabhail ri saoradh air an doigh so, - - - 93
Am Peacach a' géilleadh do na h-earailibh sin, &c. - 98

XI.—Earail dhùrachdach dhoibh-san nach gabh os-laimh gabhail ri tairgs' an t-Soisgeil, - - - 99
Urnuigh as leith Peacaich neo-aithreachail, - 111

XII.—Earail do dh-Anam a tha cho trom-luchdaichte le mothachadh air meud a chionta, - - - 114
Smuaintean mu na h-aobhair mhisnich sin, &c. - 118

XIII.—Còmhnadh sonraicht' air a dheanamh ris an anam a tha 'n teagamh, - - - - 121
Tha'n t-anam a striochda do threibh-dhireachd Aithreachais, &c. 126

XIV.—Beachd is ro-àraidh air earrannaibh fa-leith gnè a Chriosduidh, 128
Urnuigh mar is pailte an cainnt' Sgriobtuir, anns a bheil gach earrann do Gnè a Chriosduidh gu h-aithghearr air a chuir sios, 140

XV.—Tha 'n leughadair air a chuir an cuimhne meud an fheum a ta aige air còmhnadh Spioraid Dhé, &c. - - 143
Urnuigh iriosal ag iarraidh drùghadh diadhaidh, - 148

XVI.—Tha 'n Chriosduidh air a chuir air fhaicill, agus air a bheothachadh 'an aghaidh nan aobhar mi-mhisnich ris an ion da sùil a bhi aige, - - - - 150
An t-anam fo gheilt le bhi mothachail air na cruaidh-chais sin, 155

XVII.—An Chriosduidh air earalachadh, agus air a chuideachadh gu e féin a thoirt suas gu follaiseach do sheirbhis Dhé, - 156
Eiseamplair air Féin-choisrigeadh, &c. - - 159
Air an sonsan a mheasas an riaghailt so tuilleadh is fada ri bhi air a sgriobhadh, - - - - 164
XVIII.—Mu innsdrinn an Co-chomunn na h-Eaglais, &c. 166
Urnuigh air son neach a tha ro dhéigheil air teachd gu bòrd an Tighearna, ach aig a bheil caileigin de theagamh, &c. 171
XIX.—Seolaidh àraidh chum gnà cho-chomunn a chumail ri Dia, 174
Beachd-shealladh dùrachdach air a bhàs, a tha iomchuidh a gabhail 'n uair a théid sinn a laidhe, - - - 187
XX.—Impidh dhùrachdach chum ar beatha a chaitheamh air an doigh a chuireadh an céill sa chaibidil roimh, - - 189
Urnuigh freagarrach do staid an anma, a tha miannachadh ruigheachd air a chaithe-beatha a réir mar chaidh ainmeachadh, 196
XXI.—Earail an aghaidh buairidh eug-samhuil, leis am faod an neach a tha air ùr-iompachadh bhi air a tharruinn a thaobh, 199
Urnuigh neach a tha air ùr-iompachadh ag iarruidh còmhnadh Dhé, 'an aghaidh nan cunnart sin, - - 207
XXII.—Mu dhol air ais spioradail agus laigsinn ann an diadhachd, 209
Urnuigh air son neach a tha dol air ais na Chreideamh, 216
XXIII.—Cor muladach tuiteam ann am peacadh le làn-fhios, 219
Urnuigh air son aon a thuit 'am peacadh anntrom an deigh dha rùin-shuidhichte chràbhach a chuir roimhne, - 226
XXIV.—Staid a Chriosduidh, agus Dia a' falach a Ghnùis air, 230
Urnuigh dhùrachdach air son neach air a' bheil Dia a' folach a ghnùise, - - - - 239
XXV.—An Criosduidh ri cruaidh spàirn fo throm àmhghar, 242
Urnuigh iriosal ri Dia, fo theanndachd trom amhghair, 246
XXVI.—Comhnadh air a dheanamh ris a Chriosduidh gu fhàs ann an Gras a rannsachadh, - - - 250
Tha 'n Creideach a' miannachadh gu dùrachdach a bhi fàs ann an Gràs, - - - - - 258
XXVII.—An Criosduidh stéigheil air a chuir an cuimhne mo thròcair Dhé, - - - - - 259
An t-anam taingeil a deanamh gairdeachais air son sochairean an fhreasdail agus a ghrais, - - - 265
XXVIII.—An Criosduidh daighnicht' air earalachadh chum e féin a chuir thuige gu bhi feumail, - - - 268
An Criosduidh stéigheil a miannachadh ruigheachd air an tuilleadh feumalachd, - - - - 277
XXIX.—An Criosduidh a' deanamh gairdeachas le beachd a ghabhail air bhàs agus air Breathanas, - - 278
Beachd-smuainteachadh agus Urnuigh a Chriosduidh, &c. 286
XXX.—An Criosduidh a toirt urram do Dhia le ghiulan aig am a Bhàis, - - - - - 288
Urnuigh freagarrach do chor a Chriosduidh, aig àm a bhàis, 296

TÙS AGUS FÀS

# DIADHACHD ANNS AN ANAM.

## CAIB. I.

*Aobhar na h-Oibre, le Càil-eiginn de Mhion-chunntas ma Thimchioll a Rùin.*

1. 'Nuair dh' amhairceas sinn gu furachar man cuairt duinn, 's a bheir sinn fa'near caithe-beatha, agus giulan dhaoine, chi sinn gu soilleir, ged is iadsan amhàin, a thaobh nàduir, am measg uile chreutairean na talmhuinn, na a tha comasach air diadhachd, gidheadh tha mòran diubh gu maslach a deanamh dearmad air. Agus ge b'e eadar-dhealachadh barail a th'aig sluagh m'an ni ris an abair iad Diadhachd,'s eigin doibh uile aideachadh gur fad a ghabh è o bhi na ni coitchionn.

2. 'Sè diadhachd anns an t-seadh is coitchionn, na h-urrad mhothachaidh air Dia 'san anam, agus air gach comain a chuir e oirn, agus air ar n-earbsa as, 's a bheir oirn gum bi sinn ro-chùramach chum sinn féin a ghluasad air mhodh a tha aobhar againn a bharalachadh a bhios taitneach leis. Agus air dhuinn a leithid so de chunntas soillear a thoirt mu dhiadhachd, cha'n 'eil e air chor sam bith feumail, gu'n téid sinn a rannsachadh feadh dhùthchannan allmhara Africa no America, a dh' iarraidh a mach muinntir a tha aineolach air. 'Nuair a bheir sinn fainear gnàthachadh a chuid is pailte de'n t-shluagh n-ar tìr féin, ann an dùthaich Chriosduidh agus Ath-leasaichte, ann an rioghachd a tha nis mogha an comaine Dhé, faodaidh mi

ràdh, na tha aon rioghachd eile fo neamh, an gabh neach air bith de dhànadas air féin a ràdh gu bheil diadhachd gu h-àrd-uachdranach a' riaghladh 'nar measg? Bheil neach air bith 'am barail gu bheil e ann an caithe beatha gach aon neach? gu bheil e rioghachadh anns gach cridhe? Mo thruaighe! tha ann-diadhachd fhollaiseach, mi-naomhachadh ainm agus latha Dhé, a' mhisg, an neo-ghloine, am mi-cheartas, a' mhealltaireachd, an t-àrdan, an stròdhalachd, an fhein-speis ghràineil, agus an neo-mhothachadh gu'n tuigse air am math spioradail, agus siorruidh féin agus dhaoin eile, a tha cho soilleir ri fhaic-inn 'nar measg, gu h-àrd-ghuthach a' cuir a cheart atharrach an céill: Air chor 's gu'n saoileadh aon leis an sealladh so ghabhail do'n chùis, gun robh na milltean, agus na deich mìlltean ann am barail gu'm bu ghnothach measail, agus nach bu mhi-chliu, a bhi deanamh dearmad air diadhachd. Agus c'àite bheil a choimhearsnachd, c'àit' a bheil a bhuidhinn, c'àit' a bheil an teaghlach sona sin (ma tha ach ro-bheag muinntir ann) le mion-rann-sachadh, a dh' fhaodar a ràdh, "Gu bheil diadhachd a "lionadh na buidhinn bhig so." Faodaidh e bhith gu bheil iad saor o pheacaibh gràineil, sgainnealach, agus gu bheil iad le giulan ciatach o'n leth a muigh a'frithealadh air aor-adh Dhé gu follaiseach, agus (an corr àite) na teagh-laichean; gidheadh 'am measg so uile cha'n 'eil ni air bith ann cosmhuil ri fior oibreachadh neo-chealgach na beatha spioradail agus dhiadhaidh. Cha'n 'eil coslas gràidh do Dhia, urram da làthaireachd, no déigh air a dheagh-ghean mar am math is mò: Cha'n 'eil lan-chreideas cridheil ga thoirt do shoisgeul na slainte; cha mho tha iomaguin shonraicht' mu dhol as o'n dìteadh a thoill sinn a thaobh ar peacaidh; no idir ro-dhéigh air a bheatha spioradail a choisinn Criosd da shluagh, agus a tha e gu saor a gealltainn dhoibhsan uil' a ghabhas ris. Mo thruaighe! ge b'e ni is urrainn gràdh caraid no pàrant' a dheanamh; ge b'e toil a dh'fhaodas a bhi gu *fiuthair a bhi ris na h-uile nithe,* agus *a chreidsinn na h-uile nithe,* air an doigh is ro-thait-niche; Gidheadh tha dearbhadh air a cheart atharracha leoir-shoilleir, agus 's eigin, duinn aideachadh, ge b'e air bith neo-thoileach a tha sinn, ge b'e ni eile tha ion-ghradhaichte anns a chaomh charaid so, no anns an leanabh thaitneach so, "Nach 'eil diadhachd a' gabhail tàmh na chridhe."

3. Do'n anam a tha lan-chreidsinn *an t-shoisgeil*, agus a tha 'g amharc air daoine agus air gnothaichean 'an seadh siorruidheachd, 's e aon de na smaointean is robhrònaich anns an t-shaoghal. Agus gu'n amharus, da leithid so do neach, cha'n'eil ann an truaighean agus àmhgharan eile na beatha so ach neo-ni ann an coimeas ris a so, eadhain an dearmad air *fìor-dhiadhachd*, agus air an leisg spioradail a tha buadhachadh air ioma mìle de'n chinne-daoine. Rachadh casg a chuir air a so, agus bithidh gach dochair eile so-iomachar; agus tarruinnear math uapa: Ach ma bhuanaicheas so, *bheir e mach toradh chum bàis*;[1] agus do thaobh sin, theid morshluagh aig a bheil co'-pairt ruinne do shochairean càirdeil an fhreasdail, agus a tha thaobh naduir 'an co-dhaimh ruinn, ann am beagan bhliadhnaichean a sguabadh air falbh gu leir-sgrios, agus a thilgeadh gu'n teasairgin do theine siorruidh.

4. Cha'n 'eil teagamh agam nach eil ioma neach, fo na h-aidmheilean eugsamhuil, air aoradh diadhaidh, a tha gu mi-fhortanach air roinn na rioghachd so o' cheile, a tha, cha'n e a' mhain ri bròn follaiseach air a shon so, ma tha'n dreuchd anns an t-shaoghal a' toirt doibh cothrom air so a dheanamh, ach a tha mar an ceudna ri bròn-diomhair air a shon 'an lathair Dhé, fo mhothachadh trom air son an staid bhochd sa bheil a chùis; agus a dh'fhaodas a leigeadh gu bhreith-san a tha rannsachadh gach cridhe, mu thimchioll an toil dhurachdaich' tha aca gus an creidimh Croisduidh agus fìor-chràbhadh ath-bheothachadh. Agus, am measg chaich, faodaidh ùghdar an leabhar so le mor dhànachd a ràdh, gur e so a bhrosnaich e-féin chum an oidhirp so a thoirt, ann am meadhon a cho-lion ni eile 's a th'aige san àm ma laimh. Air son so tha e toileach ioma ni eile bu taitniche leis féin, agus math a dh'fhaoidte bu mho a thàirneadh do chliu dha, a leigeadh dheth. Air son so tha e toileach deas-chainnt na h-ùr-labhradh a leigeadh air chul, a chum agus le cainnt shoilleir sho-thuigsinn gun oidhirpicheadh e chuir an comas a chuid is isle de'n t-sluagh a làn thoirt fainear. Chum na criche so bheir e oidhirp air mothachadh a thoirt do'n tuigse, agus air drùghadh air cridhe gach neach a leughas an leabhar so. Agus ann an aon fhocal, b'e a rùn dol leat do d' sheomar uaigneach, o latha gu latha; agus labhairt riut gu saor, soilleir, dùrachdach, mu

[1] Rom. vii. 5.

thimchioll na nithe mòr agus cudthromach a dh'fhoghlum e o'n fhoillseachach Chriosduidh, agus tha dearbh chinnt' aige ris a bheil do shonas siorruidh féin 'an earbsa: Ma sè 's gun do chaith thu do bheatha gus a nis as easbhuidh diadhachd, gu'm biodh tu nis air do bheothachadh gu toirt fainear, agus gu eolas fhaotainn air a nàdur agus air a ro-fheumalachd; no ma tha thu cheana tre ghràs an Uile-chumhachdaich, a thaobh gnà-fhiosrachadh eolach uime, gu'n deantar còmhnadh leat, chum am barrachd eolais fhaotainn air.

5. Bu ghean-math leis gun deanadh tu do chaoimhneas ris, o'n is gnothach soilleir dùrachdach ris a bheil thu a' dol a thionnsgnadh, gu'm bu deonach leat éisdeachd ris gu foistinneach furachar. Tha e ag asluchadh gum bi na h-earailean, agus na beachd-smuaintean so air am meorachadh 'nuair bhitheas fath agad air, agus air an'toirt fainear ann an uaigneas; agus gun deanadh tu do cheartas ris-san agus riut féin, na chreideadh gu bheil no nitheanan a tha air an cuir an céill, agus na sanais a th' air an toirt seachad an so, a sruthadh o fhìor-dhùrachd agus o ghràdh: o chridhe nach dùirigeadh a bheag no mhor de mhi-shuaimhneas neo-fheumail a thoirt do'n chreutair is dìblidh th' air aghaidh na talmhainn, agus ni's ro-lugha na sin do inntinn neach air bith do shliochd Adhaimh. Ma bhios e liosda, 's ann do bhrìgh gu bheil e ann am barail gu bheil ceann-fath ceart air; agus tha eagal air, ann am measg na mor-chuideachd tha air an call le tur-dhearmad air diadhachd, agus nam measgsan a tha fulang dochair mhòr le cion frithealaidh bhunailtich air, gur e so cor cuid de'n mhuinntir air an tuit an leabhar so.

6. 'S allamharach, agus cha'n airidh air ainm duin e-san, is urrainn amharc air dòrainn a cho'-chreutair, gun tioma, gu'n iochd, agus leis nach b' fhearr air a chuid bu lugha gu'm biodh e na chomas còmhnadh leis. Gu cinnteach bhiodh flaitheas air thalamh aig an duine sin, a b' urrainn dol m'an cuairt o àite gu àite a sgaoileadh sonais feadh gach àit' an tàradh e, ged nach bu chomas da ach cobhair a dheanamh air a chorp, agus ged nach b' urrain dha ni air bith a phairteachadh ach sonas na beatha so. Ach tha'n sonas a' co'-mheudachadh ann an tomhas a rèir nàduir agus gnè a mhathais a tha e buileachadh. Tha sinn ullamh gu ràdh, gu'm bu shona

seirbheisich urramach Chriosd, a bha 'n ceud laithibh na h-Eaglais Chriosduidh, a bha 'n an inneil iochdar chaomhail air leigheasan miorbhuileach iomchar d'an ionnsuidh-san a bha'n cor do-leigheas ; a bhuilich orrasan a bha dall agus bodhar, toil-inntinn soluis agus claisteachd, agus a bheothaich suas na mairbh gu comas gluasad agus sealbhachadh. Ach b' urram agus sonas a chùis so, nach bitheanta le Dia a bhuileachadh air daoine. Gidheadh bha anns gach linn, agus gu ma beannaichte gu'n robh ainm, tha iad fhathast ann, a cho-'aontaich e a dheanamh nan inneil chum beannachdan is luachmhoire, agus is maireannaich' no iad sin iomchar d'an co'-chreutairean. 'S fhada o 'n ghlac am bàs iadsan a chaidh' leigheas air an doigh mhiorbhuilich ud, agus o 'n fhuair e ath-chòir orrasan a chaidh dhùsgadh o na mairbh : Ach tha anam na muinntreach air an deach impidh gabhail ris an t-soisgeul, beo gu brath. Tha Dia a' soirbheachadh le saothair a sheirbheisich dhìlis anns gach linn a thoirt a mach an toraidh bheannaichte sin ; agus ged a tha cuid diubh marbh tha iad fhathast[1] a labhairt le cumhachd agus le buaidh anns a ghnothach chudthromach so. Na gabh iongantas ma ta, ged robh mis' am fad 's is beo mi agus aig uair mo bhàis, ro-dhéidheil air an urram so ; agus ma bhitheas mo bheul gu saor air fhosgladh far am faod mi gu firinneach a ràdh, gu bheil " Mo chridhe air a dheanamh farsuinn."[2]

7. Ann an dealbh na riaghailt choitchionn a chuir mi romham, bha toil mhòr agam nam b'urra mi gum biodh an leabhar beag so feumail do gach seors' a leughadh e, agus gu'm biodh cail-eiginn ann a fhreagradh do chor gach aon diubh. Uime sin gabhaidh mi 'n duine agus an Criosduidh ann an iomadh doigh eug-samhuil. Ann s'a cheud àite measaidh mi gu bheil mi labhairt ri aon do'n mhòr-chuideachd a tha fathast gun sgoinn gun chùram mu dhiadhachd ; agus feuchaidh mi ciod a ghabhas deanamh ris leis gach earail shoilleir dhurachdaich, chum a dhùsgadh a marbh chadal a pheacaidh chum a leigheas, (Caib. 2, 3.) Bheir mi oidhirp air geur-mhothacha trom air a chionta a sparradh air a choguis, (Caib. 4.) agus a leith-sgeulan diomhain, agus fhaoin-dhòchuis a chuir air cùl, (Caib. 5.) Leughaidh mi dha a bhinn eagalach sin a thug an Dia Uile-chumhachdach agus ceart-bhreathach,

[1] Eabh. xi. 4. [2] 2 Cor. vi. 11.

a mach na aghaidh mar pheacach, agus b' fhearr leam gu'm b' urrain mi thoirt orra drùghadh air a chridhe, (Caib. 6.); agus oirpichidh mi fheuchainn da cia truagh an staid sa bheil e fo'n bhinn so, agus cho neo-chomasach 's a tha e air e-féin a shaoradh uaithe, (Caib. 7.) Ach cha'n 'eil a mhiann orm neach sam bith fhàgail ann 'san staid eagalaich so: cuiridh mi le gàirdeachas 'an céill ait theachdaireachd a mhathanais agus na slainte trid Iosa Criosd ar Tighearn, ni tha cumail suas agus anns a bheil lan-earbsa m' anma féin, (Caib. 8.) Agus an sin comh-arraichidh mi mach an doigh air a bheil an t-slainte so ri faotainn, (Caib. 9.); ag earalachadh a pheacaich gu gabhail ri cho durachdach 's is urrainn mi, (Caib. 10.); ge nach urrain ni air bith bhi druighteach ni's leoir mar anns a chùis so, far a bheil beatha an anma neo-bhasmhor 'an earbsa ris.

8. Faodaidh e bhith an deigh so uile, gum buanaich cuid aca gu neo-mothachail; agus a chum nach cuireadh an staid bhrònach-sa dragh air na nithe a leanas, gabh-aidh mi 'n so gu follaiseach mo chead diubh, (Caib. 11.); agus an sin bheir mi m' aghaidh cho càirdeil 's is urra mi air neach a tha 'na cheart atharrach do staid: eadh-ain air anam a tha trom-luchdaichte fo gheur-mhothach-adh air meud a pheacaidh, agus air bhall-chrith fo throm uallaich, mar nach b' ion da tuille fiuthair a bhi aig a mathas Dé, (Caib. 12.) 'S a chum nach dearmaid-ear ni air bith a dh'fhaodas sìth stèigheil a thoirt dhàsan a tha fo àmhghar, bheir mi oidhirp air còmhnadh a dhean-amh ris ann an rannsachadh nan comharran air aith-reachas treibh-dhireach, agus air creideamh neo-chealg-ach, (Caib. 13.); a bhitheas air a dheanamh n' is soill-eire le beachd sonraicht' a ghabhail air gach earrann de nàdur a Chriosduidh, ni a dh'fhaodas còmhnadh a dhean-amh ris an leughadair chum a thuigsinn an cor anns a bheil e, agus a nochdadh dha ciod an staid air an còir dha ruigheachd, (Caib. 14.) Bheir so gu nadurra sinn gu fhaicinn am feum a th' againn air còmhnadh an spioraid, chum cuideachadh a dheanamh ruinn ann an obair chudthromaich agus dheachdair an fhìor-chriosduidh; agus an t-aobhar misnich a tha againn gu dòchas a bhi againn r'a chòmhnadh diadhaidh, (Caib. 15.) Le làn earbsa as, bheir mi'n sin oidhirp air cùisean eug-samhuil a shoillearachadh, a tha gu minig a tachairt ann am beatha

a Chriosduidh, agus ann 'n deanamh sin bithidh e feumail agus tarbhach labhairt gu sonraichte ris a choguis.

9. Leis mar tha càil-eigin de dhragh agus de dh' aobhar mi-mhisnich gu minig an co-chuideachd inndrinn air beatha chràbhaich, bheir sinn a cheud oidhirp air an neach a tha air ùr-iompachadh a neartachadh nan aghaidh, (Caib. 16.); 's a chum 's gu'n deanar sin air a mhodh is èifeachdaiche, earalaichidh mi air e-féin a thoirt suas air doigh fhollaisich do Dhia, (Caib. 17.); ri bhi air a chodhaighneachadh le lan cho-chomunn a ghabhail ris an eaglais, le teachd chum a bhùird naoimh, (Caib. 18.) 'Sa chum 's gu'n coi-lionar na ceangail fo 'n tig e air mhodh taitneach, bheir sinn oidhirp air riaghailt àraidh a chur roimh air a chaithe-beatha chràbhach, shuidhicht', agus neo-lochdach, is còir dha a ghnàthachadh gach là, (Caib. 19.) Agus a chionn gu bheil e ni 's ro-chomharraichte na tha gu bitheant' air a ghnàthachadh, eadhon le deagh dhaoine, bheir sinn oidhirp air impidh a chur air an leughadair oidhirp a thoirt air, deacair 's mar tha e, (Caib. 20.) Agus cuiridh mi air fhaicill e a thaobh bhuaireannan àraidh, a dh' fhaodadh a tharruinn a thaobh gu dearmad agus peacadh, (Caib. 21.)

10. Is sona cor an leughadair, ma bheirear aire iomchuidh do na h-earailean agus do na sanuis sin, ach mar tha e, mo thruaighe, tuille 's bitheanta tachairt, an deigh na dh-fhaodar a ràdh, gu'm buadhaich laigse naduir, bheir sinn fa'near neo-thogradh agus dol air ais cràbhaidh, ni a tha gu minig a goid oirn gu'n fhios duinn, (Caib. 22.); a bheir oirn, a bhi ro-ullamh gu bhi ciontach do'n pheacadh mhor so, eadhon, pilleadh ri peacadh a chur 'an gniomh le'r lan fhios, (Caib. 23.) Agus mar a tha sin ann an tomhas a' brosnachadh Dhé gu a ghnùis bheannaicht' fhalach oirn, agus a spiorad air an d' rinneadh dochair a tharruinn uainn, bheirear an cor brònach so gu ro-shonraichte fainear, (Caib. 24.) Bheir mi 'n sin fainear amhghair ghoirt na beatha so, (Caib. 25.); smachdachadh ris an ion do na daoin' is fearr dùil a bhi aca, gu h-àraidh 'n uair a chùl-shleamhnaicheas iad o Dhia, 's a ghéilleas iad d' an naimhdean spioradail.

11. Tha eagal orm, gu'm bi an samhuil so tuille 's bitheanta; gidheadh, tha dochas agam, gu'm bi moran ann, a bhios an giulan, mar chamhanaich na maidne, a dhealraicheas ni's mò agus ni's mò gu ruig an latha iom-

lan.[1] Agus air an aobhar sin, bheir sinn an oidhirp is fearr a dh' fhaodas sinn, air còmhnadh a dheanamh ris a Chriosduidh gu breith neo-chlaon a thoirt mu fhàs gràis na chridhe, (Caib. 26.) ; mar a rinn sinn roimh gu barail a thoirt da mu a threibh-dhireas. Leis mar nach 'eil aon ni is dàcha fàs grais a mheudachadh na gnàthachadh beothail graidh do Dhia agus naomh ghairdeachas ann, cuiridh sinn an cuimhn' an fhìor Chriosduidh, na sochairean sin a bhrosnaicheas gus an gràdh agus an gàirdeachas sin a dhùsgadh suas, (Caib. 27.) ; agus le geur-bheachd air na nithe sin, brosnaichear e gu dian oidhirp a thoirt air bhi feumail 'sa bheatha so, a tha ro-chiatach agus cliu-thoillteannach do'n Chriosduidh, agus a bhios nan inneil air a choron a gheibh e mar dhuais a dhealrachadh, (Caib. 28.) Air dhuinn a bharalachadh gu'n caith e a bheatha air an doigh sin, leigidh sinn ris da an t-aiteas agus an sòlas leis am faod e amharc air aghaidh air bàs agus air breitheanas, (Caib. 29.) Agus tàrnuidh sinn crioch air an iomlan, le a threorachadh mar g'am b' ann, cho dlù 's a dh' fhaodas sinn, air gleann dorcha sgàil a bhàis, tre'n eigin da dol chum glòir ; a' seola dha na meadhonan leis am faod e urram a thoirt do Dhia, agus am barrachd meas a chur air diadhachd, le ghnàthachadh an àm a bhais, (Caib. 30.) Agus tha dòchas agam, gu'm bi mi, trid beannachadh agus gràs Dhé, an càil cho sonna', agus gu'm fàg mi iadsan gu h-aoibhinn ait a' dearcadh air breitheanas agus siorruidheachd, agus a' glòrachadh Dhé le beatha agus bàs an fhior Chriosduidh, a fhuair mi air bhall-chrith, an dùil eagallaich ri truaighe shiorruidh; no faodaidh e bhith, an staid bu chunnartaiche agus bu truaighe na sin ; eadhon, an trom shuain neo-mothachail a pheacaidh, a deanamh tur-dhearmad air na nithe air son an deachaidh an cruthachadh ; agus nach 'eil ann an sòlais agus toilinntinn na beatha dhiombuan so, an coimeas riu, ach mar nithe faoin gu'n seadh. .

12. Leis a choi-lion ni a chuir mi romham, cha'n urrainnear labhairt umpa ach gu h-aith-ghearr, a chionn gu bheil a mhiann orm gu'n a bhi an so ach leabhar beag iomchaidh. Cha labhair mi umpa, uime sin mar a shearmonaicheadh ministear umpa, leis a bheil firinnean na diadhaidheachd ri bhi air am mìneachadh agus air an teagasg, air an dion agus air an deanam feumail, le nithibh

[1] Gnath. ix. 18.

eug-samhuil, le coimeis, arguinn, cunnuilibh, freagraidh, agus co'-dhunaidh, air an cuir an ordugh agus air an àireamh fo'n cinn-theagaisg araidh ; labhraidh mi 'an so umpa air mhodh saor, soillear, mar labhras caraid ri caraid eile ; dìreach mar a dheanainn, nam bithinn an uaigneas le neach gam biodh mòr speis agam, agus fios a bhi agam gu'm b' ionann da staid 's do shuim caibidil air bith do na tha 'n leabhar so a' cuir an céill ; 's an uair a labhras mi ris c'ar ùine bheag, is ainmig a theid thar leth-uair ; theid mi a leth-taobh, mar gu'm b'-ann, agus fàgaidh mi e gu beachd-smuainteachadh air na chual e, no bheir mi oidhirp air còmhnadh a dheanamh ris le guidhe dùrachdach ri Dia, a bhios ro-iomchaidh a chuir suas am measg nan smuainte sin. Gabhaidh mi nis de dhànadas orm féin, ùrnuigh dhùrachdach a dheanamh air son an leughadair agus m' oibre ; agus an earbsa gu follaiseach ri beannachadh Dhé, mar chomharradh air mo lan earbsadh as. Agus tha dearbh-chinnt agam gu bheil an samhuil sin de dhùrachd aig gach ministear dìleas agus aig gach fior Chriosduidh.

*Urnuigh air son soirbheachadh na h-oibre so, chum Tùs, agus Fàs Diadhachd a chur air aghaidh.*

"O ! THUS' a Dhia mhoir, agus shiorruidh ùghdair gach ni cruthaichte agus gach sonais ! Tha mi toirt buidheachais duit air son gu'n d'rinn thu 'n duine comasach air eolas a gabhail ort, agus gu'n do bhuilich thu 'n t-urram agus an sonas so air ar nàdur-ne, gu'm faodar a theagasg gu ràdh, C' àit a bheil Dia mo Chruithear ?[1] Tha mi duilich air son na truailleachd sin a thainig air a chinnedaoine gu h-iomlan, a chaochail ar gloir gu nàire,[2] 's a dh-fhàg a bhi deanamh dearmaid air Dia (mi-nadurra 's mar tha e) na ni cho coitcheann, agus na èucail cho coitcheann. Athair naoimh, tha fios againn gur h-e do làthaireachds', agus do theagasg a mhain, a tha comasach air do chloinn sheachranach bhochd a philleadh riut; 's as urrainn mothachadh iomchaidh a thoirt do'n chridhe, 's a bheir air a mhothachadh sin a bhi buan agus éifeachdach. 'S ann uaits' a tha gach deagh rùn agus tograidh a sruthadh, agus an tograidh so os-ceann gach ni, air gliocas, càbhadh, agus sonas a chraobh-sgaoileadh feadh an t-saoghail so, agus ged' a tha e air cùl-sleamhnachadh gu ro-mhòr, cha'n 'eil

[1] Job xxxv. 10. [2] Hos. iv. 7.

do chaomh throcair neo-chriochnach-san gu tur ga threigsinn.

"'S aithne dhuts'; O Thighearna, cridheachan chloinn nan daoine,[1] agus tha 'n t-anam ionraic ro-ait, a chionn gu bheil, thusa lan-eolach air a smuaintean diomhair, agus air a rùin, am meadhon gach beum, sgainneil, agus drochamharus a chuirear as a leth. 'S aithne dhut an treibhdhìreas agus an dùrachd cridhe, leis a bheil mise do sheirbheiseach neo-aithridh, a' miannachadh eolas air t-ainm, agus air do shoisgeul, a sgaoileadh am measg gach neach a gheibh an leabhar so. 'S fiosrach thu nam biodh tu air buileachadh orm mòr phailteas do shaibhreas na beatha so, gu'm b' e 'n sòlas bu mhò a dh' fhaotainn a mhealtainn trid a phailteis sin, mi bhi am' fhear-riaraich air do mhathas do'n bhochd agus do'n fheumach, agus leis a sin, a' toirt air a chridhe thùrsach, bhrònach, gairdeachas a dheanamh trid t-fhiughantais a fhrithealadh leamsa. Tha fios agad nam biodh tu air buileacha tiodhlacan leighis orm, gu'm b' e mo thoil inntinn lathail bhi leigheas chreuchd, leon, agus eucailean cuirp dhaoine; a bhi fhaicinn neul a mhulaid agus a chràidh air fhuadach air falbh o ghnùis an duine sin a bh' air a chlaoidh le galaran cràiteach, trid a neart, aiteas, agus a shlaint' a bhi air an aiseag dha; gu h-àraidh, bhi faicinn an duine sin a tha air boile, gu mi-cheillidh, an àird a chuthaich, air iompachadh gu bhi gu ciallach suidhichte na cheill féin a rithist. Gidheadh,' s mò gu mòr an sòlas leam, iosal mar tha mo staid 's a bheatha so, ma dheònaicheas tu gu'n soirbhich leis an obair so, 's gu'm bi 'n leabhar so na mheadhon air soilleireachd agus fuasgladh a thoirt do dhinntinn dhaoine; chum an aiseag o bhuaireas staid a pheacaidh; 's do chreutairean riasand a thoirt air an ais gu eolas, mealtainn, agus seirbheis an Dé; no chum còmhnadh a dheanamh leo-san a tha chean' air an iompachadh.

Gu'n deonaicheadh Dia gu'n drùigh e air an doigh sin air gach neach a tha san àm so ga leughadh no ga éisdeachd! Na biodh fearg air mo Thighearna, ma dh' iarras mi do dh' achanaich ort an obair bheag so, ge b' e air bith a neo-iomlanachd, agus neo-airigheid a h-ùghdar, a mhairsinn beo a't' fhianuis; 's a bhi trid do chumhachd féin, na meadhon ro-fheumail chum diadhachd a dhùsgadh

[1] Chron. vi. 30.

suas an inntinn ioma' neach, a tha fad o laimh, agus anns na linntean a tha ri teachd! Na cuir as leth miann chiontaich, ge d' a robh mi, O Dhé, ag iarraidh, ge b' e ni a thig ri m' ainm, mu nach caillinn aon smuain a't' fhianuis, gu'm bi an obair so, air a bheil mi a toirt oidhirp ann a'd' neart féin, air a toirt gu crìch, agus air a craobhsgaoileadh fad as: gu'n ruig i orra-san a tha fathast gu'n bhreith, agus gu'n teagaisg i dhoibh eolas t-ainm' agus do chliu, 'n uair a bhios mis air cnàmh anns an ùir: Chum an uair a nochdar mi a' d' lathair air cheann latha a mhòr chunntais, gu'm bi mo ghàirdeachas air a mheudachadh, agus mo choron ni's dealraiche, le àireamh mhor shluaigh a dh' iompaichadh trid na h-oibre so! Ach ma tha 'n t-iarrtas so tuille 's mòr ra bhuileachadh air neach, aig nach 'eil còir sam bith, ach do shaor ghràs féin, gu dòchas a bhi aige ri iarrtas bu lugha, deonaich dha bhi na inneal beannaicht' a'd' laimh Uile-chumhachdaich air aon anam iompachadh agus a shaoradh: Agus ge nach bi ann ach a h-aon, agus gur h-e an t-aon sin is dìblidh shuarraich a leughas an leabhar so, measaidh mi gu bheil làn dìoladh agam air son gach smuain agus saothair a chosgas e dhomh; agus ge d' a robh e am measg iomadh mealladh a thaobh dhaoin' eile, gidheadh, bithidh e na aobhar air mor mholadh dhuts', O Dhé bheannaichte, air son agus leis gach anam, a shaoras tu trid fuil Chriosd agus gràs do Spioraid; agus cuirear urram bith-bhuan as leth an Athar, a Mhic, agus an Spioraid Naoimh, le cuideachd gu'n àireamh de dh' ainglibh, agus le làn choimhthional agus eaglais na ceud-ghin ann an neamh. *Amen.*"

## CAIB. II.

### *Am Peacach neo-Chùramach air a Dhùsgadh.*

1. Ge nàr agus mìllteach a tha diadhachd air a dhearmad 's a bheatha so, gidheadh, tha buidheachas do Dhia, cuid de dheisciobuil threibh-dhìreach aige fhathast; clann a ghliocais, leis a bheil e air fhìreanachadh, eadhon anns an linn amaidich agus thruaillidh so,[1] a tha air an toirt trid gràs Dé, chum eolas Dé ann an Criosd, a thug suas an cridheachan gu h-iomlan dha-san; 's a tha na chomh-

[1] Matt. xi. 19.

lorg sin a' coisrigeadh am beatha chum a sheirbheis. Nam bithinn cinnteach nach tigeadh an leabhar so a dh-ionnsuidh aon neach ach a mhuinntir so, bhiodh m'obair ni b' aithghearra, ni b' usa, agus ni bu taitniche.

2. Ach am measg na miltean a tha deanamh dearmaid air diadhachd, 's cosmhuil gu'm bi cuid de na leughas an leabhar so nan àireamh : agus air an aobhar sin tha mi cho ro-iomagaineach ma'n staid thruagh anns a bheil iad, 's gurann orra-san a bheir mi a cheud ionnsaidh; agus ortsa co air bith thu, O leughadair! a thig a stigh fo ainm peacach neo-chùramach.

3. Tha mi 'g asluchadh ort gu'n mhi-thlachd a ghabhail ris an ainm. 'S eigin do léigh an anma labhairt gu soillear, no theagamh gu'n cuir iad a mhuinntir bu chòir dhoibh a leigheas, gu bàs. Cha bharalaich mi ni air bith tuille 's cruaidh no mi-reusonda ; cha chuir mi a bheag air bith as do leth, ach na tha anabarrach feumail a thoirt mothachaidh dhuit, gur tus' an ceart neach ris am bheil mi a labhairt. Cha mheas mi, ma ta, gu bheil thu mi-naomha, air do thoirt féin thairis gu h-iomlan do dh-aingidheachd. Cha mheas mi gu bheil thu ceadhachadh dhuit féin toibheum a thoirt do Dhia, eas-urram a chuir air ainm le mionnan gnàthaichte, no an t-Sàbaid a mhi-naomhachadh gu neo-chùramach, no dearmad bitheant a dheanamh air aoradh follaiseach Dhé : Cha bharalaich mi gu'n d' rinn thu dochair air do choimhearsnaich, nam beatha, 'nan geamnaidheachd no 'nam maoin, aon chuid le foirneart no le foill ; no idir gu'n do mhi-ghnàthaich thu, gu maslach mi-nàdurra nàdur reusonta an duine leis an neo-mheasarrachd ghràineil sin, a dh'fhàgas sinn cho olc ris na brùidean féin.

4. An aghaidh gach ni dhiubh so, measadh mi, gu bheil thu creidsinn bith agus freasdail Dé, agus firinn an teagaisg Chriosduidh mar fhoillseachadh uaith : nithe, ma tha thu ann a bheag air bith do dh'amharus m'an timchioll, bheirinn a chomhairl ort grad oidhirp a thoirt air teachd chum dearbh-chinnt umpa : A chionn gur h-e thu gu'n bhi gan creidsinn a bhi toirt ana-creideas doibh ; agus ni e do lèir-sgrios cheart cho cinnteach, gar am bi e math a dh'fhaoidte, cho ann-trom, 's nam biodh tailceis agus cuir an aghaidh, air a chur ri an-amharus agus ri dearmad. Ach abair gu bheil thu fo ainm a bhi na d' Chriosduidh, agus nach ana-criosduidh no an-amharus-

ach thu ; abair cuideachd, nach e a mhain gu bheil de ghiulan am measg dhaoine neo-choireach, ach gu bheil e cliu-thoillteannach ; agus gur h-eigin doibh-san is fior-eolaich ort aideachadh, gu bheil thu gu cothromach, beusach, sèimh, suairc, iochdmhor agus fiùghantach : gidheadh leis gach ni dhiubh so, faodaidh an t-aon ni sin a bhi dh' easbhuidh ort ris am bheil do shonas siorruidh an earbsa'.[1]

5. A leughadair, co air bith thu, guidheam ort, amharc a nis a stigh gu dùrachdach do d' chridhe, agus cuir a cheist shoilleir so air, Am bheil mi 'm fhior chreidmheach ? An e gràdh Dhé a tha gu h-àrd-uachdranach a stiuradh mo bheatha ? Am bheil mi 'gluasad fo mhothachadh air a làthaireachd ? Am bheil mi o latha gu latha a cainnt ris ann an ùrnuigh agus ann am moladh ? Ann an aon fhacal, an e a sheirbheis-san mo phrìomh obair agus mo shòlas, 'ga mheas mar mo Mhaighstir agus mar m' Athair ?

6. 'Se mo ghnothach 's an àm so, labhairt ris, an neach a their a choguis, *Cha'n e so mo chor-sa.* Agus labhraidh mi air an aon doigh shaor shoilleir ri uasal agus ìosal, ri bochd agus ri beartach : Riutsa, a tha, mar tha 'n Abstol ag ràdh, a' caitheadh do bheatha as eugmhais Dé 's an t-saoghal[2] ; 's a tha 'g aideachadh Dhé ann am briathran agus an samhluibh, ach ga àicheadh le' d' dheanadas,[3] agus a tha 'ga d' ghiulan féin gu h-inbhe bhig, mar nach biodh fiughair agad gu'm biodh Dia idir ann. Mo thruaighe 's creutair neo-shonadh thu, co air bith thu ! tha do chridhe féin 'ga d' dhiteadh air ball : agus cia gu mòr is mò na sin a dhìteas an Dia sin thu is mò na do chridhe, agus d'an aithne gach aon ni.[4] Tha e an uaigneas cho math 's am follais ;[5] agus cha'n urrainn cainnt a chuir an cèill an sòlas a tha aig a chloinn féin le bhi labhairt ris nan aonar : Ach 'an uaigneas cha'n 'eil thus idir ga aideachadh ; cha'n 'eil thu aon chuid a deanamh ùrnuigh ris' no idir ga mholadh 'an uaigneas. Tha do ghnothaichean saoghalta ga d' thoirt gu minig do d' sheomar uaigneach, ach mar biodh ach càbhadh r'a dheanamh ann, cha bhitheant a bhiodh tusa ann. Agus mar so tha thu dol air t-aghaidh o latha gu latha, a deanamh gnà dhearmad air Dia ; agus cho neo-churamach mu dhiadh-

[1] Marc. x. 24.—[2] Eph. ii. 12.—[3] Tit. i. 16.—[4] 1 Eoin iii. 20.
[5] Mat. vi. 6.

achd, 's ge do chuireadh tu mar fhiachain ort féin, nach robh ann ach bruadar faoin. Ma dh' èireas dut, gu'n amharus, a bhi tinn, theagamh gu'n glaodh thu ri Dia air son slainte; ma bhios tu 'an cunnart mòr air bith, togaidh tu suas do shùilean ris ag iarruidh cobhair: Ach air son maitheanas peacaidh, agus sochairean eile an t-soisgeil, cha'n 'eil iomaguin air bith ort mu'n deibhinn; ge d' a tha thu 'g aideachadh gu bheil an soisgeul diadhaidh, agus a shochairean bith-bhuan. Tha do smuaintean uile agus t-ùine, air an co-roinn eadar toil-inntinn agus gnothaichean na beatha; agus ma ni an dràst agus a rithist, gniomh uamhunnach an fhreasdail, no searmoin, na leabhar dùrachdach, càil-eigin do dhrùghadh ort, cha mhair e ach beagan làithean, na theagamh beagan uairean, agus tha thu ceart direach cho neo-chùramach 's a bha thu roimhe. An aon fhacal, 's ann a tha do ghiulan cosmhuil ris, mar gu'n cuireadh tu romhad cuid do chunnairt a ghabhail do'n chùis, agus air do chosgais féin fheuchainn, a bheil a bhi deanamh dearmad air diadhachd na ni cho uabhasach 's a tha ministeirean agus daoine diadhaidh a cuir an ceill. Tha an gearain air uairibh a' t-aghaidh a deanamh cail-eigin do dhrùghadh ort, oir 's gann as urrainn duit an seachnadh; ach theagamh gu bheil thu mar à bha'n sluagh ris an robh Isaiah a' labhairt, ag èisdeachd a chluinntinn, 's gu'n a thuigsinn: 's a faicinn da rìreadh, 's gu'n toirt fainear: Tha do chridhe air fàs reamhar, tha do shuilean air druideadh, 's do chluasan trom.[1] 'An àm a bhi toirt suas aoraidh, tha do smuaintean aig iomall na talmhuinn.[2] 'Se beatha gach ni agad a thogas suas do chridhe agus t-inntinn bharr smuaintibh neo-thaitneach na diadhachd. Agus faodaidh e bhith gun do ghiulain thus' thu féin an uair a bha thu aig an t-searmoin mu dheireadh, mar nach biodh fiughair agad gun robh Dia a toirt an aire dhut; no nach b' fhiù e aon smuain a bhuileachadh air co dhiubh bha Dia toilichte leis no nach robh.

7. Mo thruaigh! an tàinig e chum na h-inbhe so, le t' uile chreideas mu Dhia, mu fhreasdal, agus mu'n sgriobtuir! Nach fiù e aon smuain a bhuileachadh air diadhachd! Nach fiù e aon uair dhùrachdach a bhuileachadh air, Cia iad Dia agus Criosd; agus co e sibh féin, agus ciod is eiginn duibh bhi an deigh so? C' àit

[1] Isa. vi. 9, 10. [2] Gnath. xvii. 24.

an sin am bheil ur ceud-faithean reusonta? Cionnas a tha iad air an ghnàthachadh, no 's e is dòcha, cionnas a tha iad air fàs neo-mothachail gu'n umhail?

8. Tha cinnt agus feumalachd na nithe mu bheil mi a labhairt cho ro-shoilleir, o na nithe a tha sibh féin ag aideachadh, 's nach mor nach faoidte leanamh beag no amadan a chur a cho-reusonachadh umpa. Agus gidheadh, tha iad air an dearmad leo-san a tha air teachd gu h-aois agus tuigse, agus cuid aca, faodaidh e bhith, gus na h-urrad gheur-chuis ann an tuigse 's gun saoileadh iad gun deanta dochair mhor orra mar gabht' iad am measg na muinntir is mugha tuigs' agus foghlum.

9. Ach cha'n e ur dearmads' a's urrainn cur as do bhith no do dh' fheumalachd nan nithe sin. Faodaidh e, gun amharus, sibh féin a mhilleadh, ach cha'n urrainn e coir' air bith a dheanamh dhoibh-san. Ceadaichibh dhomh, uime sin, air dhomh féin a bhi air mo dhùsgadh, tighinn a dh' ionnsuidh gach aon agaibhse, agus a ràdh, mar thuirt na maraichean ri Ionas, am feadh a bha e na chadal ann an doinionn, bu neo-chunnartaiche na sa bheil sibhse. Ciod is ciall duit, o thus a ta a' d' chadal, éirich agus gairm air do Dhia.[1] Am bheil thu an teagamh nach 'eil a chùis so anabarrach reusonta agus feumail? Cuiridh mi a cheist, agus freagair mi:[2] Freagair mi a rèir do choguis féin, mar neach a dh' fheumas, man tig ach ùine ghearr, atharrachadh so do chunntas a thoirt seachad.

10. Tha thu 'g aideachadh, gu bheil Dia ann, agus 's math a dh' fhaodas tu sin; oir cha'n urrainn duit do shùilean fhosgladh, nach faic thu làn dearbhadh air a làthaireachd agus air a dheanadas. Tha thu ga fhaicinn m'an cuairt dut anns gach cuspair. Cha'n 'eil cuisle no féith annad anns nach 'eil thu ga mhothachadh, ma dh'fhaodas mi sin a ràdh. Tha thu faicinn agus a' faireachduinn, nach e a mhàin, gun do dhealbh e thu le gliocas anàrd, fad os ceann aon ni b' urrainn duin' a lan thuigsinn no a bhreithneachadh, ach gu bheil e do ghnàth dlù dhuit, ge b'e àit am bheil thu, no ge b'e ni a tha thu deanamh, a latha no dh' oidhche: oir ann-san tha sinn beo, agus a' gluasad, agus tha air bith againn.[3] Innsidh tuigse nàduir dhuibh, nach e ur gliocas, ur cumhachd, agus ur faicill féin, a tha toirt air ur cridhe bualadh, no air ur fuil

[1] Jon. i. 6.——[2] Job xxxviii. 3.——[3] Gniomh. xvii. 28.

ruith gu siubhlach 'n ar cuislibh ; a tha tarruinn a mach agus a steach anail na beatha, an anail chioguildich na beatha ro neo-chinntich sin, a tha 'nar cuinneanaibh.[1] Tha iad sin a' gabhail deanamh 'n uair a tha sibh 'n ar cadal, cho math agus 'n ar dùisg, an uair nach 'eil smaoineach air bith agaibh umpa. Ciod a tha 'n sin ach lamh Dhé, a tha do ghnà a' cumail suas agus a' gluasad nan inneal iongantach sin a rinn e.

11. Cha'n 'eil a chùram uile air a bhuileachadh oirbhse; ma dh' amhairceas sibh n'ar timchioll, cho fad 's a chi sibh, chi sibh e air gach laimh dhibh ! agus anabharra ni 's faide no is urrainn duibhs' fhaicinn ! Smaoinich air solus agus teas na grèine; air an àile a tha cuairteachadh an domhain, ris a bheil beatha gach dùil bheo air thalamh an earbsa. Smaoinich air a phailteas lòin a tha air ullachadh fa chomhair duin' a's ainmhidh ; am feur, an t-arbhar, a choilion meas, luibh agus blàth ; gach ni a ta g'ar beathachadh, gach ni a tha toirt tlachd dhuinn; agus feuch, nach 'eil gach ni dhiubh sin gu soilleir ardlabhrach a cur an ceill, gu bheil an Cruthaighear Uilechumhachdach am fagus duinn, agus gu bheil e curamach umainn, agus caoimhneil ruinn. 'S am feadh a tha gach ni dhiubh sin a foillseachadh a mhaitheis, nach 'eil iad mar an ceudna a nochdadh a chumhachd ? Oir ciod an cumhachd a dh'-fhaodar a choimeas ris a sin, a tha buileachadh nan tabhartas rioghail sin ; 's a tha gun sgìos gun chaochladh, o latha gu latha, agus o linn gu linn, a toirt air aghaidh nithe cho iongantach agus co anabharra maiseach air aghaidh na talmhuinn uile, agus feadh uile chriochan nam Flaitheas ?

12. Tha e uime sin dearbh-chinnteach, gu bheil Dia a làthair, a làthair maille riut 'sa cheart àm so; eadhon Dia do Cruthaighear agus t-Fhear-coimheid, agus Dia Cruthaighear agus Fear-coimhead an t-saoghail fhaicsinnich agus neo-fhaicsinnich gu h-iomlan. Agus an e nach 'eil e a làthair mar bhith ro-fhurachair ? An Tì a dhealbh an t-súil, nach faic e ? An Tì a shuidhich a chluas, nach cluinn e ? An Tì a tha teagasg eolas do dhuine, 's a' buileachadh a cheudfaithean reusonta air, 's a tha taosgadh a stigh air inntinn gach solus a tha e faighinn uatha sin, nach 'eil eolas aige ?[2] An Tì sin a tha cho fiosrach air uil' uireasbhuidh a chreutairean, 's a solar cho frithealtach air

[1] Isa. ii. 22. ——— [2] Salm xciv. 9, 10.

an son, an e nach leir dha an deanadas cuideachd? agus air dha am faicinn, nach toir e breith orra? An tug e mothachadh dhuinn air math agus air olc, air ciod a tha fior seach mealltach, air ciod a tha maiseach agus duaichnidh an gnè agus an giulan ; agus am bheil e féin gu'n mhothachadh air na nithibh sin? Na bi ri faoineachd ri d' choguis, a tha dh' aon bheum ag innse dhuit gu bheil e toirt breith oirn, 's a saoradh no dìteadh, a reir 's mar tha e ciatach na mi-chiatach, reusonta na mi-reusonta ; agus gn bheil a bhreith a bheir e anabharra feumail d a chreutairibh uile.

13. Anis a chum so a cho-chur ri d' chor féin, ceadaich dhomh fheoraich dhiot, Am bheil e na ni ciatach agus reusonta, gun deanta dearmad air a chaomh Charaid ghlòirmhor so le chreutairibh reusonta? leosan a tha comasach air càil-eigin do dh' eolas a ghabhail air, agus air cuibhrionn urraim a thoirt da? Am bheil e ciatach na taitneach gu'n deanadh tusa dearmad air? Am bheil thus a d' aonar am measg uil oibribh a lamh, air do dhichuimhneachadh na air do dhearmad? Och a pheacaich ! neo-smaointeachail 's mar tha thu, cha'n 'eil do dhànadas agad sin a ràdh, no idir a smaoineachadh. Cha ruig thu leas dol air t-ais gu h-aois mhaoth do leanabaidheachd, chum dearbhadh a thoirt duit air atharrachadh. A chum na crìche so, cha ruig thu leis an gairm gu d' chuimhne na cunnairt mhòr as an deachaidh do shaoradh o chionn ioma bliadhna. Tha suaimhneas na h-oidhche 'n raoir, an t-ùrachadh agus an sòlas a tha thu mealltuinn an diugh, agus na sochairean a tha thu faighinn 'sa cheart àm so, a' togail fianuis air ; is gidheadh cha'n 'eil suim agad deth. 'S duine mi-thaingeil thu ! Am b' urrainn thu buntainn ri caraid saoghalta air an doigh so? Am b' urra dhuit dearmad a dheanamh air pàranda caomhail, no air caraid iochdar a dheanadh car ùine àite pàrand' a sheasamh dhuit? gun suim a bhi agad deth, am feadh a bhiodh tu na làthair ; gun bhuidheachas a thoirt da ; gun innleachd air bith a dhealbh gu aideachadh dha cho mor 'sa bha thu na chomain? Cha'n 'eil an nàdur daonna, olc 's mar tha e, air tuiteam cho ìosal ris a so. Cha'n 'eil nàdur nam brùidean fèin cho ìosal ris o so.—Cuiridh gach beathach càllda m'an cuairt duit nàir' air a mhi-thaing ghràineil ud. Ma ni thu brìodol ri cù ach car latha na dhà, agus am pronnan a thuiteas o' d' bhord a thoirt da,

's toigh leis bhi dlù dhuit, agus do leantainn o àite gu h-àite, agus an deigh dhuit tighinn dachaigh, air bhi latha na dha as a shealladh, cha'n 'eil seol a tha na chomas nach gnàthaich e gu fheuchainn duit cho toilichte 's a tha e t-fhaicinn a rithist. Tha brùidean gu mor is lugha tuigse, a nochda gu bheil mothachadh ac' air ar caoimhneas, agus tha iad'ga leigeadh fhaicinn nan seol féin: Mar tha'n Dia uile-bheannaichte gu h-iriosal a toirt fainear ann sa cheart seadh so. Is aithne do'n damh a shealbhadair, agus do'n asail prasach a maighstir.[1] Nach muladach an truaill-idheachd so, nach 'eil fios agadsa, nach aithne dhuits', a tha air t-àireamh am measg luchd aidmheil Dé, agus nach tabhair thu fainear a choilion comain 's a chuir e ort ?

14. Ma tha bheag air bith de shuairceas a d' nàdur, s' éigin duit nàir' a ghabhail le beachdachadh air a chùis : Ach mar 'eil, ceadaich dhomh reusonachadh ni's faide riut m'an chùis so, le chuir mud' chomhair air mhugha doigh. Am faod thu mheas gu bheil thu tearuinte, 'nuair a tha thu dol air t-aghaidh air a mhodh so ? Nach 'eil do chog-uis ag innse dhuit gu'm bi breitheanas an deigh so ann ? Nach 'eil thu creidsinn gu bheil saoghal neo-fhaicsinn-each agus siorruidh ann ? Mar dhaoin a tha 'g aidmheil a chreidimh Chriosduidh, tha sinn uil' ag aideachadh so ; oir cha'n eil so na chulai-chonnsachaidh idir, ach tha e air a chuir an cèill san sgriobtuir le dearbhadh cho soilleir, 's ga seolt' a tha daoin air fàs ann am mearachd, cha d' amais iad fathast air seol gu cuir na aghaidh. Agus le so a chreidsinn, nach 'eil thu faicinn, am feadh a tha thu mar so air seacharan o Dhia, gu bheil leir-sgrios agus truaighe a' d' shlighibh ?[2] An dean an leisg agus an dearmad inntinn so do dhion ? An gleidh e o'n bhàs thu ? An gabh e do leth-sgeul o'n bhreitheanas ? 'S mò b' ion duit fiughair a bhi agad gu'n deanadh do shuilean a dhruideadh do theasargain o'n leoghan bheucach ; no gun deanadh amharc rathad eile do chorp a dhion o bhi air a lot' le peileir na le claidheamh. An uair e tha Dia a labhairt mu amaideachd ghraineil cuid do dhaoine dearmadach, nach èisdeadh ri comhairl air bith, tha e ag ràdh, air mhodh ro-uabhasach, Anns na laithibh deireann-ach bheir iad so fainear le làn aire,[3] agus nach 'eil so freagarrach ri d' chor-sa ? Nach fheudar dhuit, luath no

[1] Isa i. 3.——[2] Rom. iii. 16.——[3] Jer. xxiii. 20.

mall, smaoineachadh air na nithibh sin, co dhiubh a'g math na 's olc leat e? Agus nach 'eil thu lan fhiosrach gur e bhi smaoineachadh umpa gu tràthail dùrachdach, trid gras Dé, an aon doigh air do leir-sgrios a bhacadh?

15. Cha ruig mi leas mòran cainnt a labhairt mu chùis a tha cho soilleir. Tha mothachadh cheana aig do choguis air a chùis, ged nach fiach leat aideachadh. Agus a chum a dhearbhaidh, leig leam aon cheist eile fheoraich dhiot: An deanadh tu air chumhadh na air chumhnant sam bith, tighinn gu rùn-suidhichte gun smaoineachadh tuille mu dhiadhachd, na cùram sam bith a ghabhail tuille mu thimchioll, o'n latha agus o'n uair so, agus an gabhadh tu cuid do chunnairt do'n dearmad sin? 'Sè mo làn bharail nach 'eil an duine sin ann a bhiodh cho dàna 's a chuireadh so roimhe. Tha mi'n dòchas gum biodh a chuid a's mò do m' leughadairibh ullamh gu bhi air bhall-chrith le smaoineachadh air.

16. Ach ma tha feum idir air smaoineachadh air na nithibh sin, tha e feumail a dheanamh gun dàil; oir cha'n 'eil ar beatha aon chuid cho fada, no cho cinnteach, 's gur ion do dhuine glic mor chunnart a ruith air son a mairsinn. Agus tha fiughar agam le èisdeachd tamull eile rium, gun toir mi mothachadh dhuit, gu bheil e feumail a dheanamh air ball; agus gur e is faigse do chuir romhad nach smaoinich thu idir air diadhachd, a ràdh gun smaoinich thu air an deigh so. Smaoinich an trà so air na h-earailean a thugadh chean ort, agus ni iad còmhnadh riut gu gabhail ris na theid a labhairt air an stèigh so.

*Beachd-smuainteachadh a Pheacaich, a bha roimh so dearmadach, ach a tha nis a' teannadh ri dùsgadh.*

Mosgail, O m' anam dhearmadaich, dùisg as na bruadair sheachranach sin. Pill o ruagadh faoineachd, agus cuireadh impidh ort rè tamuill bhig, gu amharc air t-aghaidh, agus amharc an àird. 'S leoir na tha do dhuairean agus do làithean air am buileachadh air saothair agus air culai-shùgraidh na beatha so. Na gearain beagan ùine 'bhuileachadh air beachd a ghabhail ort féin, agus air na gnothaichan is dlùithe dhuit; a thoirt fainear, co, agus ciod e thu féin; cionnas a ta e tachairt, gu bheil

thu 'an so, agus ciod is eigin duit a bhi an ùine roghearr ?

Tha chùis da rìreadh mar a chaidh a nochdadh. O m' anam ! 'S tusa creutair Dhé ; air do dheilbh agus air do chumadh leis, agus air do shuidheachadh ann an corp, a sholair e, agus a tha e cumail suas ; corp, anns nach robh a mhiann air do chòmhnuidh a bhi ach ùine ghearr. Och, smaoinich cia cho luath 's a sgaoilear am pàilliuin so,[1] 's a's eigin duit-se pilleadh ri Dia.[2] Agus an e Esan, an t-Aon, Bhith, Neo-chriochnach, Bith-bhuan, Siorbheannaichte, agus Uile-ghlòrmhor, d'an lugha bhios do shuim agad ? An caith thu do bheatha, agus am bàsaich thu, leis a ghiulan so, ag ràdh, le d' dheanadas laithail, ri Dia, " Imich uam, oir cha'n àill leam eolas do shlighean ?"[3] Tha aig a mhadainn, aig meadhon-latha, aig an fheasgar, agus aig an oidhche an leith-sgeul féin air son an dearmaid so. Ach, O m' anam, ciod a dhiongas na leith-sgeil sin, an uair a rannsaichear a chùis le shùil uile-leirsinnich ! Faodaidh iad an car a thoirt asam-sa ; ach cha mheall iad E-san.

O Dhé air an d' rinneadh dochair, dearmad agus air an do chuireadh corruich ! An uair a smaoinicheas mi air do mhòrachd, agus air do mhaitheas, tha mi air mo lionadh le h-iongantas air son cho neo-mhothacail 's a bha, agus a tha mi fhathast a buannachadh. Tha rughadh gruaidhe agus nàir orm m' aghaidh a thogail riutsa.[4] Leis a bheachd a's lugha 'ghabhail air, tha mi 'faicinn gun deachaidh mi gu ro-mhòr am mearachd.[5] Agus gidheadh dheanadh an cridhe neo-mothachail so a th' agam leith-sgeul a ghabhail o bhi cho fada ge d' dhearmad, gu dheanamh ni b' fhaide. Tha mi 'g aideachadh, gu'm bu chòir do'n chinne-daoine gu h-iomlan a bhi gu dleasnas gràdhach dhuit ; gu'm bu chòir do gach cridhe bhi air a lionadh le mothachadh air do làthaireachd ; agus gur e thus' a thoileachadh bu chòir a bhi na ro-chùram orra. Gidheadh, cha robh thu 'am uile smuaintibh ;[6] agus rinn mi na h-urrad dhearmaid air diadhachd, crioch agus glòir mo nàduir, 's gur gann a a dh' fheòraich mi riamh do m' chridhe féin, Ciod e ? Tha fios agam ma stadas a chùis 'an so, gu'n téid mi am mugha ; agus gidheadh, tha mi mothachadh gu bheil mo nàdur cho neo-thogarrach gu

[1] 2 Cor. v. 1. —— [2] Eccles. xii. 7. —— [3] Job xxi. 14. —— [4] Esra ix. 6.
[5] 1 Sam. xxvi. 21. —— [6] Salm x. 4.

smaoineachadh air na nithe sin, 's gu bheil mi deonach, ma smaoinicheas mi idir umpa, air a chuid is lugha, dàil a chuir ann car seal. Tha m' inntinn 'an imcheist, eadar da bharail: ach tha dearbh-fhios agads', a chruthaich mi, ciod e is fearr dhomh. Tha mi uime sin ag asluch' ort, air sgàth t-ainme, gun treoraich agus gun stiùir thu mi.[1] Na ceadaich dhomh dàil a chuir ann, gus am bi e gu tur tuille 's fadalach. Spion mi mar aithinne as an losgadh.[2] O bris an druigheachd mhillteach so a tha claonadh mo thograidh gu cuspairean, air am bheil mi ann am bharail a' deanamh di-meas! Agus deonaich dhomh teachd chum an t-suidheachadh shona inntinn sin, leis nach bi sgàth orm smaoineach ortsa, agus orm féin; agus nach buairear mi gu ràdh, gum b' fhearr leam nach do chruthaicheadh mi, no gun deanadh tu di-chuimhn orm; chum 's nach e mo dhòchas a's fearr gun téid mi am mugha mar na brùidean.

Ma tha na tha agam tuille ra leughadh an so, a rèir firinn agus reusoin; ma tha e feumail chum mo shonais, agus ma dh'fhaodas mi a ghabhail mar shanas air do thoil do m' thaobh-se; O Dhé, deonaich dhomh a chluinntinn agus gèill a thoirt dà! Biodh briathran t-oglaich, 'an àm tagradh do chùis, mar bhioraibh gu drùghadh air m' inntinn! agus gu ma fearr leam fhaireachduinn, agus an goirteas fhulang, na bàsachadh! Bitheadh iad mar thàirnean air an sparradh an àite cinnteach:[3] chum 's ge b'e rùin-dhiomhair a tha fhathast neo-aithnichte, no ge b'e cruaidh-chas a tha ann an diadhachd, m'as feumail e, nach dean mi di-chuimhn air; agus ma tha e fior fheumail gun teannainn ris air ball, nach cuir mi tuille dàlach ann! Agus, O deonaich gun seol do ghràs domh an teagasg a tha mi cho mall a dh'fhoghlum; agus buaidh a thoirt air a chlaon thogradh laidir sin a tha mi faireachduinn ann am chridhe na aghaidh! Eisd ris na gearain neo-iomlan so, air sgàth do Mhic, a theagaisg agus a shaor iomadh neach cho do-theagaisg riumsa, agus a tha comasach air clann a thogail suas do dh' Abraham do na clachaibh sin![4]

[1] Salm xxxi. 3.—[2] Amos iv. 11.—[3] Isa. xxii. 33.—[4] Mat. iii. 9.

## CAIB. III.

*Earail dhùrachdach do n' Pheacach a th' air a dhùsgadh, gu smaointeachadh gun dail air a chùis, agus air a chuir air fhaicill an aghaidh dearmad a dheanamh air.*

1. Tha dòchas agam gun d' rinn an earail mu dheireadh a thug mi seachad, na h-urrad dhrùghadh air geurmhothachadh mo leughadair, 's gun tainig e chum an rûin so, "Gun smuaintieheadh e uair na uair-eigin air diadhachd." Ach ceadaich dhomh fheoraich le fior dhùrachd, C' uin a thachras e? B'e, Imich romhad an dràst, agus aig àm is iomchuidh cuiridh mi fios ort, cainnt agus leir-sgrios Fhelics bhochd,[1] an uair a bha e air bhallchrith le reusonachadh agus le dian-earail an Abstoil. Cha do ghabh am buaireadair do dhànadas earalachadh, Gum bu chòir dha du-chùl a chuir ri aithreachas agus ri ath-leasachadh beatha; ach a mhàin gun cuireadh e dàil ann, a thaobh lionmhoireachd a ghnothaichean, gu àm a b' iomchaidh. Bhuadhaich an cealgair agus bha Felics, caillte.

2. An cuir thusa, a leughadair, uait mise air an amhuil cheudna? Air do shon féin, agus mar chaomh thruacantas ri t-anam neo-bhàsmhor a tha 'n cunnart dol a mugha, cha ghabh mi gu toileach r'a shamhuil sin do leith-sgeul. Cha ghabh, ge do shocraicheadh tu air an ùine; ge do chuireadh tu romhad an ath-bhliadhna, an ath-mhìos, an ath-sheachduin, no an ath-latha. Dh' earalaichean ort leis an dùrachd agus leis an sparradh chàirdeil bu ro-dhèine a chùis a chuir gu bun sa cheart àm so. Oir ma their thu *Smaoinichidh mi air na nithe sin am màireach*, cha bhi ach beag fiughair agum riut; agus bithidh eagal orm, Gu bheil gach earail a thug mis', agus gach ni a leugh thusa, air a dheanamh 'an diomhanas.

3. An uair a thug mi cuireadh dhuit gu curam a ghabhail, agus gu diadhachd a ghnàthachadh, faodar a mheas na ni iongantach gum biodh e feumail domh a chùis earalachadh ort cho dian dhùrachdach. Tha an ni gus a bheil mi ga t' earalachadh, cho luachmhor oirdheirc dheth féin, cho freagarrach d'ar nàdur reusonta, cho iomchaidh fa chomhair, cho fearail, agus cho glic, 's gun saoileadh neach gu'm bu chòir dhuit bhi dian-thogarrach

[1] Gniomh. xxvi. 25.

da ionnsuidh, an uair a chluinneadh tu 'n tùs iomradh air; seadh, gu'm bu chòir do chùis co taitneach t-anam a lionadh le dian-chorruich a' t-aghaidh féin, nach do ghabh ni bu luaithe ris. "Am faod mi mo shùilean agus m' anam a thogail suas ri Dia? Am faod mi mi féin a thiomnadh thairis dà? Am faod mi nis teannadh ri bhi 'n càirdeas ris? Càirdeas, a mhaireas gu siorruidh, ni is e tearuinteachd, sòlas, agus glòir mo nàduir neo-bhasmhoir?" Agus ann teann mi air m' ais, agus an abair mi, "Gidheadh, cha ruig mi leis teannadh tuill' is luath ris a chàirdeas so: Ceadaich dhomh mo bheatha a chaitheamh as eugamhais Dhé anns an t-saoghal, beagan ni 's faide." Gu cinnteach bhiodh e mòran ni b' iomchuidh, a ràdh, "Och! m' anam, ciod na plaoisg ghràineil leis an robh thu air do bheathachadh, am feadh a rinneadh dearmad, agus dochair air t-athair neamhaidh? Am miannaich mi làithean mo bhochduinn, mo mhi-chliu, agus mo thruaighe a mheudachadh?" Do réir so, bu chòir grad philleadh ri Dia a raoighneachadh, air buanachadh ni 's faide san staid so, chum an tuille corruich a chuir air Dia, agus leis a sin t-anam bochd a leon agus a chlaoidh ge d' a bhiodh tu cinnteach gu'm maireadh do bheatha, agus gu'm biodh pilleadh ri Dia, agus ri d' dhleasnas gu h-iomlan a d' chomas féin, 's an àm so, agus rè ioma bliadhn' an deigh so.

4. Ach co, na ciod e, thusa, gum biodh dòchas agad ri bliadhnachan, no ri mìosan ri teachd? Ciod i do bheatha? Am bheil innte ach deatach, a chithear rè ùine bhig, agus an dèigh sin a théid as an t-sealladh?[1] Agus ciod am barandas a th' agad' gu'm faod thu earbs' a dheanamh as i a mhairsinn? Agus sin cho ro-earbsach aiste, 's gun cuireadh tu t-anam an geall ris? Theagamh gun abair thu, "Tha mi òg, 'an trein mo neirt agus mo mhearachdais; tha mi faicinn mòran m' an cuairt domh a tha dhà aois rium; agus tha iomadh neach dhiubh, leis an luath tòiseachadh ri bhi càbhach fhathast." 'S ann a tha thu gabhail beachd orrasan tha beò, an uair a tha thu labhairt mar so. Ach guidheam ort smaoinich air na mairbh. Smaoinich air na h-uaighean, anns an dh-fhàg thu cuid do d' chompanaich agus do d' dhìllsean. Chunnaic thu iad tamull roimh so, gu beothail togarrach; gu dian dèothasach le dòchais agus le inn-

[1] Seum. iv. 15.

leachdaibh. Agus air le cuid diubh gum biodh caraid a bheireadh a chomhairl' orra, ann am meadhon an gnothaichean agus an sùgraidh, smaoineachadh air bàs agus air siorruidheachd, anbharra liosda agus draghail. Gidheadh bha iad 'sa cheart àm sin air bruaich an dà chuid. Chunnaic thu o sin a bhi 'gan giulan a chum, agus 'gan tasguidh an leabaidh thosdaich na h-uaighe. Tha nis na cuirp sin a bha roimh so gu treun taitneach, a' cnàmh anns an ùir, cho neo-mothachail, agus cho neo-chomasach 's a tha'n duin' a's sine agus a's laige a thug aois agus euslainte riamh sios do'n uaigh. Agus 's cùis is ro-mho an t-aobhar iomagain, gu bheil an anmaibh, co ac' a bha iad deas air son a chaochla so gu an nochdadh an làthair Dhé, no nach robh, sa cheart àm so, an dàrna cuid, air neamh, no 'an ifrinn. Ceadaich dhomh a nis fheoraich dhiot, am bu mhiorbhuileach, no am b' iongantach a cheart leithid eile thachairt duit-se? Ciod am fios a th' agad nach tòisich galar marbhtach a d' chuislibh an ceart uair? Ciod a chinnt a th' agad, am bi thu comasach air leughadh no air smuaineachadh an deigh so tuille, m'ar toir thu 'n aire do na tha thu 'n dràst a leughadh, agus mar dean thu greim air an smuain a tha 'n ceart uair a d' thairgse? Faodaidh an t-atharrachadh grad so theagamh tachairt; agus ma tharlas e, bithidh e da rìreadh eagallach dhuitse. A bhi mar so air do thoirt gun fhios duit, an làthair Dhé, air an d' rinn thu dearmad; a bhi air do sguabadh air falbh o shaoghal air an robh do chridhe agus t-anam an ro-gheall; o shaoghall mun robh t-uile smuainte agus do chùram, t-uile thograidh agus do rùin; agus a bhi air do shocrachadh ann an staid, air nach bu chomasach impidh a chuir ort, gu aon uair a bhuileachadh gu smaoineach orra: Cionnas is eigin duit a bhi air bhall-chrith le smaoineachadh air, agus ciod an t-uabhas leis an cosmhuil dha do lionadh? 'S ann is iongantach nach 'eil thu, ionnas air boile, le bhi smaoineachadh air neo-chinnteachd do bheatha, agus nach 'eil thu ullamh gu bhi marbh le eagal a bhàis. Dh' fhaodadh a bhi deanamh tuille faoineachd ri Dia, an deigh a leithid so do dh' earail fhollaisich dhùrachdaich, a bhi na bharrachd brosnachaidh gu d' mhor chall: No ciod ris an ion fiughair a bhi agad na shamhuil sin do staid, ach gu'n gearradh e as thu gu h-obann, 's gun tugadh e, trid do sgrios-sa, sanas do dhaoine neo-churamach mar tha thusa,

an cunnart anns am bheil iad, le bhi gluasad cosmhuil riutsa.

5. Agus an deigh so uile, an ruith thu an cunnart mòr so? Ciod an gnothach m'an dean thu e? Am bheil thu am barail gum bi dleasnais na diadhachd, ni 's neo-fheumaile, no ni 's usa, le thu chuir dàil ann? Tha deagh fhios agad nach bi. Tha dearbh-chinnt agad na tha Dia ag iarraidh 'san àm so, gun iarr sè e fichead na deich-bliadhna-fichead an deigh so, ge do bhiodh tu beo cho fada. Shocraich Dia an dòigh so, air mathanas a thoirt seachad, agus gabhail ri peacaich, na shoisgeul. No an dean e am feasd an doigh sin atharrachadh? Agus m'ar dean E-san, an urrainn daoin atharrachadh a dheanamh oirre? Cha mhath leat smaoineachadh air aith-reachas a ghabhail, no air thu féin irioslachadh an làthair Dhé, a dh' fhaighinn fireantachd agus beatha o shaor ghràs ann an Criosd; agus is ro-lugh' ort pilleadh ri Dia le umhlachd naomh a thoirt da. Ach an saoil thu gun leig e dheth a h-aon diubh sin, agus gu'n cuir e an céill soisgeul ur, le beatha agus saorsa a ghealladh do pheac-aich neo-aithreachail, agus mhi-chreidmheach, ma their iad ach Criosduidhean riu féin, agus gu'n gèill iad an chàil-eigin do dheas-ghnàthaibh faoine o'n leth a muigh? Cia fhad a shaoileadh tu a dh' fhaodadh tu feitheamh ri a shamhuil sin de chaochladh an co-dhealbhadh na cuise? Tha fios agad, gun tig am bàs ort, agus cha 'n urrainn duit gun fhios a bhi agad gun tig bàs coitcheann air an t-shaoghal, fada mu'n àicheadh Dia e fèin, agus mu'n cuir e an aghaidh uile-iomlanachd, agus fhoillseachadh air fad.

6. No ma leanas iarrtais air an aon doigh, ni a leanas gun teagamh, an e do bharail gum bi aon ni is fuathach leat an dràst, ni 's taitniche dhuit an deigh laimhe? Am bi ni 's lugha spéis agad do'n pheacadh, an uair a bhios tu ni 's cleachdta ris, agus an uair a dh' fhàgas do choguis thu ni 's laige agus ni's truaillidh? Ma bha thu co-ruith leis na coisichean, agus gun d' fhàs thu sgith, cionnas idir a ni thu strì ris na marcaich?[1] Cha'n urrainn duit a bharalachadh. Cha 'n abradh tu 'an aon ghalar leis an robh do bheatha an cunnart, *" Ni mi foighidinn gus an cinn e ni 's measa, 's 'an sin cuiridh mi fios air lighiche;*

[1] Jer. xii. 5.

*leigidh mi le m' ghalar freumhacha ni 's doimhne annam, agus feuchaidh mi 'n sin ciod a chuireas air falbh e.* Cha 'n abair idir, 's ann a mhain far am bheil beatha an anma 'an cunnart a smaoinicheas daoine cho amaideach a so. Tha beatha agus slaint' a chuìrp, air leo, tuille 's luachmhor gu buntainn mar so ris,

7. Ma bhios tu idir air do shaoradh, an deigh an samhuil sin de dh'oidheirpean ea-cèillidh, 's eigin gur h-ann le oibreachadh gràs Dé air do chridhe, a bhios ni 's cumhachdaiche agus ni 's iongantaiche a réir tomhas meudachd t-eucailean spioradail. Agus an ion dòchas a bhi agad, gum bi an Spiorad Naomh ni 's ullamh gu còmhnadh a dheanamh riut, a chionn gun d' rinn thu gu maslach dearmad air, agus gun do chuir thu gu nàir e? Tha e air a cheart àm so, a cuir càileigin de ghluasad air do chridhe: Ma tha thu mothachadh gnè do thiomadh diomhair air ris na tha thu leughadh, 's comharradh nach do thréig e gu tùr thu: Ach co a dh' fhaodas a ràdh, nach iad sin na gluasaid mu dheireadh a bheir e air cridhe a sheasadh cho fada cruaidh na aghaidh? Co a's urrainn innseadh, nach do mionnaich Dia an diugh na chorraich nach racha tu a steach d'a shuaimhneas! Eabh. iii. 18. Bha mi 'g innseadh dhuit gum faod thu bàsachadh an ceart uair. Tha thu 'g aideachadh gum faod. Agus an urrainn duit smaoineachadh air aon ni a's eagallaiche? 'S urrainn, a pheacaich thruaigh, Innsidh mise aon ni dhuit a's eagallaiche na grad bhàs, agus grad dhìteadh. Faodaidh an Dia beannaichte a radh, "A thaobh an duine thruaigh sin, a rinn dearmad orm agus a bhrosnuich mi cho tric, leig leis a bhi ni 's faide beo: Caitheadh e a bheatha am meadhon soirbheachaidh agus pailteis: Caitheadh e a bheatha fo òrduighean an t-soisgeil is cumhachdaiche agus is fiorghlaine; a chum 's gum mi-ghnàthaich e iad, gu a dhìteadh ann-tromachadh, agus gum bàsaich e fo chionta agus fo mhallachadh ro ann-trom. Cha bhuilich mi gràs tuilleadh air gu smaoineachadh le dùrachd air a slighibh; ach théid e air aghaidh o olc gu ni 's measa, a' lionadh suas tomhas aingidheachd, gus an glac bàs agus leir-sgrios e gun fhios da, ag gun tig fearg air gus a chuid a's faide," Tes. ii. 16.

8. Air leat gur staid ro neo-chumannta so; ach 's eagal leam gu bheil a chùis air atharrachadh. 'S eagal leam gur tearc an comh-thional far am bheil focal De

gu dìleas air a shearmonachadh, agus far an d' rinneadh o cheann fhada tair' air, gu h-àraidh leo-san a bha aon uair air an dùsgadh, anns nach 'eil sùil Dhé a faicinn àireamh dheth a shamhuil sud do dh'anmaibh truaigh ; ge nach urrainn duinne innseadh co iad.

9. Cha ghabh mi os laimh a radh, cia mar bhuineas e riutsa, O a Leughadair ; co ac' a ghearras e as thu an gradaig ; no gun ceangail e suas thu fo chruas chridhe agus neo-iompachadh ; no theagamh gum faod a shaor gràs mu dheireadh do mhosgladh suas, gu d' shlighe a thoirt fainear, agus pille ris, an deigh do d' cridhe a bhi ni's cruaidhe agus ni's ainneanda na tha e an trà so. Oir d'a ghràs Uile-chumhachdach-sa, cha'n 'eil aon ni deacair r'a dheanamh, cha'n 'eil eadhon carraig chruaidh a chruthatharrachadh gu duine agus naomh. Ach so aon ni a their mi le barantas, ma chuireas tu tuille dàlach anns a chùis, gun tig an t-àm sam bi aithreachas goirt ort air son an dearmaid sin, agus gum bi doilgheas cridhe ort air a shon am fianuis Dé 'an so, no gun toir thu do mhallachd air t' amaideachd agus air do mhi-chéill fein 'an ifrinn ; seadh an uair a b' fhearr leat, uamhannach 's mar tha ifrinn, gum biodh tu an ni bu luaithe, seach do bheatha a chaitheamh am measg a choilion sochair 's a mhi-ghnàthaich thu, a dheanamh tomhas do pheanais ni's do-fhulang, agus do mhothachadh air ni 's fior chràitiche.

10. Tha mi uime sin ga t' earalachadh, 'an ainm ar Tighearn' Iosa Criosd, agus air luach, agus ma dh' fhaodas mi labhairt air an doigh, air fuil t'anma neobhasmhoir, a tha dol am mugha, nach cuir thu dàil aon latha no uair ann ni 's faide. Gu ma fada uait cadal a thoirt do d' shùilibh, no clò-chadal do d' rosgaibh, Gnath. vi. 4. air son a bhi deanamh gnà dhearmad air a ghnothach chudthromach so, thoir leat, eadhon a nis, briathran, agus pill ris an Tighearna, Hos. xiv. 2. agus m'am fàg thu 'n t-ionad sam bheil thu, tuit air do ghluinean na lathaireachd bheannaichte, agus taosg a mach do chridhe na shamhuil so de chainnt, no mar is lugha a bhios ann an seadh cosmhuil ris a so.

URNUIGH *as leth neach, a tha air a bhuaireadh gu dàil a chuir ann am fàs* diadhaidh, *ge d' a tha e fo chailleigin de gheur-mhothachadh air a ro-fheumalachd.*

O UACHDARAIN chothromaich agus naomha Nèimh agus na talmhainn! Thus a Dhé aig am bheil m' anail a' d' laimh, agus do'm buin m' uile shlighe! Dan v. 23. Tha mi 'g aideachadh gun robh mi fad o bhi ga d' ghlòrachadh, no ga m' ghiulan fein a reir rabhaidh agus foillseachadh do thoile. Tha uime sin aobhar agam t-fhad-fhulangas agus do mhathas a mholadh; nach do ghearr thu as mi o cheann ùin fhad' a fearann nam beò. Tha mi cliuthachadh t-fhoighidin, a chionn nach robh mi 'g àiteach ifrinn fada roimh so; far am bheil deich mile peacach dearmadach a' caoidh an amaideachd, agus bithidh iad ga chaoidh am feasd. Ach, O Dhia, cia cho comasach 's a tha e, gum faod an cridhe neo-luach'ar so a th' agams,' mo threorachadh fa-dheoidh chum an leirsgrios cheudna! Agus 'an sin mo thruaighe, gu leirsgrios ann-tromaichte le t-uile fhoighidin agus t-fhad-fhulangas rium! Tha mothachadh agam gur éigin do dhiadhachd a bhi na chùram sonraicht orm, luath na mall, no gu bheil mi caillte. Agus gidheadh tha mo chridhe faoin a' tarruinn air ais o'n chuing: Gidheadh tha mi ga m' shìneadh air leabaidh na leisge, agus ag iarraidh beagan tuille cadail, beagan tuille clo-chadail, beagan tuille fillidh nan làmh gu cadal. Gnath. vi. 6. 'S an mar so tha mo chridh truaillidh a' tagradh air son a riarachadh fein, 'an aghaidh geur-mhothachaidh mo bharail is fearr. Ciod a their mi? O Thighearna saor mi uam fein! Saor mi o cheilg agus o mhealltaireachd a pheacaidh: Saor mi o chealgaireachd mo nàduir ainneanda agus thruaillidh, agus socràich air m' inntinn na bha mi san àm so a leughadh!

"O Thighearna cha robh na firinnean a tha nis air an teagasg dhomh, an an-fhios domh roimh. 'S minig a chaidh mo chuir air m' fhaicill mu neo-chinntichead na beatha so, agus mu bharrachd neo-chinntichead latha na slainte: Agus chuir mi cuid do rùin fhaoin romham, agus tha mi air tionnsgnadh air dol beagan air m' aghaidh le pille riutsa. Ach, mo thruaighe! cha robh mi, ach mar gum b' ann, ag itealaich mu dhiadhachd,

agus cha do shocraich mi riamh air. Bha gach rùn-suidhicht' a chuir mi romham, air an sgapadh mar dheataich, no air an sgaoileadh, mar cheò roi'n ghaoith. Och na'n sparradh tu na'n nithe sin air mo chridhe, le geur-mhothachadh is cumhachdaiche na dh' fhairich mi riamh roimhe ! O na'n dian-ruagadh tu mi leo, an uair a theicheas mi rompa ; m' as e 's gum bi mi cho mòr air boile 's gun seachain mi tuille iad ! Labhradh do spiorad rium ann an cainnt eagalaich éifeachdaich ; agus gnathaich gach meadhon a shaoileas tu bhios feumail, chum mo dhùsgadh as a mharbh-chadal so, a bheir mo bhàs mar tachair sin ! Gun robh fuaim nan nithe sin am chluasan, an uair a laidheas mi sìos, agus an uair a dh' éireas mi suas ! Deut. vi. 7. agus ma bhios fois na h-oidhche agus gnothaichean an latha rè seal air am bacadh leis an drùghadh a ni iad orm, bitheadh e mar sin, O Dhé ! m' as e 's gur feairrd a ghiulaineas mi air aghaidh mo ghnothaichean riutsa ; agus fadheoidh gum faigh mi fois annad-sa, 'an àit an uamhunn sin a tha mi nis a faireachdain, an uair a chuimhnaicheas mi air Dia, agus mi fo mhi-shuaimhneas. Salm lxxvii. 3.

" O Thighearna, tha m' fheoil air chrith le h-uamhunn romhad, agus tha eagal orm roimh do bhreitheanasaibh. Sal. cxix. 120. Tha eagal orm gum faod thu mo ghearradh as, m' an tig mo smuainte mu dhiadhachd gu foirfeachd air bith, eadhon anns an àm chudromach so, air dhomh toiseach smaoinich a bhi agam mu chràbhadh ; agus cuir as d'a cheud fhàs air m' inntinn, le bàs siorruidh. Ach, O caomhainn mi, tha mi guidhe gu dùrachdach ort ; air sgàth do thròcair coigil mi beagan ni 's faide ! Faodaidh e bhith, gum pill mi trid do ghràis. Faodaidh e bhith, ma bhuan-aicheas tu t-fhoighidin leam beagan ni 's faide, gun toirear toradh is fearr a mach leis an fhear so nach robh ach a fàsachadh na talmhainn. Luc. xiii, 7, 8. Agus deonaich gun dean a bhi cuimhneachadh air an fhad-fhulangas, a ghnathaich thu cheana d' am thaobh, mo chumail o bhi buanachadh ni 's faide ri faoineachd riutsa, agus ri m' anam fein ! O'n latha so, O Dhé, o'n uair so, deonaich gum fairich mi am barrachd drùghaidh air mo chridhe mu dhiadhachd, na dh' fhairich mi riamh roimh, leis na leugh no na chula mi ! *Amen.*"

## CAIB. IV.

*Am peacach air fheuchainn agus air fhaotainn ciontach.*

1. Leis mar tha mi 'g oidhearpacha do threorachadh gu fìor dhiadhachd, agus cha'n ann amhain gu colais fhaoin deth, tha mi fiosrach nach gabh e deanamh air aon doigh ach trid trom irisleachadh. Agus uime sin, air dhomh bhi anns a bharail gu bheil thu cuir romhad, trid beannachadh Dhé air na leugh thu, smaoineachadh gu dùrachdach air bheir mi oidheirp 's a cheud àite, leis gach dùrachd a 's urrainn domh, air trom mhothachadh a thoirt duit air do chiont' an lathair Dhé. Oir tha dearbh-fhios agam, mar bi mothachadh agad air so, agus duilich air a shon, gun cuir thu cùl ri tairgse gràsmhor an t-soisgeil, agus gun caillear t'anam priseil, ann am builsgein na meadhonan is ro-luachmhoire chum a shaoradh. Tha mi làn chinnteach gu bheil na mìltean a' caithe am beatha agus a' basachadh 'an cùrsa peacaidh, gun mhothachadh bhi aig an chridheachan gu bheil iad nam peacaich, ge nach urrainn iad a thaobh an nàire gun aideachadh le 'm bilibh. Agus air an aobhar sin, ceadaich dhomh buntainn gu firinneach riutsa, ge d' a shaoileas tu gum bi mi tuilleadh as garg; oir cha dean bàighealachd feum far am bheil beatha an anama 'n cunnart.

2. Uime sin, ceadaich dhomh, O pheacaich, mi fein a chuir mar fhear-tagraidh Dhé san àm so, mar neach a tha ri tagradh a t-aghaidh-se, na ainm, agus a tha ri cuir as do leth, (cha ghnothach faoin na suarrach) a bhi a' t' fhear ceannairc agus ri àr-a-mach an aghaidh ard uachdarain néimh agus na talmhainn. Ge b'e air bith meud t-inbh' am measg dhaoine; ge d' a tha 'n fhuil is uailse a ruith a' d' chuislibh; ge d' a robh tionad suidh' am measg righrean, agus ge b'e do ghairdean uamhas nan cumhachdach an tìr nam beò; Esec. xxxii. 27. bhiodh e iomchaidh gun innste dhuit gu saor, soilleir, gun do bhris thu reachd Righ nan righrean, agus trid na h-eas-umhlachd sin gu bheil thu buailteach da dhìteadh ceart-breathach.

3. Tha do choguis ag innseadh dhuit gun d' rugadh tu a' t' iochdaran dligheach do Dhia; fo ghéill dhiongmhalta ga lagh. Oir tha e dearbh-shoillear, gu bheil

co-dhealbhadh do nàduir reusonda, a tha ga d' dheanamh comasach air reachd fhaighinn o Dhia ga d' cheangal gu géill a thoirt dà. Agus tha e cheart cho soillear agus cinnteach, nach tug thusa umhlachd iomlan do'n reachd so; ni h-eadh, ach gun do bhris thu e air ioma doigh ro ann-trom.

4. Am bheil de dhànadas agad cuir an aghaidh so? Am bheil a chridhe agad a ràdh gu bheil thu neo-choireach? Cuimhnich gur neo-chiontas iomlan a's eiginn a bhi ann: Seadh, agus ionracas iomlan cuid-eachd; no cha diong e bheag air bith dhuit, a 's mò, no a dhearbhadh ga d' a tha thu a' d' pheacach ciontach, nach eil thu cho ro-chiontach ri cuid eile, agus nach bi t-àit' an ifrinn cho ro-theith. Leis a so a thoirt fainear, an abair thu nach eil thu ciontach? Rannsaich cuimhne do choguis fein; Oir rannsaichidh Dia iad. Feoraich gu cùramach dh'i, *An do pheacaich thu riamh an aghaidh Dhe?* Tha Solamh ag innseadh, nach robh r'a linn-san, aon duine ceart air thalamh, a bha deanamh math, agus nach robh ri peacadh: Eccles. vi. 20. Agus tha 'n t-abstol Pòl ag ràdh, Gun do pheacaich na h-uile, agus gu bheil iad air teachd gearr air gloir Dhé; Rom. iii. 23. gun robh an da chuid Iudhaich agus Cinnich, a tha ciallachadh an iomlain de'n chinne-dhaonna uile fo pheacadh, Rom. iii. 9. Agus am bheil aon aobhar ceart agad gu shaoilsinn gu bheil an saoghal air fàs cho mòr ni 's fearr o'n àm sin, 's gum faodadh aon neach air deagh-stéigh a thagradh gun robh e fein saor o pheacadh? No an gabh thu do mhisnich ort fein, na dh' èireas suas an lathair Uachdarain uil-fhiosrach néimh, agus an can thu—" 'S mis' an duine."

5. Abair, mar thuirt sinn roimhe, gu bheil thu saor, o pheacaidh ro-ghràineil, a tha cho docharach do cho-chomunn dhaoine, 's gur tric a rinneadh peanas orra le lagh na rioghachd; an urra dhuits' a ràdh, nach d' rinn thu an cuisibh bu lugha, briseadh air riaghailt cràbhaidh, stuaim, agus seirc? Am bheil aon neach ann a tha fior eolach umad, nach b' urrainn a ràdh, gun cual e thu ag ràdh no a' deanamh ni-eiginn nach robh ceart? Agus mar b' urrainn do chàch t-fhàgail ciontach, nach fàgadh do chridhe féin fodha thu? Nach 'eil e dearbhadh gu bheil thu ciontach do dh-uaill, do fheirg, do neo-gheamnachd; do speis ro-mhor do'n t-saoghal, agus d'a

shochairibh ; do ghearan, (air a chuid a's lugha ga dheanamh an uaigneas,) fo smachchadh freasdail Dé ; do mhòran do t' ùin' a mhi-bhuileachadh, de dh-fhiughantas Dhé a mhi-ghnàthachadh, le 'n cuir gu feum neo-iomchaidh ; le bhi deanamh fanaid air an uair a bha thu a' gabhail ort a bhi toirt aoraidh dha, a' dlùthachadh ris le d' bhilibh, agus do chridhe fada uaith ? Isa. xxix. 13. Nach eil do choguis ga d' dhìteadh air son an lagh a bhriseadh air aon doigh na doigh eile ? Agus ma tha thu ciontach na bhriseadh aon uair, tha thu 'an seadh spioradail ciontach de'n iomlan ; Seum. ii. 10. tha thu cho ea-comasach air thu féin fhireanachadh an làthair Dhé trid t-ùmhlachd féin, 's ge d' a chuireadh tu deich mìle cionta an gniomh. Agus gu deimhin, bu choir do thuille a's do dheich mìle cionta a bhi air an cuir ri d' chunntas-san. An uair a bheir thu fainear gach peacadh dearmaid, maille ris gach peacadh gniomh d'an robh thu ciontach ; air gach fàth a bh' agad air math a dheanamh a mhearachdaich thu, air gach seol air an d' rinn thu dearmad air aoradh Dhé, gu h-àraidh an uaigneas ; agus air gach doigh air an do nochd thu nach robh suim agad do dh-urram Dhé, no do shonas aimsireil agus siorruidh do cho-chreatuiribh: An uair a ghabhas tu beachd air an iomlan diubh sin, 's meallta mise mar bi 'n àireamh th' ar cunntas, agus gun co-éignich iad thu gu glaodhaich a mach, gu bheil t-aingeachd ni 's lionmhoire no falt do chinn, Salm xl. 12. Chi thu iad cho lionmhor a' d' lathair 's gun cuir do cridhe féin cunntas gun àireamh as do leth ; agus nach mò gu mòr a chuireas an Dia sin, is mò na do chridhe, agus d' an aithne na h-uile nithe, 1 Eoin iii. 28.

6. An saoil thu a pheacaich, Gur ni faoin, gun do chuir thu suarrach ùghdarras Dhé nèimhe, agus a lagh a bhriseadh, ge do b' ann le mi-chùram agus le cionfaicill ? Cia gu mòr is ann-truime na sin an cionta, an uair, air a choi-lion doigh, 's a chuir thu e'n gniomh le d' dheoin agus le d' làn fhios ? Ceadaich dhomh fheoraich dhiot, agus feoraich dheth t' anam féin e, Co an aghaidh a dh' àrdaich thu thu-féin ? Co an aghaidh a thog thu do ghuth ? 2 Righ. xix. 30. No co an aghaidh a thog thu do làmh cheannairceach ? Co an lagh, O pheacaich ! a bha thu cho an-dàna, 's a shaltairt fo d' chasaibh ? Agus co an càirdeas, agus an naimhdeas, da

thaobh sin, a bha dhànadas agad masladh a chuir air? An e duine mar thu féin air 'n do chuir thu mi-thlachd? Am bheil ann ach rìgh saoghalta? Am bheil ann ach aon, a's urrainn an corp a mharbhadh, 's aig nach 'eil tuille na chomas? Luc. xii. 4. Cha 'n e, a pheacaich, cha bhiodh a chridh agad buntainn ri rìgh saoghalt' air an doigh so, mar bhuin thu ris an Rìgh bhith-bhuan, neo-bhàsmhor, agus neo-fhaicsinneach, 1 Tim. i. 17. Cha tugadh duine air bith ort a dheanamh air rìgh talmhaidh, mar a rinn thu air an Dia sin, an làthair am bheil na cherubim agus na seraphim a' sìor umhlachd. Cha 'n 'eil aon fhocal cuir an aghaidh, no gearan, no connsachadh air a chluinntinn am measg luchd-àiteacha nam flaitheas, an uair a nìtear a thoil aithnichte nam measg. Agus co thus', O a dhuine thruaigh? Gun cuireadh tu an aghaidh, agus gum brosnaicheadh tu Dia, a tha chumhachd agus uamhunn neo-chriochnach, nach ruig a leas ach aon ghnìomh da thoil àrd-uachdranaich a chuir an gnìomh, agus tha gach seilbh a th' agad air an toirt uait; air do ghearradh as o gach dòchas; air do sgrios a tìr nam beò, nam b'é sin ach a thoil; no chum ni 's measa na sin, air do thoirt thairis do na peanais is goirte agus is maireannaiche; Co air an d' rinn thu tàir r'a aodann, a' gabhail ort féin cuir an aghaidh a reachd na làthair: 'S è so an Dia an làthair am bheil thu a' d' sheasamh, mar chiontach dìt-te; air t-fhaotainn ciontach, cha 'n e a mhain air son cionta na dha, ach air son mhìltean agus dheich mhìltean; air son cunntas gun àireamh de cheannairc agus de dh' àr-a-mach, a bhuanaich thu air a chuir an gnìomh, riamh o'n a thainig thu a stigh do'n t-saoghal; agus bha iad air an ann-tromachadh leis gach doigh, cha mhòr, air am b' urrainn doibh a bhi: Smuainich air a chuis, agus cuir na aghaidh m' as urrainn duit.

7. Ma tha eolas na aobhar ann-tromachaidh air cionta, tha do chionta 's O pheacaich, gu mòr air a h-ann-tromachadh! Oir rugadh tu 'an tìr Emanueil, agus sgriobh Dia dhuit nithe mòra a reachd, ach mheas thus iad mar ni nach buineadh dhuit, Hos. viii. 12. B' aithne dhuit math a dheanamh, agus cha d' rinn thu e, Seum. iv. 7. agus uime sin, bha dearmad a dheanamh air gun amharus na pheacadh dhuit. Nach aithne dhuit? Nach cual thu? Isa. xl. 28. Nach deachaidh toil Dé fhoghlum

gu tràthail duit 'an aois t-òige? Nach d'fhuair thu o sin iomadh seoladh agus earail, am follais agus an uaigneas, le searmonachadh, agus le focal Dé éisdeachd? Cha 'n e mhàin sin, ach nach tric a bha do dhleasnas cho soillear dhuit, 's gum faodadh tu gun seoladh air bith, ach tuigse nàduir, a thoirt fainear? Agus nach tric a fhuair thu fios ciod a bhiodh an lorg eas-umhlachd? Nach b' aithne dhuit ceart bhreitheanais Dé, gu bheil iadsan a ni an leithide sin do nithibh toilltinneach air bàs? Rom. i. 32. Gidheadh, ni h-e a mhain gun d' rinn thu féin an ni ceudna, ach theagamh gun robh tlachd agad dhiubhsan a rinn iad; gun do raghnaich thu iad mar do chompanaich ro-ionmhuinn; agus leis a sin trid eiseimpleir, gu'n do neartaich sibh a chéile 'nar n-aingidheachd.

8. A bharr air a sin, ma tha gràdh agus tròcair Dhe nan ann-tromachadh air na peacaidh a chuirear an gniomh nan aghaidh, tha do pheacannan-s, O pheacaich, gu h-uamhar air an ann-tromachadh. Nach eigin duit sin aideachadh, O dhuine thruaigh amaidich gun chéill? Nach robh thu air t-àrach agus air do bheathachadh leis mar a dhuine-cloinne, 's gidheadh rinn thu ceannairc na aghaidh, Isa. i. 2. Nach tug Dia as a bhroinn thu? Salm xxii. 9. Nach d' rinn e faire tharad 'an laithibh t-òige, agus nach do ghleidh e thu o iomadh gàbhadh agus cunnart, nach b' urrainn am pàranda no a bhan-altrum bu chùramaiche fhaicinn, na idir a sheachnadh? Nach do bhuilich e ort do chumhachdan reusonda? Agus nach e-san a bhuilich gach cothrom ort air an deanamh feumail duit? Nach do shàsaich e t-uireasbhaidh le fhiughantas gun sgitheachadh; agus ri nithe feumail na beatha, bhuilich e air iomadh neach a leughas an leabhar so, nithe sòghail na beatha cuideachd? Nach cual e do ghlaodh, an uair a thainig teinn ort; Iob xxvii. 9. agus 's minig a rinn e cobhair ort, an àm do theinn nàdurra, 'n uair a dh' iarr thu còmhnadh air? Nach do shaor e thu o leir-sgrios, an uair a bha e ullamh gu d' shlugadh suas; 's a leighis e t-eucail, an uair a bha gach neach m'an cuairt duit am barail gun robh fuigheall do laithean air an gearradh as nam meadhon? Salm cii. 24.; Isa. xxxviii. 10. No mar do thachair so, nach 'eil an t-slainte neo-bhristeach a shealbhaich thu rè ioma bliadhna, na chomaine cho mhor? Amhairc m'an cuairt air gach ni

a tha thu a mealtainn, agus abair, Ciod an t-aon ni a th' agad, nach do bhuilich a mhathas ort, agus gu ruig an t-àm so, a chaomhainn e dhuit? Cuir ris a so, na sanais chaomhail air a thoil a chuir e a t-ionnsaidh; na h-earail bhàigheal a thug e ort, chum do dheanamh ni bu ghlice agus ni b' fhearr; agus foillseachaidh agus cuire gràsmhoir a shoisgeil, a chuala tu, agus air an d' rinn thu tàire: Agus abair, mar robh do cheannairc air a h-annstromachadh leis a mhi-thàing bu ghraineile, agus am faod thu'n t-ann-tromachadh sin a mheas beag?

9. A rithist mas ann-tromachadh air peacadh gun do chuireadh an gniomh e an aghaidh coguis, tha do chiont-s, O pheacaich, air an ann-tromachadh leis a sin. Cuir do chomhairle ri d' choguis, agus an sin cuir na aghaidh ma dh-fhaodas tu. Tha spiorad san duine, agus bheir anail an Uile-chumhachdaich tuigse dhà, Iob xxxii. 8. agus oibrichidh an tuigse sin, agus tha geur-mhothachadh diomhair aice gur eigin d'i cunntas a thoirt da cruithear agus da fear-coimhead, neo-sgarail o a h-oibreachadh. 'S furasd cuir an aghaidh gearain dhaoine, agus sgeimh mheallta a chuir air nithibh an lathair dhaoine; ach tha 'n cridhe gu tric a dìteadh, an uair a tha 'n teangadh a gabhail an leith-sgeil. Nach minig a dh-fhairich thu mar sin a chuis? Nach tric a fhuair do choguis coire do d' ghiulan san àm a chaidh seachad, agus nach robh na h-achasain sin fìor chlaoidhte cuideachd? Thugadh dearbh chinnte dhomh le duin' uasal firinneach, an uair a bha e an dian thòir air sòlais neo-stuama na beatha, agus air a mheas mar aon de'n mhuinntir bu shona, gum fac' e cù a' teachd a steach do'n t-seòmar far an robh e le chompanaich shùnntach, agus gun d' rinn e osann throm, agus thuirt e ris féin, *Och nach bu mhis' am madadh sin!* A nis, a pheacaich an do mhothaich thusa riamh a bheag cosmhuil ris a so? Am bheil do choguis air fàs cho neo-umhaileach, air a cruadhachadh cho mòr le iarunn teth, 's nach do ghlaodh i riamh air son aon ainneart a rinneadh oirre? nach tug i riamh rabhadh dhuit air an truaighe a leanadh na bha thu a dheanamh na h-aghaidh? 'S iad na sanais sin, ann an seadh, guth Dhé; 's iad na comhairlean a bha e toirt ort, le fhear-ionaid ann a' t'uchd. Agus an uair a chuirear a bhinn a' t-aghaidh, air son do dhroch dheanadais, an gniomh le bàs siorruidh, cluinnidh tu 'n guth

sin a labhairt riut a rìs, ni 's cruaidhe agus ni 's géire na rinn e roimh: Agus bithidh tu air do chlaoidh le a muigheadh fad siorruidheachd, a chionn nach eisde tu r'a comhairle na thrà.

10. Ceadaich dhomh a ràdh a rìs, ma tha e na ann-tromachadh air peacadh gun deachaidh a chuir an gniomh an déigh do Dhia le a spiorad a bhi gluasad air t-inntinn, bha 'n t-ann-tromacha sin an co-lorg do pheacaidh-se cuideachd. Fo lagh Mhaois, ge bu dorcha neo-iomlan e, bha'n spiorad a co-stri ris na h-Iudhaich; no cha b' urradh Stephen a chuir as an leth, gun robh iad feadh an ginealach uile a sior chuir na aghaidh. A nis faodaidh sinn le barrachd reusoin a bharalachadh gu bheil e a' co-stri ri peacaich fo 'n t-soisgeul. An do mhothaich thu o' t' fhiosrachadh féin a bheag riamh dheth a so, eadhon an uair nach robh aon ni gu d' dhùsgadh o'n leth a muigh, no aon fhear-teagaisg càbhach dlù dhuit? An d' fhairich thu riamh tograidh diomhair air bith air t-inntinn, ga d' bhrosnachadh gu smuaineachadh air diadhachd, agus ga t' earalachadh gu grad smuaineach air, a toirt cuireadh taitneach dhuit gu deuchainn a thoirt da, agus a' toirt fios duit gu'n gabhadh tu aithreachas de'n dearmad so? Och a pheacaich, c'ar son nach tug thu'n aire do na gluasaid shona sin? C'ar son nach do sgaoil thu, mar gam b' ann, gach seol a bh'aig t-anam, a chum gun glacadh tu a ghaoth neamhaidh shona sin? Ach rinn thu dearmad air gu neo-chùramach: cha tug thu géill do na tograidh chaomhail sin. Nach bu reusond a dh-fhaodadh a bhinn dol a mach a t' aghaidh ann an ceart chorraich, Cha bhi mo spiorad a strì ni's mo, Gin. vi. 3. Agus co a dh' fhaodas a ràdh, nach deachaidh i chean a mach? Mar eil thu faireachdainn iomagain air bith air t' inntinn, agartas, no dùsgadh air bith, am feadh a tha thu a leughadh a leithid so, bithidh mor aobhar gu a bharalachadh gun deachaidh.

11. Tha aon ann-tromachadh eile, theagamh nach eil an co-lorg do chiont-s, 's e sin nach deach' a chuir an gniomh 'an aghaidh ceangail fhollaiseach coi-cheangail; ni a laidh gu trom air coguis ioma neach, a thug, faodaidh e bhith, seirbhis do Dhia gu treibh-dhireach, a chuid bu mhò d'am beatha. Ach leig leam fheòraich dhiot, ciod a's coireach ris a so? Nach e, a chionn nach d' rinn thu aidmheil fhollaiseach riamh air thu fein a thoirt suas do

Dhia ! nach d' rinn thu gniomh air bith, air leat féin, a tha cosmhuil ri thu dheanamh coi-cheangal ris ; ge do chuala tu na h-urrad mu choi-cheangal, ge do fhuair thu a choilion cuireadh follaiseach agus càirdeil gu dheanamh ? Agus anns an t-seadh so, cia gràineil a sheallas so, ni a chaidh ainmeachadh air tùs a dh' eatromachadh na cionta ? Agus 's eiginn domh a ràdh, gur teagamh nach 'eil thu cho saor do chionta 'sa chuis so 'sa shaoil thu 'n toiseach. Cha 'n ainmich mi an coi-cheangal a rinn do phàrandan as do leth, an uair a thug iad suas thu do Dhia 'am baisteadh, ged' a tha e na chuis chudthromaich, agus le thu féin a ghairm a' d' chriosduidh tha thu 'g aideachadh agus a ḷaidhe ris na rinn iad san àm sin. Ach cuiridh mis a' d' chuimhne, cùis a's fior fhollaisiche. An robh, eadhon o aois t'òige, do chridhe cho anbharra cruaidh, 's nach do ghlaodh thu riamh ri Dia an àm cunnairt no gàbhaidh ? Agus leis a ghlaodhaich sin an do mheasg thu riamh bòidean ? Nach do gheall thu riamh, nan éisdeadh Dia riut, an uair ud do chunnairt, gun tréige tu do pheacaidh, agus gun deanadh tu seirbhis dà am fad 's b' a bheo thu ? Dh-èisd e agus rinn e do chòmhnadh, no cha bhiodh tu san àm a leughadh so ; agus le d' shaoradh, cheangail e, mar g'am b' ann, do bhòidean ort ; agus uime sin, tha thu gam briseadh air chuimhne leis-san, ge d' a tha thusa cho faoin 's gun do dhi-chuimhnich thu iad. Cha 'n 'eil aon ni air a dhi-chuimhneachadh no air a dhearmad leis-san ; agus thig an latha a theid leabhar na cuimhn' a chuir sios fa d' chomhair-se cuideachd.

12. Agus a nis, O pheacaich ! smuanaich gu dùrachdach ciod an leith-sgeul a ghabhas tu 'an aghaidh na tha air a chuir sios an so ! gairm t-fhianaisean, tog do chùis, uaithsan air an do chuir thu corraich, gu bhreitheamh a's àirde, ma tha a leithid ann. Mo thruaighe tha na leith-sgeulan sin cho faoin agus cho diomhain, 's gum faod aon do d' cho-chnuimhibh dìblidh an cuir gu neobrigh ; mar bheir mi oidhirp air fheuchainn duit gun dàil. Ach tha do choguis a' cuir air a mhanadh mar bhitheas a chùis. Tha thu air do dhìteadh ; air t-fhaotainn ciontach do na coireannan a's ro-ann-tromaichte. Cha d' islich thu do chridhe, ach thog thu suas thu féin an aghaidh Tighearna néimhe, Dan. v. 22, 23. agus thig do bhreith a mach as fhianais, Salm xvii. 2. Bhris thu

a lagh follaiseach; rinn thu tàir agus mhi-ghnàthaich thu a shochairean lionmhor; nàraich thu do choguis, fhear-ionaid a' t' anam; chràidh agus chuir thu 'n aghaidh a spioraid; bhuin thu gu meallta ris anns an ùmhlachd a ghabh thu ort a thoirt da; agus ann an aon fhocal, mar tha Dia féin ag ràdh, rinn thu olc mar a b' urrainn duit, Ier. iii. 5. Cha 'n 'eil teagamh nach eil na mìltean chean' an ifrinn, nach robh cho ciontach riutsa; agus tha e na chùis ìoghnaidh gun do chaomhainn Dia thu gu ruig an t-àm so, a smuaineachadh air a chùis. O na mi-bhuilich àm cho luachmhor, ach cuir ma thimchioll smuaineachadh air a chùis cho dùrachdach agus cho iriosal 's a's urrainn duit, ni a tha rofhreagarrach do chor cho eagalach, agus cho uamhasach ri d' chor-sa.

### Aidmheil *a Pheacaich, air dha bhi mothachail air a chionta.*

"O Dhe! 'S tus' an t-àrd Uachdaran, 's tu 'm breitheamh geur-sheallach agus Uile-chumhachdach! Ciod a their mi ris a chasaid so! An abair mi gu bheil an eucoir ga cuir orm, agus an dean mi mo dhìon a' d' làthair-se? cha 'n 'eil de dh-aghaidh agam na ni e; oir 's aithne dhuit m' amaideachd, agus cha 'n 'eil mo lochdan am falach uait, Salm lxix. 6. Tha mo choguis ag ìnnseadh dhomh, nach deanadh mi dh-àicheadh mo chionta, ach an àireamh a mheudachadh, agus tuille connaidh a chuir air teine do dhian chorruich. Ma dh' fhìrinnicheas mi mi féin, dìtidh mo bheul féin mi, Iob ix. 20. Oir chuartaich uile gun àireamh mi: Ghabh m' aingidheachd na h-urrad ghreim dhiom 's nach urrainn mi amharc suas: Tha iad, mar a dh' ìnnseadh dhomh a' t' ainm, ni 's lionmhoire na falt mo chinn, agus thrèig mo chridhe mi, Salm xl. 12. Tha mi ni's ciontaiche na 's urrainn neach eile innseadh. Tha mo chridhe a' cuir tuilleadh as mo leith, na tha a h-aon do m' luchd-dìtidh. Agus tha thusa, O Dhé, ni 's mò na mo chridhe, agus 's aithne dhuit na h-uile nithe, 1 Eoin iii. 20.

"Bha mo bheatha lan ceannairc a t' aghaidh. Cha'n e gniomh na dhà sonruicht' a th' agam ri bhi dubhach air a shon. Cha robh aon ni ceart 'na cheud-thùs, 'na thogradh agus 'na rùin. Bha m' anam uile fo mhi-

riaghailt! Bha mo smuaintean, mo cheudfaithean, mo thograidhean, agus mo dhéigh air an claonadh gu truagh uaitse. Ghiulain mi mi féin, mar g' am b' fhuathach leam thus', a tha ni 's ro-thaitniche na aon neach eile; mar gam bithinn a feuchainn cionnas a chuirinn corruich ort, agus gun ruithinn amach t-fhoighidinn, iongantach 's mar tha i. Bha mo dheanadais olc; bha mo chainnt ni bu mheasa; agus O Dhé bheannaichte, cia mòr ni 's truaillidh na iad sin, a bha mo chridhe! B' aon tobar gun tràigh peacaidh uil' e! Tobar do thruaillidheachd gine, a mheasg a shruthaibh searbh le laithibh mo leanabuidheachd; agus a tha, mo thruaighe, a sìor ruith gus an latha 'n diugh, thairis air na dh' fhaodadh gniomh na cainnt a chuir an ceill. Tha mi faicinn gur ann mar so a tha chùis a thaobh aon ni is fiosrach mise. Ach, och, mo thruaighe! cia ioma mìos agus bliadhna a dhichuimhnich mi! ach tha fios agam gu bheil iad am bitheantas mar bha iadsan air a bheil cuimhn' agam; ach a mhain gu bheil mi a sìor dhol ni 's measa, agus a claoidh t-fhoighidin ni 's mò, agus ni 's mo, a bha do m' thaobhsa anbharra mòr agus iongantach.

"'S mor an t-òghnadh a th' orm, gun do ghiulain thu cho fada leam! 'S ann a chionn gur Dia, agus nach duin' thu, Hos. xi. 9. Nan deanta a shamhuil so do eucoir ormsa, cnuimh pheacach, cha b' urrainn mi giulan leis. Nam bithinn a' m' righ, 's fhada o chuir mi ceartas 'an gniomh air aon neach a dheanadh trian a' m' aghaidh dheth na rinn mis ortsa. Nam bu phàranda mi, 's fhad o chuir mi cùl ri aon duine-chloinne a bhiodh cho neothaingeil mhi-fhreagarrach dhomhsa, 's a bha mise dhuitse, O Athair mo spioraid! Bhiodh mo chaomh iochd àthaireil air fionnarachadh d'a thaobh, agus bu bheag orm fhaicinn na guth a chluinntinn air. C'ar son ma ta, O Thighearna, nach 'eil mis air mo thilgeadh a mach as t-fnianuis? Ier. liii. 3. C'ar son nach 'eil mi air mo ghlasadh suas fo bhinn leir-sgrios nach gabhadh caochladh? Ach, O Dhé, ma tha fhathast aon seol air dol as, m' as ion do chreutair cho chiontach riumsa dòchas a bhi aige, biodh e air fhosgladh dhomh trid do shoisgeil agus do ghràis! Agus ma tha 'm barrachd caismeachd, irioslachaidh, agus eagail, feumail chum mo shaoradh, deonaich dhomh an coinneachadh agus an giulan gu h-iomchuidh. Lot mo cridhe, O Dhé m' as

e 's gun leigheis thu e a rithist ; agus bris e na bhloidibh, ma dh' aontaicheas tu fadheoidh a cheangal suas." Hos. vi. 10.

## CAIB. V.

*Am Peacach air a dhi-armachadh o fhaoin leith-sgeulaibh.*

1. Dh-fhag an teagasg roimh am peacach an staid ro eagalach agus thruagh. Ciontach air a dhiteadh aig mòd Dhé, air a dhi-armachadh o gach dòchas ri neochiontas iomlan, agus ri ùmhlachd neo-lochdach, agus do thaobh sin buailteach do bhreth reachd naomh, nach dean mathalachd sam bith air son aon chiounta, air a lughad ; ach a tha toirt binne, bàs, agus mallachadh an aghaidh gach eas-umhlachd. Cia mòr is mó na sin, an aghaidh gach ceannairc antrom gun àireamh, a tha, O pheacaich, do choguis ga d' dhiteadh 'am fianuis Dé. Tha dòchas agam gun géill cuid do m' leughdairean do'n gheur-mhothachadh, agus nach smuainich iad air leith-sgeul sam bith a ghabhail : Oir 's cinnteach mise, gur h-e ghabhail os laimh bhi ciontach aig mòd Dhé, an aon doigh is dòcha tighinn as an cùis cho cunnartach. Gidheadh 's aithne dhomh mealltaireachd, agus fein-mhiodal cridhe peacach agus truaillidh. 'S aithne dhomh na leith-sgeil a ghabhas e, chum e fein a neartachadh an aghaidh geur-mhothachaidh, 's a chuir am fiachaibh cha'n ann a mhàin air daoin eile, ach air fein, *Ge d' a tha e ciontach an cuid do nithibh nach eil e ciontach 's na chaidh chuir as a leith : Gu bheil ioma ni r'a leith-sgeul a ghabhail, agus mar urrainn doibh fhireanachadh ni iad air a chuid is lughadh ni 's neo-chiontaicheadh e.* Tha a shamhuil so do chùl-earalas diomhair, gu bitheant' a' briseadh cumhachd a gheur-mhothachaidh, agus gu minig a bacadh an trom-irrisleachadh sin am fianuis Dé, a tha na chomharra ro-chinnteach air grad shaoradh. Chum na crìche so, ransaichidh mi cuid do na nithibh sin, 'sa chum so a dheanamh feoraichidh mi gu dùrachdach dhiot, O pheacaich, Ciod a th' agad r' a thairgs' 'san aghaidh na breth a thugadh ort ? Ciod a dh'

fhaodas tu a ràdh a' t' aobhar fein a chum 's nach teid breth Dhé a' t' aghaidh a chuir an gniomh, agus c'arson nachh faodadh tu tuiteam na lamhan a cheartais ?

2. Ach tha mi nochda so dhuit roi'-laimh nach i idir a cheist, cionnas a fhreagras tu dhomhsa, nach 'eil ach am chnuimh laig pheacaich, mar thu fein, 's a tha an ùine ghearr ri seasamh leat aig an aon mhòd : (Gun deonaich an Tighearna gum faigh mi tròcair o'n Tighearna san là sin ! 2 Tim. i. 18. Ach ciod mar fhreagras tu do d' bhreitheamh ? Ciod a dh' fhaodadh tu a thagradh nam biodh tu'n ceart uair an làthair cathair a bhreitheanais ; far nach deanadh cainnt fhaoin agus leith-sgeil gun seadh, ach do chiont ann-tromachadh ? Gu cinnteach cuiridh bhi smuaineachadh air a làthaireachd air cùl iomadh leith-sgeul faoin a tha gam fòirneadh air uairean an trà so, air ginealach a tha glan nan sùilean fein, ge nach eil iad air an nigheadh o'n salachar : Gnath. xxx. 12. No am feadh a tha iad fiosrach gu bheil iad fein neo-ghlan, tha iad ag earbsa ri briathraibh nach dean feum dhoibh, Ier. vii. 8. agus a leigeadh an taic ri cuilc bhriste. Isa. xxxvi. 6.

3. Air chinnte, cha tagair thu na leithid sin do chùis, *Gu bheil thu air teachd o phàrandaibh diadhaidh.* B'è sin gun amharus do shochair ; agus mo thruaighe thusa, a chionn gun do mhi-ghnathaich thu i, agus gun do thréig thu Dia t-aithrichean, 2 Eachd. vii. 22. Thainig Ismael o Abraham caraid Dhé ; agus b'e Esau mach Isaac, a rugadh do reir a gheallaidh, gidheadh tha fios agad gun robh iad le chéile air an gearradh a mach o'n bheannachadh, a bha iad am barail air an robh aca còir. Faodaidh cuimhne bhi agad nach e a mhain gun robh ar Tighearn a labhairt air neach a theireadh athair ri Abraham, a bha air a chlaoi an lasraichibh ; Luc. xvi. 4. ach tha e 'g innseadh gu follaiseach, gum biodh mòran de chloinn na rioghachd air an druideadh a mach ; san uair a bhiodh muinntir eile a thigeadh am fad gu suidhe innte, gum faithnear iad o'n co-chompanaich an truaighe, amhàin le 'n caoidh ni 's cruaidhe, agus le snagardaich fhiacall is ro-sgreitidh. Mat. viii. 11, 12.

4. Cha ghabh thu'n sin do dhànadas a thagradh " gur h-ann a bhuilich thu do smuaintean an eolas cinn

air diadhachd gun drùghadh air a chridhe." Ciod am feum a tha 'an so, ach a mheudachadh do dhìteadh? O'n a bhris thu reachd Dhé, o'n a chuir thu 'n aghaidh dleasnais ro-shoilleir na diadhachd, le rannsachadh agus connsachadh mu thimchioll, tha e dearbhadh gu bheil do chionta ni 's ro-ladurna. An robh thu am barail nach robh ann an diadhachd ach cùis a dheuch-ainn geur-chuis duine, no a thoileachadh an déigh air fiosrachadh? Nan rannsaicheadh tu mu thimchioll a rèir tuigse nàduir, b' eigin duit a thoirt fainear gur gnothach gniomhach a bh' ann; agus m' as e, c'ar son nach do chuir thus' an gniomh e do rèir sin? B' aithne dhuit na h-earrannan sonraicht a bha ann: agus ciod uime nach do choimhead thu gach aon diubh? B'e thu dh' aideachadh bhi tur aineolach umpa, a chùis bu fhreagarraiche dhuit a thagradh: Ach, a rèir t-aidmheil fein, b' aithne dhuit toil do mhaighstir, agus cha d' rinn thu i, tha thu togail fianuis a' t' aghaidh fein gu bheil thu toilltinn bhi air do bhualadh le mòran bhuillibh. Luc. xii. 47.

5. Cha mhò is leoir gun abair thu, *Gun robh barailean ceart agad, an da chuid mu theagaisg agus mu iarrtais na dhiadhachd.* Bu mhò an cothrom a bh' agad air a chleachdadh; ach cha mheasar am feasd gur e bhi eolach air ni, agus deanamh gu math, an t-aon ni am barail Dhé no dhaoine. Le chreidsinn gu bheil aon Dia ann, rinn thu gu math; ach tha na deamhnan mar an ceudna a creidsinn, agus tha iad a' criothnachadh. Seum ii. 19. Le aideachadh gur e Criosd Mac Dhé agus an t-Aon Naomha, rinn thu gu math cuideachd; ach tha fios agad guu d' rinn na spioraid neo-ghlan an t-aidmheil ceudna, Luc. iv. 34, 41., agus gidheadh tha iad air an coimhead ann an geimhlibh siorruidh, fo dhorchadas, fa chomhair breitheanais an latha mhòir, Iude, rann 6. Agus an cuir thu muinghinn diomhair air bith an san ni sin, a dh' fhaodadh na deamhnan a thagradh cho math riutsa?

6. Ach theagamh gun smuainich thu a ràdh, *Gun do chuir thu caileiginn an gniomh ann an diadhachd.* Air dhuit a bharalachadh ciod an creideamh a b' fhallaine, agus ciod an t-aoradh a b' fhior' ghloine, Dh' inndrinn " thu thu fein leo-san, far an robh an creideamh sin air aidmheil, agus an t-aoradh sin air a ghnàthachadh; agus nam measg-san rinn thu thu fein comharraichte, le d'

fhritheala pòngail, leis an eud leis 'n do ghabh thu 'n gnothach os laimh ; agus leis an ro-dhùrachd leis an do sheas thu suas a dhion a chreideimh agus a ghnàthachaidh sin." O pheacaich, 's mor m' eagal gun ann-tromaich an t-eud so mu thimchioll nithe àraidh mu dhiadhachd do chionta, an àit a lughdachadh. Tha fios aige-san a rannsaicheas do chridhe, co uaith dh' eirich e, agus c'àit a rainig e. Faodaidh e bhith gu bheil e faicinn nach robh san iomlan ach cràbhadh-cealgach ; sgaile mealltach, fo'n robh thu giulan air aghaidh gnothaichean an t-saoghal, am feadh a bha ainm naomha Dhé, agus diadhachd air am mi-naomhachadh agus air an truailleadh gu ro-mhor : Agus ma bha chùis mar so, tha thu mallaichte le mallachadh sonraichte, a chionn gun robh a chridh agad a leithid a thàir' a thoirt do'n uile-fhiosrachadh dhiadhaidh, cho math agus d'a cheartas. No theagamh an dùrachd leis an do chathaich thu air son a chreidimh agus an aoraidh, a thugadh aon uair do na Naoimh, Iude rann 3, no gun do shaoil thu gu h-obann, gur e sin a bha ann, dh' fhaoidte nach robh ann ach tuille uaill agus cràdh spioraid : Agus dh' fhaodadh gach dealas agus eud a bha thu a nochdadh èiridh o mhuinghinn as do barail fein, o chion foighidin le bhi cuir a' t' aghaidh, no o ghamhlas spioraid a bha 'gabhail tlachd an dìteadh barail chàich ; seadh, a bha (ma dh' fhaodas mi a ràdh) a' deanamh cobhartach do dhiadhachd. An saoil thu'n dean so do sheasamh an làthair a bhreitheamh mhòir. Nach ann is dàch' e dhùsgadh na corruich a shaoil thu a shìochaicheadh e ?

7. Ach abair gun robh t-eud air son barailean agus riaghailtean a' sruthadh o dheagh rùn cho fad sa chaidh e, agus gu math air a stiuradh cuideachd ; ciod am feum a ni sin duit'an aghaidh gach dearmad agus eas-umhlachd, a tha air an cuir sios a' t' aghaidh an leabhar cuimhne Dhé ? Nam biodh teagaisg fhoillsicht' an t-soisgeul air an coimhead gu cùramach, (mar bu choir dhoibh ;) agus an robh an rùn gniomhach air son an robh iad air am foillseachadh, ri' bhi air a dhi-chuimhneachadh ? An robh an deachamh r'a thoirt as a mhionnt, agus an anise, agus a' chumin, agus an robh nithe cudthromach an lagha ri bhi air an dearmad, Mat. xxiii. 23 ; eadhon an gràdh sin do Dhia, ni is i a cheud agus an àithne mhòr, Mat. xxii. 38. Och cionnas is urrainn thu a bhreth is

cothramaich a thug thu fein air daoin eile fhìreanachadh, air son an an-diadhachd, no air son an eas-umhlachd, gun bhi air do dhìteadh as do bheul fein! Luc. xix. 22.

8. An tagair thu ma ta, *do dheagh chliù, t-oibre, fireantachd agus tròcair?* Nam biodh t-umhlachd do lagh Dhé iomlan dh' fhaoit, a chùis aideachadh bhi ceart agus diongmhalta. Ach bharalaich agus dhearbh mi roimh, gu bheil do choguis a' togail fianuis air a cheart atharrachadh, agus cha bhi do dhànadas agad na chuireas na h-aghaidh. Nam biodh na h-oibre sin agadsa, a tha thu cumail romhad, air sruthadh o fhìor ghràdh do Dhia, agus o chreidimh neo-chealgach anns an Tighearn Iosa Criosd, cha smuainicheadh tu air an tagradh, air aon doigh ach mar dhearbhadh air do chòir air coi-cheangal an t-soisgeil, agus air a shochairibh, air an solar le fireantachd agus le fuil an Fhir-shaoruidh. Agus bhiodh an creideamh sin, nam biodh e fior an co-chuideachd ri trom-irioslachd, agus ris na h-urrad do dh-eagal urramach mu naomhachd agus gloir Dhé, an àite bhi a' tagradh a bheag do d' oibre fein 'am fianuis Dé, gur h-ann a b' fhearr leat maitheanas iarraidh air, air son a mheasga do neo-iomlanachd pheacach a tha 'n co-chuideachd a chuid a's fearr dhiubh. A nis, o'n a tha thu a' d' choigreach air an rùn irioslachaidh agus naomhachaidh so, tha e ro-fheumail gum bi e air innseadh dhuit gu soilleir, firinneach, nach fireanaich aon chuid seimheachd, no onoir, no truacantachd thu an lathair cathair bhreitheanais Dé, an uair a thomhaiseas e breitheanas leis an riaghailt, agus ceartas leis an t-sreang-thomhais, Isa. xxviii. 17., 'sa cheasnaicheas e t-uile dheanadais agus t-uile smuainte, gu ro-theann. Cha robh thu a' d' phòitear, a' t' adhaltraiche, no a' t' fhear-spùinnidh. 'S math sin. Thu a' d' sheasamh am fianuis Dia cothromach, a bheir làn cheartas duit; agus uime sin cha dìt e thu air son misg, adhaltras no spuinnidh. Ach rinn thu dearmad air-san, t-athair agus charaid a's fearr; thilg thu dhiot eagal, agus leig thu dhiot ùrnuigh na lathair; Iob xv. 4. rinn thu dimeas air fuil a mhic, agus air gach beannachadh luachmhor a cheannaich e leatha. 'S ann air a shon so a thugadh breth ort, 's a dh' fhàgadh ciontach thu. Agus air son aon ni a bha cosmhuil ri subhailc agus ri bhi mathasach ann a d' nàdur agus a d' ghiulan, bha bhi ga ghnàthachadh, an tomhas àraidh, na luach-saoithreach

air a shon, mar robh ann ach sgéimh agus ceilg; agus bha fiùghantas eagsamhail an fhreasdail dhiadhaidh dhuit, 'am measg a choilion brosnachadh 's a rinn thu air, mìle uair n'a b' fhearr na thoil beus cho neo-iomlan 's a bh' agadsa. Tha uime sin mìle cionť air an cuir as do leth air son nach eil aon leithsgeul agad; ged nach robh thu cho ciontach an cuid eile do nithibh. Agus cha ghabh na h-oibre matha sin as an robh t-earbsa, do leithsgeul na làthaireachd uamhasaich, ni 's mò na dheanadh caoimhneas duine r'a choimhearsnach bochd a shaoradh, o bhinn a rachadh a thoirt a mach air, an uair a bhiodh e air a dhìteadh air son foill an aghaidh a rìgh.

9. Ach faodaidh e bhith, gu'm bi thu ullamh gu ràdh, "Nach robh fiuthair agad ris na h-urrad so: Nach do shaoil thu gum biodh dearmad a dheanamh air diadhachd cho cronail. Agus c' ar son nach do shaoil thu e? Ciod uime nach do rannsaich thu a chùis ni b' fhurachaire agus ni bu neo-leth-phairtiche? C' ar son a cheadaich thu de dh'uabhar agus do dh' amaideachd de chridhe fhaoin, cuir suas le coslais cho neo-stéidheil, agus earbsa a dheanamh a' faoin bharailean t-inntinn mhi-rùnaich féin, calg-dhireach an aghaidh focail fhollaisich Dhé? Nan tugadh tu fainear gum b' e-san àrd Uachdaran an t-saoghail air fad, chitheadh tu cho feumail 's a bhitheadh latha a thoirt luigheachd seachad, air a bheil sinn san àm a labhairt. Nan gabhadh tu suim do'n sgriobtur, a bha thu gabhail ort a bhi creidsinn, cha'n 'eil duilleag dheth nach fhaodadh a theagasg dhuit gu 'm b' ion dòchas a bhi agad ris. Cha robh thu smuaineachadh, air diadhachd: Agus ciod air an robh thu smuaineachadh, an uair a dhi-chuimhnich, na rinn thu dearmad air? An robh tuille 's a chòir de ghnothaichean eile agad r'a dheanamh? Ciod na ghnothaichean a bh' ann? Ciod an gnothach a dh' fhaodadh tu a mheas cho feumail ris féin? An deigh gach ni bha agad r'a dheanamh, tha do choguis ag innseadh dhuit, gun robh iomadh àm do d' bheatha, le cion smuaineachadh, nach robh fios agad ciod a dheanadh tu riut féin le diomhanas: Gidheadh, bha thu air t-fhaicill roi-smuaineachadh mar bhiodh tu roi' namhaid, agus chuairtich thu thu féin, mar gum b' ann, le cion-toirt-fainear, air gach laimh dhiot, mar gum bitheadh tu g' ad' dhion o ionnsuidh chunnartaich. Bha fios aig Dia gun robh thu neo-smaointeachail, agus air a

shon sin, chuir e a t' ionnsaidh rann air roinn, agus àithn' air àithne, Isa. xxviii. 10. ann an cainnt cho soilleir, 's nach ruigeadh e a leas tapadh air bith a chum a thuigsinn. Dh' fheuch e thu le àmhghair cho math agus le tròcairibh, chum do mhosgladh a' marbh-chadal a pheacaidh. Agus cha luaithe a dhùisgeadh tu, na laidheadh tu sios a rìs air leabaidh an dearmaid. Agus a nis, cia air bith cho taitneach 'sa bha do bhruadair, 's eigin duit laidhe sios ann an doilghios, Isa. l. 11. Rug smuaineachadh fa dheireadh ort, agus 's eigin duit éisdeachd ris mar t-fhear-claoidh, o nach éisdeadh tu ris mar charaid.

10. Ach theagamh gun abair thu gu bheil aon leith-sgeul sonraichte agad fhathast r'a chuir an céill, agus gum faodar ràdh, " Gun robh thu a thaobh feumalachd do naduir air do cho-éigneachadh a dheanamh nan nithe sin, a tha nis air an cuir as do leth mar chionta, am feadh nach robh e a' d' chomas an seachnadh, a thaobh na staide san robh thu." Ma dhiongas so 'a bheag air bith, faodaidh e mòran a dhiongail; na h-urrad, 's nach diong e a bheag sam bith. Nam biodh a rùn orm freagairt a thoirt ort air amaideachd agus buaireas do thograidh féin, dh' fhaodainn a ràdh, gu bheil a cheart ni a tha dearbhadh gun robh e feumail dhuitse peacachadh, a dearbhadh fòs gu bheil e iomchaidh do Dhia peanas a dheanamh ort; agus nach fhaod e gun a dheanamh: Agus faodaidh mi a ràdh a bharrachd air sin, " Gu bheil na rùin a tha milleadh ana-ceartas a pheacaidh, a' milleadh ana-ceartas a pheanais cuideachd." Ach mar gabh thu so os-laimh, ma chumas tu do ghnà romhad a dh'aindeoin rùin, gu bheil e neo-chothromach peanas a dheanamh ort air son ni a bha ea-comasach dhuit a sheachnadh; shaoilinn gum freagradh tu gu ceart. Ach leis an fhreagradh sin, chuireadh tu an aghaidh do riaghailt féin, (mar thug mi fainear) agus leigidh mi gu ràidh do choguis féin, ciod an seòrsa riaghailt a bhiodh ann, a dheanadh gach seòrsa peanais neo-chothromach: Oir freagraidh an argainn an dà chuid do pheanas a thaobh Dhé no dhaoine. 'S riaghailt i a tha làn de mhi-riaghailt agus de dh-uamhunn. Cha ghabhadh tu i o sheirbheiseach a shladadh agus a chuireadh do thigh r'a theine: Cha b' urrainn duit a chreidsinn nach biodh comas aig air! no a smuaineachadh, gun do làn

ghabh e a leith-sgeul, le leithid a chuir roimhe. Tha mi dearbh-chinnteach gu'n gabhadh e cho fada uait a thairgse do Dhia air chionn latha a mhòr chunntais, 's nach gabhadh tu do mhisnich na chuireadh an ceart uair suas ris ann an ùrnuigh e. Smuainich gu bheil thu faicinn, Ciontach ga chuir gu bàs, leis a chainnt so na bheul: "O Dhé, tha e gun amharus fior, gun do spùinn agus gun do mhort mi mo cho-chreutair; ach tha fios agad leis mar bha mo ghnothaichean air an òrdachadh, nach robh e 'n comas domh atharrachadh a dheanamh: Bha mi aig ceann mo chomhairle leis na h-aobhair a chuir thu fa m' chomhair: agus dh' fhaodainn cho math crith a chuir air stéidh na talmhainn, no a ghrian a dhorchachadh 's na speuraibh, 's a dh' fhaodainn cuir an aghaidh an tograidh a bhrosnaich mi chum a dheanamh." Leigidh mi gu d' bhreth féin mar amhairceadh tu air a leithid so de chainnt le mòr-ghràin mar aon dò-bheirt a chuir ri aon eile. Gidheadh nam biodh feum air bith a d' leith-sgeul-sa, bhiodh urrad na leith-sgeul-sa, no bhiodh e cho fhreagarrach a ghabhail anns a chùis bu ro-sgreitidh. Ach gun amharus tha e cho càlg-dhireach an aghaidh tuigse naduir, 's gur gann is urrainn mi a shaoilsinn gum bu chomasach do aon neach làn chreideas a thoirt da, agus mheasainn gum biodh m' ùin air a mi-bhuileachadh, nan teannainn ris a chùis a chonnsachadh, riusan a tha 'g oirpeachadh sgàil a tharruinn air.

11. Tha dòchas agam gu bheil thu faicinn a nis, cia diomhanach do leith-sgeil uile, agus cho furasd 's a dh'fhaoidte 'n cuir nan tosd, le duine mar thu féin: Cia gu mòr ni's mò na sin, leis-san a ranusaicheas gach cridhe; agus a dh' fhaodas ann am prioba nan sùl, geur-mhothachadh làidir a thoirt do 'n choguis? Ciod a nis a dh' fhaodas tu dheanamh, an uair a tha thu air t'fhaighinn ciontach an làthair Dhé? Ciod is còir dhuit a dheanamh ach fantainn a d' thosd fo throm mhothachadh air do chionta, agus thu féin a dheanamh deas a chluinntinn na bìnne a bheir a lagh a mach a t' aghaidh? 'S fheudar dhuit a cuir an gniomh fhaireachdainn, mar dean an soisgeul fa-dheoidh do shaoradh; agus 's éigin duit cail-eiginn d'a uamhas a mhothachadh m' am brosnaichear thu gu iarraidh a dh' ionnsaidh an t-soisgeil sin a dh' fhaighinn saoraidh.

BEACHD-SMUAINTEACHADH *a Pheacaich a fhuair mothachadh, 's a tha leigeadh dheth a leith-sgeulan faoin am fianuis Dé.*

" Is bochd gun amharus an staid gus an tàinig mi ! Pheacaich mi ; agus ciod a their mi riutsa, O Fhircoimhid dhaoine, Iob vii. 20. Ciod tha chridhe agam a ràdh ? B' amaideach mi bhi ga m' mhealladh féin le leith-sgeulan faoine mar sin, 's a bhi ann am barail gun diongadh iad a bheag a' d' lathair chumhachdaich-se ; no gu 'm b' urradh dhomh urrad 's an ainmeachadh ann ! Cha 'n 'eil e 'n comas domh de dhànadas a ghabhail na ni e.—Tha mi a' m' thosd agus fo nàire. Chuireadh mo thruaighe, as do m' dhòchais ; agus tha m' anam ullamh gu bàsachadh cuideachd ; cho fada 's a 's urrainn anam neo-bhàsmhor bàsachadh : agus cha mhòr nach b' fhearr leam a ràdh, O nach glan bhàsaicheadh e ! Tha mi gun amharus a' m' chiontach 'an laimh aig ceartas, air mo dhi-àrmachadh o na h-àirm as an robh m' earbsa. Cha dean cealgaireachd ach brosnachadh a chuir ri brosnachadh. Uime sin aidichidh mi e gu saor, soilleir. Rinn mi dìreach mar g' am biodh fiughair agam gu 'm b' ionann do Dhia a 's domh féin : Ach thuirt e, bheir mi achasan duit : Cuiridh mi do pheacaidh 'an òrdugh fa chomhair da shùl; Salm l. 21. cuiridh mi an òrdugh catha iad. Agus och ! 's uabhasach an seòrsa feachd iad. Tha iad ga m' chuartachadh air chor 's nach eil seol agam air dol as ! Och m' anam ! rinn iad mar gu'm b' ann, prìosanach dhiot ; agus tha iad gad' thoirt chum cathair-breitheanais Dé.

" 'S éigin duit thu féin a nochdadh na làthair ! 'S éigin duit am breitheamh eagalach siorruidh fhaicinn, a sgrùdas na h-àirnean, Ier. xvii. 18. ; agus nach iarr aon dearbhadh eile, oir bha e féin fianuiseach air t-uile cheannairc, Ier. xxix. 23. Is éiginn duit fhaicinn, O anam, 'na shuidh gu breth a thoirt ort : Agus ma bhios e teann ann an comharrachadh aingidheachd, Salm cxxx. 3., cionnas a fhreagras tu e aon uair a 's a mhìle ! Iob ix. 3. Agus mar urrainn duit a fhreagairt, ciod a chainnt a labhras e-san riut ! A Thighearna, a reir 's mar tha chùis, cha 'n ion domh dòchas a bhi agam ri aon ni ach ri bhi air mo dhìteadh. Agus ciod an dìteadh a ta ann ? Leig leam smuaineach air ? Leig dhomh

mo bhinn a leughadh m' an toirear a mach i air doigh nach gabh i caochladh? Tha fios agam, gu bheil i sios na fhocal; agus tha fios agam gur h-ann o rùn gràsmhor a tha e teachd. Tha mi fiosrach, gu 'm bu mhath leis eagal a chuir oirnn, chum nach rachadh ar sgrios. Labhair rium, uime sin, O Dhé, am feadh nach i so an uair ma dheireadh a labhras tu, agus nach éisd thu tuille riumsa. Labhair air mhodh éifeachdach a chuir geilt orm, ach gun mo chuir gu tur an eadòchas. Agus biodh t-fhocal, ge b'e sam bith goirt oibreachadh, beo, agus cumhachdach, agus ni 's géire na claidheamh dà fhaobhair air bith. Na bitheam air m' fhàgail a' m' chobhartach bochd dhoibhsan a dheanadh fàisneachd dhomh air nithibh mìne, Isa. xxx. 10., gus am bi mi air mo ghlasadh suas fo fheirg, agus a' mothachadh do cheartais a troi-lot m' anma, agus nimh do shaighdean ag òl suas m' uile spioraid, Iob vi. 4.

"M'an gabh mi làn-bheachd air a chùis, tha mi fiosrach gur ni eagalach tuiteam an lamhaibh an Dé bheò, Eadh. x. 31. O Dhé bheò, 'an aon seadh tha mi cheana air tuiteam a' d' lamhaibh. Tha mi gu cheart-bhreitheach buailteach do d' chorraich; agus ge b'e breth a thig orm a mach o' d' lathairse, Salm xvii. 2., 's èiginn domh mi féin fhàgail ciontach agus thus a mheas cothromach. Cha 'n 'eil e comasach buntainn rium ni 's cruaidhe na thoill mo pheacaidh. Agus ge b'e sam bith cho searbh sa bhios cuach na ball-chrith sin, Isa. lvi. 17., a dh' òrdaicheas tu dhomh, tha mi ga m' mheas féin toillteannach air a deasguinean fhàsgadh gu buileach, Salm lxxv. 8.

## CAIB. VI.

*Binn a Pheacaich air a toirt a mach.*

1. Eisd! O pheacaich agus labhraidh mi, Iob lx. 4. fhathast aon uair eile, mar an ainm Dhé, do bhreitheamh Uile-chumhachdach; agus ged' nach éisd thu r'a sheirbheisich, labhraidh e féin riut an ùine ghearr, le cumhachd agus le h-uamhunn nach urrainn duit cuir na aghaidh.

2. Fhuaradh ciontach thu, mar na làthair. Chaidh do chuis-thagraidh a chuir gu neo-brigh. Tha e soilleir am fianuis Dé, agus tha e soilleir do d' choguis fein,

nach eil aon ni eil agad r'a radh an aghaidh a bhretheanais; uime sin, éisd ri d' bhinn, agus gairm, m'as urrainn duit, air uile chumhachda t'anma chum a cuir an gniomh, fhulang. Cha 'n 'eil ann ach ni ro-bheag gu'n tugta breth le bretheanas duine; ach 'se an Tighearn a tha nis a' toirt breth ort, 1 Cor. iv. 3, 4. Eisd uime sin, agus bi air bhall-chrith, am feadh a bhios mi 'g innseadh dhuit, mar labhras e riut; no, am feadh a nochdas mi dhuit, o sgriobtuir follaiseach, cionnas a tha e 'n dràst a labhairt, agus ciod i a bhinn fhior a tha sgriobhta na fhocal, eadhon na fhocal-san, a thubhairt, gu'n téid nèamh agus talamh thairis: ach nach téid aon lide do m' fhocal-sa thairis am feasd, Mat. v. 18.

3. Cha 'n 'eil reachd Dhé a labhairt riutsa a t' aonar, O pheacaich, ach tha e labhairt air mhodh ro-choitcheann ris gach peacach, agus a' bagradh uamhasan an aghaidh gach aon chionta, beag na mòr, gun chumhn' air bith. Agus 's i so is cainnt da: 'S mallaichte gach neach nach buanaich anns na h-uile nithibh a ta sgriobhta an leabhar an lagha chum an deanamh, Gal. iii. 10. 'S i so a chainnt do'n t-saoghal uile; agus 's ann air a mhodh so a ta e labhairt riut-sa cuideachd. 'S iad suim nam briathran eagalach sin, O leughadair a bhuineas gu roshònraichte dhuitse. An àite buanachadh anns gach ni a ta sgriobhta chum an deanamh, cha 'n fhaod thu gun bhi mothachail, gun d'iath uile gun àireamh m' an cuairt duit, Salm xl. 12. Tha e a nis dearbh-shoilleir, gur tus' an duine tha e a' dìteadh; tha thu direach a nis mallaichte le mallachd, mar tha Dia gu dùrachdach a labhairt, Mal. iii. 9. le mallachd an Dé is ro-àirde: Seadh, tha gach mallachd a tha sgriobhta an leabhar an lagha air an comharrachadh a t' aghaidh, Deut. xxix. 20. Faodaidh Dia a h-aon air bith dhiubh a chur gu cothromach an gniomh ortsa ann an tiota; agus ged nach 'eil thu san àm so a' faireachdainn a h-aon diubh, gidheadh mar dean tròcair neo-chriochnach Dhé a bhacadh, 's gearr gus an téid iad a stigh a'd' chòm mar uisge, gus an sgain thu leo, agus théid iad air feadh do chnàmh mar ola, Salm cix. 18.

4. Mar so a deir an Tighearna, An t-anam a chiontaicheas gheibh e sin bàs, Esec. xviii. 4. Ach chiontaich thusa, agus uime sin tha thu fo bhinn a bhàis. Agus ciod am bàs, O dhuine thruaigh! Ciod a chrioch

a bhios air na nithibh sin? Gun glac cruaidh-ghleachd nàduir a' dol eug thu; gum bi t'anam air a spìonadh air falbh o d' chorp lag, agus gum pill thu chum na h-uir' o'n tainig thu, Salm civ. 29. 'S e so gun amharus aon de thoradh uamhasach a pheacaidh. Leis na briathraibh drùighteach sin, sgrìobh Dia do gach cinneach agus do gach linn dhaoine, a chuimhneachan eagalach air fhuath naomh do 'n pheacadh, agus air a dhìom fhirinnich na aghaidh. Ach mo thruaighe! cha 'n 'eil ann an so uile ach toiseach air cùis gu mòr is uamhasaiche. Cha 'n 'eil ann ach mar bhuille gharbh neochlneasta, leis a bheil na cuibhrich air am bualadh bh'arr a chiontaich, an uair a tha e air a thoirt a mach gu claoidh agus gu fulang.

5. Mar so a deir an Tighearna, pillear na h-aingidh do dh-ifrinn, eadhon gach cinneach nach cuimhnich Dia. Ge do robh cinnich iomlan ann diubh, cha saor an àireamh no an cumhachd iad. Bithidh iad air an iomain do dh-ifrinn co-lath, do 'n ghainntir loisgeach sin, a dheasaich dioghaltas diadhaidh; do Thophet a dh' òrdaicheadh o shean do righrean cho math agus do dhaoin eile; 's co beag is urrainn inbh shaoghalt' an dìon! Rinn e domhain agus farsuinn e; cruach theine agus moran connaidh; tha anail an Tighearna, mar shruth pronnaisg ga fhadadh, Isa. xxx. 33. agus bithidh an sruth lasarach a' bruchdadh cho dian a stigh air, 's gun tionndadhar e gu cuan de theine leaghta; no mar tha 'n sgriobtur ga ainmeacha, loch a tha dearg-lasadh le teine agus pronnusg, gu saoghal nan saoghal, Taisb. xxi. 14. 'Se so an dara bàs; agus am bàs, a tha 'n dàn duitse, mar gabh thu aithreachas, O pheacaich, a reir focail Dé.

6. Agus an seas a bhinn so air chuimhn' an diomhanas? An labhair an reachd agus an soisgeul e? Agus an labhrar am feasd ni 's soilleir' e? Agus nach iarr Dia am peanas a chuir an gniomh? Iarraidh e, O pheacaich, agus cuiridh e 'n gniomh e; ge d' a tha e rè tamuil a' cuir dàil ann. Oir 's math a ta fios agad gun do shuidhich e latha anns an toir e breth air an t-saoghal am fireantachd, tre 'n duine sin a dh' òrdaich e, air an tug e dhuinn dearbhadh le a thogail o na mairbh, Gniomh. xviii. 31. Agus an uair a bheir Dia breth air an t-saoghal, O leughadair, co air bith thu, bheir e breth ortsa. Agus an uair a ta mi ga chuir a d' chuimhne-

se, bu mhath leam mar an ceudna a chuimhneachadh, gun toir e breth orm féin. Agus air dhomh fios a bhi agam air uamhas an Tighearna, 2 Cor. v. 11. chum gun tearuinn mi m' anam féin, Esec. xxxiii. 9. bu mhath leam leis gach soillearachd agus dùrachd saoithreachadh chum t-anams a thearnadh cuideachd.

7. Tha mi air an aobhar sin, ag ainmeachadh an t-sanuis dhùrachdaich so : 'S éigin duitse, O pheacaich, seasamh an làthair cathair bretheanais Chriosd, 2 Cor. v. 10. Chi thu 'n sealla greadhnach sin ; air a bheil thu cho eolach le bhi cluinntinn iomradh air, 's nach deanadh a chluinntinn a rithist a bheag de dhrùghadh air t'inntinn. Ach 's cinnteach, neo-umhaileach 's mar tha thu, gun cuir trompaid chruaidh an Ard-Aingil crith air t'anam : Agus mar urrainn aon ni eile drùghadh ort, ni plosgartaich agus lasraichean an t-saoghail a leaghadh as e !

8. Am bheil thu da rìreadh am barail gur e rùn aththeachd Chriosd a mhàin a dh' aiseag a shluaigh o'n uaigh, agus an togail chum gloir' agus sonais? Ge b'e cinnt a th' agad gum bi ais-eirigh nan ionracan ann, tha 'n dearbhadh ceudna agad gum bi ais-eirigh nan aingidh ann cuideachd, Gniomh. xxiv. 15. Gun tearb e na mairbh mar dh' éireas iad o chéile, mar thearbas buachaille na caoirich o na gobhairibh, Mat. xxv. 32. leis an aon chinnte agus gu mòr ni 's neo-dhraghaile. No am faod thu bhi 'am barail nach dean e ach eisimpleir dheth chuid de pheacaich ro-ghraineil fhollaiseach, an uair a tha e air a radh, gun seas na mairbh uile, eadar bheag a's mhòr, an làthair Dhé, Taisb. xx. 12. agus eadhon e-san d'a nach b' aithne toil a mhaighstir, 's aig am bheil an leith-sgeul is mò air son a dhearmad ; gidheadh bithidh e-san, air son an dearmaid sin, air a bhualadh, ge h-ann le àireamh is lugha de bhuillibh? Luc. xxii. 48. No am bheil thu am barail, gu'm bheil binn a bheirear amach leis na h-urrad ghreadhnachais agus mhòralachd, bìnn leis am bheil ceart bhretheanas Dé ri bhi air fhoillseachadh, agus a bhuaidh shoilleir dheireannach, gu bhi na ghnothach faoin, no am bi anns a pheanas gus an toirear thairis am peacach ach peanas faoin so-fhulang? Cha b' ion duinn a bhi sa bharail sin, ge d' a bhitheamaid air ar fàgail gu sinn fein a smuaineachadh ciod a bhinn a bhiodh ann. Ach 's fhad a ghabh a chùis o bhi mar

so: Cho-aontaich ar Tighearn Iosa Criosd, na chaomh thròcair neo-chriochnach, air dùbladh na breth a thoirt duinn, agus cha 'n ion duinn a bharalachadh nach eil e ro-fhior, agus bu chòir do na briathran leis am bheil i air a cuir an céill, bhi air an sgriobhadh air clàr gach cridhe. Their an Righ, am measg a ghreadhnachais agus an urrainn leis am foillsichear e, riu-san a ta air a laimh dheis, Thigibhs' a ta beannaichte le m' Athair, sealbhaichibh mar oighreachd an rioghachd a ta air a deasachadh dhuibh o leagadh bunaite an domhain? Mat. xxv. 34. Far am bheil focal rìgh tha cumhachd, Ecles. viii. 4. Agus tha cumhachd anns na briathran sin, a dh' fhaodas mor mhisneach a thoirt do'n chreideach iriosal, fo 'n trioblaid is mò, agus a lionadh le aoibhneas do-labhairt, agus làn de ghlòir, 1 Pead. i. 3. Bhi air do ghairm beannaichte leis an Tighearna! cuireadh a bhi agad chum rioghachd! chum a grad shealbhachadh gu siorruidh! agus air a leithid do rioghachd! cho math air a deasachadh, cho glòrmhor, cho iomlan, cho rìomhach air a h-ullachadh, chum sòlas agus toilinntinn chreutairean a tha mar so air an dealbh agus air an ath-nuadhachadh, gu'm measar a dealbh aithrigh air comhairle shiorruidh Dhé, aithrigh air a ghràdh bith-bhuan a dh'ullaich i, agus a ghabh tlachd na buileachadh air a shluagh: Feuch, da rìreadh dòchas beannaichte! A dh' ath-ghin sinne gu beo dhòchas, tre aiseirigh Iosa Criosd o na mairbh, 1 Pead. i. 3. agus air a dhealbh le drùghadh naomhachaidh Spioraid Dhé air ar n-inntinn. Ach 's dòchas e, O pheacaich, o'm bheil thus an trà so air do chumail: Agus air leam gur deacair an ni, a smuaineachadh,— "Gun labhair Criosd na briathran sin ri daoin eile; ri àireamh mhòr, ged nach ann riumsa. Cha'n 'eil beannachadh air bith air a labhairt riumsa. Cha'n 'eil aon rioghachd air a deasachadh fa m' chomhair." Ach an e sin uile do chall? Mo thruaigh, a pheacaich, 'S bochd an t-atharrachadh a thug Dia dhuit air sòlas chàich. Dh'innis e dhuinn ciod a their e riut, ma bhuanaicheas tu neo-iompaichte mar tha thu; riutsa, agus ris gach cinneach neo-iompaichte neo-chreideach a tha air feadh an t-saoghail, ge b'e air bith an àireamh, na meud an inbhe. Their e ri Righrean an domhain, a rinn ceannairc na aghaidh, ris na daoine mòra agus saibhir, ris na cinn-

fheadhna, agus ris na daoine cumhachdach, cho math agus ris gach tràill, agus ris gach duine saor neo-inbheach, Taisb. vi. 15. *Imichibh uam, a shluagh mallaichte, a dh'ionnsuidh an teine shiorruidh, a dh'ullaicheadh do'n diabhul agus d'a ainglibh,* Mat. xxv. 41. Och, thoir fainear na briathran cudthromach sin, chum 's gun tuig thu caileigin d' am brìdh.

9. Their e Imich. Bithidh tu air t-iomain as fhianuis le masladh agus mi-chliù. UAITH-SAN, o'm bheil beatha agus gach beannachadh a' sruthadh, agus a tha luchd-àiteachaidh nèamh a deanamh gàirdeachas air son a bhi dlù dha. Falbhaidh tu MALLAICHTE: Bhris thu reachd Dhé, agus tha a mhallachdan a' teachd ort: agus tha, agus bithidh tu fo'n mhallachd sin, am buan mhallachd sin: O'n latha sin measar thu mar ni mallaichte agus gràineil le Dia agus le daoine; mar a chuid is gràineile agus is ro-thruaighe de 'n chruthacha gu h-iomlan. Théid thu do theine: Agus, O smuainich ciod an teine? An ann a mhàin do aon lasair dhian-loisgich, a chuireadh as duit ann an tiota, ge d' a bhiodh e anbharra cràiteach? Bhiodh sin fein uamhasach. Ach, cha'n ion na h-uamhasan sin ainmeachadh an coimeas riu so. Se 'n teine gus a bheil thus' a' dol, O pheacaich, teine siorruidh! 'Se sin e a dh' ainmich ar Tighearn am briathran cho eagalach, far nach bàsaich a chnuimh, agus nach téid an tein' as, agus an sin tha e ga ràdh an darna h-uair, far nach bàsaich a chnuimh, agus nach téid an teine as: agus a rithist le caomh iochd, an treas uair, far nach bàsaich a chnuimh, agus nach téid an teine as, Marc. ix. 44, 45, 48. Cha 'n ann a mhàin air do shons' a chaidh dheasachadh an tùs; ach do'n DIABHUL AGUS D'A AINGLIBH; air son nan ceud cheannairceach reasgach sin, a chaidh an òrduchadh air ball d'a ionnsuidh an deigh dhoibh tuiteam: Agus o'n a ghabh thusa leo nan ceannairc, 's eigin duit dol fodha, leo do'n lasair dhian loisgich sin; agus théid thu fodha ni's doimhne, a chionn gun d' rinn thu di-meas air Slanuighear nach deach riamh a thairgse dhoibhsan. 'S iad sin a bhios nan companaich agus nan co-luchd-cràidh agad, leis am bi do chòmhnuidh gu saoghal nan saoghal. Agus an saoil thu gur mis a tha ag ràdh so! na'm beil an lagh agus an soisgeul ga ràdh cuideachd? Nach eil an Tighearn Iosa Criosd gu soilleir ga ràdh, neach is e an fhianuis dhìleas agus fhirinneach

(Taisb. ii. 14.) eadhon e-san fein, a tha ris a bhinn a thoirt a mach ?

10. Agus an uair a tha e mar so air ainmeacha leis-san, an saoil thu nach cuirear an gniomh e ? Co a dh-fhaodadh a bhi an caochladh barail ? Co a b' urrainn a smuaineachadh gum biodh am foillseachadh greadhnach so air a chuir an cèill ? a lionadh inntinn dhaoine le geillt dhiomhain ; agus gun tigeadh a bhinn so gu neo-ni ! Faodaidh tu a mheas gum biodh so ni bu thàmailtiche do 'n riaghladh nèamhaidh, no ged nach rachadh a bhinn idir a thoirt amach. Agus air an aobhar sin, faodaidh sinn a bhi cinnteach gu'n cuirear an gniomh i, o'n riagh-ailt, air an deachaidh a bhreth a thoirt duinn gu'n cuirear an gniomh i, ann am briathraibh cho chomharraichte. Nitear e : Nithear gu grad e. An sin, am feadh a ta 'm fuaim fhathast nan cluasaibh, imichidh na h-aingidh chum peanais shiorruidh, Mat. xxv. 46. Agus thus, O leughadair, co air bith thu, ma tha thu nan àireamh, imichidh tu leotha ; bithidh tu air t-iomain am measg nam mòr-mhuinntir thruagh sin, agus leo-san air do thilgeadh do leir-sgrios siorruidh. Bi'dh dorsan farsuinn ifrinn gu fial fosgailt' gu'r gabhail a stigh ; druidear oirbh iad chum ur cumail am feasd a stigh ; agus crannar gu laidir iad, le laimh Uile-chumhachdaich ceartais Dé, chum 's nach bi dòchas agaibh ri faighinn as am feasd, no idir cothrom air a dheanamh.

11. Agus a nis dean deas thu fein chum codhail a chumail ris an *Tighearna* do *Dhia,* Amos iv. 12. Gairm a t' ionnsaidh uile mhisneach t-inntinn, chum a leithid sud do bhreth a chuir an gniomh fhulang : Oir cha choinnich e thu mar dhuine, Isa. xlvii. 3. theagamh air am faigh a thiom-chridhe buaidh, an uair a bhios e ri cùis chruaidh fheumail a chuir an gniomh, an aghaidh reusain agus ceartais. Cha choinnich, ach mar Dhia, aig am bheil innleachdan agus a rùin uile cho do-ghluas-aid, 's a tha a righ-chathair. Tha mi air an aobhar sin a' togail fianuis duit na ainm air an là an diugh, ma tha Dia fior, gun labhair e mar so, agus ma tha e comasach, gun dean e mar so cuideachd. Agus le a bharalachadh gum buanaich thu neo-iompaichte mi-chreideach, tha thu air do thoirt a dh' ionnsuidh na staide truaighe so ; mar eil Dia aon chuid mealltach no lag, gu bheil thusa ris dheth, caillte gu siorruidh !

*Smuaintean a Pheacaich, air a bhualadh le uabhas na Brethe so.*

" Is duine truagh mi ! Ciod a ni mi ? no, co ionnsaidh theicheas mi ? Tha mi air mo thomhas air a mheidh, agus fhuaradh gann mi, Dan. v. 27. 'Si so mo bhreth : a bhinn ris an ion fiughair a bhi agam o bheul Chriosda fein ; o bheul an Tì sinn a chaidh gu bàs chum daoine shaoradh agus a thearnadh. Binn eagalach ! agus ni 's ro-uamhasaiche 'n uair a bheirear fainear i san t-seadh sin ! Co ris a sheallas mi chum mo shaoradh uaipe? Co ris a ghlaodhas mi ? An abair mi ris na sleibhtean, iad ga m' fhalach ? Luc. xxiii. 30. Ciod am feum a dheanadh sin domh ? Ged' a bhithinn air mo shlugadh suas fo Chreagan agus Shléibhtean, cha b' urrainn doibh m' fhalach o bheachd a shùl-san ; agus ruigeadh a làmh orm an sin co rèith-bheirteach 's an aon àit' eile.

" Is duine ro thruagh mi gun amharus ! Och b'fhearr nach d' rugadh riamh mi ! Och b' fhearr nach robh eolas riamh agam air buaidh agus sochair an nàduir reusonda ! Sochair chruaidh-fhortanach da rireadh, a tha ga m' fhàgail buailteach do dhìteadh agus do chorruich ! B' fhearr nach d' fhuair mi riamh eòlas air toil Dé, seach 'an deigh dhomh faotainn a cuir an neo-shuim agus ciontachadh 'na aghaidh ! B' fhearr leam gu'm bithinn an dlù-dhàimh ris an aon is suaraiche de'n chinne-daoine, riu-san is tinne air nàdur nam brùidean, seach mo chrannchar a bhi agam ann an talamh soluis, am measg a cho-lion soillearachd air reuson, agus am measg a cho-lion eolas air diadhachd cuideachd ! agus gach sochair dhiubh so a mhi-ghnàthachadh chum mo leir-sgrios siorruidh ann-tromachadh ! Och b' fhearr gun tugadh Dia air falbh an t-anam reusonda so ! Ach mo thruaighe ! mairidh è beo gu claoidh a bhàis shiorruidh a mhothachadh. C' arson a bhlais mi a cho-lion sochair o m' Chruithear, gu deasguineau a chorruich fhàsgadh a mach air a cheann ma dheireadh ? C' arson a fhuair mi eolas air sòlas cuideachda, agus air comhluadar chàirdean, chum am malairt air son cuideachda dheamhnan agus spioradan mallaichte ann an Tophet ? Och mo thruaighe ! co is urrainn còmhnuidh a ghabhail

leo 'an lasraichean mìllteach ? Co is urrainn laidhe sios leo 'an teine siorruidh ?

" Ach co a th' agam r'a choireachadh air son so uile, ach mi féin ? Co air is urrainn mi a choir' a chuir, ach air m'amaideachd cheann-laidir choirbte fein ? Mo thruaigh ! co air a dh' fhaodar coire an iomlain de'n leirsgrios uabhasach so a chuir, ach air an aon aobhar mhallaichte, air dhomh reachd Dhé a bhriseadh, gun do chuir mi cùl r'a shoisgeul cuideachd ?

" Gidheadh dean foighidin, O m' anam, am meadhon nan gearan dòlasach sin. Am faod mi a ràdh, gun do chuir mi tur chùl ris an t-soisgeul ? Nach eil mi an diugh fo 'n fhuaim aige ? Cha tainig a bhinn amach a m' aghaidh fhathast air dhoigh 's nach fhaodar a h-atharrachadh. Troimh an duibhre choimhich so, tha aon fhàirleus dòchais a' briseadh a stigh, agus cha 'n 'eil e ea-comasach dhomh fhathast a bhi air mo shaoradh.

" Is sòlasach an smuain e ! Dean gàirdeachas air a shon, O m' anam, ged' is ann le ball-chrith ; agus pill gu grad ris an Dia sin, ged' a chaidh a bhrosnachadh le deich mìle cionta, nach do mhionnaich fhathast na fheirg, nach ceadaichte dhomh tuille co-chomuinn a chumail ris, no nach rachainn a steach d'a shuaimhneas. Salm xcv. 11.

" Tha mi nis, O THIGHEARNA bheannaichte, ga m' shleuchdadh sios san duslach a' t' fhianuis. Tha mi 'g aideachadh bhi m' chreutair truagh fo bhìnn. Ach 's ionann cainnt domhsa 's do'n chìs-mhaor iriosal, a Dhia dean trocair ormsa, ta m' pheacach ! Luc. xviii. 13. Tha càileigin do bheachd neo-iomlan agam air slighe troimh 'n comasach dhomh dol as. O Dhé, ciod air bith an t-slighe sin, nochd dhomh i, guidheam ort ? Comharraich a mach i cho soilleir 's nach urrainn domh dol am mearachd oirre ! Agus O dean mo chridhe toileach gabhail rithe, ge be sam bith iriosal no cràiteach a bhitheas e ?

" Gu cinnteach, O Dhé, tha mòran agam r'a fhoghlum ; ach bi thusa a' t' oid-ionnsaichidh dhomh ? Cuir stad c'ar tamuill bhig air do laimh a tha togta suas ; agus cuir dàil sa bhuille, air son do chaomh iochd neo-chriochnach, gus an rannsaich mi cionnas a dh' fhaodas mi gu h-iomlan a sheachnadh ?"

## CAIB. VII.

*Staid bhochd a Pheacaich fo bhinn.*

1. A Pheacaich, chuala tu breth Dhé mar a ta i air a' cuir sios 'na fhocal naomh neo-chaochlaideach. Agus an laidh thu fodha an eadòchas bith-bhuan? Nach toir thu oidhirp air bith gu bhi air do shaoradh uaith, an uair nach eil e a' bagradh ni 's lugha dhuit, na Bas Siorruidh t-anma? Ma bhios aig ciontach fo bhinn, le reachd dhaoine, ach an dòchas is lugha gum faigh e saor, cha 'n 'eil ni a bhios na chomas nach dean e chum sin a thoirt gu crìch. Ma shaoileas e gu bheil caraid aige is urrainn còmhnadh a dheanamh ris, nach dian a dh' earalaicheas e air a charaid sin cobhair a dheonachadh dhà? Agus am feadh a ta e 'an làthair a bhreitheimh, cia deacair a tha e a thoirt a dh' aindeoin air falbh, am fad sa shaoileas e gur h-ion da dòchas a bhi aige ri tròcair, ga nach bi e coslach dhà faotainn? Tha, le barail a bhi aige nach eil e neo-chomasach, ga dheanamh ro-dhùrachdach, agus ga fhàgail ro neo-thoileach air bhi na thosd no air a thoirt air falbh.

2. Nach smuaintich thu, O pheacaich, ciod a ghabhas deanamh dhuit, m' an teid do bhinn a chuir 'an gniomh, ni a dh' fhaodas tachairt an diugh fein? Ach ciod a ghabhas deanamh? Smuaintich gu cùramach air, oir is gnothach cudthromach e. Cha'n urrainn do d' ghliocas, do d' chumhachd, na do d' dheas-chainnt a bhi 'm feasd air an gnàthachadh an cùis is mò. M'as comasach dhuit cobhair a dheanamh ort fein dean e. Ma tha bheag an diomhair agad fein a ni e, na bi an comain neach eil air a shon. Ma tha aon iobairt agad ri thoirt suas, ma tha bheag do neart agad r'a fheuchainn; seadh, ma tha bheag de luchd-còmhnaidh agad air thalamh, no san t-saoghal neo-fhaicsinneach, a ta comasach air do dhìon agus do shaoradh; gabh do sheol fein, chum gun saorar thu, agus nach faic sinne do leir-sgrios. Ach abair O pheacaich, am fianuis Dé, ciod an iobairt a bheir thu seachad, ciod an neart a ghnàthaicheas tu, ciod an luchd-còmhnaidh ris an dean thu do ghearan air gnothach cho dian ea-dòchasach? Oir 's ann ea-dòchasach a's eigin domh mheas, m' as iad sin na meadhonnan a tha thu r'a ghnàthachadh.

3. Tha dochair air a dheanamh air ceartas Dé: Am bheil dìoladh sam bith agad r'a thoirt seachad? Nan tugta gu rannsachadh agus gu tairgs' thu, mar am peacach a chaidh a dhùsgadh, Ciod leis an tig mi am fianuis an Tighearna; leis an strìochd mi mi féin 'an lathair an Dia a's àirde? An tig mi 'na fhianuis le iobairtibh-loisgte; le laoigh a bhios bliadhna dh-aois? Am bi'n Tighearna toilichte le mìltibh do reitheachaibh, le deich mìltibh de shruthaibh ola? Mic. vi. 6, 7. Mo thruaighe! ge do bhiodh tu a' d' rìgh cho mòr 's a bha Solamh, agus gum b' urrainn duit an samhuil sin de iobairtean a cheannach, cha b' fhiù iad an ainmeachadh. Cha bu leoir Fiodh Lebanoin gu losgadh, na gach beathach a ta air chum tabhartas loisgte. Eadhon fo 'n fhrithealadh sin, a ghabh os-laimh, agus a bha 'g iarraidh iobairtean an cuid de chùisibh, mar bha fuil thàrbh agus ghobhar, ged a bha iad a' dion a chiontaich o thuille peanais aimsireil, cha robh iad comasach air peacadh a thoirt air falbh, Eabh. x. 4. no a choguis a ghlanadh 'an sealladh Dhé. Cha robh e air a cheadachadh do'n anam a dheanadh a bheag gu h-andàna, aon iobairt-eusontais a thoirt idir suas, ach bha e air a dhìteadh gu bàsachadh gun trocair, Air. xv. 30. A nis tha dearbh-fhios aig Dia, agus aig do choguis féin nach e a mhain gun do pheacaich thusa tre aineolas gun fhios duit, ach gun do pheacaich thu gu minig gu h-andàna, air iomadh doigh ann-trom, mar a dh' aidich thu cheana. Nan abradh tu leis a pheacach thruagh m' an do labhradh roimh, an toir mi mo cheud-ghin air son mo chionta, toradh mo chuirp air son cionta m' anma? Mic. vi. 7. Ciod a dh' fhaodadh fuil leinibh ghràdhaich a dheanamh na leithid so do chàs, ach do pheacannan a dheanamh ni bu roann-troma na bha iad roimh? Chuir thu corruich air an Dia Uile-chumhachdach; agus ma tha a chionta sin r'a dìoladh le fuil 's èigin gur h-ann le gnè eile fhola, seach na tha ruith a' d' chuislibh féin, no an cuislibh do chuid cloinne.

4. Am fuilig thu féin ma ta, gus an toir thu landìoladh seachad? Ach c' àit' an toirear an dìoladh sin seachad? An ann a bhios e le aon àmhghar a dh' fhuiligear 'sa bheatha bhàs-mhoir dhiom-buain so? Am bheil ceartas Dé air a mheas na ni cho faoin, s' gu bheil doilghios beagan laithean ni's leoir chum dìoladh a thoirt

air a shon? No am bheil thu smuainteachadh air fulangais san ath-shaoghal: Ma tha, cha saoradh idir sin: Agus do thaobh sin faodaidh mi a ràdh, An uair a bheir thu làn-dìoladh seachad, gun cuirear fa-sgaoil thu: An uair a dh' ìocas tu a pheighinn ma dheireadh do d' fhaichan, fosglar dorsan a phrìosain duit. Ach 's eigin duit an dràsta do leabaidh a dheanamh an ifrinn: Salm cxxxix. 8. Agus, O dhuine neo-shona, an laidh thu sios 'an sin, le dòchas diomhair, gun tig an t-àm, anns nach urrainn ceartas Dé tuille peanais a chuir ort ach na dh-fhuilig thu cheana, agus gum faod thu dòchas a bhi agad ri saoradh, mar ni air am bheil còir agad? B' fhearr dhuit gum biodh tu comasach air a shamhuil sin de dhòchas a thoirt sios leat, meallta 's mar tha e: Ach mo thruaighe! chi thu gach ni air mhùgha coslais, direach mar tha iad, agus mar bi earbs' agad ach r'a leithid sin, cha bhi ann ach ea-dochas bith-bhuan. Tha'n t-aon fhocal sin ann a d' bhinn, SIORRUIDHEACHD; an t-aon dearbhadh sin, nach bàsaich a chnuimh, agus nach téid an teine as; ni 's leoir a chuir a leithid de smuain gu fior amhladh, agus do throm-luchdachadh le ea-dòchas agus le h-uamhunn chràitich.

5. No bheil dòchas agad, gun dean t-ath-leasachadh agus do dhìcheall an deanamh do dhleasannais san àm a tha ri teachd, do shaoradh o 'n bhìnn so? Thoir an aire a pheacaich, ciod a ghnè ùmhlachd a tha mhiann ort a thairgse do Dhia. 'S èigin dith bhi gun smal agus iomlan a thaitneas r'a naomhachd neo-chriochnach, ma bheir e fa-'near thu leat féin a' t' aonar: Cha'n fhaod aon dearmad, di-chuimhn, no peacadh bhi na co-chuideachd. Agus an saoil thu gur h-urrainn duitse, lag 's mar tha thu, leis na h-urrad de thruailleachd gine, agus le a cho-lion cleachda ciontach le cunntas gun àireamh de pheacannan gniomhe, a ghabhail os-laimh a samhuil sin de ùmhlachd a thoirt seachad, rè a chuid eile do d' bheatha? Bu diomhain duit ionnsaidh a thoirt air, eadhon car aon latha. Chuireadh cionta ùr air ball fodha thu ann an leir-sgrios ùr. Ach mar cuireadh; ge d' a bhiodh o'n àm so gu crioch do bheatha na ùmhlachd cho iomlan 's a dh' iarr reachd Dhé air Adhamh ann am Phàrras, am bu leoir sin a dhubhadh a mach nan cionta a chaidh seachad? Am bu dìoladh air sean fhiachan, nach do ghabh thu fiachan ùr ort? Tàirg so do d' choimh-

snach agus feuch an gabh e mar phàidheadh e ; agus mar gabh e-san e, an gabh thu os-laimh a thairgse do Dhia ?

6. Ach cha chuir mi sios tuille cainnt mu chùis a ta cho soilleir. Am feadh a tha mi labhairt, tha 'n ùine dol seachad, tha 'm bàs a sìor theachd air aghaidh, agus tha 'm breathanas a' teannadh oirn. Agus ciod a dh' fhaodas do shaoradh o na cùisibh cunnartach sin, no ciod a dh' fhaodas do dhìon annta ? An comasach do 'n t-saoghal do shaoradh ? an iodhal mhealltach fhaoin sin air an robh thu 'n geall agus an tòir, d' am bheil thu 'g iobradh do dhòchais shiorruidh ? 'S math a ta fios agad gun tréig e thu gu tur an uair is mò bhios de dh-fheum agad air ; agus nach gabh aon ni a bhuineas dà toirt leat do'n ath-bheatha : Cha gabh urrad agus ni faoin, a bhiodh agad mar chuimhneachan air, n'an iarradh tu cuimhn' a chumail air caraid cho iomluath, cho cealgach, 's a bha 'n saoghal.

7. An urrainn do d' chompanaich pheacach do shaoradh an uair a dh' eugas tu ? An robh a h-aon diubh comasach, ge do bhiodh iad toileach, air éirig a thoirt do Dhia air do shon, Salm xlix. 7. chum do shaoradh o'n uaigh, no bho dhol sios do dh-ifrinn ? Mo thruaighe ! bithidh tu cho mothachail air a so, 's an uair a bhios tu, mar gum b' ann air beul na h-uaighe, nach bi thu deonach air am faicinn, no labhairt riusan a bha nan companaich ionmhuinn leat roimh so. 'S ann is dàch' iad a chuir mulaid ort, na còmhnadh a dheanamh riut : Cia mor is lugha na sin is urrainn iad còmhnadh a dheanamh riut aig cathair breathanais Dé, am feadh tha 'm bìnn féin a faighinn buaidh orra ?

8. Faodaidh tu bhi cinnteach nach eil aig cumhachdan an dorchadais, aon chuid toil na comas còmhnadh a dheanamh riut. Bha Satan a' deanamh faire agus saothair chum do leir-sgrios, agus ni e gàirdeachas air a shon. Ach ged' a bhiodh caileigin do cho-chòrdadh eadaraibh, cha bhiodh ann ach co-bhann gu d' sgrios. Oir is e an t-aon latha breathanas a bhios aig daoin aingidh agus aig na spioradan ceannaircach sin ; agus 's e 'n teine chum an eigin duitse dol, O pheacaich, an teine sin a chaidh ullachadh do'n diabhul agus d'a ainglibh, Mat. xxv. 41.

9. An dean na spioradan nèamhaidh do shaoradh !

An dean iad eadar-ghuidhe le 'no cumhachd no le 'n ùrnuigh as do leth? Nan teannadh iad ri 'n cumhachd a ghnàthachadh a' d' leithsgeul, an deigh do bhinn a thoirt a mach, bhiodh iad ciontach de dh-àr-a-mach an aghaidh fhlaitheis, ni is ro-fhuathach leis na spioradan beannaichte agus naomha sin. Agus cho luath 's a bhios breth a bhreitheimh aithnichte, an àit eadar-ghuidhe dhiomhain a dheanamh as leth a chiontaich thruaigh 's ann a bhios iad le dian dheothas, air son glòir an Tigh-earna, a co'-aontachadh chum a bhreth a thug am breitheamh a mach a chur an gniomh. Seadh, ge d' a tha e deacair r'a chreidsinn san àm, bithidh luchd-leanmhuinn Chriosd, a tha 'n trà so ro-ionmhuinn umad, agus a tha ro-dhéigheil air do shaoradh; eadhon do chàirdean fein, a toirt an aonta a chum do sgrios. Tha iad san àm so ro-bhrònach air do shon, agus an deoir a' sileadh gu tric as do leth: Tha iad an ceart uair a co-riasanachadh ruit, 's a guidhe air Dia as do leth, ma dh' fhaodar air aon chor, am feadh a tha dòchas aca, do spìonadh mar aithinne as an losgadh, Amos iv. 11. Ach mo thruaighe cha ghabh thu suim d'an earail, agus a thaobh an ùrnuigh, ciod a dh' iarras iad as do leth! Ciod ach so, gum faic thu gu bheil thu caillte? agus air dhuit aon dòchas a bha agad ri thu fein a thearnadh, na ri còmhnadh o aon neach cruth-aichte a leigeadh gu tur air cùl, gun striochd thu do Dhia an irisleachd inntinn agus le cridhe briste; le thu fein a thoirt thairis da cheart bhreathanas, agus le glan chùl a chuir ri fiughair air bith uait fein, agus o gach cumhachd cruthaichte, gu'm faod thu amharc suas gu h-iriosal ris-san, mar o iochdar ifrinn, gu inbh bhig, agus theagamh gun gabh e truas diot, agus gun seol e thu chum an aon doigh gu dol as, ni, am feadh a bhuanaich-eas nithe mar tha iad, nach eil e comasach do'n t-saoghal, do dh-ifrinn, no do nèamh a dheanamh air do shon.

*Tuireadh a Peacaich, san staid thruaigh so.*

" Mo thruaighe is dòlasach, neo-shòlasach mo staid! Is duine truagh mi a thug mi-fèin a chum na h-inbhe so! Is duine truagh, bochd, truaillidh, tréigte mi! C'àit' am bheil m' àrdan, agus uabhar mo chridhe? c'àit' am bheil na diathan bréige d' an tug mi gràdh agus

seirbhis, as deigh an do ghluais agus a dh-iarr mi, Ier. viii. 2. am feadh a bha mi a' cuir mo chionta an aghaidh nèimh an lion-mhoireachd ? Am bheil cridhe sam bith ann a ghabhas truas diom ? Am bheil aon lamh ann gu m' shaoradh ? Gabhaibh truas rium ; gabhaibh truas rium, O mo chairdean, oir bhuin lamh Dhé rium, Iòb xix. 21. ghlac i mi ; tha mi ga faireachduinn ga m' ro-theannadh ! agus ciod a ni mi ? theagamh gu bheil truas aca dhiom ; ach mo thruaighe, cia fann an iochd ? Ma tha cobhair an aon ni an cumhachd nàduir, innsibh dhomh c' àit am faighear e ! Comharraichibh a mach dhomh e ; seolaibh mi dha ionnsuidh ; no b' fhearr leam, fo nàire agus ìoghnadh mar tha mi, gu 'n glacadh sibh air a laimh mi, is mo threorachadh da ionnsuidh.

" O sibhs' a mhinistearan an Tighearna, d' an dreuchd a bhi toirt co-fhurtachd do dh-anmaibh trioblaideach, gabhaibh truas diom ! 'S eagal leam gur mac-samhuil mi do dh-ioma' neach truagh eile, aig a bheil co-fheum air bhur còmhnadh. Leigibh dhibh gach cùram eile, chum cùram a ghabhail do m' anamsa, a tha, mar gu 'm b' ann, a call fhala gu bàs, (ma dh' fhaodar sin a ràdh) am feadh, theagamh, is gann a sheallas sibh orm ; no sùil fhaoin a thoirt orm, 's a gabhail seachad taobh eile na slighe, Luc. x. 31. Gidheadh mo thruaighe ! ann an staid mar tha mise, ciod a dhiongadh bhur saothair, mar bi aig ach e fein. Mar dean an Tighearna cobhair orm, cionnas is urrainn duibhs' a dheanamh ? 2 Righ. vi. 27.

" O Dhé, spiorad gach uile fheòla, Air. xvi. 22. tha mi togail suas mo shûl riut, 's ag eigheach riut, mar a broinn na h-uaighe, Ion. ii. 2. Tha mi air a chuid is lugha, ag éigheach riut o bruaich. Gidheadh am feadh a ta mi am shìneadh mar so a' t' fhianuis 'san teinn romhòr so, tha fios agam gur h-urrainn do neart Uilechumhachdach agus do ghràs gun tomhas doigh fhaotainn a mach air mo thearnadh.

" Is ann ortsa is mò a rinn mi do dhochair, agus an deigh sin uile, 's ann a mhàin uaitse tha duil agam ri cobhair. A' t' aghaidh, a' t' aghaidh fein a mhàin pheacaich mi, agus rinn mi olc a' d' shealladh, Salm li. 4. air chor 's gu'm fìreanaichear thusa 'nuair a labhras tu, gu'm bi thu glan 'n uair a bheir thu breth, ge d' a dh' òrdaicheadh tu mi air an àm so gu truaighe bhith-bhuan Is gidheadh tha mi mothachadh ni-eigin a tha gu

diomhair ga m' tharruinn a' t' ionnsaidh, mar gu'm faighinn fuasgladh an sin, far an do thoill mi an leirsgrios a b' ann-truime. A Dhé bheannaichte, thug mi sgrios orm-fein; ach 's ann annadsa a ta mo chobhair, Hos. xiii. 9. ma tha cobhair sam bith r'a fhaotainn.

"Tha fios agam nach eil am bitheantas do shligheansa mar ar slighean-ne, no do smuainte-sa mar ar smuainte-ne; ach gu bheil iad cho àrd os an ceann 's a tha na nèamhan os-ceann na talmhainn, Isa. lv. 8, 9. Air an aobhar sin dean trocair orm, O Dhé, a reir lionmhoireachd do chaomh throcairean! Salm li. 1. Och comharraich a mach an t-slighe shiorruidh! Salm cxxxix. 24. Tha fios agam gur e do shoisgeul an t-aon fhuasgladh: O teagaisg do t' òglaich a fhrithealadh! Ullaich mo chridhe chum gabhail ris! agus na ceadaich do'n mhiosgainn sin a tha ann am nàdur, mar is tric a thachair, an ìoc-shlaint àghmhor sin a thionnda gu nimh!

## CAIB. VIII.

*Ait theachdaireachd na Slainte trid Chriosd air a thoirt a dh'ionnsuidh a Pheacaich mhothachail fo bhinn.*

1. A LEUGHADAIR ghràdhaich; 'Se rùn àraidh an t-soisgeil, agus ge b' e àit am bheil e gu caomhail air gabhail ris, a thoradh àghmhor, an cridhe a lionadh le rùin ghràidh; a theagasg dhuinn fuath a thoirt do gach ain-tighearnas agus do gach ro-chruathas neo-fheumail, agus tlachd a ghabhail, cha 'n ann an dòlas ach an sonas ar co-chreatairibh. 'S gann a dh' fhaodas mi a mheas gur h-urrainn dà a bhi na Chriosduidh a tha 'gabhail tlachd ann am peanas neo-fheumail a dheanamh air beathach, ni 's lugha gu mòr na sin inntinn dhaoine fhaicinn ann am péin; agus gu h-araidh mu leithid do iomaguin 's a bheir a bhi smuainteachadh air na nithibh m'an robh mi a labhairt, ma bheirear an aire dhoibh le faicill agus cùram. 'S minig a bha mi duilich air son a bhi cuir an céill nan nithe 'sin; agus bu mhiann le m' chridhe nach biodh e feumail an cuir far comhair air mhodh cho ro neo-thaitneach. Ach a nis tha mi tòiseachadh ri cuibhrionn de m' obair, a tha mi 'gabhail os-

laimh le mòr thlachd; agus ris an ni a bha agam san amharc, leis na nithibh uamhasach sin a chuir sios duibh. Bha mi feuchainn duibh, ma chaith sibh ur beatha san àm a chaidh seachad 'an staid pheacaidh neo-iompaichte, gu bheil sibh fo dhìteadh le ceart bhreathanas Dé, agus dhibh fein, nach eil agaibh aon stéigh dòchais no dòigh air bhi tearuinte. Ach cha mhiann leam 'ur fàgail san staid thruaigh iomaguinich so, gu laidhe sios agus bàsachadh an èadòchas, a' deanamh gearan air an eud neo-iochdmhor sin, a phian sibh roimh an àm, Mat. viii. 29.

2. Eirich suas, O anam bhrònaich, a tha ga t' irioslachadh 'an làthair Dhé, agus air bhall-chrith fo uamhunn air son a bhreth chothromaich: oir tha òrdugh agam innseadh dhuit, ge d' a sgrios thu thu-fein, gur h-ann an Dia tha do chobhair, Hos. xiii. 9. Tha mi toirt deagh sgéil mhòir aoibhneis a t' ionnsuidh, Luc. ii. 10. ris am bheil mo chridhe fein a deanamh gàirdeachas, am feadh a tha mi gan cuir an céill, agus tha dòchas agam gun ruig agus gun ath-bheothaich iad do chridhse cuideachd; eadhon teachdaireachd na slainte trid fala agus fireantachd an *Fhir-shaoraidh*. 'S a chum am barrachd cinnt' a thoirt duit air, tha mi ga innseadh dhuit am briathraibh Dhé, a tha gràsmhor agus a lugha cionta, gu bheil e ann an Criosd a' deanamh an t-saoghail réidh ris fèin, gun bhi a' meas an cionta dhoibh, 2 Cor. v. 19.

3. 'S e so sgeul is fearr a chualas riamh, an naigheachd is mugha brìgh a chuir Dia riamh a dh' ionnsuidh a chreutairibh: Agus ged' nach eil teagamh agam, air dhuit do bheatha a chaitheamh an dùthaich Chriosduidh, nach cual thu gu minig e, faodaidh e bhith, mìl' agus mìl' uair; ainmichidh mise dhuit a rithist e, gu saor, soilleir, mar nach cluinneadh tu riamh roimh e. Ma 's e so a cheud uair a mhothaich thu e, a pheacaich, bithidh e dhuit na shoisgeul ùr, ge do bha thu cleachdta r'a chluinntinn; agus cha duilich leamsa labhairt mu na tha cho coitcheann, o'n a tha e tearuinte agus feumail duitse, Phil. iii. 1. An àite bhi sgith dheth, éisdidh iadsan is ro-eolaich uime ris le mor thlachd; agus air an son-san a rinn dearmad air san àm a chaidh seachad, 's dearbh leam gu bheil feum ac' air a chluinntinn a rithist. Agus cha 'n 'eil e ea-comasach nach fhaod aon anam na briathran so a leughadh, nach deachaidh riamh a sheoladh

gu soilleir san teagasg chudthromach so, ge d' a tha a shonus siorruidh an earbsa ri eolas a bhi aig' air, agus ri gabhail ris. Bheir mi an aire nach bi aig a shamhuil so de neach r'a thagradh aig cathair breathanais Dé, ge d' a bha e 'an dùthaich Chriosduidh, nach deachaidh riamh teagasg na slainte trid Iosa Criosd, an t-slighe, an fhirinn, agus a bheatha, trid a mhàin an tig sinn a chum an Athar, Eoin xiv. 6, a sheoladh gu soilleir firinneach dha.

4. Tha mis' ag innse dhuit air an latha 'n diugh, air do dh' àrd Uachdaran nèimh agus na talmhainn, fhaicinn roi-laimh an cùl-shleumhnachadh neo-shona anns an tuiteadh an cinne-daoine gu h-iomlan, cha do chuir e roimh buntuinn air mhodh cho cruaidh ruinn, chum ar liubhairt thairis do leir-sgrios coitcheann agus gu dìteadh nach gabhadh seachnadh ; ach air an laimh eile, dh' aontaich e inndrinn 'an cùmhnanta sìth agus réite, agus a chuir an céill do gach neach air an ruigeadh an Soisgeul, tairgse shoilleir air beatha agus air glòir, air doigh àraidh, a mheas a ghliocais neo-chriochnach freag-arrach do fhior-ghloine a nàduir, agus urram a riaghlaidh. Bha 'n doigh so anabharr iongantach, agus ge d' a tha sinn cho cleachdte ri bhi ga chluinntinn agus ga labhairt, cha'n urrainn domh smuaineach air na ainmeachadh gun mhòr ìoghnadh. Chuir e roimh a mhac féin a chuir a dh' ionnsuidh an t-saoghail, dealradh a ghlòir, agus fior ìomhaidh a phearsa, Eabh. i. 3, aig an robh co-pairt d'a iomlanachdaibh diadhaidh agus d'a urrainn, gu bhi, cha 'n 'e a mhain na fhear-teagaisg fireantachd, agus na theachdaire gràis, ach mar an ceudna na ìobairt air son peacaidh dhaoine ! agus cha cho-aontaicheadh e an saoradh, air chùmhnant air bith eile ach so, nach e amhàin gun saothraicheadh e, ach gum bàsaicheadh e air an son.

5. Do réir sin, aig àm suidhichte a chunnaic gliocas neo-chriochnach ro-iomchuidh, dh'fhoillsicheadh an Tighearn Iosa Criosd san fheoil ; agus an deigh dha dol tre mhor shaothair ghoirt agus chlaoidhte, agus gach dochair a dh-fhaodadh neo-thaingealachd agus miosguinn dhaoin' a chuir 'an gniomh, a ghiulan, dh-irioslaich se e fein le làn thoil, agus bha e ùmhail gu bàs, eadhon gu bàs a chroinn-cheusaidh, Phil. ii. 8. 's a thugadh thairis air son ar cionta, agus a thogadh suas a ris air son ar

fireanachadh, Rom. iv. 25. An deigh aiseirigh, bhuanaich e fada ni 's leoir air thalamh, chum làn-dearbhadh a thoirt air a chùis d'a luchd-leanmhuinn, agus an sin chaidh e suas gu nèamh agus iad ga fhaicinn, Gniomh. i. 9, 11. agus chuir e as a sin a nuas a spiorad air na h-Abstoil, chum còmhnadh a dheanamh riu gus an soisgeul a shearmonachadh le h-ùghdarras agus impidh, Luc. xxiv. 40. Agus thug e àithne dhoibh-san, agus do gach neach anns gach linn, a bhiodh nan dreuchd san, gum biodh e air a chur an céill do gach neach, Marc. xvi. 15. chums gum bi gach neach a chreideas e air an tearnadh, tre chumhachd ùghdair dhiadhaidh, a ta 'n dè, agus an diugh, agus gu siorruidh an Tì ceudna, Eabh. xiii. 8.

6. 'S e so an soisgeul a tha mis a' searmonachadh, agus a' cuir an céill duits' an dràsta, O leughadair, leis an dùrachd is mò, gum bi e tre ghràs Dé, an diugh féin na shlainte do t' anam, Luc. xix. 9. Uime sin biodh fios agad air, agus thoir fa'near dha, co air bith thu, cho cinnteach 'sa tha na briathran so an dràst fa d' chomhair, 's ceart cho cinnteach, gun d' rinneadh Mac Dhé na bhall-amhairc do 'n t-saoghal, do dh-ainglibh, agus do dhaoinibh, 1 Cor. iv. 9. chaidh a dhruim a reubadh leis an sgiùrsadh, a cheann leis an sgitheach, bha e air a tharruinn agus air a thàirneadh ris a chrann mhallaichte ; anns an staid bhrònaich so, chaidh a chrochadh air a lamhain agus air a chasan, mar chuspair mi-chliu agus tàire. Mar so chaidh a chur gu bàs am boillsgein sgeig agus fochaid a naimhdean an-iochdmhor, air an robh ciocras air son fhala ; agus se cùis bu chràitich' uile, 'am meadhon nan cruaidh fhulangas sin leis an tàinig crioch air a bheatha bu neo-chiontaiche, a b' iomlaine, agus a b' fheumaile chaidh riamh a chaitheamh air thalamh, nach robh làthaireachd Dhé ga chumail suas, ni is bitheanta le daoine peacach a bhi aca le 'm fiosracha fein, an uair bhiodh iad a fulang air son teisteis an coguis. 'S minig a bhrùchd iad a mach le luath-ghair ait aoibhneis agus le laoidhean molaidh, an uair a bha an luchd-casgraidh a sàsachadh am mì-run naimhdeil, allmharra, agus mhi-chneasda, le 'm piantaibh a dheanamh anbharra cràiteach ; ach ghlaodh Iosa mach, 'an àm a cheusaidh, an àmhghar anma naomha neo-lochdaich,—" Mo Dhia, mo Dhia, c'ar son a thréig thu mi ?" Mat. xxvii. 46.

7. Beachdaich air ar Fear-saoraidh gràdhach! Amhairc suas air an t-sealladh bhrònach, uamhasach, gidheadh san aon àm thaitneach so; 's an sin feoraich do d' chridhe fein, am bheil mi 'creidsinn gun d' fhuilig agus gun do bhàsaich Criosd air an doigh so? Ceadaich dhomh freagairt am briathran Dhé fein, Lotadh e air son ar peacaidh-ne, bhruthadh e air son ar n-aingidheachdan, leagadh air-san smachdachadh ar sìth, agus le a chreuchdaibh-san gum bitheamaid air ar slànachadh. Bi toil an Tighearna a bhruthadh, agus a chuir fo àmhghar, an uair a rinn e anam na iobairt-réitich; oir leag an Tighearn air-san ar n-aingidheachdne uile, Isa. liii. 5, 6, 10. Air chor 's gum faod mi nis labhairt riut 'am briathraibh an Abstoil, Uime sin biodh fhios agaibhse, gur ann tre 'n duine so a tha maitheanas peacaidh air a shearmonachadh dhuibhse, Gniomh. xiii. 38. mar a thug e àithne, dìreach an deigh dha éirigh o na mairbh, gun rachadh aithreachas agus maitheanas peacaidh a shearmonachadh na ainm-san do na h-uile chinneachaibh, a tòiseachadh aig Ierusalem, Luc. xxiv. 47., a cheart ionad san deachaidh fhuil a dhortadh o cheann ghoirid air doigh cho an-iochdmhor. Tha mi uime sin ag innse dhuit am briathran an Abstoil Phoil, gun d' rinneadh Criosd na pheacadh, 'se sin, na iobairt-pheacaidh, air ar son-inne, ged' nach b' aithne dha peacadh, chum gum bitheamaid air ar deanamh nar fireantachd Dhé annsan, 2 Cor. v. 21., 'se sin, trìd na fireantachd a choi-lion e, agus an dìoladh a rinn e, gum faoidte gabhail ruinn le Dia mar ionracain, agus cha'n e amhàin maitheanas a thoirt dhuinn, ach a bhi air ar gabhail a stigh na dheagh-ghean. Dhuibhse chuireadh focal na slainte so, Gniomh. xiii. 26., agus dhuitse, O leughadair, tha an ceart uair, sochairean na slainte so air an tairgse le Dia; air chor, 's an deigh na h-uile ni a labhair mi 's na teagaisg roimh so, nach e sibh a bhriseadh reachd Dhé, a bhios na aobhar sgrios duibh, mar cuir sibh mar an ceudna cùl r'a shoisgeul. Cha 'n iad ur peacaidh lìonmhor, a tha dol an òrdugh cath 'nar n-aghaidh, is urrainn cuir as duibh, mar dean mi-chreideamh toiseach na slighe a ghabhail, agus mar co'-dhuin cion aithreachais an t-iomlan. Tha fios agam gu bheil geilt do ghnà an co-chuideachdadh cionta; uime sin labhraidh mi am briathran Dé féin, agus cha 'n urrainn iad a bhi ni 's mò

sòlas: tha aige-san a tha creidsinn anns a Mhac a bheatha mhaireannach, Eoin iii. 36., agus cha tig e chum dìtidh, Eoin v. 24. Air an aobhar sin cha 'n 'eil aon dìteadh, air aon doigh na doigh eile, dhoibh-san a tha ann an Iosa Criosd, a tha gluasad ni h-ann a réir na feola, ach a réir an Spioraid, Rom. viii. 1. Bha thu gu dearbh a d' pheacach, ro-mhòr, agus bha do chionta air bhi anbharra antrom; ach ge do bha, faodaidh tu mòr aoibhneas a bhi ort, a chionn far an do mheudaicheadh am peacadh, gum bu ro-mhò a mheudaicheadh gràs, Rom. v. 20., far an do bhuadhaich am peacadh gu bàs, far an robh am barrachd uachdranachd aige, an sin gum buadhaich fireantachd chum na beatha maireannaich trid Iosa Criosd ar Tighearna, Rom. v. 21. Bristidh an fhireantachd sin trid creidsinn ann-san, air am bi còir agad, cha 'n e, amhain, na cuibhrichean sin, leis am bheil am peacadh, mar gum b' ann, ga d' tharruinn leis le dian dheothas gu d' leir-sgrios siorruidh; ach sgeudaichidh e thu le trusgan na slainte, agus daighnichidh e thu air righ-chathair ghloire, far am bi agus an rioghaich thu gu siorruidh 'am measg phrionnsaidh nèimhe; rioghaichidh tu ann am maise agus ann an gàirdeachas neo-thruaillidh, gun a bheag air bith de chorruich Dhé a bhi ort; gun suaicheantas air bith leis an aithnichear gun robh thu riamh buailteach do dh' fheirg agus do mhallachadh; mar bì e le laoidh mholaidh do'n Uan a chuireadh gu bàs, agus a dh' ionnlaid sinn o ar peacaidh 'na fhuil féin, Taisb. i. 5.

8. Cha mhò tha e feumail, mu'n saorar thu o d' chionta, agus m' am faigh thu còir air an àrd shuaimhneas iomlan so, m' an gabh thu do mhisnich air teachd a dh' ionnsuidh Iosa Criosd, deagh obair air bith a thoirt leat chum do mholadh dhà-san gu gabhail gu taitneach riut. Tha e gun amharus fior, ma tha do chreideamh treibhdhireach gun toir e mach an samhuil sin do oibribh; ach tha ùghdarras focail Dé agam gu ràdh riut, ma tha thu air an latha 'n diugh a làn chreidsinn an ainm Mhic Dhé, gun gabhar an diugh a stigh thu fo churam, 'sa bhi air t-àireamh am measg a chaorach, ris an dubhairt e, gun tugadh e dhoibh a bheatha-mhaireannach, agus nach sgriosar am feasd iad, Eoin x. 28. Cha 'n 'eil aon fheum agad air a ràdh, Co théid suas do nèamh? no co théid sios do 'n doimhne air mo shon? Oir

tha 'm focal dlù dhuit ann a' d' chridhe, Rom. x. 6, 7, 8. Leis an ait-theachdaireachd so fàgaidh mi thu ; leis an ràdh fhior so, agus gun amharus 's fiù e air gach aon chor gabhail ris, 1 Tim. i. 15., leis an t-soisgeul so, O pheacaich, a tha na bheatha dhomhsa, agus mar cuir thusa cùl ris, bithidh e mar sin duitse cuideachd.

*Smuaintean a Pheacaich mu'n ait-theachdaireachd so.*

" O M' ANAM, cia iongantach an teachdaireachd a fhuair thu 'n diugh ! 'S minig a chuala mi roimh i ; agus tha mi cho cleachdta r'a cluinntinn, is nach 'eil mi cho mothachail air an ioghnadh. Ach O m' anam thoir fainear, ciod a chuala tu ; agus abair, mar is math a dh' fhaodar a ràdh, gu bheil ainm ar Slànuigheir, leis an teachdaireachd, Iongantach, Comhairliche, Isa. ix. 6. an uair a tha e nochda dhuit gràdh cho iongantach, agus a' tairgse dhuit an leithid de chomhairlean sìthe ?

" A Shlanuighear bheannaichte, am bheil a chùis da rìreadh mar so ! Nach e h-ann innleachd inntinn dhaoine? Gu cinnteach cha 'n e ! Ciod an inntinn duine a b' urrainn a dhealbh no a smuaineachadh ? Am bheil e dearbh-chinnteach, gun d' fhàg thusa greadhnachas agus aoibhneas an t-saoghail nèamhaidh, a thaobh iochd do m' leithidse do dhuine truagh ? Och ged' nach deanadh tu ach amhare a nuas ormsa, o àirde do mhòrachd agus do shonuis, agus teachdaireachd ghràsmhor a chum mo sheòladh, a chuir leis an aon bu lugha do d' sheirbheisich, b' iomchaidh a thigeadh e dhomh mi-féin irioslachadh sios le ìoghnadh taingeil, agus casan an Tì a dh' fhoillsich an t-Slainte a phògadh, Isa. liii. 7. Ach an d' aontaich thu gu 'm bu tu fein an teachdaire ! Bu mhòr a chùis sin, ged' nach deanadh tu ach aon uair fhoillseachadh, agus grad philleadh air t-ais chum na rìgh-chathrach o'n tug do chaomh iochd a nuas thu ! Ach cha 'n e so an t-iomlan de bhuaidh do ghràis ainmeil. Cha 'n e a mhàin gun do cho-aontaich thu teachd a nuas air thalamh, ach bhuanaich thu ann car ioma bliadhna, agus fa-dheireadh dh' aontaich thu dol gu bàs, le bhi air do thogail suas air a chrann-cheusaidh mar chiontach, an déigh dhuit tàir' agus an-iochd fhulang, a dh-fhaodadh cràdh a chuir air mo chridhse bhi smuainteachadh air. Agus mar so thug thu dìoladh do cheartas Dé, agus shaor thu mi do Dhia le t-fhuil féin, Taisb. v. 8.

"Ciod a their mi? A Thighearna, tha mi creidsinn, cuidich thusa le m' mhi-chreideamh! Marc. ix. 24. Tha e cuir creideimh g'a dùlan, a chreid na tha dol thar inntinn a smuainteachadh. Gu ma beannaichte gu siorruidh gu'n robh t'ainm, O Athair nan uile throcair, gun do dhealbh thu an t-innleachd! buidheachas siorruidh gun robh do'n Uan a chuireadh gu bàs, agus do'n fhreasdal chàirdeil sin a chuir do m' iomnsaidh focal na slainte! Och deonaich air son deich mìle saoghal, nach gabh mi ri gràs Dé an diomhanas! 2 Cor. vi. 1. O sparr an soisgeul so air m' anam, gus am bi fheart slainteil air a sgaoileadh air gach ceudfath! Na biodh e amhàin air a chluinntinn agus air aidmheil, ach air fhaireachdainn! Dean do chumhachd féin deth chum mo shlainte shiorruidh; Rom. i. 16. agus brosnaich mi a chum an taing chaomhail, iriosail, sin chum an dealas thogarraich do-sgitheachaidh sin a chum do sheirbhis, a tha iomchuidh air neach d' an deachaidh na h-urrad a mhaitheadh, Luc. vii. 14. agus air a shamhuil sin de chùmhnanta!

"Tha mi mothachadh fonn ait ann am chridhe, am feadh a tha'n sgeul sin a' deanamh fuaim a' m' chluasan: Ach O deonaich nach bi so, ris am bu mhiann leam m' aoibhneas Criosduidh a ràdh, mar an t-aiteas amaideach sin leis an robh mi cho ea-cóillidh fo dhruidheachd, cosmhuil ri fuaim droighnich fo phoit! Ecles. vii. 6. O teagaisg dhomh am beannachadh àgmhor so a dheanamh cinnteach, an dòchas glormhor so, air an doigh a dh' òrdaich thu! agus coimhead mi o aoibhneas nàduir a ghabhail an riochd a cho-aontachadh gràis sin, a tha gabhail ris, agus a deanamh an t-saorsa cinnteach!"

## CAIB. IX.

*Mion-chunntas m' an dòigh chum na Slainte so fhaotainn.*

1. Tha mi nis a meas, a leughadair ionmhuinn, gu bheil thu teachd a' m' ionnsuidh leis a cheisd, a chuir na h-Iudhaich aon uair air ar Slanuighear, *Ciod* a ni sinn, chum 's gun oibrich sinn oibre Dhé! Eoin vi. 28. "*Ciod an doigh air am faigh mi an t-saorsa agus an t-slainte sin, a tha air innse dhomh a fhuair Criosd d'a shluagh?*" Fhreagrainn i cho dùrachdach agus cho cùramach 's a b' urra dhomh. Mar aon a tha fiosrach,

air an fheum a tha aige air fios cinnteach fhaotainn air ; agus aig am bheil fios cuideachd, cho teann 's a dh' fheumas e freagradh do Dhia, air son na dùrachd agus a chùraim leis an do fhreagair e thusa. Deonaichear gum bi mi comasach air labhairt mar bhriathraibh Dhe, 1 Pead. iv. 11. 'se sin, gu aithris gu firinneach na tha na briathran naomhe a' teagasg.

2. 'Sa chum 's gu'n bi mi fiosrach gu'n lean mi an t-iùil is cinntiche, agus an eiseamplair is taitniche, 's fheudar dhomh slainte shearmonachadh dhuitse, mu aithreachas a thaobh Dhé, agus mu chreideimh 'an Iosa Criosd ar Tighearna : Gniomh. xx. 21. An deagh sheann teagasg sin, a shearmonaich na h-Abstoil, agus nach faod aon duine atharrachadh, ach le cunnart anma féin, agus an anmaibh san a bheir éisdeachd dha.

3. Tha dòchas agam gu bheil mothachadh agad a nis air do chionta agus air do dhìteadh, agus air do neo-chomas fein air do shaoradh. Gidheadh ceadaich dhomh t-earalachadh, gus an genr-mhothachadh sin fhaireachd-ainn ni's drùghtiche, agus a' sparradh ni's teinne air t-anam ; gun do sgrios thu thu fein, agus nach ann annad fein a tha do cobhair r'a fhaotainn, Hos. xiii. 9. Leig dhiot nime sin gu saor, soilleir, dùrachdach, gach fiughair a bha agad ri earbsa a dheanamh a d' neart féin ; agus mar bi thu air t-fhaicill roimh, bithidh e ullamh gu pilleadh riut gu h-uaigneach, m'an toir thu'n aire dha, agus, bheir e oidhirp ort gu thogail a rìs a cheart ni a bha thu cuir as da.

4. Bi dearbh-chinnteach, ma thearnar am feasd thu, gur eigin duit do shaoradh a chuir gu h-iomlan as leth saor ghràs Dé. Mas e a's, ciontach agus truagh mar tha thu, nach e a mhàin gun gabhar riut, ach gum bi thu air do chrùnadh, 's eigin duit do chrùn a thilgeadh sios le aideachadh iriosal an lathair na rìgh-chathrach. Foill. iv. 10. Cha'n fhaod feoil air bith uaill a dheanamh 'na fhianuis-san ; ach e-san a ni uaill, deanadh e uaill anns an Tighearna : Oir uaithe-san a ta sinne 'an Iosa Criosd, neach a rinneadh dhuinne le Dia 'na ghliocas, na fhìreantachd, 'na naomhachd, agus 'na shaorsa, 1 Cor. i. 29—31. Agus 's eigin duit a bhi mothachail, gu bheil thu na leithid de staid, air dhuit gun a h-aon diubh sin a bhi agad annad féin, gur eigin duit am faighinn ann an neach eile. 'S eigin duit fios a bhi agad gu bheil

thu aineolach agus ciontach, truaillidh agus fo dhaorsa ; no, mar tha ar Tighearna ga ainmeachadh, a thaobh cuid a bha fo ainm aidmheil Chriosduidh, gu bheil thu mar pheacach, dòruinneach, agus truagh, agus bochd, agus dall, agus lomnochd, Taisb. iii. 17.

5. Ma bhios na nithe sin gu bunailteach air an sparradh air t-inntinn, bithidh tu deas gu gabhail ris na tha mi r'a labhairt. Cluinn uime sin, am briathrabh aithghearra, do dhleasanas, do chobhair, agus do thearuinteachd ; a tha a' co-sheasamh an so, " Gur éiginn duit dol a dh' ionnsuidh Chriosd, le mòr ghràin air do pheacaidh a chuir thu roimh 'an gniomh, le rùn-suidhichte gun tréig thu iad, a' cuir sin romhad 'an neart a ghràis-san, agus a dheanamh làn earbs' as chum gabhail riut le Dia, eadhon an uair a tha thu cur romhad ni 's urrainn duit a dheanamh, agus an uair a rinn thu cho math 's a's comasach dhuit a dheanamh a thaobh a ghnothaich sin."

6. 'S i cheud chomhairle chudthromach a bheir mi ort a thaobh na staid' sam bheil thu san àm so, gun amhaire thu air Criosd agus gun téid thu d'a ionnsuidh. Agus 'an so, na h-abair a' d' chridhe, Co théid suas do nèamh chum a thoirt a nuas do m' ionnsuidh ? Rom. x. 6., no, co a thogas mise suas chum mo nochdadh 'na fhianuis? Cha 'n 'eil ar Slanuighear beannaichte, trid am bheil gach ni a' co-sheasamh, Col. i. 17. leis am bheil iad uile air an cumail suas, ge do tha e air a dhearmad leis a chuid is pailte tha giulan ainm, fada o neach sam bith againn, Gniomh. xvii. 27. Cha mhò a b' urrainn e a ghealltainn gum bitheadh e, far am biodh dithis no triùir agaibh air cruinneachadh an ceann a chéile na ainmse, Mat. xviii. 20., ach a thaobh nan iomlanachdaibh diadhaidh leis a bheil e a làthair anns gach àite. Am bu mhiann leat uime sin. O pheacaich, bhi air do shaoradh ? Imich a dh' ionnsuidh an t-Slanuighear Am bu math leat bhi air do shaoradh ? Beachdaich air an Fhear-shaoraidh sin : Agus ge do robh thu cho claoidhte le cionta, nair', eagal, agus uamhunn, 's nach b'urrain thu labhairt ris, gidheadh tuit sìos aig a chasan sa bhreislich thosdaich sin ; agus faic e-san, mar Uan Dé a ta toirt air falbh peacaidh an t-saoghail ! Eoin i. 29.

7. Beachdaich air uime sin le suil fhurachair, agus abair, Am bheil an sealladh a drùghadh ort, agus a leaghadh eadhon do chridhe ? Nach eil mothachadh agad cho

amaideach truagh 's a bha thu ; gun cuireadh tu mar so Prionnsa na beatha gu bàs, air ghaol nithe cho faoin shuarrach 's air an robh thu 'n tòir ? Gniomh. iii. 15. Faic na trom chreuchdan a ghiulain e air do shon. Amhairc air-san a lot thu, agus gu cinnteach 's éigin duit bhi brònach, Sech. xii. 10. mar 'eil do chridhe air cruadhachadh mar chloich. Co do d' pheacaidh a chaidh seachad, le smuainteachadh orra, is urrainn duit a ràdh, *Air son so b' fhiach dhomh na h-urrad dhochair a dhcanamh air mo Shlànuighear agus Mac Dhé a chuir gu leithid sud do fhulangais !* Agus ciod am buaireadh a dh-fhaodas tighinn a' d' charamh, gun abradh tu, *Air a shon so cheusainn a rithist mo Thighearna ?* Eabh. vi. 6. A pheacaich 's éigin duit a dheanamh, 's éigin duit aithreachas a ghabhail do gach peacadh ; agus an tréigsinn : ach tha deagh fhios agam ma ni thu sin air doigh cheart, gur ann aig bun a chrionn-cheusaidh a's éigin da bhith. 'S éigin duit gach ana-miann ìobradh, eadhon iadsan is annsadh leat ; ged' a robh iad duit mar laimh no mar shùil deis, Mat. v. 29, 30. 'S a chum 's gum brosnaichear thu chuige sin, thug mi thu chum na h-altrach, air an robh Criosd air iobradh mar thabhartas ro-chùbhraidh do Dhia, Eph. v. 2. 'S fheudar dhuit thufein a thoirt suas do Dhia, mar aon a tha beò bho na mairbh, Rom. vi. 13. Agus nochd mi dhuit ciod an luach leis an do cheannaich e thu ; oir cha robh thu air do shaoradh le nithibh truaillidh, mar tha airgiod agus òr ; ach le fuil luachmhoir Mhic Dhé, an t-Uan sin a bha gun chron gun smal, 1 Pead. i. 18, 19. Dh' fheoraichinn a nis dhiot mar 'am fianuis an Tighearna, Ciod a tha do chridhe 'g radh ris a chùis ? Am bheil duilichinn ort air son nam peacaidh gan robh thu ciontach ? am bheil thu toileach an tréigsinn ? Am bheil thu deonach air bhi a' d' sheirbheiseach cridheil, taingeil, do'n Tì sin a cheannaich thu le fhuil féin ?

8. Baralaichidh mi gu bheil a shamhuil so do rùn ag éiridh suas ann a' d' chridhe. Cia suidhichte, agus eifeachdach a bhitheas e, cha 'n fhios domh : Ciod na caochladh bharailean a dh' éireas suas an deigh so, na c' uin a dh' fhaodas am mothachadh a ta agad an dràsta t-fhàgail. Ach so aon ni air am fiosrach mi, nach tig an latha a bhios aobhar agad na rùin sin a chaochladh ; oir ge b' e caochladh a ni thusa, tha an Tighearn Iosa

Criosd an t-aon ceudna, an dé, an diugh, agus gu siorruidh, Eabh. xiii. 8. Agus mairidh na h-aobhair, a tha moladh aithreachas agus creideamh, mar nithe freagarrach agus feumail, gun chaochladh, cho fad 's a mhaireas iomlanachd an Dé bheannaichte, agus a bhuanaicheas a Mhac, air aon doigh.

9. Ach am feadh a tha na barailean agus na rùintean sin agad, 's fheudar dhomh a chuir a' d' chuimhne nach e so an t-iomlan dheth na tha feumail a chum do shlainte. Cha 'n e a mhàin gur fheudar dhuit cuir romhad, ach 's éigin duit, mar bheir Dia cothrom dhuit, a dheanamh mar an ceudna, mar ni a mhuinntir aig a bheil mothachadh air olc a pheacaidh, agus air feumalachd agus ro-oirdhearcas naomhachd. 'S a chum 's gum bi thu comasach air sin a dheanamh 'an cùisean eile, 's éigin duit sa cheud àite, agus mar cheud obair mhor Dhé, (mar tha'n Slànuighear ag ràdh ris) creidsinn annsan a chuir e uaithe, Eoin vi. 29. *'S éigin muinghinn a chuir ann; 's éigin duit t-anam earbsa ri Criosd gu bhi air a thèarnadh leis na innleachd féin chum slainte.* 'S e so gniomh mòr creidimh slainteil; agus tha mi guidhe air Dia gum bi fios agad ciod e o t-fhiosrachadh féin, agus ciod is ciall da; chum 's gur urrainn duit a ràdh leis an Abstol Phòl, an dlù shealladh air a bhàs féin, Tha fios agam co ann a chreid mi, agus is dearbh leam gu bheil e-san comasach air an ni sin a dh-earb mi ris a choimhead fa chomhair an làtha sin; 1 Tim. i. 12. an latha mòr sin, a ta againn daonnan san amharc, m' as Criosduidhean sinn. Bu mhiann leam t-earalachadh a dh' ionnsaidh so, agus b' fhearr leam gum bithinn cho sealbhach 's gu'm b' urrainn domh do chuir ga ionnsaidh, am feadh a bhios mi ga shoillearachadh sa chaibidil so, agus annta-san a leanas! Bi cinnteach, nach téid thu dh' ionnsaidh Dhé leat fein, le dearmad a dheanamh air an Eadar-mheadhonair. Cha bhi e aon chuid taitneach dhà-san na tearuinte dhuit fein, brùchdadh a stigh na fhianuis, gun suim da Mhac, a dh' òrduich e gu peacaich a thoirt a steach na làthair. Agus ma thig thu air chaochla doigh, 's ann a tha thu teachd mar aon nach eil na pheacach. Tha 'n doigh air a bheil thu cuir do chùis an céill, air a mheas mar gum biodh tu 'g àicheadh bhi ciontach; uime sin cha ghabh e riut, 's cha dean e urrad agus amharc ort. Agus air an aobhar

sin, air d' ar Slànuighear fios a bhi aige cho mòr sa bha gach neach an earbsa ris so, tha e cuir an céill air a mhodh is ro-choitcheanna; nach tig aon neach chum an Athar ach tromham-sa? Eoin xiv. 6.

10. Uime sin thig a dh' ionnsuidh an Fhir-shaoraidh ghloir-mhor so, so-ghràdhach (mar chithear e leis gach sùil chreideach) anns an fhuil a dhoirt e air a chrann, agus anns na creuchdaibh a rinneadh air an sin. Siubhal d' a ionnsuidh, O pheacaich, an diugh, air ball, le d' pheacaidh uile m'an cuairt duit. Imich direach mar tha thu; oir mar tig thu d' a ionnsaidh gus am bi thu ionraic agus naomh, cha tig an latha a bhios tu naomh agus ionraic; agus cha 'n fhaod thu bhi, mar biodh doigh éigin eile air bhi ann as eugmhais-san, 's an sin cha bhiodh feum air dol d'a ionnsaidh-san air son fireantachd agus naomhachd. Cha bhiodh an sin ach mar gan abradh duine tinn, cha chuir mi mo chomhairle ris an léigh gus am bi mi ni's fearr. Ceadaich dhomh a ràdh riut a rìs, dol d'a ionnsaidh direach mar tha thu, agus abair (agus b' fhearr leam gum b' urrainn duit a ràdh o ghrùnnd do chridhe) "A Shlànuighear bheannaichte, 's cinnteach gur mi aon de 'n mhuinntir is ciontaiche agus is truaighe a shleuchd iad fein riamh a' d' lathair; gidheadh, tha mi teachd, a chionn gun cuala mi gun dubhairt thu aon uair, thigibh a m' ionnsaidhse sibhse uile a ta ri saothair, agus fo throm uallaich, agus bheir mise suaimhneas duibh, Mal. xi. 28. Tha mi tighinn a chionn gun cuala mi, gun tubhairt thu gu gràsmhor, an tì a thig a m' ionnsaidh, cha tilg mi air chor sam bith a mach e, Eoin vi. 37. O Phrionnsa na sìth! O Rìgh na glòire! tha mis a m' pheacach truagh fo dhìteadh. Chuir mi as do m' anam féin! agus tha mi air mo dhìteadh gu siorruidh, mar cuidich, agus mar saor thusa mi. Bhris mi reachd t-Athar agus do reachdsa, oir s' aon thusa ris-san, Eoin x. 30. Thoill mi dìteadh agus corraich; agus tha mi sa cheart àm so fo bhinn leir-sgrios shiorruidh; leir-sgrios shiorruidh; leir-sgrios a bhios air ann-tromachadh, leis gach tàir a thug mi dhuitse, O Uain Dé; oir cha 'n urrainn 's cha 'n iarr mi àicheadh, nach d' rinn mi dochair mhòr ortsa, nach d' rinn mi dochair thruaillidh mhi-thaingeil ort, fo ainm Slànuighear, cho math ri Tighearna. Ach a nis tha mi toileach striochda dhuit; agus thug mi leam m' anam bochd a tha air bhall-chrith, gu fhàgail

agad, ma dheonaicheas tu gabhail ris ; agus mar gabh, 's éigin da dol am mugha. O Thighearna, tha mi sleuchdta aig do chosaibh ; sin a mach do shlat òir rìoghail chum gum bi mi beo ! Est. iv. 11. seadh, ma's toil leis an rìgh e, thugar dhomh beatha m' anma, air m' achanaich ! Est. vii. 3. Cha 'n 'eil ionmhas sam bith agam leis a ceannaich mi e : cha 'n 'eil luach sam bith agam a bheir mi na éirig ; ach ma 's toil le d' chridhe caomh iochdmhor-se tlachd a ghabhail ann an aon de na creutairibh is dòrainniche fo nèamh a shaoradh, faodaidh tu an tlachd sin fhaighinn an so. O Thighearna ! thug mi oidhirp amaideach air bhi am' Shlànuighear dhomh féin ; ach cha dhiong e a bheag. Tha mi mothachail gun robh an oidhirp diomhain ; agus air an aobhair sin tha mi ga leigeadh dhiom, gu bhi an earbsa riut-sa. 'S ann ortsa, O Iosa, a tha daingean agus chinteach, a tha mhiann orm m' acair a leagadh. 'S ann ortsa, mar an aon stéigh chinnteach, a tha mhiann orm mo dhòchas siorruidh a thogail. Tha toil agam striochdadh do d' theagasgsa, O thusa Fhàidhe neo-mhearachdach an Tighearna : Ge b' e¦air bith rùin-dhiomhair a tha ann a' d' theagasgsa, 's leoir leamsa, gun dubhairt thu féin e. 'S ann an earbsa ri d' dhìoladh, ri t' ùmhlachd, agus ri t' eadar-ghuidhe-se, O Ard-Shagairt naoimh agus thaitnich, is miann leam a bhi. Agus do d' riaghladhsan, O Ard-Uachdarain, bu mhath leam géill thoileach agus thaitneach a thoirt : Mar chomharradh air m' urram agus air mo ghràdh, tha mi a pògadh a Mhic, Salm ii. 12. ; tha mi a pògadh an duslaich aig a chasan. Tha mi gabhail riut, O mo Shlànuighear agus a' fàilteachadh do bheatha le gàirdeachas do-labhairt, chum riaghladh ann am chridhe. Gabh sealbh air, agus rioghaich ann gu bràth ! ceannsaich mo naimhdean, O Thighearna, oir 's iad do naimhdean féin iad ; agus dean mi a m' sheirbheasach, dìleas dealaidh duit, dileas gu bàs, agus éudmhor gu siorruidh !"

11. 'S e a leithid so de chainnt a's éigin a bhi aig do chridh 'an làthair Dhé. Ach cuimhnich, gur fheudar do d' chaithe-beatha bhi d' a réir cuideachd. Cha bhiodh 'an cainnt gun seadh, ach fanoid dhiomhanach. Cha bhiodh ann an caomh dheothas dian nan ceudfaithean, mar bhiodh e ach gearr agus gun èifeachd, ach mar lasair chonnlaich, air a tairgse an ionaid tùis air àltair-san. Le leithid sud de dh-irioslachd, de ghràdh, de choisrig-

eadh toileil, agus do strìochda anma, 's éigin duit thu féin a shleuchdadh sios gu minig 'am fianuis Chriosd: agus 's éigin duit a chumail a' t' aire an deigh dhuit falbh; 's éigin duit imeachd rombad, agus do bheatha a chaitheamh do Dhia, d'a thrid-san, ag àicheadh gach mi-dhiadhachd agus ana-mhianna saoghalta, agus do bheatha a chaitheadh gu cothromach agus gu diadhaidh, anns an t-saoghal dhiomhain, agus chunnartaich so, Tit. ii. 12. 'S éigin duit bhi cùramach chum do ghràdh a nochdadh le t' ùmhlachd; le oidhirpeachadh thu féin a bhi cho cosmhuil ri Criosd, anns am bheil thu creidsinn, 'nà ghnè agus na ghiùlan, 's a 's urrainn duit. 'S fheudar dhuit a bhi a' d' bheò ìomhaigh air Criosd; a chum cho fad 'sa bhios cothrom agad air, gum faic iadsan, nach cual, agus nach do leugh ach beag mu thimchioll, leis an aire thoirt do d' ghiulansa, ann an tomhas éigin, a ghnè chaithe-beatha a bha aig Criosd. Agus an cian is beò thu 's éigin duit bhi ro-chùramach chum sin a chumail suas. 'S éigin duit a leantuinn, ge b'e taobh a threòr-aicheas e thu; 's éigin duit a leantuinn an uair is aill leis, a' giulan a chroinn-cheusaidh, Mat. xvi. 24., 's éigin duit bhi firinneach gu bàs an earbsa ri crùn na beatha fhaotainn, Taisb. ii. 10.

12. 'S e so, cho fhad 's a b' urrainn mi fhoghlum o fhocal Dé, an dòigh gu tearuinteachd agus glòir; an dòigh is cinntiche, agus an aon slighe gu ruigheachd orra. 'S i an t-slighe air an d' imich gach seirbheiseach dìleas a bha aig Criosd, agus air a bheil iad ag imeachd; agus an t-slighe a tha fiachaicht air a sheoladh do chàch, mo tha fiughair aige r'a anam fein a bhi tearuinte. Cha 'n urrainn dhuinn, cha b' àill leinn a h-atharrachadh, dhuinn fein, no idir d' ar càirdean is ro-ionmhuinne. 'S i an aon dòigh, cho fad 's a's urra dhuinne breth a thoirt, a tha iomchaidh air an Dia bheannaichte chum a chreut-airean cùl-sleamhnach a thearnadh. Agus uime sin, a leughadair, tha mi 'guidhe agus ag aslachadh ort, a chùis a thoirt fainear gu cùramach, agus thugadh do choguis féin freagradh seachad, mar 'am fianuis Dé, co dhiubh tha thu toileach co-aontachadh leis, no nach eil. Ach bi cinnteach gur e do bhàs siorruidh thu chuir cùl ris. Oir leis mar nach eil ainm air bith eile fo nèamh air a thoirt am measg dhaoine, tre 'm faod sinn bhi air ar saoradh, Gniomh. iv. 12., ach ainm Iosa o Nasaret,

cha 'n 'eil aon dòigh sam bith eile ach so, anns an saor Iosa fein sinn.

*Am Peacach a' smuainteachadh air feumalachd gabhail ris an innleachd Shlainte so.*

"Smuaintich, O m' anam, ciod am freagradh a bheir thu da shamhuil sin do thairgse! Gu cinnteach nan labhrainn a cheud ni a sheoladh an cridhe truaillidh agus aingidh so, se bhiodh ann, gur cruaidh a chainnt so, agus co a dh' fhaodas éisdeachd rithe! Eoin vi. 60., gu bhi mar so air m' irioslachadh, air mo chìosnachadh, agus air mo strìochda! a samhuil sin do chuing a ghabhail orm, agus a' giulan cho fad 's a's beò mi! Gach ana-miann taitneach a leigeadh dhiom, ged' a bhiodh e cho ionmhuinn leam ri sùil no lamh dheas! Cha 'n e a mhàin mo bheatha a strìochda do thoil neach eile, ach mar an ceudna mo chridhe! eadhon maighstir a bhi air mo chridhe, a smachdaicheas mòran da thograidh mhiannach, agus an stiuradh an sruth chlais eile! Maighstir a tha 'g ràdh, an crann-ceusaidh a thogail agus e-san a leantuinn! Gu aire shonraicht a thoirt mo bheatha a chaithe gu diadhaidh stuama, gu h-ionraic agus firinneach; gun dealachadh riu sin air aon chor, a dh' aon bhuaireadh gan tigeadh a' m' rathad, no air son aon bhuannachd, no gu olc a sheachnadh, no eadhon gu 'm bheatha fein a chaomhnadh: ach nan gairmeadh am Freasdal d'a ionnsuidh sin mi, mi-féin a ghiulan mar gum b' fhuathach leam eadhon mo bheatha féin! Luc. xiv. 26. A Thighearna, tha so cruaidh air fuil agus feoil! 's gidheadh tha mi mothachadh gu bheil aon ni eile is cruaidhe na so.

"Leis gach faicill agus strìochdadh dhiubh sin, bhiodh e na chàileigin de shòlas le uaill no nàduir, nam faodainn gu diomhair a smaoineachadh gu 'm bu mhi mo Shlànuighear fein; gun do chuir mo ghliocas agus mo rùn-suidhichte fein, cuibhrichean an namhaid fa-sgaoil; agus gun tug mi an luach leis an deachaidh mo shaoradh a cheannach, a mach as m' ionmhaisibh féin. Ach an éigin domh laidhe sios an làthair neach eile mar chiontach dìte, mar neach fann gun chobhair? Agus an éigin do 'n chomain a bhi air a meudachadh, agus a chuid do 'n chliù aig eadar-mheadhonair cuideachd? An éigin domh bhi air mo rùsgadh as m' fhireantachd fein, agus a

bhi mar so co-ionann ris an duine is suarraiche ? Seasamh aig caithir a bhreathanais a measg nan ciontach is mò, a'g aideachadh, mar ni iadsan, a bhi ciontach, agus ag iarruidh saoradh air a cheart dòigh air an d'fhuair iadsan e ?

"Cha 'n 'eil a chridhe agam as an aodann a ràdh, gu bheil an doigh so mi-reusonda. Tha mo choguis a' togail fianuis a' m' aghaidh, gun do pheacaich mi, 's nach faod mi bhi air m' fhìreanachadh am fianuis Dé, mar dhuine neo-chiontach agus ùmhail. Tha mo choguis ag innseadh dhomh, gu bheil gach ni dhiubh sin feumail: Gur iomchaidh do pheacach air a dhìteadh e-fein irioslachadh air a ghlùinibh: Gur coir do dh'fhear àr-a-mach glacta airm a cheannairc a liubhairt, agus e fein a strìochda an làthair a righ, ma tha fiuthair aige r'a bheatha fhaotuinn. Seadh tha mo reuson, cho math ri m' choguis ag innseadh dhomh, gu bheil e iomchuidh agus feumail, ma bhios mi idir air mo shaoradh, gu'm bi mi air mo shaoradh o chumhachd agus o spéis do'n pheacadh, cho math agus o a dhìteadh ; agus ma dheònaicheas trocair àrd-uachdranaich dhomh beatha nuadh, an deigh dhomh bàs siorruidh a thoilltinn, gu bheil e ro iomchaidh, gun strìochdainn mi-fein do Dhia, mar neach a ta beo bho na mairbh, Rom. vi. 13. Ach, O is duine truagh mi, tha mi mothachadh lagh a' m' bhallaibh a' cogadh an aghaidh lagha m' inntinn, Rom. vii. 23., a tha cuir an aghaidh geurmhothachadh mo reuson agus mo choguis. Co a shaoras mi o 'n daorsa so ? Co a bheir orm an ni sin a dheanamh ? O Thighearna, ceannsaich mo chridhe, agus na ceadaich dha bhi air a chlaonadh cho mòr gu aon doigh, an uair a b' àill le ceud-faithean luachmhor m' inntinn aomadh rathad eile! ceannsaich gach togradh truaillidh o'n leth a stigh, chum gu 'm bi e na aoibhneas leam a bhi mar so air mo riaghladh agus air mo bhacadh ! Gu hàraidh, ceannsaich m' uaill, an truaillidheachd ard-thighearnail sin, a tha cho mi-iomchaidh air duine truagh a tha fo bhìnn ; chum gun deanar innleachd so do shlainte taitneach dhomh, a réir an tomhais irioslachd a tha na co-chuideachd ! Tha mi faireachdainn togradh agam gu fuireach an Sodom ; ach O deonaich a bhi tròcaireach dhomh, agus mo spìonadh as, Gen. xix. 16., m' an tuit doinionn do dhioghailtis loisgich, o nach bi seol sam bith tuilleadh gu dol as !"

## CAIB. X.

*Am Peacach air fhuran agus air earalachadh chum gabhail ri saoradh air an doigh so.*

1. Sminig a bha mi fiosrach air geur-mhothachadhnean agus air drùghadhnean a thighinn an fhad so (nam faoduinn barail a thoirt leis na coslasan bu mhò) agus an deigh sin iad a dh'fhalbh gun tairbh a rithist. 'Se buaireadh éigin o'n leth a muigh, 'an co'-chuideachda ri antoil cridhe neo-naomhaichte o'n leth a stigh, gu gabhail ris an innleachd naomha so chum saorsadh, bu choireach ri leir-sgrios iomadh neach. Agus bha iad air an cruadhacha le mealltaireachd a pheacaidh, Eabh. iii. 13., gus am bheil iad cosmhuil ri bhi gu tur air an sgrios, agus sin gun cobhair. Agus air an aobhar sin, O leughadair, a tha 'n ceart uair a leughadh nam briathran so, tha mi guidhe ort, am feadh a tha gnothaichean san iomchomhairle so, am feadh a tha t-inntinn eadar dha bharail, eadar gabhail ris, agus cùl a chuir ris an t-soisgeul ghlòirmhor sin, a bha mi 'an treibhdhireas mo chridhe, a cuir san àm so fa d' chomhair, gun éisdeadh tu rium aon uair eile gu faighidneach, an uair a tha mi tagradh as leth Dhé, no faodaidh mi a ràdh, as do leth fein: Am feadh a ta mi mar theachdaire bho Chriosd, mar gun aslaicheadh Dia ort leamsa, tha mi guidhe ort, an riochd Chriosd, gum bi thu rèidh ri Dia, 2 Cor. v. 20, agus nach biodh e na mhi-cheill ro-mhor, an deigh nan dùsgaidhean agus nan rannsaichean sin, cùl a chuir ri comhairle thruacanta Dhé do d' thaobh, ni a bhios na aobhar bròin duit fad siorruidheachd, mar gabh thu aithreachas deth.

2. Shaoileadh neach nach biodh aon fheum air earalachadh sa chùis so. Shaoileadh duine, cho luath 'sa dh' inns-te do pheacaich chaillte, Gun robh Dia air an do chuireadh corruich, deònach réite dheanamh; gum bheil e tairgse làn mhaitheanas doibh nan uile pheacaidh ann-tromaichte; seadh gu bheil e toileach an uchd-mhacachd a ris d'a theaghlach féin, chum fadheoigh, gun gabh e riu na fhianuis nèamhaidh; gum bu chòir do gach neach gabhail gu h.ullamh grad ris a chuireadh

chàirdeil, agus tuiteam aig a chasan le mor aiteas tosdach, ìognaidh, taing, agus aoibhneis. Ach mo thruaigh 's minig a chi sinn a chùis air a cheart atharrachadh. Chi sinn na mìltean gun ghluasad sam bi orra, agus cha 'n 'eil an drùghadh a tha e deanamh air ioma neach eile, ach lag agus neo-mhaireannach. Air eagal gur ann mar so a dh' éireas duitse, O Leughadair, ceadaich dhomh an teachdaireachd leis am bheil mi air m' onarachadh, earalachadh ort le mòr dhùrachd: Guidheam ort a bhi réith ri Dia, agus gabhail ri maitheanas agus ri saoradh, air an doigh air a bheil iad gu saor air an tairgse dhuit.

3. Tha mi guidhe ort, *air an Dia mhòr, an ainm am bheil is a' teachd;* an Tì sin a tha ghuth a lìonadh nam a flaitheas uile le urram agus ùmhlachd. Cha 'n 'eil e labhairt an dìomhanas ri legionaibh de dh-ainglibh; ach nam faodadh connsachadh sam bith a bhi 'measg nan spioradan beannaichte sin, s' ann a bhiodh e a dheuchainn co bu luaithe a chuireadh iarrtuis an gnìomh. O na leig leis labhairt an diomhanas ri duine truagh bàsmhor! Tha mi 'g aslachadh ort, air *uamhasan a chorruich-san,* a dh' fhaodadh labhairt riut le tairneanaich, a b' urrainn le aon ghnìomh d'a thoil do bheatha neo-bhunailteach a ghearradh as, agus do chuir sios do dh-ifrinn. Tha mi guidhe ort, *air a throcair chaoimh;* a thaobh a chaomh iochd, a tha sìor ghabhail truais diot, mar aig athair, osceann mic chaoimh, os-ceann leinibh ghràdhaich, a tha e fathasd a' cuimhneachadh gu dùrachdach, ge d' a bha e ciontach do cheannairc mhi-thaingeil na aghaidh, Ier. xxxi. 20. Tha mi 'guidhe ort *a thaobh a mhaitheas aithreil so uile,* nach co-éignich thu e (mar gam b' ann) a chall clìù caomh athar, ann na bhi na bhreitheamh cothramach, air chor ('s mar tha e bagradh a thaobh na h-aitim sin ris an tubhairt e mic agus nigheanan;) gum bi teine air fhadadh na fheirg, a loisgeas gu h-ifrinn iochdraich, Deut. xxii. 19, 22.

4. Tha mi guidhe ort, *air ainm agus ghaol ar Slànuigheir ghradhaich.* Guidheam ort air uile aontachadh a thighinn san fheoil, air a bhochduinn sin gan do strìochd e gu fein-thoileach, chum gum biodh tusa air do dheanamh saibhir le ionmhais bhioth-bhuan, 2 Cor. viii. 9, air gach cuireadh càirdeil a thug e seachad, a tha follaiseach do ghnà na fhocal, 's a tha teachd, mar gu'm b' ann, blàth o chridhe, a tha ni's milse na mil, no a chìr-mheala.

Guidheam ort, air uil' oibribh glòir-mhor a chumhachd agus iongantais, a bha mar an ceudna nan oibre gràidh. Guidheam ort, air ghaol cuimhne na dh'fhuilig e, cho math ris na labhair agus na rinn e ; air a chruaidh-ghleachd a dh' fhuilig e sa' ghàrradh, an uair a bha chorp comhdaichte le drùchd fola, Luc. xxii. 44. Guidheam ort, air a chaomh dhòruinn a mhothachaich e, an uair a thréig a chàirdean a b' ionmhuinn' e, Mat. xxvi. 56, 's a spion a naimhdean fuileachdach leo e mar an tràill bu dìblidh, agus mar an ciontach bu ghràineile. Guidheam ort, air na buillean agus na creuchdan, air an sgiùrsadh chlaoidhteach a dh' fhuilig an t-Uachdran nèamhaidh so, am feadh a bha e nan lamhaibh ceannairceach ; air an nàire agus na seileadh, o nach d' fhalaich e a ghnùis àghmhor, Isa. l. 6. Guidheam ort, air an fhalluinn chorcair, an t-slat chuilce, an crùn droighinn, a chaidh chuir air Rìgh na glòire, chum gu'n cuireadh e sinne a measg maithibh fhlaitheis, Salm cxiii. 8. Guidheam ort, air uallaich thruim a chroinn-cheusaidh fo 'n robh e ri dian-strì, gus an d' fhàillinn e, air an t-slighe dhocair gu Golgota, Eoin xix. 17, chum 's gun saoradh e sinne o uallach ar peacaidh. Guidheam ort, air na tàirnean guineach, a reub cuislean agus feithean a lamhan agus a chasan; agus air a mhaitheas dho-cheansaichte, bhuadhach sin, a thug air, am feadh a bha 'n t-iarunn a lot fheola, éibheach a mach, Athair thoir dhoibh maitheanas, oir cha 'n 'eil fios aca ciod a ta iad a' deanamh, Luc. xxiv. 35. Tha mi guidhe ort, air a chràdh tha do-labhairt a dh' fhuilig e, an uair a thogadh suas e air a chrann, agus e air a rithe air car shia uairean ; gum fosgail e do chridhe do'n drùghadh dhlù-thairneach sin a tharuinn deich mìlte, agus deich mìlte d'a ionnsuidh, Eoin xii. 32. Guidheam ort, air gach tàir agus beum a dh' fhuilig Rìgh na glòir' an sin, Mat. xxvii. 29, 44, air an tart ìotmhor sin is gann a gheibheadh fion-geur gu chasgadh, Eoin xix. 28, 29 ; air a ghlaodh chràiteach ud a bha cha ro iongantach ann am beul aon ghin an Athar, Mo Dhia, mo Dhia, c' ar son a thréig thu mi? Mat. xxvii. 46. Guidheam ort, air a ghràs sin a thug buaidh air, agus maitheanas, do'n chiontach aig uair a bhàis ; Luc. xx. 42, 43, air an iochd sin do pheacaich, air an iochd sin duitse, a dh' oibrich air a chridhe, am fad 's bu bheo e, agus nach do sguir idir, an uair a chrom e a cheann, ag ràdh, tha e crioch-

naichte, agus thug e suas a spiorad, Eoin xix. 30. Guidheam ort, air buaidh-chaithream na h-aiséirigh sin leis an d' rinneadh follaiseach gum b' e Mac Dhé le cumhachd tre spiorad na naomhachd a chuidich a chum a choilionadh ; air a chaomhalachd ghràsmhor a mheasarraich gach buaidh dhiubh sin, 'n uair a thuirt e ris a mhnaoi as 'n dù thilg e na seachd deamhain, ma thimchioll a dheiseiobuil, a bhuin cho neo-fhiachail ris, imich, thoir fios do m' bhràithrean, gu bheil mis a' dol suas a dh' ionnsuidh m'Athar féin agus bhur n-Athar-se, a chum mo Dhé féin agus bhur Dé-se, Eoin xx. 17. Guidheam ort leis a cho-aontachadh sin leis an dubhairt e ri Tomas, 'nuair a bha e cho mi-chreideach, cuir an so do mheur, agus feuch mo làmhan, agus sìn an so do lamh, agus cuir a' m' thaobh i ; agus na bi mi-chreideach, ach creideach, Eoin xx. 27. Guidheam ort, air a chùram bhàigheil agus dhìleas a bh' aige d'a shluagh, a thug e leis do ionadaibh na glòire, a's leis an d' aontaich e a Spiorad a dhortadh a nuas cho saibhir, miorbhuileach, chum fhocal slainteil a chraobh-sgaoileadh, Gniomh. ii. 33. Guidheam ort, le guth a cho-mhothachaidh agus a chumhachd sin, leis an dubhairt e ri Saul, am feadh a bha e a' deanamh dochoir air eagluis, a Shaul, a Shaul, c'ar son a ta thu 'g am gheur-leanmhainn-se ? Gniomh. ix. 4. Air a mhaitheas fhiughantach sin a thug air an nàmhaid strìochdta sin a chaomhnadh, am feadh a bha e na shìneadh aig a chasan, 's a thog suas e gu inbh cho àrd, is nach robh e a bheag na b' ìsle no na h-Abstoil a b' airde, 2 Cor. xii. 11. Guidheam ort air cuimhneachan gach ni a rinn Criosd cheana, agus le dòchas ris na tha e fathast r'a dheanamh air son a shluaigh. Guidheam ort, a dh' aon bheum, air slait-rioghail a ghràis, agus claidheamh a cheartais, leis an cuirear a naimhdean uile gu bàs na fhianuis, Luc. xix. 27., nach builich thu an ùine luachmhor sin ri faoineis, am feadh a tha a Spiorad a'g oibreachadh ort ; nach càill thu cothrom theagamh nach faigh thu am feasd tuilleadh, agus a thaobh an fheum a ni thu dheth, ris a bheil do *shonas* siorruidh an earbsa.

5. Guidheam ort, air an tiom-chridhe chàirdeil, a tha dligheach uait do mhinisteiribh dìleas Chriosd, a tha ri dian shaothair, a' searmonachadh agus ri ùrnuigh, a' buileachadh an ùine, agus an neart, agus faodaidh e bhith, a' giorrachadh an saoghail, le 'n dealas chum t-anams'

agus anama dhaoin' eile a shàbhaladh. Guidheam ort, leis a ghaol a th'aig gach neach a tha 'n gràdh air ar Tighearn Iosa Criosd 'an treibhdhireas, air t-fhaicinn ar tighinn air t-ais da ionnsuidh. Guidheam ort, air càirdeas nam beò, agus cuimhneachan nam marbh: air truaighe na muinntir a bhuilich gu faoin an làithean, 's a chaidh am mugha 'n am peacaibh, agus air sonas àghmhor na droing sin a ghabh ris an t-soisgeul, 's a th'air an sàbhaladh leis. Guidheam ort, air dùil mhòr an latha, chudthromaich sin, 'n uair a bhios an Tighearn Iosa air fhoillseachadh o nèamh, 2 Tes. i. 7.; air uamhunn an t-saoghail a' leaghadh as, 2 Pead. iii. 10.; air fuaim trompaid an Ard-aingil, 1 Tes. iv. 16.; agus air a bhreth sin is ro uamhannaich, thigibhse, a ta beannaichte, agus imichibhse uam a ta mallaichte, leis am bi an gnothach cudthromach air a cho-dhunadh, Mat. xxv. 34, 41.

6. Guidheam ort fadheoidh, *air ghaol t'anma luachmhoir agus neo-bhasmhoir;* le beachd riochdail air leabaidh a bhàis, no bhi gu h-obann air do spionadh bharr aghaidh an t-saoghail; agus mar bu mhath leat aon bhaoisge de shòlas bhi air do spiorad 'an àm dealachaidh, 'n uair a bhios t'fheòil agus do chridhe a' fàillneachadh. Guidheam ort, air thu bhi air do nochdadh 'an làthair cathair breathanais Chriosd, (Oir 's fheudar do gach neach teachd ann, ged' a tha iad an drast' air righchathraichean leo féin;) air uile ait aoibhneas na muinntir bheannaichte, agus air uile chruaidh spàirn dhòlasaich na h-aitim mhallaichte, ni is e an darna cuid a bhios 'na chrannchar siorruidh agadsa. Tha mi gu caomhail ag earalachadh agus a' guidhe ort, leis gach smuain diubh sin, mar a fhreagras tu dhomhsa, a dh' fhaodas a bhi air an là sin air mo ghairm a thogail fianuis a' t' aghaidh; agus ni is ro chudthromaiche, mar fhreagras tu do d' choguis fein; mar fhreagras tu do 'n bhreitheamh shiorruidh, nach cuir thu cùl ris na smuaintean agus ris a chùram sin, gus an toir thu gu crìch shon' iad; gus an gabh thu Criosd mar roghainn, agus slighe na slainte a dh' orduich e, agus gun tabhair thu thu-fein suas do Dhia 'am banntaibh co-cheangail shiorruidh.

7. Mar so fàgaidh mi a chùis 'am fianuis an Tighearn, agus a' d' lathair féin. Dh'innis mi dhuit mo ghnothach. Chuir mi mo theachdaireachd an céill duit. Cha 'n 'eil e 'n comas domh briathran is drùightich' a ghnàth-

achadh. Cha 'n urrainn mi smuaintean is càirdeile no is eagalaich a nochdadh. Tog do roghainn ma ta, co dhiubh a théid thu mach (mar g' am b' ann) sgeadaichte an eudach-saic, chum thu fein a shleuchdadh sios aig a chasan-s' a tha san àm so a' cuir nan cuiridhean gràsmhor sin air sìth agus maitheanas a' t' ionnsuidh: No an seas thu a mach na aghaidh, gus an tig e le claidheamh na laimh, a dheanamh teann chunntas riut air son gach àr-a-mach agus cionta a rinn thu, agus air son cùl a chuir ris an tairgse so cuideachd. 'S toileach mi gun gabh thu an roghainn is fearr, a's cha 'n fhaod mi a chreidsinn, gum bi an t-saothair ghràidh so gu tur cho caillte 's nach bi aon anam air a thoirt a dh' ionnsuidh Chriosd, le striochda toileach, agus le creidimh iriosal. Thoir leat briathran, ma ta, agus pill ris an Tighearn, Hos. xiv. 2. ; agus O gun robh iad so a leanas, gu neo-chealgach aig gach neach a leughas iad.

*Am Peacach a' géilleadh do na h-earailibh sin, agus a nochdadh gu bheil e toileach gabhail ri Slàinte trid Iosa Criosd.*

"A THIGHEARNA bheannaichte, 's leòir e! is tuille 's a chòir e! Gu cinnteach cha ruigear a leas a cho-lion earail, gu impidh a chuir orm chum bhi sona, gu thoirt orm gabhail ri maitheanas a'm' pheacaidh, ri beatha, agus ri gloir shiorruidh. A Shlànuigheir iochd-mhoir, tha m' anam air a cheannsachadh; ionnus gu bheil dòchas agam, gur e cainnt do bhròin-se, cainnt m' aithreachais-se, agus gu 'm faod mi a ràdh, gu bheil mo chridhe mar chéir air leaghadh am meadhon mo chùim, Salm xxii. 14.

"O Fhir-shaoruidh ghràsmhoir! Rinn mi cheana dearmad ort tuilleadh 's fada. 'S minig a rinn mi dochoir ort; a cheus mi as ùr thu le m' chionta agus le m' chion aithreachais, mar gu 'n gabhainn tlachd do chuir gu nàir' fhollaisich, Eabh. vi. 6. Ach tha mo chridhe a nis a géilleadh dhuit, le striochdadh iriosal neo-chealgach. Cha 'n 'eil mi 'g iarraidh cùmhnant air bith a dheanamh riut ach iad so—gu 'm bi mi gu h-iomlan leat-sa. Tha mi deonach gun aontaich thu do thoileachadh a dheanamh rium na leigeas dhomh do thoil a thuigsinn. Teagaisg dhomh, O Thighearna, ciod is àill leat mi a dheanamh. Oir tha toil agam fhòghlum, chum gun

gnàthaich mi e. Ma bhios tuilleadh ann na's urrainn do m' chumhachd lags' a chuir an gniomh, tha dòchas agam gun toir thu am barrachd neart' domh ; agus trid an neirt sin bheir mi seirbhis duit. Och gabh ri anam, a rinn thu deonach air bhi leat !

" Cha 'n 'eil e feumail, O Shlànuigheir bheannaichte, tuilleadh earail a dheanamh orm. Ceadaich dhomh teachd a' t' ionnsuidh, mar pheacach a tha ullamh gu dol am mugha, a tha fa-dheireadh a' faicinn, agus a tuigsinn nach eil slainte an aon neach eile ! Gniomh. iv. 12. Ceadaich dhomh a nis, a Thighearna, teachd, agus mi fein a thilgeadh sios aige do chasan, mar dhìbearrach gun chobhair, aig nach eil tlus no fasgadh ach a' d' chaomh iochd bhàigheil ! Mar neach air a ruagadh le dioghaltair na fala, ag iarraidh gu dùrachdach gu baile na dìdein, Ios. xx. 2, 3.

" Tha mi a' feitheamh air an Tighearna, tha m' anam a' feitheamh ; agus a' d' fhocal tha mo dhoigh chum gun gabhadh tu gu grasmhor rium. Tha m' anam ag earbsa a' d' mhaitheas agus an ro gheall air. Tha mi a cliuthachadh na foighidin a ghiulain cho fada leam ; agus a ghràis a tha nis ga m' dheanamh toileach air bhi leatsa, air do chumhnantaibh fein. Och gleidh an cridhe cealgach so dhuit féin ! Och ceangail riut féin mi am bannaibh gràidh nach gabh sgaoileadh, nach urrainn do mhealltaireachd fala agus feola, no do dhiomhanais an t-saoghail chealgaich so, no idir dian earail mo chochompanach pheacach, mo tharruinn air m' ais uat agus mo chuir fodha an cionta agus an leir-sgrios as ùr: Bi an urras air t'òglach, O Thighearna, chum math, Salm cxix. 122.; chum gu'n gleidh mi greim daingean diot, a chum na beatha maireannaich ; agus fa-dheoidh gum bi am barrachd fios agam trid fein-fhiosrachaidh aoibhinn agus bhith-bhuan, cho ro iomlan 's a tha thu a' d' Shlànuighear ! *Amen.*"

## CAIB. XI.

### *Earail dhùrachdach dhoibh-san nach gabh os-laimh gabhail ri tairgs' an t-Soisgeil.*

1. Tha dòchas muinghinneach agam, gum bi na Caibidilean a th'air thoiseach air so, nam meadhon air

cuid de pheacaich aineolach neo-umhaileach a mhosgladh chum 's gum faic iad am feum air slaint' an t-soisgeil, agus gu impidh a chuir air cuid gu gabhail gu cridheil treibh-dhireach ris. Ach cha'n fhaod mi fiughair a bhi agam gur e so rùn gach neach a leughas an leabhar so. Ciod is fearr mise, mo thruaighe, na m' aithrichean, 1 Righ. xix. 4., na mo bhraithrean, a bha, anns gach linn a' cuir an gearain an céill, a thaobh àireamh iomadaidh, gun do shìn iad a mach an lamhan rè an làtha gu h-iomlan ri pobull eas-umhal agus a labhras 'n an aghaidh? Rom. x. 21. Faodaidh e bhith gum bi an samhuil sin lionmhor an àireamh mo luchd leughaidh-se. Iomadh neach, nach dean aon chuid eagal na gràdh aon drùghadh buan orra; Iomadh neach, m'an do labhair ar Tighearna bho fhiosrachadh féin, an uair a ni sinne pìobaireachd dhaibhse, cha dean iadsan damhs dhuinne, agus an uair a ni sinne bròn daibhse, cha dean iadsan cumha dhuinne, Mat. xi. 17. Cha 'n urradh dhomh tuilleadh a ràdh a chuir impidh orra, ma chuireas iad an suarachas na thubhairt mi cheana. 'S fheudar dhuinn ar cead a ghabhail d'a chéile 's a chaibidil so; agus, Och b' fhearr gu 'm b' uarainn mi a ghabhail diubh air mhodh, 's gun sparrain càileigin do gheurmhothachadh air an cridheachan ann an àm dealachaidh; agus ge d' a tha mi ear tamuil gam fàgail, dh-earalaichinn orrasan iad a philleadh air an ais, agus iad a leughadh 's a smuaineachadh air na caibidilean a tha riomh so, mar an earrann ris am bheil an gnothach-san, agus le sin a dheanamh le mòr aire, gum faodadh iad an ùine ghearr, mar gam b' ann, breth orm a rìs, agus suaimhneas agus taitneachd fhaighinn anns a chuid a leanas de'n teagasg so, ni nach comasach dhaibh fhaotainn san staid sam bheil iad! A dhaoine neo-shona! Tha mi gar fàgail mar dh' fhàgas lighiche neach d'am bheil mòr spéis aige, 'sa tha e faicinn nach gabh e leigheas: Tha e 'g ath-philleadh a rithist agus a rithist, agus a ceasnachadh gach seol air am bheil e, a dheuchainn am bheil comharradh is fàbharaich na chéile; gu earbs' a bhi aige an dean tuilleadh cungaidh-leigheis feum dha.

2. Air an doigh cheudna, pilidh mise aon uair eile riutsa. Cha 'n 'eil thu mothachadh annad fein aon togradh gu gabhail ri Criosd, mar tha e air a thairgse san t-soisgeul, thu fein a thoirt suas do sheirbheis Dé,

agus do bheatha a chaitheamh gu cràbhach diadhaidh a réir a thoile. Ach mar urrainn mi a thoirt ort so a dheanamh ; innis domh, *c'ar son nach dean thu e ?* An e is coireach, gu bheil thu toirt ana-creideas do cheudthus mhòr na diadhachd ? M'as ann mar so a tha chùis, tha e 'g eadar-dhealachadh o aon ni mun do labhair mise, agus 's eigin buntainn ris air atharrachadh doigh. Cha 'n àit' iomchaidh so gu co-reusonachadh mu anamharus mi-chreidheimh. Gidheadh dh' iarrainn ort rannsachadh gu dùrachdach, *c' àit a tha na h-an-amharais sin a ruigheachd.* Am bheil iad ach mu thimchioll cuid do theagaisg an t-soisgeul, m' an do labhair mi ; no bheil iad mu thimchioll an fhoillseachaidh Chrioisduidh gu h-iomlan ? No am bheil iad a' dol ni 's faide, chum diadhachd nàdurra, cho math agus fhoillsichte, air chor 's gu bheil thu cuir an teagamh am bheil Dia, no freasdal, no ath-bheatha ann, no nach eil ? Leis mar tha mùghadh mòr eatorra sin, bithidh e ro fheumail gun eadar-dhealaichear o chéile iad ; chum gum bi fios cinnteach agad, co air is còir dhuit bun a dheanamh, le rannsachadh mu thimchioll na tha thu fathast an teagamh, Ach ge b' e air bith teagamh a th'agad, dh' fheòraichinn diot, *c' uin a thòisich iad, agus ciod an seol a ghuàthaich thu gu teachd chum fiosrachadh m' an déibhinn ?* Am bheil a bharail agad, 'an gnothaichean cho cudthromach, gu bheil e ceadaichte dhuit dàil a chuir sa chùis, a' deanamh dearmad air dearbhadh fhaotainn mu na nithibh sin, mar leith-sgeul gun do ghiulan a bhi d' an réir ? Nach fhaod tuigse nàduir cinnte a thoirt duit, ma tha na nithe sin fior (le thu bhi gan cuir an teagamh, tha thu 'g aideachadh gur comasach gu bheil) gu bheil iad ni's ro chudthromaiche no aon ni a bhuineas do'n bheatha so, 's air son am bheil thusa gan dearmad ? C' ar son ma ta a tha thu buanachadh neo-churamach agus neo-umhaileach, o sheachduin gu seachduin, agus o mhìos gu mìos, ni faodaidh e bhith a tha do choguis a 'g innse dhuit a thachair ?

3. Am bheil thu a feòraich, *Ciod an doigh air an cuirear as an amharus thu m' an timchioll ?* Cha 'n 'eil sin do-dheanta, Fosgail do shùilean : Smuaintich riut fein : Leig le d' choguis labhairt ; agus tha mi an làn-bharail, m' ar eil i air cruadhachadh gu ro mhor, gun aidich i dhuit gu bheil i creidsinn an da chuid diadh-

achd nàdurra agus fhoillsichte ; agus air an fheum anabarrach a tha air aithreachas, creideamh agus naomhachd, chum ruigheachd air suaimhneas san ath-bheatha. Ma tha bheag de dh' fhoghlum agad, 's fheudar gu bheil fios agad, ciod na daoine, agus ciod na leabhraichean a tha dìon na firinne mòire sin. Agus mar eil, gheibh thu anns gach baile agus coimhearsnachd, daoine a tha comasach air fiosrachadh a thoirt duit mu dhearbhaidh shonraichte na Criosduidheachd, agus a fhreagras gach amharus na aghaidh, a dh-fhaodadh inntinne neofhogluimte tachairt ris. An ainm Dhé, ma ta, cuir thu fein gu grad a rannsachadh m' an chùis. Ma tha thu smuaineachadh idir, smuainich gu beachdaidh air a chùis so ; agus na bi cosg t-ùine ri fòghlum eile, (nach eil 'an coimeas ris a so ach mar dhiomhanas,) agus tu deanamh dearmad air so. Bi cho faicilleach m' an chùis 's a bhios tu mu d' bheatha, oir tha mòran tuille 's do bheatha an earbsa ris. Thoir fa'near cia fhad 's a tha thu toillichte leis, agus c' arson nach eil an toileachadh sin a dol ni's faide ? Coimeas an dearbhadh air gach taobh. Agus os-ceann gach ni, thoir fa'near rùn agus crioch an Tiomna-nuaidh. Faic ciod gus an treòraich e thu, agus gach neach a bheir ùmhlachd thoileach dhà ; 's an sin abair am bheil e math. Agus thoir fa'near cho nàdurra 's a tha fhìrinn an taice r'a mhathas. Rannsaich a mach giulan agus briathran a chuid ùghdair, a tha air an coimhead do ghnà nan sgrìobhadh. 'S an sin cuir a cheist ri d' chridhe fein, Am faod thu shaoilsinn nach robh 'n so ach mealltaireachd ? mealltaireachd mhi-naomha an-iochdmhor ? Oir 'se sin a b'éigin a bhi ann, nam bu mhealltareachd idir a bhiodh ann ; innleachd a dheanamh fanoid air Dia, 's gu cuir as do dhaoinibh, eadhon na daoin is fearr, a thug géill d' an coguis, 'sa dh' fhuiligeadh gach dòrainn air son an ni a mheasadh iad a bhi fior. Cuir a cheist air do chridhe fein, An urrainn domh o m' choguis a chreidsinn gur mealltaireachd mar sin a ta ann ? Am faod thu amharc suas ris an Dia a ta uile-fhiosrach, agus a ràdh, " O Thighearna, 's aithne dhuit gur ann a thaobh urram dhuitse, agus air son gràidh do'n fhirinn agus do shubhailc, a ta mi cuir cùl ris an leabhar so, agus ris an dòigh chum sonais air a chuir sios ann."

4. Ach tha ceann-fath mi-mhisnich san rathad. Agus

ciod ma tha? Nach deach' iad sin riamh a mhìneachadh? Imich a dh-ionnsuidh na muinntreach is èudmhoire m' an Chreideamh Chriosduidh, d' an ionnsuidhse is mò a shaoileas tu aig a bheil de chomas is fìrinniche, agus is crabhaiche, ma shaoileas tu gu bheil an leithid ann: nochd t-iomagainn daibh: éisd r' am freagradh: breithnich gu curamach iad, mar a' teachd uathasan aig a bheil fios gur éiginn daibh freagradh do Dhia air an son: 's am feadh a tha thu fuireach an anamharus m'an chùis, lean an fhirinn cho fhad 's a bheir i thù, agus thoir an ro-airc nach cuibhrich thu i ann an neo-fhireantachd, Rom. i. 28. Cha 'n 'eil ni is mi-fhreagarraiche agus is mi-chiataiche do dhuine, na bhi gabhail air, nach eil e toilichte le dhearbhadh an t-soisgeil, mar leith-sgeul a chionn nach urrainn da bho choguis a bhi na fhìor-chriosduidh; am feadh a ta e sa cheart àm a dol 'an aghaidh reusoin agus a choguis, agus ciontach do pheacaidh a tha air an toirmeasg leis na h-ana-creidich fein. O dhaoine, thug Criosd breth ma'n samhuil sin, agus tha bhreth ro-chothromach agus glic; tha iad a deanamh uile, air an aobhar sin tha iad a' toirt fuath do 'n t-solus, agus cha 'n 'eil iad a' teachd chum an t-soluis, air eagal gu'm biodh an oibre follaiseach, agus air an cronachadh, Eoin iii. 20. Ach tha solus ann, a ni an oibre follaiseach, agus a chronaicheas iad, a dh' ionnsuidh an eigin daibh teachd, agus theid an co-éigneachadh gu fuireach ris a cheasnachadh ghoirt theann sin.

5. Ach ma tha thu cuir romhad a nis gun tuille rannsaichidh a dheanamh m' an chùis, ceadaich dhomh air a chuid a's lugha, o dheagh dhùrachd, chum 's nach tarruinn thu am barrachd leir-sgrios air do cheann féin, t-earalachadh, o bhi cumail dhaoin' eile air an ais o bhi creidsinn an t-soisgeil. Fàg iad air ghaol Dia a sealbhachadh nan sòlas agus nan dòchas sin nach urrainn iad a mhealltainn o ni sam bith eil' ach o'n chreideamh Chriosduidh; agus na dean, mar gum biodh a mhiann ort a chuir ri thu bhi a' t' ana-creideach, an dìteadh ro-ann-tromaichte sin a dh' fhaodas iadsan, a tha bacadh leas anma dhaoin' eile, dùil a bhi aca ris, ma gheibhear a mach gu bheil an soisgeul sin, a tha iadsan a' cuir na aghaidh, fior, mar is ro chinnteach gu'm faighear a mach gu bheil e dearbh-fhior, agus dhaibhsan is cùis eagail e d'a rìreadh.

6. Mar comasach dhomh buaidh a thoirt 'an so, ach gun toir uabhar gu barrachd tuigse fheuchainn air a leithid so de dhuine, eadhon calg-dhìreach an aghaidh a bharailean taitneach féin mu neo-chiontas mearachd, agus gu bheil gach creideamh co-ionann a thaobh subhailc dhaoine, a' deanamh ni's urrainn da chum an soisgeul a chumail fo chois, a toirt gach tàir a dh' fhaodas e dhà ; gabhaidh mi, uime sin, mo chead deth le aon tairgse, a tha mi a meas ro fheumail. Ma tha thu cuir romhad nach dean thu tuille rannsachaidh m' an chreideamh Chriosduidh, ach gu'n caith thu do bheatha agus gu'n giulain thu thu-féin mar g' am biodh tu làn chinnteach nach biodh aun ach mealtaireachd, gun suidh thu sios, agus gun sgrìobh thu an rùn-suidhichte so. Sgrìobh sios, " Air a leithid so de latha de leithid so de bhliadhna ; chuir mi gu suidhichte romham, gun caithinn mo bheatha agus gum bàsaichinn, a cuir cùl ris a chreideamh Chriosduidh, agus gun dean mi ni 's urrainn domh gu thilgeadh bun os-ceann. An diugh chuir mi romham nach tugainn géill air bith, 's nach mò bhiodh dòchas agam ri aon ni o Iosa o Nasaret ; agus gun deanainn e na earrann mhòr de m' ghnothach sa' bheatha so, a chuir an suarrachas a'm barail chàich, agus dìmeas a tharruinn air féin agus air a dhiadhachd, agus bheir mi oidhirp air a chuir as an t-saoghal gu buileach ; ga dhùlanachadh féin agus an latha a tha a luchd-leanmhuinn ag ràdh, gum foillsichear e leis na h-urrad mhòrachd agus uamhais a chuir an gniomh a dhiogha ltais a tha air a bhagradh an aghaidh a naimhdibh." Am bheil a chridhe agad so a sgrìobhadh, agus do làmh a chuir ris? 'S deimhinn leam gur iomadh fear a shaoilear a tha 'g àicheadh Chriosd, 's a tha 'g oidheirpeachadh an àireamh a dheanadh sin a mheudachadh, nach cuir a làmh ris. Agus mar eil a chridhe agads' a dheanamh, co uaith a 'm fuigheall beag faicill sin ag éiridh ? Tha 'n t-aobhar làn shoilleir. Tha eagal dìomhar air do choguis gum faod an soisgeul so, ris an do chuireadh cùl, a chuireadh 'na aghaidh, agus air an d' rinneadh tàire, 'an deigh na thachair a bhi fìor. Agus ma tha a shamhuil sin de dh-eagal ann, an sin ceadaich do 'n chogais a cuid féin a dheanamh, agus thugadh i dearbhadh dhuit air amaideachd an-diadhaidh do ghiulain, mar gum biodh e dearbh chinnteach mealltach. Innsidh i dhuit gu soilleir, gum faod e bhith gum

faighear thus' eadhon a' cogadh an aghaidh Dhé, *Gniomh.* v. 39 ; agus tu gu garg ladorna a dùlanachadh uamhas an Tighearna, faodaidh tu fhathast tuiteam 'na lamhaibh ; faodaidh e bhith gun cluinn thu a' bhinn sin air an d' rinn thu tàire, agus an uair a chluineas tu i o bheul a bhreitheimh shiorruidh cha'n urrain duit dì-meas a dheanamh oirre : ainmichidh mi dhuit fhathast i a dh' aindeoin t'fhanoid, agus faodaidh tu an rìgh a chluinntinn ag ràdh riut, Imich a dhuine mhallaichte, dh-ionnsuidh an teine shiorruidh a dh' uallaicheadh do 'n diabhul agus d'a ainglibh, Mat. xxv. 41. Falbh a nis, agus cuir 'an aghaidh an sgriobtuir mar do dhìcheall, dean aobharghàire agus fearas-chuideachd de ghiulan an luchd-aidmheil is èudmhoire, agus dean fanoid air na h-eachdruidhean is fìor chràbhaiche, air na fàidhibh agus na h-abstoil ; mar a rinn cuid-eigin eile, nach dh' fhàg a bheagh nan dèigh mar chuimhneachan orra, ach an aineolas, am mi-naomhachd, agus am mi-rùn : Falbh, agus coltach riu-san, sgaoil bratach an ana-creideimh, agus dean uaill as a cho lion creutair bochd aineolaich 's a bheir thu d' a h-ionnsaidh. Ach thoir an ro aire, an t-eagal gun tilg an Galileach d' an tug thu tàire, saighead dhìomhair do d' chridhe, a chuireas stad air t-anail mhinaomha, m'an criochnaich thu 'n t-ath fhocal a b' àill leat a labhairt na aghaidh.

7. Tionndaidh mi mi-féin o 'n fhearr a ta 'g àicheadh Chriosd no an t-an-amharasach, agus bheir mi ionnsuidh air an fhear nach eil ach fo ainm a bhi na Chriosduidh ; ma dh' fhaodar air aon chor Criosduidh a ràdh ris-san, nach eil a' mothachadh, an deigh na labhair mi, togradh gu e-féin a strìochda do riaghladh agus do ghràs, an t-Slànuigheir sin a tha e 'giulan ainm. O pheacaich tha thu a pilleadh air falbh o 'm Thighearna, a tha mi a labhairt na aobhar ; ach ceadaich dhomh t-earalachadh gu dùrachdach a thoirt fainear, c'arson a tha thu a' pilleadh uaith, agus co ionnsuidh thèid thu uaith-san, a tha thu 'g aideachadh aig am bheil briathran na beatha maireannaich, Eoin vi. 68. Tha thu ag ràdh Criosduidh riut féin, ach cha ghabh impidh cuir ort air aon chor gu slaint iarraidh da rìreadh agus trid Iosa Criosd, ris am bheil thu 'g ràdh a Mhaightsir agus a Thighearna. Cionnas a tha thu car tamuil ro bheag a' gabhail leithsgeul an dearmaid sin ri d' choguis? Nan earalaichean thu air

cuis chonspaidich air bith, dh' fhaodadh e 'n gnothach atharrachadh. Nan deanainn mòr strì ri d' iompachadh gu bhi d' dheisciobuil do aon aidmheil Chriosduidh seach a chéile, dh' fhaodadh no dhàil a bhi na bu reusonda: ni h-eadh, ach theagamh gun saoileadh tu gu'm b'è thu chuir cùl ris, do dleasanas d'ar maighstir araon. Ach am bheil e na aobhar connsachaidh am measg Chriosduidhean, am bheil na nach eil Dia mòr, naomh, agus firinneach ann; agus co dhiubh a tha a shamhuil sin do Bhìth a ta sinn ag aideachadh, ri urram agus gràdh a thoirt dà, na ri bhi air a dhearmad agus easonoir a thoirt da? Am bheil e na chùis chonnspaid, co dhiubh bu chòir do pheacach aithreachas a ghabhail d'a pheacaidh, no bu choir dha dol air aghaidh annta? Am bheil e na aobhar connsachaidh nar measg-ne, co dhiubh a thàinig Criosd 's an fheoil, 'sa bhàsaich e air a chrann chum peacaich a shaoradh, no nach tàinig? Agus mar eil, am faod, iadsan a tha creidsinn gur e-san Mac Dhé agus Slànuighear dhaoine, cuir an aghaidh, co dhiubh bu choir do pheacaich iarraidh, no dearmad a dheanamh air? No co dhiubh bu chòir do neach a tha 'g aidmheil a bhi na Chriosduidh, dealachadh ri aingidheachd, no e fein a thoirt suas chum a bhi ga cleachdadh? Am bheil àitheantan ar Slànuigheir air an sgrìobhadh cho dorcha na fhocal, 's gu bheil aobhar gu chuir an teagamh co dhiubh a ta e 'g iarraidh caithe-beatha chràbhach, naomha, iriosal, spioradail, chùramach, agus fhéin-àicheanach, no gu bheil e 'ceadachadh a cheart atharachaidh? Am bheil Criosd an deigh a ghabhail os-laimh beatha agus neo-bhàsmhorachd a thoirt chum soluis, air am fàgail ni's neo-chinntiche na fhuair e iad co dhiubh a ta ath-bheatha chum sonais agus truaighe ann, no c'ar son a ta gach staid fa-leth dhiubh sin air an sònrachadh? Am bheil e na chuis chonnspaid co dhiubh bheir no nach toir Dia gach obair chum bhreathanais, maille ris gach ni diomhair m'as math, no m'as olc e? Eccles. xii. 14, no co dhiubh, aig co-dhunadh a bhreathanais sin, a teid na h-aingidh air falbh chum peanais shiorruidh, agus na fireanan chum na beatha maireannaich? Mat. xxv. 46. Air chinnte a thaobh do nàire cha chuir thu na nithe sin an teagamh, agus Criosduidh a ràdh riut féin. C'arson ma ta nach gabh e cuir mar fhiachaibh ort an gabhail a' t' ionnsaidh féin, agus thu-féin a ghiulan mar tha do

dhleasanas agus do bhuannachd gu soilleir a'g iarruidh ? Och a pheacaich tha chùis tuille 's soilleir ; cùis gun amharas nach fiù aobhar a ràdh ris. 'S ann a chionn gu bheil thu air do dhalladh agus air call t-umhail le d' dhiomhanais agus le t' ana-miannabh. 'S ann a chionn gu bheil ni-éigin agad a bhuineas do 'n bheatha so, anns a bheil do mhor thlachd, air chor 's gur annsa leat e na Dia agus Criosd, na t-anam féin agus a shlainte. An aon fhocal, 's ann a chionn gu bheil thu fhathasd fo chumhachd na h-ìnntinn fheolmhoir sin, a ta, a dh-aindeoin aon choslais chràbhach a tha thu gabhail ort a bhi agad, na naimhdeas an aghaidh Dhé, oir cha 'n 'eil i umhail do lagh Dhé, is cha mhò a tha 'n comas d'i bhi, Rom. viii. 7. Agus air an aobhar sin tha thu an ceart chor nan truaghan sin ris an tubhairt ar Tighearna, cha tig sibh am ionnsaidh a chum sgum faigh sibh beatha, Eoin vi. 40, agus uime sin gheibh sibh bàs ann 'ur peacaibh, Eoin viii. 24.

8. Air do 'n chùis a bhi mar so, cha 'n fhaic mi ciod am feum a ni e na h-earailean agus na comhairlean a thuig mi 's na caibidilibh roimh so ainmeachadh a rithist. Mar thuirt ar Fear-saoraidh beannaichte riu-san a bha cur cùl r'a shoisgeul, chunnaic agus dh' fhuathach sibh araon mis agus m' Athair, Eoin xv. 24. ; agus faodaidh mise sin a ràdh gu firinneach d'ar taobhsa ; dh' oidhirpich mi air an doigh is ro-shoilleire Criosd agus an t-Athair a nochdadh dhiubh ; dh' earalaich mi a chomain fo'm bheil sibh dhoibh araon ; chuir mi far comhair 'ur cionta agus ur dìteadh ; chomharraich mi a mach an t-aon fhuasgladh ; dh' fheuch mi dhiubh a charraig air a bheil stéigh mo dhòchais shiorsuidh fein air a togail, agus an aon doigh air am bheil dùil agam ri slàinte. Chliùthaich mi na nithe sin duibhse, agus ma bheir Dia an comas domh, cliùthaichidh mi iad gu caomh, dùrachdach leis an deo ma dheireadh de m' chloinn féin, agus do na càirdibh is ionmhuinne leam air thalamh, a bhios san àm m'am thimchioll : a' meas gur e an comharradh is mò air mo chàirdeas, agus an dearbhadh is cinntich' air mo ghràdh dhaibh. Agus ma tha thu a' creidsinn gu bheil an soisgeul fior, 'sa cuir romhad cùl a chuir ris ; cha 'n 'eil a bheag tuille agam r'a ràdh riut, ach gar eigin duit cuid do chunnairt a ghabhail. Gidheadh mar rinn Maois ri Pharaoh, an uair a chaidh e a mach as a làthair an uair mu dheireadh,

air dha a thoirt fa-near gun robh a chridhe air fàs na bu chruaidhe leis gach breathanas agus teasairgin o'n tainig e, chuir e 'n céill dà gun robh Dia gu dol tre 'n tìr ann an corraich a chuir gu bàs nan ceud-ghin, agus thug e rabhadh dhà air an éighich chràitich a bhiodh air feadh a rìoghachd uile. 'S amhuil a ni mise, a pheacaich, an uair a ta mi ri dealachadh riut, labhraidh mi fathasd riut, co dhiubh a dh-éisdeas tu no nach éisd; agus cuiridh mi an céill duit am breathanas a ta gu mor ni's uamhasaiche, gu bheil claidheamh dioghailteis an Uile-chumhachdaich, chean' air a tharruinn agus air a gheurachadh, agus air a thumadh mar gu 'm b' ann air nèamh, Isa. xxxiv. 5. air ullachadh fa d' chomhair; a chriochnaicheas le iolach is ro uamhasaiche, ge d' a bhiodh tu na bu cheann-laidire na bha 'n rìgh uaimhreach ud. Seadh a pheacaich, chum 's gum faod mi, leis an Abstol Phòl, an uair a ta mi pilleadh ri daoin' eile is dàch' eisdeachd rium, m' aodach a chrathadh, agus a ràdh tha mi saor o' t' fhuil; Gniomh. xviii. 6. Innsidh mi aon uair eile ciod a chrioch gus an tig na nithe sin. Agus O b' fhearr leam gu 'm b' urrainn domh gàir eagail a dheanamh a' d' chluais a mhosgladh tu, nach b'u chomasach do shubhachas saoghalta a chuir as t-aire.

9. Iarr gach aobhair sùgraidh agus gach toilinntinn is miannach leat, tha mis ag innseadh dhuit, O pheacaich, ge d' a bhiodh tu cho ionann 'am meas, 'an cumhachd, agus 'an greadhnachas, ri rìgh mòr Bhabiloin, bithidh do mhòr-chuis, agus fuaim t-inneil-chiuil uile air an toirt sios do 'n uaigh; bithidh a chnuimh air a sgaoileadh fodhad, agus is iad na cnuimheagan do chòmhdach, Isa. xiv. 11. Seadh, a pheacaich, 's e crioch nan nithe sin am bàs, Rom. vi. 21.; bàs san t-seadh is ro dhlòlasaiche dhuitse, ma bhuanaicheas tu san t-suidheachadh inntinn so. Cha 'n 'eil e comasach dhuit a sheachnadh; agus m' as urrainn domhsa, thaobh aon ni a dh' fhaodas mi ràdh gu a bhachadh cha di-chuimhnich thu e cuideachd. Cha 'n 'eil do neart mar neart nan clach, cha mhò is umha t' fheoil, Iob vi. 12. Tha thu buailteach do eucail, mar tha daoin eile; agus mar dean sgiorradh obann a bhacadh, chi sinn an ùine ghearr, cho treubhach sa' ghiulaineas tu thu-fein air leabaidh a bhàis, an dlùbheachd air siorruitheachd. Thus' a tha 'n trà so, a' deanamh dìmeas air Criosd, 's a' deanamh tàir air a shoisgeul,

chi sinn thu gu h-airsneulach trom ; gun sùrd gun sùnnt ri d' thoilinntinn fheolmhoir, no ri d' chompanaich dhiomhain. Agus math a dh' fhaoidte ma thig cuid diubh far am bi thu, 's gun tòisich fear is brùideilena chéile, ri fear-aschuideachd riut, no ri sûgradh mi-naomha, chi sinn cia mar thaitneas e riut. Chi sinn ciod an sòlas a bheir e dhuit a bhi smuainteach air na chaidh seachad, na ciod an dòchas a bhios agad ri amhare air na tha chum teachd. Theagamh gum bi thu 'n sin an imcheist bhrònaich a' feòraich ciod a ni thu gu bhi air do thearnadh ; a' gairm air ministeiribh Chriosd, air am bheil thu 'n dràst a' deanamh tàir' air son an ro-dhùrachd leis am bheil iad a' saothaireachadh chum t-anam a shaoradh ; agus theagamh gun tuit thu ann am breislich no ann an laigsinn, m' an urrainn doibh teachd. No theagamh gu'm faic sinn thu ga d' mhealladh fein, le galar fadalach, le dòchas gun tig thu uaith, agus a' cuir dàil an smuaineach air do chunnart, no an labhairt uime, air eagal gu'm meath e do spiorad. Agus bithidh caoimhneas an-iochdar chàirdean agus lighichean mar g' am b' ann, an co-bhoinn ri Satan, chum leir-sgrios t-anma dheanamh cho cinnteach 's a dh' fhaodar, a' cuideachadh leis a bharail mhealltaich so.

10. Agus ma thig a h-aon dheth na nithe sin ortsa, ni nach eil idir mi choslach, mar dean miorbhuil gràis do ghrad spìonadh mar aithinne as an losgadh, an uair a ta 'n lasair mar g' am b' ann cheana air gabhail greim ort ; cha 'n 'eil anns na cùisibh neo-thaitneach sin a tha tachairt an an seomraichean na h-easlainte, agus air leabaidh a bhàis, ach roi-shealladh air nithibh gu mòr is eagalaiche agus is neo-thaitniche. Mo thruaighe ! co is urrainn an cuir an céill ? co is urrainn am baralachadh am feadh a tha na càirdean ri bròn tìamhaidh os ceann a chuirp gun deò,'s a' gabhail an ceud dheth gu caomhail m' an taisgear e gu cnàmh anns an uaigh, cha 'n 'eil fios c' àit' an deach' t-anam ! Ciod am mùghnadh a thig air t-anam, m' am fuaraich do chorp, no m'an duin do shùil a ta gun fhradharc ! Tuigidh e 'n sin ciod e pilleadh ri Dia gu cùl a chuir ris, mar a chuir e-san cùl r'a shoisgeul agus r'a Mhac, agus dìmeas a dheanamh air an aon chungaidh réite, a bha cho grasmhor, agus cho caomhail. Bithidh fios agad ciod e Criosd a chuir cùl riut, a dhiult gabhail ris-san ; agus ciod e a thachras an uair a théid

t-fhaghail an lamhaibh spioradan mallaichte ifrinn. Bithidh crioch an sin air an càirdeas: Cha bhi neach ann a thoirt sòlais duit, no a lughdachadh do thrioblaid no do chruaidh dhòlas: Ach 'sann a bhios gach aon m'a d' thimchioll gan sìor-mheudachadh. Builichidh tu an t' àm a bhios t-anam agus do chorp o chéile, an dùil eagalaich, le caoidhrean cràiteach agus le geur agartas do choguis. Agus 'an sin cluinnidh tu trompaid an àrdaingil, ge b' e uaimh eagalach 's an t-saoghal dhòimeach sin am bheil do thàmh. Ruigidh am fuaim do ghainntir, agus dòineach 's mar tha e, b' fhearr leat gun ceadaichte dhuit fuireach ann a dh-fhalach do chinn chiontaich, a roghainn air a nochdadh am fianuis a bhreitheimh uamhasaich ud, o 'm bheil nèamh agus talamh a teicheadh air falbh, Taisb. xx. 11. Ach 's eigin duit teachd a làthair, 's a bhi air do dhlù-cheangal ri corp, a tha nis air a dhealbh gu peanas siorruidh fhulang, a chuireadh as da san staid bhàsmhoir so ri ùine ro-bheag. Cha ghabhadh tu os-laimh teachd a dh'-ionnsuidh Chriosd roimh. Dheanadh tu gu h-amaideach dearmad air, a dh-aindeoin reusoin, a dh-aindeoin do choguis, agus a dh-aindeoin earail dhùrachdach an t-soisgeil, agus caomh chomhairlean bitheant a mhinisteirean dìleas. Ach a nis, a pheacaich, chi thu e, ma dh-fhaodar a ràdh, gum faic thu e leis nach bi chridhe agad do cheann a thogail a dh' fhaicinn gnùis do bhreitheimh uamhasaich agus dho-chìosnaichte. An sin chi sinn, ge b' e air bith fhad o chéile a bha àm ar beatha no ar n-ionad-tàimh, cia cho mhisneachail 'sa dh' fhuiligeas ur chridhe, agus cho laidir 's a bhios ur lamhaibh an uair a ni an Tighearn an ni so, Esek. xxii. 14. An sin chi mi thu, O leughadair, co air bith thu, a tha dol air t-aghaidh a' d' staid neo-iompaichte, am measg mhìltibh agus dheich mhìltibh do pheacaich thruagh ea-dòchasach, air bhall-chridhe agus fo amhladh. An sin cluinnidh mi do ghlaodh-sa am measg chàich, a sgoltadh nan nèamhan féin an diomhain. Eiridh am breitheamh o chathair a bhreathanais gu socrach flathail, agus fàgaidh e thusa gu bhi air t-iomain gu grad do'n losgadh shiorruidh sin, d'an d'òrdaich a cheart dhioghaltas thu, a chionn nach b'àill leat a bhi a air do shaoradh uaithe. Druididh ifrinn a beul gu siorruidh ort, agus bithidh ath-ghairm t-osnaich agus t-éighich chràitich air an call am measg nan h-aleluia

nèamhaidh, aca-san a gheibh tròcair o'n Tighearna air an latha sin.

11. 'S è so gu cinnteach is crìoch do na nithe sin. Agus tha thusa mar Chriosduidh a'g aideachadh gur aithne dhuit, agus gu bheil thu ga'n creidsinn. Tha e cuir duilichinn air mo chridhe, mar eil e deanamh a bheag de ghluasad air do chridhe féin. Tha mi làn chreidsinn, gum bi aig gach neach a théid a shaoradh, na h-urrad de dh-ìomhaigh ar Slanuigheir 'an gliocas agus 'am maitheas, le èud do Dhia, agus le deagh rùnsuidhichte mu shonas a chinne-daoine uile, 's gun seall e air an t-sealladh mhuladach so le ciùin thaitneachd, agus gun smuairean goirt inntinn. Ach leis mar nach eil annamsa fhathasd ach fuil agus feoil; uime sin tha trioblaid air m' inntinn, agus mo shùilean gu tric a sileadh dheur, a smuaineachadh, nach gabh peacaich thruagh tuille truais d'an anmaibh féin; a smuaineachadh, a dh' aindeoin gach comhairl' agus earail, gun lean iad gu ceann-laidir air dol air an aghaidh chum leir-sgrios siorruidh. Cha dean e bheag de dh'fheum ùrnuigh a chuir ris a so, chum còmhnadh a dheanamh riut; gidheadh mar is minig a thaosg mi mach mo chridhe 'an ùrnuigh os-ceann caraid aig uair a bhàis, an uair a bha a ghalar cho cràiteach 's nach b' urrainn da gabhail leam; 's amhuil a chuireas mi suas achanich ri Dia as do leithsa, O dhuine thruaigh! Agus mar fiach leats' a leughadh, na chuir mo chaomh iochd-sa sios; gidheadh tha dòchas agam, iadsan a mhothaich cumhachd an t-soisgeil air an anmaibh féin, nach urrainn doibh gun truas a ghabhail do d' leithid-sa, gun gabh iad leam 's na h-achanaichean neo-iomlan so a leanas.

*Urnuigh as leith Peacaich neo-aithreachail, a tha san staid air ainmeachadh sa' chaibidil so.*

"A Dhe Uile-chumhachdaich! leatsa tha gach ni comasach a dheanamh, Mat. xix. 26. Is ann riutsa uime sin a tha mi ag eadar-ghuidhe as leth an anam chaoimh neo-bhàsmhoir so, a tha thu a' faicinn a' dol am mugha na pheacaibh, agus ga chruadhachadh féin 'an aghaidh an t-soisgeil shiorruidh sin, a bha na chumhachd Dhé chum sàbhaladh a cho lion mìle agus muillein. Tha thu féin, O Dhia, bheannaichte a' d' fhianuis air an t-soillearachd agus an dùrachd, leis an robh an

teachdaireachd air a liubhairt. 'S ann a' t' fhianuis féin a chaidh na briathran eagalach ud a sgriobhadh; agus 's ann a' d' làthair a chaidh an leughadh. Deònaich uime sin a' sgriobhadh an leabhar do chuimhne, ma bhàsaicheas an duin aingidh so na aingidheachd, an deigh an rabhaidh a bhi air a thoirt da cho soilleir, dùrachdach, nach iarrar fhuil air mo laimhse, Esec. xxxiii. 8, 9. no idir air laimh a charaid Chriosduidh, co air bith e, a chuir an leobhar so na laimh, le rùn treibh-dhireach a chum anam a shaoradh. O Shlànuigheir bheannaichte, bi thus' a' d' fhianuis air an là san toir thu breth air diùbhrais gach cridhe, Rom. ii. 16., gun deach' do shoisgeul a shearmonachadh do'n duine thruagh so, agus gun deach' slainte trid t-fhala a thairgse dha ge d' a tha e fhathasd a' deanamh tàir air. Agus gu'n robh do theachdaire neo-airidh na fhàile-cùbhraidh do Dhia 'an Criosd, air son a cheart anama so ge d' a sgriosar air a cheann ma dheireadh e! 2 Cor. ii. 15.

"Ach mo thruaighe! an deigh a chruathais agus an neo-iompachadh so uile, O gu'm bu deonach leat, trid cumhachd éifeachdaich do ghràis, a mhosgladh agus iompachadh! Is math a ta fios againn, O Thighearna nèimh' agus na talmhuinn, gur urrainn dhasan a chruthaich an t-anam, a thoirt air claidheamh a gheur-mhothachaidh, teachd am fagus, agus inndrinn a steach ann. Och b' fhearr, trid do ghliocais, agus do ghràidh neochriochnach, gun gabhadh tu a chùis os laimh, agus gum faigheadh tu a mach doigh air a pheacach so a shaoradh o bhàs siorruidh! O nam b'e sin do thoil bheannaichte, gun deanadh tu e air ball! Tha fios agad O Dhia, gu bheil e dlù do'n bhàs. Tha fios agad ma nitear a bheag idir air a shon gur eigin a dheanamh gun dàil. Tha thu faicinn, 'an leobhar do rùin ghlic agus gràsmhoir, àm air a chomharrachadh a mach is eigin a ghlasadh suas 'an staid neo-chaochlaidhich. O gun deanadh tu greim air, am feadh a ta e fathasd am fearann nam beò, agus dòchas aige! Ecles. xi. 4., tha do lagh neo-chaochlaidheach am frithealadh gràis, a' toirmeasg, gum biodh anam air iompachadh agus air ath-nuadhachadh an deigh dha inndrinn a steach do'n t' saoghal neofhaicinneach: Och deonaich do d' spiorad naomh oibreachadh am feadh a tha e fhathast, mar gam b' ann, an àite ruigheachd air! Oibrich air, O Dhia, le aon

mheadhon is toil leat ; a mhain dean tròcair air ! O Thighearna dean tròcair air, chum nach téid e fodha 'an doimhneachd leir-sgrios, a tha e cho dlù air a bhruaich ! O gun tuga' tu e ma tha sin feumail, agus iomchaidh leatsa, gu doimhneachd claoidh agus amhghair ! O gun robh e le Manaseh, air a ghlacadh ann an dròighnich, agus air a luchdachadh le cuibhrichibh amhghair, ma bheir sin air Dia aithrichean iarraidh ? 2 Eachd. xxxiii. 11, 12.

" Ach cha 'n 'eil mi a' dol a thoirt seoladh do d' ghliocas neo-chriochnachsa. Chuir thu do chumhachd an céill air iomadh doigh ghlòrmhor agus iongantach ; air son am bheil mi a' toirt buidheachais duit, a chionn gun robh na h-urrad eolais agam orra, 's a chuir air m' fhaicill mi 'an aghaidh earbs' obainn na muinntreach sin a tha gu h-andàna ag ràdh gu bheil a ni sin a thachair cheana ea-comasach. Tha dearbh fhios agam gun tug thusa gu crich le aon smuain ann an uaigneas, an uair a bha 'n duine sona a chaidh iompachadh leis fad o mheadh-onaibh, agus o òrduighibh, am feadh nach b' urrainn da na comhairlean a b' uamhannaich ; no na h-earailean bu chaomhaile, na h-amhghair bu ghoirte, no idir na teasraigean a b' iongantaich a thoirt gu crìch !

" Glòraich t-ainm, agus do ghràs, O Thighearna, leis an innleachd a chi do ghliocas neo-chriochnach is ro fheumaile ! Amhàin deonaich, guidheam ort, leis gach umhlachd iriosal a chum do thoile, gum bi am peacach so air a shàbhaladh ! No mar bi, a chum nach bi saothair na h-earrainne so gu h-iomlan caillte ; ach ge d' a robh cuid a cuireas cùl ris a dh' ann-tromachadh an leir-sgrios, gu 'm bi cuid eile air an saoradh le éisdeachd a thoirt da, cum gu 'm faic do sheirbhisich, a shaothraich a chum an saoraidh agus an sonuis, iad 'an ionadaibh na gloire, mar thoradh an saoithreach ; agus gun aontaich iad leo sna h-aleluia nèamhuidh, Dhàsan a ghradhaich sinn, agus a dh-ionnlaid sinn o ar peacaidh na fhuil féin, agus a rinn sinn, o bhi nar ceannaircich dhìt-te, agus 'n-ar peacaich mhallaichte thruaillidh, 'n-ar rìghribh agus 'n-ar sagartaibh do Dhia, dhàsan gun robh glòir agus cumhachd gu saoghal nan saoghal ! *Amen.*" Taisb. i. 5, 6.

## CAIB. XII.

*Earail do dh-Anam a tha cho throm-luchdaichte le mothachadh air meud a chionta, 's nach eil de mhisnich aige dol a dh' ionnsuidh Chriosd' le aon dòchas ri Slàinte.*

1. Sguiridh mi nis dheth na daoine neo-shona sin a tha deanamh dìmeas air an t-soisgeul, agus dhiubhsan a tha ga dhearmad. 'S ann le toil-inntinn a tha mi tionndadh riusan a dh-éisdeas rium le tuille tlachd. Am measg gach neach air am bheil mi smuaineachadh, agus a tha 'g iarraidh mo chùram caomh, tairis, agus urramach, tha mi 'meas nach eil a h-aon is mò an aithrigh air truas a ghabhal deth, na e-san a dh' ainmich mi an suim a chaibidil so: air leam nach eil a h-aon is mo feum air grad chobhair.

2. 'S comasach gum bi creutair truagh eigin a ta fo amhghar, ullamh gu éigheach a mach, " 'S leoir e: Na h-antromaich mo bhròn no mo thrioblaid tuille. 'Si bhìnn a bha thu cho baoghalach a' cuir an céill, a bheirear amach 's a chuirear an gniomh air an neo-iompaichte agus air na mi-chreideich, mo bhìnnse; agus 's iad a h-uamhais m' uamhas-san. Oir ràinig m' eu-ceartan suas gu nèamh, agus tha mo chionta a ruigheachd nan neul, Taisb. xviii. 5. Tha mo staidse ro-shonraichte. Cha robh peacach riamh cho mòr riumsa. Fhuair mi a cho lion tròcair, agus mheal mi a cho lion sochair; chuala mi a cho lion cuireadh de ghràs an t-soisgeil; 's gidheadh bha mo chridhe cho cruaidh, agus mo nàdur cho ro pheacach, agus bha mo chulaidh-bhrosnachaidh cho ann-trom lionmhor, 's nach eil dòchas sam bith agam ri maitheanas. 'S leoir e, gun do chum Dia suas mi cho fada: 'S leoir e, an deigh a cho lion bliadhna 's a chuir mi seachad 'an aingidheachd, gu bheil mi fathasd gun bhi 'an ifrinn. Tha ìoghnadh orm ris an dàil a ta mi faighinn, agus 'sochair mhòr leam gach latha. Tha mi laidhe sios, agus iongantas orm nach do ghlac bàs agus leir-sgrios mi air feadh an latha chaidh seachad. Tha mi 'g éiridh, agus ìoghnadh orm nach d' rinneadh m' uaigh do m' leabhaidh; tha ìoghnadh orm nach eil m' anam air eadar-sgarachdainn

o m' chorp, a's nach eil e air a chuartachadh le deamhnabh agus le spioradabh mallaichte.

3. "Chuala mi gun amharus teachdaireachd na slàinte; ach mo thruaighe, cha teachdaireachd slàinte dhomhs'| i. Tha anmannan sona ann aig am bheil dòchas; agus 's ann an Criosd a tha 'n dòchas, agus 'an gràs Dhé air fhoillseachadh annsan. Ach tha iadsan a' faireachduin misneach gu teachd d'a ionnsuidh; am feadh nach eil de dhànadas agamsa sin a dheanamh. Cha'n 'eil fiughair sam bith agam, tha eagal orm, gu bheil aon chuid agam de Chriosd no d'a ghràs. Tha geallaine mòr agus ro luachmhor ann am focal Dé; ach tha iad dhomhsa mar leobhar glaiste, agus tha iad falaichte uam a thaobh feum a dheanamh dhiubh. Tha fios agam gu bheil Criosd comasach air saoradh. Tha fios agam gu bheil e toileach cuid a shaoradh. Ach gum biodh e toileach air mis a thearnadh, a tha cho truaillidh, 's a rinn a cho lion brosnachadh air, mar tha fios aig Dia, agus aig mo choguis fein, a tha mise; cha 'n urradh dhomh a chreidsinn. Agus'se ni is mò is urrainn dhomh a dheanamh a thaobh a chreidsinn, aideachadh nach eil e gu h-iomlan eacomasach, agus nach do thuit mi fhathasd an làn-ea-dòchas; ge d'a tha mi, mo thruaigh! ro dhlù dhà, agus eagal orm gach latha agus uair tuiteam ann."

4. Cha labhrainn na h-urrad m' an staid so, mar bithinn air faicinn mòran daoin' ann, agus faodaidh mi a ràdh, chum misneach a thoirt duits', a leughadair, ma's i so do staidse, iomadh neach a tha 'an àireamh nan Criosduidhean is daighnichte, is toilichte, agus is feumaile. Agus tha dòchas agam, gun cuir gràs Dé thusa ris an àireamh, m'as urrainn duit fo 'n iomaguin 'sa bheil thu glaodhaich ris an Tighearna, Salm cxxx. 1, agus ge d' a robh thu, mar bha Ionah, air do thilgadh a mach as fhianais, gidheadh le Ionah faodaidh tu fhathasd amharc r'a theampull naomh, Ionah ii. 4.

5. Na smuainichear, gur ann a thaobh aon dearmaid air an Spiorad bheannaichte sin, d' an dreuchd a bhi na cho-fhurt'ear, a tha mis' a'g oidhirpeachadh do chuir as an t-suidheachadh neo-shòlasach so: Oir 's ann mar mhàthair-aobhar mhòr reusoin, a ta e 'buntainn ri creutairibh reusonda; agus 's ann le meadhonaibh reusonda a ghnathachadh a dh' fhaodar dùil a bhi gun oibrich e. Ceadaich dhomh uime sin, labhairt gu ciùin riut, agus

fheoraich dhiot, Ciod an t-aobhar a th' agad air a ràdh gu bheil do chor-sa sonraichte, an uair a tha a cho lion aon ag innseadh dhuit gun do mhothaich iadsan an ni ceudna? Ciod an ceann-fath a th' agad air breth cho cruaidh a thoirt ort fein, an uair a tha an soisgeul a labhairt cho fàbharrach? No ciod is coireach dhuit a shaoilsinn nach eil na nithe gràsmhor a ta e a labhairt, ri bhi air am buileachadh ortsa? Tha thu gun amharus ni 's eolaiche air truailleachd do chridhe fein, na tha thu mu chridhe dhaoin' eile: Agus tha thu gabhail an leithsgeil gu minig air son am fàillinean agus an laigsinn, nach eil thu gabhail as do leith fein. Agus theagamh gu bheil cuid dhiubhsan a tha thu meas a bhi nan naoimh ro-shonraichte seach thu fein, g'an irioslachadh ann san duslach, agus g'am meas fein neo-aithrigh air bhi air an àireamh am measg a chuid is neo-inbhiche de shluagh Dhé, agus gu 'm b' fhearr leo gum biodh iad cosmhuil riutsa, a tha iad a meas a bhi gu mòr ni 's fearr na iad fein.

6. Ach ge d' abair thu gur tu peacach bu ghraineile bha riamh air thalamh? Ciod ge d' a ràinig t-euceartan suas gu nèamh, agus do chionta chum nan neul, Taisb. xviii. 5. ge d' a tha iad cho anntrom uamhasach, 's gun amhairceadh nèamh agus talamh ort mar uilebheist mhidhiadhaidh! Ged' a bhiodh a chùis mar so, am bheil aon ni tuille 's cruaidh do 'n Tighearna? Gin. xviii. 14. Am bheil aon pheacadh as an gabh am peacach aithreachas, cho trom an dath 's nach ionnlaid fuil Chriosd air falbh iad? Seadh ged' a'b' aingidheachd ladurna, agus amaideachd mhi-chneasta, do neach sam bith peacachadh chum gu 'm meudaichear gràs, Rom. vi. 1. gidheadh ged' a bhiodh do pheacaidhse thairis air aon ni d'an tug gràs Dé fhathasd maitheanas, co bu chòir tomhas a chuir air aon naomh' Israeil? Salm lxxviii. 41. No co a dh' fhaodadh a ràdh, gun robh e neo-chomasach do Dhia, direach air son do ro-aingidhead do thagadh o chàch, chum do dheanamh mar chuimhneachan air tròcair, agus mar chomharradh buaidh air gràs gun choimeis? Tha 'n t-Abstol Pòl gu soilleir a' cuir an céill gu 'm b'e so a thachair d' a thaobh fein: agus c'arson, ged' bu tu ceann-cinnidh nam peacach, nach faodadh tu trocair fhaotainn: chum annad-sa, mar an ceann-cinnidh, gum faodadh Iosa Criosd gach fulangas a nochdadh, mar shampleir dhoibh-san a chreideas an deigh so? 1 Tim. i. 15, 16.

7. Dorcha 's mar tha do smuaintean, dh' fheoraichinn diot gu saor, Am bheil thu o' d' choguis a' creidsinn nach urrainn Criosd do shàbhaladh? An e! nach eil e comasach air iads a thig a dh' ionnsuidh Dhé trid-san a shaoradh gu h-iomlan? Eabh. vii. 25. Tha e, their thu, làn chomasach air a dheanamh; ach cha 'n 'eil a chridh' agam a bharalachadh gun dean se e? Rinn e còmhnadh ris na peacaich is mò a thàinig riamh d'a ionnsaidh: Agus thug e tairgse nan gràs agus na slainte seachad gu fialaidh earailteach: Ma ta tart air neach sam bith, thigeadh e m' ionnsuidhs' agus òladh e, Eoin vii. 37. Thigeadh an neach air am bheil tart; agus ge b'e neach leis an àill gabhadh e uisge na beatha gu saor, Taisb. xxii. 17. Thigibh a'm' ionnsaidhsa sibhse uile a ta ri saothair, agus fo throm uallaich, agus bheir mise dhuibh fois, Mat. xi. 28. Agus e-san a thig a'm' ionnsuidh, cha tilg mi air aon chor a mach e, Eoin vi. 39. 'S fior sin, an abair thu, neach sam bith a thugadh dhà leis an Athair: Nam b' urrainn domhsa fios a bhi agam gum bithinn san àireamh sin, thiginn an sin gu cridheil d'a ionnsaidh. Ach a leughadair ghràdhaich, guidheam ort amharc air an stéigh theagaisg féin, agus faic am bheil an tomhas sin air ainmeachadh ann. Am bheil thu an sin a leughadh, nach tilgear a h-aon do na thug an t-Athair dhomh amach? Tha na briathran an' seol gu mòr is taitniche; agus c'arson a chuireadh tu 'an aghaidh a ghliocais agus a mhaitheis, leis na chuir thu fein ris? Na cuir a bheag r'a briathraibh m'an cronaich e thu, Gniomh. xxx. 6. Gabh iad direach mar tha iad, agus òl d'an sòlais. Bha fios aig ar Slànuighear ciod an iomaguin gus an cuireadh e cuid do dhaoine dùrachdach leis na thuirt e roimh, gun tigeadh gach neach a thug an t-Athair dhomh d' am' ionnsuidh; 's a chum a chuir fa chomhair sin, tha e a' cuir nam briathran gràsmhor so riutha. An neach a thig do m' ionnsaidhse cha tilg mi air aon chor, air aon dòigh, air sheol sam bith a mach e.

8. Ma tha thu cheana fo mhi-mhisnich agus fo eagal air son meud do chionta, na cuir r'an cudthrom no r'an àireamh an t-aon pheacadh so is mò agus is measa na iad uile, eadhon an-earbsa a dheanamh a firinn agus gràs ar Fir-shaoraidh bheannaichte. Na cuir cho fad 's a's urrainn thu, an aghaidh uile rùin a ghràidh dhuit. O anaim thrioblaidich, co roimh tha eagal ort? Co roimh

'm bheil crith ort teachd 'na lathair? Am bheil aon ni cho eagalach san Fhear-shaoraidh cheusda, anns an Uan a chaidh chuir gu bàs? Ma ghiulaineas tusa t-anam, ionnas a fàillneachadh fo uallach a chionta, gu chuir sios aig a chasan, ciod a tha thu tairgse dha ach an cobhartach air son an do dhoirt e fhuil, agus an deach' e gu bàs chum a shaoradh agus a shealbhachadh? Agus an do cheannaich se e cho daor 's gun cuireadh e cùl ris le tàire? Imich air ball d' a ionnsaidh, agus tuit sios na fhianuis, agus tagair do thruaighe ris, mar cheangal air t-anam chum dol da ionnsaidh, agus mar aobhar gun gabh an Slànuighear iochdmhor riut. Falbh, agus biodh dearbhchinnt agad, far an do mheudaicheadh peacadh, an sin gur ro mhò a mheudaichear gràs, Rom. v. 20. Bi lanchinnteach, ma shaoileas peacach gur h-e a bheatha fein ni 's fearr na peacach eile, nach e e-san is lugha a shaoileas nach eil e fein ciontach agus truaillidh, ach e-san is mò a dh' irioslaicheas e-fein 'an làthair Dhé, fo mhothachadh air a thruaighe agus air a chionta, agus a ta na bharail fein ro thruaillidh air an son.

*Smuaintean mu na h-aobhair-mhisnich sin, le guidhe dùrachdach agus iriosal ri Criosd air son tròcair.*

" O M'ANAM, ciod a tha thu ag ràdh ris na nithe sin? Nach eil, air a chuid is lugha, thu 'n cunnart còmhnadh fhaotainn o Chriosd; Agus an ion dòchas a bhi agad ris air aon doigh eile? Am bheil ainm air bith eile fo nèamh air a thoirt tre 'm faod sinn bhi air ar saoradh? Gniomh. iv. 12. Tha fios agam nach eil. 'S éigin domh ma ta a ràdh le lobhair Israeil (Righ. vii. 4.) ma dh' fhanas mi 'an so bàsaichidh mi; agus ma bhios an oidhirp a bheir mi an diomhain, cha dean mi ach bàsachadh. Ach theagamh gun saor e m' anam beò. Eiridh mi uime sin, agus théid mi d'a ionnsaidh; no bheir mi 'an so creideas da làthaireachd spioradail; peacach agus truaillidh mar tha mi, tuitidh mi air ball sios na fhianuis, agus doirtidh mi a mach m' anam 'na làthair.

" A Shlanuigheir bheannaichte, tha mi a' teachd a' d' lathair, mar chreutair truaillidh, air mo chuir thuige a chion atharraich a chum sin a dheanamh. Agus mar biodh an cruaidh-chas sin ro dheuchainneach gun seol seachnaidh air, cha leigeadh mo nàire dhomh mi-féin a

nochdadh a' t' fhianuis naomh agus mhòralaich. Tha làn mhothachadh agam, gun robh mo pheacaidh agus m'amaideachd ro lionmhor ; ni's lionmhoire na 's urrainn domh ainmeachadh no a smuainteachadh. Tha mi faireachduinn tobar peacaidh am nàdur truaillidh cùlshleamhnach, a tha taosgadh a mach aingidheachd mar a bhrùchdas tobar a mach an t-uisge, agus ga m' dheanamh a' m' eire, agus a' m' uabhas domh fein. Tha na h-urrad ann-tromachaidh an co'-chuideachda mo chionta-se 's gum faodar a mheas mar ann-dànadas sùil a bhi agam ri maitheanas air an son. Agus gidheadh, nach bu mhò an t-ann-dànadas a ràdh, gu bheil iad ni's mò na do thròcairse agus éifeachd t-fhala ; a ràdh, gun robh cumhachd agus gràs ni's leoir agad chum maitheanas a thoirt agus a shaoradh pheacach nach bi cho ciontach, am feadh nach urrainn duit mo leithidse de pheacach ro chiontach a thearnadh? Coimhead mi o'n smuain mhi-naomha sin ! deòinich mo chumail o'n anamharus mhi-reusonta sin ! A Thighearna 's urrainn duit na h-uile nithe a dheanamh, cha mhò tha aon smuain an cleth ort, Iob xlii. 2. Tha thu gun amharus, mar tha t-fhocal a' cuir an céill, comasach air saoradh gus a chuid is faide, Eabh. vii. 25. Air an aobhar sin tha mi cuir nàir' agus eagail air chùl, a dh' fhaodadh mo chumail uait, agus tha mi ga m' chromadh sios 'san duslach a' d' làthair. Is aithne dhuitse, O Thighearna, m' uile pheacaidh, agus m' amaideachd, Salm lxix. 5. Cha 'n 'eil mi m' urrainn, agus tha dòchas agam gu'm faod mi a ràdh, nach bu mhath leam an cleth a' t' fhianuis, no idir iarraidh mo lethsgeul a ghabhail air an son. Dìt mi, a' Thighearna, mar is àill leat, agus aidichidh mi ciontach dheth gach casaid a chuireas tu orm. Aidichidh mi bhi cho ciontach 's a their thu rium : ach is peacach mi a tha teachd a' t' ionnsuidhse a dh' iarruidh maitheanais. Ma 's eigin domh dol am mugha, sann le striochda a 'bhios e, ag aideachadh ceartais a bhuile mharbhtaich. Ma théid mo sgrios, 's ann mar gu'm b' ann, a' gabhail greim air adharcaibh na h-Altrach ga m' shleuchdadh sios aig stòl do choise, ge d' a rinn mi na h-urrad ar-a-mach a' t' aghaidh. Is iomadh neach a fhuair làn mhaitheanas san ionad sin ; a fhuair deagh-ghean thairis air na bha dùil aca ris. Agus an do theirig do chaomh thròcair uile, O Shlanuigheir bheannaichte? An cuir thu nis cùl ri

creutair iriosal, a tha teicheadh a t' ionnsuidh le anam, agus nach eil a' tagradh a bheag ach tròcair agus saor ghràs ? Dean trocair orm, O Fhir-shaoraidh ghràsmhoir, dean tròcair orm, agus biodh m' anam luachmhor a'd' shùilibh, 2 Righ. i. 14. Och na cuir romhad mo thilgeadh sios do 'n staid thruaigh ea-dòchasaich sin, o'm bu deònach leat gu gràsmhor a cho lion aon a shaoradh !

" Na cuir le gràin air falbh mi, O Thighearn ! as do làthair ; agus na biodh corruich ort 'n uair a ghabhas mi de dhànadas air greim a ghabhail air t-fhaluinn rìoghail, agus a ràdh nach fhaod mi, agus nach leig mi as thu, gus an deonaich thu dhomh m' iarrtuis ! Gin. xxxii. 26. Och cuimhnich gu bheil mo shonas siorruidh an earbsa ris ! cuimhnich, O Thighearna, gur ann asadsa a tha m' uile dhòchas ri sonas siorruidh fhaotuinn, agus ri leirsgrios bith-bhuan a sheachnadh ; tha iad an earbsa ri d' dheagh-ghean, no gu cuir as doibh le d' ghruaim. Och dean tròcair orm ! air sgàth m' anma neo-bhàsmhoir. No mar dean air m' anams' a' m' aonar, dean e air sgàth iomadh neach eile, a dh' fhaodas air an dàrna laimh, misneach a ghabhail trid do thròcair dhomhsa, no air an laimh eile, bhios fo mhòran mi-mhisnich trid m' eadòchais-se ! Tha mi guidhe ort, O Thighearna, air do shon féin, agus air son foillseachadh gràs saibhir arduachdranaich t-Athar ! Guidheam ort trid na fala dhoirt thu air a chrann: Tha mi guidhe ort, trid coi-cheangail nan gràs agus na sìth, a rinn an t-Athair ruit chum peacaich chreideach aithreachail a shàbhaladh, saor mise ! Saor mise, O Thighearna ! a tha gu dùrachdach a miannachadh creidsinn agus aithreachas a ghabhail ! Tha mi gun amharus a' m' pheacach trid am faodadh do cheartassa a bhi gu mòr air a ghlorachadh le mis a sgrios gu siorruidh : Ach O ! ma bheir thu maitheanas domh, bithidh e mar chuimhneachan air do mhòr ghràs, agus air éifeachd t-fhala, a réir an tomhais peacaidh agus truaighe, san robh an neach d' an do dheonuich thu do throcair as a h-eugmhais. Labhair, a Thighearna ! trid do Spioraid bheannaichte, agus fògair air falbh m' eagal ! amhairc orm le gràdh agus gràs ann ad ghnùis, agus abair rium, mar a thuirt thu ri iomadh neach, am feadh a bha thu air thalamh,—' Imich 'an sìth, tha do pheacaidh air am maitheadh dhuit !' "

## CAIB. XIII.

*Còmhnadh sonraicht' air a dheanamh ris an Anam a tha an teagamh, chum rannsachadh ma thimchioll treibhdhireas a Chreideimh agus Aithreachais.*

1. A thaobh gach ni durachdach a chaidh a labhairt 'sna caibidilibh air thoiseach air so, tha dòchas agam gun d' rinneadh cailеigin de dhrùghadh cràbhach air cridheachaibh nach do mhothaich riamh roimh e; no gun robh iad air am beothachadh far an d' fhas iad fuar agus neo-thogarrach. Gidheadh tha mi ro fhiosrach, agus bu mhath leam gum biodh tus ann cuideachd, air meud a chunnairt a tha ann am féin-mhiodal anns a ghnothach chudthromach so; agus cho feumail 's a tha e daoin' a chuir air am faicill, an aghaidh co-dhunadh obann gu bheil iad cheana air an iompachadh, a chionn gun do mhothaich iad caileigin de ghluasad air an inntinn, agus gun d' rinn iad ath-leasachadh air mi-ghnathachadh follaiseach an caithe-bheatha san àm a chaidh seachad. Dh' fhaodadh mearachd an so a bhi ro-chunnartach: Faodaidh e bhi na cheannfath air an t-sìth mhealltaich sin, a dh' fhaodas duin' a theoracha' gu e-fein a bheannachadh na chridhe, agus a mheas gu bheil e tearainte, am feadh a tha bagraidhean agus mallachdan reachd Dhé, a' deanamh fuaim na chluasaibh, agus air am bagradh gu direach na aghaidh, Deut. xxix. 19, 20. An uair a ta e-san a co-chur ris fein iomadh gealladh do nach eil cuid air bith aige, ni a dh' fhaodas deanamh air mar fhìon làidir do neach an àrd-fhiabhrus, no deoch cadail dhà-san a ta na shuain. Ghabh an talamh clachach am focal le gàirdeachas, agus bha rè seal coslas math air; gidheadh cha b' fhada gus an do shearg e, Mat. xiii. 5. Ach a chum nach tachair so dhuitse, 's nach bi mo shaothair fein agus do shaothairse caillte, 's a chum 's nach dean bruadar faoin mu thearainteachd agus mu shonas, do tharruinn ni 's doimhne ann an truaighe agus 'an leir-sgrios, leig leam do theorachadh gu d' chridhe féin a rannsachadh gu cùramach; a chum 's gur feairrd a dh' fhaodas tu breth a thoirt air do staid, agus a thuigsinn ciod an t-eadar-dhealachadh a ta eadar a bhi dlù air rioghachd nèimh, 's a bhi na fhior bhall dhith.

2. A nis tha so an earbsa ri d' chreideimh an Criosd, an uair a ta creideimh air a ghabhail 's an t-seadh ni's farsuinne, mar chaidh chean a shoillearachadh; 'se sin a' gabhail a stigh aithreachais, agus an rùn-suidhichte sin air nuadh ùmhlachd choitcheann, agus ge b'e air bith àit' am bi e gu neo-chealgach, 's e creideimh gu cinnteach a bhrosnaicheas e. Air an aobhar sin, chum còmhnadh a dheanamh riut gu d' staid a thuigsinn, ceadaich dhomh fheoraich dhiot, no earalachadh ort dhiot fein, ciod na smuaintean a bha, agus a tha agad, mu pheacadh, agus mu Chriosd? Agus cia mar a ta rùn ort a chuid a leanas do d' bheath' a chaitheamh? Cha labhair mi mòran mu gach ni dhiubh sin, ach leigidh mi thu 'n earbsa ri d' leughadh agus ri d' thoinisg féin, a dh' fhaicinn cho freagarrach 's a tha iad do dh-fhocal Dé, an riaghailt araidh leis an toirear an ùine ghearr breth air ar giulan, agus a shocraicheas ar cor siorruidh nach gabh atharrachadh.

3. Anns a cheud àite, rannsaich gu dùrachdach, ciod na smuaintean a th' agad mu pheacadh, agus ciod an dùrachd a mhothaich thu a t' anam d'a thaobh: Bha uaireigin ann, a bha sgéimh taitneach, agus a choslais ion-mhiannaichte, 's do chridhe an ro gheall air, agus gu'm b'e uile thogradh do bheatha a chuir 'an gniomh. Ach o sin thuig thu bhi air do mhealladh. Mhothaich thu e a' toirt greim asad mar nathair, agus gad' lot mar an nathair nimhe, Gnath. xxxiii. 32. Dh' amhairc thu air le tuille fuath, na thug thu riamh do spéis da. 'S math a thachair sin. 'S ann mar so a bhios e leis gach fior aithreachan, agus tha eagal orm le cuid nach eil nan àireamh. Feoraichidh mi dhiot mata, co uaith a dh' éirich am fuath so? An ann amhàin o thogradh féin-spéis? An ann a chionn gun robh thu air do lot leis? An ann a chionn, le chuir 'an gniomh, gun do tharruinn thu dìteadh agus leir-sgrios air t-anam fein? An robh mothachadh sam bith agad air a thruailleachd, air a dhuaichnidhead, no air olcas, mar air a chuir an gniomh 'an aghaidh an Dé bheannaichte, air a thoirt fainear mar Bhith glòirmhor, fiùghantach agus tròcaireach? An robh riamh duilichinn ort le iomaguin mu a mhi-thaingealachd ghràineil? Agus a thaobh nan rùn a dh' éirich suas ann a' d' chridhe 'na aghaidh, guidheam ort thu smuaineachadh cionnas a dh' fhàs iad, agus cionnas,

san àm a chaidh seachad, a chuir thu an gniomh iad ? An robh iad coitcheann ? An robh iad suidhichte ? Agus leis an t-suidheachadh sin uile, an robh iad iriosal ? An uair a chuir thu romhad cathachadh an aghaidh a pheacaidh, an ann an aghaidh gach aon pheacadh ? Agus an e còmhrag gun chrioch a tha mhiann ort a dheanamh nan aghaidh, trid gràs Dé, gus an toir thu buaidh orra, no gum bàsaich thu san oidhirp ? Am bheil thu do réir sin, gramail a' t' oidhirp gu 'n ceannsachadh agus gu cuir as doibh ? Ma tha chùis mar sin, ciod an toradh iomchaidh aithreachais a tha thu toirt a mach ? Luc. iii. 8. Tha dòchas agam nach eil e uile a falbh le tuiltibh bròin : An do sguir thu a dheanamh uilc ? Am bheil thu foghlum math a dheanamh ? Isa. i. 16, 17. Am bheil t-ath-leasachadh a' nochdadh, gu bheil thu 'gabhail aithreachais do d' pheacaidh ? no am bheil do pheacaidh as ùr a nochdadh, gu bheil aithreachas ort do 'n aithreachais a rinn thu ? Am bheil fuath o'n leth a stigh agad do gach peacadh, agus èud neo-chealgach ort na aghaidh ? Agus am bheil sin a' tàrmachadh cùram 'an aghaidh a cheannfath, agus a bhuairidh d'a ionnsuidh ? Am bheil thu ri faireadh 'an aghaidh nan nithe leis an robh thu air do ribeadh ? Agus am bheil thu gu sonraicht air t-fhaicill an aghaidh a pheacaidh a ta gu furas ag iathadh umad ? Eabh. xii. 1. Am bheil cùl air a chuir ris a pheacadh sin, chum co-ruith a Chriosduidh a ruith ; le rùn-suidhichte nach pill tu tuille ris, nach dean thu tuille sìth ris, agus nach tig an latha gu bràth a théid thu ceum eile na chodhail ?

4. Ceadaich dhomh a nis fheòraich, *Ciod a bharail a bha agad mu Chriosd ?* Ciod a tha thu smuaineachadh uime, agus m'an dàimh a ta agad ris ? An d' fhuair thu lan mhothachadh, gur éigin do cho-chomunn bhi air a shocrachadh eadar e-fein agus t-anam ? Agus am bheil thu a faicinn agus a faireachduinn, nach e a mhàin gur còir dhuit seorsa urraim a thoirt dà, mar neach a tha glic, bàigheil, agus ro mhath, air am bheil meas agad air ainm agus air a chuimhne ; ach leis, mar tha e beò agus a rioghachadh, gu bheil e do ghnàth fagus duit, 's a toirt fainear do ghiulain, gur éigin duit amharc air, teachd da ionnsuidh, gnothaichean a dheanamh ris gu h-iriosal, eadhon gnothaichean ris am bheil do shlainte shiorruidh an earbsa ?

5. Tha thu air do thoirt a dh' fheoraich, Ciod leis an tig mi 'am fianuis an Tighearna; leis an striochd mi mi-féin 'an lathair an Dia a's àirde? Mic. vi. 6. Agus theagamh gun robh thu aon uair a smuaineachadh air iobairtean a thoirt seachad, a dh' fhaodadh tu a dheanamh as na bha thu sealbhachadh. Am bheil thu tuigsinn a nis nach leoir iad; 's gur éigin duit a bhi 'n earbsa ris an Uan a sholair Dia? An do ghabh thu beachd air Iosa, mar a tabhairt air falbh peacaidh au t-saoghail? Eoin i. 29. Oir rinn e e-san d'a nach b' aithne peacadh na iobairt-pheacaidh air ar soninne; chum gum bitheamaid air ar deanamh nar fìreantachd Dhé annsan? 2 Cor. v. 21. Am faca tu e, gu h-iomlan fìrinneach dheth fein; agus a' toirt dùil ri bhi air t-fhireanachadh le aon fhìreantachd a ta agad féin? An do striochd thu do dh-fhìreantachd Dhé? Isa. xlv. 22. An d' fhuair do chridhe riamh geur-mhothachadh air an fhirinn chudthromaich so, ma tha thu am feasd ri bhi air do thearnadh, gur ann tre Chriosd is eigin d'a bhith; agus ma dheònaicheas Dia tròcair idir dhuit, gur h-ann air a sgàthsa a bhitheas e; agus ma bhios tu am feasd air do shocrachadh air teampull Dé gu h-àrd, guir éigin duit seasamh an sin mar chomharra-buaidhe air a bhuaidh sin a fhuair Criosd air cumhachdaibh ifrinn, a bheireadh, mar biodh a chùis mar sin, buaidh ortsa?

6. Tha ar Tighearn ag ràdh, Seallaibh riumsa, agus bithibh air ur tearnadh: Tha e ag ràdh, ma thogar suas o 'n talamh mi, tàirnidh mi na h-uile dhaoin' a m' ionnsuidh, Eoin xii. 32. An do sheall thu air mar an t-aon Slanuighear? An robh thu air do tharruinn d'a ionnsuidh leis a chloich-iùil naomha, drùghadh dlù-thàirneach a ghràidh leis an deachaidh e gu bàs? Am bheil fhios agad ciod e teachd a dh' ionnsuidh Chriosd mar pheacach bochd, sgith, agus trom-luchdaichdte, chum 's gu m' faigheadh tu fios? Mat. xi. 28. Am bheil fhios agad an seadh spioradail, ciod e feoil Mhic an duin' ithe, agus fhuil òl, Eoin vi. 53., 's e sin, amharc air Criosd air a cheusadh, mar fhear chumail suas t'anma, agus a bhi mothachadh déigh agad air, cho dùrachdach ri d' chìocras nàdurra an déigh air a lon lathail? Am bheil thu fiosrach ciod e thu fein a striochda gu toileach do Chriosd, mar dhuine bochd a cheannaicheadh le ghràdh? An d' earb thu t'anam neo-bhàsmhor ris, a chum 's gun glan

agus gun saor se e ; gun stiuir se e le deachdadh fhocail, agus le drùghadh a spioraid ; gun gnàthaich se e chum a ghlòire ; agus gun sònraich e dha an cleachda' agus an smachdachadh is toil leis, am feadh a bhios e san fheoil ; 's gun gabh e ris aig àm a bhàis, 's gun socraich se e am measg nan spiorad sin, a ta le gnà laoidhibh molaidh a' cuairteachadh a righ chathair, 's a tha nan seirbhisich aige gu siorruidh ? An do cho'-aontaich thu gu toileach leis a so ? Agus am bheil thu air a shon so, ag athnuadhachadh do thoile do 'n chùis ? Am bheil thu ga ath-nuadhachadh gu socrach, rùnaichte, 's a mothachadh t-anama gu h-iomlan, mar g'am b' ann, ag ràdh, *Amen*, am feadh a ta thu a leughadh so ? Ma tha chùis mar so, an sin faodaidh mi le mòr thlachd, mar g'am b'ann, deas lamh a cho-chomuinn a thoirt duit, agus fàilt' a chuir ort mar dheisciobuil dùrachdach ar Tighearn Iosa Criosd ; mar neach a ta air a shaoradh o chumhachd an dorchadais, agus a dh' atharraich sinn chum rioghachd Mic Dhé, Col. i. 18. Faodaidh mi 'n sin failte chuir ort anns an Tighearn, mar air neach, mar òglach Iosa, a tha òrdugh agam labhairt gu sòlasach ris, agus innseadh dhuit, cha 'n e gu bheil mise a lughadh do pheacaidh, oir 's ni faoin breth a thoirt oirn le daoine, ach gu bheil an Dia beannaichte féin a' toirt maitheanas duit ; gur aon thu, ris an dubhairt e na shoisgeul, 's a tha do ghnà ga ràdh, tha do pheacaidh air am maitheadh dhuit, Luc. vii. 48. air an aobhair sin imich ann an sìth, agus gabh sòlas uaithe.

7. Ach ma tha thu a' d' choigreach air na fein-fhiosrachaidh sin, agus de'n inntinn so a chuir mi 'n céill, tha 'n obair mhòr fhathasd gun deanamh ; tha thu a' d' pheacach neo-iompaichte neo-chreidmheach, agus tha corruich Dhé a' gabhail còmhnuidh ort, Eoin iii. 38. Ge b'e dùsgadh na maoim a ghabh thu, ge b'e rùinshuidhichte a chuir thu romhad chum do bheatha athleasachadh, ge b'e air bith cho cheart 's a bha do bharail, ge b'e cho neo-thruaillidh 'sa bha t-aoradh, ge b'e cho dian 'sa bha t-eud, ge b'e air bith claoidhe a bha thu deanamh ort fein, ge b'e air bith cho bàigheil 'sa bha do ghnè, ge b'e air bith cho neo-chiontach 'sa bha do bheatha, cha 'n urrainn domh sòlas sam bith a labhairt riut. 'S diomhain t-uile dhòchais chràbhach, m' as e 's nach robh irisleachadh toileach air son do pheacaidh uile ann an

lathair Dhé ; mar robh an cogadh follaiseach so air a ghairm 'an aghaidh gach ni a tha mi-thaitneach le Dia ; mar robh am mothachadh so agad air t-fheum air Criosd, agus air do staid chaillte as eugmhais ; mar robh an teachd dùrachdach so d' a ionnsuidh, an striochda so air t-anam na lamhaibh tre chreideimh, an cùl so a chuir riut fein, chum 's gun socraicheadh tu air-san acair do dhòchais ; mar robh an coisrigeadh so gun choigleadh dhiot fein, gu bhi gach àm, agus air gach doigh, a' d' sheirbhiseach dìleas do Dhia trid-san ; agus mar aidich thu leis a so uile, nach eil annad ach seirbheiseach neo-tharbhach aig nach eil dòchas sam bith eile ri taitneachd no ri maitheanas, ach amhàin trid fhireantachd agus fhala-san, agus trid saibhreas gràs Dé annsan ; tha mi 'g ìnnseadh dhuit a rithist, gu bheil t-uile dhòchais diomhain, agus gu bheil thu a' togail air a ghaineamh, Mat. vii. 26. 'S eigin do'n tigh a thog thu cheana bhi air a thilge sios chum an làir, agus an stèigh a charachadh 's a suidheachadh as ùr, no bithidh tusa agus t-uile dòchais an ùine ghearr air do sguabadh air falbh leis, agus air do chuir fodha ann an leir-sgrios siorruidh !

*Tha'n t-anam a' striochdadh do threibh-dhireachd Aithreachais, agus gus a Chreideimh a rannsachadh.*

" O Thighearna Dhia, tha thu rannsacha gach cridhe, agus a' sgrùdadh àirnean chlanna dhaoine, Ier. xvi. 10. Rannsaich mis, O Thighearna, agus aithnich mo chridhe ; dearbh mi agus tuig mo smuainte ; agus amhairc a' bheil slighe olc air bith annam, agus treòraich mi anns an t-slighe shiorruidh, Salm cxxxix. 23, 24. Nach eil mo choguis, O Thighearna, a' togail fianuis a' d' làthair, gu bheil m' aithreachas agus mo chreideamh coltach ris na tha air a chuir an céill, no air a chuid is lugha, gu'm b'e mo mhiann dùrachdach gu'm biodh iad mar sin ? Thig uime sin, O Spioraid bheannaichte, ùghdair gach gràis agus sòlais, agus dùisg an togradh so ni 's mò ann am anam ! Och ! leig ris domh am peacadh na uile dhuaich-neachd, chum gun toir mi fuath neo-chaochlaideach dhà ? O leig ris domh mòralachd agus tròcair an Dé bheannaichte air mhodh cho drùighteach, 's a chuireas maoim air mo chridhe, 's a bheir air leaghadh ! buail a chreag, 's gu'm brùchd an t-uisg' amach, Seum i. 17 uisg an fhior aithreachais neo-chealgaich ! O Spioraid

bheannaichte, thoir mothachadh dhomh mu pheacadh, mu fhìreantachd, agus mu breathanas, Ier. xvii. 10, nochd dhomh gu'n do tharruinn mi sgrios orm féin, ach gur ann an Dia a mhàin a ta mo chobhair, Hos. xiii. 9, ann an Dia, trid Chriosd, anns an nochd e a mhàin tròcair dhomh ! a rèir do dhreuchd àraidh, gabh do chuid Chriosd agus nochd dhomhs' e ? Luc. ix. 55, nochd dhomh a chumhachd chum mo shaoraidh ! agus a thoil chum an cumhachd sin a chuir an gniomh ! Teagaisg do m' chreideamh beachdachadh air an crochadh air a chrann-cheusaidh, le lamhaibh sgaoilte, agus le taobh reubta, fuilteach ; agus ag innse dhomh am briathraibh drùighteach, an t-ionad folamh a tha na chridhe dhomhsa. Deonaich dhomh fios a bhi agam ciod e mo chridhe gu h-iomlan bhi air a thoirt suas do ghràdh ; cho mòr 's gun céusar maille ris-san mi, Eph. iv. 23, gu bhi marbh do 'n pheacadh, agus do 'n t-saoghal, ach beò do Dhia trid Iosa Criosd ! Esec. xxxvi. 36. Deonaich dhomh earbs' a dheanamh as a chumhachd agus as a ghràdh ! Dhàsan gun choigleadh air bith tiomnam suas mo spiorad ! Deonaich dhomh ìomhaigh a ghiulan ! agus a reachdan a chiomhead ! a sheirbhis a leantainn ; agus deonaich dhomh buanachadh trid aimsir agus siorruidheachd, a' m' chuimhneachan air éifeachd a shoisgeil, agus a' m' chomharradh buaidh air a ghràs buadhar !

" O Dhia bheannaichte ma tha fhathasd a bheag a' m' dhì chum mo dheanamh a' m' fhior Chriosduidh, foillsich dhomh e agus oibrich annam e ! Bris sios, guidheam ort, gach dòchas mealltach ann-dàna, ge b'e air bith luach a chaidh bhuileachadh air an togail sin, a tha leis a sin air a' fàgail na nochd-laraich, agus ge b'e air bith uaill a bha mi a deanamh as a maise ! Deonaich dhomh a chuid is measa de m' chor fhaicinn, ge b'e air bith a chràidheas an t-eolas sin mi ; agus ma tha fhathasd cunnart air bith romham, O deònaich do m' chridhe bhi mothochail air, am feadh a ta cobhair ri fhaotainn !

" Ma tha fhathasd aon pheacadh dìomhair a' gabhail tàmh a' m' anam, ris nach do chuir mi cùl gu dùrachdach, foillsich, dhomh e, agus spìon a mach as mo chridhe e ge b'e air bith doimhneachd a ghabh a fhreumhan, agus ge d' a robh gach cuisle air a chràdh leis an eadar-dhealachadh ! Spìon air falbh e, O Thighearna, le laimh

ghràsmhoir neo-sgrubail ! Agus deònaich, O Thighearna, tòiseachadh a chuid 'sa chuid air na tha a dh' easbhaidh fhathasd ann am chreideamh a dheanamh iomlan, 2 Pead. i. 4, coilion annam uile dheagh-ghean do mhaitheis, 1 Pead. i. 15. O Athair nèamhaidh, dean saibhir mi, le uile ghràsan do spioraid : Dealbh mi chum fior ìomhaigh do Mhic ghràdhaich : Agus 'an sin, air a sgàth-san, thig do m' ionnsaidh, agus nochd do làthaireachd ghrasmhor do m' anam, Phil. ii. 5, gus am bi e làn abaich air son na staid ghlòire sin chum a' bheil gach oibreachadh dhiubh sin air ti ullachaidh ! *Amen.*

## CAIB. XIV.

*Beachd is ro-àraidh air earrannaibh fa-leth gnè a Chriosduidh ; leis an deantar tuille còmhnaidh ris an leughadair chum 's gum faod e a thuigsinn ciod e e-féin, agus ciod bu chòir dha oidhirpeachadh a bhith.*

1. An uair a bheir mi fainear mòr chudthrom siorruidheachd, tha mi ga mheas ro chruaidh mi fein a thoileachadh a thaobh aon nì is urrainn mi a labhairt ri daoine far am bheil an sonus siorruidh an cunnart. Thug mi sealladh dhuit, tha dòchas agam, gu 'm faod mi a ràdh, sealladh ceart, cho math agus firinneach, air fior Ghnè, a Chriosduidh cheana. Gidheadh chum tuille còmhnaidh a dheanamh riut chuirinn fa d' chomhair e air dòigh na dhà, chum cuideachadh a dheanamh riut a thuigsinn ciod e thu féin, agus mu ciod bu chòir dhuit a bhith. Agus le so a dheanamh, cha 'n e a mhàin gun toir mi oidhirp air geur-mhothachadh a thoirt duit, ma tha thu fhathasd ad' choigreach air fior dhiadhachd, a thoirt an tuille seolaidh dhuit, ma tha thu trid gràs Dé o' t' fhiosrachadh fein eolach uime cheana. Is sona a bhitheas tu, ma dh' fhaodas tu a ràdh, mar théid thu air t-aghaidh o aon earrann gu earrann eile, *'Se so mo ghnè-sa agus mo ghiulan.* Bithidh tu an càil sona ma dh-fhaodas tu a ràdh, *'Se so a ta mi miannachadh, a ta mi guidhe air a shon, a's air a bheil mi an tòir a roghainn air gach ni, ged nach d' ràinig mi fathasd air.*

2. Rannsaich ma ta, agus dearbh, ciod a ghnè spioraid

d' am bheil thu, Luc. ix. 55. Agus gun deònaicheadh e-san a ta rannsachadh gach cridhe, do sheoladh anns a chùis, chum breth a thoirt ort fein, chum nach bi thu air do dhìteadh leis an Tighearna, 1 Cor. xi. 31, 32.

3. Bi'dh an urrad so de dh-fhiosrachadh agad, ma tha thu gun ag a' d' Chriosduidh, gun robh thu air t-ath-nuadhaichte sa bhi air t-ath-ghineamhuinn, agus air do bhreith a rithist. Cha leoir gun do ghabh thu ort fein ainm ùr, gun tugadh thu fo chàileigin de smachd, no gun d'rinn thu atharrachadh an cuid do d' ghiulan. 'S èigin do 'n atharrachadh a bhi mòr agus coitcheann. Rannsaich ma ta, ma fhuair thu barail ùr mu nithibh, am bheil caochladh beachd agad nach b' àbhaist duit a bhi agad ; co dhiubh tha na rùin a th' agad san ambarc, na tograidh a tha thu a faireachdainn ag oibreachadh a' d' chridhe, agus an giulan a tha agad a thaobh nan tograidh sin, sean na ùr ? A rithist, ma tha thu gun ag a' d' Chriosduidh, tha co-roinn agad de nàdur na diadh-achd, 2 Pead. i. 4, diadhaidh na cheud-thùs, na aomadh, agus na shamhla. Rannsaich ma ta, ma shuidhich Dia togradh a' d' chridhe, a tha 'g aomadh d' a ionnsuidh, 's a tha ge d' dheanamh spéiseil uime. Rannsaich t-anam gu cùramach, a dheuchainn am bheil do rìreadh iomhaigh Dhé ann air iomalanachdaibh saoghalta, air a naomhachd agus fhìreantachd, air a mhaitheas agus air a shonus ; oir tha an nuadh dhuine air a chruth-achadh a réir Dhé 'am fìreantachd agus 'am fior naomhachd, Eph. iv. 24, agus a ta e air ath-nuadhachadh ann an eolas a réir iomhaigh an Tì a chruthaich e, Col. iii. 10.

4. Chum tuille còmhnaidh a dheanamh riut, rannsaich 'am bheil an inntinn cheudna annadsa a bha ann an Iosa Criosd, Phil. ii. 5, am bheil ìomhaigh Mhic Dhé, a rinn-eadh na fheoil, agad, an cosltas is àillidh agus is mò samhla ris an Athair, a chunnaic nèamh na talamh riamh. Dh' aontaich ar Slànuighear beannaichte a bhi na eis-eamplair d'a luchd leanmhuinn uile ; agus gun teagamh air bith 's ro-aithrigh eis-eamplair a bhi air a leantuinn ; eis-eamplair nar nàdur fein, agus gu bhi air a' cleachdadh gu feum gnàthaichte ; eis-eamplair tha air a clìùthachdh dhuinn le iomlanachd gun smal, leis an dlù-dhaimh a tha aige ruinn, mar ar mhaighstir, ar carraid, agus ar ceannard ; mar an Tì leis am bheil ar

staid shiorruidh r'a socrachadh, agus 's ann le bhi cosmhuil ris-san a thar ar sonas siorruidh ri co-sheasamh, ma tha sinn idir ri bhi sona. Geur-bheachdaich ma ta air giulan agus gnè Chriosd, mar a tha e air a chuir an céill leis na soisgeulaichibh, agus feuch am mothaich thu a bheag cosmhuil ris a' d' chaithe-beatha fein. Am bheil agad a bheag d'a chràbhadh, d'a ghràdh, agus da ùmhlachd do Dhia? A bheag d'a irioslachd, d'a mhàldachd, agus d'a bhàighealachd ri daoine? A bheag d'a fhior-ghlaine agus d'a ghliocas, a dhi-meas air an t-saoghal, fhoighidinn, a chruadal, agus eud? Agus faodar gach earrann eile do ghnè a Chriosduidh, nach eil a' ciallachadh cionta roi-laimh san neach a tha gan gnàthachadh, a ghairm gu comhnadh a dheanamh riut an rannsachadh m'an chùis so.

5. Ceadaich dhomh a ràdh, ma tha thu a' d' Chriosduidh, gu bheil inntinn spioradail agad, air dhuit fios a bhi agad gur beatha agus sìth sin; am feadh is bàs an inntinn fheolmhor, Rom. viii. 6. Ge d'a tha thu ag imeachd anns an fheoil, cha 'n 'eil thu cogadh d'a réir, 2 Cor. x. 3., cha ghabh thu t-òrdugh agus do sheoladh uaipe. Bheir thu an aire d'a gnothaichibh feumail mar do dhleasanas, ach 's ann le sùil a bhi ri gnothach is luachmhoire, a bhuineas do'n spiorad reusonda agus neobhàsmhor. Bithidh do smuainte, do thograidh, do rùin, agus do roghainn, air an rùnachadh le spéis do nithibh spioradail seach do nithibh feolmhor. An aon fhocal, gluaisidh tu a reir creideamh, agus cha 'n ann a reir seallaidh, 2 Cor. v. 7. Bithidh t-inntinn air a togail le cuspairean ri teachd, neo-fhaicinneach, agus an càil do-thuigsinn. Bithidh do chreideamh ag oibreachadh air bith Dhé, air a bhuaidhibh, air a fhreasdal, air àithintibh, air a bhagraibh, agus air a ghealladhnibh. Oibrichidh e air Criosd, a tha thu 'gràdhachadh agus d'am bheil thu a toirt urram, ged nach faca tu e, 1 Pead. i. 8. Oibrichidh e air an t-saoghal neo-fhaicsinneach sin, a tha fios aige bhi siorruidh, agus tha gu mòr ni 's fearr an aithrigh air do spéis, na tha aon ni a ta r'a fhaicinn agus aimsireil, 2 Cor. iv. 10.

6. 'S iad sin sealladh coitcheann air gnè a Chriosduidh, agus bu mhath leam gu 'm biodh tu cùramach le thu fein a cheasnachadh: Agus théid mi nis air m' aghaidh gu d' threorachadh a dh' fhaicinn nan earrannan is àraidh

a ta ann, a thaobh Dhé, ar coimhearsnach, agus sinn-féin ; agus na buadhan a dh' fheumas a bhi 'n co-chuid-eachdadh gach earrann diubh sin, mar tha treibhdireas, buanachadh, caomhalachd, eud, agus crionnachd. Agus guidheam ort an aire dhùrachdach a thoirt, am feadh a chuireas mi fa d' chomhair cuid de na nithe a thaobh gach aon diubh, leis am feairrd a dh' fhaodas tu barail a thoirt air do staid, agus air do dhleasannas.

7. Ceasnaich uime sin, "gnè do chridhe, a thaobh an Dé bheannaichte." Am bheil thu mothachadh ann eagal urramach, agus gràdh ro-dhian agus meas air a bhuaidh-ibh ro-oirdheirc, a bhi ga mhiannachadh mar am math is àirde, agus a bhi ro thàingeil da mar do charaid is fearr? An urrainn duit earbs' a chuir as a chùram? An urrainn duit a theisteas a chreidsinn? Am bheil a mhiann ort ùmhlachd a thoirt d' a uil' iarrtais, agus striochda gu h-iriosal d'a uile fhrithealadh a fhreasdail? An e a ghloir-san do chrioch àraidh, agus thu bhi taitneach dha priomh obair do bheatha? An e do chùram àraidh a bhi cosmhuil ris, agus seirbhis a thoirt da an spiorad agus ann am firinn?

8. Chuir mi an céill creideamh ann an Criosd cheana; agus air an aobhar sin cha chan mi tuille, aon chuid mun chinnte sin air a chumhachd agus air a ghràs, ni is e a stéigh mhòr; no air a ghabhail sin ri Criosd na uile dreuchdaibh, no air an anam a thoirt suas da, ann sa bheil nàdur àraidh a chreideimh a co'-sheasimh, Eoin iv. 24.

9. Ma bhios an creideamh so an Criosd dùrachdach, "tàrmaichidh e gun teagamh gràdh dha;" ni a chuireas e-fein an céill, le smuaintibh càirdeil uime; le bhi fior thairis d'a; le iarrtuis a choilionadh gu cùramach; a thaobh a spioraid, a chàirdean, agus a bhuannachd; le urram do chuimhneachainibh a ghràidh leis an deach' e gu bàs, a dh' òrduich e; agus le dian dheòthas do'n t-saoghal nèamhaidh sin far am bheil e a chòmhnuidh, agus far an tabhair e fadheoidh a phobull uile gu còmh-nuidh ghabhail maille ris, Eoin xvi. 24.

10. Faodaidh mi a ràdh, a reir focail Dé "le thu chreidsinn mar so ann an Criosd, agus ga ghràdhachadh, gun dean thu mar an ceudna gàirdeachas ann, na rùn glormhor, agus na làn iomlanachd a chum a choilionadh, an geallaibh fhocail, agus an sochairibh a shluaigh

Bithidh e na aobhar gairdeachais duit, gun tainig a leithid de dh-Fhear-saoraidh a stigh do 'n t-saoghal; agus bithidh t-aoibhneas air do shon fein a réir tomhas do chinnte mu d' chòir, agus air do dhàimh ris.

11. Ceadaich dhomh do threorachadh gu smaoineachadh air "gnè do chridhe a thaobh an spioraid bheannaichte." Mar eil spiorad Chriosd aguinn, cha bhuin sinn dà, Rom. viii. 19. Mar eil sinn air ar treòrachadh le Spiorad Dhé, cha sinn Clann Dhé, Rom. viii. 14. Bithidh toil agad, ma tha thu a' t' fhior Chriosduidh, gum bi thu air do lionadh leis an Spiorad, Eph. v. 18., gum bi uile chumhachd t-anma ùmhal d'a ughdarras; chum gum bi oibreachadh air do chridhe ni 's bunailtaiche, ni's druightich' agus ni 's taitniche. 'S a chum nan togradh naomh sin altrum, bithidh tu gu bitheanta a' breithneachadh, agus a beachd-smuainteachadh gu dùrachdach: Seachnaidh tu na peacaidh sin a chuireas càmpar air: Ni thu am fein iomchaidh do 'n àm thaitneach sin anns am bheil e a drùghadh air t-anam: Ni thu strì chruaidh ri Dia ann an ùrnuigh, gum bi e air a dhòrtadh ort ni 's saibhire tre Chriosd, Tit. iii. 6. Bithidh tu deònach air aontacha le aobhar àraidh a theachd, ni a b'e Criosd a ghlòrachadh, Eoin xvi. 14. agus a dhaighneachadh a rìoghachd. "Miannaichidh tu a dhrùghadh mar spiorad na h-uchd-mhacachd," chum t-aoradh a dheanamh saor agus càirdeil, t-ùmlachd togarrach, do bhron air son peacaidh a bhi pailt agus caomhail, do striochda séimh, agus do ghràdh dian; ann an aon fhocal, chum do ghiulan tre bheatha agus bàs, le aigne leinibh, aig am bheil mòr spéis d'a athair, 's air a bheil fadal air son a làthaireachd.

12. Aon uair eile, "Ma tha thu a' t' fhior Chriosduidh, bithidh tu deònach air spiorad na misnich fhaotainn. Ann am meadhon an irioslachd anma sin a bhios agad, bithidh tu déigheil air fàs a' d' ghaisgeach an aobhar Chriosd, a' cuir an aghaidh oidhirpean laidir cumhachd an dorchadais, truailleachd do chridhe féin, agus gach deuchainn a thig a' d' charamh a thaobh do dhleasannais, le rùn-suidhichte, beothail togarrach, am feadh a theid thu air t-aghaidh ann an neart agus 'an aobhar Chriosd a bhuadhachadh agus chum gum buadhaicheadh e.

13. Faodar na nithe sin uile a thoirt fainear mar

earrannan diadhachd, de'n diadhachd sin a tha tarbhach chum nan uile nithe, aig am bheil gealladh na beatha a ta làthair, agus a chum teachd, 1 Tim. iv. 8.

14. Ceadaich dhomh a nis a chuir fa d' chomhair, cuid de dh-earrannan de dh-aigneadh'a Chriosduidh, "a bhuineas ni's ro-shonraichte dhuinn féin." Agus an so, ma tha thu a' t' fhior Chriosduidh, "Cha 'n 'eil teagamh nach dean thu roghainn do'n anam air a chorp, agus do nithibh siorruidh roi nithibh aimsireil." Air dhuit mothachadh a bhi agad air mòr luach na cuid a tha neobhàsmhor dhiot, thig thu gu rùn-suidhichte gu a shonas a dheanamh cinnteach, ge b'e air bith ni a tha r'a thoirt suas, no r'a fhulang air a shon. Ma tha thu a' t' fhior Chriosduidh, "bithidh mar an ceudna air do sgeudachadh le h-irioslachd," 1 Pead. v. 5. Bithidh trom mhothachadh agad air do neo-iomlanachd féin an da chuid a thaobh nàduir agus giulain; air lughad t-eolais; air neo-chinnte agus laigsinn do rùin-shuidhichte; agus air do ghnà eiseamail air Dia, agus air a chuid is pailte do na nithe a ta m'a d' thimchioll. Agus gu h-àraidh bithidh trom mhothachadh agad air do chionta; agus bheir a bhi cuimhneachadh orra ort a bhi air do lionadh le nàir' agus masladh, eadhon an deigh dhuit cailleigin do fhiughair a bhi agad air deagh stéigh, gu'm bheil iad air am maitheadh. Cuiridh so casg' air gach moit agus àilleas a' d' ghiulan a thaobh dhaoin' eile. Teagaisgidh e dhuit, giulan leis gach crois a chuireas am freasdal a' d' charamh, agus leis gach strìochda naomh giulan le corraich an Tighearna, mar an aitim aig am bheil fios gun do pheacaich iad na aghaidh, Mic. vii. 9. A rithist, ma tha thu a' d' Chriosduidh da rireadh, "saothrichidh tu chum ruigheachd air fior-ghlain' anma," le lan fhuath do gach mi-gheimneachd neo-cheadaichte. Lìonaidh bhi cuimhneachadh air neo-ghloine g'an robh thu ciontach roimh so, thu le nàir' agus cràdh; agus bheir thu oidhirp a so suas air freiceadan a chuir air do smuaintibh agus do thograibh, cho math 's air do chainnt agus air do dheanadas; agus gu fuireach, cha 'n e a mhàin, o'n olc a chuir 'an gniomh, ach o gach coslas uilc agus a cheannfath, 1 Tes. v. 22., air dhuit a bhi fiosrach air naomhachd iomlan an Dia sin ris am bheil do ghnothach, agus air nàdur fior-ghlan an dòchais sin (1 Eoin iii. 3.) a theagaisg e dhuit trid a shoisgeil suil a bhi agad ris.

15. Ris a so tha "deagh-bheus taitneach sin na stuamachd 'an dlù-dhàimh," a theagaisgeas duit a bhi air t-fhaicill roimh bhiadh no dheoch a ghnàthachadh air dhoigh neo-mheasarradh, a chuireas neo-shunnt air a chorp o sheirbhis an anma; no na h-urrad thlachd a ghabhail an aon diubh, 's a bheir ort t-ùin luachmhor a mhi-bhuileachadh, no am barrachd cosgais na tha freagarrach do d' staid a ghiulàn, agus t-fhiùghantas do na bochdaibh, a tha mar fhiachan ort a bhuileachadh orra, a thaobh ur daimh fa leth do Dhia. An aon fhocal, bithidh tu air t-fhaicill roi gach ni a bheir togradh neo-gheimnidh dhuit; agus roi' gach ni a chuireadh eadar an t-anam agus co-chomunn ri Dia, agus a lughdaicheadh eud agus a thogarraichead chum a sheirbhis.

16. Tha feallsanachd dhiadhaidh ar Slanuigheir bheannaichte a teagasg dhuit, a bhi *toilichte le d' staid.* Ni e do dhéigh air nithibh saoghalta ni 's measarra, nithe a tha mòran gam miannachadh le cìocras do-shàsachaidh, a bhios a sìor mheudachadh, le misneach a thoirt doibh, agus a bhi gan gnàthachadh gu neo-gheimnidh. Bithidh tu air t-fhaicill roi bhi ro-iomagaineach mu na nithe sin, a bhiodh ullamh gu d' threorachadh a dheanamh dearmaid air t-oighreachd nèamhaidh. Mar soirbhich am freasdal le t-oidhirpibh, striochdaidh tu dha. Cha bhi farmad agad ri soirbeachadh chàich; ach bithidh tu tàingeil do Dhia air son na tha e a buileachadh orr-asan, cho math agus ort féin. Cha ghnàthaich thu meadhonan mi-laghail chum do staid a chaochla; agus ciod sam bith i bheir thu oidhirp air a chuid is fearr a dheanamh dh'ì, a' cumail an cuimhne gur e a chunnaic Dia iomchaidh a bhuileachadh ort; agus gu 'm bheil e mòran ni 's fearr na thoill thu; seadh, chum 'gu'm bi a dheireas agus a neo-ghoirisichead a' cuideachadh gu d' shonus ri teachd a dheanamh iomlan.

17. Le bhi toilichte, m' as deisciobuil do Chriosd thu, cuiridh tu ris foighidinn cuideachd, agus am foighidinn sealbhaichidh tu t-anam féin, Luc. xxi. 19. Cha 'n urrainn duit a bhi neo-mhothachail air àmhghar na dochair a thig ort; ach bithidh t'inntinn gu foisneach ciùin fopa, neo-ghluasadach a' d' dhleasannas, ge d' a robh trioblaid ge d' ro-theannadh, agus ge d' a théid dàil a' d' dhòchais agus a' d' rùin ris am mò a bha do fhiughair agad. Cuiridh foighidinn 'an aghaidh co-

dhunadh obann agus grad, agus bheir i misneach dhuit an aghaidh bhi 'g iarraidh cobhair o mheadhonan miriaghailteach, a cuir romhad dol air t-aghaidh gu cothromach a' d' dhleasannas, gus an toil le Dia deanamh air do shon; ge d' earbsa fein ris ann am math a dheanamh. Bithidh tu mar an ceudna faicilleach, gum bi aig an fhoighidinn a h-obair dhiongmhalta, (Seum. i. 4.) agus gum buadhaich i do réir nan nithe a tha 'g iarraidh a cleachdaidh shonraichte. Mar shamhla 'nuair a ta na h-uilc buan agus lionmhor, air chor 's gu bheil doimhne a' gairm air doimhne, agus tha smùainnean agus tonnan Dhé uile dol tharad, aon an deigh aoin eile, Salm xlii. 7. an uair a bheanas Dia dhuit 's an ionad is ro-ghoirte: an uair nach urrainn duit a cheann-fath a' t' aghaidh a thuigsinn; an uair a ta do mhisneach air tuiteam; an uair a ta cothrom mi-laghail air thu fein a leasachadh dlù dhuit agus furast fhaotainn; gidheadh bheir urram do thoil t-Athar nèamhaidh buaidh air an iomlan, agus bheir e ort feitheamh gu socrach ri saoradh fhaighinn uaithe na àm agus air a sheol féin.

*Ma mheasar an Caibidil so tuilleadh 's fada r'a leughadh an aon àm, faodar gu h-iomchuidh a roinn an so.*

18. Mar so nochd mi dhuit air mhodh aithghearr aigne no gnè a Chriosduidh, a thaobh Dhé agus d' ar taobh féin: Ceadaich dhomh a nis a ràdh, " gu bheil an siosgeul a' teagasg dhuit seolaidhnean eile a tha ro-fheumail a thaobh ar co'-chreutairibh." Tha iad uile air an cuir sios 's na briathraibh so, " Gràdhaich do choimhearsnach mar thu-fein," Rom. xiii. 9. agus ge b' e ni a b' àill leat iadsan a dheanamh dhuitse, a reir an cothrom, gun deanadh tusa a leithid eile dhoibhsan, Mat. vii. 12. Ni diadhachd ar Slanuighier bheannaichte, an uair a bhitheas e an uachdar a' t' anam, buaidh a thoirt air fein-spéismhi-riaghailteach, agus foghlumaidh e dhuit amharc gu caomhail bàigheil air do choimhearsnach mar thu-fein. Ma tha thu fiosrach air do chòir féin, bithidh tu fiosrach air a chòir-san; mar tha thu a cumail suas do chliù féin, cumaidh tu suas a chliùsan. Miannaichidh tu a leas, agus ni thu còmhnadh ris, mar bu mhaith leat e-san a dheanamh riutsa na leithid do staid. Gabhaidh tu san t-seadh is fearr a chainnt agus a dheanadas a dh' fhaoidte' chuir'an teagamh.

Gabhaidh tu tlachd na shonus, agus ni thu co'-mhothachadh le dheireas. Agus is sona a bhios tu, an uair a bhios an reachd luachmhor so sgrìobht' air do chridhe, agus a ni thu a shior-chleachdadh gun leth-phairt gach aon àm.

19. Teagaisgidh an soisgeul duit mar an ceudna, "macantas a chuir umad," Col. iii. 12. cha 'n e a mhàin a thaobh Dhé, a' géilleadh d' a fhocal, agus do shuidheachadh a fhreasdail, mar a chaidh earalachadh roimh; ach mar an ceudna a thaobh do bhràithribh do 'n chinnedhaonna. Ni a theagasg caomhail do chleachda ri ciuineachd inntinn fo bhrosnachadh agus dochair, air chor 's nach bi miothlachd ort thar tomhas no gun cheann-fath iomchaidh. Cuiridh e mar fhiachan ort faicill a chuir air do chainnt, an t-eagal gun cuir thu coraich orrasan bu chòir dhuit oidhirp a thoirt air an spéis a chosnadh, agus an slanachadh le d' chaomhalachd. Bheir macantas ort bhi mall an gnàthachadh meadhonan reasgach no garg, ma dh' fhaodar idir an seachnadh; agus an deigh teannadh riutha, a bhi ullamh gu sìth-réite a dheanamh, ma shaoilear gu'n gabh e deanamh. Cho fad 's a bhios an earrann so do ghnè a Chriosdaidh a' buadhachadh ann ad' chridhe, bithidh tu air t-fhaicill roimh mhi-thlachd gun cheann-fath a chuir air daoin eile; giulainidh tu thu féin gu séimh suairce, a reir t-inbh; agus bithidh e freagarrach do uaislibh agus do dh-islibh; a foghlum dhuit urram a thoirt do 'n dàrna pàirt, agus gun bhi stràiceil, no deanamh foirneart, no cuir mulaid, no toirt tàir do 'n phàirt eile. Agus ann an diadhachd fein cuiridh e casg air buaireas obann agus air cronachadh sgaiteach; agus cìosnaichidh e coraich duine, a ta an àit' oibreachadh, a chuireas gu minig na aghaidh fireantachd Dhé, Seum. i. 20. agus cuiridh e mi-ghean agus nàir air an deagh chùis, a ghabh e gu borb reasgach os-laimh.

20. An taice ri so, 's bitheanta le *rùn sìochail* a bhi. Ma tha thu a' d' Chriosduidh d'a rìreadh, bithidh na hurrad mheas agad air sìth, 's gun oidhirpich thu a coimhead cho fad 's a bhios e a' d' chomas, Rom. xii. 18. Bheir so ort a bhi faicilleach a' d' ghiulan, a seachnadh miothlachd a chuir air daoin' eile, agus mall gu ghabhail a' t' ionnsuidh fein, ach ro-dheònach gu sìth a dheanamh suas cho luath 's as urrainn duit, chum 's gun leighisear an lot am feadh a bhios e ùr, m'an tòisich e ri cnàmh na

leannachadh. Agus gu ro-shonraichte bheir an rùn so ort a bhi deonach air aonachd an spioraid a choimhead ann an ceangal na sìth, Eph. iv. 3. maille riusan uile a tha gairm air ainm ar Tighearna Iosa Criosd anns gach àit, 1 Cor. i. 2.; agus ma tha fior ghràdh agad dhàsan, gràdhaichidh tu mar an ceudna iadsan uile a shaoileas tu bhios nan deisciobuil agus nan seirbhisich aige.

21. Ma tha thu fein nan àireamh sud, "cuiridh tu mar an ceudna umad tiom-chridhe thròcair," Col. iii. 12. Ni tròcair Dhé agus an Fhir-shaoraidh bheannaichte oibreachadh air do chridhe, chum a mhaothachadh gu iochd agus fiùghantas, air chor 's gum mothaich thu uireasbhaidh agus doilgheas dhaoin eile: bithidh tu dèigheil air fòir a dheanamh air an airc, agus a réir do chothrom, gu math a dheanamh dhoibh a thaobh an anma agus an cuirp; a nochdadh do thoil le d' dheagh dheanadas, a bhios nan dearbhadh air an dùrachd, agus a ni éifeachdach iad.

22. Mar Chriosduidh, "gleidhidh tu 'n fhirinn gun truailleadh," cha 'n e a mhain a' d' theisteas follaiseach, air a dhaighneachadh le d' bhòid, ach mar an ceudna a' d' chòmhradh coitcheann. Cuimhnichidh tu cuideachd gum bheil mar fhiachaibh ort do ghealladh a choimhead, nach faod thu air aon chor a bhriseadh. Bheir thu oidhirp air co-chòrdadh teann a bhi eadar do chainnt agus do dheanadas, air dhoigh 's a tha freagarrach do sheirbheiseach Dhé na firinn.

23. Aon uair eile, a mheud 's gan gabh thu do chùram de dh-uile àitheantaibh Dhé, chi thu gum bi mòran neoiomlanachd ann, agus air a shon 's eigin duit a ghuidhe air Dia nach inndrinn e leat an teann bhreathanas, air dhuit fios a bhi agad nach urrainn duit a bhi air t-fhìreanachadh na fhianuis, Salm. cxliii. 2. bi faicilleach nach tabhair thu breth air daoin' eile, air dòigh a dhùisgeas a bhreathanas teann a' t' aghaidh féin, Mat. vii. 1, 2. Cha toir thu breth orra an uair nach eil gnothach sam bith agad r' an deanadas; no gu h-obann, gun rannsachadh m'an chùis; no gu claon-bhretheach, gun an toirt fainear gu faicilleach cùramach; no gu neo-sheirceil, a' cuir an t-seadh is measa air nithibh a tha annta fein 'an teagamh, a toirt breth air an rùin mar olc, ni 's mò na a thoilleadh iad; a' toirt breth air an iomlan de ghiulan duine le aon ghniomh àraidh, agus a' fàgail coireach an neochiontach leis a chiontach. Tha 'n soisgeul a' cliùthachadh

measarrachd eadar an dà anabharra sin; agus ma tha thusa'd'a rìreadh a' gabhail ris an t-soisgeul ann ad chridhe, cuiridh e 'n tuagh ri freumh gach uilc mar iad sin.

24. Air dhomh mar so na h-earrannan àraidh a tha an gnè agus an giùlan a Chriosduidh a shoillearachadh, co-dhunaidh mi a chùis, le buaidhean àraidh a chuir a' d' chuimhne, is eigin a bhi air am measga leis an iomlan, agus a ni drùghadh air gach aon diubh, mar tha "dùrachd, caomhalachd, eud, agus crionnachd."

25. Sior chum a' d' chuimhne, "gur e dùrachd bladh fior dhiadhachd." Ni aon rùn chum Dia a thoileachadh, agus gu sinn fein a dheanamh taitneach dha, an t-iomlan do na ni sinn a bheothachadh agus a riaghladh. Fo dheachdadh an rùin so, rannsaichidh tu gu neo-chlaon mu iarrtais gach dleasannais, agus cuiridh tu e an cleachda cho fad 's as fiosrach thu. 'S ann o d' chridhe a ni thu gach aon ni. Bithidh do ghiulan 'an uaigneas a' cochòrdadh ri d' chaithe-beatha am follais. Bheir mothachadh air ùghdarras Dè fiosrachadh dhuit, gu meas a bhi agad air uile reachdan mu thimchioll gach ni a ta math, agus fuath a thoirt do gach slighe bhreugaich, Salm. cxix. 128.

26. Mar so tha thu an aon-fhillteachd agus an treibhdhireas diadhaidh gu' d' bheatha a chaitheamh san t-saoghal, 2 Cor. xv. 58. Agus tha thu mar an ceudna ri chuir mar fhiachaibh ort fein, a bhi daingean agus neoghluasadach, a' sior mheudachadh an obair an Tighearna, 1 Cor. xv. 58. Cha leoir gum bi baoisge agus togradh ealamh cràbhaidh ann; ach 's éigin do dhiadhachd a bhi buan agus maireannach. 'S eigin duinn a chuir romhainn buanachadh ann an còmhnuidh. 'S eigin duinn gnothach araidh ar beatha a dheanamh dheth. 'S fheudar dhuinn peacadh dànadais le 'r fios a sheachnadh gu cùramach; 's eigin duinn bhi air ar faicill roi laigsinn choitcheann na beatha; agus 's eigin duinn sinn fein irioslachadh am fianuis Dé an co-lorg aon chionta gam bi sinn ciontach, agus ar ruin-shuidhichte gu buanachadh na sheirbhis ath-nuadhachadh. Agus sann mar so is eigin duit thu fein a ghiulan gu crìch do chuairt sa' bheatha so, gun mhi-mhisneach a ghabhail o dhragh no bho fhad na slighe, gun do mhealladh air an darna laimh, no bhi fo eagal air an lamh eile, leis gach buaireadh eugsamhuil a dh' fhaodas iathadh umad, no ionns-

uidh a thoirt ort. 'S eigin do t' anam a bhi socrach air a bhunait so, agus thu fein a ghiulan mar neach aig am bheil dearbh-fhios gu bheil e a' toirt seirbhis do Dhia a ta neo-chaochlaideach, agus gu bheil dòchas aige ri rioghachd uaithe nach gabh gluasad, Eabh. xii. 28.

27. A ris, cho fad sa bheir an soisgeul buaidh air do chridhe, "bithidh do spiorad maoth, agus bithidh a chlach air a' tionndadh gu feoil." Miannaichidh tu gum bi do bharailean mu nithe diadhaidh grad, do thograidh ullamh gu cleachdadh math a ghabhail, agus do choguis furast a dhùsgadh, agus gum bi do rùin freagarrach do 'n ùghdarras dhiadhaidh, agus lan toileach a bhi, agus a dheanamh, ge b'e sam bith ni a shònraicheas Dia dhuit.

28. A bharrachd air so uile, bithidh tu, cho fad 's a riaghlas fior Chriosdachd a' t' inntinn, "a' cuir dealas naomh 'an gniomh 'an seirbhis ar Fir-shaoraidh agus ar n-Athar." Bithidh tu eudmhor anns gach ni math, Gal. iv. 18, a reir a mhaitheas agus fheumalachd. Agus bithidh tu gu h-àraidh eudmhor, gus na tha docharach annad fein a leasachadh, agus a chum ni 's uarrainn duit a dheanamh an aobhar Dhé. Agus cha'n urrainn duit amharc le caoin-shuarachas air giulan dhaoin eile 's a chàs so; ach cuiridh tu an aghaidh gach ni a bheir easurram do Dhia, agus a bhios cronail do dhaoine, cho fad 's a cheadaicheas seirc, macantas, agus crionnachd dhuit. Agus cha 'n e a mhàin gun saothraich thu chum daoin' ath-leasachadh nan samhuil sin do ghnàthachadh, ach bheir thu oidhirp air an iompachadh chum diadhachd, agus air am beothachadh ann.

29. Aon uair uile, bithidh tu deonach air a chrionnachd sin a bhuilich Dia ort a ghnàthachadh, an toirt breth, san àm air do dhleasannas do Dhia, do d' choimhearsnach, agus dhuit fein; agus ciod an doigh is fearr a dh' fhaodas tu a chuir an gniomh, air a mhodh is feumaile; a cumail a' d' chuimhne, gur e 'n duin is glice agus is sona, a bheir le gnà-smuaineachadh fainear an doigh is mò a dh' fhaodas e do mhath a dheanamh, agus gun cuir e am math sin 'an gniomh, cho fad 's as urrainn da 'an aghaidh gach ni a dh'fhaodas bacadh a chuir air.

30. 'S e so sealladh air gnè a Chriosduidh cho soilleir 's a dh' fhaoidte chuir sios 'am briathraibh cho aithghearr: agus tha dòchas agam gum faod e còmhnadh a dheanamh ri iomadh neach chum e-fein a cheusnachadh. Thugadh

do choguis fein freagradh dhuit, cia fhad 's a ràinig thu cheana air, agus cia fhad 's a tha thu ga mhiannachadh; agus biodh na nithe is cudthromaiche a th' ann air an daighneachadh a' d' mheoghair, agus a' d' chridhe chum 's gum bi thu gan cuir an céill an lathair Dhé a t' ùrnuigh lathail ri cathair, nan gràs chum gach còmhnadh feumail a dheanamh riut gu 'n cuir ann an cleachdadh.

*Urnuigh, mar is pailte an cainnt sgriobtuir, anns a' bheil gach earrann do Ghnè a Chriosduidh gu h-aithghearr air a chuir sios 'san riaghailt air a bheil iad air an ainmeachadh sa' Chaibidil.*

" A Dhia bheannaichte, tha mi gu h-iriosal ga d' mholadh mar àrd Athair na soillse, agus tabhartair gach tiodhlacadh math agus iomlan, Seum i. 17. 'S ann uaitse, uime sin, a tha mi 'g iarraidh gach beannachadh, agus gu h-àraidh iad sin a theoraicheas mi a' t' ionnsaidh féin, 's a dh' ullaicheas mi chum do mhealtainn gu siorruidh. Tha mi toirt urram dhuit, mar an Dia, a tha rannsachadh cridhe agus a' sgrùdadh àirnean chloinn nan daoine, Jer. xvii. 10. Rannsaich mi, O Dhia, agus aithnich mo chridhe; dearbh mi agus tuig mo smuaintean: Agus amhairc a bheil slighe olc air bith annam, agus treòraich mi anns an t-slighe shiorruidh, Salm cxxxix. 23, 24. Deonaich dhomh a thuigsinn ciod a ghnè spioraid d' am bheil mi, Luc. ix. 55, agus a bhi air mo choimhead o mhearachd, far am faodadh e bhi ro chronail!

" Deonaich dhomh, O Thighearna, bhi air m' athnuadhachadh 'an spiorad m' inntinn! Eph. iv. 23. Builich orm cridhe nuadh, agus cuir spiorad nuadh an taobh a stigh dhiom! Esec. xxxvi. 26, dean mi a' m' fhear co'-pairt do nàdur na dhiadhachd! 2 Pead. i. 4. Agus a reir mar a ta e-san a ghairm mi naomha, bitheamsa naomha mar an ceudna anns gach gnè chaithe-beatha! 1 Pead. i. 15. Biodh an inntinn cheudna annamsa a bha 'an Iosa Criosd, Phil. ii. 5, deonaich dhomh gluasad mar ghluais e-san! 1 Eoin ii. 6. Saor mi o 'n inntinn fheolmhor, ni is bàs, agus deonaich dhomh an inntinn spioradail, o 'n is beatha agus siochaint i! Rom. viii. 6, agus deonaich dhomh

trid mo chuairt tre 'n t-saoghal so, a bhi gluasad a réir creideimh, agus ni h-ann a reir seallaidh, 2 Cor. v. 7, 's a bhi laidir an creideamh, a toirt glòire do Dhia ! Rom. iv. 20.

"Deonaich dhomh, O Thighearna, do ghràs, a dh-fhoillsicheadh do na h-uile dhaoine, agus dhomhsa leis na h-urrad dhearbhaidh agus shoillearachd, gam' theagasg gu h-éifeachdach, a dh' àicheadh mi-dhìadhachd agus anamhiannan saoghalta, agus mo bheatha a chaitheadh gu stuama, gu cothromach, agus gu diadhaidh ? Tit. ii. 11, 12, oibrich ann am chridhe an diadhachd a tha tarbhach chum nan uile nithe, 1 Tim. iv. 8, agus teagaisg dhomh, trid deachdaidh do Spioraid bheannaichte, thus' an Tighearna mo Dhia, a ghràdhachadh le m' uile inntinn, agus le m' uile neart ! Marc. xii. 3, deonaich dhomh mi fein a thoirt suas duit, mar air bhi beò bho na mairbh, Rom. vi. 13, agus mo chorp a thoirt suas na bheo-iobairt, naomha, agus thaitnich a' t' fhianuis ni is e mo sheirbhis reusonta ! Rom. xii. 1. Deonaich dhomh mòr spéis a bhi agam do Chriosd mo Shlànuighear, do Mhac-s' a thainig san fheoil, Neach is e dealradh do ghloir, agus fior iomhaigh do phearsa ! Eabh. i. 3, agus ged nach fhaca mis e, deonaich dhomh a ghràdhachadh ; agus le bhi creidsinn ann, ged nach eil mi nis ga fhaicinn, a' deanamh mòr ghàirdeachas le aoibhneas air dol thar labhairt, agus làn do ghloir, 1 Pead. i. 8. Agus gun robh a bheatha a ta mi nis a' caitheamh san fheoil, air a caitheadh tre chreideimh Mhic Dhé ? Gal. ii. 20, gun robh mi air mo lionadh leis an Spiorad, Eph. v. 18, agus air mo threorachadh leis, Rom. viii. 14, agus deonaich gu 'm bi e soilleir do dhaoin' eile, ach gu h-àraidh do m' anam féin, gu 'm bheil mi le Dia, agus a' m' oighre air glòir ! deonaich nach faigh mi Spiorad na daorsa chum eagail ; ach Spiorad na h-uchdmhacachd, tre 'n glaodh mi Abba, Athair ! Rom. viii. 15, deonaich gun oibrich e anam, mar spiorad a ghràidh, agus na h-inntinn fhallain, 2 Tim. i. 17, chum gu 'n cuir mi ri m' chreideimh, subhaile ! 2 Pead. i. 5, deonaich dhomh a bhi laidir, agus ro-mhisneachail, Ios. i. 7, agus mi-fein a dhearbhadh a' m' dhuine ; agus a' m' Chriosduidh, san obair chum a' bheil mi air mo ghairm, agus anns a chòmhraig sin a bh' agam san amharc, an uair a ghabh mi fo bhrataich àrd Cheannard mo shlainte !

"Teagaisg dhomh, O Tighearna! m' anam a thoirt gu dùrachdach fa-near, agus meas iomchaidh a bhi agam air! Deonaich nach saothraich mi a mhàin air son an lòin a theirigeas, ach air son a bhìdh' a mhaireas chum na beatha siorruidh! Deonaich dhomh mi-fein irioslachadh, fo d' laimh chumhachdaich, agus a bhi air m' éideadh le h-irioslachd, 1 Pead. v. 5, 6., air mo sgiamhachadh le rìomhadh spioraid mhacanta agus chiùin, ni a tha ro luachmhor an sealladh Dhé! 1 Pead. iii. 4. Deonaich dhomh bhi glan a' m' chridhe, chum gu 'm faic mi Dia; Mat. v. 3., a' claoidheadh mo bhall a ta air an talamh, Col. iii. 5., ionnas mo chuireas sùil dheas corraich orm, gun spion mi asam i, agu sma bheir lamh dheas oilbheum dhomh, gu 'n gearr mi dhiom i! Mat. v. 29, 30. Deonaich dhomh bhi measarradh anns na h-uile nithibh, 1 Cor. ix. 25., toilichte leis na bhios agam! Eabh. xiii. 5., agus air mo theagaisg gu bhi mar sin anns gach staid anns am bi mi! Phil. iv. 11. Gun robh aig foighidin a h-obair dhiongmhalta annam, chu 'm gu 'm bi mi iomlan, gun uireasbhaidh ni sam bith? Seum i. 4.

"Dealbh annam nàdur iomchaidh a thaobh mo chobhràithribh; deonaich dhomh mo choimhearsnach a ghràdhachadh mar mi fein, Gal. v. 14., agus ge b'e ni a b' àill leam daoin' eile dheanamh dhomh fein, gun dean mi a shamhuil dhoibhs-an! Mat. vii. 12. Deonaich dhomh macantas a chuir umam, Col. iii. 12., fo na h-ana-ceartais agus a bhrosnachaidh is mò; agus cho fad 's a's urrainn domh, a bhi réith ris gach aon duine! Rom. xii. 13. Deonaich dhomh bhi tròcaireach, mar tha m' Athair a ta air nèamh tròcaireach! Luc. vi. 56., gun labhair mi an fhirinn o' m' chridhe, Salm xv. 2., ann an gràdh, Eph. iv. 15., agus a bhi air m' fhaicill an aghaidh rùn gamhlasach, mi-rùnach a bhi agam; a' toirt an aire nach toir mi breth obann chlaen, mar nach bu mhiann leam gun tugta breth orm, Mat. vii. 1., le teann cheartas, a tha fios agads, O Thighearna, agus aig mo choguis féin, nach b' urrainn domh a ghiulan!

"Guidheam ort, O Thighearna, gun oibrich thu annam gach earrann sin do Ghnè a Chriosduidh, a dh' fhàgas taitneach dhuitse e, agus a bhios ciatach do m' aidmheil san t-saoghal. Ath-nuadhaich, guidheam ort, spiorad ceart an taobh a stigh dhiom, Salm li. 10., agus dean mi a' m' Israelach da rìreadh, anns nach eil cealg!

Eoin i. 47., am feadh a tha mi 'gleidheadh na cuirm' air Criosd, mar m' *uan* càisge air ìobradh air mo shon, deonaich gu 'n gleidh mi an fhéill le aran neo-ghoirtichte an treibh-dhireis agus na firinn ! 1 Cor. v. 7, 8. Dean mi, guidheam ort, O Thighearna, agus a Dhia Uile-chumhachdaich, agus neo-chaochlaidhich, daingean agus neo-ghluasadach, a sior-mheudachadh a' t' obair, air dhomh fios a bhi agam, nach bi mo shaothair diomhain anns an Tighearna ! 1 Cor. xv. 58. Deonaich gu 'm bi mo chridhe maoth, 2 Righ. xxii. 19., furasda drùghadh air le t' fhocal agus le d' fhreasdail, air mo bheothachadh gu bhi gu caomhail, cùramach mu d' ghlòir, agus mothachail mu ghluasaid do Spioraid ! Gun robh mi èudmhor as leth mo Dhé, Air. xxv. 13., le eud a reir eolais, Rom. x. 2., agus gràidh. 1 Cor. xvi. 14., agus teagaisg dhomh a' d' sheirbhis, gu gliocas na nathrach, Mat. x. 16., a chuir ri misnich an leòghainn, agus ri neo-chiontas a chalamain ! Mar so deonaich gu 'm bi mi trid do ghràis a m' choslas dealrach air m' Fhear-saoraidh gràdhach ; agus fa-dheoidh deonaich dhomh fior choslas dealrach a naomhachd agus a ghlòir' a bhi agam san t-saoghal sin a' bheil a chomhnuidh ; chum gu'n cuir mi urram siorruidh as a leth-san, agus dhuitse, O Athair nan uile throcair, agus do d' Spiorad Naomh, trid oibreachaidh, a tha dòchas agam gu 'm faod mi gu h-iriosal m' Athair a ràdh riutsa, agus mo Shlànuighear ri Iosa ! *Amen.*"

## CAIB. XV.

*Tha 'n leughadair air a chuir an cuimhne meud an fheum' a ta aige air còmhnadh Spioraid Dhé, chum a dheanamh do rèir a Ghnè a chaidh ainmeachadh, agus ciod an cuideachadh a dh' fhaodas sùil a bhi aige ris.*

1. CHUIR mi fa d' chomhair riaghailt air a ghnè agus air a ghiulan a tha 'n soisgeul a 'g iarraidh, agus ma tha thus' a' t' fhior Chriosduidh, miannaichidh tu e bhi agad, agus a ghnàthachadh. Tha 'na ainmeachadh neigin a tha gu ro chumhachdach a drùghadh air an inntinn, aig am bheil tlachd air bith do na tha fior mhaiseach agus oirdheirc. Agus cha 'n 'eil teagamh agam, a leughadair ionmhuinn, nach mothaich thusa

caileigin da dhrûghadh air do chridhe féin. Cuiridh tu gun dàil romhad cuir ma thimchioll, agus saoilidh tu gum faod thu an ùine ghearr ruigheachd air. Tha thu a faicinn cho reusond 's a tha e, agus ciod a chrioch ionmhiannaicht' a tha gu nadurra na cho-chuideachda, agus an sealladh a tha e a' cuir air na tha thu a mhealtainn san àm, agus air do shonas an déigh so; agus air an aobhar sin tha thu cuir romhad gun dean thu d'a réir. Ach ceadaich dhomh gu cùramach a chuir a'd' chuimhne, cia lionmhor iad (agus b' fhearr leam nach bhiodh iad cho lionmhor o' m' fhiosracha féin) a bha am maitheas mar neul na maidne, agus an drùchd mhoch a shiubhlas grad air falbh, Hos. vi. 4. 'S gann a dh' fhaodar briathran Iosua a ghnàthachadh, 's an t-seadh is tinne, an uair a thuirt e ri Israeil (a chum an rùin chabhagach a chìosnachadh.) Cha 'n urrainn sibh seirbhis a dheanamh do 'n Tighearn, Ios. xxiv. 19. Ach gabhaidh mise de dhànadas a ràdh, Nach urrainn duit a dheanamh gu furasda. Mo thruaigh, cha 'n aithne dhuit na' cruaidhchais a tha agad ri dol rompa; cha 'n aithne dhuit na buaireannan a chuireas Satan a' d' rathad; cha 'n 'eil fios agad cho dian sa bhios do chompanaich pheacach gu d' tharruinn air t' ais do'n lion a tha thu 'g oidheirpeachadh a bhriseadh; agus os-ceann gach ni eile, tha thu an-fhiosrach air na cuilbheartean cealgach a ghnàthaicheas do thruailleachd féin chums gum faigh iad an uachdranachd ort bu ghnà leo. Tha thu am barail gum bi am beachd a ta agad air a chùis buan, a chionn gu bheil na cuspairean a ta aca san amharc mar sin! Ach faodaidh e bhith gun dean an latha-maireach do mhealladh. Faodaidh an latha maireach ni faoin eigin a nochda' dhuit ann an dreach ùr, a dh' fhaodas do tharruinn gu so uile a dhi-chuimhneachadh. Cha 'n e a mhain sin, ach theagamh man laidh thu sios air do leabaidh, gum faod an togradh a tha thu 'n dràst a' mothachadh t-fhàgail. Faodaidh ana-miannan truaillidh do chridhe féin, a tha 'n dràsta, mar gun b' ann nan cadal, chum am barrachd neart a bhuannachd, dùsgadh suas le tuille ain-neart; agus mar eil agad ach do neart féin ri d' chumail suas, cha dean an spàirn so chum do shaorsa a chosnadh, ach do chuibhrichean a so suas a dheanamh ni 's do-ghiulain, ni's nàire agus ni's mìlltiche.

2. Ciod ma ta a nis a ghabhas deanamh? Am bheil

am peacach mothachail ri laidhe sios an èa-dòchas? Gu a ràdh, 'Tha mi a'm thràill gun chobhair, agus le m' spionnadh fheuchainn, 's luaithe bhriseas mi mo chnaimhean na mo chuibhrichean, agus an t-olc a b' aill leam a sheachnadh a mheudachadh? Nar leige Dia! tha earbs' agam nach eil thu cho aineolach m'an chreideamh Chriosduidh 's nach eil fios agad gu bheil comhnadh Dhé a' giulan cuibhrionn ro àraidh ann. Cha 'n 'eil teagamh agam nach do leugh thu gu minig air lagh spiorad na beatha ann an Iosa Criosd, gar saoradh o lagh a pheacaidh agus a bhàis, Rom. viii. 2, agus gun d' innseadh dhuit gu bheil sinn trid an spioraid a marbhadh gniomharradh na colla, Rom. viii. 13. Leugh thu mu gach ni a dheanamh tre Chriosd a ta g'ur neartachadh, Phil. iv. 12, a tha ghràs ni 's leoir dhuinn, agus a chumhachd air a dheanamh foirfe ann an anmhuinneachd, 2 Cor. xii. 16. Ceadaich dhomh, a nis t-aire iarraidh a chum so, mar an fhirinn is soilleire dearbhadh, agus is ro fheumaile.

3. Tha reuson féin, cho math ris an sgriobtuir uile a' co-chòrdadh ris a so. Tha 'n cruthachadh gu h-iomlan an earbsa ri Dia. 'S an uaith-san a ta eolas air nithibh nàdurra a' teachd, Salm xciv. 10, agus tha eolas orra r'a chuir as a leth, Ecs. xxxi. 3, 6. Is mò gu mòr a tha gniomh ro-oirdheirc inntinn an duine ath-dhealbh as ùr, a cuir an céill ùghdair dhiadhaidh. An uair a bheir thu fainear cho eugsamhuil 's a tha earrannan gnè a Chriosduidh, agus cho calg-dhireach sa tha mòran diubh 'an aghaidh a ghnè, a bhuaidhaich a' d' chridhe, 's a stiùir do bheatha san àm a chaidh seachad; 's eigin duit fhaicinn gu bheil cumhachd Dhé cho feumail chum an dealbh agus an altrum, 's a tha cumhachd na gréine agus an uisge a dh' àrach suas gach luibh, gach blàth, gach pòr agus gach meas, leis am bheil an talamh air a sgeudachadh, agus ar beatha air a cumal suas. Bithidh am barrachd mothachaidh agad air a so, ma bheir thu fainear cho dian 's is ion fiughair a bhi gun cuirear 'an aghaidh na h-oibre shona so, mar a nochdas mi air ball duit ni's soilleire, agus mar do mhothaich thu dha o t-fhein-fhiosrachadh cheana, 's ann a chionn nach eil ach ro-ghoirid o theann thu ri smuaineachadh air diadhachd.

4. Air an aobhar sin, ma rannsaicheas tu na sgriobtuirean m'an chùis so, (agus ma b' àill leat do bheatha

a chaitheamh mar Chriosduidh, 's eigin duit an rannsachadh gach latha, agus do chomhairl a chuir ris, agus do rùin agus do dheanadais a dhealbh leis,) chi thu gu bheil e gu h-iomlan a teagasg dhuinn cho mòr sa tha sinn ann eiseamail Dhé, a tha mi san àm a moladh. Chi thu gu h-àraidh gur h-ann do ghealladh Dhé diadhachd a dh' fhàs san anam; agus an uair a thachras e, tha 'n sgriobtur ga chuir as leth cumhachd Dhé; agus gu bheil fàs gràis agus càbhaidh anns a chridhe aca-san a tha air an ath-gheanbhainn, air labhairt uime mar an ceudna mar Obair Dhé, a tha tòiseachadh air 's ga ghiulan air aghaidh gu latha Chriosd, Phil. ii. 1.

5. A thaobh a bheachd sin uile, cuir gu daingean romhad a' t' inntinn, nach eil thu ri oidhirp sam bith a thoirt air fàs diadhaidh a' d' neart féin. Ma ni thu dearmad air so, agus gun do rùnaich Dia do shàbhaladh air a cheann ma dheireadh, irioslaichidh e thu le ioma' mealladh dochais, gus an teagaisg e atharrachadh dhuit. Bithidh nàir ort as gach oidhirp a thug thu, gus an socraich thu air an stéigh cheairt. Theagamh gun nochd e dhuit cuideachd, gur ann o nèamh a tha do neart ri teachd; agus gur e dreuchd an spioraid bheannaichte, an cridhe a ghlanadh, agus na rùin-shuidhichte a bheothachadh; agus mar an ceudna, gu bheil e r'a mheas mar spiorad Chriosd anns na h-oibreachaibh sin uile, a'g oibreachadh fo a stiùradh, a chumail suas beo-cho-chomunn ris, fo ainm ceannard mòr na h-eaglais, fear gleidhidh agus riaghlaidh nan togradh naomh agus feumail sin. Air a shon sin theirear co-chuideachadh spioraid Chriosd ris, neach a ta air àrdachadh aig deaslaimh an Athar, a thoirt aithreachais agus maitheanais peacaidh, Gniomh. v. 31. agus 's ann a mhàin na ghràssan a 's urrainn duinn a bhi laidir, 2 Tim. ii. 1. agus 's ann as a làn-san a fhuair sinn, eadhon gràs air son gràis, Eoin i. 16.

6. Cuir romhad gu dùrachdach cuir mu thimchioll seirbhis Dé, agus leas siorruidh t-anma; ach dean so gu sèimh iriosal. Fàsaidh na h-òig-fhir lag agus sgìth, agus tuitidh an òigridh thaghta gu làr; ach 's iadsan a dh' fheitheas air an Tighearn a mhuinntir a dh' athnuadhaicheas an neart, Isa. xi. 30, 31. An uair tha duine fo eagal am fianuis an Tighearna, gu so no sud a nochdadh, a tha fios aige chuir corraich roimh air; an

uair a tha e fo eagal gealladh a thoirt gu 'n coilion e 'n dleasannas so no 'n dleasannas ud eile, le togradh agus le bunailt; ach a 'g ainmeachadh a thogradh iriosal dùrachdach, gum faod e trid gràis a bhi air a dheanamh comasach a sheachnadh an dara h-aon, agus a choilionadh an aoin eile; an sin cho fad 's a thàr m' eolas no m' fhein-fhiosrachadh, tha e anns t-slighe cheairt a thoirt buaidh air buaireannan, 's gu a dhleasannas a choilionadh gu h-iomchaidh.

7. Air an laimh eile, na tugadh t-earbs' air a spiorad, agus am mothachadh a ta agad air do laigsinn agus neo-fhoghaintichead féin, a chum aon ni math spioradail a dheanamh as eugmhais a chòmhnadh-san, mi-mhisneach dhuit gun thu fein a thoirt suas do Dhia, agus do bheatha chràbhaich, a' toirt fainear an ceannfath a ta agad ri dòchas a bhi gun co-pairteachear na tograidh ghrasmhor sin riut. Tha tuigse nàduir, an uair a tha i a' teagasg dhuinn am feum a tha againn air còmhnadh o Dhia chum beatha dhiadhaidh a bhi againn, gar treorachadh gu bharalachadh, gun gabh an Tì fialaidh sin, a tha buileachadh a choilion sochair luachmhor air a chuid is dearmadaiche de 'n chinne-daoine, tlachd sonnraicht' an co-pairteachadh riu-san a dh' iarras gu h-iriosal, an còmhnadh gràsmhoir sin, a ni an anmaibh neo-bhàsmhor 'na choslas féin, agus an deanamh iomchaidh air an t-sonas sin a tha freagarrach d' an nàdur, agus air son an deach' nan ceud cho-dhealbhadh an cruthachadh. Co-dhaighnichidh focal Dé ni 's ro-mhò an dòchas sin. Tha thu 'n sin a cluinntinn gliocas Dé a' glaodhaich, eadhon riusan a rinn rè ùine mhòr dearmad air a theagasg, pillibh ri m' achasan, agus doirtidh mi mach mo spiorad oirbh, Gnath. i. 23. Tha thu cluinntinn an Abstoil ag ràdh, Thigeamaid le dànachd gu righchathair nan gràs, chum gu 'm faigh sinn tròcair, agus gràs chum cobhair ann an àm feuma, Eabh. iv. 16. Seadh, an sin tha thu a' cluinntinn ar Tighearna féin ag earalachadh air an doigh bhlasta dhrùightich so; ma 's aithne dhiubhse a ta olc, tiodhlacan matha a thoirt d' ar cloinn, nach mòr is mò na sin a bheir 'ar n-Athair nèamhaidh an Spiorad naomh dhoibh-san a dh' iarras e? Luc. xi. 13. Bha 'n tiodhlac' agus an gealladh so air an toirt do Chriosd, an uair a chaidh e suas do nèamh, chum an toirt d'a fhior luchd-leanmhuinn. Dhoirt Dia e oirnne

gu saibhir trid-san, Tit. iii. 6. Agus faodaidh mi a ràdh, gur e an togradh a tha thu mothachadh air son tuille co-chomuinn an spioraid, a cheud thograch a tha 'g éiridh uaithe a tha chean' air am buileachadh. Air chor 's gu 'm faod thu air deagh stéigh a ghabhail mar chuireadh, gu d' bheul fhosgladh gu farsuinn, chum 's gun lion se e. Tha tart ort, uime sin faodaidh tu gu soilleir a thagradh, gun tug Iosa cuireadh dhuit tighinn d'a ionnsaidh agus òl ; le gealladh, nach e a mhàin gun òl thu ma thig thu d'a ionnsaidh, ach mar an ceudna gun sruth as do chòm, mar gum b' ann, aibhnichean do dh-uisge beò, chum tairbhe agus beothachadh dhaoin' eile, Eoin vii. 37, 38.

8. Imich air t-aghaidh ma ta, le suilbhearrachd iriosal, chum uile dhleasannais beatha a Chriosduidh a cho-lionadh. Falbh, agus gun soirbhicheadh Dia leat, na neart féin, a deanamh sgeul air fhìreantachd, air fhireantachd féin a mhàin, Salm lxxi. 16. Agus mar dhearbhadh air tuille còmhnaidh, gun robh do chridhe air a bheothachadh chum nan togradh is ro dhùrachdaiche, an tòir air na sochairean a tha mi san àm a' moladh dhuit a leantuinn ! gun robh tha air do bhrosnachadh chum t'anam a dhòrtadh a mach an làthair Dhé nan samhuil sin de chainnt naomha ! agus gu ma h-iad is cainnt lathail duit na lathaireachd ghràsmhor.

*Urnuigh iriosal ag iarraidh drùghadh gràis Dé chum Diadhachd a dhealbh agus a neartachadh sa'n Anam.*

" O Dhia bheannaichte ! tha mi gu dùrachdach ag aideachadh mo laigsinn agus mo neo-fhoghantaichead féin a' t' fhianuis air son aon ni math spioradail. Mhothaich mi e iomadh uair o' m' fhiosrachadh féin ; agus gidheadh b' àill le m' chridhe amaideach earbs' as, agus cuir roimhe a rithist 'na neart féin. Ach gu ma h-e so ceud thoradh do chumhachd ghràsmhoir air, a thoirt gu an-earbs' as fein, agus gu a dhòchas a chuir annadsa ?

" Tha mi a' deanamh mòr ghairdeachas, a Thighearna, air son an làn-chiunt a thug thu dhomh air cho ullamh 's a tha thu air sochair cho mòr a bhuileachadh gu fiùghantach pailt. Tha mi air an aobhar sin, a reir do chuireadh thròcairich, a' teachd le dànadas gu righchathair nan gràs, chum gu 'm faigh mi gràs chum

cobhair an àm feuma, Eabh. iv. 16. Cha 'n 'eil a mhiann orm, O Thighearna Dhia, do ghràs a thionnda gu macnus, Iude, rann 4. no m' anmhainneachd a ghabhail mar leithsgeul air son dearmad no neo-chùram. Tha mi 'g aideachadh gun do bhuilich thu chean' orm tuille comais na ghnàthaich mise ; agus tha mi fàgail na coire orm féin, agus ni h-ann ortsa, nach d' fhuair mi o cheann fada am barrachd cumhachd. 'Se mo mhiann a so suas a bhi ni 's oidhirpiche ann an gnàthacha gach meadhon òrduichte; ni tha fios agam le 'n dearmad gu 'm biodh achanaich mar so mar fhanoid mhi-naomh, agus gu'm faodadh e bhi na aobhar gu d' bhrosnachadh chum na tha agam a thoirt uam, seach tuille bhuileachadh orm. Ach tha mi gu dùrachdach a' cuir romham mi-féin a chuir thuige mar mo dhùlan, agus aslachadh ort co-pairteachadh do ghràis, chum gu 'm bi mi air mo neartachadh a cho-lionadh an rùin-shuidhichte sin.

" Bi, O Thighearn, bi an urras air t'òglach chum maith! Salm cxix. 122. Deonaich do chumhachd naomhachaidh a dhortadh a stigh air m' anam, chum mo dhealbh air son gach dleasannais a dh' iarras tu ! Suidhich, guidheam ort, gach subhailc agus gràs domh-ain ann am chridhe; agus cum suas mo dheagh rùn am meadhon gach ionnsuidh, gam bheil mi buailteach, o'n leith a muigh agus a stigh, am feadh a bhios mi sa' bheatha so, 's a' giulan m' an cuairt domh a cho lion anmhainneachd ! Lion mo chridhe le deagh thograidh dhuitse, mo Dhia, agus do m' cho' bhraithribh ! Cum do ghnà a' m' chuimhne gu 'm bheil do lathaireachd anns gach àite; agus deonaich dhomh a chumail a' m' aire gu bheil an rùn is diomhair a' m' anam aithnichte leatsa ! Deonaich dhomh ma ta, bhi air m' fhaicill an aghaidh a cheud togradh chum peacaidh ! Is a chum nach faigh Satan cothrom air olc a chuir a' m' aire, guidheam ort gu dùrachdach, O Thighearna ! gun lionadh tu mo chridhe le d' Spiorad Naomh, agus gu 'n gabhadh tu comhnuidh ann ! Gabh comhnuidh annam, agus gluais maille rium, 2 Cor. vi. 16. agus deonaich gur e mo chorp teampull an Spioraid Naoimh ! 1 Cor. vi. 19.

" Deonaich dhomh bhi air mo cheangal ri Criosd, chum bhi a' m' aon Spiorad ris, 1 Cor. vi. 17. 's a mothachadh a chumhachd ga m' bheothachadh gu sìor dhol air m' aghaidh, 'an aghaidh gac buairidh agus

truaillidheachd ! Am feadh a bhios na h-òigfhir a' fàs lag agus sgith, agus an òigridh thaghta a' tuiteam gu làr, gu 'm feith mis air an Tighearna air sheol 's gu 'm bi mo neart air ath-nuadhachadh, Isa. xl. 30, 31. agus deonaich dhomh bhi dol air m' aghaidh o aon tomhas creideimh, gràdh, eud, agus naomhachd gu tomhas eile, gus an nochdar mi foirfe a' d' lathair an Sion, Salm lxxxiv. 7. chum òl uaitse an togradh agus an gràdh neo-thruaillidh, mar o thobar siorruidh gach aon diubh, trid Iosa Criosd mo Thighearna, anns am bheil fireantachd agus neart agam, Isa. xlv. 24. agus 's ann as a leth-san a tha mi miannachadh cliù a chuir air son mo theachd air aghaidh san da chuid : *Amen.*"

## CAIB. XVI.

*Tha 'n Chriosduidh air a chuir air fhaicill, agus air a bheothachadh 'an aghaidh nan aobhar mi-mhisnich ris an ion da sùil a bhi aige gu choinneachadh, an uair a dh' inntrinneas e air beatha Chràbhaich.*

1 'S RO-IOMCHUIDH a dh' iarr ar Maighstir diadhaidh oirn, spàirn chruaidh a dheanamh gu dol a steach air a gheata chumhann, Luc. iii. 24. leis a sin a feuchainn (mar gu'm b'ann) gu bheil an t-slighe cha 'n e a mhàin cumhann, ach gu bheil i air a cuartachadh le naimhdean ; air a h-iomdhruideadh air an laimh dheis agus chli le naimhdean laidir agus seolta. Agus bi uile chinnteach, O leughadair, ciod i air bith do staid sa' bheatha, gur eigin duit an coinneachadh agus aghaidh a thoirt orra. 'S e do ghliocas ma ta, beachd a ghabhail orra a' d' smuaintibh, chum gu'm faic thu ciod ris an ion sùil a bhi agad ; agus gun tuig thu ciod an armachd is feumaile duit a chuir ort, agus ciod na h-airm a dh' fheumas a bhi agad a chum a chòmhraig. 'S minig a chuala tu iad air an cuir an òrdugh fo thri cinn-fheadhnaidh mòra, " an fheoil, an saoghal, agus an diabhul ;" agus a réir na roinne so, dh' earalaichinn ort an aire thoirt do neart gach buidheann, mar tha iad g' an cuir féin an òrdugh catha a' t' aghaidh. O deonaich gum bi thu air do bhrosnachadh gu uile armachd Dhé a ghabhail a' t' ionnsuidh féin, Eph. vi. 13. agus gu thu-féin a dhearbhadh

gu fearail mar dhuine, 1 Cor. xvi. 13. agus mar Chriosduidh.

2. Feòraich do d' choguis, am bheil thu giulan ma'n cuairt leat nàdur truaillidh agus coirbte? Cha 'n 'eil teagamh agam nach mothaich thu gu 'm bheil. Mothaichidh tu, an cainnt an Abstoil, (a tha labhairt uime mar staid Chriosduidhean fein,) gu bheil an fheoil a' miannachadh an aghaidh an Spioraid, ionnas nach urrainn duit, anns gach cùis, a dheanamh mar a b'àill leat, Gal. v. 17. Thug thu claon thograidhean leat a stigh do 'n t-saoghal; agus shàsaich thu cho minig an cìocrais, 's gu bheil iad a nis air fàs laidir; agus tuigidh tu nach toirear buaidh air na cleachdannan sin gun strì shonraichte. Cha 'n 'eil ag nach cuimhnich thu na samhlaidhean laidir leis am bheil am Fàidh a' cuir an céill a leithid do staide-se, agus aidichidh tu gur ceart a choimeas se e ris an Etiopach a mhùthadh a chraiceinn, agus an leopard a bhrice, Ier. xiii. 23. Faodaidh e bhith, an tùs, tionnsgnaidh gum fairich thu tograidh do spioraid cho beothail dhian 's gun saoil thu gun toir thu buaidh air na dh' fhaodas cuir a' t' aghaidh. Ach mo thruaighe! tha eagal orm an ùine bheag, gun éirich na naimhdean sin, a shaoil, thu bhi marbh aig do chasan, suas gu beothail, treun, gun glac iad an airm, 's gun toir iad ionnsuidh ort air aon doigh no doigh eile. Agus theagamh gum bi a chuid is deachdaire de 'n chòmhraig nan aghaidhs' a shaoil thu a b' fhusa, agus gum faod thu bhi fo 'n chunnart is mò uathasan o'n lugha a shaoil thu e; gu h-àraidh o uaill agus o leisg spioraid; o'n chridhe a tharruinn gu diomhair o Dhia, agus o neo-thograidh gu bhi cainnt ris, trid déigh shonraicht air nithibh a chithear agus aimsireil, a dh' fhaodas a bhi tric ro chunnartach do d' shlainte shiorruidh, ged nach eil iad, faodaidh e bhith, gu h-iomlan nogu coitcheann air an toirmeasg. Ann am mìle dòigh dhiubh sin, feumaidh tu fhoghlum thu-fein àicheadh, no cha'n urra dhuit a bhi a' d' dheisgiobuil do Chriosd, Mat. xv. 24.

3. Faodaidh tu cuideachd a bhi cinnteach, gu'm faigh thu mòr dhragh o'n t-saoghal; o a chleachdaibh, o ghnàthachaibh, agus o eiseamplairibh. Ni gnothaichean an t-saoghail do bhacadh air aon laimh, agus daoin' an t-saoghail air an laimh eile. Theagamh gu'm faigh thu ni's lugha chòmhnadh chum diadhachd, o dhaoine matha

fein no tha 'n dràsta dùil agad ris. Tha 'n ginealach so a th'ann diubh am bitheantas cho faicilleach a sheachnadh gach ni a bhios cosmhuil ri gloir-dhiomhain, agus tha ni-eigin am barail dhaoine ro neo-mheasail ann a bhi tuilleadh, 's càbhach, 's gun tuig thu moran do d' bhraithrean Criosduidh a' cleth an deagh-bheus agus an càbhaidh, ni 's mò na cheileas daoin' eile an droch-bheus agus an an-diadhachd. Ach am feadh, mar bi do staid sonraichte sona, a gheibh thu ro bheagan cuideachaidh o 'n darna muinntir bi làn chinnteach gu 'n cuir càch a' t' aghaidh. Bithidh naimhdean diadhachd garg agus ladurna nan oidhirpean; am feadh a bhios mòran d'a chairdean gun bhi 'gabhail suim do 'n chùis; agus theagamh gun cuir aon pheacach tuille dràgh air fein a chum do thruailleadh, na chuireas deich Criosduidhean a chum do shaora. Bheir na companaich a bha agad aon uair sa pheacadh, iomadh ionnsuidh innleachdach gu d' thàla riu a rithist: Cuid diubh, faodaidh e bhith, fo sgàile càirdeis agus seirc; agus mòran eile le fearas-chuideachd agus fuar-sgallais air do chreideimh, agus gu chuir an neo-brìgh, an ard-riaghailt sin gu breth a thoirt air math agus olc, mar a dubhradh gu h-amaideach. Theid so a dheuchainn ort, gun umhail theagamh do mhodh, do riaghailt, no do dhaonnachd. Ni iad fanoid agus tàir ort, na ceart daoine o 'n robh duil agad meas agus càirdeas fhaotainn; agus mothaichidh tu tuille brìgh na shaoil thu aon uair, an cainnt an Abstoil, feuchainn de dh' fhanoidibh an-iochdmhor, Eabh. x. 36. roi am bheil tuill' eagail aig cuid de dhaoine no roi theine agus claidheamh. 'S eigin duit duil a bhi agad ri geur-leanmhuinn so na teanga, agus theagamh gun abair iad riut gu bheil thu air seachran céille, agus gun aobhar sam bith aca gu sin a ràdh, ach gu bheil thu gnàthachadh do reusoin mar is còir dhuit, agus nach aontaich thu leo-san, a tha tarruinn sgrios air an anmaibh fein, n'an giul-an ea-céillidh, mhi-chneasda agus amaidich.

Agus cha 'n 'eil e idir mi choslach, nach bi Satan a deanamh a dhìcheill gu mi-mhisneach a thoirt duit, agus gu t' fhàgail mi-shuaimhneach. Cha 'n 'eil teagamh nach bi e a buaireadh t-aigneidh leis an toileachadh, na comais chiontach, agus na companaich is éigin duit a threigsinn; agus cuiridh e fa d' chomhair an sealladh is eagalaiche air an dragh, air na cruadh-chàis, agus air

na cunnairt a tha, (mar their e riut) neo-sgarthail o dhiadhachd. Cha dean e dearmad air a chuir an céill gu bheil Dia féin, tobar gach mathais agus sonais, na mhaighstir cruaidh, nach gabh toileachadh. Theagamh gun lion e thu le eagail uamhasach, agus gun dean e uaill tharad le gamhlas an-iochdmhor beagnarach mar a thraill. an uair a tha dearbh-fhios aige gu bheil thu a' d' dhuine saor aig Dia. Air uairean bheir e ionnsaidh le chuir am fiachaibh ghràineil, air moille a chuir ort a' d' dhleasannas, mur gun tugadh sin am barrachd cumhachd dha ort: Air uairean eile bheir e oidhirp air do sgìtheachadh le d' chràbhadh, le thoirt ort buanachadh tuilleadh is fada ris, air eagal gun tugadh e-san ionnsuidh ort an uair a sguireadh tu. An aon fhocal, tha aig a chealgair charach so a cho lion cleas, 's nach b' uilear dha ioma leobbar a sgriobhadh m'an cuirte 'n céill iad, agus daoin' a chuir air am faicill rompa. Agus dlù leanaidh e thu le innleachdaibh miosguinneach gu crìch do chuairte; agus cha bhi ni air nach toir e ionnsaidh a shaoileas e a lagaicheas do lamh, agus a chràidheas do chridhe; chum, 's ged nach urrainn da, trid eadar-mheadhonaireachd Iosa, do shonus siorruidh a bhacadh, gun cuir e urrad dhragh agus mhi-thlachd ort, 's a gabhail rathaid d'a ionnsuidh, 's a's urrainn da.

5. Se so a tha pobull Dé a faireachduinn; agus mothaichidh tusa e cuideachd, uair no uair eigin, ma bhios do chrannchar agus do chuibhrionn nam measg. Ach air a shon sin uile, na gabh mi mhisneach: 'S e Criosd ceannard do shlainte, Eabh. ii. 10. 'S taitneach beachd a ghabhail air san t-seadh so. An uair a ghabhas sinn sealladh air lionmhoireachd ar naimhdean, faodaidh sinn ar ceann a thogail suas nam measg uile, agus a ràdh, is mò gu mòr e-san a tha leinn, na iadsan uile a ta 'n ar n-aghaidh, 2 Righ. vi. 16. Earb as an Tighearn, agus bithidh tu mar shliabh Shioin, nach caraichear, ach a mhaireas gu siorruidh, Salm cxxv. 1. An uair a bhios do naimhdean ga d' dhlùtheannadh, cuimhnich gu bheil thu ri cogadh 'am fianuis Dé, Sech. x. 5. Oidhirpich ma ta a bhi gu gaisgeil treun: Oidhirpich cuir nan aghaidh, air dhuit bhi daingean sa chreideamh, 1 Pead. v. 9. Cuimhnich gur urrainn da neart a thoirt do'n anfhann, agus dhoibhsan ata gun lùgh meudaichidh e treise, Isa. xl. 29. Rinn e ioma mìle uair cheana e:

agus ni e ioma mìle uair e fhathasd. Nach iomadh òganach a thug buaidh air an naimhdean cumhachdach fo 'n lan armaibh, an uair a chaidh iad a mach nan aghaidh, ged nach robh aca ach, mar gam b' ann, bata agus crann-tabhuill, an ainm Tighearna Dia Israeil, 1 Sam. xvii. 40—45. Nach lionmhor mnathan agus clann a shaltair fo chois neart an namhaid, agus o anmhuinneachd a rinneadh neart-mhor ! Eabh. xi. 34.

6. Am measg ni 's urrainn talamh agus ifrinn a dheanamh, seall suas, agus amhairc air t' aghaidh ; agus mothaichidh tu do chridhe a' gabhail misnich ris an t-sealladh. Tha do Cheannard am fagus: Tha e dlù dhuit gu d' chòmhnadh : Tha e teann ort gu luach-saoithreach a thoirt duit.—An uair a bhios buairidhean ga d' ro-theannadh, cuimhnich air an Tì sin a dh' fhuilig an crann-ceusaidh fein a chum do shaoradh. Gabh beachd air misneach do Chinn-iùil, agus oidhirpich a chos-cheimibh a leantuinn. Eisd ra ghuth, oir thug e gairm fhollaiseach, feuch thigeam gu h-aithghearr ; agus a ta mo luach-saoithreach maille rium, Taisb. xxii. 12. Bi-sa firinneach gu bàs, agus bheir mise dhuit crùn na beatha, Taisb. ii. 10. Agus O cia baoisgeil a dhealraicheas e ! agus nach fad a mhaireas a lannair ! An uair a bhios na clachan buadhach a tha sgiamhach-adh crùn rìghre, agus a ta dol o aon cheann rìoghail gu ceann eile, linn an déigh linne, air an leaghadh san lasair dheireannaich, 's e crùn glòire nach searg as a gheibh thusa, 1 Pead. v. 4.

7. Tha e gun amharus fior, gun téid iadsan a thèid a thaobh gu slighibh claon, iomain a mach le luchd-dheanamh an uilc, Salm cxxv. 5, do'n chasgradh eagal-ach sin a tha ceartas diadhaidh ag ullachadh air an son ; agus b' fhearr dhoibh gun eolas a bhi aca air slighe na fireanntachd, no an deigh a h-eolas fhaotainn, pilleadh o 'n àithne naomh a thugadh dhoibh, 2 Pead. ii. 21. Ach tha dòchas agam tre ghràs Dé, ri nithe a's fearr mu d' thiomchiollsa, Eabh. vi. 9. Agus si m' ùrnuigh dhùrachd-ach as do leth, a Leughadair, gum bi thu air do choimhead trid cumhachd neartmhor Dhé, mar ann an daighneach-adh air gach laimh, air an doigh is diongmhalta, trid creideimh chum slainte, 1 Pead. i. 5.

*An t-anam fo gheilt le bhi mothachail air na cruaidh-chais sin, agus ga earbsa ri bhi air a dhion le Dia.*

"A DHE bheannaichte ! is ann a dh-ionnsaidh do neart Uile-chumhachdaich-sa a tha mi a' teicheadh. Feuch mi air mo chuartachadh le cruaidh-chais agus le cunnart-aibh, agus sìn amach do lamh uile-chomasach a chum mo thearnadh : O thusa a shaoras le d' dheas-laimh iadsan a dh-earbas asad, uathasan a dh-éireas suas nan agh-aidh, Salm xvii. 7. Tha mi air an latha 'n diugh gu follaiseach ga m' chuir féin fo d' sgéith-dhion : cuir do chumhachd 'an gniomh as mo leith, agus ceadaich dhomh tearmunn a ghabhail fo sgàile do sgiathan ! Salm lvii. 1. Deonaich gu m' bi do ghràs foghainteach air mo shon, agus do chumhachd air a dheanamh foirfe ann am anmh-uinneachd ! 2 Cor. xii. 9. Cha 'n 'eil a chridhe agam a ràdh, nach tréig mi am feasd thu, nach àicheadh mi a chaoidh thu, Mar. xiv. 31. Ach tha dòchas agam gu'm faod mi gu firinneach a ràdh, O Thighearna, nach bu mhiann leam a dheanamh; agus a réir an rùin agus na barail a th' agam san àm, gu 'm bu lugha an t-aobhar eagail leam am bàs fhulang, na corraich a chuir ort d'am dheoin. Och freumhaich a mach truaillidheachd sin mo chridhe, a dh' fhaodadh an uair teann bhuairidh m' aomadh gu atharrachadh a bharail, agus a thoirt orm géilleadh do'n bhuaireadh ! Neartaich mo chreideamh, O Thighearna, agus ath-bheothaich mo dhòchas ! Neart-aich mi le rùn-suidhichte seasach, chum cuir an agh-aidh gach ni a bhiodh an cunnart mo thoirt as an t-slighe gu nèamh ; agus deonaich dhomh m' aghaidh a chuir mar chloich-theine, Isa. l. 7, an aghaidh gach ionnsaidh a bheir talamh agus ifrinn orm! Ma bheir peacaich ionnsaidh mheallaidh orm, na leig leam aontachadh leo ; Gnath. i. 10, ma bheir iad tàmailte dhomh, na leig leam suim a ghabhail deth ; ma ni iad maoidheadh orm, na leig leam a bhi fo eagal ! Gu ma fearr leam le h-eud naomh agus dian air a dheagh-riaghladh, ceannfath a ghabhail o'm mì-run cridhe-san, air oidhirp a thoirt air an iompachadh agus air an ath-leasachadh ! Mar is lugha, na leig leam nàir a bhi orm a' d' chùis a thagradh, 'an aghaidh na muinntreach a bheir tàire do dhiadhachd ; deonaich dhomh aoibhneas agus subhachas a mhothachadh ann am chridhe ; agus bheir mi ionnsaidh air do shlighe

a theagasg do luchd-eusontais, agus peacaich iompachadh a t' ionnsaidh! Salm li. 8, 13. Seadh, a Thighearna, am feadh a bhuanaicheas m' eagail, ge d' a mheasas mi mi fein air mo dhìteadh tha mi air mo dhìteadh cho cothromach as leth m' amaideachd, 's gu 'm fireanaichinn a bhreth, ged' a b' ann a' m' aghaidh féin.

" Coimhead mi a nis, O Thighearn! agus gach aon àm na ceadaich dhomh bhi am barail, ge b' e aois na inbh air an ruig mi, gu bheil mi comasach air mi-fein a choimhead as t-eugais-se! ni mò a leigeas tu dhomh bhi 'am barail, 'an naoidheanachd so na diadhachd a' m' anam, a bhi cho lag, is nach urrainn duitse mo chumail suas! Ge b' e taobh a threoraicheas tu mi, deonaich dhomh do leantuinn; agus ge b' e dreuchd a shònraicheas tu dhomh, deonaich dhomh saoithreachadh ann; an sin deonaich dhomh an còmhrag spioradail a chumail an aghaidh uile naimhdean mo Shlàinte, agus gu ma fearr tuiteam san àraich, no cùl a chuir ris gu neo-dhuineil?

" Agus deonaich dhomh, O Fhìr-shaoraidh bheannaichte, Ceannard mo shlainte, Ard Ughdar agus fear-criochnaich mo chreideimh, Eabh. xii. 2, 'n uair a bhios mi an cunnairt t'àicheadh, mar rinn Peadar, gun amhairc thu orm le cumhachd agus le caomhalachd, Luc. xxii. 71, a dh-fhaodas mo chumail o thuiteam, no a ghrad aisigeas mi a rithist a chum mo Dhé agus mo dhleasannais; agus teagaisg dhomh, o' m' fhàillnibh mi-fein irioslachadh gu mòr air son gach mearachd, agus mi bhi ni 's dùrachdaiche fhaicilliche san àm a tha ri teachd. *Amen.*"

## CAIB. XVII.

*An Chriosduidh air earalachadh, agus air a chuideachadh gu e-féin a thoirt suas gu follaiseach do sheirbhis Dhé.*

1. Tha dòchas agam a dh' aindeoin aon ni a dh' fhaodas a bhi a' t' aghaidh, le earbsa as a chòmhnadh luachmhor agus na h-aobhair a tha air an ainmeachadh 'san da Chaibidil roimh so, gu bheil thu gu toileach a' cuir romhad inndrinn air seirbhis Dhé, dh' earalaichinn ort a nis thu-féin a thoirt suas gu follaiseach d' a h-ionnsuidh. Cha 'n e a mhain a chuir romhad a' d'

chridhe, ach a chuir an céill gu soilleir an lathair Dhé. Tha a dheanamh air doigh cho follaiseach, iomchaidh a thaobh nàdur ghnothaichean; agus tha e ro fheumail chum a cheangal ris an Tighearna, cridhe cho cealgach 's a tha sinn féin fiosrach a bhi againn. 'S taitneach a bhi cuimhneach air, mar air a dheanamh na leithid so de dh-àm, na leithid sud de dh-àite, air a leithid so de dhoigh, agus bithidh e ullamh gu chumail an cuimhne na meoghair agus na coguis. Ni bhi mothachail gu bheil thu fo bhòid do Dhia, do neartachadh an àm buairidh; agus bheir, le bhi cuimhneachadh air, an tuille dànadais iriosail agus saorsaidh dhuit gu dol d'a ionnsuidh, fo dhaimh gu bheil thu an co-cheangal ris mar do Dhia agus t'Athair, mar bhios e feumail duit an deigh so.

2. Uime sin dean e, ach dean e gu fonnmhor suidhichte. Thoir fainear, ciod e, a ta thu dol a dheanamh: Agus thoir fainear, cia cho reusonach a ta e, gum bu chòir a dheanamh, agus sin gu toileach suilbhearra; cha'n ann a dh-aindeoin, ach gu deònach, 1 Pead. v. 2. Oir anns a chàs so, agus anns gach càs eile is toigh le Dia neach a bheir seachad gu suilbhir, 2 Cor. ix. 7. Agus cha 'n 'eil aon ni bu chòir dhuinn a dheanamh, le barrachd suilbhearrachd agus toile, na sinn féin a thoirt suas mar so do 'n Tighearna; do 'n Dia a chruthaich sinn, a thug sinn a steach do 'n t-saoghal àluinn so air a dheagh uimeachadh, a chum suas sinn an aois mhaoth ar naoidheanachd, a ghleidh sinn an laithibh neo-chùramach ar leanabaidheachd agus ar n-òige, agus a tha gu ruig an t-àm so g'ar sìor chòmhna, g' ar cumail suas, agus g' ar coimhead. Cha 'n 'eil ni sam bith is reusonda, no gun aidicheamaid, gur e-san ar dearbh-shealbhadair agus ar n-uachdaran dligheach; gun tugamaid sinn féin suas dà, mar ar caraid ro ghràsmhor, agus gun iarr sinn e mar ar n-àrd shonus. Cha 'n 'eil aon nis is cothromaiche, no gum biodh sinne, toradh a chumhachd, agus luach fal' a Mhic, leis-san, agus leis féin gu siorruidh. Ma gheibh thu sealladh ceart air a chùis, bithidh e na aobhar bròin do t' anam, gun deach' thu riamh air seacharan o'n Dia uilebheannaichte agus bho sheirbhis; air chor 's nach bi thu deònach air fuireach uaithe car bliadhna no latha ni's faide. Ni thu gairdeachas air son thu a thoirt air ais d'a ionnsuidh a chreutair ceannairceich; agus mar a strìochd thu roimh so do bhuill na'n inneil neo-fhirean-

tachd do 'n pheacadh, gun gabh thu tlachd le thu féin a striochda do Dhia, mar air teachd beo bho na mairbh, agus do bhuill a ghnàthachadh mar inneil fireantachd do Dhia, Rom. iv. 13.

3. Bithidh an strìochdadh so cho iomlan, 's a tha e suilbhearra agus grad. Bithidh an t-iomlan diot féin, gach ni a ta agad, agus gach ni is urrainn duit a dheanamh, t-ùine, do mhaoin, do chumhachd os ceann dhaoin' eile, air a thoirt suas d' a, a chum san ùine tha ri teachd, gu 'm bi iad air an gnàthachadh gu h-iomlan air a shon, agus a chum a ghloire. Cha sanntaich thu ni a chumail air ais uaith, ach tuigidh tu, gu bheil thu anns an t-seadh is firinniche agus is luachmhoire san àm sin leat féin, an uair is mò a bheir thu thu-féin suas dha-san. Tha thu mar an ceudna san àm shonraichte so, ris gach ni a tha thu a sealbhachadh a thoirt thairis fo stiùreadh a fhreasdail ghràsmhoir; cha 'n e a mhain ag aideachadh a chumhachd, ach a' co-aontachadh r'a cheart chòir, air e dheanamh riut féin, agus air gach ni a bhuilich e ort, mar is toil leis; agus a nochdadh gu bheil thu lan toilichte leis na rinn e, agus gum bi thu mar sin leis gach ni a ni e an deigh so.

4. Aon uair eile, ceadaich dhomh a chuir a' d' chuimhne, gur eigin do 'n strìochdadh so bhi maireannach. 'S fheudar dhuit thu-féin a thoirt suas air sheol 's nach bi duil agad gun buin thu dhuit féin tuille, oir tha còraichean Dhé, mar a nàdur, bith-bhuan agus neochaochlaideach; agus tha e a thaobh a chreutairean reusonda, an t-aon ceudna an dé, an diugh, agus gu siorruidh.

5. Bheirinn comhairl agus earail ort gum bi an coisrigeadh so air a dheanamh gu ro-dhùrachdach. Dean e am briathrabh soilleir. Agus theagamh, gum measar feumail a chuir ann an sgriobhadh, mar tha ioma diadhair cràbhach a cliuthachadh, agus do lamh agus do sheul a chuir ris, air a leithid so de latha de 'n mhios so, na leithid so de bliadhna, agus na leithid so de dh-àite, an deigh smuainteachadh gu cùramach m' an chuis gun tainig thu chum an rùin-shuidhichte shona so, ga b' e ni a dheanadh daoin' eile, gun toir thusa seirbhis do 'n Tighearn, Isa. xxiv. 15.

6. Faodaidh tu-féin sgriobhadh a tharruinn a mach, no m' as àill leat e bhi air a dheanamh air do shon, chi

thu an deigh so caileigin m' a thimchioll, air am faod thu atharrachadh a dheanamh a réir do chor féin, ma tha a bheag sonraicht' ann. Ach ge b'e ni a ghnàthaicheas tu rannsaich gu mion e, agus beachd-smuaintich gu cùramach uime, chum 's nach bi thu bras le d' bheul gu aon ni a labhairt an lathair Dhé, Eccles. v. 2. Agus an uair a tha thu air socrachadh air a chuir 'an gniomh, biodh e air a dheanamh le tuille n'as gnà leat de dhuaighneas crábhach. Ma fhreagras e idir dhuit, cuir air leth an là air an dean thu e, mar latha trasgaidh diomhair agus ùrnuigh; agus an uair a bhios do chridhe deas, le eagal iomchaidh ro làthaireachd Dhé, le dànachd iriosal na mhathas, le mòr mhiann air a dheagh-ghean, an sin nochd thu fein air do ghlùinibh am fianuis Dé, agus leugh gu socrach dùrachdach thairis e; agus an uair a chuireas tu do lamh ris, taisg an àite cùramach e, far am faod thu amharc air an uair is àill leat; agus dean cleachdadh a bhi 'g amharc thairis air aig àmaibh sonraichte de 'n bhliadhna, a chumhail suas cuimhn' air.

7. Air a chuid is lugha, gnàthaich an doigh so, gus am faic thu cothrom agad air tighinn gu bòrd an Tighearna, far am bheil thu ris a choi-cheangal cheudna ath-nuadhachadh, agus r'a nasgadh, le tuille do thiomchridhe dhùrachdaich. Agus gun deonaicheadh Dia, gum bi thu air do neartachadh, a chum a choimhead agus gluasad d'a reir le d' chaithe-beatha gu h-iomlan! Gum bi e na acair aig t-anam anns gach buaireadh, agus na ìocshlaint an àm gach trioblaid! Gun dean a bhi cuimhneachadh air n'is dàine t-achanaichean aig cathair nan gràs, agus am barrachd neairt a thoirt do d' spiorad an àm dealachadh ri d' chorp le làn mhuinghinn gu bheil e a' dol suas chum an Dia ris an d' rinn thu coi-cheangal, a dh' ionnsaidh t-Athar, agus a dh' ionnsaidh an Fhir-shaoraidh ghràsmhoir sin, a choimheadas gu dìleas cùramach gach ni a dh' earbas tu ris fa chomhair an latha sin! 2 Tim. i. 12.

*Eiseamplair air Féin-choisrigeadh, no riaghailt fhollaiseach air ar Co-cheangal ath-nuadhachadh ri Dia.*

"A Iehobhah shiorruidh agus neo-chaochlaidhich! Cruthadair nèamh agus na talmhainn, agus Triath aithridh air aoradh aingle agus dhaoine! Tha mi miannach-

adh le mòr irioslachadh anma, tuiteam sios san àm so a' guidhe gu dùrachdach gun tre-lot thu mo chridhe le mothachadh iomchaidh air do ghlòir nach urrainnear a chuir an céill no a thuigsinn !

"'S ceart a dh-fhaodas geilt chrith mo ghlacadh, Iob xxi. 6., an uair a ghabhainse, cnuimh pheacach de dhànadas mo cheann a thogail suas riut, de dhànadas mi-fein a thaisbeanadh am fianuis do mhòrachd air a leithid so de dh-àm. Co mìse, O Thighearna Dhia, no ciod e teaghlach m' athar ? 2 Sam. xviii. 18., ciod e mo nàdur no mo bhreith, mo chliù no mo thoiltinneas, gun labhrainn m' an *ni* so, agus gu 'm miannaichinn a bhi am phàirtidh ann an Co-cheangal, far an tusa, Rìgh nan rìgh agus Tighearna nan tighearnan a phàirtidh eile ? Tha rughadh gruaidh agus nàir orm ainmeachadh a' d' lathair. Ach, O Thighearna, 's mòr do mhòrdhachd, 's amhuil a tha do throcair. Ma dheonaicheas tu co-chomunn a chumail ri aon sam bith do d' chreutairibh, 's eigin do d' nàdur àrd cromadh sìos anabharra iosal. Agus tha fios agam, gu bheil thu, ann agus trid Iosa mac do ghràidh a'g aontachadh peacaich thruaillidh fhiosrachadh, agus a' ceadachadh dhoibh teachd a' t' ionnsuidh, agus innsrinn an Co-cheangal riutsa ; cha 'n e a mhain sin, ach 's fiosrach mi gur tu fein a dhealbh an t-innleachd ; agus gun do thairg thu gu càirdeil dhuinne e ; oir cha b' urrainn aon neach gun bhi air a theagasg leatsa na dhealbh, no idir gabhail ris an uair a rachadh a thairgse.

"'S ann a' t' ionnsaidhs' a nis a tha mi teachd air mo chuireadh tre ainm do Mhic, 's a'g earbs' a fhireanntachd agus as a ghràs. Gam' irioslachadh féin aig do chasan le nàir agus le rughadh gruaidhe, agus a' bualadh m'uchd, ag ràdh, leis a Chìs-mhaor iriosal, a Dhia dean trocair ormsa ta m' pheacach ! Luc. xviii. 13. Tha mi 'g aideachadh, O Dhia, gun robh mi a' m' chiontach mòr. Ràinig mo pheacannan suas gu nèamh, Taisb. xviii. 5., agus thogadh suas m' euceartan gus na speuraibh, Ier. li. 9. Dh' oibrich ann tograidh mo nàduir thruaillidh air iomadh mìle doigh anntromaichte, a thoirt amach toradh a chum bàis. Agus nam biodh tu geurtheann a chomharrachadh mo chionta, b' eigin domh a bhi a' m' thosd fo uallach peacaidh, agus air ball dol fodha 'an leir-sgrios. Ach dheonaich thu cuireadh

gràsmhor a thoirt domh pilleadh a' t' ionnsuidh, ged' a bha mi mar chaora sheachranaich, mar mhac stròghail, agus a'm leanabh cùl-sleumhnach, Ier. iii. 22. Feuch uime sin, tha mi air teachd, a' t' ionnsaidh. Tha mi air teach cha 'n e a mhain, le mothachadh air mo pheacadh, ach air m' amaideachd cuideachd. Tha mi a' teachd le lan rùn mo chridhe, a' gabhail nàire dhiom féin, agus ga aideachadh le treibhdhireas agus irioslachd m' anma, gun d' rinn mi gu h-amaideach, agus chaidh mi ar seacharan gu ro mhor, 2 Sam. xxvi. 21. Tha mi fo amhladh le bhi cuimhneachadh air na nithibh sin: Ach bi thusa trocaireach do m' euceartaibh, agus na cuimhnich mo pheacannan agus m' aingidheachd a' m' aghaidh! Eabh. viii. 12. Ceadaich dhomh, O Thighearna, na cumhachdan agus na ceudfaithean, a thug mi gu neo-thaingeil agus gu naomha air falbh o' d' sheirbhis, a thoirt a rithist air an ais; agus tha mi 'guidhe ort gabhail ri d' chreutair bochd ceannaircach, aig a bheil a nis mothachadh air do chòir air, 's nach 'eil cho dèigheil air aon ni sa' bheatha so 'sa tha e air bhi leatsa!

" A Dhé bheannaichte, 's ann leis an dùrachd is mò a tha mi g' am thoirt féin suas duit san àm so. Eisd O nèamha, agus cluinn, O thalaimh; Rinn mi roghainn an diugh do 'n Tighearna, gu bhi na Dhia agam, Deut. xxvi. 17.; agus tha mi 'g aideachadh air an latha 'n diugh gu bheil mi a' m' aon d'a chloinn agus d'a shluagh an co-cheangal ris. Cluinn O Dhia nèimhe, agus sgriobh e a' d' leobhar cuimhne, Mal. ii. 16., gum bheil mi leatsa as so suas, leatsa gu h-iomlan. Cha 'n e gun coisrigein duit cuid do m' cheudfaithean, no earrann do m' mhaoin; no cuid àraidh a thoirt duit do m' sheirbhis, no a mheud 's a's urrainn domh car ùine shonraichte; ach bithidh mi gu h-iomlan leatsa, agus leatsa gu siorruidh. O'n latha so, tha mi gu follaiseach a' cuir cùl ris na tighearnan eile aig an robh ceannas orm, Isa. xxvi. 13., eadhon gach peacadh agus ana-miann; agus tha mi a' toirt dùlan do chumhachdaibh ifrinn, aig an robh ceannas air m' anam, agus do gach truaillidheachd a thug iad trid buairidh a steach ann. Tha mi toirt suas duit an diugh dealbh mo nàduir eile, ceudfaithean m' inntinn, agus uile bhuill mo chuirp, mar bheo-iobairt, naomha agus thaitneach do Dhia, ni a tha fios agam gur e mo sheirbhis reusonta, Rom. xii. 1. Tha mi a toirt thairis

duit gach ni a tha mi a' sealbhachadh: Tha mi miannachadh a chuid a tha romham do 'm bheatha a bhuileachadh a' d' sheirbhis, agus tha mi 'guidhe ort gun seol agus gum cuir thu ann am aire, co dhiubh a bhitheas mo shaoghal fada no gearr, gum bi gach aon àm dheth air a chosg air a mhodh is ro eifeachdaich chum urram a thoirt duitse, agus is fearr a fhreagras do rùin do fhreasdail ghràsmhoir. Agus tha mi a' guidhe gu ro-dhùrachdach, ge b'e comas no cumhachd a bheir thu dhomh os-ceann dhaoin eile, an aon sam bith do staid àrd na beatha ann sam faod mi bhi, no a thaobh aon mheas sonraicht' a chuirear orm, gun tugadh tu dhomh neart agus misneach chum mi-féin a chuir gu m' dhùlan air son do ghloir: A cuir romham nach e a mhain gun dean mi-féin, ach gun dean mi daoin eile, cho fad 's a's urrainn dhomhsa gu reusonta impidh a chuir orra, seirbhis do 'n Tighearna, Ios. xxiv. 15. Ga m' ghiulan féin air an doigh so, O Dhe bheannaichte, b' àill leam buannachadh gu seasach daingean gu latha mo chrìche; a' guidhe gu dùrachdach gum faod gach latha dheth mar thig barrachd a thoirt ann an deagh bheus air an latha a chaidh seachad trid còmhnadh gràis Dé.

" Cha 'n e a mhain gu bheil mi ga m' choisrigeadh féin agus gach ni a ta agam a chum do sheirbhis; ach tha mi mar an ceudna gu ro iriosal a' toirt thairis agus a strìochda do d' thoil naomh àrd-nachdranaich, mi-féin, agus gach ni is leam. Tha mi a' fagail, O Dhia, gach ni a ta mi 'sealbhachadh, agus bu mhiann leam gu bhi air a stiùradh agus air òrduchadh leatsa; agus gach ni a tha mi a mealtuinn, gu dheanamh ris mar is àil leat, aon chuid a bhuannachadh dhomh, no a thoirt uam, na bhuilich tha orm, no diult, an ni a shaoileas mis a b' fheairrd mi, mar a chì thus, a Dhia iomchaidh! agus ged nach eil do dhànadas agam a ràdh, nach dean mi gearan; gidheadh tha dòchas agum gum faod mi a ràdh, nach e gun saoithrich mi gu strìochda, ach a bhi toilichte; ni h-e a mhain fhulang aon trioblaid is deonach leat a chuir a' m' charamh, ach co-aontachadh leis, agus cliù a thoirt duits air a shon; a cuir romham anns gach ni a dh-òrdaicheas tu dhomh, gun mo thoilse ach do thoilse gun robh deanta; ga m' mheas fein mar neoni, agus ga d' mheas-sa, O Dhia, mar an t-aon Mhath mòr agus siorruidh, bu chòir do t' fhocal gach ni a

rùnachadh, agus do Riaghladh a bhi na aoibhneas do'n chinne-daonna gu h-iomlan.

" O Dhia, tha mi 'guidhe ort gu 'n gnàthaich thu mi, mar inneal a chum do ghloir' agus do chliù, aon chuid le dheanamh no fhulang na dh' òrdnicheas tusa dhomh, chum do ghloir féin, no chum math an t-saoghail sa bheil mo chòmhnuidh ! agus gu ma deònach leat o'n latha so m' àireamh 'am measg do phobuil shonraichte, chum 's nach bi mi ni 's mò am choigreach agus am choimheach, ach a' m' fhear aon bhaile ris na naoimh, agus am muinntir teaglaich Dhé ! Eph. iii. 19. Gabh, O Athair nèamhaidh, ri d' strùighear aithreachail ! ionnuil mi am fuil do Mhic ghràdhaich ; sgeudaich mi le fhìreantachd iomlan ; agus naomhaich mi trid cumhachd do spioraid ! cuir as, guidheam ort, ni's mò agus ni's mo do chumhachd a pheacaidh ann am anam ! cruthatharraich mi ni 's mò chum t-iomhaigh féin, agus dealbh mi gu bhi cosmhuil ri Criosd, a mheasas mi as so suas mar m' Fhear-teagaisg agus m' iobairt, m' Fhear-eadarghuidh agus m' Fhear-saoruidh ! Rùn-phairtich rium, tha mi a' guidhe ort, gach cumhachd feumail o' d' spiorad glanaidh, shuilbhearraich, agus tog orm solus sòlasach sin do ghnùise, a chuireas an t-aoibhneas agus an gàirdeachas is mo ann am anam ? Salm iv. 6, 7.

" Cuir mo gnothaichean anns an riaghailt, O Dhia, is ro fhreagarraiche chum do ghlòir-sa agus m' fhior shonas féin ; agus an uair a ni agus a ghiulaineas mi do thoil a bhos an so air thalamh, gairm mi as, ge b'e uair, no doigh air an deonach leat : Ach deonaich a mhain, an uair a bhios mi gu dol eug, agus 'an dlù shealladh air siorruidheachd, gum faod mi mo cho-cheangal an dràdsa riutsa a chuimhneachadh, agus an deò ma dheireadh a bhuileachadh a' d' sheirbhis ! Agus deonaich, O Thigh-earna an uair a bhios mis a' toirt suas an deò, gun cuimhnich thusa mar an ceudna an co-cheangal so, eadhon ged nach bi mise comasach air sin a dheanamh ! Seall a nuas, O Athair nèamhaidh le sùil throcair air do dhuine cloinne lag a' dol éug ; cuir do ghàirdeanan siorruidh m'am thimchioll a chum mo chòmhnadh, builich neart agus muinghinn air mo spiorad ata ri dealachadh ri m' chorp ; agus gabh ris an glacaibh do ghràidh ! dean a bheatha do dh-ionad comhnaidh na muinntreach a chaidil an Iosa, 1 Tes. iv. 14, a dh' fheitheamh maille riusan

ris an latha ghlòirmhor sin, a choilionar do ghealladh deireannach dhoibhsan a tha an coi-cheangal rint, nan aiseirigh bhuadhar, trid na slighe shaibhir sin, a theid a fhrithealadh dhoibh do 'n rìoghachd shiorruidh, 2 Pead. i. 22, air an tug thu dearbh-chinnte dhoibh le d' cho-cheangal, agus an dòchas ris tha mi nis a gabhail greim air, a miannachadh a bhi beo agus bàs fhaighinn, mar le m' laimh air an dòchas sin?

"'S an uair a bhios mis air m' àireamh am measg nam marbh, 's a bhios gnothaichean an t-saoghail-so thairis leam, ma dh-éireas do 'n chuimhneachan dhùrachdach so tuiteam 'an lamhaibh a h-aon de m' chàirdean, deonaich gum bi e na mheadhon air drùghadh air an inntinn! deonaich dhoibh a leughadh 's a ghabhail cha 'n ann mar mo chainntse, ach mar am briathran féin; agus gum foghlum iad eagal an Tighearna mo Dhé a bhi orra, agus gun cuir iad leamsa an earbsa fo sgàil a sgiathan car ùine agus gu siorruidh! agus deonaich dhoibh leamsa cuideachd, mòr mheas a bhi againn air a ghràs sin, a tha 'g aomadh ar cridheachan gu inndrinn a staigh do 'n cho-cheangal, 's a co' aontachadh gu 'r gabhail a staigh an uair a bhios sinn toileach, a' cur as leth, (leamsa, agus leis gach cinneach a shaoradh,) an Athar, a Mhic, agus an Spioraid Naoimh, a ghloir, an t-urram, agus a chliù, a tha cho dligheach do gach pearsa do 'n Trionaid, air son na h-earrainn a ghabh iad os-laimh san obair luachmhor so! *Amen.*"

*Air an sonsan a mheasas an riaghailt so tuilleadh is fada ri bhi air a sgriobhadh, air iarrtas caraid àraidh chuir mi sios an riaghailt aithghearr so a leanas, agus bu chòir an aire dhùrachdach a thoirt do gach earrann deth, m'an cuirear an gniomh e; agus aon fhocal nach 'eil a còrdadh ri d' staid atharrachadh, chum 's gun co-aontaich an cridhe leis an iomlan.*

"A Dhia shiorruidh agus uile bheannaichte! Tha mi miannachadh tighinn a' d' làthair, le trom irioslachd anma, fo mhothachadh air cho neo-aithrigh sa tha mo leithidse de chnuimh pheacaich, air teachd 'an làthair Uachdaran naomha nèimh, Rìgh nan rìgh agus Tighearna nan tighearn; agus gu h-àraidh air gnothach mar so,

eadhon gu inntrinn 'an Co-cheangal riutsa. Ach 's tu féin a dhealbh an t-innleachd. Thairg do cho-aontachadh neo-chriochnach e trid do Mhic, agus dh-aom do ghràs mo chridhe gu gabhail ris.

" Tha mis' air an aobhar sin a' teachd, a 'g aideachadh gu bheil mi ro chiontach, a' bualadh air m' uchd agus ag ràdh, leis a chìs-mhaor iriosal, a Dhé dean trocair ormsa a ta m' pheacach ! Tha mi tighinn air cuireadh 'an ainm do Mhic, a'g earbs' as fhìreantachd iomlan-san ; a'g aslachadh, air a sgàthsan gu'm bi thu tròcaireach do m' neo-fhìreantachd, agus nach cuimhnich thu mo pheacaidh ni's mò. Gabh air ais, guidheam ort, do chreutair ceannaireach, aig am bheil a nis mothachadh air do chòir air, 's nach eil cho déigheil air aon ni 'sa tha e air bhi leatsa.

" Tha mi air an latha an diugh, leis an dùrachd is mò, ga m' thoirt féin suas dutsa. Tha mi cuir cùl ris gach Tighearn aig an robh roimh so ceannas orm ; agus tha mi ga m' chaisrigeadh féin agus gach nì a ta agam dhuit ; ceudfaith m' inntinn, builI mo chuirp, mo mhaoin shaoghalta, m' ùine, agus mo chumhachd os-ceann dhaoin' eile ; gu bhi air an gnàthachadh gu h-iomlan chum do ghlòire ; agus gu dian deothasach a' toirt ùmhlachd do t' àitheantaibh, am fad 's a bhuanaicheas tu mo bheatha, le dian thogradh agus rùn-suidhichte gu buanachadh leatsa fad uile linnibh neo-chriochnach na siorruidheachd : Ga m' chumail féin a ghnà deas gu bhi ullamh le eud agus gàirdeachas a chuir do thoil 'an gniomh, cho luath 's a nìtear aithnichte dhomh e.

" Tha mi ga 'm striochda féin, agus gach nì a ta agam gu bhi air ar stiùradh leat, air an doigh a mheasas do bhuan ghliocas a bhi freagarrach a chum do ghlòire. Tha mi fàgail riaghladh gach cùis' an earbsa riutsa, agus ag ràdh gun choigleadh, ni h-e mo thoilse, ach do thoilse gun robh deanta ! a' deanamh gàirdeachas le cridhe dìleas ri t' uachdranachd neo-chriochnach, mar nì bu chòir mòr thlachd a thoirt do 'n iomlan do 'n chruthachadh reusonta.

" Gnàthaich mi, O Thighearna, guidheam ort, mar inneal a chum do sheirbhis ! Aireamh mi am measg do shluaigh shonraichte ! O deonaich dhomh bhi air m' ionnlad 'am fuil do Mhic ghràdhaich ! A bhi air mo sgeudachadh le fhìreantachd ! Air mo naomhachadh

le spiorad! Cruth-atharraich mi ni's mò agus ni's mò a chum ìomhaigh! Co-roinn rium, d'a thrid-san, gach drùghadh feumail o' d' spiorad glanaidh, shuilbhearraich, agus shòlasaich! Agus deònaich air dhomh mo bheatha a chaitheadh fo na tograidh sin, agus ann an solus sòlasach do ghnùis ghràsmhoir ma m' Athair agus mo Dhia!

"Agus an uair a thig uair uamhannaich a bhàis, deonaich gun cuimhnich mi an co-cheangal so, air a shuidheachadh anns gach nì agus cinnteach, oir 's e so mo shlainte uile, agus mo mhiann uile, 2 Sam. xxiii. 5, ged' a tha gach dòchas agus gach ni eil, a tha mi mealtainn buailteach do dhol am mugha! Agus O Dhia, cuimhnich thus' e cuideachd? Amhairc a nuas le h-iochd, O Thighearna, air do dhuine cloinne lag, aig uair a bhàis! Gabh rium a' d' glacaibh siorruidh! Cuir neart agus muinghinn 'a m' spiorad a tha gu dealachadh ri m' chorp! agus gabh a stigh e do dh-àros na muinntreach a chaidil 'an Iosa, gu sìochail, aoibhneach a dh' fheitheamh co-lionadh do gheallaidh do d' phobull uile, aiseirigh ghloir-mhor, agus sonas neo-chriochnach a' d' làthaireachd nèamhaidh-se! Agus an deigh dhomhsa bhi cnàmh anns an ùir, ma tharlas e gum faigh caraid sam bith greim air a chuimhneachan so air mi dheanamh co-cheangal soilleir riutsa, deonaich gun dean e a shamhuil as a leth féin; agus deonaich gu 'n gabh thu a steach e chum co-pairt dheth uile shochairibh do cho-cheangail trid Iosa Criosd Ard Eadar-mheadhonair; gan robh maille riutsa, O Athair, agus a Spioraid Naoimh, cliù siorruidh air a chuir as 'ur leth leis a mhòr cho-thional a shaorar leat, agus leis na spioradaibh nèamhaidh sin, chum a' bheil thu g' an gairm gu co-roinn a ghabhail nan obair agus nan sochairibh! *Amen.*"

## CAIB. XVIII.

*Mu inndrinn an Co-chomunn na h-Eaglais, le frithealadh air Suipeir an Tighearna.*

1. Tha dòchas agam gum faigh an caibidil so thu le d' shaor thoil fhollaiseich féin air deanamh co-cheangal ri Dia, air do thoirt féin suas gu toileach dùrachdach do sheirbhis Dé; agus 's e mo ghuidhe dùrachdach gum bi

an coi-cheangal so a rinn thu air thalamh air a dhaighneachadh air nèamh. Acha chum am barrachd fiosrachaidh agus tairbhe a thoirt duit, ceadaich dhomh a chuir a' d' chuimhne gun d' òrdaich ar Tighearn Iosa Criosd, doigh shonraichte chum ar gràdh dha a nochdadh ; agus a chum ar co-cheangal ris ath-nuadhachadh ; doigh ged nach eil e a' toirmeasg seol sam bith iomchaidh eile air a dheanamh, nach fhaodar air aon chor a chuir a thaobh, no a dhearmad, air son aon doigh eile a thùr daoine, ge b'e sam bith am feumalachd 'nar barailne.

2. Dh' òrduich ar Tighearna gu glic iomchaidh, gu 'm biodh sochairean co-chomuinn air an toirt a steach do dhiadhachd; mar tha trid iarrtais-san luchd-aidmheil a chreideimh Chriosduidh a' co-chruinneachadh an ceann a chéile, chum aoradh follaiseach eile, 's amhuil bu deonach leis òrdugh co-chomuinn a shocrachadh, anns am bheil làn cho-thional diubh ri teachd a chum a bhùird, a dh' ithe de 'n aon aran agus a dh' òl de 'n aon chùpan. Agus tha iad mar so r'a dheanamh, mar chuimhneachan càirdeil air a ghràdh dhoibh, air iad féin a thoirt suas gu dùrachdach follaiseach do Dhia, agus air an gràdh treibhdhireach d'a chéile, agus d' an co-Chriosduidhean uile.

3. Gur h-iad sin rùin àraidh Suipeir an Tighearna, cha 'n fhuirich mi san àm so r'a shoillearachadh gu h-iomlan. Fòghnaidh dhiubh a leughadh na sgrìobh an t-Abstol Pòl anns an deicheamh agus san aon-chaibidil deug d'a cheud litir a chum nan Corintianach, a thoirt mothachadh iomchaidh dhuibh air a chùis so. Tha e 'an sin gu soilleir ag innse dhuibh, gun d' òrduich ar Tighearn' an t-aran ithe agus am fion òl, 1 Cor. xi. 24, 25. mar chuimhneachan air-san ; ionnus cho minig 's a tha sinn ri co'-roinn a ghabhail de 'n òrdugh so, tha sinn a foillseachadh bàis ar Tighearna, ni tha sinn r'a dheanamh gus an tig e, 1 Cor. xi. 26. Agus tha e gu sonraicht air a ràdh gur e an cupan an Tiomna Nuadh 'na fhuilsan ; rann. 25, se sin gur e glas no seul a cho-cheangail sin a bha air a dhaighneachadh trid fhala. A nis, do thaobh sin, tha e soilleir, gu bheil sinn ri teachd d'a ionnsaidh le beachd-shealladh air a cho-cheangal sin, a' miannachadh a shochairean, agus a' cuir romhainn trid gràs Dhé co'-aontachadh le iarrtasan. A thaobh an iomlain uime sin, mar tha 'n t-Abstol a labhairt, tha co-chomunn de chorp agus de dh-fhuil Chriosd againn,

1 Cor. x. 16. agus le co-roinn a bhi againn d'a bhòrd agus d'a chupan, tha sinn a' conaltradh ri Criosd, agus g' ar ceangal féin ris mar a shluagh; mar bha aig na cinnich le gisreagan an iodhail-aoraidh, co-chomunn r'an diathaibh féin, agus iad gan dlù-cheangal riutha; agus bha na h-Iudhaich, le 'n iobairtean ithe, a' cumail comhnaltraidh ri Iehobhah, agus gan dlù-cheangal féin ris. Osbarr, tha e 'cuir nan cuimhne, ged' a bha iad lionmhor, gu 'm b' aon aran agus aon chorp iad, air dhoibh co-pairt a bhi aca uile de 'n aon aran, 1 Cor. x. 17. agus thugadh oirn uile òl chum aon spioraid, 1 Cor. xiii. 13. 's e sin cruinneachadh r'a chéile mar nach biodh ann ach aon teaghlach, agus gan ceangal féin chum cuimhne chumail air an aon fhuil sin bu luach-saoraidh coitcheann dhoibh, agus air an Tighearn Iosa an ceannard coitcheann. Tha e nis dearbh-shoilleir gu bheil na reusoin sin r'an gabhail le Criosduidhean o linn gu linn. Ceadaichibh dhomh uime sin, trid ùghadarras ar Mhaighstir dhiadhaidh, earalachadh oirbh an àithne so a choimhead.

4. Agus leig leam an tuille earail a dheanamh air, o'n t-samhla shoilleir a ta aige a mheudachaidh t' fhior shonais. Tha thu a' tionnsgnadh air beatha a Chriosduidh; agus chuir mis a' d' chuimhn' am bacadh anns a chùis ris an ion sùil a bhi agad. 'S e gràdh do Chriosd is eigin do bheothachadh gu dol tre 'n iomlan. Ciod ma ta is ion-mhiannaichte, na mothachadh beothail uime a ghiulan mu d' thimchioll! agus ciod is mò a dh' fhaodas am mothachadh sin a dhùsgadh suas, na bhi a' cuimhneachadh air a bhàs a ta 'an sin air a nochdadh? Co a dh' fhaodas amharc air an aran air a bhristeadh, agus am fion air a thaomadh a mach agus nach smuainich cionnas a bha corp ar Slànuigheir bheannaichte air a reubadh as a chéile, le fhulangais, agus fhuil naomh a chaidh a dhortadh mar uisge air an talamh? Co is urrainn smuaineachadh air a chràdh cridhe a dh'fhuilig Mac Dhé, mar luach ar saoraidh, agus ar slainte, a's nach mothaich anam a leaghadh le caomhalachd, a' lasadh le taingealachd chàirdeil? Ciod an t-àrd bheachdshealladh a bheir e dhuinn air beannachdan co-cheangail an t-soisgeil, an uair a bheir sinn fainear e air a dhaighneachadh am fuil aon ghin Mhic Dhé? Agus an uair a thig sinn a chum Dhé mar a n-Athair nèamhaidh, 's a bheir

sinn sinn féin suas a chum a sheirbhis air an doigh fhollaisich so, nach mòr a ni e chum an geur-mhothachadh a dhaighneachadh nach eil sinn leinn fein, do bhri gun do cheannaicheadh sin le shamhuil so de luach ? 1 Cor. vi. 19, 20. Ciod a bhuaidh a tha air, chum ar cuir air ar faicill an aghaidh gach buairidh a chum nam peacaidh sin, ris an do chuir sinn cho follaiseach cùl, 's an do gheall sinn bhi dìleas dhàsan ris an do cheangail sinn ar n-anmaibh mar le mionnaibh ? 'S math is còir d' ur cridheachan bhi an dlù-cheangal r'a chéile an gràdh, Col. ii. 2. an uair a bheir sinn sinn féin fainear mar aon ann an Criosd, Gal. iii. 28. 'S i fhuil san liunn-tàdh a cho-chomuinn, 'gar ceangal an spiorad, ni h-e àmhain r'a chéile, ach riusan anns gach àite a tha 'gairm air ainm Iosa Criosd ar Tighearna, agus an Tighearna-san, 1 Cor. i. 2. Agus tha sinn a' gabhail beachd ro-laimh le dòchas taitneach, air an latha bheannaichte sin, a bhios an lan-choithional iomlan 's a bhios sinn uile gu siorruidh maille ris an Tighearna, 1 Tes. iv. 17. 'S math is còir do na bheachd-smuaintibh sin ar ceangal a chum sinn féin àicheadh, agus ar crann-ceusaidh a thogail chum ar Maighstir ceusda a leantainn, Mat. xvi. 24. 'S math is còir dha a thoirt oirn ar dicheall a dheanamh, le ùrnuigh agus leis gach ionnsaidh iomchuidh eile, gu feum a dheanamh d'a luchd-leanmhuinn agus d'a chàirdibh; a dheanamh seirbhis dhoibhsan a cheannaich e le fhuil, agus a bhios nan companaich dhàsan agus dhuinne 'an glòir siorruidheachd shona.

5. 'S e mar an ceudna òrdugh agus àithne shoilleir ar Fir-shaoraidh bheannaichte, gum biodh buill an samhail sin de chomunn gu caomhail, iomaguineach mu leas spioradail a chéile. Agus gu'm biodh eaglais air a coimhead fior-ghlan agus naomha, agus "gun dealaicheadh siad iad féin bho gach bràthair a ta gluasad gu mi-riaghailteach," 2 Tes. iii. 6. Agus gu'n "comh-arraicheadh iad iadsan a tha togail aimhreite no tuaileis nam measg, an aghaidh an teagaisg a dh'-fhoghlum sibh, agus an seachnadh, Rom. xvi. 17. chum 's ma tha neach sam bith nach toir ùmhlachd do fhocal Chriosd, trid Abstoil, nach biodh comhluadar agaibh ris, chum gu 'm biodh nàir air, 2 Tes. iii. 14. nach itheadh iad maille riusan a tha ro mhi-riaghailteach nan giulan, ach gun cuireadh iad air falbh uapa an samhuil sin de dhroch

dhaoine, 1 Cor. v. 11, 13. Tha e uime sin làn-shoilleir, gu bheil an leithid sin de chomunn gu mor mheas na creideamh Criosduidh, agus chum buannachd a luchd-aidmheil. Agus do thaobh sin, tha gach umhlachd dligheach d' ar Tighearna, agus ar suim eagnaidh d'ar buannachd fein agus d'ar co-bhràithribh, a'g iarraidh, gun inndrinn iadsan a ta gràdhachadh ar Tighearn Iosa Criosd an treibh-dhireas annta, agus gun cruinnich siad iad fein nam measg 'an àm gabhail a chomunaich gu follaiseach dùrachdach aig a bhòrd.

6. Tha mi guidhe ort, uime sin, 'na ainm agus na ùghdarras, nach bi aithne so ar Tighearna dhuit 'an diomhanas, ach ma tha thu d'a rìreadh ga ghràdhachadh, gu 'n coimhead thu so, cho math ris a chuid eile da' àitheanta. Tha fios agam gum bi thu ullamh gu cuir 'an aghaidh so. 'S i a cheist mhòr, a bhuineas ri thu bhi deas no uidheamaichte gu teachd air mhodh iomchaidh a chum a bhuird naomha. Agus mar thuille ris na labhradh roimh, saoilidh mi gum faodar a thoirt gu crich 'am beag cainnte. An robh thu, cho fad 's a's aithne dhuit do chridhe fein, treibh-dhireach anns an striochdadh a rinn thu dhiot fein do Dhia trid Chriosd, a mhol mi dhuit sa chaibidil roimh so? Ma bha (co dhiubh is anu no nach ann a reir na riaghailt a dh' ainmich mi) ghabh thu greim do 'n chumhnanta, air an aobhar sin tha còir agad air a sheula. Agus cha 'n 'eil, agus cha 'n urrainnear sealladh sam bi eil' a ghabhail air an òrdugh, ris am faod thu cuir na aghaidh. Ma tha toil agad cuimhn' a chumail air bàs Chriosd, ma tha toil agad an caisrigeadh a rinn thu dhiot fein do Dhia trid-san athnuadhachadh, nam b' àill leat fastadh a chuir ort fein am measg a shluaigh, ma ghràdhaicheas tu iad, agus gun dean thu math dhoibh a réir do chomais; agus nach ceadaich thu dhuit fein buanachadh an cuir aon pheacaidh 'an gniomh le t' fhios, no dearmad a dheanamh air aon dleasannas air am fiosrach thu, an sin gabhaidh mi do dhanadas muinghinneach gu a ràdh, nach e amhain gur e do bheatha chum an òrdugh so, ach gur h-ann air son do leithids' a chaidh òrduchadh.

7. Thaobh aon ni eile a dh' fhaodas tu a ràdh na aghaidh, ni beagan cainnt a chunnuil a shàsachadh. Tha laigsinn an tograidh chràbhaich a' t' anam, ma tha e idir air a shuidheachadh ann, cho fad o bhi na reuson an agh-

aidh thu dh-iarraidh a leithid so de mheadhon a chum a neartachadh, 's gur h-ann a tha e gu laidir a'g earail cho feumail 'sa tha e dheanamh. Bu choir do 'n dearmad, a tha air a dheanamh air an òrdugh so, le mòran a tha 'g ràdh Criosduidhean riu fein,do bhrosnachadh chum t-eud naomh a nochdadh da ordugh, a tha cho mòr air a dhearmad, agus na h-urrad thàir' air a dheanamh air.— Agus air son eagail do chionta anntromachadh ma dh-éireas duit cùl-sleamhnachadh, na toir misneach sam bith dhoibh. Faodaidh so, trid beannachadh Dhé, a bhi na mheadhon éifeachdach an aghaidh an uile roi 'n robh eagal agad; agus tha e dearbh-chinnteach, an deigh na tha fios agad, agus na mhothaich thu cheana, m'an tainig thu chum na staide sam bheil thu, nach eil ceannfath sam bith agad gu dol air t-ais; cha 'n 'eil, eadhon dòchas a bhi agad a bhi ni 's lugha truaighe no a chuid is paillte dhiubh-san i chaidh am mugha. 'S e do ghnothach ma ta, do shlainte a dheanamh cho cinnteach agus cho glòir-mhor 's a's urrainn duit: Agus cha 'n aithne dhomh aon ni a dh' òrduich ar Fear-saoraidh beannaichte, is dàcha cuid-eachadh a dheanamh chum na criche bheannaichte sin na so a ta mi a' cliùthachadh dhuit.

8. 'S e aon ni a dh' fheumas tachairt, agus cha 'n fhaic mi cia mar gheibh thu a dhiultadh. 'S e sin, gun smuain-ich thu air a chùis so le mòr dhurachd; gun rannsaich thu gu dicheallach, " co dhiubh tha reuson aig do choguis a chreidsinn, an e no nach e toil Dé thu a thighinn a dh-ionnsaidh an òrduigh so? Agus gur còir buanachadh ri d' smuaintean, ri d' rannsachadh, agus ri t' ùrnuighean, gus am faigh thu 'm barrachd misnich gu teachd air t-aghaidh, ma tha sin fhathasd a dh' easbhaidh ort. Oir biodh dearbh-chinnt agad air so, gu bheil thu bhi neo-iomchaidh gu teachd chum bùird an Tighearna, na staid a tha 'n t-ullachadh feumail air son bàis agus fhlaitheis a dh' uireasbhaidh ort; agus mar b' àill leat a cheadach-adh dhuit fein cadal air bruaich leir-sgrios, cha chòir dhuit urrad agus fois aon latha a ghabhail.

*Urnuigh airson neach a tha ro dhéigheil air teachd gu bòrd an Tighearna, ach aig a bheil càileigin de theag-amh mu thimchioll a chòir air an òrdugh naomha sin.*

" A Dhia bheannaichte, tha mi a' moladh t'òrduighean glic agus gràsmhor, chum tairbhe t-eaglais 'an naomhachd

agus 'an gràdh. Tha mi a' toirt buidheachais duit gun d' àithn thu do t-òghlaichibh, iad fein a dhealbh nam buidhnibh; agus tha mi a toirt cliù do m' Shlànuighear, a dh' òrduich, mar gu 'm b' ann, leis an deo mu dheireadh cuirm naomh a Shuipearach, chum a bhi na chuimhneachan air a ghràdh leis an deachaidh e gu bàs, agus na cheangal air an aonachd sin bu deonach leis gun coimheadadh a shluagh. Tha dòchas agam, O Dhia, gu bheil thusa fianaiseach air an dùrachd leis a' bheil a rùn orm mi-fein a thoirt suas duit; agus gu 'm faod mi do ghairm mar fhianuis air m' anam, ma tha mi nis san iom-chomhairle mu thimchioll na ceart doigh air an dean mi e, nach ann a chionn gun ceadaich mi dhomh-fein aon dheth t-àitheantaibh a bhriseadh, no tair' a dheanamh air aon air bith do d' shochairibh. Tha mi fiosrach gu bheil thu mothachail, gur ann amhainn a tha 'n dàil so a' sruthadh o m' aineolas air mo dhleasannas, agus o' m' eagal air mi-fheum a dheanamh do nithibh naomha le mi theachd gu mi-iomchaidh a chum do bhùird naomha. Gidheadh gu cinnteach, O Thighearna, ma bhuilich thu orm meas air t-àithne, déigh air co-chomunn riut, agus toil gu mi-fein a thoirt suas chum do sheirbhis, faodaidh mi a mheas mar chomharr air math gu bheil thu deonachadh gabhail rium, agus nach eil mi tur mi-iomchaidh air son an òrduigh air a bheil na h-urrad mheas agus dheigh agam. Tha mi uime sin ag aslachadh gu h-iriosal ort, O Dhé, gum bu deonach leat air an latha 'n diugh mo sheoladh a' m' dhleasannas, agus mo theagasg mu 'n t-slighe air an còir dhomh gluasad! Rannsaich mi, O Dhé, agus dearbh mi, rannsaich m' àirnean agus mo chridhe! Salm xxvi. 3. Am bheil peacadh diomhair sam bith gam bu mhath leam caidreamh a thoirt? Am bu mhiann leam buanachadh an easumhlachd a thoirt do dh' aon air bith dheth t-aithintibh? Tha dòchas agam gum faod mi a chùis a leigeadh gu d' bhreth fein, nach 'eil. Na ceadaich dhomh uime sin dochair a dheanamh air m' anam fein, le fuireach o' d' bhòrd naomha gun cheannfath iomchaidh! Ach deonaich, O Thighearna, guidheam ort, gun co-aontaich t-fhocal, do fhreasdal, agus do spiorad chum mo shlighe a dheanamh réidh! Gnath. xv. 19. Sgap air falbh am fuigheall an-amharuis a th' annam, mar eil thu faicinn nach eil ceannfath air! Lion mi le creideamh is dearbhchinntiche, le gràdh is deothasaiche; agus tagair do chùis

fein ri m' chridhe, air mhodh nach ceadaich dhomh tuille dàlach a chuir a' m' theachd air m' aghaidh, ni is e mo dhleasannas agus mo chòir, ma tha mi gun teagamh a' m' òglach dhuitse! Deonaich nach bi e uair' air bith as m' aire; ach gun dean mi am barrachd dicheill, chums ma tha mi fhathast an teagamh sam bith m' an chùis, gun cuir thu as an teagamh mi, le bhi ni 's faicilliche chum gach ni a sheachnadh a bhios neo-thaitneach dhuitse, agus dol gu m' dhùlan a chuir mo dhleasannais an gniomh! Gun robh bhi beachd-smuainteach air fulangais Chriosd cho cleachdta do m' inntinn, agus mothachadh air a ghràdh gun choimeas a' co-èigneachadh m' anma, 's gum faod m' fhein-fhiosrachadh a chuir as gach teagamh, gu bheil mi an àireamh na muinntreach do'n deach' a chùirm ghràidh so ullachadh!

"Agus tha mi deonachadh sa' cheart àm so, air bhi dhomh air mo dhlù-cheangal ri t' euglais 'an spiorad agus 'an gradh, ged nach eil mi fhathast cho follaiseach no cho ionmhuinn 's bu mhath leam, a' guidhe gum bi do bheannachadh air do shluagh uile. Gu'm beathaicheadh tu t-oighreachd, agus gun àrdaicheadh tu iad gu bràth! Salm xxviii. 9. Gun robh gach co-chomunn Criosduidh a' fàs 'an eolas, 'an naomhachd, agus 'an gràdh! Gun robh do shagairt air an sgeudachadh le slainte, chum trìdsan gun deanar do shluagh taghta aoibhneach! Salm cxxxii. 16. agus gum meudaichear t-euglaisean anns gach ionad, leo-san a theicheas d' an ionnsaidh, mar cheò, agus mar chalamain a dh' ionnsuidh an ionaidtaimh! Isa. lx. 8. Gun robh do bhòrd, O Thighearna, air a liona le h-aoidhibh, Mat. xxii. 10.; agus abradh gach neach leis an toil do shlainte, gun robh an Tighearna air àrdachadh, aig a' bheil tlachd 'an sonas a sheirbhisich! Salm xxxv. 27. Agus 's e mo ghuidhe dùrachdach, gum bi gach neach a tha 'g aidmheil gun d' fhuair iad an Tighearn Iosa Criosd, cùramach gu gluasad ann, Col. ii. 6.; agus gu 'm bi sinn uile gar nuimeachadh fa-chomhair Ian-chothional nan ceud-ghin, agus co-aontachadh san aoradh sin is ro-luachmhoire, far an cuirear na samhlaidhean agus na faileis sin air cùl; far nach bi feum air na cuimhneachannan sin tuilleadh, ach far am bi Fear-saoraidh beò, do ghnà san làthair na ghairdeachas siorruidh aca-san, aig an robh tlachd sa bheatha so an cumail cuinmhn' air a bhàs! *Amen.*"

## CAIB. XIX.

*Seolaidh àraidh chum gnà cho-chomunn a chumail ri Dia no a bhi 'gluasad na eagal fad an latha.*

1. Tha dòchas agam, le a thoirt fainear gu cùramach, le fein-cheasnachadh, agus le h-ùrnuigh, gu bheil an leughadair air tighinn a nis chum rùn-suidhichte gu teachd a chum buird an Tighearna, chum a bhòidean a nasgadh 'an sin. Baralaichidh mi a nis gu bheil an gnothach cudthromach sin thairis, no gnothach dùrachdach eigin eile leis an tug e fein suas chum seirbhis an Tighearna; agus gur e a tha nis na chùram air cionnas a ghiulaineas e e fein a réir nam bòidean a thug e do Dhia.——'Sa chum am barrachd còmhnadh a dheanamh ris, a thuilleadh air an t-sealladh choitcheann a thug mi air gnè agus giulan a Chriosduidh, cuiridh mi an céill cuid de sheolaidh àraidh, a bhuineas do 'n ghiulan chràbhach, spioradail, agus nèamhaidh a chumail suas, no a bhi 'an eagal Dé re an latha uile. Agus cha 'n aithne dhomh cionnas a dh' fhaodas mi an riaghailt a chum so, dheanamh a chuir sios air doìgh is soilleire agus is so-thuigsinn, na a rinn mi ann an litir a sgriobh mi o cheann ioma bhiadhn' a dh' ionnsaidh òganaich rochràbhach agus diadhaidh, air an robh mi san àm roeolach; agus nach robh beò ach beagan mhìos an deigh dhà a faotuinn, ni a chuir duilichinn air gach neach d'am b'aithne e. Gidheadh tha dòchas agam gun do mhair e beò uine ni bu leoir a chum an riaghailt a thu mi dha a chuir an cleachdadh; agus 's e mo ghuidhe gun dean gach aon leughadair an ni ceudna, cho fad 's a fhreagras iad d' a chomas agus da staid sa bheatha, ga mheas mar air a labhairt ris fein; agus bu mhiann leam gun tuigeadh daoine nach eil mi a' cur so sios mar riaghailt shuidhichte choitcheann do na h-uile dhaoine, no do neach sam bith gach aon àm. Bitheadh iad air an gnàthachadh leosan aig am bheil comas agus cothrom air a dheanamh; 's an uair a nach urrainn duit an deanamh uile, dean na dh' fhaodas tu de 'n chuid is cudthromaiche dhiubh. Le d' chuir air t-fhaicill mar so, théid mi nis air m' aghaidh leis an litir, agus tha dòchas agam nach bi i na h-aobhar mi-mhisnich do 'n Chriosduidh is laige. Deanamaid ar

dìcheall gu toileach sunntach, iriosal, ait, gu bheil againn Athair gràsmhor d' an aithne ar laigsinn uile, agus Ard-shagart a ta cho iochdmhor 's gun cliuthaich e d' ar n-Athair nèamhaidh gabhail gu taitneach ri fann oidhirpean ar dleasannais agus air gràidh threibh-dhirich;

A Charaid ionmhuinn,

1. O'n is deonach leat suim a chomhluadair a bh' agam riut o cheann ghoirid fhaotuinn ann an sgrìobhadh, eadhon, "Ciod an doigh 'nar giulan lathail is fearr a dh' fhaodar beatha chràbhach agus fheumail a chumail suas agus a ghleidheadh? Tha mi cuir mu thimchioll na thuirt mi riut san am sin a chuir sios, gu ro-thogarrach; an dòchas gun dean e caileigin de chòmhnadh riut sna gnothaichean is cudthromaich a dh' fhaodas a bhi agad; agus faodaidh e a sparradh air m' inntinn fein am barrachd mothachaidh air na ceangal fo 'm bheil mi gum' bheatha a chaitheamh a reir nan seolaidh a tha mi a' toirt do chàch. Tha mi a meas gu bheil oidheirpean mar so am measg an toradh is taitniche agus an ceangal is buaine air càirdeas; agus leis mar tha dòchas gu'm mair ar cairdeas-ne gu siorruidh, tha dearbh-bheachd agam gun dean a bhi as gach taobh cùramach chum an samhuil so de rùin altrum seirc bhith-bhuan a chuir ris.

2. Tha na seolaidh a tha sùil agad fhaotainn uam san àm so, gu nàdurra gan roinn 'an trì earrannaibh. Eadhon, Ciod am meas is còir a bhi againn air Dia——an tùs, am fàs, agus an deireadh an latha. Leigidh mi ris mo chridhe gu saor dhuit a thaobh gach earrann deth, agus leigidh mi leat fein breth a thoirt mar a fhreagaras iad do d' staid; a' toirt ionnsaidh air fuireach eadar dha anabharra, bho bhi ro-gheur-theann mu nithe faoine, agus o bhi neo-chùramach, ni ma cheadaichear ann an nithibh beaga, a dh' fhaodas tarruinn gu dearmad air nithibh cudthromach, agus fadheoigh gu bhi ciontach de nithe is ro-chunnartaiche no iad sin.

3. (1.) An toiseach an latha, 'S cinnteach gur e bu chòir a bhi na cheud chùram oirn, ar chridhe a thogail suas ri Dia an uair a dhùisgeas sinn, 's am feadh a ta sinn a'g éirigh; 's an sin cur ma thimchioll aoradh diomhair na maidne gun dàil.

4. Tha a cheud ni dhiubh sin an anabharra nàdurra. Tha a cho lion ni a dh' fhaodas ar brosnachadh gu

smuaintean cràbhach agus gu ùrnuigh na h-inntinn, cho lan sholleir, 's gun saoileadh neach nach b' urrainn do dh-inntinn dhùrachdaich gun an toirt fainear. Fois agus subhachas ar n-inntinn an àm ar ceud dhùsgadh; an t-ùrachadh a ta sin a' faighinn bho chadal; an tearuinnteachd a shealbhaich sinn san staid sin; an lòn a tha g'ar beathachadh agus an trusgan blàth càimheil leis am bheil sinn air ar sgeudachadh; solus ait na grèine; agus eadhon (nithe nach 'eil neo-iomchaidh an ainmeachadh dhuit,) na h-innleachdan a ta air am buileachadh oirnn le Ughdar ar n-uile shochairean, chum iomadh uair fheumail d'ar beatha a gnàthachadh an uair nach bi a ghrian a' toirt a soluis duinn; dòchas pilleadh ri comunn caomh ar càirdean; an dùil ri latha eile a chaithe an seirbhis Dé, agus 'am foghlum ar n-inntinn; agus os ceann gach ni, am beo dhòchas a ta againn ri aiseirigh de shonus agus de ghlòir. Faodaidh a h-aon diubh sin, agus ioma ni eile nach d' ainmich mi, culaidh-smaointichidh agus mholaidh thaitnich a bhuileachadh oirn an àm éirigh. 'S a chum còmhnadh a dheanamh ruinn, am feadh a ta sinn san àm so 'nar n-aonar, cha bhi e mi-iomchaidh dhuinn labhairt air uairibh eile r'ar n-Athair nèamhuidh, le cainnt shubhach, thaingeil. Ceadaich dhomh a ràdh, ma mhothaicheas sin ar cridheachan na shamhuil so de dh-fhonn an àm ar ceud mhosglaidh, gur aobhar sin gu bhi taingeil, gu h-àraidh, gur teagamh gur e sin freagradh na h-ùrnuigh a chuir sinn suas an àm laidhe.

5. Chum cleachdadh aoradh dìomhair na maidne, ni tha dòchas agam is e ar ceud obair, cha 'n 'eil e an comas domh doigh shoilleir a chuir roi neach eile. 'S eigin duit, a charaid ionmhuinn, thu fein a thoileachadh sa chùis so. Tha a chuid is cudthromaiche de 'n t-seirbhis fior shoilleir: Agus nan teannainn ri riaghailt shònraicht a chuir sios dhoibhsan a dh' fhaodadh leth-uair, no tri charteil na h-uarach a bhuileachadh air, (ni a shaoilinn a dh' fhaodadh a chuid bu phailte de shluagh a dheanamh) 's i an riaghailt so a leanas a mholainn doibh.

6. Tòiseachadh air cràbhadh suidhicht' an latha le buidheachas a thoirt do Dhia air ar glùinean, le guth iosal, gidheadh soilleir; ag aideachadh nan sochairean m' an robh sin a smuaineachadh an àm éiridh, gun dearmad idir air Criosd ainmeachadh mar stéigh ar n-uile shealbhachadh agus dhòchais, no air buidheachas a thoirt

air son drùghadh an spioraid bheannaichte, a threoraich ar cridheachan a dh' ionnsaidh Dhé, no tha san àm g' ar brosnachadh chum iarraidh. 'S còir so a dheanamh, cho math ris na dleasannais chràbhach eile theid ainmeachadh, gu cùramach treibhdhireach; oir 's ionnan sinn a thoirt buidheachas do Dhia gu neo-thogarrach, agus gun bhuidheachas idir a thoirt da. Faodar crioch a chuir air a bhuidheachas so le ar coi-cheangal ri Dia athnuadhachadh gu follaiseach, a'g aidmheil ar rùn-suidhichte ar sinn fein a choisrigeadh dhà, agus gu h-àraidh a' cuir romhainn an latha a leanas a chaitheamh a chum a ghlòire.

7. Bithidh e iomchaidh an deigh so, sealladh a ghabhail air an latha tha romhainn, cho fad 's a dh'-fhaodas sinn a thoirt fainear, c' àit agus cionnas a bhuilichear e; agus a smuaineachadh gu dùrachdach, "cionnas a dh-fhaodas mi mi-fein a ghiulan a thaobh Dhé air an latha an diugh?" "Ciod na gnothaichean a tha r'a dheanamh, agus ciod an seol air an deanar iad? Ciod an cothrom a tha sùil agam air math a dheanamh no fhaotainn? Ciod na buairidh a tha coltach rì tighinn a' m' charamh am measg ghnothaichean an latha? Ciod ann a thainig mi gearr air mo dhleasannais o cheann ghoirid? Agus cionnas a dh' fhaodas mi a nis a bhi ni's tearuinte?"

8. An deigh an t-seallaidh so a ghabhail, bithidh e iomchaidh, ùrnuigh ghearr a chuir suas, a guidhe gum brosnaicheadh Dia sinn a chum gach dleasannas dhuibh sin a chuir an gniomh, gun neartaicheadh e sinn an aghaidh gach cunnairt roi bheil eagal oirn; gun soirbhicheadh e leinn na leithid so na sud de ghnothach, air a ghabhail os-laimh chum a ghloire; agus fos gun deanadh e còmhnadh ruinn chum feum a dheanamh do cheanfath air math a dheanamh nach b'urrainn duinn fhaicinn roi-laimh; chum cuir an aghaidh buairidh ris nach robh dùil againn, agus gu giulan gu foighidneach cràbhach le aon trioblaid a thig 'nar caramh air feadh an latha ris am bheil sinn a'g inndrinn.

9. Bheirinn a chomhairl ort an deigh so, earrann àraidh de'n sgriobtur a leughadh; cha 'n e mòran, no idir am Bìoball uile direach air aghaidh; ach earrannan sonraicht' as a cheud is feumaile dheth, abair deich na dà-rann-deug; gun dragh a chuir ort fein mu thimchioll an co-chordaidh r'a chéile (ged' a mholainn sin duit an àm eile a reir do chomais agus do chothrom) ach

an toirt a mhain fainear an seadh cràbhach : a' gabhail uapa an seoladh is fearr a dh' fhaodas tu, gan aithris a rìs do d' choguis fein, agus a chuir mar fhiachaibh air do chridhe an coimhead agus deanamh d'an réir, fo mhothachadh air an ùghdarras dhiadhaidh a tha nan co-chuideachd. Agus ma ni thu ùrnuigh os ceann an earrann so de'n sgriobtur le d' Bhioball fosgailte fa d' chomhair, faodaidh e an sparradh ni 's doimhne air do mheoghair agus air do chridhe, agus còmhnadh a dheanamh riut chum smuaineachadh agus labhairt ni 's saoire agus ni 's pailte ann an ùrnuigh.

10. Bhiodh e iomchaidh an t-aoradh so a chriochnachadh le Salm no Laoidh a sheinn : agus tha mi leatsa a' deanamh gàirdeachais, gu bheil tre chùram cràbhach an Ollaidh Watts, agus cuid eile do bhàird naomha, na h-urraid againn a tha freagarrach do'n t-seòmar uaigneach agus do dh-aoradh teaghlaich, cho math agus air son seirbhis na h-eaglais.

11. (II.) 'S iad na seolaidhean is freagarraich' a thainig fainear dhomh, air feadh an latha, iad so a leanas. Gu'm bi sinn dùrachdach ann an cràbhadh an latha ; gum bi sinn dicheallach 'na ghnothaichibh, 'se sin, 'nar gnothaichibh saoghalta ; gum bi sinn measarra crionnda 'na shugradh ; gun toir sinn gu cùramach fainear freasdail an latha; gum bi sinn gu teann air ur faicill roi bhuairidhnean ; gum bi mothachadh beothail, iriosal againn air a chomain fo 'm bheil sinn d'ar n-Athair nèamhaidh, freagarrach do gach ni a thig nar caramh ; gum bi ar smuaintean fo dheagh riaghladh an diomhaireachd an latha,—agus ar cainnt na chomhluadairibh. B'iad na nithe sin 'cinn-teagaisg searmoin a chuala tu mi a liubhairt o cheann ghoirid, agus a ta fios agam bu cheanfath ris an iarrtas so, a tha mi anns an àm a' freagradh. Bheir mi fainear ma ta gach ni is cudthromaiche a chaidh a chuir an céill fo na cinn-theagaisg sin.

12. (I.) Mu thimchioll dùrachd ann an cràbhadh, aon chuid an aoradh follaiseach, no san teaghlach : Gabhamaid beagan ùine man tòisich sinn gu smuainteachadh air iomlanachd an Dé ris am bheil sinn ri labhairt, air feumalachd a ghnothaich mu 'm bheil sinn, air sòlas agus buannachd frithealadh cràbhach, agus air ciont' agus amaideachd riaghailt chealgach. An uair a bhios sinn ri aoradh, bitheamaid faicilleach m' ar giùlan, agus

cuireamaid smachd air ceud' sheachrain ar smuaintin. 'S an uair a bhios an dleasannas thairis, smaointicheamaid air ball an doigh air an deach a chur an gniomh, agus cuireamaid a cheist ri 'r coguis féin, am bheil dòchas aguinn gun do ghabh Dia ruinn le a dheanamh? Oir tha doigh àraidh air dol tre na dleasannais sin, agus tha ar cridhe féin, a'g innse dhuinn 'san àm, gu bheil iad neo-chomasach air Dia a thoileachadh; agus ma dh' éirich dhuinne tuiteam gun fhios duinn annta, 's coir dhuinn sinn féin iriosleachadh gu trom air an son an lathair Dhé, an t-eagal gum bi ar n-ùrnuigh na peacadh dhuinn, Salm cix. 7.

13. (2.) Ma thimchioll na h-ùine a tha feumail chum ar gnothaichean saoghalta, cuireamaid m'a thimchioll a dheanamh le mothachadh air ùghdarras Dé, agus le meas air a ghlòir. Bitheamaid a seachnadh leisg agus lunndaireachd, a ghabhas a dhà no thri de dh-uairibh a dheanamh na dh' fhaoidte a dheanamh an aon uair. An aghaidh a leithid so do rùn, a tha toirt buaidh an caithebeatha cuid de dhaoine, agus gidheadh a tha am barail nach eil iad uair sam bith nan tàmh, thugamaid iunnsaidh air urrad a chuir roi-laimh 's a's urrainn duinn an ùine bhig; a' toirt fainear nach eil againn ach ùine ghearr an so uile: Agus biodhamaid mothachail gach aon àm air an fheum a ta againn air beannachadh Dhé, chum soirbheachadh le 'r saothair.

14. (3.) Ma thimchioll àm sùgraidh: Thugamaid an aire gum bi ar lan-aighear air an taghadh gu cùramach; gun gnathaich sinn iad le deagh rùn, chum ar deanamh iomchaidh fa chomhair saothaireachadh an gnothaichibh na beatha so le barrachd dùrachd; agus gun gnàthaichear iad gu urram Dhé, crioch mhor ar n-uile dheanadais? Thugamaid an aire nach bi ar cridheachan, d' an taobh, air an tarruinn, O Dhia; agus nach builich sinn orra tuille 's a chòir d' ar n-ùine. A' cumail a ghnà 'nar cuimhne, nach robh ceudfaith ar nàduir, agus buaidhean, foillseachaidh a chreideimh Chriosduidh air am buileachadh oirn an diomhanas; ach gu bheil sinn ri bhi an dianthòir air crioch urramach eigin, agus gun am barrachd ùigh a chuir am fearas-chuideachd no 'an sùgradh, na bhios iad feumail ann an giulan reusonta agus fearail, fiùghantach agus cràbhach.

15. (4.) Mu thimchioll an aire thoirt do freasdail

Bithidh e feumail an aire thoirt do dh-oibreachadh Dhé 'nar sòlasaibh agus 'nar trioblaidibh. 'Nar sòlasaibh, co dhiubh a ta iad ni 's ro-bhitheanta, no ni's comharraichte; Gu bheil ar slaint' air a gnà bhuileachadh oirn; gu bheil lòn againn chum beatha agus toil-inntinn; gu bheil a cho lion doigh thaitneach aguinn air ar n-ùine a bhuileachadh; gu bheil a cho lion caraid math, agus taitneach againn; gu bheil ar gnothaichean a soirbheachadh leinn; gu bheil ar dol a mach 's ar teachd a steach tearainte; agus gu bheil sinn a mealtainn sìth agus subhachas inntinn, ni as eugmhais, nach biodh sòlas an aon ni eile a bhiodhamaid a' sealbhachadh. Bu chòir dhuinn iad sin uile a thoirt fainear mar shochairean an fhreasdail, agus buidheachas a thoirt do Dhia air an son, a chionn gu bheil ar n-aimsir a' dol seachad cho suaimhneach. Air an laimh eile, tha sinn ris an fhreasdal a thoirt fainear, anns gach mealladh, gach calldach, gach cràdh, agus anns gach mi-dhleasannas uathasan o 'm b' ion dùil a bhi againn ri càirdeas. Agus bu chòir dhuinn sinn fein a striochda gu foighidneach fopa, air dhuinn fios a bhi againn gur e Dia a ta gan òrduchadh: agus mar faodar gu ceart obair an fhreasdail a ràdh riu, gu bheil iad air a chuid is lugha fo a stiùradh. Agus bu choir dhuinn smuaineachadh gu sonraichte air na croisean beaga, (mar tha sinn ullamh gu a ràdh riu) agus laigsinn agus amaideachd gnè agus giulan ar cairdean, a bhiodh air atharrachadh ullamh gu mi-thlachd a chuir oirn. Agus tha e ni's feumail ar n-inntinn a chuir air a faicill rompa, gu bheil sinn gu minig a' faicinn daoine glic' agus math a' call an riaghailt orra féin leis na h-aobhair bheaga sin: agus an uair a bheir iad fainear iad féin 's a ghairmeas iad reuson agus diadhachd gu 'n còmhnadh, a seasamh gu cliuiteach an aghaidh ionnsaidh àmhghair ro-mhòr le misnich agus le cruadal.

16. (5.) Mu thimchioll faicill an aghaidh buairidh: Tha e feumail a smuaineachadh, an uair a bhios sinn a' caochladh àite no deanadas, "Ciod na cunnairt sam bi mi ullamh gu tuiteam 'an so?" Agus leis mar is còir dhuinn a bhi air ar gnà fhaicill, 's còir dhuinn a bhi gu h-àraidh air ar faicill roimh na cunnairt a chunnaic sinn sa' mhadainn. Agus an uair a tha sinn a' tionnsgnadh air a chùis san robh sùil againn gun tug-te ionnsaidh oirn, bu choir dhuinn a smuaineachadh, gu h-araidh m'

as gnothach cudthromach a th' ann, "A nis tha chostrith a brath toiseachadh: Tha Dia agus na h-aingil naomh' a' faicinn ciod a bhunailt agus a mhisneach a ta ann am anam: agus cia fhad a dhrùigheas ùghdarras Dé, agus cuimhn air m' ùrnuighean agus mo rùin-shuidhichte orm, an uair a thig uair na deuchainn."

17. (6.) A thaobh earbs' a dheanamh a gràs Dhé chum drùghadh oirn: 's eigin da bhi coitcheann: 's a chionn gu bheil gnà fheum againn air, cha 'n fhaod sinn idir a dhearmad. Faodaidh ùine ro bheag a bhuilichear 'an guidhe iriosail dhùrachdaich air son còmhnadh Dhé bhi air a phairteacha ruinn, tuille math a dheanamh no ni iomadh uair a bhuilichear 'an co-reusonachadh: Agus gidheadh cha bu chòir so cuibhte a dhearmad, o' n is e solus reusoin caileigin do shoillseachadh diadhaidh; ach 's ann is còir a ghhàthachadh le mothachadh iomchaidh air ar n-earbs' a Athair na soillse, no far am meas sinn gu bheil sinn féin glic, gum fàs sinn diomhain 'nar reusonachadh féin, Rom. i. 21, 22. Gairmeamaid do ghnà air Dia; ag ràdh, mar shamhla, an uair a bhios sinn a' dol a dheanamh ùrnuigh, "A Thighearna, socraich m' aigne! mosgail mo thograidh naomha, agus doirt orm spiorad nan gràs agus na h-achanaichean!" Sech. xii. 10. An uair a dh' fhosglas sinn am Bioball, no aon leobhar math eile, "Fosgàil mo shuilean, chum 's gu'm faic mi nithe iongantach o' d' lagh!" Salm cxix. 18. Soillsich mo thuigse! blàthaich mo chridhe! gun robh mo dheagh ruin air a daighneachadh, agus mo chaithe-beatha uile air a dheagh riaghladh! 'S an uair a bhios sinn gu teannadh ri gnothach saoghalta sam bith, abair, "A Thighearna soirbhich le obair mo làmh," Salm xc. 17, agus deonaich do bheannachadh air m' oidheirpean ionraic! An àm dol do chuideachda, "A Thighearna deonaich gun dean, agus gu 'm faigh mi math! na tigeadh còmhradh truaillidh a mach as mo bheul, ach an ni sin a ta math chum deagh fhoghlum, ionnas gun toir e gràs do 'n luchd-éisdeachd!" Eph. iv. 29. An uair a bhios tu a' tionnsgnadh air cùis dho-dheanta, abair, "A Thighearna, deonaich dhomh an gliocas sin a ta tarbhach a sheoladh! Eccles. x. 10, teagaisg dhomh do shlighe, agus treoraich mi air slighe dhìrich," Salm xxvii. 11. An uair a bhios buaireadh a' toirt ionnsuidh ort, "Biodh do chumhachd, O Fhir-shaoruidh ghràsmhoir, air a dheanamh foirfe ann

am anmhuinneachd !" 2 Cor. xii. 9. Faodadh na nithe sin a chaidh ainmeachadh rùn an t-seolaidh so a shoillearachadh, ge d' a tha iad fada goirid air gach ni a bhuineas da ainmeachadh.

18. (7.) Ma thimchioll riaghladh ar smuainte an uaigneas Cleachdamaid air gach àm, ar smuainte a bhi fo'r smachd. Bitheamaid air ar faicill roimh ribeadh ar n-anntograidh, agus roimh dheigh gu buannachd a dh' fhaodadh ar cumhachd os an ceann a chuir a dhìt oirn. Cuireamaid fa 'r comhair cuspair eigin tarbhach gu smuaineach air: Mar tha iomlanachd an Dé bheannaichte, gràdh Chriosd, luach ar n-aimsir, cinnte agus cudthrom bàis agus breathanais, agus an t-siorruidheachd do shonas no do thruaighe a ta ri leantainn. Thugamaid mar an ceudna fainear, mar tha ar n-anam fein a thaobh a teachd air aghaidh no dol air ais ann an diadhachd; m'an an t-searmoin ma dheireadh a chuala sinn, no an earrann ma dheireadh de 'n sgriobtur a lengh sinn. Faodaidh tu leis a so, a chuimhneachadh, na chuir mi fa d' chomhair an labhairt riut; gu 'm biodh e ro fheumail rann eigin de 'n sgriobtur a thachair oirn sa mhadainn, a ghleidheadh air a meoghair, a' cuir romhainn a chuimhneachadh an uair a bhios sinn gun chulaidh naomh smaoineachaidh againn. Bithidh so gu minig mar thobar o'n éirich iomadh smuain tharbhach, agus thaitneach, theagamh ged nach tug sinn roimh an aire anns an dreach sin. No ged nach bi a chùis mar sin, tha dearbh fhios agam gur fearr an earrann sin de 'n sgriobtuir ainmeachadh tharais agus tharais ceud uair 'san aon latha, le cuid de dh ùrnuigh chràbhaich na h-inntinn na cho-chuideachd, seach na smuainte fhagail fo iochd nam faoineachd sin a bhiodh le cion atharraich gam fòirneadh oirn; 's cha diong an lionmhorachd an diomhanaichead.

19. (8.) Ma thimchioll ar cainnt a riaghladh ann an cuideachda: 'S còir dhuinn aire shonraicht a thoirt nach can sinn a bheag sam bith a dh-fhaodas tàmailt a thoirt duinn fein no d' ar n-aidmheil Chriosduidh. No dir cùl-chainnt a labhairt umpa-san nach 'eil san lathair, no cronail dhoibhsan a ta san èisdeachd: agus gun a bheag a ràdh a bhios gu lochd dhaoin eile, no aon ni a dh' fhaodas truailleadh, no corraich a dhùsgadh, no iadsan a ta m' ar timchioll a chuir air seacharan. Cha

chòir dhuinn air aon chor a bhi toilichte gu bheil na thuirt sinn neo-lochdach; 's còir dhuinn a bhi ro dhéigheil gu 'm bi a chum ar tairbhe fein agus dhaoin' eile. A chum so a dheanamh, 's còir dhuinn teagasg feumail eigin a bhi againn do ghnà ullamh; agus 's còir dhuinn faire a dheanamh air cothrom iomchaidh a thaghadh gu labhairt uime; agus ma bheir caraid càbhach ionnsaidh air a dheanamh, 's còir dhuinne cuir leis gu grad. An uair nach bi an comh-luadar mu nithe diadhaidh, 's còir dhuinn ionnsaidh, a thoirt air a dheanamh feumail air dhoigh eile. Bhuineadh dhuinn giulan agus comas ar cuideachd a thoirt fainear gu cùramach, agus labhairt mu na nithibh is fearr a thuigeas iad; oir 's e sin is taitniche leo fein, agus is feumaile dhuinne. Agus eadar dha naigheachd, cha bhi e mi-iomchaidh ar n-inntinn a thogail suas ri Dia, a guidhe air, a ghràs g'ar còmhnadh fein agus ar càirdean 'nar 'n-ionnsaidh a chum math a dheanamh do chàch, chum gu 'm bi gach ni a their 's a ni sinn iomchaidh air giulan chreutairean reusonta agus Chriosduidhean.

20. (III.) Cha 'n ainmich mi ach dà sheòladh chum an latha a cho-dhunadh gu càbhach: eadhon, gu 'm bi dleasannas an fheasgair air a dheagh cho-lionadh;— agus gu'n laidh sinn sios air ar leabaidh am fonn càbhach.

21. (1.) Mu thimchioll càbhadh diomhair an fheasgair, bu mhiann leam seoladh a thoirt seachad, a bhiodh caileigin de dh-eadar-dhealachadh ann o riaghailt na maidne; ach cuideachd mar ann an sin, a' deanamh luathasacha mòr air son na staid' agus a chothrom a bhios aig duine, a dh' fhaodas atharachadh a dheanamh air an doigh gu chuir an gniomh. Chomhairlichinn earrann de 'n sgriobtur a leughadh air tùs, le smuaintibh iomchaidh agus le h-ùrnuigh mar a chaidh ainmeachadh. An sin Laoidh na Salm a leughadh: An deigh so tionnsgnadh air fein-cheusnachadh, le ùrnuigh a bhi no cho-lorg, air mar chaidh an latha chuir seachad. Anns an ùrnuigh so bhiodh e ro iomchaidh a ghuidhe air Dia gun lughadh e peacaidh an latha, dearmaid agus deanadais; cliù a thoirt da air son sochairean aimsireil agus spioradail; sinn féin a chuir fo a chùram trid dorchadais na h-òidhche; le achanaichean iomchaidh as leth dhaoin eile, gu h-àraidh as leth nan càirdean ris an do labhair sinn no chum an do sgrìobh sinn air an latha

chaidh tharais. 'S iomadh ni eile a dhlighear ainmeachadh mochthra agus feasgar nach do chuir mise sios ; ach cha do mheas mi gun robh e feumail gach aon ni a chuir sios.

22. Mam fàg mi an earrann so, 's eigin domh a chuir a' d' chuimhne, gu bheil fein-cheasnachadh na dhleasannas cho feumail, 's gur aithrigh dhuinn caileigin a labhairt uime. Agus tha so cho furasda, an uair a bhios ceistean freagarrach againn far-comhair, 's gu 'm faod aon neach aig am bheil eolas iomchaidh, trid beannachadh Dhé, a dheanamh le caileigin de bhuannachd ! Tha mi uime sin a cuir fa d' chomhair na ceistean so a leanas, agus tha dòchas agam le aon atharrachadh a mheasas tu feumail a dheanamh orra, gu 'n gleidh thu a' d' chòir iad gu feum lathail, "An do mhosgail mi mar le Dia air a mhadainn so, agus an d' éirich mi le mothachaidhean taingeil air a mhathas ? Cionnas a bha aoradh uaigneach na maidne air a cho-lionadh ? An tug mi buidheachas iomchaidh do Dhia, agus an d' athnuadhaich mi mo choicheangal gu mi-fein a thoirt suas a chum a sheirbhis, le aire dhurachdach agus le tograidh iomchaidh ? An do shuidhich mi gnothaichean an latha gu riaghailteach agus gu glic ? Cionnas a leugh mi na sgriobtuir, no aon leabhar math eile a leugh mi ? An d' rinn e math do m' chridhe, no an robh ann ach cuir seachad aimsir ? Cionnas a chaidh a chuid eile de dh-aoradh an latha a chuir 'an gnoimh, 's an teaghlach no am follais ? an do chuir mi obair an latha an gniomh le dùrachd, agus gu spioradail, a deanamh gach ni na àm, agus le cabhag iomchaidh, mar do 'n Tighearna ? Col. iii. 23. Ciod an ùin a chaill mi an diugh, sa mhadainn no roi-mheadhon-latha, an deigh mheadhon-latha, no mu fheasgar ; (oir ni na h-earrannan sin comhnadh ri d' chuimhne ;) agus ciod bu choireach ris a chall sin ? Ciod an inntinn, agus an riaghailt leis an deach culaidh-shùgraidh an latha so a dheanamh ? An do mothaich mi làmh Dhé ann am shochairibh, a' m' shlainte, a' m' shuilbhearachd, a' m' lòn, a'm' leabhraichean, a'm' dhion air thuras, 'an soirbheachadh le m' ghnothaichean, comhluadar agus caoimhneas mo chairdean, &c. ? Am faca mi e am àmhghairibh, agus gu h-àraidh ann an nithibh beag a bha nan impidh air dragh a chuir orm ? Agus a thaobh an oibreachaidh so, an robh mi taingeil air son mo shòlais, agus an do ghiulan mi gu striochdta le m' àmhghairibh ? Cionnas a bha mi

air m' fhaicill roi bhuairidhean an latha, gu sonraicht 'an aghaidh a bhuairidh a chunnaic mi sa' mhadainn? An d' rinn mi earbsa iriosal á còmhnadh Dhé air mo ghiulan? An do chaith mi mo bheatha tre chreideimh Mhic Dhé, Gal. ii. 20. agus an do mheas mi Criosd air an latha 'n diugh, mar m' fhear-teagaisg agus mo riaghluidhear, mo dhìoladh agus m' eadar-mheadhonair, m' eiseamplair agus m' fhear-dìon, mo neart agus mo roi-ruithear? An robh mi 'g amharc air m' aghaidh air bàs agus siorruidheachd air an latha so, agus gam' mheas fein air mo dheuchainn gu nèamh, agus trid gràis an dùil r'a sealbhachadh? An do riaghailtich mi mo smuainte gu h-iomchaidh na leithid so no sud de dh-uaigneas? Ciod an roghainn a rinn mi an diugh air stéigh smuaineachaidh, agus cionnas a rinn mi feum dheth? An do riaghailtich mi mo chainnt gu math na leithid so do chuideachd? An do labhair mi a bheag le mi-thlachd, cronail, gabhunnach, neo-fhaicilleach no dàna? An robh mo chridhe air an latha 'n diugh air a lionadh le gràdh do Dhia, agus do 'n chinne-daoine; an d' iarr, agus an d' fhuair mi cothrom air math a dheanamh agus fhaotainn? Ciod an aire agus an tairbhe leis an do leugh mi na sgriobtuirean air an fheasgar so? Cionnas a bha fein-cheusnachadh na h-òidhche an raoir air a choilionadh; agus ciod am feum a rinn mi an diugh de dh' aon choire a fhuair mi roimh do dhearmaid no mhearachdan gan robh mi ciontach? Ciod an inntinn leis ann do laidh mi an sin sios, agus leis an do chaidil mi!

23. 'S furasda dhuit fhaicinn, gu bheil na ceistean sin air an cuir an riaghailt, air chor 's nach 'eil annt' ach modh aithghearr air na comhairlean is feumail' a thug mi san litir so: agus tha dòchas agam nach ruig mi a leas a bheag a ràdh mu 'm feumalachd, ri neach cho mòr tuigse riutsa. Bheir a choguis an ùine ghearr freagradh do 'n iomlan diubh; ach ma mheasas tu gu bheil iad fhathasd tuille 's lionmhor, faodaidh tu an cuir an lughad gu feum gnàthaichte, agus iad sin a choimhead, leis an atharrachadh a mheasas tu feumail, gu àm anns am bi thu ni 's cùramaiche m' a d' cheasnachadh, ni tha dòchas agam a tharlas uair san t-seachduin. Air d' ar n-aoradh dìomhair a bhi mar so air a chuir seachad m' am fàg neoshunnt cadail sinn neo-iomchaidh air a shon, 's còir dhuinn an ùin' eadar sin agus dol 'n-ar leabaidh a buileachadh a réir nan seolaidhean a gheibh thu fo 'n ath-

earrainn. Agus cha 'n 'eil tuille ri chuir sios an so, ach

24. (2.) An rùn leis an còir dhuinn laidhe sios, agus dol a chadal. A nis bithidh e iomchaidh, smuaineachadh air mathas Dé le latha eile agus a shochairean a chuir ri laithibh agus sochairibh eile ar beatha: an aire a thoirt do chaoimhneas an fhreasdail am buileachadh ionadcòmhnaidh goireasach oirn, leabaidh shocrach, agus a buanachadh dhuinn slainte cuirp leis am faod sinn fois a ghabhail oirre, agus suaimhneas inntinn leis an ion duinn sùil a bhi againn ri cadal sàmhach taitneach. Fois is ion iarraidh, cha 'n e amhain a riarachadh ar cuirp, ach mar bu deònach le 'r Cruithear glic, a chum ar cumail iriosal am meadhon a choilion laigsinn, a dheanamh feumail chum sinn a dh' ath-nuadhachadh ar seirbhis dhà fein leis a bharrachd tograidh. Mar so faodaidh na h-uairean a bhios sinn 'n ar cadal cho math riusan 'n-ar dùisg, a bhi air chor air an caisrigeadh do Dhia. Agus an uair a tha sinn dìreach gur' toirt féin suas do ìomhaigh a bhàis, (ris am bheil aon do na seanairibh gu ciatach ag ràdh, a dhiomhaireachd is lugha,) tha e mar an ceudna leoir shoilleir gu bheil e iomchaidh dhuinn smuaineach air a bhàs, agus gniomharraibh ar n-aithreachais agus ar creideimh ath-nuadhachadh, mar mheasamaid feumail nam biodh fios againn nach dùisgeamaid tuille 'am fearann nam beò. Chunna' tu smuaintean ma thimchioll a leithid so uair-eigin agam; agus cuiridh mi sios dhuit e ri deireadh na litreach so; uime sin cha labhair mi tuille m' an earrainn so, ach co-dhunaidh mi na seolaidhean a dh' iarr thu.

25. Tha dòchais sonraicht agam, gu 'n robh na nithe is ro-chudthromaiche dhiubh sin air an cuir an gniomh leat a' d' chaithe-beatha roimh so. Bi'dh mi ro aoibhin, ma bhios sealladh orra sin, agus rannsachadh agus deuchainn m'an chuid eile nam meadhon air do thoirt gu co-chomunn ni's dlùithe ri Dia, agus mar so do bheatha a dheanamh ni's taitniche agus ni's feumaile, agus do shiorruidheachd, ge b' e uair a thòisicheas ì, ni 's glòirmhoire. Cha 'n 'eil neach de'n chinne-daoin' air thalamh ris nach bu mhiann leam còmhnadh a dheanamh 's na nithibh feumail sin; ach faodaidh mi gu firinneach a ràdh riutsa gu bheil mi gu ro shonraichte.

A charaid chaoimh,
A'm charaid agus a' m' òglach ionmhuinn duit.

26. 'S e so a leughadair, le ro bheagan caochlaidh, an litir a sgriobh mi a dh' ionnsaidh caraid urramach, (a tha nis, tha dòchas agam, maille ri Dia,) o cheann shiabliadhna-deug: Agus faodaidh mi gu firinneach a ràdh, gun do dhaighnich gach bliadhna dhiubh sin mo bharail mu na nithe sin, leis a bheachd so mu'n chùis, "gur fearr aon là air a bhuileachadh air an doigh so, na iomadh bliadhn' air an caitheadh an neo-gheamnuidheachd, agus a' deanamh dearmad air diadhachd." Mheas mi iomchaidh an litir a chuir sios direach mar bha i, a chionn gun robh mi 'am barail gu h-ann a b' éifeachdaich a chomhairle 'na ceud dhreach: 'S a chionn gu bheil mi ris na comhairlean sin earalachadh san ath-chaibidil, co-dhuinidh mi am fearr so, leis an ùrnuigh a gheall mi do m' charaid air deireadh na litreach; agus b' fhearr leam gun cleachdadh tu aithris riut fein cho tric 's gum biodh cuimhn' agad air a suim, 'nuair a laidheas tu sios gu cadal.

*Beachd-shealladh dùrachdach air a Bhàs, a tha iomchaidh a gabhail 'n uair a théid sinn a laidhe:*

"O M' ANAM! amhairc air t-aghaidhe car tamuill le dùrachd agus faicill, agus foghlum gliocas le d' chrìch dheireannaich a thoirt fainear, Deut. xii. 29. Tha nis aon eile de laithean do bheath' air àireamh agus air a chriochnachadh: Agus mar a chuir mi m' aodach dhiom, 's a laidh mi sios air mo leabaidh, chum fois na h-òidhche; 's amhuil a thig an ùine ghearr crioch mo chuairt 's an eigin do m' chorp a bhi air a thasgaidh 'an leabaidh thosdaich na h-uaighe. An sin laidheadh e; oir cha mhò a bhios de sgoinn agamsa dheth na de'n aodach a chuir mi san àm so dhiom. Tha cùis gu mor is cudthromaiche na sin agam mu laimh. Smuainich O m' anam! an uair a thig am bàs, gu bheil thu ri seilbh a ghabhail air siorruidheachd, an darna cuid air nèamh no 'an ifrinn. Bithidh gach innleachd agus cùram, gach dòchas agus eagal, gach sòlas agus trioblaid a bhuineas do 'n bheatha so air teachd gu 'n ceann, agus fosglaidh saoghal nan spiorad dhuit. Agus 's beag tha fios agad cia cho luath sa dh' fhaodas sin tachairt! Theagamh gun tachair e mu 'n éirich grian air adhar. Faodaidh e bhith nach soillsich grian an lath a maireach mo shùilean, ach amhain gun dealraich i mu thimchioll cuirp neo-mhothachail, a dh-fhaodas a bhi na shìneadh an àit a chuirp bheothail

so: Air a chuid is lugha, faodaidh bàs iomadh neach a bha 'n tréin an neart, 's a bha na bu chomasaiche na mise 'an cràbhadh, agus gu maith a dheanamh, rabhadh a thoirt domh gun earbs' a dheanamh a beatha fhada, agus mo bhrosnachadh gu bhi fo ioghnadh gu bheil mi cho fad' air mo chaomhnadh, 's nach robh mi air mo thoirt roimhe so air falbh.

"Agus a nis, O anaim! freagair mar 'am fianuis Dé; Am bheil thu ullamh? Am bheil thu deas? Am bheil peacadh sam bith dheth nach do ghabh thu aithreachais, agus nach do thréig thu, ga 'm lionadh le cràdh san àm mu dheireadh de m' bheatha, 's a thoirt orm bhi air bhall-chrith air bruaich siorruidheachd? Biodh uamhann ort a bhi fo 'n chionta, agus air ball ath-nuadhaich do ghuidhe dùrachdach ri tròcair Dhé, agus ri fuil an Fhir-shaoraidh, chum do shaoradh uaithe.

"Ach ma tha do shith-réite cheana air a nasgadh, ma ghabh thu aithreachas cridheil dùrachdach do t' eusantais lionmhor, ma dh' earb thu thu-féin tre chreideimh gu neo-chealgach ri glacaibh do Shlanuigheir bheannaichte, agus nach do chuir thu cùl ris a chumhnant a rinn thu ris, le pilleadh ri gnathachadh peacach, an sin na biodh giorrag ort le bhi smuaineachadh bhi dealachadh ris a bheatha so; cha 'n 'eil e 'n comas a bhàis dochair a dheanamh air anam a tha air a thoirt suas do Dhia, agus air a dhlù-cheangal ris an Fhearshaoraidh. Faodaidh e mo thoirt air falbh o thoilinntinn an t-saoghail so; faodaidh e bacadh a chuir air m' innleachdan gu feum a dheanamh air thalamh: Ach O anaim! tha sòlais gu mòr is cràbhaiche, agus seirbheis is ro-luachmhoire na iad sin a' feitheamh ort an taobh thall de 'n bhàs. Gu ma beannaichte gu siorruidh gun robh ainm Dhé, agus gràdh Chriosd air son nan seallaidh mhisneachail agus aoibhneach sin! Laidhidh mi nis a sios an sàmhchair, agus caidlidh mi, saor o eagal ciod a thachras domh an nochd, co dhiubh is bàs no beatha tha air orduchadh dhomh. Athair tha mi tiomnadh mo spioraid suas do d' lamhaibhse; oir shaor thu mi, O Dhé na firinn; agus air an aobhar sin 's urrainn mi gu togarrach a leigeadh gu d' thoill féin, co dhiubh a dhùisgeas mi san t-saoghal so, no san t-saoghal a ta ri teachd. *Amen.*"

## CAIB. XX.

*Impidh dhùrachdach chum ar Beatha a chaitheamh air an dòigh a chuireadh an céill sa' Chaibidil roimh.*

1. Bha mi a' cuir an céill sa' Chaibidil roimh so, tha eagal orm, ni a mheasas cuid de m' luchd-leughaidh tuille 's cruaidh, 's nach gabh iad do mhisnich na bheir oidheirp air; agus gun teagamh air bith, 's caithe-beatha e a tha fada os-ceann a chuid is mo de Chriosduidhean, 's nach 'eil mi gun eagal orm, gu bheil iomadh neach is aithridh air an ainm, a shaoileas gu bheil na riaghailtean a chuir mi sios, air an tarruinn amach le tuilleadh 's a chòir do theanntachd neo-fheumail. Ach tha dearbhchinnt agam gu bheil mòran de chliù agus de shòlasan creideamh Chriosduidh air an call, le luchd-aidmheil a bhi tuille 's iosal nam beachd, agus gun mheas cho mòr a bhi aca air an gairm àrd agus naomha, 's a tha nàdur na diadhachd ag iarraidh, agus facal Dé a seoladh; tha làn mhothachadh agam, gu bheil a chainnt sinn, a bhi 'g imeachd maile ri Dia, a bhi an eagal an Tighearna air feadh an latha uile, Gnath xxiii. 17. agus os-ceann gach nì, leis an Tighearna Dia a ghràdhachadh le'r n-uile chridhe, anam, inntinn, agus neart, Marc. xii. 30. ag iarraidh, mar eil an t-iomlan dheth na nithe sin, brìgh na dh-ainmich mi cho fad 's a tha comas, ùine agus cothrom againn; agus 's gann a shaoileas mi nach faodadh daoine tuille d' an ùin a bhuileachadh air a chùis, agus an comas a mheudachadh cuideachd, nan tugadh iad an aire mhath air iad fein a bhi riaghailteach; nan sguireadh iad do chleasachd fhaoin neo-fheumail, agus an aire a shocrachadh air na nithibh a bhuineas d' an leas siorruidh. Mheasadh iad a chuid bu liugha dheth na riaghailtean sin so-chuir an gniomh, nam foghlumadh iad mòr-luach an aimsir, agus gu h-àraidh na bu lugha dhith a bhuileachadh nan cadal, a tha a mi-bhuileachadh iomadh uair luachmhor san latha: Uairean anns am bheil seirbhisich Dhé a' gabhail mòr thlachd ann, agus a'g òl gu saibhir de dh-uisge na beatha, am feadh a tha a chuid eile d' am braithribh nan suain air an leabaidh, agus air an call le bruadaran diomhain, cho fada fo chaithe-aimsir choitcheann chreutairean reusonta, 's a tha sòlais a chràbhaidh is fior dhiadhaidh os an-ceann.

2. Tha fios agam cuideachd, gu bheil an inntinn ro iomluath agus neo-bhunailteach: agus gur deacair an ni a shamhuil de riaghladh agus de dh-ùghdarras os-ceann ar smuaintean a choimhead, a bhiodh ro thaitneach, 's a tha leithid na riaghailt 's a chuir mise sios a'g iarraidh. Ach tha na h-urrad de dh-urram Dhé, agus d'ar fior shonas fein an earbsa ris, 's gu 'm bu ghean math leam gun éisdeadh sibh rium gu furachar foighidneach am feadh a tha mi a' tagradh ruibh, agus gun rannsaich sibh na h-argainn gu cùramach, agus an sin a bharalachadh am bheil an samhuil de chùram agus de ghiulan, 'sa' chomhairlich mise dhiubh, ann féin reusonta; agus nach bi e fior fheumail d' ar feumalachd sa' bheatha so, d' ar sìth an àm 'ur bàis, agus chum 'ur glòir shiorruidh a mheudachadh.

3. Leig le d' choguis a ràdh, am bheil na nach 'eil a leithid sin do chaithe-beatha, 's a chuir mi an céill, ann fein ro reusonta. Thoir sùil eile tharais air, agus ceasnaich gu mion e: oir tha mi fo eagal gum faod cuid de theagamhan faoin éirigh an aghaidh an iomlain, a dh-fhaodas drùghadh air nithibh àraidh, an aghaidh nach gabhadh duine reusonta sam bith de dhànadas na dheanadh e. Cuimhnich, O Chriosduidh agus taisg ann ad' mheoghair agus ann ad' chridhe e, am feadh a tha thu a' gabhail a bheachd so gur tu creutair Dhé, gu bheil thu air do cheannach le fuil Iosa; agus an sin abair, Mar 'eil an dàimh sin 'sam bheil thu, a'g iarraidh gach dùrachd agus rùn-suidhichte a b' àill leam a chuir mar fhiachaibh ort. Abair gun cuireadh tu an cleachdadh gach chomhairl' a thug mi ort: Abair gun robh gach latha air tòiseachadh agus air a cho-dhunadh le leithid sin de mhiann cràbhach an deidh air Dia, agus air uaigneas naomh, moch agus feasgar a chumail comhluadar ris-san agus ri d' chridhe féin: Abair gu bheil cùram lathail ort, cionnas a ghnathaicheas tu t-aimsir, agus a smuainteachadh cionnas a bhuilich thu e: Abair gu bheil am meas so air Dia, am mothachadh so air a lathaireachd, agus eud m'a ghlòir, a buadhachadh a' t' aoradh, a' d' ghnothaichibh agus a' d' chaitheamh-aimsir: Abair gu bheil an aire so de fhreasdal, an fhaicill so 'an aghaidh buairidh, an earbsa so a cumhachd Dhé, an riaghladh so air na smuaintibh an uaigneas, agus mu d' chainnt an cuideachd: Ni h-è a mhain sin, ach their mi osbarr, thu bharal-

achadh gun deach gach seoladh a chaidh a thoirt seachad a ghnathachadh, ach an uair a bhiodh aobhar àraidh air atharrachadh, air son gur urrainn duit a ràdh o' d' choguis, "Tha mi ga leigeadh seachad ni h-ann air son leisg na mì-chùram, ach a chionn gu bheil mi ann am barail gu'm bi e ni 's taitniche le Dia mi a dheanamh ni-eigin eile;" ni a dh' fhaodas tachairt gu minig ann am beatha duine, fo na riaghailtean is fearr suidheachadh. Smaoinich, tha mi 'g ràdh, gun robh gach ni dhiubh so air a dheanamh, cha 'n ann car latha na seachduin, ach fad na tha romhad do d' bheatha, co dhiubh bhios e fada na goirid; agus abair g' an gabh thu beachd-shealladh air an iomlan aig co-dhunadh do bheatha, m' an tig fàillneadh sam bith air do cheudfaithean reusonta: An uair a smuaineachas tu air a chùis, am bi aobhar agad a ràdh, Ghabh mi tuille 's a chòir de shaothair mu dhiadhachd; Cha do thoill Ughdar mo bhith na h-urrad so bhuam: Bhiodh n'a bu lugha de dhìcheall, n'a bu lugha do thairisneachd, agus n'a bu lugha de dhealas, na cho-leasachadh leoir-dhiongmhalta air son na fala chaidh a dhortadh chum mo shaoradh. Dh-fhaodadh earrann de m' chridhe, de m' aimsir, agus de m' shaothair, an gnothach a dheanamh dhàsan a bhuilich an t-iomlan orm, dhàsan a tha ga m' àrdachadh gu ionadaibh còmhnaidh na neo-bhàsmhoireachd." Am bheil de dhànadas agad na their so? Mar 'eil, gu deimhin tha do choguis a' togail fianuis, nach 'eil na bha mis a' moladh dhuit mi-reusonta; gu bheil dleasannas agus taingealachd ga iarraidh; agus air an aobhar sin, leis gach dearmad a ni thu air, gu bheil thu 'tarruinn ciont' air t-anam féin, a' cuir corruich air Dia, agus a gluasad neo-aithrigh air t-aidmheil Chriosduidh.

4. Tha mi a' guidhe ort' a thoirt fainear, Gum biodh a leithid de ghiulan 's a bha mi san àm a' cliùthachadh, a cuir mòran ri d'shonas agus ri t' fheumalachd sa' bheatha so. Smuaintich gu cùramach, ciod e fior shonas? Co dhiubh a ta e a' co-sheasamh am bi thu dlù air Dia, no bhi fad uaith? 'S cinnteach nach fhaod gur Criosduidh thu, no duine reusonta, ma chuireas tu an teagamh, am bheil co-chomunn ri Athair ar Spioraid na shonas agus na bheannachadh: Agus ma tha, 's cinnteach gu bheil iadsan a tha ga chumail a ghnà san amharc, a sealbhachadh an tuille dheth. Cha 'n urrainn do d' choguis

gun fhios a bhi aice gur h-ann an sin a ta sonus nèamh a' co-sheasamh ; agus air an aobhar sin mar is mo mhealas e dheth air thalamh, 's ann is mò a thig de nèamh a nuas air t'anam. Ma thug thu deuchainn sam bith air diadhachd, ged nach 'eil ach mìos no dhà o'n a chuir thu toiseach t-eolais air, 's eigin duit a thuigsinn o t' fhiosrachadh féin, co na laithean is taitniche bhuilich thu sa' bheatha so? Nach b' iad sin air am mò an do ghiulain thu thu-féin a réir nan rùn sin ; iad sin anns am mò a ghnathaich thu iad gu dian dùrachdach gach uair, agus anns gach staid do d' bheatha? Cha 'n 'eil teagamh nach biodh an smachd a chuireadh tu air uairibh air do thograidh fior mhi-thaitneach leat ; ach 's cinnteach gum biodh e air a dheanamh suas agus am barrachd, air mhodh sòlasach, leis an toil-inntinn a bhios a' sruthadh o fhéin-riaghladh, choguisich ; leis na h-urrad cheannais a bhi agad air do smuaintibh, thograidh, agus dheanadais, ni a tha na's ro-ghloirmhoire na dh-fhaodas aon ùghdarras os-ceann dhaoin eile bhith.

5. Dh-earalaichin ort cuideachd a thoirt fainear, ciod a bhuaidh a bhiodh aig a leithid sin de ghiulan air sonas dhaoin eile. 'S furasd fhaicinn gu 'm biodh e ro mhòr ; leis mar mhothaicheadh tu do chridhe a ghnà deònach air math a dheanamh, agus gu'n glacadh tu 'n cothrom air sin a dheanamh le deothas agus le tlachd. Bheireadh e ort gu 'm b' e t-uile mhiann agus thograidh do bheatha, gnothaichean òrduchadh air sheòl, gu'm b' e deireadh aon ghniomh feumail toiseach gniomh' eile : leis an rachadh tu air t-aghaidh cho nàdurra riaghailteach 's a tha na brùidean le 'n sìolachadh agus le 'n deanadas, leis am bheil uireasbhuidh a chinne-daoine air an sàsachadh, agus an saibhreas air a mheudachadh ; no mar tha 'n talamh a' giùlan bàrra bho bhliadhna gu bliadhna de ghné eugsamhuil. Agus ged' a tha an cinne-daoine san staid thruaillidh so, cho so-aomaidh a chum droch eiseamplair a leantainn, a roghain air math ; gidheadh 's ion dùil a bhi, am feadh a bhios do sholus-sa a' dealradh an làth-air dhaoine, gun toir cuid ionnsaidh, air dhoibh do dheagh oibribhs' fhaicinn, air an aithris nan giùlan féin, agus mar sin gun toir iad glòir do t' Athair a ta air nèamh. Mat. v. 16. Gu cinnteach dheanadh a leithid sin de dheagh eiseamplair na h-urrad dhrùghadh air inntinn cuid de dhaoine, 's gun tugadh iad teann dhìchioll

an aithris ; agus chuireadh gach ionnsaidh impidh orra gu ionnsaidh eile a thoirt. Agus leis a so, trid mathas Dhé, bhiodh agad còir air cuid do 'n chiù, agus do'n duais, ni h-è a mhàin air son a mhath a rinn thu féin, ach mar an ceudna air son a mhath a chuir thu impidh air daoin eile chum a dheanamh. Agus cha 'n fhaod ach sùil uile-leirsinnich an Dé shiorruidh, fhaicinn, ciod an t-àm agus an t-àit' air am faod an drùghadh beannaichte sin ruigheachd. Cha 'n 'eil àit' anns am faic thu an deagh thoradh sin, nach lion e do chridhe le gàirdeachas, nach b' urrainn aon soirbheachadh saoghalt' a, bhuileachadh ort, agus a bhiodh e na choshamhladh bu taitniche air an àrd thoileachadh a ta an Dia beannaichte féin a mothachadh, am faicinn agus an deanamh a chreutairean sona.

6. Tha e gun amharus fior, am measg nan cùram cràbhach agus bàigheil sin, gum faod amhghair teachd ort, agus caileigin do mhaille a chuir air do dheagh innleachdaibh. Ach cha drùigh na h-àmhghair sin ort cho mòr an uair a bhios do chridhe ait le smuaintean éibhinn agus sìochail t-inntinn' féin, agus le teisteas deagh choguis an lathair Dhé agus dhaoine. 'S taitneach an ni sealladh cuil a ghabhail air do dheagh chaithe-beatha, agus a smuaineachadh, nach e a mhàin gun d' irioslaich thu thu-féin gu dùrachdach air son nam peacadh sin d'an robh thu ciontach, a dh' fhaodas trioblad an gairm gu d' chuimhne; ach gun tug thu làn dearbhadh air treibh-dhireachd t-irioslachd, le ath-leasachadh air na chaidh thu am mearachd, agus le thu-féin a ghiulan gu togarrach sunntach an seirbhis Dé. Agus am feadh is e co-chomunn ri Dia, agus math a dheanamh air daoine, rùn àraidh agus sòlas do bheatha, gheibh thu iomadh cothrom air a mhealtainn ; eadhon ann am meadhon nan àmhghar sin, a dh' fhàga' tu air atharrachadh cho neochomasach air toileachadh a ghabhail ann an sealbhachadh, 's gun gabhadh tu luaidh a dheanamh orra, na mhìchliù agus na thàire.

7. Fadheòidh thig am bàs, an uair uamhasach agus chudthromach sin tre 'n deachaidh iomadh mìle a chaith a leithid sin do bheatha, agus àireamh is mò a rinn dearmad orra. Agus leig le d' choguis a ràdh, ma bha aig a h-aon riamh de 'n mhòr àireamh sin ceannfath gàirdeachas a dheanamh a thaobh an dearmaid sin, no ann am measg nan Criosduidhean bu chràbhaiche a chaith

am beatha, air an robh doilgheas san àm sinn a chionn gun robh a chridhe agus a bheatha tuille 's èudmhor air an toirt suas do Dhia? Leig le d' choguis a ràdh, co dhiubh bu mhath leo gu'm biodh cuibhrionn de 'n aimsir sin a bhuilich iad an seirbhis Dé, air a thoirt dhoibh air ais, a chum gun cleachdadh iad iad-fein ni bu mhò a réir an t-saoghail so; chum gun rachadh iad ni bu deòthasaiche na thoileachadh, ni bu déine air urram, air a shealbhachadh agus air a shòlais na bha iad roimh? Nan bitheadh tu féin aig nair a bhàis, agus caraid ionmhuinn no leanabh gràdhach dlù dhuit, agus nan tigeadh an leobhar so agus an caibidil fa dheireadh dheth a thighinn a' t' aire, an cuireadh tu an caraid no an leanabh sin ar fhaicill gun a bheatha a chaithe a réir nan riaghailtean a chuir mise sios 'an sin? Saoilidh neach gu bheil a cheist neo-fheumail, far am bheil am freagradh cho soilleir agus cinnteach. Air an aobhar sin ceadaich dhomh a ghuidhe ort, fhoghlum mar is coir dhuit do bheatha a chaithe, le smuaineachadh cionnas bu math leat bàsachadh, agus cia mar bu math leat gu 'm biodh i air a caithe 'n uair a tha thu air bheul an saoghals' fhàgail, agus dol a steach de shaoghal eile. Smuainich gu curamach air a chùis; ciod n'an gabhadh am bàs grad shealbh ort gun fhios duit, agus gu 'm biodh tu air do ghairm do shiorruidheachd air bàrluinn uair na mionaid, nach bu mhath leat gu 'm biodh do latha deireannach air tòiseachadh air mar sud; agus gu 'm biodh e air a ghnàthachadh, nam bu latha slainte agus falaineachd a bhiodh ann, air an dòigh ud?—Nach b'e do run gu 'm faigheadh do Thighearn thu r'a leithid sin de smuaintibh agus de dheanadasaibh? Nach biodh do thurus bho thalamh gu neamh ro-fhurasd agus taitneach, fo a leithid so de shealladh agus leis an dàimh so? Agus air an laimh eile, ma thig am bàs ort ni 's ciùine agus ni 's socraiche, nach deanadh a bhi cuimhneachadh air a leithid sin de chaithe-beatha chràbhaich, naomha, iriosail, dhìcheallaich, agus fheumail, leabaidh a bhàis dhuit ni bu shocraiche, agus ni b' usadh iomchar, na bhiodh e air atharrachadh? N' ar leige Dia gu 'm faigheadh tu bàs an earbsa ris na nithe sin! Lan-mhothachail air do neo-iomlanachd féin cha 'n 'eil teagamh nach miannaiche tu thu-féin a thilgeadh sios aig casan Chriosd, chum gun nochdta thu an lathair Dhé, air do sgeudach

adh le fhireantachd, agus air t-ionnlad o' d' pheacaidh le fhuil. Chuireadh tu cuideachd, leis an deo ma dheireadh, as leth saibhris a ghràis gach deagh thogradh a mhothaich thu a' d' chridhe, agus gach gniomh math a bha thu a' t' urrainn a dheanamh. Ach nach tugadh e am barrachd toil-inntinn duit, na ge d' a cheannaicht' e le deich mìle saoghal, an uair a smuainicheadh tu, nach robh na thug a ghràs duit air a bhuileachadh gun bhrìgh; 1 Cor. xv. 10. ach gun do ghlòraich thu t'Athair nèamhaidh air thalamh, o rùn iriosal do ghràdh taingeil, agus an tomhas eigin, ged nach b' ann cho iomlan 's a b' àill leat, gun do chriochnaich thu 'n obair a thug e dhuit r'a dheanamh, Eoin xvii. 4. Gun robh thu o cheann iomadh bliadhna a caitheadh do bheatha mar 'an co'-chrìch fhlaitheas, agus a' toirt oidhirp air do chridhe agus do ghiùlan a bhi réir gnè agus beusan a luchd-àitichidh.

8. Agus aon uair eile, leig dhomh t-earalachadh gu smuaineachadh air an t-sealladh a gheibh thu air a chùis so, an uair a thig thu a steach do rìoghachd na glòire, ma (ni tha dòchas agam a thachras) bheir rocair Dhé ann thu. Nach deanar do bheatha san àite sin a réir do chùram no do dhearmaid, air a bheatha naomha so? An coma le 'r Slànuighear beannaichte, a phàirteachas na crùin, agus a shònraicheas na righ-chathraichean 's an àite sin, co dhiubh bha thu an àireamh na muinntreach a b' eudmhoire no bu neo-churamaiche d'a sheirbhisich? Gu cinnteach 's math leat gu 'm frithealar gu pailt duit slighe do rìoghachd ar Tighearn agus ar Slanuigheir, 2 Pead. i. 11. Agus ciod a dh' fhaodas an tuille cuidich a dheanamh chum sin a thachairt, no a bhi a sìr-mheadachadh 'na obair? 1 Cor. xv. 58. Cha 'n urrainn duit barail cho suarach a bhi agad air an staid glòrmhoir sin, 's gun smuainich thu, gun amhaire thu m'a d' thimchioll le caileigin de mhealladh dòchais, agus gun abair thu a' d' chridhe, gun robh barrachd meas agus a b' fhiach i agad air an oighreachd a fhuair thu, agus nach b' fhiù dhuit a bhi 'n tòir orra leis na h-urrad dhùrachd. Cha mhaoidh thu gun deach tuilleadh 's a chòir de d' smuaintean agus de d' churam a bhuileachadh air a chùis: Ach air an laimh eile, tha 'n t-aobhar is mò agad gu chreidsinn, nam b' urrainn aon ni t-fhearg agus do mhulad a dhùsgadh, san ionad sin, gur e a bhiodh ann, am measg a cho lion aobhar agus sochair, nach d' rinn

thu an tuilleadh dìchill air son luach-saoithreach cho mòr.

9. Ach cha lean mi ni's faide air cùis a ta cho soilleir, agus cuiridh mi crioch air a chaibidil le chuir a' d' chuimhne, Gur e thu a shuidh sìos le d' shaor thoil 's a bhi làn-toilichte le aon eolas neo-iomlan a dh'-fhaodas a bhi agad mu dhiadhachd, agus nach 'eil déigh agad air a bharrachd eolais na daigheachadh ann ; agus gu bheil thu cuir romhad gu h-uaigneach nach lean thu ni's faid' e, se sin aon dheth na comharran is measa a dh' fhaodas sinn a shaoilsinn, gu bheil thu fhathasd ad' fhior choigreach air a cheud-thòiseachadh.

*Urnuigh freagarrach do staid an anma, a tha miannachadh ruigheachd air a chaithe-beatha a réir mar chaidh ainmeachadh.*

" A Dhia bheannaichte ! cha 'n fhaod mi cuir an aghaidh cumhachd a cho-reusonachaidh sin ; Och nach mothaichinn de thuilleadh d' an toradh éifeachdach na dh-fhairich mi riamh roimhe ! 'S tusa àrd thobar bith, agus sonais ; agus mar is ann uat a ta mo bhith, is amhuil is ann uat a ta mo shonas a' sruthadh ; agus mar is dlùithe dhuit mi, 's ann is fior-ghlaine agus is ro thaitnich an sruth. 'S ann maille riutsa a ta tobar na beatha ; o d' shoillse-se deonaich dhomh solus fhaicinn ! Salm xxxvi. 9. 'S e cuspair àraidh mo dhòchais dheireannaich gum bi mo chòmhnuidh gu siorruidh maille riut. Deonaich dhomh a nis càileigin do roi-bhlas air an t-sòlas sin ! Builich orm, guidheam ort, gu'm mothaich mi beannachadh an duine sin air am bheil eagal an Tighearna, a's aig a' bheil mòr thlachd na àitheantaibh, Salm cxii. 1, agus leis sin mo chridhe a dhealbh le d' ghràs chum gum bi mi an eagal an Tighearn rè an la uile ! Gnath. xxiii. 17.

" Deònaich gur ann orts' a bhitheas mo cheud smuaintean nuair a dhùisgeas mi, agus leis a cheud bhaoisgeadh de sholas a dhealraicheas air mo shùilean, gun tog thu orm, O Thighearna, solus do ghnùise ! Salm iv. 6. 'Nuair a bhitheas mo cheudfaithean air am mosgladh suas as an staid neo-iomlan anns an robh iad nan cadal, deònaich gum bi mo cheud dheanadas air a choisrigeadh suas dhuitse, O Dhia, a tha toirt domh soluis, a tha toirt domh, mar gu 'm b' ann, beatha agus reuson ùr gach madainn ? Neartaich mi chum mo chridhe a thaosgadh a mach a d' lathair, le urram iomchaidh, le

saors' agus gràdh ; agus deonaich dhomh éisdeachd a thoirt do Dhia, mar bu mhiann leam gun éisdeadh e-san riumsa ? Gu'n robh t-fhocal air a leughadh gu furachair agus le tlachd ; gu 'n robh m' anam air a cho-chumadh ris, agus deonaich dhomh fhalach 'am chridhe, chum nach peacaich mi a' t' aghaidh, Salm cxix. 11. Air mo bheothachadh leis na h-aobhair a ta air an cuir an ceill ann, gun robh mi gach madainn ga m' thoirt féin suas duit, trid Iosa do Mhac gràdhach ; agus a' faghail cuibhrionn ùr do 'n spiorad bheannaichte sin, ni is e a dhrùghadh beatha m' anma !

" Agus air dhomh a bhi mar so air mo dheasachadh, dean thus', O Thighearn, mo threorachadh air laimh chum uile dhleasannais fheumail an latha ; agus deonaich gu'm buanaich mi san dreuchd a shònraich thu dhomh do ghnà a' gluasad maille riut : gun bhi leisg an gnothaichibh, dùrachdach 'an spiorad, a' dheanamh seirbhis do'n Tighearn, Rom. xii. 11, gun robh meas agam air mòr-luach aimsir, do ghnà a' deanamh an fheum is fearr dheth, 'an co-lionadh nan dleasannas a shònraich thu dhomh ; cia neo-inbheach no draghail a bhitheas iad ! Gu ma h-ann a chum do ghloir-sa, O Thighearn ! a bhios saothair mo bheatha air an co-lionadh ; agus gu ma h-ann a chum do chliùsa a bhitheas a sochairean air an iarraidh ! co aca dh-itheas no dh-òlas mi, no ge b'e ni a nì mi, 1 Cor. x. 31, gun robh a chrioch sin do gnà sau amharc, agus deònaich gun ruigear oirre ; agus deònaich gum bi gach beothachadh a gheibh mi, agus gach fois o ghnothaichean, ga m'dheasachadh chum seirbhis a thoirt duit leis a bharrachd tograidh agus deothais !

" Gun robh mi mothachail air do shochairean, agus deònaich dhomh am mealtuinn le suilbhearrachd agus tlachd ! agus an uair a thig trioblaidean orm, ni ris an ion sùil a bhi agam, gun robh mothachadh agam gur h-ann bhuats a ta iad ; agus deonaich gun toir sin orm a bhi striochdta dhoibh, a làn chreidsinn gu bheil an gradh a ta buileachadh ar n-aran lathail oirn, ag òrduchadh ar trioblaidean duinn mar an ceudna ; agus bu mhiann leam striochda dhoibh, chum gun leanainn mo Shlànuighear gràdhach, Marc viii. 34, leis an inntinn cheudna a nochd e-san, 'nuair a bha e dìreadh ri sliabh corrach Chalbhari air mo shonsa, ag ràdh mar thuirt e, an e nach òl mi 'n cùpan a thug m' athair dhomh ? Eoin xviii. 11. Agus

'n uair a thig buaireadh am charamh, saor a Thighearna mi o'n olc ! Mat. vi. 13. Thoir mothachadh dhomh air mo laigsinn féin, chum gum bi mo chridhe a deanamh gnà earbs' asads' a chum neartachadh ! An uair a bhitheas mi an cuideachdadh dhaoin' eile, deonaich dhomh bhi déigheil agus curamach gum faigh agus gu 'm pàirtich mi urrad mhathas agus a bhios am chomas ; agus deònaich gun co-lion mi aobhar mo chruthachaidh, le bhi toirt urram dhuitse, agus a' craobh-sgaoileadh eolais agus sonais feadh an t-saoghail ! 'S an uair a bhios mi am aonar, deònaich dhomh a thoirt fainear gu bheil m' Athair nèamhaidh maille rium ; gun sealbhaich mi sonus do làthaireachd, agus gu 'm mothaich mi a chumhachd beothachaidh a dùsgadh suas am anam togradh durachdach gu smuaineachadh, agus a dheanamh, mar a' t' fhianuisse !

" Gun robh mo laithean air an caitheadh air a mhodh so ; agus biodh iad a ghnà air an criochnachadh fo mhothachadh air do làthaireachd ghràsmhoir ! Coinnich mi, O Thighearn, am uaigneas feasgair ! deonaich dhomh an t-àm is taitniche chuir air leth air an son. Gun robh mi adhartach treibh-dhireach 'an leughadh agus an ùrnuigh; 's an uair a ghabhas mi sealladh cuil do m' chaithebeatha gu ma h-ann gun leth-phairt a ni mi sin ! na tugadh féin-spéis orm sgàile cealgach a chuir air ; ach deonaich gun toir mi breth orm féin mar aon aig a bheil dùil gun toir an Tighearna breth air ; 's a tha fo iomguin gun gabhair gu taitneach ris leatsa, a tha rannsachadh gach cridhe, agus nach di-chuimhnich a bheag de m' oibribh ! Amos viii. 7. Thigheadh m' urnuigh gach latha a' t' fhianuis mar thùis, agus biodh togail suas mo lamh, mar an iobairt mhaidne agus fheasgair ! Salm cxli. 2. Deonaich dhomh mo cheudfaithean a thiomnadh suas chum cadail gu sìochail ciùin, le mothachadh iomchaidh gun do bhuilich mi an latha an eagal Dé, le lan-chinnt gun do ghabh thu gu taitneach rium an Iosa Criosd mo Thighearna, ag earbsa a' t' thròcair da thrid-san, co ac' a bhios mo laithean air an sìneadh, no am fuigheall air an gearradh as nam meadhon ! Isa. xxxviii. 10. Ma thig am bàs orm gu socrach ciùin, gum faigh e mi mar so gam ghnàthachadh ; agus ma gheibh mi cuireadh grad gus an saoghal so fhàgail, gun robh m' àm mu dheireadh air a bhuileachadh air an doigh so ; chum gum bi 'n

t-slighe eadar an saoghal so agus siorruidheachd air a deanamh taitneach! Tha mi 'g aslachadh so air a sgàthsan, neach am feadh a bha e air thalamh, a b'e féin an eiseamplair a b' fhearr air gach deagh-bheus agus gràs, 's a tha nise beo, agus a rioghachadh leatsa, 's a tha làn-chomasach air sàbhaladh gu h-iomlan, Eabh. vii. 25. Da ionnsuidh-san b' àill leam dol, le aidmheil iriosail gur seirbhiseach neo-tharbhach mi, Luc. xvii. 10. Dhàsan gun robh gloir gu saoghal nan saoghal. *Amen.*"

## CAIB. XXI.

*Earail an aghaidh buairidh eug-samhuil, leis am faod an neach a tha air ùr-iompachadh bhi air a tharuinn a thaobh o'n riaghailt a chaidh ainmeachadh.*

1. THA dòchas agam gun dean, mar chuir mi an céill sonas agus buannachd beatha air a coisrigeadh do Dhia, agus air co-chomunn maille ris, do chuir thuige, a leughadair ghràdhaich, gu rùin shuidhicht' a chuir romhad, agus ionnsaidh a thoirt air ruigheachd oirre. Ach air dhomh nàdur na cûis' a thoirt fainear, tha e dearbhshoilleir dhomh, a bharr air a bhacadh choitchionn a dh' ainmich mi cheana a bha 'n cunnart cuir a' t' aghaidh an tùs t' inndrinn air beatha chràbhaich, mothaichidh tu, an deigh dhuit dol gu tulchuiseach roimh so, iomadh ni gu d' bhacadh o oidhirp a thoirt air cràbhadh follaiseach, agus le buanachadh ann am beatha gheur-theann agus tharbhaich, cuiridh siad iad-féin gach aon latha a'd' rathad. Agus leis mar dh' fhaodas tu, buaidh a thoirt air cuid de 'n cheud seòrsa naimhdean, le dian strìgh uair na dhà, bithidh iad sin a' toirt ionnsaidhean ùr ort, agus 's éigin duit a bhi ri gnà chathachadh nan aghaidh. Ceadaich dhomh uime sin, labhairt gu sonraichte mu thimchioll do chuir air t-fhaicill mu 'n chuid is ro-àraidh dhiubh. Agus tha mi dol a labhairt air na cruaidh-chais a tha 'g éiridh o neo-chùram agus o spéis do thoil-inntinn, o chuideachd fhaoin agus o chùram saoghalta. Faodaidh gach aon diubh sin a bhi nan culaidh-riobaidh do neach sam bith, agus gu h-àraidh do dhaoin' òga, air an toir mi a nis an aire shonraichte.

2. Guidheam ort ma ta, sa cheud àite, gum bi thu air t-fhaicill an aghaidh nàdur leisg neo-chùramach. Tha spéis do shocair ga ghoid féin a steach do 'n cridhe, fo iomadh leith-sgeul bòidheach, a tha gu minig air an leigeadh seachad, an uair nach rachadh gabhail ri buaireadh bu chronaile. Tha daoine glic agus deagh-bheusach a meas nach 'eil ach gnothach faoin ged' a mhi-bhuilichear beagan ùine; gidheadh, tha so air uairean a' tionndaidh mach ro-mhi-ghoireasach dhoibh. 'S minig a bheir e oirre briseadh a stigh air an àm a chuireadh air leth air son aoraidh, agus gu dàil a chuir an gnothaichibh a dh' fhaoidte dheanamh air ball, agus 's tric a "chùis san tèid dàil gun tèid dearmad;" agus leis a sin tha seirbhis na beatha air an lughadachadh; agus tha luach-saothreach na siorruidheachd air an lughdachadh ga réir sin. Agus 's tric a ta so a' fàgail an anma sgaoilte do thuille buairidh, leis a bheil e a' géilleadh, a thaobh a bhi na thàmh. Bi uime sin fo an-amharus m 'an cheud ionnsaidh a bheir a leithid so ort. Cuimhnich gu bheil anam an duine na bhith gniomhach, agus gur eigin da a thoileachadh fhaotainn ann am beothalachd. Uime sin criosraich suas leasraidh t-inntinn, I Pead. i. 13.—Dean dìcheal thu-féin a chumail a sìr-dheanannaich. Bi fritheilteach ma dh' fhaodas mi le urram iriosal a ràdh, a' d' chòmhdhail a chumail ri Dia. Thoir coinneamh dha moch sa' mhadainn; agus na h-abair leis an lunndaire, an uair a thig àm éirigh, beagan tuille cadail, beagan tuille clò-chadail, Gnath. vi. 10. Builich an ùine air comhluadar agus air fearas-chuideachd a luathsaicheas crionnachd ort, ach an uair a théid sin thairis, mar tig ni cudthromach ort ris nach robh sùil agad, éirich, agus bi 'g imeachd. Dealaich thu fein ri cuideachd dochair dean ni's annsa leat, agus thoir ort do ghnothaichean àraidh, co dhiubh is ann an sa mhachair, sa bhùth, no d' sheòmar a tha iad. Oir le thu dheanamh an aghaidh na tha t-inntinn os n-iosal, a' cuir an céill duit is fearr a dheanamh air a cheart àm so, ged nach bi ann ach leth-uair, tha caileigin de chiont' air a chuir 'an gniomh, agus tha cleachdadh air altrum, a dh' fhaodas tarruinn gu aobhair mòran is measa.—Thoir fainear ma ta, ciod na dleasannais a tha r'a dheanamh, agus ciod an t-àm sam bheil iad r'a dheanamh. Cuir do riaghailt romhad cho seolta 's a's urrainn duit, agus cuir 'an

gniomh e gu h-adhartach; na 's lugha na thig ni ort nach b' fhiosrach thu, a bheir ort a bharalachadh, gu bheil do dhleasannas ga d' ghairm rathad eile. 'S eigin gabhail r'a leithid sin do bhacadh ris nach robh sùil agad; ach ma b' éigin duit da thaobh sin, aon ni cudthromach, a bha thu a' cuir romhad a dheanamh an diugh, a dhearmad, ma bhios e idir a' d' chomas dean am màireach e: Agus na comharraich dhuit féin obair ùr, gus am bi a cheud chuid air a chriochnachadh; ni 's lugha na mheasas tu gum bi e, ni h-e a mhàin ni 's taitniche, ach ni 's feumaile. Agus sìor-chuimhnich gur còir do sheirbheasach Chriosd a chuir roimhe sa chàs sin, mar 'an làthair a mhaighstir.

3. Bi air t-fhaicill roimh anabharra spéis do thoilinntinn mhothachail agus fheolmhor, mar ni a chuireas mòr dhragh ort sa' bheatha dhiadhaidh a bha mi 'g earlachadh ort. 'S éigin gu bheil fios agad gun d' innis Criosd duinn gur éigin do dhuine e-féin àicheadh, agus a chrannceusaidh a thogail gach latha, m'as àill leis a bhi na dheisciobuil aige-san, Luc. ix. 23.—Cha do thoilich Chriosd Mac Dhé, cruithear agus oighre nan uile nithe, e-féin, Rom. xv. 3., ach striochd se e-féin do uireasbhuidh, do thrioblaidibh, do chruaidh-chasaibh, an slighe dleasannais, agus cuid diubh do 'n t-seòrsa bu deacaire r'a fhulang, chum gloir Dhé, agus slainte dhaoine. Air an dòigh so tha sinn r'a leantuinn; 's a chionn nach 'eil fios againn c'uin a ghairmear sinn, eadhon gu cuir an aghaidh gu fuil, a' cathachadh an aghaidh peacaidh, Eabh. xii. 4., 's cinnteach gur fearr dhuinn sinn féin a cleachdadh ris an smachdachadh sin theagamh a's eigin duinn an ùine ghearr fhulang. Ni beatha shocrach shòghar duin' a bhrosnachadh gu buaireadh, a dh' fhaodadh neach ata cleachdte ri cruaidh-chais fhulang mar dheagh shaighdear Iosa Criosd, 2 Tim. ii. 3., a cheannsachadh gu h-ullamh. —Thu e mar an ceudna a' tàrmachadh tuille 's a chòir do spéis do 'n t-saoghal so, 's a' deanamh dhaoine neothoileach fhàgail, ni is mi-chiatach a sheallas dhoibhsan a tha nan coigrich agus nan luchd-cuairt air thalamh, 's aig am bheil sùil an ùine ghearr ri bhi air an gairm air falbh chum dùthaich is fearr, a tha iad a'g aidmheil a bhi 'g iarraidh, Eabh. xi. 13, 16.—Leis a so, cuimhnich gu 'm bheil a bheatha ris am bheil an saoghal ag ràdh beatha shòlasach, na beatha chaithtich cuideachd; agus

faodaidh i, mar rinn i air iomadh neach ga d' thuilleadh, do tharruinn thar an riaghailt a shònraich freasdal duit: agus an deigh do chìocrais a shàsachadh c'ar uine bheag, do tharruinn gu gainne agus bochdainn. Agus an cuisibh eile, tha e fiachaicht cobhair air an fheumach, gidheadh 's bochduinn so a tha gu ceart-bhreitheach fo mhichliù, a chionn gur e toradh t-amaideachd féin a th' ann, 's an uair a thig t-uireasbhuidh ort mar dhuine fo armaibh, Gnath. vi. 7. Cha 'n e a mhain gu 'm mothaich thu thu-féin air t-fhàgail neo-chomasach air na gniomharraibh seirc sin a chuir an gniomh, a ta cho cliùiteach do 'n aidmheil Chriosduidh, ach theagamh gum bi thu fo bhuaireadh làidir gu ceilg mhi-chiataich, no gu co-aontachadh neo-mheasail; fada fo ghiulan Criosduidh, agus duin' ionraic. 'S iomadh neach a rinn aon uair àrd aidmheil, a thuit, an deigh a choilion oidhirp mhaslach nach b' fhiù, fo mhi-chliù bhi falamh, agus sin air doigh aithrigh air achasan; 's e sin, iadsan a strùigh riu féin cuid ionraic dhaoin eile, agus faodaidh e bhith gun tug iad gu bochdainn an aitim a bha gu dicheallach ga chuir r'a chéile, a shàsachadh an amaideachd agus an strògh ana-miannach, a bha, am fad sa mhair e, na nàire d' an teaghlaichean, 's a nis o nach urrainn iad cuir leis ni 's faide a tha na aobhar claoidh dhoibh. Tha so na mhasladh mòr àir diadhachd: na h-urraid mhaslaidh, 's gum b' fhearr le duine math teachd beò air gainne de dh-aran agus uisge, no bàs fhaighinn le gorta, mas biodh e ciontach dheth. Ach tha iomadh neach measarradh agus stuama a' teachd gu bochduinn, tre challdach nach b' urrainn doibh a roimh-fhaicinn no a sheachnadh; agus tha leith-sgeul nan daoine sin r'a ghabhail.

4. Bi air t-fhaicill, guidheam ort, 'an aghaidh aon ni a dh' fhaodadh do thoirt a chum na h-inbh so, gu h-àraidh, gu bhi gu h-adhardach dicheallach an gnothaichibh, agus gu glic caonntach an cosguis; ni a dh'-fhaodas trid beannachadh Dhé, a bhi na mheadhon sona chum soirbheachadh le d' ghnothaichean, do shlainte bhuanachadh, agus t-inntinn a bhi socrach. Ach cha 'n urrainn duit ruigheachd air so gun fhaicill shonraicht a chuir ort féin, agus cuir gu danarra an aghaidh aontachadh le aon ni a thairgeas leisg no neo-mheasarrachd dhuit a dheanamh, ged' a robh e fo sgàile taitneach, agus ged' a thagair iad nach eil iad a'g iarraidh ach ro bheagan. Thoir an aire,

air eagal, air an doigh so, gun lean thu gnàthachadh nam pàrantan a tha ro spéiseil m' an cloinn, le cheadachadh dhoibh a chuid 'sa chuid an toil féin a dheanamh, gus am bheil iad a'gabhail do mhisnich nithe mi-chiatach iarraidh; 's a gabhail a roghainn a bhi air an creachadh leo, no aon ni a dh' iarradh iad a dhiultadh. Cuimhnich, agus thoir fainear do 'n ghnà-fhocal ghasta so air a cho-dhaighneachadh le leis-sgrios iomadh mìle,—"E-san a ni dìmeas air nithe beaga, tuitidh e 'lion beag a's beag."

5. Leis a bheachd so, ceadaich dhomh, a leughadair ro ghràdhaich, do chuir air t- fhaicill gu caomhail dùrachdach, 'an aghaidh liontan cuideachda dhiomhain. Cha 'n 'eil mi a labhairt mar rinn mi roimhe, m' an chuideachda sin a tha gu follaiseach neò-ghlan agus mi-naomha. Tha dòchas agam gu bheil ni eigin a nis a' d' nàdur agus a' d' bheachd, a bheireadh ort tionnda air falbh o'n leithide sin le fuath agus gràin. Ach guidheam ort a thoirt fainear, gu 'm faod na companaich sin a bhi ro chunnartach, nach cuireadh an toiseach, faodaidh e bhith, ach beag gioraig ort: tha mi a'g ciallachadh leo-sin, iadsan nach eil nan naimhdean foilleasach do dhiadhachd, agus nach eil ag aidmheil dubhaile agus mi-riaghailt; gidheadh aig nach eil mothachadh gniomhach do nithe diadhaidh air an cridheachan, cho fad 's a dh' fhaodar a thuigsinn le 'n caithe-beatha agus le 'n giùlan. 'S eigin duit a bhi minig le 'n leithidibh sin agus ni h-e àmhain gu bheil an creideamh Criosduidh a' ceadachadh a shamhuil sin, ach tha e a'g iarraidh gun gnàthaicheadh tu iad le sìobhaltachd agus le meas: ach na dean roghainn dhiubhsan mar do chompanaich is ro-ionmhuinne, agus na sanntaich t-aimsir dhiomhanach a bhuileachadh leo. Oir tha e leithid sin do chomhluadar a' cuideachadh ris an anam a tharruinn air falbh bho Dhia, agus ri fhàgail neo-iomchaidh air gach co-chomunn spioradail a chumail ris. A thoirt mothachadh dhuit air so, smuainich air do chor féin, an uair a bhitheas tu car grathuinn am measg an leithid sin. Nach eil thu ga d' mhothachadh féin ni's neo-fhreagarraiche air son aoradh diadhaidh? Nach eil thu a' faireachduin do chridhe, ni's toighiche mu bhi a réir an t-saoghail so, agus ag amharc gu neo-thaitneach air na cuspairean agus air an deanadais sin a ta reuson ag ràdh gur iad is fearr agus is luachmhoire? Thoir an aire do 'n cheud choltas, agus bi air t-fhaicill roimh 'n bhuaireadh na àm: 'S chum

na crìche so, oidhirpich companaich a thaghadh, air an stéigheachadh air càbhadh, agus air an cumail suas leis. Bi a' d' fhear-comuinn dhoibh-san air am bi eagal Dé, agus a ghleidheas a reachda, Salm cxix. 63. Tha dearbhfhios agad gur iad 'an sealladh Dhé flathaibh na talmhainn ; biodh uime sin do thlachd uil' annta.—Salm xvi. 3. 'Sa chum nach bi sochair àraidh an càirdeas air a dhearmad, oidhirpich a chuid is fearr a dheanamh do 'n ùin' a bhuilicheas tu leo. Thug an duine is glice a bh' ann fainear, 'n uair a ta comhairl an chridhe duine mar uisge domhain, 's e sin an uair a ta e na laidhe am folach fodha, gun tarruinn duine tuigseach a nìos e, Gnàth. xx. 5. Uime sin dean strì cho fad 's a dh' fhaodas tu le heireachdas, an comhluadar a thionnda gu nithe diadhaidh. 'S an uair a théid teagaisg chràbhach agus fheumail ainmeachadh a' d' lathair, dean greim orra, agus dean feum dhiubh ; 's a chum na crìche sin, biodh facal Chriosd a' gabhail còmhnaidh gu saibhir annad, Col. iii. 16, agus bi do gnà a réir do chomhairle, Salm cxix. 24.

6. Ma bhios a chùis mar sin, coimheadaidh e thu, cha 'n e a mhàin o ribe diomhanais agus bho stròdh, ach o gach droch eiseamplair. Agus cuireadh e thu air t-fhaicill, an aghaidh fìor thinneas gnothaichean saoghalta, a ghlacadh t-ùine agus do smuainte uile, 's a mhùchadh deagh fhocal Dé, agus gu fhàgail an càil, mar 'eil gu h-iomlan, neo-thorach, Mat. xii. 20. Tha daoin òga am bitheantas reachdmhor nan tograibh : Air dhoibh beag fiosrachaidh a bhi aca mu dhragh ghnothaichean, agus mu mhealladh agus mu champair na beatha so, tha iad gan cuir an neo-shuim, agus 'am barail gun toir an tapadh, an dìcheall, agus an seoltachd buaidh air gach ni a dh' fhaodadh bacadh a chuir orra. Ach 's minig a tha chùis a' dearbhadh a cheart atharrach. Ceadaich dhomh uine sin, earalachadh ort an aire shònraicht' a thoirt an aghaidh thu-féin a ghabhail tuille ghnothaichean mu laimh na 's urrainn duit a stiuradh mar bu chòir dhuit, freagarrach do churam t-anma, agus do sheirbhis Dé ; air nach bu chòir air aon chor dearmad a dheanamh. Tha e gun amharus fior gum feumadh curam iomchaidh do d' gnothaichibh saoghalta an fhaicill so ; do bhrigh gu bheil e soilleir do gach neach a ghabhas beachd air a chûis, gu bheil na mìltean air an call le tuille ghabhail os-laimh na 's urrainn doibh gu ceart a stiùradh. Uaith

so tha e soilleir gu minig, an uair a bha iad a' cuir rompa bhi saibhir, thromh-lot siad iad-fein le iomadh cràdh, 1 Tim. vi. 10., an teaghlaichean fein a thoirt gu bochdduinn, agus a thug iomadh neach eile air chomh-diol riu fein. Am feadh, nam b' urra dhoibh a bhi toilichte le cuimse r'a dheanamh, agus le buannachd mheasarradh, a dh' fhaodadh iad trid beannachadh Dhé tighinn gu pailteas saibhris agus meas. Ach ged nach biodh cunnart air bith 's a chùis, ge do bhiodh tu cho cinnteach air fàs saibhir agus mòr, 's a tha thu air dragh agus trioblaid a chuir ort fein leis an oidhirp, thoir fainear, guidheam ort, cho neo-chinnteach 's a tha iad sin. Smuainich cia liugha uair a tha pailteas na ribe do dhuine, agus a tha an ni sin bu chòir feum a dheanamh dha, na cheap-tuislidh dha, Salm lxix. 22. Na dichuimhnich an teagasg gearr bròghor so, "gu bheil aon ni feumail," Luc. x. 41. Bi do ghnà a cuimhneachadh am feadh a tha nithe greadhnach agus maiseach na beatha a' dealradh fà chomhair do shùl, cho grad 's a dh' fhaodas am bàs teachd, agus t-fhàgail an gradaig lom 'nochdta; ach na bheir an t-anam ruisgte leis do shiorruidheachd, an uair a thèid an corp a thasgaidh san uaigh. Siorruidheachd! Siorruidheachd! Siorruidheachd! Biodh e a d' bheachd, ma tha e air chomas duit, gach uair do d' bheatha a bhios tu a' d' dhùisg; agus biodh dearbh-chinnt agad, nach eil gnothach, no buannachd agad sa' bheatha a tha neo-fhreagarrach dha: Oir ge be ni a biodh an aghaidh so, cha 'n e do ghnothach no do bhuannachd e. Tha thu faicinn gun amharus, a chuid is pailte de 'n chinnedaoine ga 'n giulan fein, mar g' am b' e an ni àraidh a bha Dia a'g iarraidh uatha, chum a ghean-math fhaotainn, urrad 's a b' urrainn doibh fhaotainn de 'n t-saoghal; air a chuid is lugha, na bu chomasach dhoibh fhaighinn gun mheadhonan ro ghràineil a ghnàthachadh chum fhaotainn, agus gun a bhi 'n cunnart an t-iomlan a chall, air ghaol beagan tuille a chuir ris. Agus mar g' am biodh e gu còmhnadh le 'n rùn, tha iad a'g innse do dhaoine' eile, agus theagamh ga ràdh riu fein, Nach eil iad ach a'g iarraidh an tuille cothrom air math a dheanamh.—ach ma tha iad a ciallachadh aon ni leis a so a thuilleadh air comas feum a dheanamh, 's an uair a bhios e aca, cha chuir iad an gniomh e, tha iad am bitheantas g' am mealladh féin; agus air aon

doigh no doigh eile, cha 'n 'eil ann ach leith-sgeul faoin. Mar is pailte, tha daoine 'g iarraidh an t-saoghail, an darna cuid gu saibhreas a chàrnadh suas, chum am miann a shàsachadh le bhi 'g amharc air am fad 's a's beo iad, 's a bhi a smuineachadh, gun abrar umpa, an deigh am bàis, gun d' fhàg iad na h-urrad so de cheudan no mhiltean pund sasunnach nan deigh ; fior choslach gu bhi na ribe d' an cloinn, no d' an oighreachan eile, (oir cha 'n iadsan a mhain aig am bheil clann iad fein a tha ciontach de'n amaideachd so :) No, gu'm faod iad an saibhreas a struigheadh air an ana-mianabh, agus iad-fein a thoirt gu h-iomlan suas do neo-gheamnachd, leis am bheil an reuson, agus an diadhachd air an slugadh suas, agus leo-sin gach sòlas is luachmhoire is urrainn inndrinn a steach do chridhe duine. Anns a bheachd so, tha chuid is liugha de dhaoine saibhir an t-saoghail, ann am bharailse, nan aobhar thruais ni 's mò no na daoine bochda ; gu h-àraidh an uair a tha iad le chéile a' caitheadh am beatha, (mar is minig a tha) gun eagal Dé fa chomhair an sùl, tha na daoine saibhir a mi-ghnàthachadh an tuille d'a shochairean, agus uime sin faodaidh e bhith gum mothaich iad, san, ath-bheatha, far an deanar peanas air peacaich neo-aithreachail, am barrachd cràidh nan truaighe.

7. Agus ceadaich dhomh innse dhuit, a leughadair ionmhuinn, an t-eagal gun saoil tha nach eil thu féin an cunnart sam bith d'a thaobh sin, gu bheil mòr aobhar againn a bhi ann am barail, gu bheil mòran a nis 'an staid ro-thruagh, aig an robh aon uair barail dhùrachdach mu dhiadhachd, an uair a dh' inndrinn iad an tùs ris, an staid aimbeartaich, ach o sin thréig iad Dia air son Mhamoin, agus tha iad a nis a' deanamh uaill as na slabhraidhean òir a tha 'n geur chunnart an uine ghearr, gum fàg siad iad an slabhraidhean dorchadais. An uair ma ta a tha na h-urrad thruaighe an co-lorg spéis a thoirt do 'n t-saoghal, na biodh farmad aig do chridhe ri peacaich, Gnath. xxiii. 17. agus na dean, air ghaol na tha acasan a bhuidhinn, a bhi ciontach do shamhuil sin de dh-amaideachd, gu thu fein a chuir sa chunnart dlùbailte, le bhi goirid air do rùn, no bhi air do chall gu tur le fhaotuinn. Cuir t-iarrtuis an lughad : feuch ri bhi toilichte le beagan : Agus ma ghairmeas am freasdal thu gu roinn ni 's farsuinne, géill dà mar

ùmhlachd da thoil ; ach cuir e an àireamh deuchainnean do bheatha, a dh' fheumas am barrachd gràis gu giulan leis. Oir biodh dearbh-chinnt agad, mar théid gnothaichean agus buannachd an lionmhorachd, gun téid cùram agus dleasannais am meud cuideachd, agus faodaidh e bhith gun téid mealladh agus doilgheas mar an ceand am meud g' an réir.

8. An aon fhocal, foghlum tre ghràs Dé bàsachadh do 'n t-saoghal so a ta làthair ; gu amharc air mar staid iosail, nach robh riamh a mhiann air Dia bhi mar shonas iomlan, no mar làn-chùram aig aon air bith d'a chloinn : Saoghal, far am bheil càileigin gun amharus r'a mhealtainn, ach gu h-àraidh uaith fein ; far am bheil mòran r'a fhulang le foighidin agus le fein-strìochda ; agus far am bheil cuid do dhleasannais chudthromach r'an cuir an gniomh, agus riaghailt foghlum agus oilean ri dol troimh, leis a bheil thu ri bhi air do dhealbh fa chomhair staid is fearr, air am bheil thusa mar Chriosduidh am fagus, agus a dh' ionnsuidh an gairm Dia thu, faodaidh e bhith, an ùin ghearr, ach gun teagamh air bith, ma ghabhas tusa gu neo-chealgach air t-aghaidh, 's ann san àm agus air an doigh is fearr a ni e sin. Leig a chùis gu h-iomlan na bhuil fein. Biodh do dhòchuis agus t-eagail, do dhùil agus do ruin, a thaobh an t-saoghail so, air an cumail cho iosal 's a's urrainn duit ; agus do smuainte uile air an cruinneachadh chum an aon ni so, eadhon, ciod, fo 'n staid 'sa 'm bheil thu a b' àill le Dia gu 'm bitheadh tu ; agus ciod an doigh giulain is dàcha a thaitneadh ris agus a ghlòraicheas e ?

*Urnuigh neach a tha air ùr-iompachadh ag iarraidh còmhnadh Dhé, 'an aghaidh nan cunnart sin.*

" O Dhia bheannaichte ! Ann am meadhon iomadh cunnart agus rioba a ta g m' chuartachadh o'n leth a muigh agus a stigh ; ceadaich dhomh amharc suas riut le iarrtas iriosal, gu'n saoradh tu mi uathasan a tha 'g éiridh a' m' aghaidh, Salm lix. 1, chum gu 'm bi do shùilean orm chum math ! Ier. xxiv. 6. 'Nuair a bhios dearmad agus neo-churam ullamh gu 'm ghlacadh, mosgail suas mi o'n bhruadar fhaoin sin, le beachd bheothail, thogarrach air an t-saoghal neo-fhaicsinneach chum a bheil mi a treorachadh ! cum am chuimhne cho ro-fheumail 'sa tha e gu 'n dean mi am feum iomchaidh de 'n ùine

ghearr a shònraich thu dhomh chum m' ullachadh fa chomhair !

"Nuair bheir pheacaidhnan *ionnsaidh* mheallaidh orm, deònaich nach aontaich mi leo ! Gnath. i. 10. Gun robh co-chomunn naomha ri Dia na impidh air fuath a thoirt domh air co-chumunn reuson a tha na'n coigrich ortsa, agus leis am b' àill eadar-dhealachadh a chuir eadar thus' agus m' anam ! Deònaich gun toir mi urram dhoibhsan air am bi eagal an Tighearn, Salm xv. 4, agus air dhomh bhi siubhal maille ri daoine glic agus naomha, thoir orm gu 'm mothaich mi mi fein a sior-fhàs 'an gliocas agus 'an naomhachd, Gnath. xiii. 20, brosnaich mi, O Dhia, leosan, chum trodham gun ath-bheothaich thu daoin eile ! Dean mi a' m' inneal sona air gradh diadhaidh a bheothachadh nan cridheachan ; agus deonaich dha dol bho chridhe gu cridhe, 'sa bhi sior-fhàs na dhol air aghart !

" Dion mi, O Dhia, o spéis do thoil-inntinu fheolmhor ! Deònaich gu 'n toir mi gu curamach fainear, gur bàs an inntinn fheolmhor ! Rom. vii. 6. Gum bu deònach leat m' anam a ghlanadh trid drùghadh do Spioraid naomha, chum gun sior-sheachain mi toilinntinn mhi-laghail leis an tuille dicheill na bhios muinntir eile'an tòir oirre ; agus gum bi na cheadaich thu do shòlasan fheolmhor a tha feumail, air an gnathachadh gu measarra stuama ! Deònaich dhomh àrd-ghnè agus urram mo naduir spioradail a chumail a' m' chuimhne, agus gum bi sòlais an duine agus a Chriosduidh air an iarraidh leam mar m' àrd-shonas ! Gun robh m' anam ag éiridh suas le beachd-shealladh naomh, gu ionadaibh neo-fhaicsinneach na glòire ; agus deònaich dhomh bhi 'g oidhirpeachadh miféin ullachadh, le còmhnadh gràs Dhé, chum co-chomunn a chumail ris na h-ainglibh beannaichte sin a tha 'n còmhnaidh a' d' làthair !

" Deònaich dhomh, O Thighearna ! an staid san do shuidhich thu mi a thuigsinn, agus a dleasannais a chuir an gniomh gu firinneach ; ach saor mi o thuille 'sa chòir de chùram mu nithe na beatha so, a bheireadh orm dearmad a dheanamh air an aon ni fheumail ! Gun robh mo dhéigh air nithibh saoghalta measarra, le 'n gnè neo-chinnteach agus neo-shàsaichte a thoirt fainear ; 's am feadh a bhios daoin' eile a' càrnadh suas ionmhas air thalamh, gun robh mise saibhir a thaobh Dhé ! Luc. xii.

21. Deònaich dhomh gnà-aire thoirt do na nithe a bhuineas do m' shonas siorruidh! Gu'm bi mo chuairt air thalamh air a' ruith le m' chridhe agus mo mhuinghinn socraicht' air nèamh, agus gu 'm mothaich mi an drùghadh dlù-thàirneach a' fàs ni's treise, agus ni's treise, mar a bhios mi a' dol ni's dlùithe air an àite ro-thaitneach sin; gus an tig an t-àm sona sin, anns an téid gach cuspair talmhaidh as mo shealladh, agus gun tig glòir dhealrach an t-saoghail nèamhaidh ann am beachd mo shùl, a bheir mòr shòlas domh! *Amen.*"

## CAIB. XXII.

*Mu dhol air ais spioradail agus laigsinn ann an diadhachd.*

1. Ma tha mi cho sona agus impidh a chuir ort leis na h-earailean agus leis na sanusan a thug mi ort, faodaidh e bhith gùn téid thu air t-aghaidh le sòlas agus le toilinntinn ann an diadhachd: agus bithidh do shlighe mar is trice mar sholas na maidne, a dhealraicheas ni's mò gu ruig an latha iomlan, Gnath iv. 18. Gidheadh cha 'n 'eil de dhànadas agam ni 's urrainn suil a bhi ris na h-urrad shoirbheachaidh 's a chuireas tu os cean nan nithe eug-samhuil sin an gné, an giulan, agus an staid, man robh na daoin' is fearr gu tric a' deanamh gearain. Tha mòr eagal orm, ge d' a tha do chridhe deothasach san àm ma na chuir mi sois mu thimchioll, gu'm faod t-inntinn caochladh d' an taobh, ge d' a tha cuspairean mòr do chreideimh agus do dhòchais a' buannachadh gun atharrachadh gun chaochladh. 'S aobhar eagail leam gu 'm fairich thu t-inntinn a' fàillneadh 's a' fàs sgìth do dheagh shlighibh Dhé! ionnas gu 'm faodar impidh a chuir ort claonadh asda, agus tuiteam fo chuid do na buairidhean sin air am bheil thu an dràst' aig amharc le fuath naomh. 'S e a thachras le thus' a strìochdadh dhoibhsin, gum falaich Dia a ghnùis bhuat; gu 'n sìn e a mach a lamh àmhgharach a' t' aghaidh; agus gu 'm mothaich thu fathast t-aimsir dhubhach, ge b' e sam bith cho ait 's a tha thu an dràsd anns an Tighearna, agus a' deanamh gàirdeachais an Dia do shlainte, Hab. iii. 18. Uime sin tha dòchas agam, ma thuiteas a chùis a mach mar sin,

gu'm bi na tha mi r'a labhairt air a chùis na chuideachadh dhuit: Agus 's e mo ghuidhe ri Dia, gun deonaich e gum bi na tha mi r'a chuir an céill umpa, na mheadhon air do thoirt air t-ais, air sòlas a thoirt duit, agus air t-anam a neartachadh, ma cheadaicheas e dhuit àm air bith dealachadh ris.

2. Bheir sinn air thùs fainear dol air ais, agus a bhi fàs lag ann an diadhachd. Agus bu mhiann leam m'an rachainn na b' fhaide air m' aghaidh, gu 'n tuga' tu fainear, nach eil mi a' ghabhail a stigh fo 'n cheann so, gach aon traoghadh air an deòthas sin a mhothaicheas an nach a ta air ùr iompachadh an uair a dh' fhàsas e an tùs eolach air nithibh diadhaidh. Tha e nàdurra dhuinn gu 'n dean cuspairean ùra, rudaigin de dhrùghadh oirn: agus tha e làn shoilleir gu bheil an tuille cumhachd aige so air ar tograidh an trà tha sinn òg, seach 'nuair a bhios sin air cruadhachadh 'an aois. Faodaidh e bhith nach eil daoin' a' toirt a dhìol aire dha so. Tha 'm bitheantas tuille 's a chòir do thaic ga leigeadh ri deòthas a thograidh; agus bheir so a bhi a dh' easbhaidh air neach, a tha air abachadh ann an gràs 's a tha fad air aghaidh na ullachadh air son glòir, a bhi ullamh gu bròn a dheanamh air son a bhi dol air ais, an uair nach bi aobhar ceart aig air a dheanamh, agus a ràdh, Och nach robh mi mar anns na mìosan a chaidh tharum! Air an aobhar sin 's gann is urrainnear innse tuilleadh 's tric dhuit gu bheil diadhachd gu h-àraidh a' co-sheasamh, "ann an rùn-suidhichte na toile do Dhia, le bhi do ghnà air ar faicill chum an ni a shaoileas sinn is fuathach leis a sheachnadh, an obair a shònraich e dhuinn sa' bheatha a chriochnachadh, agus a ghlòir a chuir air aghaidh an sonas, a chinne-daoine." Tha sin ris an aire shònraichte a thoirt doibh sin, a sìor-bheachdachadh air neo-chiontas agus fìor-ghlaine nan aobhar sin o'm bheil sin a'g oibreachadh; a tha sinn fiosrach gu 'm bheil an Dia sin a tha rannsachadh a chridhe a toirt fainear; agus san am cheudna, g'ar n-irioslachadh féin 'na fhianuis le mothachadh air ar n-iomadh neo-iomlaineachd, 's a' teicheadh chum fuil Chriosd' agus gràs an t-soisgeil.

3. Air dhomh na h-urrad shanuis a thoirt duit, cuiridh mi a nis caileigin ni 's soilleire m' a d' choinneamh, an staid sin ris an abair mi dol air ais a Chriosduidh ann an diadhachd; cho fad 's nach tig e a stigh fo staid no

muinntir a bheir mi fainear 's na caibdilean a leanas, Agus 's eigin domh a thoirt fainear gu bheil e gu sònraicht' a' co-sheasamh "ann a bhi di-chuimhneach air cuspairean diadhaidh, agus a bhi dearmadach air na dleasannais eugsamhuil sin a tha mar fhiachaibh oirn a dheanamh, a thaobh mar thug sinn sinn-féin suas air doigh fhollaisich chum seirbhis Dé." Bithidh comharran eugsamhuil air a chùis, a réir atharrachadh na staide sam bi an Criosduidh air a shuidheachadh: ach bithidh cuid-éigin do ghné is ro-choitcheanna. Bithidh e fior iomchaidh labhairt umpa sin; gu h-araidh o'n a tha an dol air ais sin gu minig gun an aire thoirt doibh, mar bha leithead Ephraim, agus gun fhios aig air, Hos. vii. 9.

4. Ma dh' èireas dutsa, a leughadair, tuiteam anns an staid so, cunnartaichidh sè e-fein a nochda dhuit le thu dheanamh dìobradh air do dhleasannais dhiomhair. Cha 'n e gun smuainich mi gun dean thu an toiseach, no an àm sam bith, glan sgur dhiubh: ach ruithidh tu tharais orra gu fionnar neo-chùramach. Ni dearmad, no cuid-eigin eile do na riobaidh m'an do chuir mi air t-fhaicill thu sa chaibidil roimh, na h-urrad bhuaidh fhaithinn ort, 's ge d' a tha, theagamh fios agus cuimhn' agad, gu bheil an t àm gu dol an uaigneas air teachd, gun leig thu leat fein air uairean laidhe tuille 's fad air do leabaidh sa' mhadainn, air uairean le cuideachd agus gnothaichean mu anamoch, air chor 's nach bi e goireasach dhuit a dheanamh. No faodaidh e bhith an uair a thig thu do d' sheomar uaigneach san àm sin, gum tachair leobhar àraidh ort a tha thu dèigheil air a leughadh, sgriobhadh mu gnothaichean a tha thu toileach a chuir air aghaidh, no caithe-aimsir eile, 's gun earalaich iad an cuir an gniomh an toiseach. Theagamh gun gabh so barrachd ùine na shaoil thu; 's an sin bithidh t-ùrnuigh dhiomhair air a deanamh an cabhaig, agus faodaidh e bhith, tur-dhearmad a dheanamh air leughadh an sgriobtuir. Theagamh gun abair thu nach eil an so ach aon uair: ach gabhaidh tu an leith-sgeul ceudna an dara agus an treas uair: agus mar is mò a ni thu dhearmad air 's ann is lugha chuireas e ort. Agus mar so ni thu fanoid air Dia, agus bithidh t-anam féin a dh-easbhaidh a lòn spioradail, ma dh' fhaodas mi sin a ràdh; bi'dh focal Dé air a dhearmad, agus bi'dh féin-cheasnachadh air a leigeadh air chùl; agus an àite tlachd a ghabhail

do dh-ùrnuigh dhìomhair, 's ann a mheasas tu na h-uallach i; deas-ghnà faoin, an àit' an aoraidh chràbhaich a tha iomchaidh a thoirt d'ar n-Athair a ta air nèamh.

5. Mar toir thu grad ionnsaidh air thu féin a shaoradh o'n dol air ais sin, théid iad ni's faide air an aghaidh, agus ruigidh iad t-aoradh follaiseach. Mothaichidh tu a thoradh a' d' theaghlach, agus ann an òrduighean follaiseach. Agus mar mothaich thu e 's ann is meas an comharradh. Bheir smuaintean seachranach an tairbh, mar g' am b' ann, as na dleasannais sin. Cha 'n 'eil mi a meas gu bheil na daoin is ro-fhearr gu h-iomlan cuibhte dhiubh. Ach 's coltach san staid a dh' ainmich mi nach toir thu ach fìor bheagan de dh-aire bhunailteich, no aon ni a tha coltach ri fìor chràbhadh o 'n leth a stigh. Agus an uair a chuirear crioch air na dleasannais neo-thogarrach sin 's gann a smaoinichear cionnas a chaidh urram a chuir air leo. Theagamh gur e Sàcramaid Suipeir an Tigh-earna, a tha cho freagarrach a shocrachadh aire an anma, agus gu a thograidh naomha a bhrosnachadh gu oibreachadh beothail, an t-ordugh mu dheireadh far am mothaichear an dol air ais sin. Agus gidheadh, co a dh' fhaodas a ràdh—gu bheil còir agad air teachd a chum a bhùird naomh? Air dhuit ni 's lugha shaothar a ghabhail mu t' ullachadh gu teachd d' a ionnsaidh, thig thu air t-aghaidh leis ni 's lugha suidheachadh agus meudachadh cridhe na b' àbhaist duit. Agus air dhuit smuaintean air a chùis, 's a bhi neo-thoilichte leis an t-sealladh, an uair a ta claonadh mòr no neo-mhothachadh inntinn ro chomharraichte ann, faodaidh e do rùnacha gu t' ionad agus do dhleasannas san àite sin a thréigsinn. Agus an uair a fhuair do naimhdean spioradail na h-urrad so de bhuaidh ort, tha thu 'n cunnart tuiteam ni 's neo-sgrubaile na rinn thu roimh, agus fàsaidh t-oidhirpean gu cuir nan aghaidh ni 's laige agus ni 's laige.

6. An uair a sguireas do ghràdh do Dhia ar n-Athair, agus do 'n Tighearna Iosa Criosd, théid deòthas do thograidh Chriosduidh do d' bhràithrean an Criosd an lughad ga réir, agus théid do chùram mu bhi feumail a' d' ghiulan an lughad cuideachd; gu h-àraidh far am bheil a bheag r'a dheanamh air son math spioradail. Gheibh thu leithsgeul eigin air son dearmad a dheanamh air comhluadar chràbhach, faodaidh e bhith, cha'n e a mhàin am measg choimhearsnach agus chàirdean diadhaidh, an

uair a bhiodh sàr-chothrom agad air: ach eadhon d' an taobh-san, ma tha thu an inbh àird sa' bheatha so, a tha fo d' chùram.

7. Leis an dearmad so, bi'dh spéis do thoil-inntinn fheolmhor, no do ghnothaichean saoghalta, a mheudachadh. Oir 's éigin do 'n anam a ghnàthachadh le ni eigin, agus le caileigin san gabh e tlachd: agus an uair a thionndaidheas e chum a h-aon diubh sin, thig buaireadh de dh-aon seòrsa na sheòrs' eile na charamh. Theagamh gu 'm bi air uairean na mheasarrachd is tinne agus co-ionnan riaghailteach na beatha air am briseadh, le ro dhéigh air cuideachd, agus leis a chosgais a tha gu minig na cho-chuideachd.—Air uairibh eile, tha buannachd an t-saoghail ni 's taitniche leat na b' àbhaist dà, 's a gnàthachadh tuille do d' inntinn. Faodaidh gnothaichean dhaoin eile a mheasas tu a bhios an aghaidh do bhuannachd fein, t-fhàgail mi-shuaimhneach, no do tharruinn gu connsachadh agus co-stri, leis am bheil e ro dheacair suaimhneas no neo-chiontas an anma a choimhead. Agus ma bheir ministeir no càirdean diadhaidh eile an aire dhà so, agus gun toir iad oidhirp gu soilleir dìleas air do thoirt air t-ais o d' sheachran, dh' fhaoidte gur mi-thlachd a chuireas iad ort, 's gur mi-thàinig a bheir thu dhoibh an co-lorg an saoithreach. Cha 'n fhuilig eucail an anma (ma dh' fhaodas mi am focal a ràdh) buntainn ris, an uair is mò tha dh' fheum aig air.

8. Agus faodaidh staid mhi-riaghailteach so t-inntinn do threorachadh gu fuath a thoirt do chuid do na rùin sin a dh' fhaodadh bhi ro-éifeachdach a chum do philleadh. Agus faodaidh, t-àrd nàmhaid soirbheachadh cho mòr na ionnsaidh a' t' aghaidh, sa thoirt ort a chreidsinn nach do chaill thu a bheag do d' dhiadhachd, an uair nach mòr nach do chaill thu uile e. Faodaidh e e bhith gun cuir e am fiachaibh ort nach robh 's na tograidh chràbhach a bha roimh agad, ach dealas neo-iomchaidh; agus nach robh ann ad chaithe-beatha riaghailteich naomh am fianuis Dé ach teanntachd neo-fheumail. Cha 'n e a mhàin sin, ach faodaidh e bhith gu 'm meas thu mar bharrachd tuigse gun d' fhoghlum thu o luchd teagaisg ùr eigin, ma ghnàthaicheas duine a cho-chreatairean le bàighealachd agus deagh nàdur, a mhàin a toirt breth agus a' càineadh na muinntreach a chuireadh dragh air daoin eile le 'm barailean neo-sheirceil, gu bheil e ann

an deagh staid, ge nach eil e a' gabhail os-laimh mòr chomhluadar a chumail ri Dia, air chumhant 's nach smuainich e gu h-olc uime, agus nach brosnaich se e le aon pheacadh ro-ghràineil.

9. Dh' ainmich mi so anns a cheum mu dheireadh do dhol air ais ann an dhiadhachd, a chionn gun do mheas mi gu 'm b'e sin an t-àit a bha iomchaidh air a shon; agus tha mi fo eagal, gu 'm faighear a mach o fheinfhiosrachadh gu bheil e direach air bheul a chùl-sleamhnachaidh mhòir sin, gu tuiteam ann am peacadh dànadais le lan-fhios, m' an labhair sinn san ath-chaibidil. 'S a chionn gur e an comharradh sin, is mò a tha cuir an aghaidh aon ni a gnàthaichear gu duine a mhosgladh as an staid sin, le e bhi ann am barail nach eil feum aig orra. Tha e cosmhuil ris an tromadas chadalach sin a tha gu tric a tighinn ro spad-thinneas agus bàs.

10. Cha 'n 'eil mi cuir romham an àireamh sios, no idir am mìneachadh san àite so, na rùintean cunnartach a tha nis ullamh gu seilbh a ghabhail air an inntinn, agus gu stéigh sìth chealgach agus mhealltach a shuidheachadh. Tha iad gun amharus lionmhor uair eug-samhuil, agus air uairean càlg dhìreach an aghaidh a chéile. Ach ma ni Dia urrad mhosglaidh ort 's gun leugh thu do Bhioball le dùrachd, agus a dheonachadh dhuit gu 'm mothaich thu an spiorad leis an robh e air a dheachda, baoisgidh gach duilleag dheth geur-mhothachadh a steach air t-inntinn, agus soillsichidh e solus a sgapas air falbh no faileasan dorcha sin.

11. 'S e an rùn àraidh a chuir mi rodham ann san earail so, do chuir air t-fhaicill, cho luath 's mhothaiche tu na ceud chomharraidh air an dol air ais sin, gun tugadh tu ionnsaidh co luath 's a b' urrainn duit air thu fein a shaoradh uatha. Agus chuirinn a' d' chuimhne gur eigin do 'n chungaidh-leighis tòiseachadh r'a gnàthachadh far an do thionnsgain an galar air tùs ri tàrmachadh, 's e sin, a' d' sheomar uaigneach. Gabh caileigin de dh-ùin, agus fiosraich gu dùrachdach do d' choguis, cionnas a ta chùis eadar an Dia uile-bheannaichte, agus t-anam neo-bhàsmhor? Am bheil iad mar a bha iad roimh so, agus mar bu mhath leat am bith, nam mothaicheadh tu do bheatha a' tarruinn dlù da crìch, agus ri dol a steach do shiorruidheachd air ball? Cuiridh aon smuain dùrachdach mu shiorruidheachd

mìle leith-sgeul faoin gu nàire, leis am bheil sinn, le dearmad a dheanamh air ullamh gu ar n-anmaibh fein a mhealladh. Agus an uair a mhothaicheas tu do chridhe os n-iosal a teannadh ri tiomadh, ni is nàdurra tachairt sam àm so, na h-oidhirpich a chùis a dheanamh suas gu neo-iomlan, agus gu sgàile meallta ach a chuir air an ni nach urrainn duit gun a dhìteadh 'an uaigneas; ach aidich gu saor a chùis, agus dean t-irioslachadh air a shon. Doirt a mach do chridhe am fianuis Dé, agus iarr drùghadh ath-nuadhachaidh a spioraid agus a ghràis. Ath-phill leis an tuille faicil ri cràbhadh diomhair, agus ri fein cheasnachadh. Leugh focal Dé leis an tuille dùrachd, agus gu sònraichte a chuid is cràbhaiche agus is spioradail dheth. Dean do dhìcheall gu shocrachadh a' t' chridhe, agus gu fhaireachdain na tha aobhar agad a chreidsinn a mhothaich na daoine naomh sin an uair a sgriobh iad e, cho fad 's a fhreagras bhur dà chor ga chéile. Fosgail do chridhe gu neo-chiontach do gach teagasg a dh-fhoghlumas focal Dé dhuit; agus bi air t'fhaicill an aghaidh nan nithe a shaoileas tu a thàirneas t-inntinn o chràbhadh o'n leth a stigh ged nach bi iad dhiubh fein mi-laghail. Faodaidh iad a bhi laghail, agus faodaidh iad a bhi feumail do chuid do dhaoine; ach ma bheir iad a mach a leithid sin do thoradh, 's cinnteach nach eil iad feumail duitse. Anns an staid sin, os-ceann gach ni iarr comhluadar a bhi agad ri daoine diadhaidh, a tha comharraichte an cràbhadh, 's a tha sgiamhachadh an aidmheil le caithe-beatha taitneach. Dean dìcheall ruighinn air an nàdur, agus an rùin, agus leig ris do staid agus do chridhe riu, cho saor 's a leigeas crionnachd leat. Cleachd dhuit fein, gach fà a gheibh thu a bhi leughadh leobhraichean cràbhach, anns am bheil cridhe agus inntinn an ùghdair dhiadhaidh air an taomadh a mach anns an obair, agus leis am faod thu, (mar gam b'ann) fior spiorad an creideimh Criosduidh a bhlasad. 'S a chum crioch a tharruinn air a chaibidil so, gabh a cheud chothrom a gheibh thu air teachd gu bòrd an Tighearna, agus na caomhainn ùin no saothair, chum thu fein ullachadh gu dùrachdach fa chomhair. Ann san ionad sin ath-nuadhaich do choicheangal ri Dia; cuir t-anam as ùr an laimh Chriosd, agus oirpich beachd a ghabhail air iongantais a ghràidh leis an deachaidh e gu bàs, air dhoigh 's gun ath-beothaich e an

lasair a bha air fas lag, agus do bhrosnuchadh gu rûin-shuidhichte is togarraiche na bha agad roimh, gu bhi beo dhàsan a bhàsaich air do shon, 2 Cor. v. 15. Agus dean teann fhaire air do chridhe fein a chum gum buannaich na deagh thograidh a mhothaicheas tu san àm sin agad. Na gabh fois, gus an ruig thu air staid cho daingean mu dhiadhachd 's air an d' ràinig tu riamh. Na dean tàmh gus an teid thu ni 's faide air t-aghaidh na chaidh tu roimhe: Oir 's dearbh gu bheil tuille fhathast r'a dheanamh: agus 's ann a mhàin le dian-strì gu dol air t-ais ni 's mò agus ni 's mò.

12. Tha mi 'g innse dhuit gu bheil e feumail thu ghnàthachadh nam meadhona sin cho grad 's a's urrainn duit; no theagamh gu m' mothaich thu dhuit fein a' dol air t'ais le tuille cabhaig na tha dùil agad; agus faodaidh tu bhi air t-fhàgail le Dia gu tuiteam am peac-adh gràineil anntrom, a lionas do choguis le cràdh agus le h-oillt, nach dean goimh chnàmhain bristeadh, Salm li. 8. ach gu ro fhann a chuir an céill.

*Urnuigh air son neach a tha dol air ais na chreideamh.*

" O Iehobhah bhith-bhuain agus neo-chaochlaidich! tha t-iomlanachd agus do ghloir cosmhuil ri d' bhith, neo-chaochlaideach. Tha do Mhac, Iosa, an dè, an diugh, agus gu siorruidh an Tì ceudna, Eabh. xiii. 8. Tha 'n saoghal siorruidh chum a bheil mi a sior-thriall, do ghnà san aon tomhas feumalachd, agus a dian ear-alachadh am barrachd cùraim a ghabhail dheth, a réir mar tha e tarruinn ni 's faigse oirn. Ach mo thruaighe! tha mo bheachdsa, mo thograidhean, agus mo ruin-shuidhichte is fearr, a sìor-chaochla, cosmhuil ris a chorp bhochd so, gu lathail a'g atharrachadh na staid agus na chor. Cia as, O Thighearn a thainig an caoch-la truagh so! a tha mi nis a' mothachadh am inntinn ad' thaobh-se? C'ar son nach urrainn domh teachd a t' ionnsuidhse le muinghinn agus le gràdh Mic, mar b' àbhaist domh? Cia as a thainig m' anam a bhi claonadh bhuat? C' ar son a tha mi cho fuar mi chùramach 'an àm aoraidh a thoirt duit? Agus c'ar son a tha bhi ga chleachdadh cho mi-thaitneach dhomh san àm so, ni a b' àbhaist mòr shòlas a thoirt domh? C' àit', O Dhia, a' bheil an sonas air an do labhair mi roimhe so, 'n uair a bha m' aoibhneas annad mar m' Athair néamhaidh cho

ro chomharraichte, 's gun tugadh coigrich an aire dha ; 's an uair a bha mo chridhe air a lionadh le gràdh dhuit, agus le eud chum do sheirbhis, ionnas nach b' fhurasda dhomh togradh laidir m' anma 'an tòir ort a chleth, 'nuair a bha crionnachd agus dleasannas ga iarraidh ?

" Mo thruaighe, a Thighearna ! c' àit a thuit mi ! tha do shùil a sìor-dhearcadh orm fhathast; ach, mo thrnaighe! cia neo-chosmhuil ris mar bu ghnà leatha m' fhaicinn ! Caoin-shuarrach agus neo-mothachail mar tha mi, bheir a bhi smuaineachadh air rughadh am' ghruaidh. Tha thusa ga m' fhaicinn an uaigneas, Matt. vi. 6. agus faodaidh e bhith, gu bheil thu ga m' fhaicinn gu minig ga m' thoileachadh féin le faoineachd san ùin' a b' àbhaist domh a choisrigeadh gu follaiseach chum do sheirbhis-se. Tha thu gu'm faicinn a tighinn a t' fhianuis mar gu'm b' ann a dh' aindeoin ; 'san uair a tha mi a d' làthair, cho chuibhricht' a m' spiorad, 's gur gann a tha fios agam ciod a their mi riut, ged is tu an Dia ris a bheil mo ghnothach, agus gur e co-chomunn iriosal agus dleasannach a chumail suas riutsa priomh obair mo bheatha. Agus an uair a bhios mi labhairt riut, cia fuar agus a réir riaghailt a bhitheas e ? Faodaidh e bhith gur e h-ann gniomh nan smuainte agus saothair nam bilean : Ach c' àit' a nis a bheil na tograidh dheothasach agus dianghluasad an geall air Dia bu chleachda leam fhaireachdainn ? C' àit a bheil an suaimhneas taitneach a b' àbhaist a bhi agam annad, le bhi dlù do m' fhios dhiadhaidh, le bhi sona san dlù-dhaimh sin, agus a' cuir romham, nam bu chomasach e, nach tugta tuilleadh uaithe mi ? Ach mo thruaighe ! 's fhad' a chuireadh uaithe nis mi. An uair a bhios an t-aoradh goirid sin, ma dh'-fhaodar aoradh a ràdh ris, tharais, nach fhad a tha mi rithist ga d' dhi-chuimhneachadh, agus cho neo-chosmhuil ri bhi air mo bheothachadh le d' ghràdh, agus cho beag air mo thoirt suas chum do sheirbhis, 's gu'm faodadh coigreach bhi iomadh greis a' cainnt rium gun a thoirt fa'near gun robh eolas riamh agam ort, gun a thuigsinn gu 'n cuala mi urrad agus iomradh air Dia !—Tha thu, O Thighearna ! air do latha naomha ga m' ghairm a chum do thighe féin ; ach mo thruaighe 's neo-shunntach m' aoradh ann. Tha mo smuaintean agus mo thograidhean 'an toir air cuspairean eile, am feadh a tha mi tarruinn dlù dhuitse le m' bheul, agus a' toirt onoir dhuit le m'

bheul, agus a' toirt onoir dhuit le m' bhilibh, Isa. xxix. 13. Tha thu toirt cuireadh dhomh chum do bhùird, ach tha mo chridhe cho reodhta 's gur gann a leaghas e aig bun a chroinn-cheusaidh; 's gann a mhothaicheas e éifeachd air bith ann am fuil Chriosd. Och is duine truagh mi! cha'n fhiù mi bhi air mo ghairm leatsa! tha mi neo-aithrigh air àit' a measg do chloinne, no an drenchd is neo-inbhich' a d' theaghlach; ach 's ann is mò a thoill mi bhi air mo thilgeadh mach, chum bhi air mo thréigsinn, seadh gu bhi gu tur air mo leir-sgrios!

"An e so an t-seirbhis, O Thighearn, a gheall mi roimhe so dhuit, 's a bha 'cho lion dlighe agad air fhaotainn? An e sin a chomain a tha mi dìoladh an éirig do chùraim fhreasdalaich m' am thimchioll, iobradh do Mhic, co-pairteachadh do spioraid, mathanas am pheacaidh ann-tromaichte gun àireamh, agus air son dòchas na glòire? O Thighearna, 's nàr leam seasamh, no mo ghlùn a lùbadh a' d' làthair. Ach gnidheam ort, gabh truas diom, agus dean còmhnadh rium: Oir 's aobhar thruais da rìreadh mi! Tha m' anam a' leantainn ris an ùir, agus ga irisleachadh féin mar 'san duslach a d' lathair; ach O, beothaich mi a reir t' fhocail! Salm cxix. 25. Na ceadaich dhomh bhi ri faoineachd ni's faide, oir tha mi air bruaich àite corrach! Tha mi smuaintеachadh air mo shlighibh, Och builich gràs orm chum mo chasan a philleadh ri d' theisteasaibh; chum deifir a dheanamh, gun tuille màirneil chum t'àitheanta a choimhead! Salm cxix. 59, 60. Rannsaich mi, O Thighearn, agus dearbh mi! Salm cxxxix. 23. Theirig a chum freumh-bhuna na h-éucail so, a ghabh greim air m' anam, agus ath-bheothaich uaithe mi! Leig ris domh, O Thighearn am peacadh, chum gu 'm faic mi e le gràin! agus nochd dhomh an Tighearn Iosa Criosd an seadh, gun amhairc mi air, agus gun dean mi caoidh, Sech. xii. 10; gum faod mi amharc air agus gràdh a thoirt dà! Deònaich dhomh dùsgadh as a mharbh-chadal so, anns a bheil mi a' tuiteam; agus gun deònaicheadh Criosd domh am barrachd tomhais de 'n bheatha spioradail, agus do thogradh, na fhuair mi riamh roimhe! agus gun robh mi air mo bheothachadh agus air mo neartachadh leis-san, air chor 's gu'm buannaich mi tuille 's na chaill mi, agus gun téid mi air m' aghaidh ni 's luaithe na chaidh mi san am a b' fhearr a bha riamh agam! Doirt

a nuas, orm, O Thighearna, gu saibhir pailt drùghadh àidh do dheagh spioraid! Gun gabh e comhnuidh annam, mar ann an teampull a chaisrig e dha féin, 1 Cor. iii. 16; 's am feadh a bhitheas an t-seirbhis uile air a stiùradh agus air a riaghladh leis, gun robh iobairtean naomh agus taitneach air an gnà-thairgse! Rom. xii. 1; gun robh 'n tùis bitheant agus cùbhraidh! gun robh 'n teine coisrigte a' sìor losgadh agus a lasadh, Lebh. vi. 13; agus mior robh a h-aon d'a shoitheachan am feasd air am mi-naomhachadh, le bhi air an gnàthachadh gu feum truaillidh no toirmisgte! *Amen.*"

## CAIB. XXIII.

*Cor muladach tuiteam ann am peacadh le làn fhios, an deigh e-féin a thoirt suas do Dhia gu follaiseach, agus teachd cailcigin air aghaidh ann an diadhachd.*

1. 'S EIGIN an dol air ais a dh-ainmich mi sa chaibidil roimh, aideachadh gu bheil e aithrigh air caoidh ghoirt; ach is sona a bhios tu, a leughadair ghràdhaich, mar bi o t' fhiosrachadh féin mothachadh agad air staid is muladaiche na sin. Theagamh an uair a bheir thu fainear am beachd a tha agad an dràst air a chuis, gun saoil thu nach comasach do dh-aon ni a thoirt ort deanamh an aghaidh earail do choguis agus spiorad Dhé a tha 'g oibreachadh oirre. Air leat gu 'm b' fhearr leat bàs fhulang. Agus tha barail cheart agad. Ach shaoil, agus thuirt Peadar an ni ceudna: Ge do b' eigin domh bàsachadh maille riut, cha 'n àicheadh mi thu, Mat. xxvi. 35. 'S an deigh sin uile, thuit e: Uime sin na bi àrd-inntinneach, ach fo eagal, Rom. xi. 20. Cha 'n 'eil e eacomasach, nach faod thusa tuiteam 's a' cheart pheacadh sin, is lugha a shaoileas tu a tha do chunnart ort tuiteam ann, no anns a pheacadh sin is mò a chuir thu romhad nach biodh tu ciontach dheth, agus air son an d' rinn thu aithreachas goirt cheana. Faodaidh tu tuiteam a rithist agus a rithist anu, ach, mo thruaigh! ma ni thu sin, ged nach dean thu e ach aon uair le d' làn toil agus gu h-andana, 's goirt a lotas e do chridhe? 'S daor a dhiolas tu air an t-sòlas a fhuair thu ann.

Cionnas a chuireas e sgaoileadh eadar Dia agus tu féin? Ciod am fasachadh uamhasach a sgaoileas e air feadh t-anma? 'S dòlasach an ni smuaineachadh air. Faodaidh e bhith gum mothaich thu fo shamhuil sin do staid tuille craidh agus àmhghair, na mhothaich thu an uair a fhuair thu a cheud dùsgadh, 's a chaidh t-iompachadh; a chionn gu bheil nithe ro anntrom an co-lorg a pheacaidh, a bharrachd air na bh' ann a' d' staid neo-iompaichte. 'S math a b' aithne dhomh an neach a thuirt, "Nach robh goimh a pheacaich ann an spairn a cheud aithreachais, r'a chuir an coimeas ris na bha an cul-shleamhnaiche na chridhe a' fulang, an uair a lionar e le shlighibh féin, Gnath. xiv. 14.

2. Gu dearbh 's leoir e lot cridhe duine, bhi smuaineachadh cia mar lotar do chridhse: Mar bhios t-uile shòlasan t-uile dhearbhaidhean, t-uile dhòchais fo dhubhar; 's mòr an dorchadas a sgaoileas e-féin air gach laimh, air chor 's nach bi grian, gealach, no reulltan r'a fhaicinn a' d' fhlaitheas-sa. Falbhaidh do shòlais spioradail; agus bithidh do mhealtuinn shaoghalta gun bhrìgh gun bhlas. Agus ma thig àmhghair ort, mar is iomchaidh gun tig, a chum do thoirt air t-ais, ni mothachadh air do chionta an t-saighead a gheurachadh agus a phuiseanachadh. An sin éiridh àrd nàmhaid t-anma suas a' t' aghaidh le uile innleachd agus le uile chumhachd, a' gabhail misnich a chionn gun do thuit thu, agus ri dian shaothair a chum do chuir fodha an leir-sgrios ea-dòchasach. Bheir e oidhirp air impidh a chuir ort gu bheil thu cheana caillte gun seol agad air bhi tearuinnte. Cuiridh e 'n céill duit nach eil feum tuille dhuit oidhirp a thoirt air; nach dean gach oidhirp, gach ath-leasachadh, agus gach aithreachas a ni thu, ach do chor a dheanamh ni's measa, agus do chuir ni's faide agus ni's doimhne fodha ann an ifrinn.

3. Air an doigh so bheir e oidhirp air do chumail air t'ais o 'n chobhair chinntich sin a ta fhathasd a' d' chomas. Ach na géill dà. Bithidh do chor ro bhrònach; agus m' as e so do chor 's cheart àm so, tha e cheana mar sin; agus bhiodh buanachadh ann gu mòr ni bu mheasa. Bhiodh do chridhe a' fàs ni bu chruaidhe; agus cha b' ion fiughair a bhi ri aon ni ach leir-sgrios anntromaichte. Gidheadh buidheachas do Dhia, Cha 'n 'eil e fhathasd cuibhte gun dòchas. Tha do chreuchdan breun air son

t-amaideachd, Salm xxxviii. 5. ach cha 'n 'eil do bhréine air chor 's nach gabh e leigheas. Tha ioc-shlaint ann an Gilead; tha léigh an sin, Ier. viii. 22. Air an aobhar sin na dean do chor ni 's measa le a ràdh a nis, nach eil dòchas ann, Ier. ii. 26.; agus co-dhunadh milleach a tharruinn o'n bharail chealgaich sin air son dol an déigh nan iodhal a ghràdhaich thu. Ceadaich dhomh t-earalachadh an caiinnt Dhé do shluagh cùlshleumhnach, an uair a bha iad ullamh gu a bharalachadh gu 'm b'e sin an cor féin, agus a shamhuil sin de cho-dhunadh a tharruinn uaith: A mhàin pill riumsa ars' an Tighearna, Ier. iii. 1, 13. Glaodh air son gràis athnuadhaichte; agus na neart oidhirpich pilleadh. Eigh le Daibhidh, fo a leithid do chionta; chaidh mi air seacharan mar chaoirich chailte, iarr t-òglach; oir cha do dhi-chuimhnich mi t-àitheanta, Salm cxix. 176.; agus tha dòchas agam gur comharradh air mhath thu bhi 'cuimhneachadh mar sin orra. Ach ma tha thu idir a cuir romhad pilleadh, dean e air ball. Na toir aon cheum tuilleadh air an t-slighe mharbhtaich sin, a chum an deach thu thaobh. Na smuainich aon pheacadh eile chuir ris a chunntas; mar nach biodh ann ach an t-aon chuid air a cheann ma dheireadh. Faodaidh am mearachd mu dheireadh bhi ni 's measa no a cheud mhearachd; faodaidh e tuilleadh 's tuilleadh a tharruinn as a dheigh, agus an deireadh a bhi ni 's measa na 's urrainn duit a shaoilsinn. Uime sin dean cabhag, agus na dean maille. Tàr as, agus teich air son t-anma, Gen. xix. 17. m' an téid an t-saighead troi t-àinean, Gnath. vii. 23. Na toir cadal do d' shuilibh, no clòchadail do d' rosgaibh, Gnath. vi. 4. No dean laidhe sìos air do leabaidh fo chionta gun a maitheadh, an t-eagal gun glac olc thu; air eagal gu 'm buail claidheamh ceartais Dé thu 's am feadh a tha thu a' cuir romhad pilleadh am màireach, gu 'm b' éigin duit dol an nochd féin agus seilbh a ghabhail 'an ifrinn.

4. Pill gu grad; agus ceadaich dhomh a ràdh, pill gu dùrachdach. Tha cuid do dhiadhairean ro chràbhach agus oirdheirc a labhairt m' an doigh so, air mhodh a tha buailteach do mhi ghnàthachadh cunnartach; an uair a ta iad a 'g earalachadh dhaoine an deigh dhaibh tuiteam, "gun fhuireach ris an àit a thoirt a fainear no a smuaineachadh cionnas a thachair dhaibh tuiteam, ach

grad éirigh agus a cho-ruith athnuachadh." An cùisibh is neo-chudthromaiche na sc, tha chomhairle gu math: Ach far an d' fhuilig a choguis na h-urrd dhochair le peacadh anndàna agus toileil a chuir an gniomh, (ni tha dòchas agam nach tachair ach ainmig dhaibhsan a dh' inndrinn gu dùrachdach air beatha chràbhaich,) cha 'n fhaod mi a mheas gu bheil aon chuid reuson no sgriobtur a' toirt misnich do leithid de dhòigh. Gu h-àraidh am biodh e neo-iomchaidh, ma bha an gniomh féin do ghnè cho uamharra, 's gum biodh tuiteam ann leis a bhuaireadh bu treise agus a b' obainne na mhòr aobhar nàire, geilt, agus àmhghair do 'n anam. Tha a shamhuil sin do chùis anbharra cudthromach, agus feumar buntain ris a réir sin. Mae e so do chor brònachsa, a leughadair chruaidh-fhortanaich, 's truagh leam thu, agus ni mi bròn os do cheann; agus ghuidhinn ort, mar tha spéis agad do d' shìth, do d' shaoradh, agus do shlainte agus do bheatha t-anma, nach cuireadh tu dàil car aon uair ann. Imich gu grad an uaigneas gu smuainteachadh gu dùrachdach. Leig dhiot gach ceangal agus gach gnothach eile tha agad mu laimh, mar bi iad do sheorsa nach ceadaich do choguis dhuit dàil a chuir annta car uair no dhà, ni is ainmig a thachras man chùis ma bheil sinn san àm. *'S e so an t-aon ni feumail.* Cuir thu féin air a shon ma ta mar ann am fianuis Dé, agus éisd gu fonnmhor foighidneach ris an iomlan dheth na th'aig do choguis r'a ràdh, ged' a bheir i beum agus achasan goirt duit. Seadh, guidh gu dùrachdach, gun labhradh Dia riut trid do choguis, agus a thoirt ort aithneachadh agus fhaicinn gur olc agus searbh an ni, gun do thréig thu e, Ier. ii. 9.—Smuainich air gach ni anntrom a tha 'n co-chuideachda do chiontaidh; agus gu h-àraidh smuaintich orrasan a tha 'g éiridh o throcair agus mathas air am mi-ghnàthachadh; ni nach eil a'g éiridh, a mhàin o d' bhòidean agus o d' cheangail do Dhia, ach o 'n t-sealladh a bh' agad air gràdh an Fhirshaoraidh, air a nasgadh eadhon am fuil. Agus an e sin na tha aige na éirig? Nach bu leoir gun deanta na h-urrad so do dhochair air Criosd le naimhdibh? An éigin gun lotar e an tigh a chàirdean cuideachd? Sech. xiii. 6. An robh thu air do thoirt thairis, a dh-oibreachadh an samhuil sin de ghràinealachdan? Ier. vii. 10. An d' fhuilig do Shlànuighear beannaichte osnaich, agus bàs air do shon

a chum gum peacaicheadh tusa le dànadas agus saorsa, gu 'm faodadh tu spiorad agus brìgh a pheacaidh, mur gu 'm b' ann, a dheothal, agus corruich a chuir air Dia leis na h-urrad mhi-thaingealachd agus thruailleachd, a bhiodh air atharrachadh, a thaobh nàduir nan nithe, ea-comasach? Ach smuainich cia cho ceart-bhreitheach 'a a dh' fhaodadh Dia do thilgeadh a mach as fhianais! cia ceart-bhreitheach a dh' fhaodadh e t-àireamh am measg cuspairean a dhioghaltais! agus smuainich, cionnas a dh' fhuilgeas do chridhe, na bhios do lamhan làidir, ma bhuineas e mar so riut! Esec. xxii. 14. Mo thruaigh! meudaichidh gach fiosrachadh a bha agad roimh do mhothachadh air an leir-sgrios agus air an truaighe, is eigin fhaireachadh ann a bhi gu siorruidh air t-fhògradh o làthaireachd Dhé agus o dheagh ghean.

5. Araich an samhuil sin do smuaintibh. Gabh beachd air do pheacaidh, air mhodh cho iriosal ris a so. Mar is gràineile agus is cràitich a sheallas e, 's ann is mò is ion sùil a bhi agad ri sochair fhaotainn leis an aire thoirt da. Ach cha 'n 'eil a chùis ri stad an so. Cha 'n e rùn nan smuaintean sin do chràdh, ach do leigheas; agus gun an tuilleadh cràidh a chuir ort, ach, na dh' fhaodar gu cuideachadh a dheanamh leis an leigheas. Tha thu gun amharus ri amharc air a pheacadh: Ach tha thu mar an ceudna san staid so, ma ni thu am feasd e, ri amharc air Criosd; sealltuinn air-san, a lot thu a nis ni's doimhne na rinn thu roimh, agus ni thu caoidh air a shon le treibhdhireas agus le caomhalachd, Sech. xii. 10. Tha 'n Dia sin air an d' rinn thu dochair 's air an do chuir thu masladh, a bhris thu a reachdan, 's a thug thu, (mar g' am b' ann) dùlan d'a cheartas leis a chul-sleamhnachadh amaideach agus thruagh so, gidheadh na Dhia trôcaireach, Deut. iv. 31. Cha 'n urrainn duitse bhi cho toileach pilleadh ris-san 's a tha e-san gu gabhail riut-sa. Tha e 'n ceart-uair (mar g' am b' ann) a furan réite ort, leis na tograidh chaomh sin a tha e 'g oibreachadh air do chridhe. Ach cuimhnich cionnas a ta e ri réit' a dheanamh. 'S ann air a cheart doigh a thainig tu 'n toiseach d'a ionnsaidh: an ainm agus air sgàth, a Mhic ionmhuinn. Thig uime sin, le earbs' iriosal as. Ath-nuadhaich do theachd a dh' ionnsaidh Chriosd, chum gum bi fhuil (mar g' am b' ann) air a crathadh air t' anam, chum gu 'm bi t' anam leis a sin air a ghlanadh, agus do chiont' air a

thoirt air falbh. Bha a cheart pheacadh so agad, a chunnaic an Dia beannaichte roimh-laimh, a' meudachadh tomhas fulangais do Shlànuigheir: Bha e na mhàthair-aobhair air fhuil a dhortadh. Falbh gu h-iriosal, agus càirich do chreuchdan, (mar g' am b' ann) fo shileadh na h-ioc-shlaint àigh sin, leis am faod iad a mhàin a bhi air an leigheas. Gabhaidh an Slànuighear iochdmhor sin tlachd ann an gabhail riut a rithist, an uair a bhios tu aig a chasan mar achanaich iriosal, agus gabhaidh e gu gràsmhor do phàirt anns an t-sìth agus anns an t-sonas sin a tha e a' toirt seachad. Tridsan athnuadhaich do chumhnanta ri Dia, an cumhnanta sin a bhris thu, ni a dh' fhaodadh ceartas Dé a bhriseadh a theagasg dhuit aithneachadh le nithe uamhasach an ceartas, Salm lxv. 5. Ach tha tròcair a' ceadachadh a dheanamh suas. Deanadh an dearbh-chinnt a th'agad air a bhriste sin do bhrosnachadh gu dheanamh suas le inndrinn an coi-cheangal ùr, fo bharrachd mothachaidh na bh' agad riamh air do laigse féin, agus le tuilleadh earbs' a' gràs Dé ga d' neartachadh chum a choimhead, na rinn thu roimh. Tha fios agam gum bi nàir ort thu-féin a thaisbeanadh am measg cloinne Dhé na thigh aoraidh, agus gu h-àraidh aig a bhòrd naomh, le mothachadh air na h-urrad chiont-aidh: ach cuir do nàire air cùl, ma bheir am freasdal comas duit. Bi'dh tu air t-irioslachadh am fianuis t-Athar air an do chuir thu corruich: ach cha 'n 'eil àit' is dàch' thu bhi air t-irioslachadh, no na thigh, agus cha 'n 'eil òrdugh is dàcha gu sin a dheanamh, na an uair a chi thu Criosd gu soilleir air a chuir an céill fa chomhair do shùl mar air a cheusadh, Gal. iii. 7. 'S iad peacaich na h-aon daoine, aig a' bheil gnothach san àite sin. Tha na daoin' is fearr a' teachd a chum a bhùird naoimhe sin mar pheacaich. Mar sin thig thusa d'a ionnsaidh; seadh mar am peacach is mò; mar neach aig am bheil na h-urrad fheum air fuil Chriosd 's a th'aig aon neach fo 'n ghréin.

6. Leig dhomh aon ni eile chuir a' d' chuimhne: Ma bha do chionta-sa air doigh 's gun tug e sgainneil air muinntir eile, na biodh umhail agad air coslais a sheach-nadh, agus air an doilgheas sin a lughdachadh a dheanadh trom irioslachadh nan lathair oibreachadh. Tha meud agus cràdh an striochdadh sin na chungai-leighis ro shònraichte a dh' òrduich Dia na mhòr mhathas dhuit na shamhuil sin do staid. Na leithid sin do staid, aidich

do chionta gu neo-sgrubail: Na h-antromaich e gus a chuid is faide: Iarr maitheanas agus ùmnigh, orrasan air 'n do chuir thu corruich. An sin, 's cha 'n ann am feasd gu sin, bithidh tu air an doigh gu sìth bhi agad. Cha 'n ann le sgàil a chuir air do chionta, no le leith-sgeulan faoine a-ghabhail, no idir air son na doigh air an do ghnàthaich daoin' eile thu-féin; mar g' ann biodh comhairle dhìleas air a toirt seachad le pailt tuille 's a chòir de dhùrachd, na chionta cho mòr ri peacadh eigin gràineil bu choireach ris. Cha 'n fhaod so sruthadh ach o bhuaireas uaibhreach agus bho fhéin-spéis: 'S e sin feargachadh crenchd, a tha air cruadhachadh, air at, agus air con-fhadh; agus 's éigin da bhi air a thraoghadh, air fhionnarachadh, agus air a thaiseachadh, m' an gabh e leigheas. Cha bhi achasan fhaotuinn o dhaoine, ach na chùis fhaoin le anam tha air irioslachadh le trom mhoth-achadh bhi aige gun do thoill e bìnn breth Dhé.—'S fearr le a shamhail sin do dhuine Dia a ghlòrachadh, le aideachadh bhi aithrigh air achasan; agus bithidh duilichinn air daoin' eile mhealladh, le barail a bhi aca gu bheil e ni's fearr na tha e-féin fiosrach a tha e toilltinn. 'S iad sin na tograidh a tha Dia a' buileachadh air an fhior aithreachan na shamhuil sin do staid; agus leis a sin tha e 'g a aiseag air ais chum a mheas agus a chliù sin am measg dhaoin' eile nach b' aithne dha iarraidh, ach gidheadh, tha Dia a' buileachadh air mar shòlas d'a féin, agus gu a ghnathachadh air mhodh a bhios feumail; ni nach urrainn dha fhaotuinn air aon doigh eile. Ach tha ni-eigin cho ionmholta ann coire aideachadh gu saor, agus le bhi duilich air a son, 's gum bi gach neach a chi e taitneach dheth. Gabhaidh iad truas do chiontach a tha air teachd a chum an rùin sin: agus feuchaidh iad ri toil-inntinn a thoirt da le 'n spéis agus am meas a nochda dhà.

7. Gabh leith-sgeul an iomraill so a dh' fhaodas a bhi freagarrach do staid muinntir eigin; agus a bhiodh mar sin, nam biodh teann smachd air a ghnathachadh sna h-eaglaisibh; nam biodh sin air a dheanamh, cha 'n fhaoidte teachd a chum bòrd naomh an Tighearn an deigh peacadh gràineil a chuir an gniomh, gun a chiont' aideachadh gu follaiseach, agus a nochda bhi toileach aithreachas a ghabhail. Air an laimh eile, faodaidh cùl-sleamhnachadh ro-mhòr a bhi ann, a bhios ro anntrom an

sealladh Dhé, ged nach mothaich daoine dhà. Anns a chàs so, cuimhnidh gur ann ris-san, a tha a shùil uile-leirsinneach a faicinn gach ni mar tha e, a tha do gnothach: Sleuchd ma ta t-anam sios na làthair, agus iarr sìth-réite follaiseach a dheanamh ris, air a chodhaighneachadh le cuimhneachain bàis a Mhic. Agus an uair a ni thu so, na smuainich, ged' a fhuair thu comharradh air maitheanas, gu bheil cionta do chùl-sleamhnachaidh ri bhi air ball air a leigeadh air dichuimhn. Biodh e do ghnà ann ad' aire a chum do chuir air t-fhaicill san am a ta ri teachd: Dean bròn air a shon gu tric an làthair Dhé, gu h-àraidh a' t' aoradh dìomhair: agus gabh beachd air athailtean nan creuchd sin a thug t-amaideachd ort, am feadh a ta iad trid gras Dhé air an glan-leigheas. Oir cha 'n 'eil Dia a' daighneachadh a choi-cheangail, gu mothachadh air cionta a chaidh seachad a thoirt air falbh, ach gun cuimhnich thu air do shlighibh, agus gu 'm bi nàir ort, agus nach fhosgail thu do bheul ni's mò gu bràth, air son do nàire, 'n uair a bhios mise réidh ruit air son gach uile ni a rinn thu, a deir an Tighearna, Esec. xvi. 63.

8. Agus a nis, a thaobh an iomlain, ma tha rùn ort a shamhuil sin do ghnè fhaotainn, agus ath-philleadh air an doigh sin, tuit gu grad sios am fianuis Dé, agus doirt amach do chridhe na làthair, 'an cainnt mar so:—

*Urnuigh air son aon a thuit 'am peacadh anntrom an deigh dha rùin-shuidhichte chràbhach a chuir roimhne.*

"O THIGHEARNA DHIA, ro Naomha, Naomha, Naomha! an uair o bheir mi gu dùrachdach fa 'near t-fhior-ghlaine gun smal, agus air meadhonan neo-chlaon do fhrithealaidh neo-leth-phairtich, an co-chuideachda ri d' neart Uile-chumhachdach, a tha comasach air uile smuaintean do chridhe a chuir gu grad an gniomh, faodaidh, mi gu ceart-bhreitheach a bhi air an latha 'n diugh air mo nochdadh a t'fhianuis le nàir' agus namhann, le rughadh gruaidhe agus buaireadh spioraid. Bu mhiann leam, O mo Dhia! air an latha eagalach so, amharc, air m' ais air ceud-thobar ar cionta agus ar truaighe, eadhon air cionta ar ceud-sinnsir, agus a ràdh le Daibhidh a chiontaich a t' aghaidh, feuch an euceart dhealbhadh mi, agus ann am peacadh ghabh mo mhàthair mi 'na broinn, Salm li. 5. Agus b'è mo rùn a bhi dubhach air son na cionta

sin do m' thaobh féin. Agus mo thruaighe cia lionmhor cionť a tha sruthadh naith sin! Faodaidh cuimhneachadh air peacaidh mo staid neo-iompaichte, agus air fàilnean agus laigsinn mo bheatha an deigh sin gu cothromach mo chuir gu nàire! cia mòr is mò na sin na tha nis sgaoilte ri m' chognis féin agus ri d' shùil tha uile leirsinneach? Oir 's aithne dhuits', O Thighearna m' amaideachd, agus cha 'n 'eil mo lochdan falaichte ortsa, Salm lxix. 5. Dh-àireamh thu mo sheachrain o' d' reachd, Salm lvi. 8. 'S léir dhuit agus tha thu cuir sios gach easumhlachd agus ceannairc a tha mi 'cuir an gniomh a' t' aghaidh. Tha thu gam faicinn air gach doigh anntrom is urrainn domh a thoirt fainear; agus air iomadh doigh nach do thùr mi riamh.—Cionnas ma ta a thig mi a' t' fhianuis, na thogas mi m' aghaidh riut. Tha mi lan maslaidh, Iob x. 15, agus tha mi-ghean diomhair orm gur h-eigin domh teachd a' t' ionnsaidh. Ach, O Dhia! co dh' ionnsaidh bu chòir dhomh dol, ach do t' ionnsuidhse! Eoin vi. 65. A' t' ionnsaidhse ris a bheil mo bheatha na mo bhàs 'an earbsa; a' t' ionnsaidhse a tha a mhàin comasach air uallach mo chionta a thoirt diom, a tha san àm ga m' chromadh a chum an duslaich; a tha a mhàin comasach air an t-sìth agus an fhios sin a chaill mi aiseag dhomh, 's a thoill mi a chaillinn am feasd?

"Feuch mi, O Thighearna, Dhia, a' tuiteam sios aig do chasan! Feuch tha mi 'g aideachadh bhi ciontach a' d' làthair, agus tha mi a striochda do 'n cheartas sin o nach urrainn mi dol as! Cha 'n 'eil aon fhocal agam r'a ràdh 'am leithsgeil féin. An àite cainnt a ghabhail mo leithsgeil, cha 'n urrainear cainnt laidir ni's leoir a ghnàthachadh a chuir an céill duaichneachd agus meud mo pheacaidh. 'S ann agads' a mhàin, O Dhia, a tha dearbh-fhios air a ro anntromaichead. 'S e do ghliocas neo-chriochnach-san a tha comasach air a làn thomhas. Tha mis', air iomadh doigh, ea-comasach air a dheanamh. Cha 'n urrainn domh mòr-luach fala do Mhic ghràdhaich, air an d' rinn mi tàir' a mheas: no mòr-urram do Spioraid bheannaichte a bha mi 'cuir 'an aghaidh oibreachaidh le m' uile neart, 's a bha mi mar g' ann b' ann, a sìor chuir as a bhun an gràs slainteil sin, bu chàra dhomh a bhi dion le m' bheatha, agus ga uisgeachadh le m' fhuil. Och mo thruaighe! bu bhochd ea-céilliidh mo chaithebeatha, gun deanainn air an doigh so, mar g' am b' ann,

creuchdan m' anma a reubadh, a bheireadh o cheann fhada mo bhàs, m' ar càireadh do lamh féin cùngaidh leighis rium, m' ar dòirteadh do Mhac fhuil luachmhor chum ullachadh ! gu 'm bristinn an coi-cheangal a rinn mi riut le ìobairt, Salm l. 5, le cuimhneachainn air a shamhuil sin de dh-ìobairt, eadhon Iosa Criosd mo Thighearna, leis a bheil mi ciontach da chorp agus da fhuil ! 1 Cor. xi. 7, gun tugainn na h-urrad de mhi-chliù air diadhachd, le giulan co neo-chiatach, agus theagamh ceann-fà a thoirt da fhior naimhdibh air tailceis a dheanamh air le m' ghiulan-sa, agus gu fuath a thoirt da chum an leir-sgrios féin !

" Tha ìoghnadh orm, O Dhia, gu bheil mi air mo chaomhnadh a dh' aideachadh so uile. 'S ìoghnadh leam nach do nochd thu thu-féin fada roimhe so mar fhianuis luath am' aghaidh, Mal. iii. 5. ; nach do thilg thu tàir-neanach do chorruich loisgich orm, agus mo thilgeadh do dh-ifrinn ; agus mo dheanamh 'am uabhas do gach neach a bhiodh m' am thimchioll, cho math agus domh féin, trid dioghaltais agus leir-sgrios a bhiodh comharraichte san ionad chlaoidhteach sin, far a bheil gach aon neach truagh agus ea-dòchasach.

" O Dhia, tha t-fhoighidin ro iongantach ! ach is ro iongantaiche do ghràs, a tha 'n déigh so uile a' toirt cuireadh dhomh a t-ionnsuidh ! Am feadh a tha mi 'n so a' tabhairt breathanas 'am aghaidh féin, gur aithrigh air bàs mi, eadhon air bàs siorruidh, tha thus' a' cuir 'am ionnsaidh briathran na beatha shiorruidh, agus ga m' ghairm mar leanabh a chùl-sleamhnaich, chum pilleadh riut, Ier. iii. 22. Feuch uime sin, O Thighearna, tha mis' a' teachd a t' ionnsaidh air cuireadh t' fhocail, agus air iarrtas do"ghràis ; agus ge lionmhor mo pheacaidh, tha mi gu h-ùmhail a' guidhe ort saor mhaitheanas a thoirt dhomh annta ; do bhrì gu bheil fios agam, ged aràinig mo pheacannan nèamh, Foil. xviii. 5. ; agus ged a thogadh suas iad chum nan speur, Ier. li. 9. ; gu bheil do thròcair s', O Thighearna, os ceann nan nèamh, Salm cviii. 4. Deònaich dhomhs' an tròcair sin, O Athair nèamdaidh ; agus foillsich air an doigh chomharraichte so, saibhreas do ghràis, agus éifeachd fala do Mhic ! oir 's cinnteach, ma dh' fhaodar peacaidh cho anntrom ann an dath ri m' pheacaidh-se, a dheanamh gheal mar shneachda, agus mar olainn, Isa. i. 18. ; agus ma bheirear

ceannairceach mar tha mis' a steach do ghlòir shiorruidh, 's eigin, cho fad' sa chluinnear iomradh air, gum bi an domhan air a lìonadh le iongantas, agus flaitheas le moladh ; agus faodaidh am peacach is ciontaiche maitheanas iarraidh, ma 's e 's gu 'm faigh mis' e, a tha am chiontach cho mòr. Agus Och, 'n uair a laidheas mi sios a' cumhadh agus fo leòn aig do chasan, cho fad 's a chi thu iomchuidh, gum bu deonach leat m' anam a leigheas a pheacaich a' t' aghaidh, Salm xli. 4, agus maise an àite' luaithre, aoibhneas an àite bròin, agus éididh mholaidh an àite spioraid airsneil a thoirt domh! Isa. lxi. 3. Och gum bu deònach leat gàirdeachas do shlainte aiseag dhomh, agus gu 'n cluinn mi guth subhachais, chum gun dean na cnàmhan a bhris thu gàirdeachas ! Salm li. 8, 12, 's an sin 'nuair a bhios mothachadh agam gun d' fhuair mi maitheanas, cuiridh mi an céill do ghràs do dhaoin' eile ; teagaisgidh mi do luchd-easontais do shlighibh, agus iompaichear peacaich a t-ionnsuidh, Salm li. 13. Bithidh misneach air a thoirt dhoibhsan chum t' iarraidh a chùlsleamhnuich bhuat, leis mar thachair dhomhsa, ni a chuireas mi gu follaiseach ait an céill chum do ghlòire-sa, ge d' a robh e gu rughadh gruaidhe agus nàire dhomh fhéin. Agus gu ma h-e gàirdeachas so an Tighearna, mo neart ! Neh. viii. 10, chum agus leis gun dean mi seirbhis duit a so suas le togradh, agus fada thairis air na b' aithne dhomh roimhe so !

" B' àill leam so iarraidh le strìochda iriosal chum do thoil ; oir cha ghabh mi de dhànadas orm féin na ni mòran ga iarraidh. Ma chi thus' iomchaidh mo dheanamh mar eiseamplair do dhaoine eile, le a thoirt orm triall 'an dorchadas rè uile làithe mo bheatha, agus fadheoidh dol eug fo dubhar, do thoilse gun robh deanta ! Ach, O Dhia, deonaich, air sgàth do Mhic, gum bi thu tròcaireach do m' anam peacach air a cheam fa dheireadh ; agus tabhair dhomh ionad eigin, ann an rioghachd na glòire, gad' is ann aig cosan a chuid eile do d' sheirbhisich a bhitheas e ! Och deonaich gun tabhair thu fadheòidh mi, ged' is ann trid a ghlinne is duaichnidh agus is doirche a dh' imich neach riamh, chum an t-saoghail bheannaichte sin, far nach dealaich mi ri Dia ni's mò, far nach leon mi mo choguis féin, agus nach tabhair mi eas-urram do t' ainm naomh a chaoidh ! an sin cuirear mo theangadh fa sgaoil, ge b' e sam bith fhad 's a bha i fo chuibhreach fo mhoth-

achadh air cionta ; agus ìocar cliù neo-chriochnach do 'n fhuil bhuadhair sin, a shaor mo leithidse de thraill ghraineil do 'n pheacadh, 's a 's éigin domh aideachadh a tha mi, 's a thug mi o dhaorsa agus o thruailleachd, a dh' fhaighinn co'-pairt de dh-urram agus de naomhachd na muinntreach sin a tha na'n rìghrean agus na'n sagartan do Dhia, Foil. i. 6. *Amen.*

## CAIB. XXIV.

*Staid a Chriosduidh, agus Dia a' falach a Ghnùis air.*

1. Tha cor ann a tha gu minig a' tachairt am beatha a Chriosduidh, ris an abair iadsan a tha gan cleachdadh fein ri cràbhadh, falach gnùise Dhé. Is focal e tha air a ghabhail an iasad o fhocal Dé, ni tha dòchas agam a chumas e o thàir' a dheanamh air an uair a chluinnear an tùs iomra air. Bheir mi oidhirp air a mhìneachadh sa chaibidil so cho soilleir 's a 's urrainn domh, agus an sin bheir mi comhairl' ort ma thimchioll do ghiulain féin, an uair a dh' éireas duit tuiteam fodha, ni a ta ro chunnartach tachairt m' an criochnaich thu turas na beatha so.

2. Faodar a bhrigh a thuigsinn an càil o'n fhocal, Dia a thoirt air a ghnûis dealradh air neach, no solus a ghnùis a thogail air. Tha so a' giulan caileigin de shamhla ris an fhiamh thoilichte agus thaitneach sin a bhios air gnùis caraid, agus gu h-àraidh air-san a bhios os ar ceann an inbh sa bheatha so, an uair a bhios e a' cainnt riu-san d' am bheil spéis agus tlachd aige. Tha Iob mar so a labhairt, an uair a tha e 'g aithris an urraim a chuir a luchdfrithealaidh air, ma ghàir mi, cha do chreid iad, agus solus mo ghnùise cha do thilg iad sios, Iob xxix. 24, 's e sin, gun robh iad cùramach na leithid de dh-àm gun aon ni a dheanamh a chuireadh mi-thlachd orm no (mar a their sinn) gu gruaim a chuir air mo mhala. 'S an uair a tha Daibhidh ro dheonach air foillseachadh fhaotainn mu dheagh-ghean Dé, ag ràdh. Tog orm solus do ghnuis a Thighearna, agus mar chomharradh air, tha e a' cuir an céill, chuir thu aoibhneas ann am chridhe, ni's mò na 'n

uair is pailte arbhar agus fion, Salm iv. 6, 7. Agus cha 'n 'eil e mi-choslach leis a chainnt a tha Daibhidh ag ràdh, nach fhaod e càileigin de shamhla a bhi aige ri dealradh soilleir an *Sechinah*, 's e sin an dealradh a ghabh comhnuidh san neul mar comharradh follaiseach air làthaireachd Dhé le cloinn Israeil, ni a bha Dia a' deònachadh gu sònraicht a nochdadh air cuid de dh-àmaibh follaiseach mar dhearbhadh air a dheagh-ghean agus air a ghabhail gu taitneach riu. Air an laimh eile, tha Dia a dh' fholach a ghnùis' a ciallachadh comharradh air a dheagh-ghean a chumail air ais, agus 's eigin a mheas mar dhearbhadh air a dhiomb. Tha Isaiah ga ghnàthachadh mar so, " Tha 'ur n-eacairtean air cuir dealachadh eadar sibh féin agus 'ur Dia ; agus dh' fholaich 'ur lochdan uaibh a ghnùis ionnas nach éisd e," Isa. lix. 2. Agus a ris, *Dh' fholaich thu do ghnùis uainn*, gun sgoinn mu na h-amhghair a ta sinn a fulang, *agus chlaoidh thu sinn air son ar n-eacairtean*, Isa. lxiv. 7. Air an amhuil cheudna, tha Dia a dh' fholach a ghnùis o ar peacaidh, Salm li. 9, a' ciallachadh amharc thairis orra, gun tuille suim a ghabhail diubh. Tha an ni ceudna air a chiallachadh air uairibh eile, le Dia a dh' fholach a shùl, Isa. i. 15, bho dhaoine a tha'n giulan neo-thaitneach leis ; 'n uair a thig iad a chuir an achanich suas d'a ionnsaidh, gun a dheonachadh, mar g' am b' ann, urrad agus amharc orra. 'S e so gu soilleir a tha 'n sgriobtur a' ciallachadh leis an fhocal ; agus a reir sin tha e gu tric air a ghnàthachadh le Criosduidhean 'nar linn-ne, agus tha gach ni dearbhadh corruich Dhé d' an taobh air a chuir an céill leis.

3. Tha e osbarr r'a thoirt fainear san àite so, nach eil na nithe a tha iad a meas nam foillseachadh air deagh-ghean Dé d' an taobh, a mhàin, no gu h-àraidh mu nithe aimsireil, no iad sin a bhuineas a mhàin do shochairibh na beatha dhiomh-buan fheolar so. Bha Daibhidh air a theagasg, ged' a bha geallainean an lagha gu minig d' an leithidibh sin, gu amharc ni 's faide, 's a' cuir an céill gu bheil iad r'an gabhail a roghainn orra, agus eadar dhealaichte bho, " shochairean an urlar-bhualaidh n' an fhion-fhàsgain," Salm iv. 7. Agus ma tha thusa ris am bheil mi san àm a labhairt aineolach gu bheil iad mar sin, tha e soilleir gu bheil thu neo-fhiosrach m' an chùis mu bheil sin a rannsachadh agus gu

bheil ceud-thòiseacha fior dhiadhachd r'a fhoghlum dhuit. Tha gach ni a tha Daibhidh ag ràdh, "mu mhaise an Tighearn fhaicinn," Salm xxvii. 4; na bhi sàsaichte mar le smior agus sàill, an uair a chuimhnich e air aleabaidh, Salm lxiv. 4.; cho math agus le mathas a thighe, agus a theampuill naomha, ri bhi air an gabhail san t-seadh cheudna, agus cha ruig iad a leas ach beag mìneachaidh do 'n anam aig am bheil fior fhéin-fhiosrachadh. Ach bithidh iadsan aig am bheil eolas air solas gnùise Dhé, agus dealradh aghaidh, a réir an tomhais eolais sin, comasach air caileigin de bharail a bhi aca mu fholach a ghnùis, no e a thoirt air falbh an dearbhadh a thug e d'a shluagh air a làthaireachd agus air a dheagh-ghean, ni a tha a' cuir air uairibh mòran mi shuaimhneas air soirbheachadh; ceart mar a ta an t-atharrachadh far am faighear e, a' deanamh àmhghair sòlasach, agus gu minig a' slugadh suas mothachadh air a thruaighe.

4. Agus ceadaich dhomh a chuir a' d' chuimhne, a charaid Chriosduidh (oir 's ann fo 'n ainm sin a labhras mi a nis ri m' leughadair,) gum faod mothachadh air gràdh Dhé, agus air a dheagh-ghean, a bhi an ùine bheag a dh' easbhaidh ortsa, ge d' a tha 'n toileachadh agad an dràsta gu bheil coinneal an Tighearn a' dealradh ort, no ged' a shaoileir gu bheil a ghrian a' dealradh, agus e an àird a mheadhon-latha air t-anam. Faodaidh tu sealladh a chall air a bheo bheachd sin a tha agad air iomlanachd agus glòir Dhé anns a bheil an dràsta na h-urrad thlachd agad a bhi bheachdachadh orra. Faodaidh tu smuaineachadh air gliocas, air cumhachd, air tròcair, agus tairisneachd Dhé, cho math 's air fhireantachd 's air a naomhachd, agus beag tlachd a mhothachadh aig t-anam annta. Faodaidh e bhi dhuit mar g 'an cailleadh tu gach barail air na briathran cudthromach sin, ge d' a bha a bhi a smuaineachadh orra air uairibh a slugadh suas t-anma le mor ìoghnadh, cliù, agus gràidh. Faodaidh tu do mhothachadh air geanmath Dhé a chall. Faodaidh e a bhi an teagamh ort am bun thu idir do Dhia, agus faodaidh uile obair a spioraid bheannaichte a bhi air fholach agus cho mòr fo dhubhar anns an anam, 's gu 'm faod na nithe sònraichte leis an robh oibreachadh aithnichte, a bhi an tomhas mòr air a chall; agus theagamh gu 'm bi thu ullamh gu bharalachadh, nach robh thu ach ge d' mhealladh leis gach

dòchas a bha agad. 'S an staid sin, faodaidh na h-ordnighean sin, anns am bheil thu an dràst a' gabhail mòr thlachd, fàs ro neo-shòlasach dhuit, eadhon an uair a bhios tu d'a rireadh a' miannachadh co-chomunn ri Dia annta. Faodaidh tu an fhirinn is taitnich a chluinntinn air a mìneachadh; faodaidh tu sochairean cloinne Dhé a chluinntinn air an cuir gu càirdeil an céill, agus gun fhios a bhi agad gu bheil roinn no crannachur agad annta; agus o 'n fhionnarachd agus o 'n neo-mhothachadh sin a bhi an lan-bharail nach eil gnothach sam bith agad riu. Agus an sin smuainichidh do chridhe uamhann, Isa. xxxiii. 18; agus fo 'n teinn anns a bheil thu faodaidh e bhith gu 'm bi thu cuir-iomchair air na sochairean is annsa leat a th' agad, gu bheil iad a deanamh na cùise ni 's measa, am feadh a bheir thu fainear gun robh aon uair spéis agad do na nithe sin, agus a nis gun do chaill thu gu buileach e. Agus theagamh gun saoil thu gu 'm bheil iadsan nach do mhothaich drùghadh càbhach riamh, ni's sona na tha thusa, gu h-àraidh ni's lugha truaighe. Faodaidh tu math a dhaoite a chuir an teagamh 'sna h-uairibh dubhach sin, an d' rinn thu ùrnuigh riamh, agus nach robh anns na bha thu am barail mu Dhia a mhealtainn, ach aiteas cealgach air a dhùsgadh suas le àrd namhaid t-anma, chum thu a shaoilsinn gun robh do chor gu math, a chum gu 'm biodh tu a' d' chobhartach na bu chinntiche dha féin.

5. Theagamh gur e so do chor rè seal; agus faodaidh tu frithealadh an diomhan air òrduighean, agus làthaireachd Dhé annta iarraidh an diomhanas. Faodaidh tu t-anam a dhortadh amach an uaigneas, agus an sin teachd a chum aoradh follaiseach, agus beag éifeachd fhaotainn ann an aon diubh; ach a bhi air do cho-éigneachadh gu gearan an t-Salmadair a chuir suas, O mo Dhia, gairmeam san là, ach cha fhreagair thu; agus san òidhche, ach cha 'n 'eil fois agam, Salm xxii. 2; no le Iob, feuch, théid mi air m' aghaidh, ach cha mhothaich mi e; air an laimh chlì far am bheil e ag oibreachadh, ach cha 'n fhaic mi e; folachaidh se e-féin air an laimh dheis, agus cha leir dhomh e, Iob xxiii. 8, 9. Air chor 's gum bi gach ni a bha cosmhuil ri diadhachd a' t' inntinn, mar g' am b' ann, air a leaghadh le bròn, no air a chìosnachadh le h-eagal, no air a chumail fodha le trom mhothachadh air do neo-aithrighead féin: leis nach bi chridhe agad urrad

agus do shùil a thogail suas ri Dia, agus cha mhòr nach bi nàir ort suidhe suas am measg luchd-aoraidh Dhé. B' aithne dhomh gu 'm b'e so staid cuid do luchd-muinntir thaghta Dhé, a bha an teachd air aghaidh an diadhachd ro chomharraichte, agus a dh' onaraich Dia os ceann mòran d' am bràithribh anns na rinn e dhoibh agus d'an trìd. Ceadaich dhomh a nis, o na chuir mi an céill duit e, caileigin de chomhairlibh soilleir a thoirt ort m'a thimchioll: agus na biodh e air a chuir as leth barail dhian-dhealasaich, a tha sruthadh o bhi ro eolach mu chùisibh, air an dara laimh, agus o rùn fìor chàirdeil air an laimh eile, chum cobhair a thoirt do'n chridhe mhaoth, chràbhach ann 's an staid aonaranaich so. Air a chuid is lugha, tha fios agam nach bi an oidhirp gun an aire thoirt dhi no idir neo-thaitneach le Ard aodhaire nan caorach, Eabh. xiii. 20; a thug àithne dhuinn co-fhurtachd a thoirt dhoibhsan a tha lag chridheach, 1 Tes. v. 14.

6. Bheirinn a chomhairl ort san àite so, a rannsachadh gu ro dhùrachdach, An ann a tha do chruaidhchais a tha thu an dràst a' faireachduinn a'g eiridh o aobhair a ta da rìreadh spioradail. No nach eil iad ag éiridh o mhi-riaghailt cuirp, no a thaobh mar shuidhich am freasdal thu sa' bheatha so, a dh' fhàodas do spiorad a leòn agus t-inntinn fhàgail dubhach? Tha a bhuaidh a th' aig buaidhean iosal ar nàduir, air a chuid is luachmhoire, an spiorad neo-bhàsmhor, am feadh a ta sinn sa' choluinn, cho leoir-shoilleir, 's nach faod aon neach furachar gun a thoirt fainear; 's gidheadh tha staidean ann, nach eil e air a làn-thuigsinn; agus theagamh gur e do chor-sa a h-aon diubh. Tha riaghailt na fola gu minig air doigh 'sa bhrosnaicheas smuainte dubhach eadhon ann am brnadaraibh, agus an t-anam fhàgail neoshunntach gu tlachd a ghabhail ann an ni sam bith. Agus an uair is ann mar sin a bhios a chùis, c' ar son a smaoinichear gur ann o dhiom Dhé a ta e a' sruthadh, mar 'eil e a' gabhail a thlachd ghnàthaichte ann an diadhachd? No c'arson a shaoilear gun do thréig Dia sinn, a chionn gu bheil e ceadachadh do dh-aobhair nàdurra toradh nàdurra a thoirt a mach, gun chuir na aghaidh le miorbhuil oibreachadh a chuir na daimh fasgaoil? An uair is ann mar so a tha a chùis, tha còmhnadh an léigh r'a iarraidh, air thoiseach air an

diadhair, no air a chuid is lugha, air gach aon chor, maille ris ; agus faodaoidh cungai-leighis, lòn iomchaidh, cleachdadh agus deagh àile, a thoirt gu crìch am beagan sheachduinean, nach tugadh an co-reusonachadh is treise, na h-earailean is drùighticheˌ no a cho'-fhurtachd is sòlasaiche m'an cuairt anns a choilion mìos.

7. An cùisibh eile, faodaidh dubhachas agus laigsinn na h-inntinn éiridh o ni-eigin neo-shòlasach 'n-ar gnothaichibh saoghalta ; faodaidh iad sin na smuaintean fhàgail dubhach cho math 's an cuir air mhearaichin, agus ar nàdur fhàgail frionasach, agus mar sin ar fàgail an tomhas àraidh, neo-iomchaidh air son seirbhis no toilinntinn chràbhach ; 's an uair a bhios a chùis mar sin, 's ann is còir cobhair iarraidh le strìochdadh do fhreasdal Dé, le 'r tograidh, cho fad sa dh' fhaodas sinn, a thogail o nithibh saoghalta, le cùram faicilleach gu sinn féin a shaoradh o'n uallaich cho fad 's a 's urrainn duinn, le 'r cosgas neo-fheumail a lughdachadh, agus cùram dligheach a bhuileachadh air ar gnothaichean, le earbsa iriosail a beannachadh Dhé ; ag oidhirpeachadh tre chreideimh amharc suas ris-an, a tha air uairibh a' ceadachadh d' a chloinn teachd fo 'n samhuil sin do chruaidh-chàis, chum e féin a dheanamh ni 's ionmhuinne dhoibh leis an doigh a ghabhas e chum cobhair a dheanamh orra.

8. A réir nan seolaidh a tha air an cuir sios an so, theagamh gu m' faighear a mach, gu bheil aobhar a ghearain ag éiridh o aobhar fada bho na bha sinn an toiseach am barail. Ach far am bheil slainte cuirp, agus gun ghainne maoin ; an uair a tha tograidh gu cridheil sunntach, am feadh a ta gach sòlas chràbhach ann an seadh air falbh ; an uair a tha 'n t-anam air a ghlacadh le seòrsa de mharbh chadal neo-mothachail, no, ni ris nach mor nach dubhairt mi laigsinn chritheach, a thaobh gach cleachdadh chràbhach, eadhon ged nach bi an teinn uamhannach sin, no an t-ìoghnadh geur sin, mar thuirt mi roimh a bha 'g éiridh o dhubhachas, no an iomaguin sin mu ghnothaichibh na beatha, a tha 'g éiridh gu nàdurra bho chion maoin : Air do 'n chùis a bhi mar sin, dh' atharraichean mo chomhairle dhuit, agus dh' earalaichean duit, leis gach aire neoleith-phairtich, rannsachadh a mach ma thimchioll an ni a thug thu a chum an uilc mhòir sin, air son am bheil thu le deagh aobhar ri bròn. Agus theagamh gur

e is mathair-aobhair dha peacadh ; peacadh éigin diomhair, nach tugadh fainear le daoine, oir tha na ciontan a tha tarruinn orra sùil agus achasan dhaoine eile, an cunnart tuiteam fo 'n staid a dh' ainmich mi sa chaibidil roimh, leis mar is eigin doibh a bhi nan ciontan le lan fhios gu deonach. A nis tha sùil Dhé a faicinn nan olc sin ged nach tug daoine fainear: agus a thaobh a chùram a ghabh thu chum an cleth air càch, am feadh bha dearbh fhios agad gun robh iad aithnichte dha-san, mheas Dia e féin air mhodh sonraicht air a mhaslachadh agus dochair air a dheanamh air, is cha mhòr nach dubhairt mi air a thàmailteachadh leo : agus uaith-sin tha a cheart chorruich. Och ! na di-chuimhnichear am feasd an ni sin a tha cho soilleir air a ràdh, cho coitchionn aithnichte, cho cleachdta leis gach neach cràbhach a chluinntinn, gidheadh tuille 's beag air a mhothachadh le aon air bith d' ar cridheachaibh, chuir, bur n-euceartan dealachadh eadar sibh fein agus bur Dia, agus dh' fholaich bur lochdan uaibh a ghnùis, ionnas nach éisd e, Isa. lix. 2. Agus tha so na fhrithealadh tròcaireach le Dia, ged a mheasar cruaidh e : na meas e uime sin, a mhàin mar do thruaighe, ach air a shonrachadh gu d' dhùsgadh, chum nach bi thu toilichte le laidhe sios an deuraibh na h-irioslachd am fianuis an Tighearna, ach cosmhuil ri Iosua, éirich gu beothail, togarrach, a chum an ni mallaichte sin a chuir uait ciod air bith e. Gu ma h-e so do ghrad churam dùrachdach, chum gun islichear t-uabhar, gum bi t'fhaicill air a choimhead, do thograidh do 'n t-saoghal air am maolachadh, agus gum meadaichear t-iomchuidhead air gach doigh chum nèamh a shealbhachadh. 'S iad sin rùin t-Athar nèamhaidh, agus gu ma h-e a bhios na ro chùram ortsa co-oibreachadh leo.

9. Gabh ris ma ta, mar a chomhairl is fearr is urrainnear a thoirt ort, "inndrinn air ball gu ceasnachadh teann a dheanamh air do choguis." Thoir an ro aire d'a sanuis chiùin. Ma tha anamharus ag éiridh a' t' inntinn, gu bheil ni-eigin nach 'eil ceart, lorgaich an t-anamharus sin, rannsaich' gach filleadh diomhair a th'ann a' d' chridhe ; dean feum, a thaobh foillseachaidh is iomlaine, do chomhairle do chàirdean, sgainneil do naimhdean ; cuimhnich c' arson a thug do chridhe achasan duit, aig bòrd an Tighearna ; c'arson a bheireadh e beum, nam biodh tu air leabaidh a bhàis, agus fo cheann uaire gu

dol a stigh do shiorruidheachd. An uair a gheibh tha a bheag a mach, sgrìobh sios e, agus faodaidh tu dol air t-aghaidh le d' rannsachadh gus am faod thu a ràdh, 's iad sin na tha lathair de thruailleachd mo chridhe; 's iad sin peacaidh agus amaideachd mo bheatha; rinn mi dearmad air so; rinn mi so gu h-eacorach. Agus 'n uair a bhios an àireamh cho iomlan 's a 's urrainn duit, a cuir romhad ann an neart Dhé air cuir mu thimchioll athleasachadh diongmhalta, no gu ma fearr leat ath-leasachadh a dheanamh air gach ni nach bi ceart cho luath 's a mhothaicheas tu dha; "pill ris an Uile-chumhachdach agus togar suas thu, agus cuir aingidheachd fada o d' phailliuin, an sin bithidh do thlachd san Uile-chumhachdach, agus togaidh tu suas t-aghaidh ri Dia. Ni thu t-ùrnuigh ris, agus éisdidh e riut, agus dìolaidh tu do bhòidean dhà, agus dealraichidh a sholus air do shlighibh," Iob xxii. 23, 26, 27, 28.

10. Feith san àm air Dia le mòr irioslachd, agus striochd gu toileach do smachdacha t-Athar nèamhaidh, aidich a cheartas, agus cuir muinghinn na thròcair; eadhon an uair a bhios do choguis ni 's neo-ghearanaiche a' t' aghaidh, agus gun a bheag a nochdadh a bhàrr air anmhuinneachd choitcheann luchd-muinntreach Dhé; gidheadh sìor-strìochd thu-féin 'n a fhianuis, agus aidich gu bheil a choilion olc a' d' sheirbhis is taitniche, 's gu bheil thu a' toilltinn an iomlain dheth na thainig ort, agus an tuilleadh; gun do thoill thu, cha'n e a mhàin, gum biodh do ghrian fo neul, ach gun rachadh i fodha gun éirigh tuilleadh ort, agus t'anam fhàgail an staid dorchadais siorruidh. Agus na bi mi-fhoighidneach, am feadh a bhuanaicheas do dhubhar. Na bi air aon chor frionasach, ach feith le naomh chiùineas agus le macantachd anma air an Tighearna, Salm xxxvii. 8. Bi deònach air feitheamh r'a àm, toileach a ghruaim fhulang, le dòchas iriosal gun tig e fadhoidh, *agus gu 'n gabh e truas* diot, Ier. xii. 15. Cha do dhi-chuimhnich e gu tur a bhi gràsmhor, cha mhò a chuir e roimh nach biodh e tuille bàigheil, Salm lxxvii. 7, 8. Oir cha tilg an Tighearn uaith gu bràth; ach ged a bheir e aobhar bròin, gidheadh ni e iochd do réir lionmhorachd a thròcairean, Tuir. iii. 31, 32. Cha'n 'eil e ach "car ùine bheag a folach a ghnùis uait; faodaidh dòchas iriosal a bhi agad, gun cruinnich e thu le mòr thròcair, agus le

caoimhneas siorruidh gun dean e tròcair, ort," Isa. liv. 8. Cha'n iad na briathran freagarrach sin mo chainnt-sa, ach fhocailse; agus tha iad a' giùlan so, mar g' am b' ann, an toiseach, "gum faod anam air am bheil Dia a' folach a ghnùis, a bhi air a chuid is lugha, na aon a chruinnicheas e agus d' an nochd e a chaoimhneas siorruidh.

11. Ach am feadh a mhaireas an dorchadas, lean air do dhleasannas a chuir an gniomh. Gnàthaich feum a dheanamh de mheadhonan agus de òrduighean: Leugh, agus beachd-smuaintich: Dean urnuigh, seadh, agus seinn moladh do Dhia cuideachd, ged theagamh is ann le cridhe tròm. Lean luirg a threud, Dain. i. 3.; theagamh gu'm faod thu le sin a dheanamh adhaire an anma a choinneachadh. Cuir thu-féin, mar is lugha, na rathad. Le so a dheanamh, faodaidh e bhith gu 'm faigh thu aon sealladh caoimhneil uaithe; agus faodaidh aon seallaidh, aon smuain a dh-fhaodas tachairt ann an tiota, mar g' am b' ann nèamh a dheanamh a' t' anam a dh-aon bheum. "Theirig a dh'-ionnsuidh bòrd an Tighearna. Mar 'eil e 'n comas duit gàirdeachas a dheanamh ann, dean bròn air son an t-Slànuighear sin, a leon do pheacaidh, Sech. xii. 10.; theirig agus dean bròn air son briseadh a choicheangail sin, a dh' ath-nuadhaich thu cho tric 'san àite sin. Faodaidh e bhith gun dean Criosd e-féin aithnichte dhuit am briseadh an arain," Luc. xxiv. 35.; agus theagamh gun robh e dlù dhuit, an uair a bha dùil agad gun robh e fada bhuat; am fagus duit 'n uair a shaoil thu bhi air do thilgeadh a mach ás a làthair. Iarr comhfhurtachd nan samhuil sin do ghnàthachadh; agus na b' ann an culaidh-shùgraidh an t-saoghail, no an sòlas saoghalta a mhealtainn. Cha di-chuimhnich mi am feasd a chainnt chaomhail sin, a tha mi cinnteach a thainig o chridhe anbharra càbhach, a bha dìreach gu briseadh fo dhoilgheis mar so! "A Thighearn, mar faod mi do mhealtainn, nior mheal mi aon ni eile; ach racham ri bròn as do dheigh sios do'n uaigh!" Cha robh iongantas orm a chluinntinn, cho luath 's a labhradh a chainnt sin an lathair Dhé an ùrnuigh, gun robh uallach air a thoirt dheth, agus gun robh aiteas slainte Dhé air aiseag dhà.

12. Cha toir mi ach aon chomhairl eil' ort, agus se sin;—"gun ath-nuadhaich thu t-iarrtus ri fuil Chriosd, trid an robh réite eadar Dia agus t-anam air a choilion-

adh. 'S e-san ar sìth-ne, agus 's ann trid fhola a ta sinn air ar toirt am fagus;" 'S ann anns-an, mar aon ghràdhach anma, a tha Dia ag aideachadh, 's am bheil a mhòr thlachd, Mat. iii. 17. agus sann ann-san a rinneadh taitneach sinn chum glòir a ghràis, Eph. i. 3, 6. Imich uime sin, O Chriosduidh, agus theirig trid creideamh a dh' ionnsaidh Slànuighear air a cheusadh: Imich d'a ionnsaidh mar àrd-Shagart tròcaireach, "agus doirt a mach do ghearan na lathair, agus nochd do theinn na fhianuis," Salm cxlii. 2. Leig ris da àmhghar agus doilgheas t-anma, aig an robh aon uair fios ciod e a ràdh (O 's iongantach! gun abradh e-san e, ge b'e ni a theireadh daoin' eile) "Mo Dhia, mo Dhia, c' ar son a thréig thu mi?" Mat. xxvii. 46. Seall air son iochd agus cobhair uaith-san, a dh' fhuilig e-féin, cha 'n e a mhàin a bhi air a bhuaireadh, ach a thaobh coslais air a threigsinn; chum leis a sìn gum biodh fhios aige cionnas a dheanadh e iochd orra-san a tha na leithid de staid bhrònaich, 's a bhi ullamh, cho math agus comasach, air cobhair a' dheanamh orra, Eabh. ii. 18. 'S e-san Emanuel, Dia maille ruinn, Mat. i. 23.; agus sann ann-san agus trid-san a tha Athair a' dealradh oirn le caomh ghathan a thròcair agus a ghràidh. Gu ma h-e ma ta a bhios na ghrad chùram ort, t-eolas air ath-nuadhachadh. Gabh beachd air eachdraidh a bheatha agus a bhàis; éisd r'a chainnt; faic a dheanadais; agus an uair a ni thu sin, 's deimhin leam gu m' mothaich thu taitneachd naomha ga sgaoileadh air t-anam. Bithidh tu air do thoirt gu suidheachadh inntinn siochail, séimh, tosdach, anns an oibrich creideamh agus gràdh gu ro chumhachdach, agus theagamh gun deonaich Dia gu 'n cluinnear guth ciùin caol a spioraid shòlasaich, 1 Righ. xix. 12. gus am brùchd t-anam a mach le orain mholaidh, agus gun deanar aoibhinn thu a réir nan làtha a chràidheadh thu, Salm xc. 15. Faodaidh cainnt mar an achanaiche so a leanas a bhi freagarrach air an àm so.

*Urnuigh dhùrachdach air son neach air a' bheil Dia a' folach a ghnùise.*

"A Dhia bheannaichte! 's ann agads' a tha tobar na beatha, Salm xxxvi. 69.; agus an t-sonais. Tha mi 'toirt cliù do t' ainm air son gun do bhlais mi riamh do d' shruthaibh; gun do mhothaich mi riamh an sòlas

sònraicht a tha 'g éiridh o sholus do ghnùise, agus o sgaoileadh a mach do ghràidh air an anam. Ach mo thruaighe; cha'n 'eil mise nis a' mealtuinn an àm shòlasaich sin; agus tha bhi cuimhneachadh air a' toirt orm m' anam a dhòrtadh a mach 'an taobh a stigh dhiom, Salm xlii. 1. B' àill leam tighinn mar a b' àbhaist domh, agus gairm ort leis an ainm chàirdeil sin, m' Athair, agus mo Dhia: Ach mo thruaighe! cha 'n aithne dhomh cionnas a ni mi e. Tha ciont' agus eagal a'g éiridh suas, agus a' cuir stad air a chainnt shòlasaich sin. Tha mi, O Dhia 'g a t-iarruidh, ach 's diomhain domh sin a dheanamh. Bu mhiann leam ùrnuigh a dheanamh, ach tha mo bhile air an druideadh. B' àill leam t' fhocal a leughadh, ach tha a gheallainean air am folach orm. Tha mi gu tric a' taoghall nan òrduighean sin a chleachd a bhi ro-shòlasach agus taitneach do m' anam: ach mo thruaighe! cha'n 'eil annt' ach sgàile dheth na b' àbhaist domh fhaireachduinn. Tha 'm brìgh air chall: Tha 'n spiorad beothachaidh air m' fhàgail, agus cha'n 'eil annt' ach samhla air mar bha iad.

" Ach, O Thighearn, an do thilg thu uait gu bràth, agus nach nochd thu do dheagh ghean ni 's mò? Salm lxvii. 7. An do chuir thu romhad gu'm biodh e a' so suas na gheamhradh aig m' anam, 'na shamhla dòineach air dorchadas siorruidh! gun teagamh b' aithrigh air sin mi. Tha mi 'g aideachadh, O Thighearna, gur aithrigh mi air bhi air mo thilgeadh a' t' fhianuis le tàir; gu bhi air mo chuir mòran ni 's isle na tha mi: Tha mi 'toilltinn sgàil' a bhàis a bhi air mo rosgaibh, Iob xvi. 16.; 's a bhi air mo chuartachadh le tiugh dhorchadas na gainntir iochdraich. Ach nach d' àrdaich thu iomadh neach a bha cho toilltinneach riumsa air bhi air an cuibhreachadh an slabhraidh dorchadais, 2 Pead. ii. 4.; gu sealladh air do ghloir sna h-ionadaibh nèamhaidh, far nach fhaod aon sgàile cuir eadar thus' agus na spioraid shòlasaich? Dean tròcair orm, O Thighearna, dean tròcair orm! Salm cxxiii. 2.; agus ged a thug mo lochdan ort gu cothromach do ghnùis fholach orm, Isa. lix. 2. gidheadh gu ma deonach leat, a réir cainnt ghràsmhoir t' fhocail, do ghnùis fholach air mo pheacaidh, agus m' euceartan gu leir a dhubhadh as! Salm li. 9. Thoir sòlas do m' anam le ath-philleadh do dheagh-ghean, agus abair ri m' anam, Is mi do shlainte! Salm. xxxv. 3.

" Cuimhnich, O Dhia, an latha uabhasach sin air an d' fhuilig Iosa Criosd, do Mhac gràdhach na thoill mo pheacaidh sa ! cuimhnich a chruaidh-spàirn sin, leis an do dhoirt e 'mach anam a' d' làthair, 's a thuirt e, Mo Dhia, mo Dhia, c'arson a thréig thu mi ? Mat. xxvii. 45. Nach ann a dh' fhuilig e an t-iomlan deth so, O Dhia, a chum gun tugadh e peacaich aithreachail iriosal a t'ionnsuidh, agus gun dearcadh iad ort le tlachd, mar an Dia agus an Athair? 'S ann air a mhodh so tha mi 'miannachadh teachd a t-ionnsaidh, a Shlànaigheir bheannaichte. Nach d' òrduicheadh dhuit a thoirt do luchd-caoinidh Shioin, maise 'an àite luaithre, ola aoibhneis 'an àite bròin, éididh mholaidh 'an àite spioraid airsneil, Isa. lxi. 3. O glan air falbh mo dheoir, ùng mo cheann le ola aoibhneis ; agus sgeudaich mi le trusgan na slainte ! Isa. lxi. 10. Och nach robh fios agam c' àit am faighinn thu ! Iob xxiii. 3. Och nach robh fios agam ciod a thug ort dealachadh rium ! Tha mi 'rannsachadh agus a' dearbhadh mo shligheacha, Tuir. iii. 40. Och b' fhearr gun rannsaicheadh tu mi, gun aithnicheadh tu mo chridhe, dearbh mi agus tuig mo smuaintean ; agus amhairc am bheil slighe olc air bith annam, agus treoraich mi anns an t-slighe shiorruidh, Salm. cxxxix. 23, 24 ; anns an t-slighe sin 'sam faigh mi fois agus sìth do m' anam, Ier. vi. 16. ; agus am mothaich mi foillseachaidh do ghràidh ann an Criosd !

" O Dhia, a dh' àithn' do 'n t-solus soillseachadh a dorchadas, 2 Cor. iv. 6 ; labhair ach am focal, agus soillsichidh gathan soluis, air ball a steach do m' anam ! fosgail mo bhilean, agus cuiridh mo bheul 'an céill do chliù, Salm li. 15 ; le òran fonnmhor a ghabhail, a nochdas nan lathair-san, d' an tug mo dhubhachas-sa mi-mhisneach, na sòlais agus an cul-taic a th' ann an diadhachd !

" Gidheadh, O Thighearna, tha mi a' striochdadh do d' thoil san iomlan. Ma tha e feumail gum bi mo chreideamh air an doigh so air a chleachda, le imeachd 'an dorchadas ear làithean, mhìosan agus bhliadhnaichean ri teachd, deonaich gun strìochd mi dha, ge b'e air bith fadal a ghabhas mi as. Bheir mi sìor-aoradh dhuit, mar Dhia Israeil, agus an Slànaighear, ged is Dia thu a tha folach do ghnùise, Isa. xlv. 15. Sìor earbaidh mi á ainm an Tighearn, agus leigidh mi mo thaic ri m'

Dhia, Isa. l. 10; ag earbsa asad ged a mhàrbh thu mi, Iob xiii. 5; agus a' feitheamh ort nis mò na luchd-faire, seadh, na luchd-faire na maidne, Salm cxxx. 6. Theagamh gum bi sòlas ann air teachd an fheasgair, Sech. xiv. 7. Tha fios agam, gun do nochd thu iochd air uairean do t-òglaich aig uair am bàis; agus gun tug thu dhoibh, 'an àm am misneach a bhi ro iosal, sealladh saibhir air glòir dhiadhaidh agus mar so a' tionnda dorchadas gu solas rompa, Isa. xlii. 11. Gu ma shamhuil is deonach leat gleann sgàil'-a-bhàis a shoillseachadh le solus dealrach do làthaireachd, 'an àm dhomh bhi dol troimhe, agus sìn a mach do shlat agus do lorg a thoirt comhfhurtachd dhomh, Salm xxiii. 4.; chum gun tig crioch air mo bhall-chrith, agus gum bi mo dhubhachas air a thionnda gu òrain mholaidh! Ach m' as i do thoil-sa gum bi dubhachas agus dorchadas air am buanachadh dhomh gu latha mo chrìche, Och deonaich gun caochail iad leis an deò mu dheireadh, agus mo thabhairt a chum an t-solais sin a dh' ullaicheadh do 'n fhìrean, agus an aoibhneas sin a gheibh iadsan a tha ionraic 'n-an cridhe, Salm xcvii. 11; do dh-ionadaibh neo-bruaidhealach a ghreadhnachais agus an aoibhneis shiorruidh, far am bi làn ùngadh do Spioraid air a dhortadh a mach air do shluagh uile, agus nach folaich thu do ghnùis uatha tuille nis mò! Esec. xxxix. 29.

"'S i so, a Thighearna, do shlainte, air son a' bheil mi a' feitheamh! Gein. xlix. 18; 's am feadh a mhothaicheas mi déigh aig m' anam oirre, cha toir mi dùil nach faigh mi i. Buanaich agus meudaich an déigh sin, agus fa-dheoigh sàsaich agus thoir bàrr air an iomlan, trid saibhreas do ghràis 'an Iosa Criosd. *Amen.*"

## CAIB. XXV.

*An Criosduidh ri cruaidh spàirn fo throm àmhghar.*

1. O'N a tha 'n duine air a bhreith chum carraid mar a dh' éireas na srada suas, Iob v. 7, agus a dh'-fhàg Adhamh mar dhìleab aig a shliochd, oighreachd bhochd na trioblaid na'n rathad chum a bhàis, bithidh e glic agus feumail, gum bi sùil againn ri deuchainnean agus amhgh-

air, agus gu'm bi thus, a leughadair, cho air bith thu, ag oidhirpeachadh t-àrmachd a chrioslachadh ort, agus thu-fein a chuir an suidheachadh iomchaidh, chum aghaidh a thoirt air na deuchainnean sin, a tharlas a' d' chrannchar, mar dhuine agus mar Chriosduidh. Dean thu-féin deas chum t-àmhghair fhaotainn agus fhulang, air mhodh a bhios freagarrach do 'n ghiulan sin. Leis a bheachd so, 'n uair a chì thu càch fo 'n eallaich, smaoinich gu 'm faod e bhith, gu 'm bi thusa air do ghairm gu an samhuil sin do chruaidh-chais fhulang no gu an co-duilich. Cuir t-anam, mar gu 'm b' ann nan àite-san. Smuainich cionnas a b' urrainn duit an t-eire fo 'm bheil iadsan a ghiulan, agus thoir oidhirp san aon àm air sòlas a thoirt dhoibhsan, agus do chridhe fein a neartachadh; no gu ma fearr leat a ghuidhe air Dia a dheanamh. Agus air dhuit fhaicinn cho buailteach 's a tha a bheatha bhàsmhor so do thrioblaidibh mar iad sin, biodh do dhòchais uaipe air an deanamh measarradh; teg do smuaintean os a ceann; agus dean do riaghailtean gu bhi sona a shuidheachadh a bhios freagarrach a mhain do 'n t-saoghal sin, far nach urrainn duit bhi air do mhealladh. Thoir buidheachas do Dhia, gu bheil do shonas air a bhuanachadh dhuit an fheadh so, agus a' cuir as leith a chaomh fhreasdail, gu bheil thu fhathasd gun do leon, an uair a tha a choilion saighead air an tilgeadh m'a d' thimchioll, a's cho liutha aon a' tuiteam leo air do laimh dheis agus chlì.

2. Fadheoidh, an uair a thig t-àmsa gu fulang, mar a dh' fhaodas tu bhi cinnteach gun tig, o'n cheud uair a bhios tu air do bhualadh le trioblaid, faic lamh Dhé ann, agus na caill sealladh air-san le aon aobhar eile air leat bu cheannfath air. Gu ma h-e do cheud chùram, "Thu fein iriosiachadh fo laimh chumhachdaich Dhé, chum gun àrdaich e thu an àm iomchaidh," 1 Pead. v. 6. Aidich gu bheil "e-san cothromach anns gach ni à rinn e ort," Neh. ix. 33, agus anns gach ni dhiubh sin, gu "bheil do pheanas ni's lugha na thoill t' eu-ceartan," Esra ix. 13. Striochd thu-féin chum a lamh fhulang gu foighidneach, ainm a ghlòrachadh le géill a thoirt da thoil, agus giulan le rùn gràsmhor a thaobh an fhiosrachaidh so, cho math agus feitheamh gu sìochail r'a dheireadh, ciod sam bith is crioch dha.

3. A chum gu'm bi aig foighidin a h-obair dhiong-

mhalta féin, Seum i. 4, smuainich gu tric dùrachdach air do shuaraichead agus air do pheacaichead féin. Thoir fainear cho tric 's a thoill thu gun tugta bhuat gach tròcair, 's gun cuirte gach breathanas a' t' aghaidh 'an gniomh. Agus thoir fainear cuideachd, cho fad 's a ghiulain foighidinn Dé leat, agus cia iongantach gu bheil e fhathasd a' giulan leat; cha 'n e a mhàin fhoighidinn, ach fhiùghantas. Fo thrioblaid 's mar tha thu (oir tha mi nis a labhairt riu mar g' am biodh tu direach air t-fhiosrachadh) seall ma d' thimchioll, agus gabh beachd air na sochairean tha fhathasd agad, agus bi gu taingeil toilichte air an son. Abair gun toirear bhuat iad: Ciod nan sìneadh Dia a lamh a' t' aghaidh, agus gun cuireadh e bochduinn ri cràdh, no cràdh ri bochduinn, agus call chàirdean gaoil riu maraon; no bàs nan càirdean a tha làthair a chuir r'am bàs-san air son am bheil thu an tra-so ri bròn; nach biodh do leon ni bu chràitiche; thoir cliù d'a mhathas, nach eil a chùis mar so; agus thoir an ro-aire, an t-eagal gu'm brosnaich do mhi-thaingealachd e gu d' dhoilgheis a mheudachadh. Thoir cuideachd fainear am feum a th'agad air do smachdachadh; cia tarbhach a dh' fhaodas e bhi do t' anam; agus co is urrainn innse ciod na rùintean tròcaireach a ta aig t-Athair nèamhaidh 'san amharc, leis gach smachdachadh a ta e a deanamh air a chloinn.

4. Tha mi 'g ràdh riut, gum faodar, a thaobh nan smuaintean sin, fiughair a bhi, cha 'n e a mhain gum bu chòir dhuit striochdadh do t' àmhghairibh mar nithe nach urrainn duit a sheachnadh, ach gu 'm bu chòir dhuit coaontachadh gu taitneach, agus a bhi toilichte leo; cha 'n e a mhàin gu 'm bu chòir dhuit a mheas cothromach, ach 's còir dhuit a ghlòrachadh a chionn an cuir a' t' ionnsuidh; gun glòraich thu e le d' chridhe agus mar an ceudna le d' bhilibh. Na smuainich gu bheil moladh miiomchaidh, air a leithid sin do dh-aobhar; agus na smuainich gu 'm bi am moladh sin iomchaidh a ta 'g éiridh o na sòlais a tha fhathast agad: Ach biodh fhios agad gur e do dhleasannas, ni h-e a mhàin a bhi taingeil ann ad thrioblaidibh ach a bhi taingeil air an son.

5. Thuirt Dia féin, anns gach uile ni thugaibh buidheachas, 1 Tes. v. 18, agus theagaisg e a sheirbhisich gu ràdh, seadh fòs tha sinn a deanamh uaill ann an trioblaid, Rom. v. 3. Agus 's cùis ro-fhìrinneach gu bheil iad nan

comharraidhean air trocair Dé do na fìor chreidich ; oir smachdaichidh an Tighearna an tì is ionmhuinn leis, agus sgiùrsaidh e gach mac ris an gabh e, Eabh. xii. 6. Beachdaich air na h-àmhghair a tha thu 'n dràst a' fulang air an dòigh, mar smachdachadh gràidh ; 's an sin abradh do chridhe féin, mar eil gràdh a' toilltinn molaidh. Smuainich riut féin, "'S ann mar so a tha Dia ga m' dheanamh freagarrach d'a Mhac ; 's ann mar so a tha e ga m' fhoghlum chum glòir iomlan. Mar so tha e cuir as do 'm thruailleachd ; air an dòigh so tha e neartachadh mo ghràis ; air an doigh so tha e gu glic a' dealbh chum mo thoirt am fagus da féin, agus gu m' dheanamh iomchaidh air urram a rioghachd nèamhaidh. 'S ann a chionn gu bheil e feumail, a tha mi fo thùrsa, 1 Pead. i. 6, agus 's fearr a ta fhios aige-san ciod e am feum sin, na 's urrainn domhs' a sheoladh ; agus 's aithne dha ciod am feum sonraicht' a th' anns an àmhghar so, a fhreagradh do m' fheum 's an àm, agus a dheanamh an fheum shonraicht sin a tha e gu gràsmhor a' deonachadh dhomh leis." Oibrichidh an trioblaid so foighidin, agus foighidin féin-fhiosrachadh, agus féin-fhiosrachadh dòchas, eadhon dòchas nach nàraich, am feadh a ta gràdh Dhé air a dhortadh a mach ann am chridhe, Rom. v. 3, 4, 5, agus a' dealradh troimh mo thrioblaid, mar a ghrian tro neul tana, a baoisgeadh soluis air an dubhar, agus a co-measgadh tairbhe le bròn.

6. Gu ma h-e do chùram sonraichte mata, am feadh a ta thu a meas gur ann, O Dhia, a tha do thrioblaid, ciod air bith e, am feum iomchaidh a dheanamh dheth chum nan rùn air son an do chuireadh ort e. 'S a chum am feum sin a dheanamh dheth, gu ma h-e do cheud chùram fios fhaotainn ciod iad na rùin sin. Biodh t'anam ro fhurachair, a dh' éisdeachd na slaite, agus an Tì a dh-òrduich i, Mic. vi. 9. ; agus guidh gu dùrachdach gu'n tuig thu guth. Ceasnaich do chaithe-beatha, do chainnt, agus do chridhe ; agus guidh, gun stiùradh Dia do cheasnachadh, chum gum pill thu ris an Tighearn a bhuail thu, Isa. ix. 13. Chum còmhnadh a dheanamh riut san ni so, gairm a' t' ionnsuidh do chàirdean càbhach, agus gu h-àraidh do mhinistearan : Guidh, cha 'n e e mhain an ùrnuighean, ach mar an ceudna an comhairle, mu thimchioll rùin àraidh an fhreàsdail ; agus furain iad a dh' innse gu saor dhuit gach ni a shaoileas iad m' an

chùis. Agus ma bheir sin oirre labhairt mu chuid do neo-iomlanachd do ghiulain agus do ghnàthachaidh, meas e mar mhòr chomharradh air an càirdeas, agus gabh ris, ni h-e a mhàin gu foighidneach, ach gu taingeil. 'S olc a thig e do Chriosduidh an àm air bith, cuir an aghaidh achasain agus teagasg; agus sann is meas' a thig e dhà, an uair a tha achasain Athar nèamhaidh air. 'S an is coir dha teagasg iarraidh, na leithid so do dh'àm, agus a chreuchdan a thairgse gu saor gu bhi air an rannsachadh le laimh dhìleis sheolta.

7. 'S an uair a gheibh thu le meadhon eigin, rudaigin de sholus a chum do sheoladh gu brìgh agus cainnt a shamhuil sin do fhrithealadh a thuigsinn, thoir an ro aire, nach cruadhaich thu thu-féin air aon chor, agus nach gluais thu an aghaidh Dhé, Lebh. xxvi. 27. Tha bhi gu ceann-laidir gun bhi striochdad do thoil an fhreasdail an aon ni a tha thu meas air teachd ort anabharra mi-thlachdmhor leis. Cuir romhad ma ta ath-leasachadh grad a dheanamh air na tha thu a' mothachadh a bhi mearachd; agus bi oidhirpeach fhoghlum a bhi a deanamh an tuille striochdaidh do thoil Dé, a bhi ni's caoin-shuarraiche mu 'n t-saoghal, agus ni 's taitniche mu chomhluadar diadhaidh, agus mu bhi smuaineachadh ni 's trice mu shiorruidheachd. Agus ge b'e samhla a bhios tu a' mothachadh eadar an ni ud no an ni ud eile a' d' thrioblaid, ri d' chiontabh a chaidh seachad, bi air do ro fhaicill gu d' ghiulan féin a réir guth àraidh soilleir na slait-smachdachaidh. An sin theagamh nach fhada gus am bi aobhar sonraicht agad air a ràdh, gu 'm bu mhath dhuit a bhi ann an àmhghar, Salm cxix. 71.; agus gum faod thu le iomadh neach eile, fhoghlum gun robh àm do chruaidh-dheuchainn an àireamh aimsir thaitnich do bheatha. A chum na crìche so, gnàthaich ùrnuigh gu bitheanta; agus biodh an samhuil sin de bhriathraibh gu tric air an liubhairt gu dùrachdach 'an làthair Dhé.

*Urnuigh iriosal ri Dia, fo theanndachd trom àmhghair.*

" O ARD-UACHDARAIN chothromaich agus ghràsmhoir na cruinne-cé gu h-iomlan! neo-luàchmhor agus neo-inbheach 's a tha 'n earrann bheag so do d' mhòr iomp-aireachd, gidheadh cha 'n 'eil thu a' dearmad an domhain

agus a luchd-àiteachaidh: ach tha thu 'gabhail cùram dhiubh agus dan leas, leis a cho'-aontachadh agus leis a bhàigh is mòdha. Tha thus' a' rioghachadh agus tha aiteas orm ga chionn, agus is ceannfà aoibhneas coitcheann e. Tha mi lan-chreidsinn do fhreasdail chairdeil agus do chùram; agus tha mi a' toirt lan-chreideas gu bheil thu a' riaghladh agus a' stiuradh gu glic, naomha, agus càirdeil gach ni a bhuineas domh sa bheatha so. Is tusa aig a bheil stiùir an domhain, 's dan leir t' uile chreutairean, a dhealbh an solus, agus a cruthaich an dorchadas, o tha deanamh sìth, agus a' cruthachadh dòlais, Isa. xlv. 7.; a tha comasach air an darna h-aon a chuir 'an riochd an aoin eile, agus an latha dealrach a thionnda gu meadhon-òidhche, agus an duibhre dorcha gu solas glan nan trà.

"O Uacharain ghlic agus thròcairich an t-saoghail, 's minig a thuirt mi, Do thoilse gun robh deanta; agus a nis, tha do thoil do-dheanta dhomh: Ach air a shon sin, an cuir mi 'an aghaidh na thuirt mi cho tric? N'ar leigeadh Dia! Ach 's ann a tha mi 'teachd chum mi-féin a shleuchda sìos aig do chasan, a nochdadh gu bheil mi làn thoileach strìochda do d' thoil naomhsa. Tha thus' O Thighearna, cothromach agus ceart anns gach aon ni! Tha mi gu h-iriosal ag aideachadh a' d' làthair, gun do thoill mi so agus iomadh mìle urrad, Esra ix. 13.; tha mi 'g aideachadh gur ann do d' thròcair nach eil mi air mo chaitheadh, Tuir. iii. 22.; 's gu bheil an sòlas is lugha agam a làthair. Tha mi, O Thighearna, gu ro ullamh ag aideachadh gum b' aithrigh peacaidh aon latha do m' bheatha air an smachdachadh so uile; agus gun robh gach aon latha dheth ciontach ann a bheag no mhòr. Buail thusa uime sin, O Bhritheimh chothromaich! agus bheir mise gnà mholadh dhuit, air son an àit an smachdachaidh so, nach tug thu aithne do 'n claidheamh do cheartas a chuir 'an gniomh, agus m' fhuil a dhortadh a' d' làthair.

"Ach an labhair mi riut, a mhàin mar mo bhreitheamh? O Dhia, theagaisg thu dhomh ainm is caomhaladh: Cho-aontaich thu m' athair a ràdh riut, agus labhairt mu m' smachdachadh mar thoradh do ghràidh. 'S e beatha nan achasan sin a tha nan comharradh air do chaomh iochd athaireil-se, suaicheantas m' uchd-mhacachadh do d' theaghlach; oir 's tus' tha fiosrach ciod an

smachdachadh a tha feumail domh. 'S leir dhuitse, O Thighearna na tha de dh-amaideachd ann an cridhe do leinibh bhochd, andàna, neo-smaontachail; agus tha fios agad ciod an smachdachadh a tha feumail chum a chuir air falbh. B'àill leam uine sin mo striochdadh gu h-iriosal do Athair nan spiorad, a ta ga m' smachdachadh air mo leas; géillidh mi dha agus bithidh mi beò, Eabh. xii. 9, 10. Guilainidh mi le d' smachdachadh, cha 'n ann a chionn nach urrainn domh cuir a t' aghaidh, ach do bhrìgh gur toigh leam thu, 's gu bheil m' earbs' annad. 'S e mo mhiann a bhi làn-toilichte le d' thoil, cho math agus géilleadh dh'i; agus a ràdh, is math focal an Tighearna, 2 Righ xv. 9. Agus 'se mo roghainn gun aontaich mo bheul agus m' anam leis. Seadh a Thighearna, bheir mi cliù dhuit air son gu bheil na h-urrad chùram agad dhiom 's gu bheil thu a' cuir an samhuil sin do ìoc-shlaintean ri éucail m' inntinn: 's gu bheil thu leis a sin ga m' àrach suas chum glòir. Cha'n 'eil mi 'n aghaidh a bhi fo thrioblaid air an dòigh so. An e nach òl mi 'n cupan a chuireas m' athair am laimh, Eoin xviii. 11. Trid do chòmhnadh-san ni mi sin. Ach a mhàin, gum bu deònach leat, O Dhia, seasamh leam, agus air uairean sealladh càirdeil a thoirt orm 'am meadhon m' fhulangasaibh? Cum suas m' anam, guidheam ort! le d' cho'-fhurtachd 'an co-lorg mo thrioblaid; agus ni mi uaill as na trioblaidean a tha mar so air am beanachadh! 'S minig a thug daoine matha fa'near le mòr thlachd gun robh an àmhghair air an dì-chuimhneachadh leis na sòlais a bha iad a' faighinn annta. 'S an deigh gach ni a rinn thu, am bheil do thròcair air an cumail air an ais? Isa. lxiii. 5. Am bheil do lamh air fàs goirid? Air. xi. 23.; air chor 's nach eil thu comasach an ni ceudn' a dheanamh dhomh-sa?

"Mar 'eil mo chridhe cho maoth, no cho mothachail, tha thusa comasach air sin a leigheas trid nan trioblaidean so. Gu ma h-amhuil a bhitheas e, agus fa'-dheòidh a t' àm iomchaidh, agus air do sheol féin, oibrich a mach mo shaorsa, agus nochd do chaoimhneas iongantach. O thusa shaoras le d' dheas-laimh iadsan a dh-earbas asad? Salm xvii. 7. Oir tha dearbh-chinnt agam air doirchead oidhche so na trioblaid, ma their thusa biodh solas ann, gum bi e ann. Ach cha 'n earalaich mi aon ni, gus an tig an t-àm a dh' òrduich do ghliocas agus do

mhathas sam bi e. Tha tuilleadh iomagain orm gum bi m' àmhghair air an naomhachadh, seach an toirt air falbh. Deonaich, O Dhia, gu 'm bi mi 'n àireamh nan daoine sona sin, a tha thu, am feadh a tha thu gan smachdachadh, gan teagasg as do lagh! Salm xciv. 12. Nochd dhomh, guidheam ort, c'arson a tha thu cuir am aghaidh, Iob x. 2.; agus dean mo ghlanadh leis an teine a tha cho claoidhteach dhomh an àm dol troimhe! Nach ann a chum gum bi do chlann nan luchd co'-pairt do d' naomhachd, a tha thu gan smachdachadh! Eabh. xii. 10. 'S fiosrach thu, Dhé, gur e so miann m' anma. Tha co'-pairt agam do t'-fhiùghantas gach aon latha agus uair do m' bheatha: tha co'-roinn agam do d' shoisgeul, agus tha dòchas agam gum faod mi ann an tomhas a ràdh, gu bheil co'-roinn agam da ghràs ag oibreachadh air mo chridhe. Och gun oibrich e ni's mò, chum 's gur mò a gheibh mi do d' naomhachd; gun tig mi ann am nàdur ni 's dlùithe agus ni 's dlùithe dhuitse, O Dhia bheannaichte, àrd shamhla gach iomlanachd! Deonaich gum bi m' anam (mar gam b' ann) air a leaghadh, ge d' is ann le dian theas na h-àmhuinn, ma 's e agus leis a sin gum bi mi a réir do shoisgeil, a' giulan t-ìomhaigh dhealraich agus thaitnich!

"O Dhia, tha m' anam ga d' mhiannachadh, tha e' g éigheach gu h-àrd air son an Dé bheo! Salm lxxxiv. 2. 'S urrainn domh ni sam bith fhulang mu bhitheas do làthaireachd agus do ghràdh ga m' chumail suas; agus tha mi toileach fhulang, ma 's e agus leis gum bi mi ni's taitniche leatsa, agus ni 's iomchaidh air son do rioghachd. Thig crioch air laithean mo thrioblaid; thig an t-àm san tiormaich thu suas mo dheoir uile, Taisb. xxi. 4. Ga d' a ni e maille, feithidh mi ris, Hab. ii. 3. Tha mo chridhe amaideach, 'am meadhon a chruaidh chais, ullamh gu bhi ro dheigheil air a bheatha so, dolasach 's mar tha i; agus deonaich thusa, O Dhia, gum bris thu gu gràsmhor na cuibhrichean a tha ga m' cheangal ni's tinne rithe. Och gun robh m' anam ga chrioslachadh féin, agus mar gum b' ann, a' sgaoileadh a sgiathan, a' feitheamh na h-uarach àghmhor sin, anns an tilg e dheth a chuibhrichean co-lath, agus gun éirich e le anbharra tlachd agus sòlais do dh-ionadaibh na saorsa, na sìth', agus an aoibhneis? *Amen.*"

## CAIB. XXVI.

*Comhnadh air dheanamh ris a Chriosduidh gu fhàs ann an Gràs a rannsachadh.*

1. Ma tha thu trid gràs air t-ath-ghineamhuinn, ni h-ann o shiol truaillidh, 1 Pead. i. 23. eadhon le focal an Dé bheò a mhaireas gu siorruidh, cha 'n ann a mhain san t-saoghal, agus san eaglais, ach an anmaibh sonraicht anns an do chuireadh e; iarraidh tu, mar naoidheana air an ùr-bhreith, bainne fior-ghlan fhocail, chum gu 'm fàs thu leis, 1 Pead. ii. 2. Agus ged nach eil sinn san staid is càbhaich sam faod sinn a bhi air thalamh, ach mar naoidheanan an coimeas ris na tha dùil againn a bhi, an uair a bhios sinn san t-saoghal nèamhaidh, 'sa thig sinn chum duine iomlain, chum tomhais àirde lànachd Chriosd, Eph. iv. 13.; gidheadh mar a tha againn càileigin do chleachda air reuson naomhaichte, bithidh sinn odhirpeach gu bhi 'nar naoidheanan fallain fàsmhor. Agus ma bhlais thusa, a leughadair, gu bheil an Tigh-earna gràsmhor, 1 Pead. ii. 3. cha'n 'eil teagamh agam nach mothaich thu an iomagain so. Bu miann leam, uime sin còmhnadh a dheanamh riut an rannsachadh an ann a fàs a tha càbhadh a' t' anam. Agus an so cuiridh mi air t-fhaicill thu an aghaidh cuid de chomharran mealltach uime, agus oirpichidh mi cuid eile a leigeadh ris am faod thu earbs a bhi ni's diongmhalta. A chum so a dheanamh bheir mi fainear, nach eil thu ri d' fhàs an gràs a thomhas, a mhàin le d' fhàs an eòlais, an eud, no le aon drùghadh dian air an inntinn; cha 'n'eil no idir le dealas do chràbhaidh na aonar; "ach le gnà rùn-suidhichte na toile do Dhia, agus le d' thogradh deothasach chum géill a thoirt da àitheantaibh, gu striochdadh da thoill, agus a rùin a chuir air aghaidh sa' bheatha so."

2. 'S eigin aideachadh gu bheil eolas, agus deothas an diadhachd, gun amharus ion-mhiannaichte. As eugmhais caileigin de dh-eolas, cha 'n urrainn do dhiadhachd a bhi reusonta; agus tha e reusonta chreidsinn, gun chaileigin de dheothas, nach fhaod e bhi dùrachdach aig creutairean aig am bheil an nàdur air an òrduchadh mar a ta againne. Gidheadh faodaidh mòran de

dh-eolais cinn agus do thogradh dian a bhi far nach eil fior dhiadhachd idir; agus mòran tuille dhiubh far nach eil ach beag fàs aige. Faodaidh cleachdadh ar ceudfaithean reusonta, air na dearbhaidh mu fhoillseachadh diadhaidh, mar tha e air a chuir an céill san sgriobtuir, duine roaingidh a dheanamh comasach air riaghailt thaitneach creideamh a bhi na cheann, gun a bheag sam bith d' a fhior bhrìdh a ruigheachd air a chridhe. Faodaidh eachdraidh shnasmhor mu fhulangais Chriosd, mu ghreadhnachais a bhreathanais, gàirdeachas nan ionracan, agus mu thruaighe nan aingidh caileigin de dhrughadh a dheanamh air cridhe duine nach eil g' an làn chreidsinn; mar is minig a thuigeas sinn sinn-fein fo mhòr ghluasad, le sgeulachd shnasmhor na h-ùrlabhradh, ged' a robh fhios againn nach bi e fior. Faodaidh ar tioma' thaobh nàduir, no iomadh ni eile, toirt air ar deoir sileadh gu frasach le 'n cluinntinn air an aithris. Faodaidh borb uabhar mi-fhoighidneach, (ni a ta calg-dhireach an aghaidh ciùin spioraid shèimh na h-aidmheil Chriosduidh) gu giulan le bhi cuir an aghaidh nam barailean a bha e-féin ag àrach, a thoirt air fhuil dol an an-teas buaireasach, gu sonraichte le bhi cuir an aghaidh iad sin a bha e-féin gu follaiseach ag aidmheil. Faodaidh so a thoirt air, an teas feirge, eud agus a chorraich a thaosgadh a mach an lathair Dhé le bhi am barail, gur e mar Dhia na firinn, samhla nan teagasg taitneach sin, theagamh le 'n coslais sgiamhach leis a' bheil e-féin air a mhealladh. Ma tha na barailean sin, no ann teas chàirdeil sin na h-inntinn freagarrach ri fior dhiadhachd a bhi gan dì, tha iad ni's mò gu mòr a' co-chòrdadh ri e bhi ro lag. Bu mhiann leam, agus a charaid, a threorachadh gu barailean is àirde, agus gu comharran is firinniche; agus mholainn duit sgrìobhaidhean dhiadhairean eile a leughadh, agus gu h-àraidh leobhar Dhé a dhearbhadh cho feumail 's a tha iad. Tha mi air an aobhar sin a' guidhe ort, gun toir thu do chridhe, mar am fianuis Dé, gu freagradh a thoirt air na ceistean so a leanas.

3. Am bheil thu 'mothachadh *gràdh diadhaidh a fàs 'na' t' anam?* "Am bheil thu ni 's mothachaile air lathaireachd Dhé a bhi ni 's mò agad; agus a' bheil sin ni 's taitniche leat na b' àbhaist da? An urrainn duit, am feadh a ta do mhisneach iosal, agus nach eil thu ann an suidheachadh iomchaidh inntinn air son fior theas càbh-

aidh, a faireachdainn suaimhneas sìochail, sàmhach, cridhe, le bhi 'am barail gu bheil Dia am fagus duit, 's gu bheil e a' faicinn ruin-dhiomhair t-anma; am feadh a ta thu, mar gu 'm b' ann a strì ri direadh uchdaich na beatha so, a' gabhail fadail gu bhi maille ris, ged' nach urrainn duit a ràdh gu bheil thu a sealbhachadh co-chomunn mothachail sam bith uaith? An taitneach leat do chridhe a leigeadh ris da chum a rannsachadh gun leith-bhreth gun choigleadh air aon ni, agus a ràdh le Daibhidh, 'S aithne dhuitse, a Thighearna, t'òglach? 2 Sam. vii. 20. Am bheil thu a mothachadh am barr-achd meas agus spéis agad do lagh naomha Dhé, ni is e fior shamhla air iomlanachdaibh mhodhanail? Am bheil thu o'n leith a stigh a meas gu bheil a reachdan, a thaobh gach ni, ceart? Salm cxix. 128. Am bheil thu a mothachadh, cha 'n e a mhain feumalachd, ach reusonaichead, maise agus tlachd ùmhlachd; 's a' faireachdainn mòr fhuath agus tàir air na nithibh sin a tha gad bhrosnachadh gu peacachadh, 's a bheireadh oidhirp air do bhuaireadh gu 'd chòir air deagh-ghean agus càirdeas Dé a chuir 'an cunnart? Am bheil thu mothachadh toil neo-chlaon agad gu Dia a thoileachadh, ni h-e a mhàin, a chionn gu bheil e cho cumhachdach, 's gu bheil na h-uarrad mhath agus uile na chomas, ach o ghaol urramach da nàdur ro thaitneach agus da chliù; agus agus am bheil thu mothachadh gu bheil do chridhe do ghnà toilichte le géill iriosal da thoil? Am bheil thu a' tuigsinn gu bheil do thoil féin a nis ni 's ullamh anns gach ni, air a chuing iomachair, agus strìochda do thoil Dé, ge b' e is toil leis orduchadh dhuit fhulang, no gun a dheanamh? An urrainn duit 'am foighidin t-anam a shealbhachadh? Luc. xxi. 19. An urrainn duit a bhi ni 's sìochaile shocraiche, an uair a tha Dia a' toirt bhuat nan nithe is annsa leat sa' bheatha so, agus a deanamh calg-dhireach an aghaidh do bhuannachd, do thograidh nàdurra, agus de rùin? M' as urrainn, 's comharra cinnteach e, gu bheil gràs air fàs annad gu staid fhior bheothail."

4. Ceasnaich mar an ceudna, " Ciod na rùin tha thu faireachdainn a' d' chridhe dhoibh-san a tha m' an cuairt duit, agus do'n chuid eile de 'n chinne-dhaonna." Am bheil thu a mothachadh e a' cuir thairis le bàigh neo-chealgach agus neo-aindeoineach? Am bheil am barr-

achd mothachaidh agad na b' àbhaist duit air na caomh cheangail sin a tha dlù-cheangal dhaoine r'a chéile, gu h-àraidh gach aon Chriosduidh, an aon cho-chomunn ; a tha deanamh bhràithrean agus luchd-aon-bhaile dhiubh ? Am bheil gach ann-togradh mi-dhleasannach a bàsachadh 's a' seargadh a' t' anam, am feadh a ta gach togradh càirdeil cuideachdail a' fàs agus a' dol a' meud ? Agus ged nach eil féin-spéis a riaghladh a' d' chridhe o dh' fhàs thu a' t' fhior Chriosduidh, gidheadh leis mar tha fuigheall eigin deth tuille 's ullamh gu oibreachadh o'n leth a stigh, agus gu e-fein a nochdadh, gu h-àraidh air àmaibh sonraichte, am bheil thu mothachadh gu bheil a' dol agad air a chumail fo chois ? Am bheil thu ge d' mheas fein a mhàin mar aon de mhòr àireamh, a tha na nithe a bhuineas duit air bheag luach, an coimeas ris na nithe a bhuineas do'n mhòr bhuidhinn, agus g' am bu choir dhuit air gach cor, gach aon àm, an toirt thairis doibh.

5. Smuainich gu h-àraidh, " air nàdur t'inntinn d'an taobh-san, a shaoileadh cridhe neo-iompaichte, gun robh caileigin de leithsgeul aige gu 'n cuir as aireamh a luchd-gaoil, 's d'am bheil thu ullamh gu fuath diomhair a thoirt, no air a chuid is lugha caileigin de choimhicheas a bhi agad riu." Ciod an rùn a tha agad dhoibh-san aig a bheil eadar-dhealachadh aidmheil agus gnàthachadh riut féin ? Cha 'n 'eil mi ag ràdh, gu bheil seirc Chriosduidh a'g iarraidh ort gach mearachd a mheas neo-lochdach. Cha 'n 'eil e sruthadh o chion spéis do charaid an cuid do chùisibh, a bhi fo eagal gu 'm faod a ghalar a bhi dha ni 's measa na tha e am barail : agus air uairean, faodaidh ro mheud a chàirdeis an t-eagal sin a mheudachadh. Ach tha fuath a thoirt do dhaoine a chionn gu bheil sinn a meas gu bheil iad a' dol am mearachd, agus gach eadar-dhealachadh am barail no an gnàthachadh ann-tromachadh, gu bhi na mhearachd, millteach, a tha cuir as do cho-chomunn agus gràdh Criosduidh, na chomharra gu bitheanta ni 's measa na an t-olc a tha e dìteadh. An ionmhuinn leat iomhaigh Chriosd ann an neach a tha a meas fiachaicht air fein aidmheil agus aoradh a dheanamh air mhùghadh doigh riutsa ? An urrainn duit spéis agus urram a thoirt do na tha fior thaitneach agus ion-mhiannaichte annta-san, anns am bheil iomadh mearachd ; anns an aitim sin anns am bheil coimeasga de shaobh-chràbhadh agus do laigsinn

spioraid, a dh' fhaodadh a thoirt orra tàir dheanamh ort, no math a dh' fhaoidte achmhasan a thoirt duit? An urrainn duit spéis a thoirt doibh, mar dheisciobuil agus mar òglaich Chriosd, a dh' fhaodas trid eud mearachdach a bhi ullamh gu t' ainm a thilgeadh a mach mar olc, Luc. vi. 22. agus daoin' eile chuir air am faicill romhad mar dhuine cunnartach? Cha 'n e so an aon is lugha de bhuadhan seirc, agus cha droch comharradh e air fàs diadhachd.

6. Agus air a cheann so, thoir osbarr fainear, "Cionnas a ghiulaineas tu tàir?" Tha cruadal àraidh anma anns an t-seadh so, a tha dearbhadh daighneachadh an cràbhadh agus an deagh-bheus. Am bheil gach ni de 'n t-seòrsa so a' cuir mi-thlachd agus càmpar ort, a bheir ort a bhi dealbh innleachdan chum dioladh a thoirt a mach, no air a chuid is lugha cionnas a bheir thu mi-chliù agus sgainnil air-san a rinn an dochair ort. No an urrainn duit ionnsuidh a sheasamh gu sìochail ciùin, agus t-inntinn a shocrachadh air cuspairean eile (an uair a chuimhnicheas tu air na nithibh sin) a mhàin a' gabhail truas agus a' guidhe as an leth-san, a ta leis an inntinn agus leis na rùin is measa a' toirt ionnsaidh ort? Gun amharas 's inntinn mar bha aig Criosd so, agus gabhaidh e ris mar sin; gabhaidh e riutsa mar aon d'a shaighdearaibh, mar aon d'a thrèin-laoich; gu sonraichte ma dh' éireas e cho àrd, 's an àite an uilc a thoirt buaidh ortsa, gun toir thusa buaidh air an olc leis a mhath, Rom. xii. 21. Dean faire air do spiorad, agus air do theangaidh, an uair a bheirear tàir dhuit; agus faic am bheil thu ullamh gu smuaineachadh orra, an ann-tromachadh riut féin, gearan a dheanamh orra ri daoin eile, agus am fàgail cho ciontach 's a's urrainn duit le ceartas: No, am bheil thu toileach an seadh is fàbharraich a chuir air a chionta, gun leith-sgeul a ghabhail cho fad 's a dh' fhaodas tu, agus gu a mhaitheadh, agus sin ma bheil striochdadh air a dheanamh, no maitheanas air iarraidh; a's mar chomharradh air dùrachd a mhaitheanais sin, a bhi feuchainn ciod a dh' fhaodar a dheanamh, le sochair eigin do 'n neach a rinn a choire, gu gnè is fearr fhoghlum dha.

7. Rannsaich ni 's faide, a thaobh uilc agus truaighe eile na beatha, agus eadhon mu thimcheall a neo-chinntichead, cionnas a ghiulaineas tu iad? Am bheil thu da thaobh so, a mothachadh gu bheil t-anam a fàs ni's treise. Am bheil thu ni 's lugha iomaguin na bha thu

uair-eigin ciod a dh' éireas duit sa' bheatha so? An urrainn duit t-earbsa chuir an gliocas agus am maitheas Dé chum do ghnothaichean a chuir an riaghailt duit, le tuille suilbhearrachd agus earbsa na b' àbhaist duit? Am bheil thu mothachadh gur urrainn duit do smuaintean a chruinneachadh r'a chéile gu nithe san àm a bheachdachadh, chum gu 'm faod thu grad dhleasannas a tharruinn uatha, ged nach eil fhios agad ciod a rìs gus an òrduich na gus an gairm Dia thu? Agus an uair a mhothaicheas tu guin àmhghair, a' bheil e ni 's lugha umhail leat? An urrainn duit do chridhe a thogail ni 's ro ullamh gu cuspairean nèamhaidh agus diadhaidh, gun iomaguin shonruichte, co dhiubh bhios an t-uallach so no sud air atharrachadh, ma bhios e ach air a naomhachadh a chuir do chochomunn ri Dia air aghaidh agus t-abachadh chum gloire?

8. Rannsaich cuideachd, "A' bheil thu a' fàs ni 's iriosaile." Is gràs tosdach, ach ro luachmhor so; agus 's iadsan, is mo aig a bheil e is ro-ionmhuinne le Dia, agus is fior iomchaidh air co-pairteachadh a làthaireachd. A bheil thu mothachadh t-inntinn a'g altrum ni's lugha de smuaintean uaibhreach àrdanach; gun bhi cho ullamh a dh-amharc air ais air seirbhis a rinn thu, 's gu bhi 'g amharc air t-aghaidh air na tha fhathasd r'a dheanamh, agus o'n leth a stigh air na tha do neo-iomlanachd a' fhuireach a' d' chridhe? A' bheil thu ni 's mothachaile air do ghnà mhearachdan, agus gad t' fhaireachduinn fein ni 's deacaire air an son an làthair an Tighearna, nach robh thu roimh so ach a meas mar nithe faoin; 's an uair a ghabhas tu beachd orra an lathair Dhé, mothaichidh tu nach robh iad cuibhte an aghaidh do thoile, no idir saor o chionta? A' bheil thu mothachadh am barrachd meas agad air mòralachd neo-chriochnach an Dé uile-bheannaichte, agus air glòir a bhuaidhean nàdurra agus mhodhannail; 's a thaobh sin, ga d' mheas fein (mar g' am 'ann) air do chall na fhianais, agus air fàs ni 's lugha na neo-ni, agus diomhanas? Isa. xl. 17. Ma 's e so do ghnè, seallaidh Dia ort le deagh-ghean sonraichte, agus fiosraichidh e thu ni 's mò agus ni 's mò le sochairibh dearbhta a ghràis.

9. Ach tha earrann agus buaidh mhòr eile an co-chuideachd irioslachd a Chriosduidh, air nach còir air aon chor dearmad a dheanamh. Ceadaich dhomh an tuille rannsaich a dheanamh, A' bheil thu ni 's bitheanta 'g athnuadhachadh t-earbsa threibh-dhireich, bhunailtich,

shuidhichte a fìreantachd agus fuil Chriosd, air dhuit a bhi mothachail co neo-aithrigh 's a tha thu air teachd 'an lathair Dhé, air aon doigh eile, ach annsan? Agus a' bheil an truaillidheachd a ta fantainn a' d' chridhe nan aobhair irioslachd dhuit na làthair, ge d' a tha mi-riaghailt do chaithe-beatha an tomhas eigin air an leasacha? A' bheil thu ni 's dùrachdaich chum beo dhrùghadh an Spioraid fhaotainn; agus a' bheil thu cho mothachail air do laigsinn féin, 's gun toir e ort earbs' a dheanamh, a' t' uile dhleasannais a chuir an gniomh, air co-pairteachadh a ghràis chum comhnadh le t' anmhuinneachd? Rom. viii. 26. Am faod thu, aig co-dhunadh do laithean is càbhaiche, is ciataiche, agus is feumaile, rugha gruaidh a bhi ort am fianuis Dé, air son am fàillnean, am feadh a tha daoin eile, faodai e bhith, ullamh gu d' ghnàthachadh a mholadh agus a chliuthachadh? 'S am feadh a tha thu toirt cliù gach ni a bha ceart dha-san, o'n tainig an neart agus an gràs gu dheanamh, a' bheil thu teachd chum fuil a chrath-ghlanaidh, chum do shaoradh o'n chiont' a tha air a mheasgadh eadhon a' d' sheirbhis is fearr? A' bheil thu foghlum sochairean a fhreasdail a ghabhail, ni h-e a mhain le taingealachd mar a teachd o Dhia, ach le coimeasgan de nàir' agus do amhluadh cuideachd, fo mhothachadh nach eil thu gan toilltinn, agus gu bheil thu do ghnàth aithrigh air an toirt uait? Agus am bheil thu a meas gu bheil am freasdal cothromach anns gach amhghar agus mealladh a tha tighinn a' d' charamh, am feadh ata mòran a' soirbheachadh mu d' thimchioll, a bha na bu chiontaich 'au sùilean dhaoine na bha thusa?

10. Am bheil thu mar an ceudna "a' fàs an eud agus an togarrachad air son seirbhis Dé, agus air son leas a chinne-daoine?" Am bheil do ghràdh ga nochdadh féin bunailteach agus treibh-dhireach, le gnà oibribh taitneach a'g éiridh uaith? An urrainn duit truaighe dhaoin eile fhaicinn le caomh iochd, agus toileach nam b' urrainn duit cobhair a dheanamh dhoibh? A' bheil thu mothachadh gu bheil thu ni 's tric' a dealbh nithe fial, Isa. xxxii. 8. agus ullamh gu d' shòlas no do bhuannachd féin a leigeadh seachad chum an coilionadh? A' bheil thu faireachdainn t-aigne, mar g' am b' ann, lan de rùin agus de dh-innleachdan chum còir agus cliù Chriosd a chuir air aghaidh sa' bheatha so, agus a chum a shoisgeul a chraobh-sgaoileadh, agus air son sonas do cho-chreutairean? Agus cha 'n e amhain gu bheil thu 'guidhe

air a shon sin, ach gu bheil thu deanamh ni 's urrainn duit air a shon cuideachd; ga d' ghiulan féin air chor gu bheil thu feuchainn gu bheil thu a' guidhe gu dùrachdach, 'sa mothachadh gu bheil thu toileach am beagan is urrainn duit ar dheanamh sa' chùis, eadhon am feadh nach dean daoin' eile, a dh' fhaodadh moran tuille riuts' a dheanamh, nam biodh iad toileach, a bheag sam bith?

11. Agus gun mhòran tuilleadh e ràdh air a chùis shoilleir so, thoir fainear aon uair eile, "Cionnas a tha rùin do thograidh ag aomadh a thaobh na beatha so, agus na h-ath-bheatha?" A' bheil am barrachd mothachaidh agad air diomhanas na nithe a ta r'a fhaicinn agus aimsireil? 2 Cor. iv. 18. A' bheil thu mothachadh do dhòchais uath, agus do spéis dhoibh a' dol an lughad? Tha thu deonach fuireach san t-saoghal so, cho fhad 's a's toileach le t' Athair; agus tha sin gu ro-mhath: Ach a' bheil thu faireachdainn do cheangail ris a fàs ni's laise, ionnas gu bheil thu toileach fhàgail air ann t-sanus is lugha; air chor 's nam b'e toil Dé do ghairm air falbh gu ro obann, ge d' a b' ann am buillsgein do thoil-inntinn agus t-fiughair, gu 'm biodh tu làn chridheil gu co'-aontachadh leis a ghairm sin; gun a ràdh, "A Thighearna, ceadaich dhomh buanachadh beagan ni's faide, a mhealtainn an t-sòlais thaitneich so no sud, chum crioch a chuir air an innleachd so no air au rùn ud eile?" An urrainn duit smuaineachadh gu 'n iomaguin agus le d' làn toil, nam b'e sin toil Dé, gun dùsgadh tuille am fearann nam beò, 'n uair a laidheadh tu sios air do leabaidh, no gun philleadh tuille dhathigh 'n uair a rachadh tu 'mach as do thigh? Agus gidheadh, air an laimh eile, ge b'e air bith mòr a tha t-fhulangais sa' bheatha so, gu bheil thu deònach giulan leo, a striochda do thoil t-Athair nèamhaidh, ged' a b' ann car ioma bliadhna fhathasd; agus ged' a bhiodh t-fhulangais ni bu ro-chràitiche na thàinig fhathasd a' d' charamh? An urrainn thu gu siochail seasmhach a ràdh, ged nach ann leis a chaomh thograidh bu mhiann leat, "Feuch, tha t-òglach, do dhuine-cloinne, a' d' laimh, dean rium mar is àill leat! 2 Sam. xv. 26. Tha mo thoil air a glaodhadh ri d' thoilse, chum mo thogail suas no gu m' leagadh sios, chum mo thoirt a mach, no mo thoirt a steach, gu bhi 'n so no 'n sud san staid san àill leatsa, a reir 's mar is fearr a fhreagras e do d' rùin dho-rannsaichte, a tha neo-chomasach dhomhsa, no de na bheil de dh-ainglean air nèamh, a leasachadh."

12. 'S iad sin, ma tha mothachadh ceart agams' air a chùis, cuid-eigin do na dearbhaidh air bhi fàs ann an diadhachd. Rannsaich a mach iad: Thoir buidheachas do Dhia air an son, cho fad 'sa mhothaicheas tu annad féin iad; agus oidhirpich a bhi sior-fhàs annta, fo dhrùghadh gràs Dhé, ris a' bheil mi le mòr dhùrachd ga t' earbsa, agus tha mi 'guidhe ort gun earb thu thu-féin gu tric ris.

*Tha 'n Creideach a' miannachadh gu dùrachdach a bhi Fàs ann an Gràs.*

"O Thusa, a thobair bheannaichte na beatha nàdurra agus spioradail! Tha mi 'toirt buidheachais duit gu bheil mi beò, agus gur aithne dhomh gnàthachadh agus toil-inntinn beatha dhiadhaidh; cliù dhuit gun do chuir thu annam t-anail bheothail féin, ged a bha mi aon uair màrbh ann an euceartan agus ann am peacaibh, Eph. ii. 1.; ionnas gu bheil mi air fàs, mar is gnà le d' chloinn féin, am anam beò, Gin. ii. 7. Ach 's e mo ghuidhe dhùrachdach nach e a mhàin gum mair mi beò, ach gum fàs mi 'an gràs, agus 'an eolas mo Thighearn agus ma Shlànuigheir Iosa Criosd, 2 Pead. iii. 18. oir 's ann le eolas air-san a tha m' fhàs ann an gràs 'an earbsa! Leis a bheachd so tha mi gu h-iriosal a' guidhe ort, gun toir thu barail cheart do m' inntinn mu dhiadhachd, chum nach bi barail mhealltach agam mu ghràs, agus nach toir mi breth m' am fhàs ann le nithibh nadurra, agus theagamh a thoradh truaillidh?

"Gun robh mi 'an toir air a bharrachd gràidh dhuitse, mo Dhia agus m' Athair 'an Criosd, air làn strìochda do d' thoil ghlic agus naomha, agus air fiughantachd mhathasach do m' cho-chreutairibh! gun robh mi fàs 'am foighidinn agus 'an cruadal anma, 'an inntinn nèamhaidh agus spioradail; agus le bhi cùramach, chum co aca bhios sinn a làthair no air choigrich, gum bi sinn taitneach do 'n Tighearna, 2 Cor. v. 9.; chum co aca bhios mi beò no màrbh gur ann chum a ghlòir a bhitheas e! an aon fhocal, air dhuit a bhi fiosrach gu bheil cìocras orm an tòir air fireantachd, deonaich dhomh a bhi mar bu taitneach leat m' fhaicinn. Tarruinn air m' anam, trid drùghadh shéimh do spioraid ghràsmhoir, gach coslas maiseach air am faod do shùils', O Athair nèamhaidh, dearcadh le tlachd, 's a dh' aidicheas tu a bhios a réir t-iomhaigh fein!

"Tha mi, O Dia, mothachail nach d' ràinig mi idir

fhathasd air bhi iomlan, agus tha m' anam fo amhluadh air a shon. Ach so aon ni a tha mhiann orm a dheanamh, na nithe tha air mo chùl dhi-chuimhneachadh, agus bhi gam shìneadh féin chum nan nithe a ta romham. Och gum beathaicheadh tu m' anam le t' fhocal agus le d' spiorad! air dhomh, mar tha dòchas agam a bhi air m' ath-ghinmheinn leis, ni h-ann o shìol truaillidh, ach neo-thruaillidh, le focal an Dé bheo. a mhaireas gu siorruidh, 1 Pead. i. 23.; mar naoidheana air an ùrbhreith gun iarr mi bainne fìor-ghlan an fhocail, chum gum fàs mi leis, 1 Pead. ii. 2. Gun robh mo theachd air m' aghaidh follaiseach do na h-uile, 1 Tim. iv. 15. gus an tig mi fadheoidh chum duine iomlain, chum tomhais àirde lànachd Chriosd, Eph. iv. 13.; agus an deigh dhomh solas na muinntir a tha comharraicht' ad' sheirbhis a bhos an so air a thalamh, a mhealtainn, gun robh mi air mo shocrachadh 'am Phàras shuas. 'S ann air a sgàth-san, a tha mi ga iarraidh, agus a tha dòchas agam ris, o'n d' fhuair sinn uile as a làn-san, agus gràs air son gràis, Eoin i. 36. Dhà-san gun robh gloir a nis agus gu siorruidh. *Amen.*"

## CAIB. XXVII.

*An Criosduidh stéigheil air a chuir an cuimhne mu Thròcair Dhé, agus air earalachadh gu gràdh bunailteach a thoirt dà, agus gu gnà ghairdeachas a dheanamh ann.*

1. Tha dòchas agam a nis gu 'm mothaich mo leughadair, le rannsachadh mu staid spioradail, gu bheil e fàs an gràs. Agus mas math leat gu 'm bi am fàs so air aideachadh agus air a mheudachadh, ceaduich dhomh t-anam fhuran gus an cleachda bàigheil sin mu ghràdh do Dhia, agus gàirdeachas ann a ghnàthachadh, a tha freagarrach, a neartaicheas, 's a dh' àrdaicheas cliù a Chriosduidh stéigheil; ni tha mi' guidhe ort a mheas, ni h-e amhain mar do shochair, ach mar do dhleasannas cuideachd. 'S e gràdh an tograidh is ro àirde 's a 's saoire dheth gach uile ùmhlachd fhìor agus thaitneach; agus maille ri gràdh, 'n uair a bhios e socraichte cho glic agus cho taitneach, 's a chomain cho dearbht' air a dioladh, 's eigin gu 'm bi gàirdeachas, ga reir na cho-chuideachd. Faodaidh e bhi na fhìor aobhar mulaid do neach a bheir gu ceart fainear spioradn a creideamh Criosduidh, fhaicinn cho iosal 's a tha a chuid is pailte de Chriosduidhean a

caitheadh am beatha gu minig do thaobh so. Biodh aoibhneas oirbh, fhìreana, anns an Tighearna; agus thugaibh buidheachas ri cuimhneachadh air a naomhachd, Salm xcvii. 12. agus gach iomlanachd agus glòir eile a ta air an gabhail a steach san ainm mhòralach, iongantach, agus shòlasach, sin, "*An Tighearna do Dhia!* Na builich an t-iomlan de t-ùine luachmhor a mhàin an aidmheil, no iarrtas; ged' is aithrigh gach aon diubh air an còir féin a bhi aca,) ach builich earrann shonraicht' air obair nèamhaidh sin nan aingil, eadhon, moladh. Seadh, dean dian strìgh gu d' chridhe a bhi an sior-fhonn le 'n samhuil sin do dhùrachd, air a bheothachadh agus air a dhùsgadh le 'n leithidibh sin do thograidhean.

2. Nach eil gathan aoibhneis ni 's leoir a' dealradh bho Athair na soillse, agus a ghràidh, gu fhada suas nar n-uchdne? Thig leamsa, a charaid Chriosduidh agus a bhràthair, thig 's gu 'n gabh sinn beachd air maitheas ar n-Athair nèamhaidh. Agus, O gun tugadh e na hurrad mhothaichidh dhomh air 's gu 'n cuirinn an céill air mhodh iomchaidh e: am feadh a ta mi a' beachdsmuaineachadh gun las an teine a' m' chridhe féin, Salm xxxix. 3. 's a bhi air a rùn-phairteachadh riutsa! Agus, O gun rachadh e leis na tha mi san àm a sgrìobhadh bho anam gu anam; a' beothadhach an chridhe gach Criosduidh a leughas e, tograidh a bhios ni 's aithrigh air cloinn Dhé, agus air oighreachan glòire: a tha ri siorruidheachd a bhuileachadh anns a ghnathachadh naomh sin, gus a' bheil mi san àm a 'g oidheirpeachadh do bhrosnachadh!

3. Nach eil mor aobhar agad air a ràdh le Daibhidh, Cia lìonmhor do smuaintean gràsmhor dhomhsa, O Thighearna! cia mòr an àireamh! 'n uair a b' àill leam an àireamh, tha iad ni's lionmhoire na a ghaineamh, Salm cxxxix. 17, 18. 'S aithne dhuitse c' àit an tòisich thu r' an àireamh; oir thòisich sochairean Dhé do d' thaobh le d' bhith. Cuimhnich air le cridhe taingeil, gun d' amhairc na sùilean a chunnaic do cheud-fhàs anabaich ort le cùram càirdeil,'nuair a rinneadh an diomhaireachd thu, agus rinn iad faire tharad riamh o'n àm sin; agus an lamh sin a tharruinn dealbh do bhuill, gun aon diubh fathast ann, Salm cxxxix. 15, 16. ni h-e a mhàin an dealbh air tùs, ach a bha o'n àm sin a' gabhail cùram do d' chnaimhibh uile, air chor 's nach eil a h-aon diubh briste, Salm xxxiv. 20. Seall as do dheigh air an t-slighe air an d' imich thu, o'n latha a thug Dia

a mach o'n bhroinn thu, agus abair, gu bheil thu, mar gam b' ann, a' faicinn na slighe air a comharrachadh gu dlù le dearbhaidh agus cuimhneachain air mathas Dé. Cuimhnich air na h-ionaid an robh do chomhnuidh, agus air na daoine a b' ionmhuinne leat; agus gairm gu d' chuimhne na sochairean a fhuair thu 's na h-ionaid sin, agus bho na daoine sin mar inneil air cùram agus maitheas Dé. Ath-chuimhnich air na trioblaidean agus air na cunnairt, leisa n robh thu air do chuartachadh; agus thoir fainear gu cùramach ciod a rinn Dia chum do dhion uapa, no do thoirt rompa. Smuainich a cho lion uair nach robh ach ceum eadar thu agus am bàs; cho grad 's a theasraig Dia thu iomadh uair m'an robh mothachadh agad air do chunnart. Smaoinich air na tinnis leis an robh thu air t-fhiosrachadh, 's o'n do shaoil thu nach tigeadh tu; ach a thuirt (le Heseciah) ann an giorrachadh mo laithean. Théid mi gu dorsaibh na h-uaighe, chaill mi fuigheall mo bhliadhnachan, Isa. xxxviii. 10. Theagamh o sin gun do chuir Dia iomadh bliadhna ri d' bheatha; agus cha 'n aithne dhuit cia meud a tha fhathast ri ruith; no ciod am feum no an sonas a tha ri bhi an co-lorg gach aoin diubh. Gabh beachd air do staid a thaobh do chairdean sa' bheatha so, nach iomaidh caraid caomh a tha gach latha m' a d' thimchioll, agus a'g oidhirpeachadh sòlas a thoirt duit. Smaoinich air mathas àraidh an fhreasdail, bu choireach ri ceanglaichean de 'n t-seorsa so a bhi ann, a tha thu, ach iadsan a tha dlù-cheangal t-anma ri Dia, a meas an àireamh do shonais is mò. Agus na di-chuimhnich air a cho lion uair sa' bha beatha na muinntreach sin bu chaomh leat, theagamh ma'n robh thu ni bu chùramaich na bha thu mu d' bheatha féin, an cunnart, 's a thug Dia air an ais iad bho bheul na h-uaighe, agus a chuir nuadh shòlas a dh'-éirich o 'n ghniomh bhàigheil sin, ri t' uile cho-chomunn caidreach riu an deigh laimhe. Na dearmaid cuideachd, cho gràsmhor sa' chum e suas cuid eile san àm mu dheireadh 's a neartaich iad gu boltrach cùbhraidh cràbhaidh fhagail nan déigh, a chum suas cuimhn air an ginlan, 's a dh' ath-bheothaich thu an uair a bha tha ullamh gu fàillneadh fo bhrise-cridhe a cheud dealachaidh, agus na dhéigh sinn a rinn eadhon a bhi cuimhneachadh air, am bàs taitneach dhuit.

4. Ach 's tuille 's mithich dhomh do smuaintean a threorachadh chum nan ioma sochair spioradail a bhuilich

Dia ort. Seall air do dhéigh, mar g 'am b'ann, ris a charraig o'n do ghearradh a mach thu, agus ri slochd na h-uamha o'n do chladhaicheadh thu, Isa. li. 1. Thoir fainear gu curamach an staid san d' fhuair gràs Dhé thu: Fo mhòr chionta: Fo mhòr thruailleachd! ciod an cunnart san robh thu; ciod an leir-sgrios a bha bagradh ort; smaoinich air an staid san robh thu; agus smaoinich le mòr dhùrachd ciod a dh' éireadh dhuit. Chunnaic sùil uile-leirsinneach an Dé shiorruidh an ni m'an robh thusa neo-chùramach, le faoineachd agus diomhanas na beatha so: Chunnaic e thu air bruaich siorruidheachd, agus ghabh e truas diot; chunnaic e gu 'm biodh tu an ùine ghearr a' d' chreutair cho truagh 's a bha am peacach neo-iompaichte a ta cheana marbh, agus a mhothaich le mòr ìoghnadh agus uamhann siorruidh an staid eagalach san do thuit e; agus bhiodh tusa mar bha e-san air do lionadh le oillt agus le eagal ea-dòchasach. Chunnaic Dia so, agus ghabh e truas diot, agus air dha a bhi tròcaireach dhuit, sholair e an comhairle a ghràidh shiorruidh agus a ghràis, Fear-saoraidh, agus cheannaich e dha féin thu le fuil a Mhic. Le luach, ma smuainicheas tu air le durachd 's gun toir thu fainear ciod a bh'ann, a bheir ort tuiteam sios 'an làthair Dhé le nàir' agus iongantas le smuaineachadh gun rachadh riamh a dheanamh air do shonsa. Chum na rùin bheannaichte sin a thoirt gu crìch, chuir e a ghràs a stigh do d' chridhe, ionnas ged' a bha thu aon uair a' d' dhorchadas, gu bheil thu nis a d' sholus san Tighearna, Eph. v. 8. Rinn e an t-atharrachadh sona sin a tha thu 'n dràst' a' mothachadh a' t' anam, agus tre a Spiorad naomh a thugadh dhuit dhoirt e a mach an rùn gràidh sin, Rom. v. 5. a tha air a bheothachadh leis an t-sealladh so, 's a tha nis a lasadh leis an tuille reachd na rinn e roimhe. An fhad so chum e suas thu a' d' chaithe-beatha càbhach; agus 's ann air dhuit còmhnadh fhaotainn uaith, a tha thu buanachadh gus an latha an diugh, Gniomh. xxvi. 22. Cha 'n e a mhain gun do bheannaich e thu, ach rinn e thu a' d' bheannachadh, Gin. xii. 2.; agus ged nach eil thu cho feumail, 's a tha am fiughantas naomh cridhe sin a bhuilich e ort a miannachadh, gidheadh rinn thu gach math a b' urrainn duit a réir na h-inbhe san robh thu air do shuidheachadh leis. Theagamh gun d' rinn thu cobhair air cuid dheth do cho-bhràithrean, agus faodaidh e bhith cuideachd gun d' iompaicheadh neach eigin neo-

chùramach, dearmadach, gu subhailc agus sonas trid beannachadh Dhé air t-oidheirpean. Faodaidh e bhith gu bheil cuid-eigin air an t-slighe gu nèamh a toirt cliù do Dhia air do shon; agus theagamh gu bheil cuid air ruigheachd cheana a tha 'gabhail fadail a' d' theachdsa, chum gu'n toir iad buidheachas duit air doigh is ro-oirdheirce agus is taitniche air son nan sochairean a bhuilich thu orra, air a' bheil làn mhothachadh aca nis air am feumalachd, ged nach b' urrainn doibh a thuigsinn am feadh a bha iad an so.

5. A Chriosduidh seall m' a d' thimchioll air na sochairean gun àireamh a tha do dh-aon seòrsa no sheòrs' eile ga d' chuartachadh; agus gabh beachd ni 's faide air t-aghaidh, ris na tha creideamh a' faicinn an taobh a' stigh do 'n roinn-bhrat. Smuainich air an aiteas a tha san àm neo-aithnichte, leis an cuir thu gach uallach dhiot 'san uaighe, 's a dh-éireas do spiorad neo-bhàsmhor, gu h-eatrom, ait, naomh agus sona a dh' ionnsaidh Dhé, a cheud-thùs, fhear-cumail-suas, agus a dhòchas; a dh' ionnsaidh Dhé, tobar a bhith, a naomhachd agus a shonuis; a dh'-ionnsaidh Iosa Criosd, trid am bheil gach sochair dhiubh sin a teachd ort agus a dh' òrdaicheas righ-chathair dhuit lamh ris féin, chum co'-pairt gu siorruidh a bhi agad d'a ghlòir. Smuainich air an luathghàir ait, leis am bi thu na cho-chuideachd latha mòr na h-aiseirigh, 's a ghabhas tu ris a chorp bhochd, luaith'rach, bhàsmhor so, air a chruth-atharrachadh gu iomhaigh ghlormhorsa; agus an sin, smuainich, "Cha leamsa am' aonar na dòchais sin; ach 's iad a th' ann dòchais ioma mìle neach a thuilleadh ormsa. Tha àireamh lionmhor a tha mi a meas mar mo chàirdean dìleas air thalamh, a deanamh gàirdeachas leam leis na smuaintibh agus leis na seallainibh sin: Agus tha Dia deonachadh dhomh fhaicinn air uairibh an fhèth-ghàire air an aghaidh, agus an dòchas iriosal taitneach sin a tha soilleir nan gnùis, 's a tha dealradh troimh chaoimh dheoir na taingealachd; agus a cluinntinn an aoibhneis agus an toil-inntinn sin a tha iad a mothachadh o'n leth a stigh, a dh' fhaodas cainnt a chuir an céill. Seadh, agus mòr bhuitheann eile, a bha aon uair co-ionann leam riusan, ged' a thaisg mi iad san ùir, agus ge d' a rinn mi bròn os an ceann, tha iad beo do Dhia, beo a' sealbhachadh sòlas do-chur an céill, agus ag òl gu saibhir de dh-uisge na beatha, a ta gnàth shruthadh aig a làimh dheis "

6. O Chriosduidh, tha thusa fhathast an dlù-cheangal agus an teann-chàirdeas riu. Cha'n 'eil am bàs comasach air dàimh a tha mar so air a dhaighneachadh a bhriseadh, ach cha bu chòir dha t-fhagail neo-mothaichail air sonus nan càirdean sin, air a bheil cuimhne cho-urramach agad. Tha iad beo do Dhia, mar a sheirbheisich, a' deanamh seirbheis da, agus a' faicinn aghaidh, Taisb. xxii. 3, 4.; agus cha'n 'eil annt' ach earrann bheag do 'n cho'-thional ghlòrmhor sin. Tha cuimtas gun àireamh a tha nan aithrigh-ghaoil cho math riusan, a' sealbhachadh nan ionada còmhnuidh beannaichte sin: Agus nach dean thu aoibhneas r'an gairdeachas-san? Agus nach toir thu aoradh do thobar siorruidh na naomhachd agus an t-sonuis sin, o bheil na sruthaibh sin a teachd? Seadh, their mi fòs, am feadh a tha na h-Ainglean beannaichte a' gabhail na h-urrad chùraim dhinn, am feadh a tha iad a' frithealadh dhuitse, O Chriosduidh, agus ga d' ghiulan 'nan glacaibh mar oighre na Slàinte, Eabh. i. 14. nach dean thu càirdeachas r'an sonas cuideachd, agus nach toir thu mòr urram do 'n Dia sin, a tha toirt doibh a ghlòir is inbhich' a bhuineas d'an nàdur àrdaichte, 's a tha toirt doibh nèamh, a tha gan lionadh le beannachadh, eadhon an uair a tha iadmar g' am b' ann, a teannadh uaith, chum gu 'm faod iad frithealadh a dheanamh dhuitse?

7. 'S e so, agus mòran a thuille ni 's urrainn domh ainmeachadh, a tha, a bha, agus a bhios gu siorruidh an Dia uile bheannaichte. Tha sonas nan spiorada beannaichte a tha cuartachadh a rìgh-chathair, agus do shonassa, O Chriosduidh, neo-chriochnach. Bithidh na soluis nèamhaidh sin, a' dealradh le lasair nach teirig; agus bithidh tusa a' dealradh agus a gabhail nam measg, an uair a bhios a ghrian agus na reulltan air dol as. Bithidh Athair na soillse a sìor thaosgadh a ghathan dealrach orra; agus bithidh an t-soillearachd a gheibh iad uaith, agus an sonus ann a sìor fhàs agus a mairsinn gu siorruidh. Irioslaich thu féin sios, O leinibh le Dia, oighre na glòire, sleuchd sios agus biodh gach ni a th' annad a' co'-aontachadh an aon ghniomh do ghràdh taingeil; agus biodh gach ni a tha m'a d' thimchioll, gach ni a tha fa d' chomhair le beachd air siorruidheachd neo-chriochnach a' co'-aontachadh chum t-anam àrdachadh agus a dheanamh aoibhinn; chum gum faod thu cho grad 's a's urrainn duit tòiseachadh air obair agus beannachadh nèamh, le thu féin a shleuchdadh sios an lathair an Dé

shiorruidh, le d' chridhe fhosgladh d' a chumhachd ghràsmhor, agus leis an tùis mholaidh sin a dhortadh a mach 'na fhianais, a tha gathan blà a làthaireachd agus a ghràidh cho ullamh gu thàrmachadh, agus r'a fhàgail cùbhraidh mar Phàras nèamhaidh.

*An t-anam taingeil a deanamh gàirdeachais air son sochairean an fhreasdail agus a ghràis, agus ga dhortadh a mach 'am fianuis Dé, 'an ùrnuigh dhùrachdaich ghràidh agus, mholaidh.*

"O Mo Dhia, 's leoir e, bheachd-smuainich mi, agus tha'n tein' a' lasadh, Salm xxxix. 3. Ach O, ciod a chainnt 'sam bris an lasair a mach? Ciod ach so a dh' fhaodas mi a radh, gu bheil thu ro thaitneach do m' chridhe, gu bheil e gad' mholadh agus gad' ghradhachadh: tha mo shoitheach beag cho làn sa chumas e; agus b' àill leam an làn sin a thaosgadh a mach a' d' lathairse, chum e dh' fhas comasach air a bharrachd a chumail. 'S tusa mo dhòchas agus mo chobhair: mo ghlòir agus fear togalach mo chinn, Salm iii. 3. Tha mo chridhe a' deanamh gairdeachas a' d' shlainte, Salm xiii. 5. An uair a tha mi fo chumhachd do dheagh spioraid, a' cainnt riut, tha mìle smuain thaitneach ag éiridh suas cò'-ladh, tha mìle tobar sòlais air an leige ris, agus a' brùchdadh a stigh air m' anam gu àrach agus aiteas a thoirt da, agus tha iad a buileachadh orm mòr aoibhneas.

"Tha mi toirt buidheachais duit, O Dhia, air son an anma neo-bhasmhor so a chruthaich thu; gan do theagaisg thu a ràdh, tha dòchas agam, chum an fheum is fearr, c' ait am bheil Dia mo Chruithear? Iob xxii. 23, 26. Tha mi toirt cliù dhuit air son an eolais a bhuilich thu air; air son a ghrais, tha dòchas agam, leis an do naomhaich thu e; ged a tha mo thruaighe am pòr nèamhaidh air a chur ann an talamh neo-thorach, 's nach eil e a fàs cho math 's bu mhiann leam.

"Tha mi fòs a' toirt cliù dhuit air son a chuirp a bhuilich thu orm, 's a chum thu fhathasd suas 'na neart agus 'na shlainte; cha 'n e a mhain comasach air tlachd a gabhail anns na sòlais a bhuilich thu air a cheudfaidhean fa leith, ach (air son ni gu mòr is measaile leam) gu bheil e comasach air caileigin a dheanamh chum do sheirbhis. Tha mi toirt cliu dhuit air son lùgh mo bhall, leis am bheil iad comasach, fo d' stiùradh-sa, air riar m'

inntinn a dheanamh. Tha mi toirt buidheachas duit, air son nach eil luchd-gleidheadh an tighe fhathasd air chrith, no nach eil na daoine laidir air cromadh; nach eil iadsan a ta 'g amharc a mach air na h-uineagan air fas dorcha, agus nach d' ìslicheadh nigheanan a chiùil: Tha mi toirt cliù dhuit, O Dhé mo bheatha, nach eil an snàthain airgeid fhathasd air fhuasgladh, no an cupan òir air a bhriseadh, Eccles. xii. 3, 4, 6. Oir 's i do làmhs a tha cuir neart ann am uilt uile, agus 's e do sheoltachd neo-chrìochnach a tha 'g ullachadh mo thograidh, a tha brùchdadh a stigh cho pailt, san uair a thraoghas iad a tha gam beothachadh a rìthist cho saibhir.

"Tha mi 'toirt cliù dhuit air son an fhinghantais rìoghail sin, leis am bheil thu a' solar lòin lathail do 'n chinne-daoine, agus gu sonraichte dhomhsa; air son na cuirme eugsamhuil a tha thu sgaoileadh fa m' chomhair, agus a chupain a tha thu cuir 'am laimh, Salm xxiii. 5. Tha mi 'toirt buidheachas duit air son gu bheil mi comasach air tlachd agus co'-pairt a ghabhail de fhiughantais do fhreasdail; agus nach eil mi 'g ithe mo lòin am aonar, Iob xxxi. 17, ach ga roinn air a choilion caraid taitneach, a tha meudachadh an toill-inntinn nan cuideachda. Tha mi 'toirt cliù dhuit air son mo dhìllsean ionmhuinn am theaghlach, 's a choilion caraid caomh 's a tha m' an cuairt domh a tha araon toileach agus comasach air feum a dheanamh dhomh.

"Cha b' àill leam dearmad a dheanamh air buidheachas a thoirt duit air son gu bheil mise comasach air math a dheanamh air daoin' eile, agus a thoirt orm a thuigsinn gur mò am beannachadh ni a thabhairt na a ghabhail, Gniomh. xx. 35. Tha mi toirt cliù dhuit gun do bhuilich thu cridhe *maoth* orm a cho'-mhothachadh feum an uireasbhaich, agus inntinn a dhealbh, a réir mo chomais, air cobhair a fhrithealadh dhoibh: Oir tha so fòs a teachd o'n Tighearna, Isa. xxviii. 29, àrd-ùghdar gach tograidh fiùghantach, gach innleachd ghlic, gach soirbheachadh le r' n-oidhirpean chum sonus a chraobh-sgaoileadh m' an cuairt dhuinn, agus gu dòrainn chàich a lughdachadh.

"Agus gu cinnteach, ma tha mi, O Dhia, mar so ag aideachadh sòlais co-mhothachaidh leis an fheumhach, nach mòr is mò is còir dhomh cliu a thoirt duit air son gu bheil co-mothachadh agam riu-san a tha sona, eadhon a tha làn-bheannaichte. Tha mi 'toirt cliù dhuit air son nan sruithean a tha 'g uisgeachadh Phàrais, 's a tha ga

choimhead an sòlas a tha sìor-mheudachadh. Tha mi 'toirt cliù dhuit air son na fois, an aoibhneis, agus a ghàirdeachais, a tha thu buileachadh air mòran de na bha roimh so ionmhuinn leam air thalamh, air an tric a thug mi oidhirp an trioblaid a lughdachadh, agus air an aoibhneis annadsa a mheudachadh. Tha mi toirt cliù dhuit air son beannachadh gach naomh agus aingil, a tha cuairteachadh do righ-chaithir; agus tha mi ga d' mholadh air mhodh ro thaitneach, air son an dòchais beothail sin a shuidhich thu ann am chridhe, gum bi fios agam an ùine ghearr, le m' shealladh agus o'm fhiosrachadh féin, ciod an sonas a tha iadsan a' sealbhachadh, nach eil mi san àm ach a' faicinn fad as, tre ghloine dhoirch a chreidimh. Tha mi air an àm so, trid do ghràis, ga m' mhothachadh air mo ghiulan air m' aghaidh le d' ghàirdean cumhachdach chum nan ionada beannaichte sin. Tha mi nis a' feitheamh ri d' Shlainte, Gein. xlix. 13, leis an dian-thogradh sin air an dàrna laimh, nach fhaod a mhòrachd fhlathail gun a dhùsgadh 'an anam a chreidich, agus an striochda ciùin taitneach sin air an laimh eile, a tha neo-chaochlaideach a gheallaidh a' deanamh cinnteach.

"Agus a nis, O mo Dhia, ciod a their mi riut! ciod ach gu bheil gràdh agam dhuit thairis air na dh' fhaodas cainnt a chuir an céill! gu bheil spéis agam ort air son na rinn thu do d' chreutairibh, a tha nan coslais eugsamhuil, gach uair a' faighinn bith, eòlas, agus sonas uat, 'an àireamh agus 'an tomhas, fada thairis air aon ni is urrainn domhs' a bhreithneachadh. Ach tha mi a' toirt a bharrachd cliù agus gràidh dhuit, air son na tha thu dhiot féin, an saibhreas iomlan nach deach an lughad leis a chruthachadh, agus nach fhaodar a chuir 'an lughad leis na tha thu 'pàirteachadh dheth ri d' chreutairibh; an iomlanachd neo-chriochnach sin trid an tu féin do shonus, agus do chrioch; anabharra taitneach agus urramach, ged a bhiodh gach oirdheirceas agus sonas a tha 'sruthadh uat air an dì-chuimhneachadh.

"O Dhia, 's tu 'n ceud chuspair is mò, agus is ro mhaisiche! tha cion m' anma gu h-iomlan ortsa, a tha mhàin, mòr, agus àillidh!—'S am feadh a tha mi 'mothachadh do d' Spiorad Naomh a' gluasad air mo chridhe, 's a' brosnachadh chum nan tograidh ghràidh sin cha 'n fhaod mi tuilleadh a chuir an teagamh, ni's mò na chuireas me mo bheatha féin 'an teagamh am feadh a tha mi 'g oibreachadh a deanadais, 's a mothachadh a' tograidh

Gu demhin ma mhothaich mi riamh cìocras tha m' anam an geall air fireantachd, Mat. v. 6, 's a' gabhail fadail gu bhi ni's mò a reir do ghnè bheannaichte agus do thoil naomha. Ma bha tart riamh orm, tha tart air m' anam an geall air an Dia bheò, Salm xlii. 2, 's a dian-thogradh chum am barrachd co-pairt d'a dheagh-ghean. Ma bha aig a chorp so, air dha a bhi sgìth le saothair, agus air turus, mothachadh air déigh air fois agus suaimhneas air mo leabaidh, tha m' anam le caomh cho-aontachadh a' ghabhail fois 'an glacaibh do ghràidh, O m' Athar nèamhaidh, a bhuin cho fiughantach ris, Salm cxvi. 7. Agus ma chunnaic mi riamh aghaidh caraid le tlachd agus aiteas, 's amhuil a tha mi 'gabhail tlachd am faicinn do ghnùis-se. O Dhia, agus 'an g' ràdh m' athair ann an Criosd riut. 'S amhuil a tha thu, agus 's amhuil a bhitheas tu car ùine agus gu siorruidh. Ciod tuille th' agam r'a dheanamh, ach mi-féin earbsa riut feadh an dà chuid? Ga fhàgail an earbsa riut-sa m' oighreachd a thaghadh, agus mo ghnothaichean a stiùradh, Salm xlvii. 4, am feadh is e m' uile ghnothach seirbhis a dheanamh dhuit, agus m' uile shòlas do mholadh. Tha m' anam a dlù-leantuinn Dhé, a chionn gu bheil a dheas-lamh ga m' chumail suas, Salm lxiii. 8. Cumadh e do ghnà suas mi, agus théid mi le deothas air m' aghaidh a' t' ionnsaidh, gus am bi mo thograidh uile air an co-lionadh ann ad mhealtainn gu siorruidh! *Amen.*"

## CAIB. XXVIII.

*An Criosduidh daighnicht' air earalachadh chum e-féin a chuir thuige gu bhi feumail.*

1. Tha dòchas agam gur e a shamhuil sa chuir mi sios sa' chaibidil roimh, a tha, agus a bhios na chleachdadh bitheant' aig 'ur n-anmaibh, an làthair Dhé. Mar so bruchdaidh ur gràdh, agus ur taingealachd a mach 'na fhianuis, agus théid iad, trid Iosa an t-àrd Eadarmheadhonair, suas na làthair mar thùis, a' toirt bòltrach cùbhraidh uapa. Ach 's eigin duit a chuimhneachadh, nach e so, aon toradh a ghràidh sin do Dhia, a mheas mi a tha blàth ann ad chridhe. Ma tha e treibh-dhìreach, cha chaith se e féin an cainnt a mhàin; ach foillsichidh se e féin an deanadais, agus bheir e a mach ma fhior thoradh, gràdh neo-chealgach do d' cho-chreutairibh, agus lan toil agus rùn sìor mhath a dheanamh dhoibh.

2. "An d' amhairc Athair na tròcair orm," an abair

thu "cho gràsmhor; nach e a mhàin gun tug e maitheanas domh an deich mìle cionta, ach gun do bhuilich e a cho lion sochair orm: Och, ciod a dh' iocas mi dha air an son uile! O Teagaisgibh mi, sibhse oracla na firinn shiorruidh! Teagaisgibh mi, a bhràithre is sine an teaghlach m' Athar nèamhaidh! Os ceann gach uile, teagaisg thusa mi, a Spiorad a ghliocais agus a ghràidh, a dheanamh ni 's urrainn domh, a chuir an céill ma ghaoil do mhor thobar siorruidh a ghràidh, chum mo threibh-dhireas a nochdadh dhàsan, a rinn cheana na h-urrad ga thoilltinn, 's a ghabhas na h-urrad thlachd na gabhail ris agus a thoirt luach-saoithreach air a shon!"

3. Si so, O Chriosduidh, an àithn' a chuala sinn o thùs, agus mairidh i gun chaochla gus a chrioch, An neach a tha gràdhachadh Dhé, gu 'n gràdhaicheadh e a bhràthair mar an ceudna, Eoin iv. 21, agus gu 'm bu chòir dha an gràdh sin a nochdadh, ni h-e amhain an cainnt agus an aidmheil, ach mar an ceudna 'an gniomh agus 'am firinn, Eoin iii. 28. Tha thu ri d' choimhearsnach a ghràdhachadh mar thu féin, eadhon cruthachadh Dhé gu h-iomlan; agus cho fad 's a bhios e a' d' chomas oidhirp a thoirt air an deanamh sona.

4. "Tha sin fior," an abair thu, "agus tha mi 'g an gràdhachadh. Tha mi mothachadh slabhraidh òir gràidh Dhé a'g iathadh umainn uile, agus g'ar dlù-cheangal r'a chéile, g'ar ceangal an aon chorp agus a' sgaoileadh (mar g' am b' ann) aon anam trid an iomlain. Gun robh sonas, fior agus àrd; sonas buan-mhaireannach agus a sìor-mheudachadh, a rìoghachadh trid an iomlain de shaoghal chreutairean reusonta agus ùmhail Dhé, an nèamh agus air thalamh! agus gun robh gach creutair ceannaircach, a dh' fhaodar a thoirt air ais, air a thoirt ann, agus air a dheanamh ùmhail! seadh, gun robh peanas feumail na muinntreach sin, nach gabh toirt air an ais, air a riaghladh le gliocas neo-chriochnach agus gràdh chum math an iomlain!"

5. 'S iad sin rùin cheart; agus ma 's iad gun ambarus rùin agus dùrachd do chridhse, O leughadair, agus nach e riaghailt fhalamh de chainnt fhaoin, bithidh dùrachd na'n co-chuideachda gu co-oibreachadh le innleachd mòr freasdail Dé, a réir do chomais agus do dhìcheill. 'S a chum na crìche so, cuiridh iad thuige thu gu beachd sonraicht a ghabhail air do bheatha agus do bhith; chum

gu 'm faic thu ciod an cothrom air bhi feumail a tha iad san àm a buileachadh ort, agus cionnas a dh' fhaodar feum iomchaidh a dheanamh dheth na cothromaibh sin. Tòisich ma ta air a bheachd sin a ghabhail: cha 'n ann a chum uaill a dheanamh a freasdal no gràs Dhé do d' thaobh, no ma fhuair thu c'ar son a ta thu deanamh uaill mar nach faigheadh tu e, 1 Cor. iv. 7, ach gu 'n giulain thu thu féin gu dileas tairis, do t-Athair nèamhaidh, aig am bheil thu a' d' fhear-riaghlaidh, agus leis am bheil gach tàland a th' agad air an earbsa riut. Agus an so, air bhi do thiodhlacaibh againn, eadar-dhealaichte a réir a ghràis a thugadh dhuinn, Rom. xii. 6, còimhideamaid an còrr le laimh neo-chlaon, chum gun tuig sinn ciod a ta Dia a'g iarraidh oirn; ni nach lugha, na sinn a dheanamh ni 's urrainn duinn a smuaineachadh, a dheilbh, agus a thoirt gu crìch, air son an leas choitcheann. Ach mo thruaighe cia tearc a tha e gu ceart air a dheanamh! agus 's mòr a tha 'n saoghal m' an cuairt duinn, agus 's mòr a tha ar n-anma féin a' fulang, le easbhaidh na tairisneachd sin!

6. An tug Dia tùr agus foghlum dhuit? Cha 'n ann a chumail cleasachd riut féin, no ga d' dheanamh riomhach, agus gu torr-leus a lasadh nach deanadh ach aire agus ioghnadh dhaoin a dhùsgadh. 'S ann a chaidh a bhuileachadh ort chum a bhi na mheadhon air thu féin agus daoin eile thoirt gu Athair na soillse. Agus se do dhleasannas, a réir rùin shonraicht an tùir no a chomais a thugadh dhuit, oidhirp a thoirt air caithe-beatha dhaoin' a dheanamh ni 's taitniche; no gu a ghnàthachadh an teagasg diadhaidh, a thagradh cùis diadhachd, a dhion fhìrinne, a chliuthachadh agus a chuir an gniomh a cleachdaidh; a chumail dhaoin air an ais o ghnàthachadh a bhiodh easurramach do Dhia, agus cronail dhoibh féin; agus gach oidhirp is urrainn duit a thoirt le caomh earailibh dùrachdach air an treorachadh gu slighe subhailc agus sonuis.

7. An do bhuilich Dia ùghdarras ort, co diubh is ann air beagan no air moran muinntir? Cuimhnich gur h-ann a thugadh dhuit an cumhachd so, chum gu 'm biodh urram air a chuir air Dia, agus gu 'm biodh iadsan air an robh uachdranachd agad, co dhiubh 's ann a' d' theaghlach no an dreuchd follaiseach, air an deanamh sona. Biodh uime sin cùram ort, co dhiubh is i an t-slat, no an claidheamh a ta air earbsa riut, nach giulainear an

diomhain e, Rom, xiii. 4. Am bheil thu a' d' fhearriaghlaidh ? A' bheil cuid agad do 'n chùram chudthromach sin air reachdan a shocrachadh ? Biodh meas agad air ùghdarras an àrd reachd-thabhartair, àrd fhear-dion gach co-chomuinn : Na cuir air aghaidh, agus na h-aontaich le aon ni a mheasas tu a bhios an aghaidh a thoile ; agus le chuir air aghaidh gum bi thu a làn chreidsinn gur e a thoil-san a bhios ann a chum math, Rom. xiii. 4. Am bheil cùram lagh a chuir an gniomh ort ; bi gu duineil treubhach ga chuir an gniomh, a réir do dhreuchd. Na biodh ainm ùghdarrais agad gun an tairbhe. Na leig dhuit féin, mar gam b' ann, tuiteam a' d' chadal air cathair a bhreathanais. Bi furachar, gu grad aire thoirt do gach ni m' ad thimchioll. Dion an t-ionracan, agus an neo-chiontach. Cuir as do chumhachd fhir an foirneart. Leig ris gach mealltaireachd. Thoir mi-chliù, agus cuir an aghaidh an daoidhear a tha le thapadh a dion agus a cleth na h-aingidheachd, bu chòir dha oidhirp a thoirt air fhoillseachadh, agus fhògradh as an t-saoghal le gràin agus fuath.

8. Am bheil thu ach air ceann teaghlaich ? Riaghailtich mar air son Dhé. Gnàthaich gnothaichean na buidhne bige sin, air a cheart doigh a bha mi 'g earalachadh air na daoine cumhachdach agus mòr ; ma 's e 's gun tachair dhoibh a thaobh tuiteamais amharc air na chaidh chuir sios umpa. 'S iad do chlann agus do sheirbhisich t-iochdrain nàdurra. Biodh deagh riaghailt air a shuidheachadh nam measg, agus cum iad fo smachd iomchaidh. Biodh iad air an teagasg mu 'n chreideamh Chriosduidh, chum gu'm bi eolas aca cho reusonta 's a tha e ; agus cleachd dhoibh an giulan a bhi da réir. Cha 'n urrainn duit an cridhe a chaochladh, ach faodaidh tu mùgha mòr a dheanamh air an giùlan ; agus leis a sin an coimhead bho ioma cunnart, agus an deanamh nam buill fheumail do'n chomunn d' am buin iad, agus faodaidh e an stiuradh an rathad slighe Dhé, Salm lxxxv. 13, agus theagamh san dol seachad gu'm faod e am beannachadh le saibhreas a ghràis. Agus bi cinnteach gun dean thu do dhicheall gu mothachadh a thoirt doibh air am feum air na sochairibh sin : bi aig mòr shaothair gu thoirt orra àrd-mheas a bhi ac' oirre, agus a bhi 'n dian thòir air am mealtainn thairis air aon ni eile.

9. A rìs, am bu deonach le Dia do dheanamh measail am measg do cho-chreatairibh, nach eil daonnan a' tach-

airt a réir saibhris no inbh sa bheatha so? An éisd iad ri d' chomhairle le dùrachd? An bheil iad an déidh air do chuidheachd? Am bheil Dia a deonachadh dhuit taitneachd an sùilibh dhaoine, air chor 's gu bheil iad a cuir an t-seadh is taitniche air do chainnt agus air do dheanadas? Bu chòir dhuit so a mheas na shochair mhòr o'n fhreasdal, agus a bhi na aobhar misnich gu thoirt ort do dleasannas a cho-lionadh gu cridheil suilbhearra, agus gu bheil e toirt cothroim dhuit air tuille feum a dheanamh, no a dh' fhaodadh a bhi agad a réir t-inbh' air atharrachadh. Ma tha meas air do ghiulan dean am feum is fearr dheth. Bi bàigheil ri deagh-bheus agus ri mathas. Dean còmhnadh càirdeil ri fear an deagh-bheus, an uair a bhios e fo fhoirneart no air a dhearmad; ge d' a robh a ghiulan, 'n uair a sheallar gu neo-chlaon air, a' dealradh, math a dh' fhaoidte, ni 's cliùtaiche na do ghiulain féin. Bi a' d' fhear-tagraidh do 'n fhìrinn; bi t-fhear-comhairliche sìth; bi a' t' eiseamplair air ionracas; agus dean na dh' fhaodas tu chum cridheachan dhaoin a réiteacha r'a chéile, agus gu h-àraidh réit' a dheanamh eadar dhaoine matha. Agus deanadh faicill agus irioslachd do ghiulain an cùisibh àrd agus urramach, am meadhon a choilion comharradh air meas coitcheann, achasan uaigneach a thoirt da, air uaill agus àrdan, na muinntreach nach eil comharraichte, faodaidh e bhith, air son aon ni eile; no ma tha iad comasach air math a dheanamh, nach urrainnear meas a bhi orra, no idir am feum a dh' fhaodadh iad a dheanamh, gus am bi an uaill agus an àrdan air a chiosnachadh. Agus na ceadaich dhuit fèin an giulan taitneach a leigeadh dhiot, air son aon ionnsaidh lebideach a bheir farmad no droch thuaileas ort, a dh-fhaodas tighinn ad charamh. Bi do ghnà toileach leas coitcheann a chuir air aghaidh; agus leig do chliù am bhuil an fhreasdail, chum a dhion na a thoirt o ionnsaidhean truaillidh mì-ruin agus ceilg; ni a chuireas gu minig nan aghaidh féin, as eugais do chòmhnaidhse, agus a chàrnas suas nàire air cinn an luchd-togail, na theagamh tuille mì-chliù na bu mhath leat a thighinn nan caramh.

10. Aon uair eile, An do bheannaich Dia thu le saibhreas? An do shuidhich e thu air sheol 's gu bheil tuilleadh agad no dh' fheumas tu a chumail suas do theaghlaich? Cuimhnich an t-am san éigin duit cunntas a thoirt seachad. Cuimhnich gur minig a chuir na nithe sin mòr dhragh air daoine a thaobh an saoraidh,

agus cia tric, a reir cainnt shoilleir ar Slànuigheir, a tha iad a deanamh dol a steach do rioghachd Dhé, cho deacair ri càmhal a dhol tre chrò snàthaide, Mat. xix. 24. Air an aobhar sin bi guidhe gu tric dùrachdach gun do shaibhreas a bhi na ribe agus na mhasladh dhuit, mar a tha e gu minig dhoibhsan aig a bheil e. Cuir air leth, guidheam ort, earrann do d' theachd a stigh gu cobhair air an fheumach ; a sìor-mheudachadh a réir 's mar a shoirbhicheas an Tighearna leat a' d' ghnothaichibh. Leis a so bithidh daonnan agad caileigin gu bhuileachadh air diol-déirc, agus air gniomharraibh seirceil : Agus bithidh e ni 's fusa leat a thoirt seachad, an uair a mheasas tu nach eil buntainn agad ris an ni a chuireadh air leith ; ach mar air a thoirt cheana seachad chum nam feum sin ; ged nach deach a shònrachadh fhathasd ciod na ceart chuspairean ar am builichear e. Cha buin e dhomhs' a ràdh, ciod an earrann bu chòir a chuir air leith. Dhoibhsan aig a bheil teachd a stigh mòr, 's a tha gun chlann, faodaidh e bhith gu bheil trian no a leth, tuille 's beag : Dhoibhsan aig nach eil ach teachd a stigh iomchaidh, agus an cosgais tròm, ged' a tha caileigin aca, bharrachd air na tha fiior-fheumail gu'n cumail suas, faodaidh e bhith gu bheil an deicheamh cuid tuille 's mòr. Ach guidh gu 'n stiuradh Dia t'inntinn ; cuir deuchainn air a chùis car aon bhliadhna, mar a shaoileas do choguis a bhios taitneach leis ; agus deanadh mar bhios tu leis sin do sheoladh air an ath-bhliadhna ; a' cumail do ghnà a' d' chuimhne, gu bheil e sa' cheud àite 'g iarraidh ceartais, agus déirc' a thoirt seachad d'a réir sin. Gidheadh, bi air t-fhaicill roimh 'n smuain mhealltaich mhillteich sin, *Gu bheil ceartas a dheanamh ri d' theaghlach a'g iarraidh gu'm fàgadh tu ro shaibhir do chlann ;* ni air son an do chaill cuid dheth na pàrandan gortach sin cuid dheth na h àilleagain air son an robh iad ga ghleidheadh suas, na bu chòir a bhuileach air an fheumach ; agus ciod an rosad a dh' fhaodas fhathasd a bhi 'n deigh na tha làthair, 's ann aig Dia a mhàin a tha fios ; agus se mo ghuidhe dhùrachdach nach bi féin-fhiosrachadh agadsa no aig do chloinn air a chùis.

11. 'S a chum am barrachd fosglaidh a dheanamh air do chridhe, agus gu 'm bi do dhéircean chum nan rùn is fearr, ceadaich dhomh ainmheachadh gu h-aithghearr cuid de dhoighibh àraidh air math a dheanamh,

air am faod iadsan, a thoirt fainear, air an do bhuilich Dia an toil agus an comas gu sin a dheanamh. Chum cuideachadh a dheanamh ris na tha mi r'a chuir an céill, seall m' an cuairt air a choimhearsnachd sam bheil thu thàmh. Smuainich cia iomadh neach dìcheallach onarach, agus faodaidh mi theagamh a radh cuideachd, càbhach, a tha deanamh spàirn chruaidh ri tighinn tro 'n t-saoghal. Smuainich ciod an sòlas a bheireadh e dhoibhsan na tha agads' a bharr air na tha feumail duit, dheth na bhuilich Dia ort. Eisd mar an ceudna ri aon iarrtus sonraichte air cuideachadh gu feum follaiseach; agus cuidich leo le t' impidh agus le t'-eiseamplair, ni a dh' fhaodas tuille feum a dheanamh, no na ni na bheir thu dhoibh dheth do mhaoin. Biodh do theanga ullamh gu cùis an fheumaich a thagradh cho math agus do lamh gu'n cobhair; agus oidhirpich cuir as do na leith-sgeil gun diù, a tha sannt agus mìothaireachd gu minig a' gabhail, dhoibhsan a tha le seoltachd a cuir caileigin de sgéimh chealgach air an diultadh, ach a dh' fhaodar gu h-ullamh a thoirt fainear. Faic a choilion leanabh lom, nochdte agus aineolach a tha falbh m' an cuairt nan sràidean, buailteach do gach olc agus truaighe, agus smuainich ciod a ghabhas deanamh, air a chuid is lugha, chum cuid ac' a sgeudachadh, agus oilean an eagal Dé. Nan gabhadh gach teaghlach saibhir ann am baile-mòr, a tha nan urrainn cuideachadh a dheanamh na leithid sin do chàs, beachd le caomh iochd air aon teaghlach bochd nan coimhearsnachd, agus cùram a ghabhail d' an cloinn a bheathachadh, a sgeudachadh, agus a theagasg, gu còmhnadh a dheanamh leo nan teinn, agus gu'n dìon o fhoirneart, agus comhairl a thoirt orrasan aig a bheil stiùradh na cùise, nach mòr am mùghadh a dheanadh e an ùine ghearr 'nar measg? Thoir an aire co tha tinn, chum 's mar 'eil tigh-leighis dlù do laimh, chum am faodar an cuir, gun dean thu caileigin de chòmhnadh riu aig an tigh, le d' chomhairle agus le cungai-leighis fhaotainn doibh, cho math agus fhaicinn am bi lòn agus frithealadh iomchaidh aca.— Thoir fainear mar an ceudna feum sporadail dhaoine; 's a chum sin a dheanamh, bheirinn a chomhairl ort, t'fhiughantas a nochdadh le còmhnadh a dheanamh ri daoine òga càbhach chum an togail suas 'am foghlum agus 'am fiosrachadh, chum bhi nan luchd-teagaisg. Agus na bi leisg air cuid de na bhuilich Dia ort, a

phairteachadh riusan, a tha leige dhiubh nithe aimsireil chum soisgeul Chriosd a fhrithealadh dhuibh, agus tha còir aca bhi air an cumail suas libhse, air mhodh a tha freagarrach chum iad a bhuileachadh an saothair oirbh, cia b'e air bith deacair a tha e, a chionn gu bheil iad air 'ur sonsa, agus air son 'ur Slànuighear a' coisrigeadh suas am beatha. Agus am feadh a tha sibh cho pailt air 'ur sàsachadh le maitheas tighe Dhé, eadhon a theampuill naomha, Salm lxv. 4. gabhaidh truas dhiubhsan a tha thamh an tìr neo-àitichte; agus biodh aiteas oirbh le cailеigin a dheanamh chum soisgeul Chriosd a chraobhsgaoileadh air feadh cinnich na talmhuinn, le smuaineachadh cho fad 's a tha iad as eugmhais eolais air, ged' is e bhi eolach air air mhodh iomchaidh, a bheatha mhaireannach.—'S iad san beagan de nithe fiùghantach a tha feumail, bu mhiann leam a leigeadh ris dhoibhsan air an do bhuilich Dia am pailteas; agus bithidh e na mheadhon air a bharrachd urram a chuir air Dia, le ghnàthachadh air an diogh so, na dheanadh e air aon doigh eile. Ach mar urrainn duit òr a thoirt seachd thoir dhoibh airgiod: o nach cuir Dia cùl ri feoirling no r'a leth, an uair a bheirear seachad e le cridhe fiùghantach agus iochdmhor, Marc xii. 42, 43. rachadh sin a chuir gu toileach san ionmhas, o nach eil tabhartas is pailte r'a thoirt seachad.

12. Agus a' measg a chòilion teann-iarrtas air fiùghantas, chum 's gu 'm b' fheairrd' a rachadh agad air am freasdal, thoir gu cùramach fainear do d' chaithe-beatha. Cha 'n 'eil mi 'g ràdh gu bheil Dia ag iarraidh gu 'm fàsadh tu bochd trid t-fhiùghantais. Tha cumail suas comuinn mar tha e-san àm air a shocrachadh, cha 'n e a mhainn a ceadachadh, ach a'g iarraidh gu'n gabhadh cuid de dhaoine dhoibh féin nithe taitneach agus sòlasach na beatha so; tha mòran de theaghlaichean bochda air an cumail suas, leis na nithe rìomhach sin a dheanamh, leis a bharrachd meas agus thoillinntinn dhoibh féin, agus leis an tuille tearuinteachd d' an coimhearsnaichibh, no ged' a bheirte luach an saoithreach, no luach an ni anns a bheil iad a roinn dhoibh mar dhéirc. Cha mhò tha mi meas gu 'm biodh e na thaingealachd do Dhia, gu 'n cuirte cùl r'a thiodhlacaibh, mar gur ann a bhiodh iad air an toirt seachad gu bhi nan ribe agus nam mallachadh an àite bhi nan sochairean. B'e sin cuir an aghaidh rùin fhiùghantach Athair nan uile. Biodh sochairean an fhreasdail air an gnàthachadh; ach bitheamaid

faicilleach gur h-ann air doigh mheasarra ghlic, air t-eagal le t' amaideachd, gu 'm bi an ni a fhuair thu a chum do mhath, na cheap-tuislidh dhuit, Salm lxix. 22. Leig le d' choguis a ràdh, a leughadair, ionmhuinn, do d' thaobh féin, ciod an roinn dheth na nithe math a tha thu sealbhachadh a tha t-Athair nèamhaidh a sònrachadh ort féin, agus ciod air son do bhràithrean; agus na caith do bheatha mar nach biodh bràithrean idir agad; mar g am b'e thu féin a thoileachadh anns gach stròghail agus anacaitheadh a dh' fhaodadh tu a mhiannachadh, a chrìoch m' an tainig thu do 'n t-saoghal. Tha eagal orm gur e so an t-anabharr a tha 'n t-àl so a ruith, is nach e anabharra féin-àicheadh agus cìosnachaidh. Rannsaich do chosgas, agus coimeas e ri d' theachd a stigh. Faodaidh e bhi ro-stròghail dhuitse, no an ni nach eil a mhàin ceadaichte, ach clìùiteach do neach eile tha os do cheann an inbh. Cha mhò a dh' fhaodas tu bhi cinnteach, nach eil thu dol tuilleadh 's fada, ged nach eil thu ga d' chuir féin fodha am fiachan, no do dheanamh neo-chomaslach air a bheag a chuir seachad fa chomhair do theaghaich Mar 'eil thu comasach air a bheag a dheanamh air son nam feumach a réir do ghiulain a measg dhaoin, leis a chaithe-beatha stròghail a ta agad, cha bhi an gnàthachadh sin taitneach le Dia; agus 's còir dhuit, mar a fhreagras tu dhasan, a chuir an lughad. Agus ged a bhiodh comas diadhaidh air a thoirt dhoibhsan aig a' bheil rùn trèibh-dhireach do chreideimh an Criosd, agus gràdh neo-chealgach do Dhia agus do dhuine, ged nach dean iad gach ni fiùghantach agus feumail a dh' fhaodadh iad; gidheadh bi cinnteach as a so, gu 'm bi aige-san a bheir do gach neach a réir an oibribh, cùram sonraichte de thomhas a mhathais an roinn na duais dheireannaich: Air chor 's gu bheil gach cothrom air mathas a dheanamh a chaidh dhearmad a tarruinn calldach nach gabh leasachadh na cho'-lorg, a théid leat a stigh do shiorruidheachd. Agus ceadaich dhomh a ràdh cuideachd, gu bheil gach dearmad gam bheil thu a toirt caidreamh, a' fàgail t-inntinn ni 's laige agus ni 's laige, agus ni 's neo-thogarraiche a chum na chaill i a bhuidhinn, no idir a ghleidheadh na ghramaich i ris gus a so.

13. Na gearan, gu bheil mi tuille 's cruaidh ort. Cha 'n 'eil mi ach a stiùradh do shòlais gu slighe is ro luachmhoire, agus tha a mheasarrachd sin, o bheil a leithid sin do fhiùghantas a sruthadh, cho fada bho bhi

mi-chliùteach dhuit 's gur ann am barail dhaoine glic agus math, a mheudaicheas e gu mòr do chliù. Ach tha aobhar gu mòr is luachmhoire na sin agad fa d' chomhair. Tha mi a labhairt riut, mar ri aon de chloinn Dé agus mar bhall de Chriosd; air a dhlù-cheangal leis an aonachd is caidriche ris an neach is bochda a chreideas ann. Tha mi labhairt riut mar ri oighre air ghloir shiorruidh, aig an còir rùin àrd agus luachmhor a bhi an tomhas eigin a réir na h-oighreachd ris a bheil a dhùil.

14. Smuainich agad féin ma ta, ciod am math a tha r'a dheanamh, agus ciod a dh' fhaodas tus a dheanamh, aon chuid le d' phearsa féin, no le d' chumhachd air daoin eile; agus cuir ma thimchioll le rùn suidhichte, mar 'an ainm agus 'am fianuis an Tighearna. Agus leis mar tha 'n Tighearn a' toirt seachad gliocais, agus 's ann as a bheul a ta eolas agus tuigse a' teachd, Gnath. ii. 9. rach gu cas-stòl a righ chathrach, agus an sin iarr na seolaidh agus an gràs sin, a bhios freagarrach do d' chor san àm, 's a dh' fhaodas a bhi éifeachdach chum toradh naomhachd agus feumalachd a thoirt a mach, chum a ghlòir is ro shaibhire, agus gu cliù t'aidmheil Chriosduidh féin.

*An Criosduidh stéigheil a miannachadh ruigheachd air an tuilleadh feumalachd.*

" O Athair fhiùghantaich, agus àrd ùghdair gach math, nàdurra agus spioradail! tha mi toirt cliù dhuit air son gach sochair luachmhor a bhuilich thu air creutair cho neo-aithrigh 's a tha mise. Tha m' anam fo thròm amhluadh a' t' fhianuis air son lughad an fheum a rinn mi dhiubh. Mo thruaighe! ciod a rinn mi an coimeas ris na b' ion sùil a bhi agad ris, a thaobh mo thuigse naduir a bhuilich thu orm, le m' mhaoin, agus le m' ùine, agus le m' chumhachd os-ceann dhaoin eile! Mo thruaighe! tha mi trid m' amaideachd agus mo dhearmaid féin, ag amharc air m' ais air àite fàs, far am faodadh e bhi na mhachair thorraich, fo làn bharr! 'S ceart bhreitheach a dh' fhaoda tu 'n t-iomlan a thoirt uam, mo thoirt gu cunntas air an son, a bhi air m' fhaotainn neo-dhìleas duitse, do 'n t-saoghal, agus do m' anam féin; 's a thaobh an dìteidh sin, a bhi air mo thilgeadh do phrìosan an dorchadais shiorruidh! ach mhath thusa gu saor m' fhiachan uile. Moladh do t' ainm air a shon! Gabh, O Dhia, ris an striochdadh ath-nuadhaichte so a tha mi nis a' dol a dheanamh dhiom féin agus do gach ni tha mi 'sealbh-

achadh, chum do sheirbhis-se ! Cha 'n 'eil mi 'g iocadh ach do chuid féin duit air ais. Dean mi, guidheam ort, am fhear riaraich dìleas do m' Thighearna ; agus nior robh sùil agam ri m' mhath féin, 'an aghaidh na bhios a chum do ghlòir-sa !

"Tha mi 'toirt cliù dhuit, O Dhia nan uile ghràs, ma tha mi, am feadh a tha mi mar so a labhairt rìut, a mothachadh gràdh do m' cho-bhràithrean ag éiridh suas 'am anam ; ma tha mi faireachdainn mo chridhe ullamh gu gabhail ris an iomlan de 'n chinne-daoine ! Och dean mi am fhear-riaraich firinneach 'an roinn orrasan gach ni a bhuilich thu orm, chum cobhair a dheanamh dhoibh ! agus 'an gleidheadh m' earrainn féin gun robh mi gu neo-leth-phairteach, ga roinn eadar iad-féin agus mise ! agus gun robh mi taingeil, toilichte leis na thuiteas gu'm roinn féin, agus deonaich dhomh an còrr a riarachadh gu sùilbhearra glic, dìleas ! stiùir mo lamh, O Athair thròcairich, am feadh a tha thu 'cuir de dh-urram orm a bhi 'm inneal air caileigin deth t'-fhiùghantas a phàirteachadh, chum gun tabhair mi iad far am mugha tha dh' fheum orra, agus far am freagair iad do 'n rùn is fearr ! agus gu ma deonach leat an sìol a chuireadh a mheudachadh ; 2 Cor. ix. 10. Soirbhich leam am ghnothaichean saoghalta, chum gur mò a bhios agam r'a thoirt dhoibhsan a bhios na fheum ; agus fadheòidh mo threòrachadh do dh-ionad a phailteis bhith-bhuan, agus an fhiughantais shiorruidh ! Agus deonaich gun coinnich mi 'an sin iomadh neach ris an d' rinn mi còmhnadh air thalamh ; agus m' as e do thoil bheannaichte-sa, mòran a bha mi am mheadhon air an treòrachadh chum an àite chòmhnaidh shòlasaich sin ! an sin gàbhadh iad rium gu fialaidh an ionadaibh na glòire ; agus bi thusa fad aimsir agus siorruidheachd deonach air gabhail ri cliù an iomlain tre Chriosd ; d' am b' àill leam sleuchdadh aig a chasan ; agus aig am bu mhiann leam an deigh beatha ro-fheumail a chaitheamh, bàs fhaighinn ; leis na h-urrad irioslachd, 's an cuir mo cheud eolais air tre chreideimh, agus gun chothrom riamh agam, le aon ghniomh ùmhlachd no taingealachd, air a treibh-dhireachd a dhearbhadh ! *Amen.*"

## CAIB. XXIX.

### *An Criosduidh a' deanamh gàirdeachas le beachd a ghabhail air bàs agus air Breitheanas.*

1. An uair a bha taisbeanadh an Tighearn a criochnachadh air Eoin, an deisciobuil ionmhuinn, an eilean

Phatmois, tha e soilleir, gu bheil e-san a thug am foillseachadh sin da, eadhon Iosa an fhianuis dhileas agus fhior, a' co-dhunadh leis na briathran beothail agus cudthromach so: Tha e-san a tha togail fianuis air na nithibh sin a'g radh, gu deimhin tha mi a' teachd an aithghearr: Agus tha Eoin ga fhreagairt gu grad le mòr shòlas, *Amen*, seadh, thig a Thighearn Iosa! Taib. xxii. 20. Thig, mar a thubhairt thu, gu deimhin, agus an aithghearra! agus cuimhnich, O Chriosduidh, co air bith thu a tha san àm a leughadh nam briathran sin, gu bheil do Shlànuighear a labhairt 'sna briathran ceudna: Feuch tha mi teachd an aithghearr.—Thig e gu ro ghrad le bàs, a chuir car de 'n iuchair, a dh' fhosgladh dorus na h-uaighe dhuit, a chum do threorachadh troimhe do dh-ionadan còmhnaidh neo-aithnichte an t-saoghail neo-fhaicsinnich. Cha mhò is fhada gus an tig am breitheamh, a tha na sheasamh aig an dorus, Seum v. 9. a chum a bhreitheanais choitcheinn. Agus ged' a bhiodh ni h-e a mhain ficheadan, ach caidan bliadhn' eadar sin agus an t-àm so, gidheadh cha 'n 'eil ann ach uine ro bheag leis-san a tha 'gabhail beachd colath air na linntean a chaidh seachad agus air an t-siorruidheachd a tha ri teachd. Cha 'n 'eil mìle bliadhna leis-san ach mar aon latha, agus aon latha mar mhìle bliadhna, 2 Pead. iii. 3. Anns an dà sheadh sin, tha e teachd gu grad: Agus tha dòchas agam, gu 'm faod thu freagradh, le *Amen*, nach 'eil a bhàirlinn eagalach, no idir neo-thaitneach leat, ach gur fearr leat, gu bheil a theachd cinnteach, agus grad, agus gur e sin cuspair do dhòchais thaitnich, ris an robh sùil agad o cheann fada.

2. 'S cinnteach mi gur iomchaidh a chùis a bhi mar so: Agus gidheadh theagamh gu bheil nàdur, deigheil air beatha agus neo-thoileach air dealachadh ri àite san robh a chòmhnuidh cho fada, gu inndrinn air staid air a' bheil e na choigrich, a' teannadh air ais o bhi smuaineachadh air bàs fhaighinn; no air a bhualadh le greadhnachas uamhannaich an t-saoghail a leaghadh as; theagamh gu bheil e a'g amharc air latha bhreathanais le rudaigin de gheilt. Agus air an aobhar sin a bhràthair ionmhainn san Tighearna, (oir mar so measaidh mi thu a nis) co-reusonaichidh mi riut m' an chùis so car beagan, agus guidheam ort amharc air a chuspair chudthromach, leis an tuille cùraim, ni a bheir air, tha dòchas agam, fàs ni 's taitniche leat, mar is tric a bheachdaicheas tu air.

Ni h-e a mhain sin, ach tha dòchas agam an àite teannadh air t' ais uaith, gur h-ann is dàch thu dhol air t' aghaidh na chòdhail le gàirdeachas agus le tlachd.

3. Smuainich, O Chriosduidh, 'n uair a thig Criosd gu d' ghairm air falbh le bàs, gur h-ann a tha e a' teachd, —chum do shaoradh o'n trioblaid fo 'm bheil thu san àm,—chum do shaoradh o'n strì tha thu deanamh ris an fhuigheall truailleachd a dh' fhuirich maille riut,—'s a chum gabhail riut gu còmhnaidh a ghabhail maille ris féin ann an naomhachd iomlan agus 'an aoibhneas. Bithidh tu a' d' choigrich as a cholainn, agus a làthair maille ris an Tighearna, 2 Cor. v. 8.

4. Gairmidh e gun amharus as an t-saoghal so thu. Ach mo thruaigh ciod e 'n saoghal so, gu'm biodh tu cho déigheil air, 's gun dlù-leanadh tu ris leis na h-urrad dheothais? Cia fhad a mhaireas gach sealbhachadh a bhuineas da; agus is lionmhor a champair, a cheapatuislidh agus amhghair? Gabh beachd air do chuairt an fheadh so; agus ged' is eigin duit aideachadh, gun do lean mathas agus tròcair riut uile laithean do bheatha, Salm xxiii. 6, gidheadh, nach do chuir a cheart tròcair sin féin bioran a' d' slighean, agus thug e sanuis ghlic agus fheumail dhuit, gidheadh chràiteach, nach e so do chòmhnuidh, Mic. ii. 10. Gabh beachd air cuimhneachain do ghàirdeachais a tha nis air seargadh, air do dhòchais gun bhrìgh; ma tha fhathasd a bheag dhiubh a làthair, ach cuimhneachan brònach a dh' fhag iad umpa ann ad chridhe àmhgharach. Gabh beachd-shealladh air na h-uaighean, a shluig suas mòran dheth do chàirdean dìleas agus taitneach, theagamh an tréin an neart agus am maise, am meadhon do cho-chomuinn shòlasaich leo; agus smuainich, ma bhuanaicheas tusa car beagan eile de bhliadhnachan, bheir am bàs ath-ionnsaidh air a chuid is annsa leat de 'n fhiuigheall a tha làthair, agus taisgear iad an leabaidh thosdaich na h-uaighe. Gabh beachd air a bheò, cho math 's air na mairbh; feuch staid nàduir a chinne-daoine, fo a cho lion dearbhadh muladach air an cùl-sleamhnachadh o Dhia; agus abair am bu mhiann le duine glic agus math sìor-bhuanachadh an so. Shaoilinn ged' a bhithinn féin tearuinte o bhi air mo leòn le aon sam bith deth na saighdean a tha leum m' am thimchioll, nach b' urrainn domh gun bhi dubhach air son nan lot a tha iad a deanamh, agus air son gearan chràiteach na muinntreach a tha sior thuiteam leo. Tha easlaintean

agus trioblaidean dhaoine cho lionmhor, agus se cùis is measa, gu bheil eucaile na h-inntinn cho eugsamhuil, agus cho bagarrach, 's gur ann a tha 'n saoghal mar 'g am biodh ann tigh-eridinn: Agus tha duine tiom-chridheach, ullamh gu mhothachadh a spiorad briste, mar a dh' imicheas e troimhe, 's a bheir e fainear trioblaid na cuise; gu h-àraidh 'n uair a chi e cho beag 's a 's urrainn e a dheanamh chum a mhuinntir is truagh leis a leigheas. Am bheil thus' a' d' Chriosduidh, agus nach eil e a' cràdh do chridhe, bhi faicinn mar tha an nàdur-daonna, air an luaithre an ann dubhailc agus an gniomh-nàire? A dh' fhaicinn an ladarnas ann-dàna leis a' bheil cuid de dhaoine, gu follaiseach g' an truailleadh féin; agus mar tha eas-urram air a chuir air ainm Chriosd le mòran a tha gabhail os-laimh a bhi nan luchd-leamhuinn air? A dh' fhaicinn deanadas mi-laghail agus gnàthachadh truaillidh nan ann-diadhaidh, agus laigsinn agus miriaghailt nan daoine sin m' am bheil againn dòchas is fearr? Agus nach math leat dol as o leithid sin do shaoghal, far a' bheil anam ionraic agus truacanta air a chràdh o latha gu latha le bhi faicinn na h-urrad pheacaidh agus thruaighe? 2 Pead. ii. 8.

5. Chum a chùis a thoirt ni's dlùithe dhuit, nach eil thu faireachdainn ni-eigin an taobh a stigh dhiot, is fada leat gus am bi thu cuibhte dheth, a dh' fhàgadh Phàras féin neo-thaitneach? Ni-eigin, nam b' e 's gu 'm buanaicheadh e, a chuireadh mulad agus càmpar ort an cuideachd nan spioradaibh beannaichte féin? Nach eil thu mothachadh fuigheall peacaidh an taobh a stigh dhiot; toradh bochd ceud seachrainn ar nàduir bho Dhia? Nach eil thu gach aon latha a dian-strì an aghaidh iarmad truailleachd, no air a chuid is lugha ri bròn air son laigsinn do ghràis? Nach eil thu mothachadh do spioraid trom agus neo-shunntach, an uair bu mhiann leat a thogail chum an dùrachd bu mhò an seirbhis Dé? Nach eil thu gu minig a' faireachduinn do chridhe neo-mothachail air na comharran is saibhire air a ghràdh dhuit, agus do lamhan lag na sheirbhis, an uair a tha 'n toil a làthair maille riut? Rom. vii. 18. Nach eil do bheatha, 's na laithean agus 's na h-uairean is fearr, a' d' bheachd iosal agus neo-tharbhach, 'an coimeas ris mar tha dearbh-fhios agad bu chòir dhi bhi, agus a b' e do rùn gu 'm bitheadh i? Nach eil thu gu minig, mar gu 'm b' ann, a 'sgaoileadh

sgiathan t' inntinn, agus a'g ràdh, "Och nach robh agam sgiathan mar choluman, theichinn as air iteig, agus geibhinn fois?"

6. Nach bu chòir dhuit ma ta gàirdeachas a dheanamh le smuaineachadh gu bheil Criosd a' teachd a chum do shaoradh o na gearain sin? Gu bheil e teachd a réir t-iarrtais, agus a choilionadh làn rùin do chridhe; na rùin sin a bheothaich e féin? Gu bheil e tighinn a dh' fhosgladh dhuit saoghal fìor-ghlan agus aoibhneach de sheirbhis ghniomhaich, àrdaichte gun sgìtheachadh?

7. O Chriosduidh, cia minig a thug thu sealladh fadalach ris a chala àigh sin, agus bu mhiann leat dol thairis air a chaolas bhuaireasach, neo-thaitneach agus chunnartach sin, a tha eadar thus' agus e? An uair a dh' aontaich do Shlànuighear t-fhiosracha car ùin ghearr na òrduighibh air thalamh, nach bu shona leat an t-àm agus an t-ionnad, agus thuirt thu, am meadhon-mi-ghoireas eile gu 'm b'e dìreach geata nèamh a bh' ann? Gein. xxvii. 17. A' bheil e ma ta cho taitneach an geata fhaicinn, an e nach mòr is mò na sin a bhios dol a steach air? A' bheil cuideachda Chriosd car aon uair cho sòlasach, cia neo-chriochnach is mò na sin a bhi 'n còmhnaidh maille ris gu siorruidh? Is math a dh' fhaodas tu a ràdh, "O Thighearna, 'n uair a bhios mo chòmhnaidh maille riut bithidh mi a' 'm thàmh ann an naomhachd, oir tha thusa féin a' d' naomhachd; bithidh mi thàmh an gràdh, oir 's gràdh thu-féin; bithidh mi a thàmh an aoibhneas, oir 's tusa tobar an aoibhneis," mar *bha thus' anns an Athair agus an t-Athair annadsa,* Eoin xiv. 20. Uime sin dean beatha a theachd, gu ghabhail air fhocal, 's a choilionadh na cainnt sin a thuirt e, air am minig an do shochraich t' anam le sìth agus sòlas nèamhaidh; "Athair, is àill leam an dream a thug thu dhomh, gu 'm bi iad maille rium, far am bheil mi chum 's gu 'm faic iad mo ghlòir a thug thu dhomh," Eoin xvii. 24.

8. 'S deimhin leam leis a bheachd-shealladh so, gu 'm faod thu a ràdh, "Gur ann mar is luaithe thig Criosd, is fearr e." Ciod ged a bhiodh fuigheall do laithean air an gearradh as nam meadhon? Ciod ge d' fhàg thu iomadh sochair thaitneach sa' bheatha so ris an robh dùil agad gun am blasad, agus iomadh innleachd gun chriochnachadh? Nach leoir e gu 'm bi na tha air a thoirt o bheatha ghearr bhàsmhoir air a chuir ri siorruidheachd ghlòrmhor; agus gun caith thu na laithichean agus na

bliadhnaichean sin an lathair agus an seirbhis Chriosd air nèamh, a dh' fhaodadh tu a chaitheadh maille ris agus air a shon le mealtainn agus saothair neo-iomlan air thalamh.

9. Ach cha 'n e a mhàin gu bheil do bheachd a ruigheachd seach am bàs, ach an taobh thall do'n staid dhealaichte. Oir a thaobh a theachd dheireannaich chum breathanais tha ar Tighearn ag ràdh, gu deimhin a ta mi teachd an aithghearr, mar chaidh a shoillearachadh cheana. Agus mar sin bithidh e soilleir dhuinn, ma choimeasas sinn an t-àm so ris an t-siorruidheachd bheannaicht' a tha r'a leantainn ; agus faodaidh e bhith, ma choimeasas sinn e ris na linnibh a chaidh cheana thairis, o thòisich grian ri tomhas a mach laithean agus bliadhna do 'n talamh. Agus nach seinn thu 'an so mar an ceudna do chuibhrionn fċin de 'n Laoidh ait sin :— *Amen*, Seadh, thig, a Thighearn Iosa ?

10. Tha e ro fhior, a Chriosduidh, is latha uamhannach e. Latha, anns an téid nàdur a chuir gu mi-riaghailt a tha fhathast neo-aithnichte. Cha 'n urrainn Criththalmhainn, no bristeadh a mach sléibhte loisgeach, fàsachadh bhailtein le teine caiteach, no dhùthchannan air an cuir fodha le tuiltibh uisge, ach samhla faoin a chuir an céill air an latha eagallach sin ; an uair a bhios na nèamhan air an sgaoileadh air dhoibh bhi r'a theine, 'sa bhios an talamh agus gach ni a ta air air an losgadh suas, 2 Pead. iii. 10, 11, an uair a theicheas nàdur uile le mòr-ioghnadh o ghnùis a Bhreitheimh mhòir, Taisb. xx. 11, agus bithidh éigheach mhòr ann fada thairis air na chualas an tìr na h-Eiphit, 'n uair nach robh tigh anns nach robh duine marbh, Ecs. xii. 30. Faodaidh t-fheoil uile bhi air bhall-chrith leis an t-sealladh ; gidheadh 's cinnteach gun dean do spiorad gàirdeachas ann an Dia do Shlànuighear, Luc. i. 47. Faodaidh tu gu firinneach a ràdh, thigeadh an latha ainmeil so le uile uabhasaibh ! Seadh, cosmhuil ris na Criosduidhean air an ainmeachadh leis an Abstol, 2 Pead. iii. 12, faodaidh tusa bhi 'g amharc air a shon, 's a deanamh cabhag a chum latha na soillse uabhasaich, agus na breithe choitcheinn. Oir thig do Thighearn a dh' fhìreanachadh ceartas nan deanadas, a bha air iomadh dòigh air an dorchachadh cho mòr 's a chionn gun robh iad air an dorchachadh, bha iad mar an ceudna faighinn toibheum. Thig e a dh' fhoillseachadh a mhòrachd, a' teachd a nuas o nèamh le gàir, le guth an àrd-aingil, agus le trompaid Dhé, 1 Tes. iv. 16, a'

gabhail àite suidhe air cathair rìoghail, a tha anabharra fada thairis air rìgh-chathair prionnsa saoghalta no nèamhaidh, air a sgeudachadh le glòir Athar agus le ghlòir féin, Luc. ix. 26, air a chuartachadh le cunntas gun àireamh de luchd-frithealaidh dealrach, 'n uair a thig e gu bhi air a ghlòrachadh na naomhaibh, agus chum gun deanar iongantach e annta-san uile a ta creidsinn, 2 Tes. i. 10. Bheirear a naimhdean a làthair chum a bhuaidh-chaithream a dheanamh ni 's greadhnaiche: Bithidh an nathair ri faicinn an sin na lùban san duslach, agus air a saltairt fo chosaibh-san agus fo chosaibh a sheirbhisich uile: Bithidh an dream a dhìt roimh so e-san, air bhall-chrith na làthair; agus bithidh iadsan a lùb an glun le fanaid mhi-naomha, an eadochas eagalach a'g éigheach ris na sléibhtean iad a thuiteam air am muin, agus ris na creagan iad gam falach o ghnùis Uain Dé, Taisb. vi. 16, a thug iad aon uair air falbh a chum a chasgraidh bu neo-iochdmhoire.

11. O Chriosduidh, nach 'eil do chridhe rìoghail a' plosgail ri bhi smuaineachadh air? Agus nach 'eil thu ullamh, am feadh a tha thu leughadh so, gu tòiseachadh air a bhuaidh-ghàir leis am bheil thu san àm sin ri co'-aontachadh! Tha dòchas aige gu 'm bi do smuainte gu mòr air an ardachadh, agus gun drùigh beachd a ghabhail air a bhuaidh ort: Ach san àm cheudna tha e ceadachadh dhuit a chuimhneachadh do chuibhrionn féin an gàirdeachas agus an glòir an latha bheannaichte sin: Agus air a cheart àm so tha sealladh aige na lathair, air na chriochnaicheas a chumhachd agus a ghràdh chum slainte. Agus ciod nach criochnaich e? Thig e a spealgadh glasan na h-uaighe, agus a dh' ath-bheothachadh do chuirp a chaidil. 'S eigin do d' chorp a bhi air a chuir san duslach, agus tamh a ghabhail ann mar fhianuis air fearg Dhé an aghaidh a pheacaidh; an aghaidh a cheud pheacaidh a chaidh riamh a chuir an gniomh, o'n truaigh bhochd a bha na cho-lorg nach faod a chuid is ionmhuinne d'a shluagh a bhi saor. Ach an sin bi'dh cluas agad a dh' éisdeachd guth Mhic Dhé, agus sùil a dh' fhaicinn dealradh a theachd. Agus dealraichidh e mar a ghrian, Mat. xiii. 43.; a'g éiridh air an speur shoilleir, a tha mar nuadh-fhear-pòsd' a' teachd a mach o sheòmar, Salm xix. 5. Bithidh t-anam air a nuadh-sgeudachadh chum bhi aig an àrd-fhéill so; agus bithidh tu air do sgeudachadh, cha 'n ann le riob-

agan truaillidh, ach le trusgan gloire ; oir cruth-atharr-aichidh e an corp dìblidh so, chum gun deanar e co'-chos-mhuil r'a chorp glormhor féin, Phil. iii. 21. 'S an uair a bhios tu mar so gu rìmheach air t-éideadh, bheir e urram follaiseach dhuit, agus d'a uile luchd-leanmhuinn an làthair an t-saoghail co-chruinnichte. Faodaidh tu bhi an dràsta theagamh fo mhi-chliu, far-ainm sgeigeil air a thoirt ort, agus ciontaidhean air an cuir as do leth is fuathach le t-anam ; ach bheir e-san an sin a mach t-fhìreantachd mar an solus, Salm xxii. 6. ; agus do shlainte mar lòchrann a tha gabhail. Ged' a thugadh tàir dhuit le daoine aidichear thu le Dia; agus ged' a mheasadh tu mar shalchar an t-saoghail, mar anabas nan uile nithe, 1 Cor. iv. 13. ; nochdaidh e-san gu bheil meas aig ort, mar ionmhas, anns an là san dean e suas a sheudan, Mal. iii. 17. 'N uair a chuireas e air falbh droch dhaoine na talmhainn uile mar shal, Salm cxix. 119. ; ainmichear thusa ionraig san làn-choi-thional sin; agus ged' a bhris thu lagh Dhé, agus gu 'm faoidte 'am fior cheartas do dhìteadh, gidheadh, air dhuit bhi air do sgeudachadh le fireantachd an Fhir-shaoruidh, eadhon an fhìreantachd sin a ta o Dhia tre chreideimh, Phil. iii. 9. Saoraidh ceartas féin thu, agus aontaichidh e le tròcair am buileachadh crùn na beatha ort, 2 Tim. iv. 8. Aidichidh Criosd thu an lathair dhaoin' agus aingle, Luc. xii. 8. ; their e seirbheiseach math agus dìleas riut, agus iarraidh e ort imeachd a steach do dh-aoibhneas do Thighearna, Mat. xxv. 25. Labhraidh e umad gu caomhail mar a bhràthair, agus aidichidh e an caoimh-neas a rinneadh dhuit mar g' an deante dha féin e, Mat. xxv. 40. Seadh ma ta, O Chriosduidh, am bi thu an sin, ged' a b' àbhaist duit theagamh suidh san àite bu shuarraich n-ar co'-thionalaibh-ne, agus faodaidh e bhith nach b' fhiu le daoine mòr' agus saibhir na talmh-ainn urrad agus amharc ort na labhairt riut, air do ghairm gu bhi a' d' cho-bhreitheamh le Criosd air cathair a bhreathanais, agus gu aontachadh leis sa bhreth a bheir e air daoin' aingidh agus air ainglibh ceannairceach.

12. Cha 'n e idir aon latha glòir agus buaidh a bhios ann, ach 'n uair a dh' éireas am breitheamh, 's a théid e suas gu lùchairt Athar, théid an sluagh beannaichte uile suas maille ri d' Shlanuighear, chum Athar féin, agus t-Atharsa, chum a Dhé féin, agus do Dhe-se, Eoin xx. 17. Theid thu chum gu m' faicear thu do 'n nuadh

Ierusalem, leis na nuadh choslais dhealrach sin a fhuair thu, agus cha 'n 'eil teagamh nach bi t-inntinn air a h-ùr-atharrachadh ga réir sin ; agus gabhaidh tu comhnaidh bhith-bhuan san aoibhneas iomlan sin, leis am bidh thu air do lionadh agus air do shàsachadh an làthair Dhé, Salm xvi. 12. ; le coilionadh an t-sonuis sin, a bha na naoimh san staid mheadhonaich a miannachadh agus a' feitheamh ris. Imichidh tu bho nochd-laraich an t-saoghail a' dol as a chéile, chum nèamhaibh nuadh, anns an còmhnaich fireantachd gu siorruidh, 2 Pead. iii. 13. An sin bidh àireamh dhaoine taghte Dhé air an deanamh suas, agus bithidh sonas gach aoin diubh air a dheanamh iomlan. Bithidh a chuideachd gu h-iomlan air an nochdadh an làthair Dhé, mar a bhean-nuadh-phòsda, bean an Uain, Taisb. xxi. 9. ; agus seallaidh am fear-nuadh-phòsda nèamhaidh oirre le tlachd a tha dol thar labhairt, agus aidichidh e gu bheil i gum smal, gun phreasadh, no aon leithid sin, Eph. v. 27. Tha a cliù agus a staid direach mar bha na rùn an tùs i bhi, an uair a ghabh e os-laimh an tòiseach e-féin a thoirt air a son, chum a saoradh do Dhia trid fhola, Taisb. v. 9. Mar so bithidh sibh gu siorruidh le chéile, agus maille ris an Tighearna, 1 Tes. iv. 17. ; agus théid linn neo-bhàsmhor thairis, agus bithidh tusa gun chaochla ; do shonas agus do dhéigh air gun atharrachadh, ach 's ann is dàcha e bhi fàs ni 's neartmhoire, mar tha t-anam a' dol ni's dlùithe a's nis dlùithe air-san, neach is e tobar gach sonais, agus àirde iomlanachd neo-chriochnach.

13. Agus a nis, seall m' an cuairt duit, agus sònraich air aon ni air thalamh, a tha thu sealbhachadh no ris am beil sùil agad, air son an abradh tu, a Thighearna, cuir dàil a' d' theachd ; air son am b' fhiu dhuit a bhi san iomchomhairle ma d' dhian thogradh air a theachd ainmeachadh, agus éigheach a mach, Seadh, thig, a Thighearn Iosa—thig gu grad !

*Beachd-smuainteachadh agus Urnuigh a Chriosduidh, aig a bheil a chridhe air a dhùsgadh leis a bheachd sin.*

" O Thighearna bheannaichte ! tha togail aoibhinn air m' anam leis an t-sealladh sin ; agus ag éiridh suas riutsa ann an lasair, Breith. xiii. 20. Thuirt thu, gu bheil thu teachd gu gràd ; Agus tha mi a rithist a' co'-aontachd aithris le aiteas, Amen, Seadh thig a Thighearn Iosa, Tais. xxii. 20. Thig, oir 's fada leam a ta mi 's a

bheatha thruaillidh so, 's mithich leam bhi cuibhte da h-uallaich, da bròin, agus da buairidhean! Thig, oir tha fadal orm gu dol suas a t'fhianuis a dh'-fhaicinn do lùchairt shuas air nèamh!

" A Shlanuigheir bheannaichte, tha 'm bàs air a chruth-atharrachadh, an uair a ghabhas mi beachd air 'san t-seadh so. Cha 'n 'eil rìgh nan uamhas r'a ghabhail mar sin tuille, cho teann air Rìgh na glòire agus a ghràis. Tha mi le aiteas a' cluinntinn fuaim do chas, a' tighinn ni 's dlùithe dhomh: Tarruinn a thaobh a ghnùis-bhrat 'n uair is àill leat! fosgail croinn mo phriosain, chum gun leum m' anam togarrach a t' ionnsaidh, agus e-féin a thilgeadh sios aig do chasan; aig casan an Iosa sin d' an tug mi gràdh ged nach faca mi e; agus air dhomh creidsinn annad, ged nach 'eil mi ga t' fhaicinn, tha mi a' deanamh mòr ghairdeachas le h-aoibhneas air dol thar labhairt, agus làn do ghlòir? 1 Pead. i. 8.; feuchaidh tu dhomh slighe na beatha: Stiùraidh do lamh mi chum t' ionaid-chòmhnaidh bheannaichte, far am bheil lànachd aoibhneis, agus aibhnichean de shubhachas siorruidh, Salm xvi. 11. Orduichidh tu ionad-tàimh dhomh maille ri d' seirbhisich dhìleas, aig a' bheil an spioraid dhealaicht' a chòmhnaidh leatsa, am feadh a tha 'n cuirp nan laidhe san ùir. Bha iomadaidh dhiubh nan co-luchd-saoithreach leam ad' sheirbhis-se ann am foighidinn agus 'an àmhghar do rioghachd, Tais. i. 9. O Shlanuigheir bheannaichte, nochd dhomh cia sona a rinn thu mo chompanaich agus mo bhràithrean ro ionmhuinn! feuch dhomh iadsan, ris an abair sinn na mairbh! ciod an t-seirbhis is urramaich agus is mò a thug thu dhoibh r'a dheanamh! chum gun tabhair mi am barrachd molaidh dhuit na tha mi 'n dràsta comasach air a dheanamh, air son do mhathas doibh! Agus O deonaich dhomhsa co'-roinn a bhi agam d' am beannachdan agus d'an deanadais, agus òran gràidh agus taingealachd a thogail, cosmhuil ris na tha iadsan a' gabhail a d' làthairse!

" Seadh, fòs, O Fhir-shaoruidh bheannaichte, bithidh m' anam anns an ionad sin ag oidhirpeachadh ruigheachd air dòchas is urramaiche agus is glòirmhoire; agus o'n ghreadhnachas agus o'n t-suaimhneas neo-aithnichte so, bithidh mi 'gabhail fadail a latha do theachd dheireannaich-se. An sin bithidh tuille fadail orm na th' orm san àm so, a dh' fhaicinn do ghiulain air a chliùthachadh, agus do bhuaidh-chaithream air a foillseachadh;

a dh' fhaicinn luaithre do sheirbhisich air an 'athbheothachadh, agus am bàs, an nàmhaid deireannachsan agus do nàmhaid-sa, air a shlugadh suas ann am buaidh, 1 Cor. xv. 26. Tha mi 'gabhail fadail air son an àrd-urram a th' agad fa m' chomhair, agus am beannachadh iomlan chum am bi làn-cho'-thional do shluaigh air an treorachadh. Bithidh Thig, a Thighearn Iosa, an aithghearr, air a sheinn am measg òrain fhlaitheis, agus bithidh a cho-sheirm mar fhuaim lan àireamh do naoimh, a thug do ghràs chum an àite sin.

" Gabh, O Fhir-shaoraidh ghràdhaich, ris an aoradh a tha cridhe taingeil a' toirt duit san àm so, fo mhothachadh ris na dòchais ghlormhor ris a bheil a dhùil! 'S tus' a dhùisg an t-aoibhneas so ann, agus a thog m' anam suas chum an déigh so air urram; am feadh a dh' fhaodainn a bhi air atharrachadh gam' luaithre ann am faoineachd dhiomhain na beatha so; 's ag amharc le mòr uamhunn air an àm sin, ni is e a nis mo mhiann is fiordhùrachdaiche.

" O Deonaich gum bi thu do ghnà leam gu crìch mo chuairt! agus àm feadh a bhitheas mi a' feitheamh ri d' shlainte, gum bi mi a' coimhead t-àitheanta! gun robh mo leasraidh crioslaichte m' an cuairt, agus mo lochrann laiste, Luc. xii. 35. Deonach gum bi mi furachar a feitheamh caismeachd àidh do theachd: Chum gun toir m' anam aoibhinn tùr-leum ait a' d' chòdhail, 's gum bi e air a neartachadh le bàs a ghiulan an fhoillseachadh glòire sin, nach b' urrainn do 'n staid bhreòite bhàsmhor anns a bheil mi san àm fhulang. *Amen.*"

## CAIB. XXX.

*An Criosduidh a toirt urram do Dhia le ghiulan aig àm a Bhàis.*

1. Air an doigh so, a leughadair ionmhuinn, thug mi oidhirp air do threorachadh trid staidean eugsamhuil; gun bhi air an stéigheachadh air faoineachd no mealltaireachd sam bith, ach mar tha gu tric a tachairt an caithe-beatha dhaoin' agus Chriosduidhean. Agus faodaidh mi gu firinneach suilbhearra a ràdh, gun do chomharraich mi a mach dhuitse an t-slighe air an d'imich mi féin, agus air a bheil mi fhathasd a' miannachadh imeachd. Dh' earb mi mo shonas siorruidh féin air a cheart stéigh sin, air an d' earalaich mi ortsa do shonas féin earbsa. 'Se an ni a mhol mi dhuit mar obair àraidh do bheatha, a tha mi a' miannachadh prìomh obair mo bheatha féin a

dheanamh dheth; agus 's iad na nithe àraidh a tha mi 'g iarraidh a mhealtainn rè a chuid eile do m' bheatha, na nithe ceudna a chliùthaich mi dhuits' iarraidh, 's a thug mi oidhirp air còmhnadh a dheanamh riut chum ruigheachd oirre. Tha leithid sin de ghràdh do Dhia, de bhunailt thogarraich na sheirbhis, de bheachd sòlasach air na tha 'n taobh thall de 'n uaigh, ann am bheachdsa (leigeam fhianais air Dia) na shòlas fada thairis air aon ni eile a dh' fhaodar a thairgse dhuinn: Agus cha tugainn, air deich mìle saoghal, suas mo chòir oirre, no idir an sòlas a tha iad a' buileachadh orm a leigeadh dhiom amhàin am feadh a bhios mi bhos an so air thalamh.

2. Tha dòchas agam trid beannachadh Dhé, gu'm faod an ùin' a bhuilich thu a gabhail beachd air na nithibh soilleir sin, tionnda a mach chum do bhuannachd, agus a thaobh na leugh no na chuala tu, gu 'n tainig thu do shlighe na bheatha agus na sìth, no gu 'n do chuireadh impidh ort do cheum a luathachadh ann. Is ro thoileach a dheanainn gàirdeachas an deanamh am barrachd feum dhuit, eadhon gu crìch do bheatha. Tha nis aon ghnothach cudthromach gun labhairt uime; deuchainn troimh an eigin duit, gun teagamh sam bith, dol; agus tha nieigin ann a tha cho uabhannach, 's nach fhaod mi gun oidhirp a thoirt air caileigin de chòmhnadh a dheanamh riut; 's e gleann dorcha sgàil a bhàis a tha mi a' ciallachadh. Bu ro mhath leam, a thaobh meas t-aidmheil, sòlas t'anma féin, agus aoibhneis agus tairbhe do chàirdean a dh'-fhàgas tu a' d' dhéigh, nach e a mhàin gu 'n rachadh tu gu bàs air mhodh tearainte, ach mar an ceudna air mhodh measail: 'S a chum na crìche sin, bheir mi comhairle no dhà ort an àm dealachaidh. Tha mi mothachail gu 'm faod freasdal Dé do bhàs òrduchadh air mhodh 's nach bi cothrom agad do ghiulan a bhi a réir nan comhairlean a tha mi san àm a' toirt ort. Faodaidh ni-eigin tachairt duit, o'n leth a mùigh no a stigh a dh' fhaodas, mar g' am b' ann, do sguabhadh do fhlaitheas m' am bi fios agad c' àit am bi thu; agus theagamh gum mothaich thu thu-féin cho grad an dol ann, 's gur atharrachadh agus nach bàs a bhios ann. No faodaidh e bhith gun dean buaireas easlainte t'fhàgail neo-mothachail air an staid sa bheil thu, air chor 's gu 'm faod do bhàs (ged' a robh iadsan a bhios m' a' d' thimchioll ga thoirt fainear) a bhi na aobhar ìoghnaidh dhuitse cho mòr 's ged a rachadh tu éug 'n ad' làn-shlainte.

3. Ach a chionn gu 'm faod e bhith, gu 'm bi do bhàirlinu-se ni 's socraiche as a bheatha so do shiorruidheachd, 's gum faod na h-urrad a bhi 'n earbsa ri d' ghiulan an àm do bhàis; ceadaich dhomh beagan de sheolaidh shoilleir a thoirt duit mu thimchioll, chum an gnàthachadh ma bheir Dia an comas duit, agus an cuir a' d' chuimhne. Cha bhi e neo-fheumail amharc thairis air a chaibidil air thoiseach air so a rithist, an uair a mhothaicheas tu comharran air aon éucail chunnartach: Agus tha aobhar dòchais agam, gu 'm bi na tha mi dol a labhairt feumail duit, a chionn gu bheil mi ga m' fhaireachdainn féin fo rùn labhairt riut, leis a chaomhalachd shonraichte sin a mhothaicheas sinn air son caraid air leabaidh a bhàis; 's a chionn nach eil dùil againn labhairt tuille ris, tha sinn, mar gum b' ann, a' cainnt ris o ghruunt ar cridhe.

4. Chomhairlichinn ma ta sa cheud àite, gun tugadh tu leis na h-uile dhìcheall oidhirp air cùram mu nithe aimsireil a leigeadh dhiot, le 'n socrachadh gu tràthail cho reusonta fhreagarrach 's a's urrainn duit. Bu mhath leam nach biodh a bheag dheth a' sin a' cuir dragh air t'inntinn, an uair is lughadh a bhios tu air son a ghiulan, no gu trioblaid no buaireas a chuir orrasan a thig a' d' dhéigh. Dean sin, mar am fianuis Dé, a mheasas tu ceart, agus a bhios aobhar agad a shaoilsinn a bhios taitneach leis. Dean e air mhodh cho ciallach agus cho éifeachdach 's a bhios a' d' chomas: 'S an sin gabh beachd air an t-saoghal mar ionad g' am bheil thu cuibhte, agus nach mò tha ghnothach agad r'a ghnothaichibh na ged a bhitheadh tu cheana marbh; ni 's lugha na 's comasach dhuit math a dheonachadh do dhaoinibh am feadh a bhios tu nam measg: agus gum faod thu le aon ni a' d' dheanadais dheireannach beannachadh fhàgail a' d' dhéigh aca-san a bha nan cairdean, agus nan co-luchd-turuis agad, am feadh a bha thu air an turus sin air a' bheil a nis crioch a' tighinn.

5. Chum an tuille socair agus ùine bhi agad chum so a dheanamh, gabh beachd cùramach air do staid féin, agus thoir oidhirp air t'anam a chuir an suidheachadh cho iomchuidh 's a 's comasach dhuit chum do nochda gu follaiseach an làthair Dhé. Oir gun amharus 's gnothach cudthromach teachd na lathaireachd neo-mheadhonaich; gu seasamh na fhianuis, cha 'n ann mar achanaich aig righ-chathair a ghràis, ach aig cathair a bhreathanais

mar spiorad dealaichte, aig a' bheil a dheuchainn thairis, 's a tha a staid shiorruidh air ball r'a socrachadh. Athnuadhaich t'iríoslachd an làthair Dhé air son neo-iomlaineachd do bheatha, ge d' a bha i air sheol air a toirt suas chum a sheirbhis. Ath-nuadhaich do chùram chum tròcair Dhé fhaotainn mar tha iad air an gealladh an coi-cheangal nan gràs, agus ri fuil Chriosd mar an t-sruthchlais bheannaicht anns a' bheil iad a sruthadh. Striochd thu-féin gu h-iomlan do stiúradh Dhé, air dhuit a bhi deonach seirbhis a dheanamh do Dhia sa' bheatha so, no san ath-bheatha, a réir 's mar chi e-san iomchaidh. Agus air dhuit a bhi mothachail air do thruaigh féin air an dàrna laimh, agus air gliocas agus mathas Dé air an laimh eile, gairm a' t' ionnsaidh uile mhisneach t'anma chum giulan cho math 's a 's urrainn duit le aon deuchainn is deonach leis a chuir a' d' charamh, agus gu gabhail ris a bhuille mu dheireadh dheth, mar aon a tha géilleadh air mhodh is iomlaine do dh'àrd Athair math nan spiorad.

6. Ge b'e ni a thig ort r'a fhulang, "oidhirpich do nochdadh a' t' easamplair air foighidinn." Biodh aig a ghràs ion-mhiannaichte sin a h-obair dhiongmhalta féin, Seum i. 4., agus a nis o tha cho beag aice r'a dheanamh cuireadh i crioch air a chuis gu ciatach. Na can focal gearanach; 's an uair a thuigeas tu a bheag dheth sin a' teannadh ri teachd, amhairc le creideamh air do Shlànuighear, agus feoraich do d' chridhe féin, "Nach robh a chrann-ceusaidh-sa na bu mhò cràdh na'n leabaidh air a' bheil thus' a' d' laidhe?" Nach robh a chor-san am meadhon a naimhdean fuileachdach, ni b' uamhannaiche gu mòr na mo chorsa am measg a choilion cùram agus frithealadh o m' chàirdibh caomh agus dìleas? Nach do laidh eire throm mo pheacaidhse ni bu ro thruime air-san, no aon ni a tha teachd ormsa a thaobh nan àmghar so? 's gidheadh ghiulain e an t-iomlan diubh *gu ciuin* mar uan air a thoirt a chum a chasgraidh," Isa. liii. 7. Biodh a bhi cuimhneachadh air fhulangasaibhse nam meadhon chum na thu thus' a' fulang a dheanamh taitneach dhuit: Cha 'n e a mhàin sin, ach bithidh e na aobhar gàirdeachais duit gu bheil thu air do ghairm chum an crannceusaidh a ghiulan car beagan, m' am faigh thu sealbh air crùn na beatha. Meas e na mhòr aoibhneas, gu bheil cothrom agad aon uair eile air urram a thoirt do Dhia le t' fhoighidinn, a tha a nis a' cuir a h-obair ma dheireadh 'an gniomh, agus bithidh an ceann beagan

laithean, no theagamh beagan uairean, crioch air sìn, le beannachadh iomlan agus siorruidh. Agus tha dòchas agam le beachd mar sin a ghabhail air a chùis, gu 'n cuir thu, ni h-e amhàin, tosd air gach gearan, ach gu 'm bi do bheul air a lionadh le moladh Dhé; ach gu 'm bi thu a labhairt riu-san a tha ma d' thimchioll, ni h-e a mhàin air a cheartas, ach air a mhathas mar an ceudna. Ionnas gu 'm bi thu comasach air an aoibhneas a tha thu mothachadh o'n leth a stigh, a rùn-phàirteachadh air mhodh a bhios na eadar-mhìneachadh feumail air briathraibh an Abstoil, "Gu bheil trioblaid a'g oibreachadh foighidinn; agus foighidinn, féin-fhiosrachadh; agus féin-fhiosrachadh, dòchas; eadhon dòchas nach nàraich, do bhrìgh gu bheil gràdh Dhé air a dhortadh a mach 'n ar cridheachaibh, tre 'n Spiorad Naomh a thugadh dhuinne, Rom. v. 3, 4, 5.

7. Agus a nis, a charaid ro ionmhuinn, 's e so an t-am, a tha suil aig daoine gu 'n tog thu fianuis urramach air diadhachd. Innis dhoibhsan a tha m' an cuairt duit, cho math 's a's urrainn duit, (oir cha tig an latha a bhios tu comasach air a làn innse) na fhuair thu do shòlas agus do chumail suas ann. Innis dhoibh cionnas a shoilleirich e a chuid bu doilleire de d' bheatha; cuir an céill doibh mar tha e toirt suaimhneas duit an dlù-bheachd air a bhàs. Biodh do chainnt ro dhrùighteach san àm sin; oir creidear i mar dhearbh fhirinn. Bithidh caileigin do shonas, anns an anmhuinneachd ris a' bheil thu a cathachadh, am feadh a bhios tu gan labhairt; agus éisdear riut le cùram, le caomhalachd, agus le creideas. 'S an uair a bhios tu ro dhlù do chrìch do bheatha, doirt a mach do ghàirdeachas gu saor soilleir, (ma mhothaichear leat a bheag, mar tha dòchas agam gu 'm mothaich) do dh'aoibhneas naomh agus do thlachd ann an Dia. Dean luaidh air an t-sìth agus air an t-suaimhneas a tha thu mothachadh o'n leth a stigh, ma bhios tu mar sin san àm. Bheir daoine eile an aire dha, agus bheir e mìseach dhoibh gu gluasad air an t-slighe sin a threòraicheas gu crioch cho sona. Innis doibh na tha thu mothachadh mu dhiomhanas an t-saoghail; chum gu'm fhoghlum iad ni 's lugha spéis a thoirt da: Innis doibh ciod a tha thu faireachdainn mu chumail suas dhiongmhalt' an t-soisgeil; agus faodaidh iad fhoghlum an tuille meas a bhi ac' air: Oir 's fheudar dhoibh fios a bhi aca, gur eigin doibhsan laidhe sios air leabaidh bàis

mar an ceudna, agus gu 'm bi an sin feum ac' air gach cobhair a dh-fhaodas an soisgeul féin a thoirt doibh.

8. Is a chum an geur-mhothachadh a dheanamh ni 's drùightich, thoir earail dhùrachdach dhoibhsan a tha m' an cuairt duit, gu 'n caith iad am beatha an seirbhis Dé, agus gun riaghailtich iad iad-féin le rùin fior-dhiadhachd. Faodaidh cuimhn' a bhi agad gu'n d' rinn Iosua agus Daibhidh; agus daoine cràbhach eile an ni ceudna, an uair a thuig iad àm am bàis a' tarruinn dlù. Agus cha 'n 'eil fhios agad ciod an drùghadh a ni earail caraid, no theagamh pàranda, aig uair a bhàis, orrasan air nach do dhrùigh na thùirt thus' agus daoin' eile riu roimh so. Air a chuid is lugha feuch ris; agus coinnich am bàs a'g oidhirpeachadh Dia a ghlòrachadh, chum anma a shaoradh, agus a' cur sìol a mhathais agus an t-sonuis ann an saoghal far nach buain thu foghar tuille. Faodaidh e bhith gu 'm fàs iad suas nam bàrr torach, 'n uair a bhios do chorpsa a' cnàmh anns an ùir: Ach m'ar fàs taitnidh an oidhirp ri Dia; agus bithidh na h-aingil a tha ri frithealadh, a'g amharc air a chéile le taitneachd nan gnûis, a'g aideachadh gur e so am bàs fhaighinn mar Chriosduidh, agus feum glòrmhor a dheanamh do 'n staid bhàsmhoir.

9. Agus anns an earail dheireannaich so a bheir thu air do cho-chreutairean, ge b'e co a dheonaicheas am freasdal a bhi dlù dhuit san àm, bi cinnteach gun innis thu dhoibh cia h-iomlan agus suilbhearra tha do dhòchais agus t-earbsa san àm dheireannach so air an socrachadh, ni h-ann air do thoilltinneas no t-ùmhlachd féin, ach air na rinn agus na dh' fhuilig ar n-àrd Fhear-saoraidh air son pheacach. Leig leo fhaicinn gu bheil thu, mar gu 'm b' ann, a' faighinn a bhàis aig bun a chroinn-cheusaidh: Cha toir aon ni na h-urrad cho-fhurtachd, no idir a bhios cho feumail, dhoibhsan. Uime sin biodh ainm Iosa a' d' bheul, am fad 's a 's urrainn duit labhairt; 's an uair nach bi thu comasach air a labhairt, smuainich air ann ad chridhe; agus thoir oidhirp gur e an gniomh ma dheireadh ni t' anam am feadh a bhios e sa chorp, a bhi deanamh greim iriosal tre chreideimh air Criosd, chum teachd a dh' ionnsuidh Dhé trid-san. Inndrinn a steach chum na tha 'n taobh a stigh de 'n bhrat-roinn, mar le fuil a chrath-ghlanaidh gu h-ùr ort. Is cunnartach an ni do d' leithidse do pheacach, (mar tha fios agad féin, a charaid Chriosduidh, leis gach deagh-bheus a bha 'n saoghal a

moladh, a bhi agad) seasamh an lathair an Tì sin a tha anabharra fior-ghlan agus naomha, a tha fiosrach air do shlighibh agus air do chridhe, 's a tha lan-eolach air gach neo-iomlanachd a bha 'n co-chuideachda do dhleasannais a b' fhearr: Ach thig trid Chriosd, agus gheibh thu e an dà chuid tearuinnte agus taitneach.

10. Aon uair eile, chum misneach a thoirt duit aig uair a bhàis, 's a chum do chumail suas am feadh a tha thu air do thuras air anns an t-slighe dhoilleir àmhgharaich so, gabh focal Dé mar bhat' a' d' laimh. Deanadh leobhraichean agus càirdean bàsmhor a nis an gniomh ma dheireadh dhuit. Dean gairm m' as urrainn duit, air Criosduidh càbhach eigin, a mhothaich cumhachd focail Dé air a chridhe féin, leughadh e dhuit earrainn de 'n sgriobtuir, mu na geallaidhean luachmhor, a bha nam beathachadh agus nan gàirdeachas d' a anam féin. 'S a chum na h-urrad chòmhnadh a dheanamh riut 's a's comasach dhomh, cuiridh mi sios duit cuid eigin de sgriobtuiribh ro thaitneach, gach aon aca ni's luachmhoire gu mòr na mìltean òir agus airgeid. 'S a leigeadh dhuit a thuigsinn am meas a th' agam féin orra, gabhaidh mi do dhànadas iarraidh gu 'm bi iad (ma bheir Dia cothrom air sin a dheanamh) air an leughadh tharais dhomh féin air leabaidh mo bhàis, le ùine bheag eatorra, chum gun smuainich mi orra fa leith, agus gun ath-nuadhaich mi am blas taitneach, buidheachas do Dhia, is minig a fhuair mi annta. Gun robh t' anams agus m' anamsa gu fonnmhor suidhichte le tosd diombair (ge b' e oibreachadh a bhios air a chorp) am feadh a bhios guth Dhé a labhairt ruinn, an cainnt a labhair e r'a òglaichibh o shean, no leis an do theagaisg e iad cionnas a labhradh iad ris, nan cruaidh-chais bu mhò.

11. An urrainn tuille misnich a bhi dhì ort, 'n uair tha e ag ràdh, "Na biodh eagal ort, oir tha mise maille riut, na bi fo gheilt, oir 's mise do Dhia: Neartaichidh mi thu, seadh, ni mi còmhnadh riut, cumaidh mi suas thu le deas-laimh m' fhireantachd." Cha duine Dia gun deanadh e breug, na mac duine gu 'n gabhaidh e aithreachas; an dubhairt e, agus nach dean e? No an do labhair e, agus nach coi-lion se e? Air. xxiii. 19. 'S e 'n Tighearna mo sholus agus mo shlainte, co chuireas eagal orm? Is e an Tighearn neart mo bheatha, co chuireas geilt orm? Salm xxvii. 1. Is e an Dia so ar Dia-ne gu saoghal nan saoghal: stiùradh e sinn gu ruig am bàs,

Salm xlviii. 14. Air an aobhar sin, ge do shiubhail mi trid ghlinn sgàile a bhàis, cha bhi eagal uilc orm; oir tha thusa maille rium, bheir do shlat agus do lorg cofhurtachd dhomh, Salm xxiii. 4. Ri d' shlainte dh' fheith mise O Thighearna, Gen. xlix. 18. Och buanaich do chaoimhneas gràidh dhoibhsan a chuir eolas ort, agus t-fhìreantachd dhoibhsan a tha ionraic nan cridhe! Oir agadsa tha tobar na beatha; ann ad sholas-sa chi sinne solas, Salm xxxvi. 9, 10. Feuchaidh tu dhomh slighe na beatha, tha lànachd aoibhneas a' d' lathairse; tha mor shubhachas aig do dheas-laimhse gu siorruidh, Salm xv. 11. Air mo shonsa, ann am fireantachd chi mi do ghnùis: sàsaichear mi, 'n uair a dhùisgeas mi, le d' chomhsamhlachd, Salm xvii. 15. Oir a ta fhios agam co ann a chreid mi, agus is dearbh leam gu bheil e-san comasach air an ni sin a dh' earb mi ris a choimhead fa chomhair an là sin, 2 Tim. i. 12. Uime sin ni mo chridhe aoibhneas, agus ni mo ghloir gàirdeachas; gabhaidh m' fheoil mar an ceudna fois ann an dòchas, Salm xvi. 9. Oir ma chreideas sinn gu'n d' fhuair Iosa bàs, agus gu 'n d' éirich e rithist: amhuil sin mar an ceudna an dream a chaidil ann an Iosa, bheir Dia maille ris, 1 Tes. iv. 14. Tha mi a' toirt na beatha maireannaich do m' chaoirich, (ars Iosa, an deagh bhuachaille,) agus cha sgriosar iad am feasd, ni mò a spionas neach air bith as mo laimh iad, Eoin x. 28. Agus is ì so toil an Tì a chuir bhuaith mi gu 'm biodh a bheatha mhaireannach aig gach neach a chi am Mac, agus a chreideas ann, agus togaidh mise suas e air an latha dheireannach, Eoin vi. 46. Na biodh bhur cridhe fo thrioblaid: tha sibh a chreidsinn ann an Dia creidibh annamsa mar an ceudna. Ann an tigh m' Atharsa tha iomadh àite còmhnaidh: mar biodh e mar sin, dh' innsinne dhiubh e: tha mi dol a dh' ullachadh àite dhuibh. Agus ma théid mi agus gu 'n ullaich mi àite dhiubh, thig mi rithist, agus gabhaidh mi sibh a' m' ionnsuidh féin, chum far am bheil mise, gu 'm bi sibhse mar an ceudna, Eoin xiv. 1, 2, 3. Imich, chum mo bhràithre, agus abair riu, tha mise dol suas chum m' Athair féin agus bhur n-Athar-sa, agus chum mo Dhé féin agus bhur Dé-sa, Eoin xx. 17. Athair is àill leam an dream a thug thu dhomh, gu 'm bi iad maille rium, far am bheil mi, chum gu 'm faic iad mo ghlòir a thug thu dhomh; chum 's gu 'm bi an gràdh leis an do ghràdhaich thu mise, anntasan, agus mise annta, Eoin xvii. 24—26.

A deir an Tì a tha toirt fianuis air na nithibh so, Gu deimhinn a taim a' teachd an aithghearra. *Amen.* Seadh, thig, a Thighearn Iosa! Taisb. xxii. 20. O bhàis c' àit am bheil do ghath? O uaigh, c' àit am bheil do bhuaidh? Ach buidheachas do Dhia, a tha toirt dhuinne na buaidhe, trid ar Tighearn Iosa Criosd," 1 Cor. xv. 55, 57.

12. Mar so gun deanadh an Dia sin, d' an aithne anma a chloinne nan uile àmhgharaibh, Salm xxi. 7. agus na shealladh-san leis an luachmhor bàs a naoimh, Salm cxvi. 15. thus agus mise chumail suas ga h-iomchaidh an cruaidh-spairn dheireannaich so ar nàduir! Gu 'n cuir e sinn ris an àireamh shona sin a thug tuilleadh agus buaidh ann am bàs! agus gu 'n deonaicheadh e dhuinn còmhnadh a spioraid a neartaicheas sinn chum ar n-anmaibh a dhortadh a mach ann an lethid sin de chainnt, 's a chuireas mi san àm an céill; ged nach bi sinn tuille comasach air cainnt a labhairt, no a thuigsinn ged bhiodh e ullamh dhuinn fhaotainn? Gabhamaid mar is lugha làn-bheachd orr' an dràsta, agus taisgeamaid suas aon ùrnuigh eile fa chomhair na h-uarach eagalaiche sin! Och gu 'n tigeadh so, agus gach aon riamh a thug sinn suas ma thimchioll, an sin mar chuimhneachan am fianuis Dé! Gniomh. x. 4—31.

*Urnuigh freagarrach do chor a Chriosduidh aig àm a Bhais.*

"O Ard-Riaghlair nan saoghal faicsinneach agus neo-fhaicsinneach! Uachdarain na beatha agus a bhàis nèamh, agus na talmhuinn! Gu ma bheannaichte t'ainm, 's minig a theagaisgeadh dhomh t'iarraidh. Agus a nis aon uair eile, tha mi dòrtadh a mach m' anama gu dealachadh ann a t'ionnsaidh. Crom do chluas ghràsmhor, O Dhia, agus thigeadh mo ghlaodh le taitneachd a' t' fhianuis!

"Tha 'n uair air teachd san eadar-dhealaich thu o'n t-saoghal so mi, m' an robh mi cho fada agus cho ionnmhuinn eolach, 's an treoraich thu mi do shaoghal eile, air a' bheil mi fhathasd aineolach. Neartaich mi, guidheam ort chum an iomlaid a dheanamh, mar is cubhaidh do dhaon a chloinn Abrahaim, a tha air a ghairm leats' a chum oighreachd fhaotainn, a fhreagair, a's a dh' imich e mach gun fhios a bhi aige c' àit an robh e dol, Eabh. xi. 8.; mar is cubhaidh do dh-aon do chloinn Dé, aig am bheil fhios trid gràis ard-uachdranaich, gur i deagh-thoil Athar an oighreachd a thoirt dha! Luc. xii. 32.

"Tha mi, O Thighearn, a'g aideachadh, gur breth chothromach leis a' bheil mi dol gu bàs; 'sa 'g aideachadh

do ghliocais agus do mhathais, an sònrachadh mo thuruis trid a ghlinne eagalaich so a tha nise romham. Dean còmhnadh leam chum a dheanamh na inneal air urram a chuir ortsa, agus a sgiamhachadh m' aidmheil! Agus bithidh mi taingeil air son nan doigheannan leis an glòraichear thusa, agus leis an sgaoilear an earann bhàsmhor agus pheacach so de m' nàdur.

"Athair ghràsmhoir, cha 'n fhàgainn an saoghal so, agus am bothan creadha so anns an robh mo chuairt am feadh a bha mi ann, gun mo bhuidheachas taingeil a thoirt duit, air son a phailteis mhathais air an tug thu dol seachad a' m' làthair an so Ecs. xxiii. 19. Leis an deo ma dheireadh tha mi togail fianuis air do chùram càirdeil m' am thimchioll, nach robh aon ni math am dhìth. Tha mi, O Dhia, a' toirt buidheachais duit, gun chaomhainn thu cho fada mo bheatha chiontach, agus neo-fheumail: Gun do ghnà-chum thu suas i le t' fhiughantas saibhir. Tha mi toirt buidheachais duit air son gu 'n d' rinn thu toiseach so mo bhith cho taitneach dhomh. Gabh ri m' bhuidheachas air son sochairean mo laithean agus m' òidhchean, mo mhìosan agus bliadhnan air a' bheil a nis crioch air tighinn: Gabh ri m' bhuidheachas air son sochairean m' òige agus m' aoise; air son gach caraid caomh taitneach a bhuilich thu orm an tigh so mo chuairt, na tha beò agus na chaidh eug; air son gach cobhair a fhuair mi bho chàch, agus air son gach cothrom a dheonaich thu dhomh gu còmhnadh le corpaibh no anmanan mo bhràithrean de 'n chinne-dooine. Gu deimhin lean mathas agus tròcair mi uile laithean mo bheatha, Salm xxiii. 6. agus tha mòr aobhar agam gu éiridh am aoidh taingeil, toilichte bho gach cuirm thaitnich leis an robh mò bhòrd air a fhrithealadh gu saibhir leat. Agus cha 'n aobhar mulaid leam am fàgail: Oir, O mo Dhia, an do theirig do mhathas? Tha fios agam nach do theirig. Cha dean mi na h-urrad ana-ceartais do d' mhathas agus do d' chùram, 's gun smuainich mi ged' a tha mi gus an saoghal so fhàgail, gu bheil mi dol bho shonas. Tha mi toirt buidheachas do d' thròcair, gun do theagaisg thu dhomh beachd gu mòr is luachmhoire trid do Mhic Iosa. Tha mi toirt taing dhuit le uile chumhachdaibh mo nàduir, air son gu'n cuala mi riamh iomradh air ainm, agus air a bhàs: Agus bu mhiann leam gu 'm bithinn comasach air a bharrachd taing agus buidheachais a thoirt duit, na's urrainn

domh san staid neo-iomlan so a dheanamh ; air son a theagaisg agus easeamplair, air son fhola agus fhireantachd, agus air son do spioraid bheannaichte a dheònuich thu dhomh chum mo chridhe peacach a thionnda riut, agus mo thoirt fo chuibhreach do choi-cheagail ; a choi-cheangail sin, a ta air a shuidheachadh anns gach ni agus cinnteach, 2 Sam. xxii. 5. agus nach urrainn am bàs so, ged' a tha e 'n dràst, a cuir eadar-dhealachadh eadar m' anam agus mo chorp, a chuir am feasd fa-sgaoil.

" Tha mi, O Thighearn a' toirt buidheachais duit, nach eil mi a' dol gu bàs gun bhi air m' ath-ghineamhuin, agus neo-aithreachail, ach gun do mhosgail thu gu gràsmhor mi, agus gu 'n tug thu mothachadh dhomh ; gun d' ath-nuadhaich agus gun do naomhaich thu mo chridhe, agus trid do dheagh spioraid gun d' oibrich thu ann creideamh neo-chealgach, fìor aithreachas, agus toiseach beatha dhiadhaidh. Tha mi tort tainig dhuit air son mhinistearan agus òrduighean. Tha mi toirt buidheachais duit air son mo shàbaidean agus mo làithean comanachaidh ; air son am beothachadh a rinn iad orm gach seachduin agus gach mìos : Tha mi toirt buidheachais duit air son toradh Chanaain, a chuireadh do m' ionnsaidh san fhàsach, 's a tha nis air an cuir a' m' ionnsaidh air bruaich Iordain. Tha mi toirt buidheachais duit air son t' fhocail bheannaichte, agus air son nan geallaine saibhir agus luachmhor a th' ann a tha nis mar ioc-shlaint àigh bhlàth aig mo chridhe san uair dheuchainnich so; gealladh air comhnadh an am bàis, air gloir an taobh thall da, agus air aiseirigh mo chuirp a chum na beatha maireannaich. O mo Dhia, tha mi toirt làn chreideas do 'n iomlan diubh, mòr agus iongantach mar tha iad, agus tha mi feitheamh r'an coilionadh trid Iosa Criosd ; anns am bheil iad uile na'n seadh, agus na'n, *Amen,* 2 Cor. i. 20. Cuimhnich am focal do t' òglach, as an tug thu orm earbsa ! Salm cxix. 49. Cha 'n ann air son saibhreas saoghalta a rinn mi cumhnanta riut, ni air an tug do ghràdh orm tàir a dheanamh, ach air son na beatha maireannaich, mar thiodhlacan do shaor ghràis trid Iosa Criosd mo Thighearna, Rom. vi. 23. Agus ceadaich dhomh a nis na ainm mo chòir iriosal air a thagradh ! Ceadaich dhomh an spiorad so a tha gu dealachadh ris a chorp a thiomnadh a' d' laimh, oir shaor thu e, O Thighearna Dhé na firinn ! Salm xxxi. 5. Is leat mi, Saor mi, agus dean mi subhach!

" Ach am faod mi da rìreadh a bhi cho dàna 's a ràdh

gur leat mi ? O Dhia, tha mi nis am sheasamh air bruaich an dà shaoghail. Tha mi nis a' faicinn nithe, mar an solas do làthaireachd, agus siorruidheachd. Cia neo aithrigh a tha mi gu bhi air mo ghabhail gu còmhnachadh le t' ainglibh agus le d' naoimh an glòir ! Mo thruaighe, tha aobhar agam amharc air ais le mòr iriosiachd air beatha bhochd, neo-tharbhach, agus pheacach, leis an robh mi do ghnà toilteannach bhi air mo thilgeadh do dh-ifrinn. Ach tha 'n t-aon toileachadh sòlasach so agam, gun do theich mi a dh-ionnsaidh crann-ceusaidh Chriosd ; agus tha mi nis a'g ath-nuadhachadh mo theachd d' a ionnsaidh. Bhiodh smuaineachadh air teachd an làthair Dhé, le fìreantachd cho neo-iomlan ri m' fhìreantachd féin, deich mìle uair ni bu mheasa n' am bàs. Bhitheadh a Thighearna ! ach 's ann a tha mi teachd a' t' ionnsaidh mar pheacach, ach mar pheacach a chreid ann ad Mhac air son maitheanas agus beatha : Tha mi tuiteam sios a' d' lathair mar chiontach bochd truaillidh ; ach rinn thu e-san do d' shluagh 'na ghliocas, na fhìreantachd, na naomhachd, agus na shaorsa, 1 Cor. i. 30. Deonaich dhomh mo chrannchur a bhi am measg luchd-leanmhuinn Iosa ! Buin rium mar bhuineas tu r'a chàirdean agus r'a bhràithrean ! oir tha fhios agad gun do ghràdhaich m' anam e, agus gun d' earb' se e féin gu follaiseach ri tearuinnteachd a shoisgeil. Agus 's aithne dhomh co ann a chreid mi, 2 Tim. i. 12. Faodaidh leomhann ifrinn ionnsaidh a thoirt air uamhann a chuir orm air an aiseag eagalach so : Ach tha aoibhneas orm gu bheil mi an lamhaibh an deagh bhuachaille, Eoin x. 11, 28, agus tha mi dùlanachadh m' uile naimhdean spioradail, le làn-earbs as a chùram tairis. Tha mi togail suas mo shùl agus mo chridhe ris-san a bha mharbh agus a tha beò a rithist, agus feuch tha e beò gu saoghal nan saoghal, agus tha iuchraichean a bhàis agus an ath-shaoghail aige, Taisb. i. 18. A Thighearna bheannaichte tha mi bàs-achadh le d' laimh, agus cha'n 'eil eagal uilc orm a laimh mo Shlànuigheir ! Cha 'n eagal leam am bàs sin a tha air orduchadh dhomh le m' Thriath gràdhach, a dh' fhuilig am bàs e-féin chum a dheanamh tearuinnt' agus sona dhomhsa. Tha mi tighinn, a Thighearna, tha mi teachd ni h-e mhàin le m' thoil, ach le m' làn-thoil aoibhinn. Tha mi toirt buidheachais duit gun do chuimhnich thu orm chum math ; gu bheil thu a' briseadh mo chuibhreach, agus ga m' ghairm gu saorsa glòrmhor

cloinne Dhé, Rom. viii. 21. Tha mi toirt buidheachais duit nach ceadaich thu dhomh fuireach ni 's faide o' d' ghlacaibh; ach an deigh dhomh bhi cho fada bhuat, 's àill leat mo thoirt dachaigh gu buanachadh ann gu bràth.

" Tha mo nadur a' faillinn le sealladh de 'n ghlòir a tha nis a briseadh a stigh orm: Ach tha fios agads' a Thighearna ghràsmhoir, cionnas a leigeas tu a stigh air m' anam e an tomhas riaghailteach, agus do chumhachd a dheanamh foirfe ann am anmhuinneachd, 2 Cor. xii. 9. Aon uair eile, mar an uair dheireannach, dh' amhaircinn sios air an t-saoghal thruaigh so a tha mi dol a dh' fhàgail, agus gu bòidean mo bhais a thaomadh a mach air son a shoirbheachaidh, agus air son t-eaglais ann. Thug mi spéis da, O Thighearna, mar bhall beò de 'n chorp; agus tha spéis agam dheth gus an deo ma, dheireadh. Tha mi guidhe ort, uime sin, gun dion, gu 'n glan, agus gu 'n ceangail thu e an aonachd ni 's mò agus ni's mò! Cuir tuille do d' spiorad beannaichte a nuas air, eadhon spiorad a ghliochais, na naomhachd, agus a ghràidh; gus ann ad' àm iomchaidh gu'm bi am fàsach mar ghàradh an Tighearna, Isa li. 3.; agus gu'm faic gach uile fheoil do shlainte! Luc. iii. 6.

" Agus air mo shonsa giulain mi, O Athair nèamhuidh, air sgiathan do ghràidh mhaireannaich, chum an ionaid chòmhnaidh shìochail, naomha, aoibhinn sin, a dh' ullaich do thròcair dhomh, agus a cheannaich fuil mo Shlanuigheir! Iomchair mi gu làn cho'-thional agus eaglais na cheud-ghin, gu cuideachd do-aireamh de dh-ainglibh, agus gu spioradaibh nam firean air an deanamh foirfe! Eabh. xii. 22, 23. Agus ge b'e ni a dh' fhuiligeas m' fheoil, biodh m' anam bunailteach a air shocrachadh gu taitneach air a ghlòir gus am bheil e a'g éiridh! Cuireadh creideamh obar dheireannach an gniomh air mhodh cliùteach; agus biodh an ùine ro bheag a th' agam r'a bhuileachadh air thalamh air a caitheadh a chum do ghlòir; agus mar 'so deonaich dhomh dol suas le gràdh ann am chridhe, agus le cliù air mo theangaidh a tha nis gun chlì, chum an t-saoghail far am bi gràdh agus moladh iomlan! Gu ma h-e so m' òran deireannach air thalamh, a tha mi dol a sheinn air nèamh: Moladh, agus urram, agus cumhachd, gun robh dhàsan a ta na shuidhe air an rìgh-chaithir, agus do 'n Uan, gu saoghal nan saoghal. *Amen.*"

A' CHRIOCH.